

LIFE & WORK

(GAELIC SUPPLEMENT)

1924 - 1927.

2852(41)05:49163




Presented by

Dr. D. Lamont, 1955.

Dh.7.26.

~~Dg 722~~



Digitized by the Internet Archive
in 2011 with funding from
internet archive



ANN'S A CHATHAIR.

Bho chionn ghoirid thachair dhomh a bhi 'n am shuidhe aig dinneir làimh ri boirionnach làidir fearail nach fhaca mi riamh roimhe, agus bho nach b' urrainn domh smuaineachadh air rud eile air am bruidh-ninn rithe, thug mi tarruing air Tutankamon, agus air bodach na sluasaid a tha a' cladhach na h-uagha aige. Ach cha robh fhios aice air an t-saoghal cò a bha ann an Tutankamon, agus a thuilleadh air sin, bha i caoin-shuarach ged nach robh. Chunnaic mise gu'n do chuir mi mi fhéin ann an crois, agus dh' fheuch mi ri seachas eile fhaotainn, ach sin cha leigeadh i leam, agus b' fheadar dhomh dol troimh sgonn maith de'n naigh-eachd m' an do leig i leam stad. Agus air a' cheann mu dheireadh b'é so a thubhairt i, "B' fheàrr do na daoine ris an abair thusa bodaich na sluasaid fuireach aig an tigh agus na garaidhean-càil aca fhéin a ruamhar leò seach a bhi dol do'n Eiphit a shiubhal chorp is chnàmhan is treathlaich gun fhéum." Bha am boirionnach làidir fearail, is cha robh de mhisnich agam-sa na dheanadh argumaid rithe, ach 'n am shuidhe anns a' chathair so, agus uile mhnathan an t-saoghail air taobh-a-muigh na còmhladh, faodaidh mi saorsa m' inntinn agus mo choguis a ohleachdadh, agus a ràdh gu farumach, nach b' urrainn an t-sluasaid obair eile fhaotainn is aighearaidhe do'n fhear a tha air a cùl, no is buannachdaile do'n t-saoghal, na bhi a' cladhach nan uaghean anns an Eiphit. Tha meas mòr agam-sa air bodaich na sluasaid, agus tha mi a' creidsinn gur airidh an duine a thilgeas aon leus beag soluis air na làithean a dh' aom air barrachd urrainn na ged a thogadh e lan pollaig de bhuntata leis an t-sluasaid. Cha tig mac an duine beò air buntata no currain a mhàin.

Ach ged tha gu leòir anns na paipearan mu Thutankamon cha robh e idir 'n a dhuine cho glie no cho comasach ri 'athair-céile, Akhnaton. B'é Akhnaton aon de iongantasan an t-seann t-saoghail; bha tuigse is breithneachadh aige air cùrsa a' chruthachaidh agus air dìomhaireachd na diadhaidheachd nach 'eil aig mòran dhaoine an diugh fhathast. Bha e fada na bu ghlice na am Morair Birkenhead, oir cha robh e a' creidsinn ann an cogadh. Tha cuid de bhodaich na sluasaid am beachd gur ann bhuaith a fhuair na h-Iudhaich an ceathramh salm thar a chòig fichead. Ach feumaidh mi a ràdh nach 'eil sgoilearan a' Bhiobuill a'

gabhail ris a' bheachd sin, ged tha iad ag aideachadh gu bheil ceangal air chor-eigin eadar an laoidh aig Akhnaton agus salm an t-salmadair. Cha robh an laoidh air a cur riamh ann an Gàidhlig, ach tha e furasda gu leòir dhomh fhéin sin a dheanamh.

LAOIDH AKHNATOIN.

'Tha an saoghal ann an dorchadas mar na mairbh. Thig na leòmhain a mach as a' gharaidh.
(*Salm, civ. 20.*)

'Nuair dh' éireas tu aig bun-bac na speur teichidh an dorchadas; An sin ni iad uile an obair.
(*Salm, civ. 22.*)

Tha na craobhan agus na luibhean fo bhlàth na h-còin ag itealach mu'n lòn agus na caoirich a' leumartaich. (*Salm, civ. 16.*)

Sios is suas seòlaidh na longan . . . leumaidh an t-iasg anns an abhainn ann a'd' làthair; tha do ghathan ann am meadhon a' chuain mhòir.
(*Salm, civ. 25.*)

Cia lìomhor t' oibre uile. Chruthaich thu an talamh a réir do mhian,—daoine, agus beathaichean agus na tha air 'uachdar.
(*Salm, civ. 24.*)

Chuir thu abhainn anns na nèamhan, chum gu'n tigeadh tuithean air na beanntan . . . a dh' uisgeachadh nan achaidhean. Tha abhainn nan speur a chum seirbhis nan coigreach, agus air son beathaichean gach uile thir.
(*Salm, civ. 13.*)

Rinn thu na h-aimsirean éirigh, is deàradh, is luidhe.
(*Salm, civ. 19.*)

Feithidh an saoghal uile air do làimh . . . An uair a dh' éireas tu bidh iad beò; an uair a luidheas tu gheibh iad bàs. (*Salm, civ. 27.*)

Rinn an salmadair an t-salm do Iehobhah, ach b' ann do'n ghréin a rinn Akhnaton an laoidh. Faodaidh e bhith gu robh iad le chéile air an stéidheachadh air laoidh a bu shine, no gu'm b' aithne do shalmadair Israeil an t-seann laoidh so, agus gu'n do ghabh e iasad aisde an uair a bha e a' deanamh na sailm, ach eo dhiù tha iad càirdeach.

Fhuaradh an uaigh aig Akhnaton bho chionn sé bliadhna deug, agus faodar a thopt fhaicinn an diugh ann am Museum. A mach o Mhaois cha robh duine anns an t-seann t-saoghal a ràinig ire cho àrd ann an spioradalachd ri Akhnaton, agus their cuid gu robh e fada air thoiseach air Maois fhéin. Dh' fheuch e ri beachdan a shluagh atharrachadh a thaobh nan diathan d' an robh iad ag aoradh, agus chuir e air chois creideamh ur anns an Eiphit. An àite a bhi ag aoradh do mhòran dhiathan mar a bha 'aithrichean agus a shluagh, dh' àrdaich an duine ud aon dia os cionn nan uile, an dia Aton. Their cuid gur e Aton a' ghriann, ach cha b' ann do'n ghréin a bha Akhnaton

ag aoradh ach do'n Chumhachd neo-fhaics-inneach a tha air a cùl. Nach e sin an Dia d' am bheil Criosduidhean ag aoradh cuid-eachd, ged is aithne dhuinn tuilleadh d'a oibre ann an eachdraidh an t-saoghail na b' aithne do Akhnaton! An uair a chuimhnichear gu robh an duine so beò ceithir cheud deug bliadhna roimh theachd Chrìosd, faodar a thuigsinn gu robh e fada fada air thoiseach air a linn féin. Aig àm anns an robh daoine eile a' smuaineachadh gu robh na diathan coltach riu fhéin, ach a mhàin rud beag na bu mhòtha, ràinig an duine so air an fhirinn, gur spiorad Dia. Dh' iarr e air a shlugh Dia iarraidh, cha 'n ann ann an òbairtean no ann an samhlaidhean, ach am measg nam flùraichean agus nan craobhan, am measg nan eun agus an éisg, ann an toilintean an t-samhraidh agus an t-soluis.

SIOL NA H-EAGLAIS.

Air dha bhi marbh tha e fathast a' labhairt. Eabh. xi, 4.

Tha trì dùthchanna beag ann a chuir an saoghal uile fo fhiachan daibh,—a' Ghréig, agus Canaan, agus Albainn; agus dhiubh sin, is ann ri Albainn a tha na cinnich ag éigheach an diugh, Thigibh thairis agus cuidichibh leinne. An uair a thoisichear air cunntas nan daoine a chaidh a mach le lòchran na Flrinn do dhùthchannan a bha 'n an luidhe ann an dorchadas, gheibhear mòran de na daoine againn féin 'n am measg; Mungo Park is Daibhidh Mac an Léigh; J. C. Paton is Seumas Chalmers; Raibeart Laws is Dòmhnall Friseal; daoine mu'm faodar a ràdh ann an da rìreadh, gu'n do cheannsaich iad rìoghachdan agus gu'n d' oibrich iad fireantachd.

Bu mhaith leam aig toiseach bliadhna eile a' cheud àite air an duilleig so a thoirt do dhuine a chaidh leis an t-soisgeul do thìr chéin. Tha e iomchuidh gu'n deanamaid an dràs d' s a rithist mar a dh' iarr mac Shirach, gu molamaid daoine ainmeil, ach tha sin a' togail na ceiste, Cò iad na daoine as fhiach am moladh? Cha ruig mise leas commandairean airm a mholadh, no daoine mòra na Pàrlamaid, no tighearnan a' mhargaidh, no seòrsa air bith eile a tha daonnan ann am beul agus ann an suilean an t-sluaigh. Cha 'n 'eil dearmad air a dheanamh air an t-seòrsa sin uair air bith, ach tha dearmad air a dheanamh air ar soisgeulaichean ann an tìrean céin, a chionn nach 'eil an obair-san air a deanamh ann am follais an t-saoghail ach ann an uaigneas an fhàsaich. Ach ged nach cluinnear an guth

anns na sràidean, agus ged nach aithne do'n mhòr-chuideachd eadhon an ainmean, sud na daoine a tha ag ullachadh sliغه an Tigh-earna agus a' suidheachadh bunaitean a rìoghachd air thalamh.

Thug Ardrishaig tìodhlac maith do aobhar an t-soisgeil anns an linn so, Seumas Chalmers do na h-eileanan mu dheas, agus Dòmhnall Friseal do Africa. Tha seann chàirdeas eadar na h-iasgaircean agus an soisgeul, càirdeas a tha iasgaircean na dùthcha a' cumail suas fhathast, air chor agus gu robh e freagarrach gu leòir gu'n tìgeadh abstoil á Loch Finn.

Thogadh Seumas Chalmers ann am baile Ionaraora, agus is ann anns an sgoil Shàbaid aig Mghr. Meikle, ministir na h-eaglais U.P., a rinn e suas inntinn gu rachadh e a mach mar shoisgeulaiche. Leugh Mghr. Meikle do'n chloinn litir a bha ann an leabhar na h-eaglais bho shoisgeulaiche ann am Fiji, ag innseadh mu chinneach borb a bhiodh a' mort dhaoine los am feòil itheadh, agus an déidh dha an litir a leughadh thubhairt e riutha. "Co aige a tha fhios nach 'eil balach air chor-eigin an so an diugh a theid a mach leis an t-soisgeul thuca!"

Bhòidich Seumas Chalmers 'n a chridhe gu rachadh esan ann, ach cha d'innis e sin do chàch, oir cha robh fhios aige ciamar a ghabhadh e deanamh. Bha a phàrantan bochd; cha b' urrainn daibh a chur do'n Oil-thigh, is cha robh dòigh aige air a' mhinistrealachd a thoirt a mach. Ach far am bheil an toil làidir agus an cridhe òg is dòchasach, gheibhear dòigh eadhon air na beanntan a charachadh, agus ged a b' fheudar dha faighidinn a chleachdadh, mu dheireadh dh' fhosgail na dorsan roimhe, agus ann an 1866 sheòl e á Lunnainn gu Rarotonga, aon de na h-eileanan anns a' Phacifice.

Cha 'n 'eil cuan air an t-saoghal anns a bheil uiread eileanan ris a' Phacifice mu dheas; eileanan an àigh far am bheil blàths is toradh, gun ghràin gun diù idir annta ach a mhàin na daoine a tha 'g an àiteachadh. Theagamh gur e an t-eilean as fheàrr is aithne do mhuinntir na dùthcha so, *Samoa*, an t-eilean anns an do rinn R. L. Stevenson a dhachaidh ann an deireadh a làithean, agus far an do sgrìobh e cuid de na sgeulachdan gasda a dh' innis Calum na Cròige dha an uair a bha e anns an Ros Mhuileach. Ged nach robh R. L. Stevenson ro thoigheach air ministearan no air eaglaisean bha meas mòr aige air Seumas Chalmers. An déidh dhaibh tachairt air a chéile thall air taobh eile an t-saoghail sgrìobh Stevenson dhachaidh, "Cha b' urrainn do dhuine air an t-saoghal eòlas a chur air Seumas Chalmers

gun ghaol a ghabhail air. Tha gu leòir de fhàilingean ann, coltach ruinn uile, ach tha e *cho mòr ri eaglais*." Ciod a b' fheàrr a b' urrainnear a ràdh mu dhuine air bith na sin, oir tha an eaglais 'n a fianuis air na nithean a tha fìor is urramach is uasal.

Tha mòran dhaoine an dùil nach 'eil dad r'a dheanamh aig soisgeulaichean am measg nan cinneach ach am Biobull a leughadh agus a mhìneachadh dhaihbh. Ach m' an gabh am Biobull a bhi air a leughadh dhaihbh, feumaidh e a bhi air a thionndadh do'n chàin a tha iad a' bruidhinn, agus m' an gabh sin deanamh feumaidh an soisgeulaiche a chàin ionnsachadh. Anns na dùthchannan ud feumaidh an soisgeulaiche fichead ceaird a bhi air a làimh; tha e 'n a mhinistir, 'n a mhaighstir sgoil, 'n a shaor, 'n a ghobhainn, 'n a mharsanta, 'n a bhàillidh, 'n a dhotair. A thuilleadh air innleachdan eile a ghabh Seumas Chalmers air na daoine ud a theagasg thòisich e air paipear-naigheachd a dheanamh air an son le làmban fhéin. Cha robh am paipear-naigheachd mòr gun teagamh, ach bha e mòr gu leòir airson nan droch sgoilearan a bhiodh 'g a leughadh. Theagaisg e na boirionnaich ann am banachas-tighe, agus na firionnaich ann an obair fearainn, ach cha robh e furasda dha leigheas fhaoitainn air son na leisge a bha ceangailte riu.

An déidh dha saothrachadh deich bliadhna ann an Rarotonga chaidh e do Phapua, no mar theirear ris mar is trice, do New Guinea. A mach o Astralia, is e Papua eilean as motha air an t-saoghal; tha e a thri uiread Bhreituinn. Tha aon abhainn ann a tha sé ceud mìle air fad, agus tha an t-eilean uile gu léir cho maith a thaobh side is gruinnd, 's nach robh ann an tìr a' gheallaidh ach fonn bochd làimh ris. Ach bha an sluagh fad air an ais; aig an ìre anns an robh Breatunn an uair a bha ar n-aithrichean a' fuireach anns na coiltean agus a' tighinn beò mar na beathaichean.

Cha robh eòlas aca air an t-saoghal neo-fhaicsinneach ach a mhàin so, gu robh iad a' creidsinn gu robh e làn de dhroch spioradan a dh' fhaodadh cron a dheanamh orra. Ma bha greim de'n loidh a' tighinn ann an druim seann chaillich, is e droch spiorad a bha an sàs innte; ma bha cearc no muc a' faotainn a' bhàis agus gun fughair ris, is e droch spiorad air chor-eigin a bha a' nochdadh a mhìoruin do'n teaghlach. Bho am breith gu am bàs, bha iad fo dhaorsa an eagail; eagal aig aon bhaile roimh bhaile eile; eagal air gach duine roimh a choimhearsnach; agus eagal orra uile roimh na spioradan neo-fhaicsinneach a bha 'g an cuartachadh. Do dhaoine a bha fo bhuidh

eagail mar bha na daoine ud, cha robh e furasda do Sheumas Chalmers creideamh a dhùsgadh 'n an cridheachan ann an Dia tròcaireach is gràdhach. Bha e do-chreidsinn le mòran diubh nach robh Athair nan spioradan a' gabhail thachd ann an cron a dheanamh air cloinn-daoine; theireadh iad nach b' fhiach dha cumhachd a bhi aige mur faodadh e cluich le daoine mar a chluicheas an cat ri luch. Ach a mheud dhiubh 's a chreid an soisgeul, bha iad air an saoradh bho chumhachd an eagail, agus air an saoradh cuideachd bho na droch cleachdanna a bha aig an aithrichean.

B'e an cleachdadh a b' uamhasaiche a bha aca uile gu léir, gu'm biodh iad ag itheadh feòil dhaonda. B' fheàrr leò i na sitheann. A' cheud tigh anns an d' fhuirich Chalmers, gus am biodh tigh dha fhéin air a thogail, bha na ballachan aige air a dheanamh riòmhach le claiginn dhaoine. Cho luath 's a chaidh e air tìr bha sgoth dhiubh mu'n cuairt air, le boghachan is saighdean is sleaghan 'n an làmban, ag iarraidh air a sporan a liubhairt air neo gu'm mortadh iad e. Dh' fheumadh deagh chridhe a bhi aig duine gus a làrach a sheasamh am measg dhaoine de'n t-seòrsa sin, ach bha sin aig Chalmers, agus thubhairt e riu anns an aodann, nach robh eagal no giorag air romhpa. Thubhairt e gu'n d' thàinig e thuca mar charaid le deagh sgeul an t-soisgeil; gu'n d' thàinig e gun armachd cuideachd. Chuir so air an ais iad, oir tha freumh beag de'n uaisle anns a' choguis nàdurra, ged nach biodh a' choguis ach ann an com trusdair.

Uigh ar n-uigh dh' fhàs e eòlach air gné is dòighean nan daoine, agus dh' fhàs iadsan eòlach air an duine gheal. Ach ged a bha an fheadhainn a ghabh ris an t-soisgeal, anabarrach dìleas dha, cho dìleas 's gu'n dìonadh iad e gu bàs, dh' fheumadh e daonnan a bhi 'n a earalas air càch. A h-uile uair a rachadh e do bhaile ùr, bha e a' ruith cunnairt, air chor agus gu'm feumadh e, a là agus a dh' oidhche. Sùil a bhi ann an cùl a chinn. Bha iad uile 'n am meirlich; cha mhòr nach tugadh iad dheth an t-aodach a bha uime. Bha dà ni a bhiodh e a' gleidheadh 'n a phòcannan air son a thoirt daibh, tombaca is salann. Bheireadh iad an leth shùil air crioman tombaca, agus b' fheàrr leò greim salainn na siùcar. Bhiodh diadhairean na h-eaglais a chuir a mach Chalmers do Phapua air uairean a' gearan gu robh e a' cosg tuilleadh 's a chòir de thombaca, ach bha an tombaca 'na mheadhon air gearan-maith a chosnadh dha bho dhaoine nach bu mhaith dha a bhi 'n an eisiomail an uair a bhiodh an Carghus orra. Bha an sluagh borb is fuilteach gun teagamh,

ach bha Chalmers 'n a dhuine cho càirdeil 's gu'n do tharruing e thuige fhéin iad gu h-iongantach. Cha robh fuighair aige gu'm faicteadh mìorbhuilean ann am Papua, no gu'n tàchradh ann ionghnaidhean mar a thachair air là na Caingis; bhiodh e ag ràdh nach robh dòigh eile air na h-eileanan ud a chosnadh do Chrìosd ach an aon dòigh so, teachdairean Chrìosd a bhì nochdadh gràdh is irioslachd am Maighstir 'n am beatha féin. Far am bheil an sìòl sin air a chur bidh fàs is cinneas daonnan.

Ann an 1886 thàinig e air ais do'n dùth-aich so, air iarrtus a' chomuinn a chuir a mach e. Cha robh e fhéin air son tighinn a nall idir, oir bha e an dùil gu robh e air fàs tuilleadh is coltach ris na daoine a bha e 'n am measg, agus gu robh e an déidh modhannan na h-Alba a chall, 'n a bhìadh agus 'n a aodach. Ach bha an Comunn air son cothrom a thoirt dha stad d'a obair fad bliadhna, agus cothrom a thoirt daibh féin seachas a dheanamh ris agus a bheachd fhaotainn air nithean a bhùineadh do abharr an t-soisgeil air feadh an t-saoghail. B'e sud a' bhliadhna gun fhois do Sheumas Chalmers! Air feadh na rìoghachd uile bha na mìltean a bha air son fhaicinn agus a chluinntinn, oir bha iad a' chluinntinn bho chionn bhliadhnanan bho luchd-turuis a thàinig air an ais as na h-eileanan mu dheas mu'n obair a bha an soisgeulaiche so a' deanamh am measg nan cinneach ann am Papua, na doighean neònach a bha aige air an riaghladh, agus an t-ùghdarras a bha aige 'n am measg. B' fheudar dha dol troimh na bailtean mor, a dh' innseadh do dhaoine m'a obair, agus troimh bhailtean beaga cuideachd. Ann an Ionaraora thàinig ochd ceud duine a mach a dh' éisdeachd ris, agus Mac Caillein fhéin air an ceann.

Bha Breatunn a' tagar còir air pàirt de eilean Phapua, agus a thaobh 's gu robh Seumas Chalmers 'n a rìgh beag anns an àite co-dhiu, thairg luchd-comhairle na Pàrlamaid posta dha ann an seirbhis na Banrigh ann am Papua. Ach cha ghabhadh e e; b' fheàrr leis dol air ais mar shoisgeulaiche. Bha e cinnteach nach 'eil rud air an t-saoghal cho cumbachdach gus daoine a thogail as an dorchadas agus as an aineolas ris an t-soisgeul, agus bhiodh e ag ràdh cuideachd, gu'm bu mhaith do Bhreatunn na'n cuireadh i a soisgeulaichean a dh' ionnsuidh nan dùthehannan thall m'an cuireadh i a mach thuca a marsantan, agus a saighdearan, is daoine eile a tha air thòir an fhortain. Cha 'n eil teachdairean an t-soisgeil iomlan na's mò na daoine eile, ach co dhiu cha 'n ann air ghaol buannachd a tha iad a' dol a mach; cha 'n ann a reic uisge-bheatha, no calico

grod, no gunnathan, no opium, ach a thoirt daibh focal na beatha. Eadhon ann am Papua b'e deoch làidir nàmhaid a bu mhiosa a thachair air Seumas Chalmers. Bha uisge-beatha Bhreatuinn air a chur a mach thuca, a chur cuthach anns na h-eanchainnean aca. Gheibh an deoch buaidh daonnan air an duine dhubh, oir tha e cho neo-stuama ri pàisde. Ach cìod a theirear ris an duine gheal a chumas ris an duine dhubh na dh' òlas e, air ghaol na sgillinn!

Na còig bliadhnanan mu dheireadh a bha e thall dh' fhuiling e mòran trioblaid 'n a thigh, agus 'n a bhoidhig, agus 'n a inntinn. Bha a bhean tinn; bha lèinidh is fiabhrus 'ga phianadh fhéin, agus bha an obair trom trom. Bha e a' dol an measg threubhan coimheach, a' feuchainn ri dorsan ùra fhosgladh do'n t-soisgeul, ach bha na treubhan sin fuar is borb ris. Air uairean bhiodh e fhéin agus a bhean dà cheud mìle o'n duine gheal a bu dlùithe dhaibh, air an cuartachadh le daoine as nach b' urrainn daibh earbsa a chur aon mhionaid. Dh' fheumadh e air uairean a shùilean a chumail fosgailte an uair a bhiodh e ag ùrnuigh, air eagal gu'n cuireadh duine de na bha 'ga éisdeachd saighead ann, no gu'm buailteadh tuagh air anns a' cheann.

Ann an 1900 shiùbhail a' bhean; dh' fhàg sin e aonaranach gun chompanach, ach cha b' fhada a bha iad dealaichte, oir bha e fhéin air a mbort an ath bhliadhna. Tha e coltach gu'n deachaidh cuid de na treubhan borb ud ann an co-bheinn, gu'm marbhadh iad na daoine geala; fhuair iad cothrom air Chalmers agus duine eile a bha còmhla ris, agus mbort iad iad. Thug iad an cuir do na mnathan gus am bruich agus an itheadh. Chuir Breatunn long-chogaidh a mach 'g am peanasachadh, agus ann an aon de na bailtean anns an deachaidh na seòladairean air tìr fhuair iad deich mìle claigeann. Baile nam mortairean da rìreadh.

Ach ged tha Seumas Chalmers marbh, tha e fhathast a' labhairt. Tha e a' labhairt ri daoine òga gu sònruichte; agus is e so a tha e ag ràdh riu, nach 'eil seirbhis air an t-saoghal cho urramach ri seirbhis a dheanamh do rìoghachd Dhé, agus gur e na daoine as fhiach am moladh, na daoine a tha toileach cruadal fhulang air sgàth Chrìosd.

An uair a chaidh an naigheachd a mach gu'n do mbortadh e thairg fear de na bha air am iompachadh leis ann an Rarotonga dol do'n bhaile anns an do mharbhadh e, agus a bheatha a chur seachad ann, a chur iompaidh orra aithreachas a dheanamh agus gabhail ris an t-soisgeul. Sin mar tha an eaglais a' fàs, air a togail air fuil nam martarach.



AN DIADHAIDHEACHD FHIORGHLAN.

Is i so an diadhaidheachd fhiorghlan agus neo-shalach ann fanuis Dhé agus an Athar, dilleachdain fhiosrachadh 'n an trioblaid.—Seumas, i 27.

Air là Nollaig anns an eaglais, agus sinn cruinn gu bhì toirt molaidh do 'n Tighearna gu'n do rugadh an leanabh naomh ann am Betlehem, chruinnich sinn suim airgid agus chuir sinn e gus na Tighean-fasgaidh aig Quarrier aig Drochaid-Weir, far a bheil e a' deanamb obair mhòr is iongantach air son cloinne a chaill am pàrantan. An cois na litreach a thàinig air ais thugainn air son ar tabhartais, bha leabhar beag anns a bheil cunntas air a thoirt air obair na h-ìochd a tha dol air aghaidh aig Drochaid-Weir. An raoir fhéin leugh mi an leabhar so, agus bu mhaith leam iomradh a dheanamh air anns an àireamh so, an dòchas gu'n cuidich an fheadhainn sin d'ar luchd-leughaidh as urrainn a dheanamh, agus nach 'eil 'ga dheanamh cheana, an obair Chrìosdail so.

Anns a' bhliadhna 1874 thàinig D. L. Moody a nall do 'n dùthaich so, agus ann an lorg a theachd bha dùsgadh ann an Albainn a dh' ath-bhèothaich na h-eaglaisean uile; dùsgadh a dh' fhàg toradh 'na dhéidh a chithear gus an là an diugh. Tha e air a ràdh gu'n d' thug an dùsgadh sin do'n eaglais Shaoir na foirfich a b' fheàrr a bha riamh aice, agus gur e Moody a shàbhail i o'n tiormachd a bha bagairt oirre an uair a thòisich a ministearan air an sgoilearachd ùr. Biodh sin mar a bhithas e, ach co dhìù b'e 1874 bliadhna na saorsa agus na slàinte ann an Albainn.

An uair a thàinig D. L. Moody do Ghlaschu bha e air a bhioradh 'n a chridhe le seallaidhean a chunnaic e air na sràidean, clann bheag is neul an acrais air an aodainn, gun stiall de'n aodach orra, cas-rùisgte is ceann-rùisgte. Ghairm e coinneamh ach an gabhadh dad deanamb air an son. Am meas nan daoine a chaidh do'n choinneamh sin bha Uilleam Quarrier, duine aig an robh gaol air na leanaban, agus a bha cheana a' deanamb a dhìchill gus cobhair a thoirt daibh. Bho thàinig e gu ìre duine bha e 'na inntinn tòiseachadh air na dilleachdain a theàrnadh le dachaidh ùr a thoirt daibh ann an Tighean-fasgaidh a bhiodh air an togail air an son. Dh' innis e do chàch ciod a bha 'n a inntinn, agus thug iad uile am beannachd dha. Cheannaich e dà fhichead acair de fhearann aig Drochaid-Weir, agus thòisich e air na Tighean-fasgaidh a thogail, a réir mar bha comas aige dol air aghaidh.

Ann am beagan bhliadhnanachan bha deich Tighean aige, agus iad uile làn de chloinn. Ach a h-uile bliadhna bha an obair a' fàs, is bha daoine caomhail eile 'ga chuideachadh cho falaidh 's nach b' fhada gus am b' fheudar dha tuilleadh fearainn a cheannach. Dh' fhàs an aon bheag 'na mìle, agus na deich tighean 'n am baile mòr, oir luathaich an Tighearna an obair 'na thràth. An diugh tha oighreachd bheag aca, sé fichead deug acair air a bheil trì fichead 's a còig deug de thighean, agus còrr air dà mhìle duine annta. A thuilleadh air fasgadh a thoirt do dhilleachdain agus do chloinn eile a tha gun chùl-taice tha na tighean-dèidein so a' gabhail ri truaghain eile, ri daoine air a bheil caitheamh no an tinneas-tuiteamach agus nach h-urrainn an aire a thoirt daibh féin.

Gus an obair mhaith so a chumail air a h-aghaidh tha £70,000 a dhìth orra a h-uile bliadhna, ach ged a tha an t-suim mòr, tha iad a' faotainn an airgid gu réidh, agus cha robh iad riamh ann an ainbheach. Coltach ri Seòras Müller a bha ann am Bristol, agus ri Mairi Slessor a bha 'n a soisgeulaiche ann an Calabar, cha 'n 'eil iad a' gabhail dòigh shònruichte air bith air an airgid so a thrusadh ach a mhàin gu bheil iad 'g a iarraidh air Dia ann an ùrnuigh, agus tha an iarrtas air a thoirt daibh. Tha mòran dhaòine ann nach creid facal dheth so, a shaoileas nach 'eil ann ach faoineas no eadhon ladarnas ar taic a leigeil ri Dia anns an dòigh so agus ar cuisean fhàgail 'n a làmhan. Tha fhios agam glé mhaith nach cuireadh dad a b' urrainn mise a ràdh riu as am beachd iad, agus mar sin cha téid mi ann an argumaid riu, ach is e so aon ni a their mi, nach ann aig na t-anaeideich a tha am fiosrachadh as fheàrr air dòighean is cumhachd an Tighearna ach aca-san a tha cur an uile earbsa ann. "Tha rùn-diòmh-air an Tighearna aca-san d'an eagal e." Duine a tha a chridhe socruichte air Dia, agus 'anam aonaichte is coisrigte d'a sheirbhis, sin agad duine a chuireas beanntan as an rathad le ùrnuigh.

Uile gu léir fhuair còrr is seachd mìle deug de chloinn (17,824) dachaidh bhlàth is oileanachadh diadhaidh anns na Tighean so, agus dhiubh sin bha 6.607 air an cur a mach do Chanada, a dhol air ceann an cosnaidh. Shoirbhich an saoghal gu maith le cuid dhruibh, agus a h-uile bliadhna tha iad a' cuimhneachadh nan Tighean-fasgaidh aig Quarrier, a thog as a' chlàbar iad agus a shocruich an casan air a' charraig. Bho gach dùthaich fo'n ghréin, agus leis gach

posta, tha litrichean de 'n t-seòrsa so a' tighinn gu Drochaid-Weir o dhaoine aig a bheil spiorad Chrìosd 'n an cridhe.

Hankow ann an China.

“Tha mi a' cur thugaibh còig puinnnd Shasunnach le mo bheannachd. Na bithibh aig an dragh fios-freagairt a thoirt do'n làir so, oir cha 'n aithne dhuibh mi agus cha 'n aithne dhomhsa sibhse. Ach chuala mi mu 'n obair a tha sibh a' deanamh as leth na cloinne, agus bu mhaith leam beagan cuideachaidh a dheanamh leibh.”

Is e so obair an Tighearna, da-rìreadh; obair a dh' fhaodas a bhì air a h-ainmeachadh maille ris na h-iongantasan a leughar ann an Gnìomharan nan abastan, toradh an Spioraid Naomh. Tha cuimhne agaibh air an fhacal a thubhairt Lucas ann an toiseach an leabhair sin, “na nithean,” ars' esan, “a thoisich Chrìosd air a dheanamh.” Thòisich obair Chrìosd bho chionn dlùth air dà mhìle bliadhna, ach cha do sguir i fhathast agus cha sguir i gu bràth gus am bi toil Dhé air a deanamh air an talamh mar tha i air a deanamh ann an nèamh. Cha 'n e toil Dhé gu'm biodh pàisdean a' fulang an acrais, ach ciod am meadhon a tha aig Dia air a thoil a chur an gnìomh ach làmhan caomhail is cridheachan fial a shluaigh? “Is mise an fhionain,” arsa Chrìosd, “agus is sibhse na geugan.” Tha am facal sin domhain is brioghmhor, agus tha e a' ciallachadh rud no dhà, ach am measg nithean eile tha e a' ciallachadh so, gur e luchd-leanmhuinn Chrìosd an diugh, ann an da-rìreadh, a làmhan agus a chàsan leis a bheil an Slàn-uirgear a' dol a mach air thurusan na tròcair. Ma tha cridheachan spìocach againne, is làmhan dùinte, is casan mall, nach 'eil sinn a' cumhannachadh tròcair an Tighearna, agus a' cur bacadh air 'obair?

Tha an sean-fhacal ag radh nach cron e ann an duine a bhì fial, agus tha an soisgeul ag ràdh an nì ceudna. Cha toigh le Dia daoine beag cumhann spìocach nach smuainich latha 's a' bhliadhna ach orra fhéin, ach is toigh leis daoine anns a bheil iochd. Tha e féin iochmhor is uasal, agus ghràdh-aich e an saoghal cho mòr 's gu'n d' thug e seachad a Mhac.

Tha iomadh dòigh ann anns am faod duine spiorad na diadhaidheachd a nochdadh, ach cha 'n aithne dhomhsa dòigh as fheàrr na 'n dòigh a chomhairlich an t-abstol Seumas duinn an uair a thubhairt e, “Is e so an diadhaidheachd fhiòrgulan agus neòshalach am fianuis Dhe agus an Athar, dìlleachdain fhiosrachadh 'n an trioblaid.” Ma shoirbhich Dia leat, a leughadair, agus gur h-urrainn duit a dheanamh, cuir do làmh 'n ad phòca agus thoir cuideachadh do na doine a tha cuideachadh nam pàisdean

anns na Tighean-fasgaidh aig Quarrier ann an Drochaid-Weir.

ANNS A CHATHAIR.

Tha mi dol a dh' innseadh dhuibh naigheachd a tha glé neònach, ach air eagal gu'n saoil sibh gur e Calum na Cròige a dh' innis dhomh fhéin i, bu mhaith leam a ràdh nach e idir ach Seònaid Eachainn. Agus cò urrainn as fheàrr na Seònaid?

Theagamh gu bheil cuimhne agaibh gu'n d' innis mi dhuibh an uiridh gu robh an t-Urr. Niall Mac Phàrlain, B.D., air a shuidheachadh ann an Cille-Sgumain. Cha chuala mise riamh e a' searmonachadh, ach bidh mo sheann bhan-charaid, Seònaid Eachainn, ag innseadh dhomh gu bheil e anabarrach cuimseach leis na sean-fhacail, agus gu'm bi e daonnan 'g an uisneachadh anns an t-searmon Ghàidhlig. Air feasgar Sàbaid, aig an àm anns an robh an dùthaich a' taghadh buill na Pàrlamaid, bha e a' searmonachadh air a' cheann-teagaisg, “Bithidh eòlas agaibh air an fhirinn, agus nì an fhirinn saor sibh,” agus am measg nithean eile a thubhairt e, dh' aithris e an rann so,

Tha 'n fhirinn gu cliùteach sona,
Cha chron air duine bhì fial,
'S fheàrr beagan anns an onoir
Na 'n donas is ceithir cheud.

Cò a bha 'n a shuidhe ann an eaglais Chille-Sgumain air an fheasgar ud ach Sir Ioctan Nimrod, sealgair cumhachdach an làthair an Tighearna, agus e air tighinn a nall as an Oban a ghlèidheadh coinnimh ann an Cille-Sgumain, oir bha e ag iarraidh a steach do'n Phàrlamaid.

Bha Sir Ioctan mòran na b' èolaiche air balgairan is cearcan-fraoich na bha e air riaghladh na dùthcha, agus na'n leighteadh leis, b'e Tigh nan Cumantan an t-àite mu dheireadh air thalamh a dh' iarradh e dol ann. B' fheàrr leis aon là a' ruagadh shionnach na mìle là ann an cùirtibh na Pàrlamaid. Ach chuir daoine eile an cinn r'a chéile agus chuir iad romhpa gu'm feumadh Sir Ioctan dol do'n Pharlamaid, a chumail Iompaireachd Bhreatuinn air a casan agus a chumail nam Boiseabhaicean fo smachd. Bha deagh charaid 's a' chiurt aig na daoine sin anns a' mhnaoi aig Sir Ioctan, oir bha a cridhe-se an geall air faotainn do Lunnainn, agus mar sin bha an duine truagh eadar a' bhaobh 's a' bhuarach. Mu dheireadh dh' aontaich e leò, agus ann an ùine ghoird, bha e anns a h-uile paiper naigheachd anns an dùthaich gu robh Sir Ioctan Nimrod a' faireachduinn gu robh na h-amannan cho cunnartach agus cor an luchd-oibre cho cruaidh 's nach b' urrainn da fuireach 'n a thosd. B'e sin an t-aobhar gu robh e a nis 'ga thairgsinn fhéin do Shiorr-

amachd Ràbhasda, ag iarraidh gu'n cuireadh iad suas do'n Phàrlamaid e.

An sin thòisich na cuibhlean air dol mu'n cuairt; anns na paipearan naigheachd, air ballachan nan tighean anns na sràidean, air dorsan eaglaisean is cheàrdach, air craobhan ri taobh an rathaid mhòir, bha dealbh Shir Ioctain air a chrochadh agus a bhuidhnan comasach air an cur an céill. Cha robh fhios aige air an t-saoghal cò a bha deanamh sin; ach eadar luchd-lagha, is luchd-labhairt, is gillean-freasdail, is gillean-ruith, is gillean-gnothuch, is pearsachan eile a bha air son an gob a chur anns a' phoit, mar a chruinnicheas na h-iolairan a dh' ionnsuidh na cosaich, bha réiseamaid de dhaoine beaga a' cur nan cuibhlean mu'n cuairt, agus fiughair aca uile ri pàigheadh. Cha robh aca ach aon phort, Gu ma fada beò an Rìgh! Gu ma fada beò Sir Ioctan!

B' ann air feasgar Diluain a bha a' choinneamh aige ann an Cille-Sgumain. Bha an tigh-sgoil làn; am Bàillidh anns a' chathair agus Tom Eliot r'a ghuailinn. Thuir an Bàillidh gu'm faodadh iad a bhi uasal asda fhéin leithid Shir Ioctan Nimrod fhactainn mar bhall Pàrlamaid air son na Siorramachd, duine aig an robh meas air an fhirinn agus air an onoir, agus ciod eile a bha dhèidh air muinntir na dùthcha so ach firinn is onoir? "Duine air bith," ars' am Bàillidh, "a bheir d'a luchd-dùthcha an fhirinn, agus an fhirinn uife, agus gun dad ach an fhirinn, mar a tha Sir Ioctan a' toirt daibh, sin an duine a dh' fhaodar a bhi cinnteach gu'm bi e air a thaghadh leò."

An uair a sheas Sir Ioctan air beulaobh nan daoine bha choslas air gu'n do chail e a' chainnt. Fad dà mhionaid cha d' thàinig diog as a bheul. Shaoil cuid nach robh e gu maith, agus shìn Tom Eliot do'n Bhaillidh placeaid a bha aige 'n a phòca. Ach cha robh feum air a' phlaceaid; cha robh dad ceàrr air Sir Ioctan; cha robh e ach a' deanamh suas 'inntinn. Tha e coltach nach 'eil e idir cho furasda inntinnean a tha air an oileanach-adh ann an ruagadh na sionnach a dheanamh suas ri inntinnean eile.

B' fheàrr leis nach deachaidh e do'n eaglais an raoir; bho na chual e an rann ud aig Donnacha Loudin chaill e a thlachd anns an dà òraid a dh' ionnsaich e air a theangaidh; bha amharus aige nach robh cùisean na rìoghachd idir cho soilleir 's a bha iad air an deanamh leis an fhear-lagha a rinn iad. Dh' fheuch e ri eaglais Chille-Sgumain a chur a mach as 'inntinn, ach a dh' aindeoin a chridhe bha facal an abstoil Eoin 'g a ruagadh, mar a bhiodh e fhéin a' ruagadh nan sionnach,—*ni an fhirinn saor sibh*—, agus bha Donnacha Loudin 'g a ruagadh cuideachd,

Tha 'n fhirinn gu cliùteach sona,
Cha chron air duine bhi fial;
'S fheàrr beagan anns an onoir
Na 'n donas is ceithir cheud.

Agus a nis bha am fear-cathrach aige fhéin, Baillidh Chille-Sgumain, air taobh nan abstol agus nam bàrd, is tart 'n a anam air son na firinn. "Duine air bith," ars' esan, "a bheir dhuinn an fhirinn, agus an fhirinn uife, agus gun dad ach an fhirinn, sin an duine a thaghar leinn." Fad dà mhionaid bha Sir Ioctan Nimrod ann an iom-chomhairle, ach an sin ghlan e a chliabh agus labhair e.

"A mhuinntir Chille-Sgumain, thug mi an aire gu'n do bhuail sibh uife 'ur basan an uair a thuir an Bàillidh nach 'eil dad eile a dhèidh oirbh ach an fhirinn; sin rud a tha furasda gu leòir dhomhsa a thoirt duibh. Tha eagal orm gu'n d' thubhairt na paipearan-naigheachd gur e cor truagh na dùthcha a tha toirt ormsa seasamh air 'ur beulaobh an dràs, agus gu bheil iad ag ràdh cuideachd gu'm bi Breatunn mòran na's soirbheachaile na tha i ma chuireas sibh mise do'n Phàrlamaid. Ach na biodh dòchas air bith agaibh gu'n téid agam-sa air atharrachadh a dheanamh anns an rìoghachd ged a rachainn do'n Phàrlamaid. A dh' aon ni, cha 'n 'eil fhios agam ciod an t-atharrachadh a tha feumail, agus cha mhò a tha fhios agaibhse, oir cha 'n 'eil annainn le chéile ach daoine aig nach 'eil sgil no eòlas a thaobh riaghladh na rìoghachd. Tha mise a' dol le Mgrh. Stanley Baldwin ann an cùis nan Tariffs, ach air a shon sin, cha 'n 'eil fhios agam c' ar son a tha. Tha daoine eagnaich a chuir seachad am beatha a' feuchainn ri obair nan Tariffs a thuigsinn ag innseadh dhuinn nach 'eil an rud idir soilleir dhaibh, ach cha do chuir mise seachad uair an uair-eadair riamh a meomhrachadh air a chuspair so, agus tha amharus agam nach mò a chuir sibhse. Ciod am feum, mata, a tha ann dhuinn a bhi gabhail feirg mu'n ghnòthuch? Theagamh gu'm biodh e maith do'n dùthaich Tariff a chur air meatagan is brògan; ach air an làimh eile, theagamh nach bitheadh. Co aige a tha fhios? Anns an litir a chuir mi 'g ar n-ionnsuidh an là roimhe thuir mi gur e aon de na rùintean as dlùithe do m' chridhe na Bolseabhaicean a chumail 'n an àite féin, agus cothrom a thoirt do'n duine bhochd. Ach a dh' innseadh na firinn, cha 'n 'eil fhios agam ciod a tha sin a' ciallachadh; cha mhi fhéin a sgrìobh idir e ach am fear-lagha, agus chuir esan anns an litir e a chionn gu'n sealladh e gu maith ann an shùilean na dùthcha, mise a bhi air taobh an duine bhochd agus an aghaidh nam Bolseabhaicean. Ach cò iad na Bolseabhaicean, no ciod an t-ana-cothrom a tha air a dhean-

amh air an duine bhochd, cha 'n aithne dhomh! An aithne dhuibhse! . . . Cha 'n abair mi an còrr. Cha 'n eil annam ach duine a tha aineolach air riaghladh na rìoghachd, agus tha sibhse a cheart cho aineolach rium. Ach dh' iarradh orm seasamh air son Pàrlamaid an dràs, agus ma chuireas sibhse innte mi, theid mi innte gun teagamh, ach na biodh fuighair air bith oirbh gu'n dean mi maith no cron innte. A réir mo bheachd-sa (ged nach 'eil annam ach duine gun sgìl no sgoil) tha iad uile car coltach ri chéile, Tories is Cuigse; agus tha mi làn chinnteach nach éireadh dad ceàrr do'n rìoghachd ged a bhiodh car air a chur anns an iuchair ann an Tigh nan Cumantan, agus e air a dhùnadh fad thrì bliadhna."

An uair a shuidh Sir Ioctan Nimrod, cha robh aon duine anns an éisdeachd a bhuail bas no cas, no a ghlaoidh *Ho-ré*. Bha iad uile mar gu'm biodh iad aig tiodhlacadh; ach bha cuid dhiubh a' sealltainn air Tom Eliot mar gu'm b'ann aige-san a bha choire. Ach a h-uile duine a bheireadh sùil 'n a rathad, chrathadh Tom a cheann, oir bha fhios aige gu maith gur e a' cheist a bha 'n an sùilean, An e an daorach a tha air Sir Ioctan? Is ann anns an tigh-òsda aig Tom Eliot a bha e fuireach, agus le crathadh a chinn bha Tom ag innseadh dhaibh nach robh daorach no daorach air an duine.

A cheart oidhche, thall anns an Oban, bha am fear eile a bha ag iarraidh a steach do Phàrlamaid a' cur nam both dheth ag innseadh do mhuinntir an Obain gu robh Sir Ioctan Nimrod agus a sheòrsa a' feuchainn r' an còraichean a thoirt bhuapa agus tràill-ean a dheanamh dhiubh, ach na 'n seasadh iad air a thaobh-san gu duineil, rachadh e air an ceann gu buaidh no gu bàs! Aon uair 's gu'm faigheadh esan a steach do'n Phàrlamaid bhiodh an obair pailt, am biadh saor, is tigh riòmhach, is croit, air a thoirt do'n h-uile duine air an robh iad a dhìth. Shéid e suas an cinn le geallaidhean mòra is briathran atmhor, ag innseadh dhaibh nach do chruthaich Dia riamh duine cho uasal no cho beusach no cho iomlan ris an fhear-oibre; nach do thachair riamh air daoine cho tuigseach ri muinntir an Obain, agus gu'm b'fheàrr leis muinntir an Obain a bhì air a thaobh seach uile Chollaistean an domhain. "Sin aigibh," ars' esan, "an fhìrinn, agus gun fhacal ach an fhìrinn. An rud a their an t-Oban an diugh abraidh Lunnainn am màireach."

An uair a shuidh e bha fhallus a' taomadh gu làr, ach b' fhiach dha teas a chur ann fhéin leis an iolach a thog an luchd-éisdeachd. Bha iad mar gu'm biodh iad a' faicinn tìr a' gheallaidh cho dlùth dhaibh ri Cearara.

An uair a bha ùpraid an taghaidh

seachad, agus a bha na figearan air an glaothach leis an t-Siorram, b'e so mar a chaidh an cath ann an Ràbhasda,—

Sir Goileab Mac Brosgul, 12,848.

Sir Ioctan Nimrod, 51.

Thug Sir Goileab taing do'n t-Siorram agus do'n t-sluagh uile, agus am measg mòran glòramais eile a thubhairt e riu, thubhairt e gu robh na figearan a' dearbhadh gu soilleir do'n t-saoghal nach leigeadh duine a leas eagal a bhì air nach seasadh a luchd-dùthcha air a thaobh ma bheireadh e dhaibh an rud a bha dhìth orra, "an fhìrinn, an fhìrinn uile, agus gun dad ach an fhìrinn." "Mar Bhreatunnach a' labhairt ri Breatunnaich," ars' ensa, "thug mise an fhìrinn do mhuinntir an Obain agus do mhuinntir Ràbhasda uile, agus thug iadsan dhomhsa —" Cha d' fhuair e am facal a chrìochnachadh leis mar a thòisich na daoine air glaothach *Ho-ré Ho-ré, Gu ma fada beò Sir Goileab*.

An uair a sgaoil am bannal chualas Sir Ioctan a' crònanaich gu toilichte ris fhéin an rann ud aig Donnacha Loudin,

Tha 'n fhìrinn gu cliùteach sona,

Cha chron air duine bhì fial;

'S fheàrr beagan anns an onoir

Na 'n donas is ceithir cheud.

Ghabh Tom Eliot agus am Baillidh an cuthach dearg an uair a ràinig an naigh-eachd Cille-Sgumain nach d' fhuair Sir Ioctan a steach, agus thuir iad nach robh ann am muinntir Ràbhasda ach na cladhair-ean, ach is e a thubhairt mo bhan-charaid, Seònaid Eachainn, gu robh co dhìù aon ionracan ann an Ràbhasda na bu mhotha na bha fìnghair air Abraham fhaotainn ann an Sodom.

Ach mur d' fhuair Sir Ioctan do'n Phàrlamaid le ceithir cheud, rinn an fhìrinn saor e; saor 'n a choguis, agus saor gu rathad fhéin a leantuinn agus na sionnaich a ruagadh.

Tha a' mhòr-chuideachd de dhaoine an t-saogail 'g am mealladh féin, an dùil gu bheil gaol aca air an fhìrinn, ach an àite gaol a bhì aca air an fhìrinn, is e an fhìrinn a' ghlòir as seirbhe leò éisdeachd rithe. Tha an fhìrinn an diugh fhathast far an robh i riamh roimhe, cha 'n ann air mullach nan tighean ach ann an grunn an tobair, agus is annamh duine a dh' aithnicheas i an uair a thachras i orra. Do'n mhòr-chuideachd tha i mar fhreunh á talamh tioram, ach air a shon sin, tha i cliùteach sona, agus bheir i daonnach saorsa dhaibh ann aig a bheil gaol oirre; bheir i saorsa dhaibh ann am fichead dòigh eile a thuilleadh air an dòigh anns an do liubhair i Sir Ioctan Nimrod bho na h-uile a bha bagairt air.



BAS CHRIOSD.

An uair a shoilleirich an latha, Dihaoine, chunnacas Caiaphas agus buill eile na Comhairle a' deanamh air luchairt an Uachdarain, agus Iosa maille riu. Tim-chioll air Iosa bha gearr de cheannardan an teampuil, air eagal gu'n tugadh a chàirdean oidhirp air a leigeil mu réir. Bha muinntir Ierusalem air eirigh aig an àm, agus an uair a chunnaic iad Caiaphas air cheann na cuideachd thuig iad nach bu chùis bheag a bheireadh air an àrd-shagairt gluasad cho tràth, agus mar sin lean mòran dhiubh e gu tigh an Uachdarain, a dh' fhaicinn ciod a bha ceàrr.

An uair a dh' innseadh do Philat, an t-Uachdaran gu robh Caiaphas aig an doras thàinig e a mach anns a' mhionaid, oir bha fhios aige gu robh faighidinn an àrd-shagairt gu maith na bu ghiorra na 'urnuighean.

"Tha prìosanach an so," arsa Caiaphas, "agus bu mhaith leinn gu'n tugadh tu breith air."

"Ciod a rinn e?" arsa Pilat.

"Mur b' fhear droch-bheirt e," arsa Caiaphas, "cha tugamaid thairis dhuitse e: tha daoine againn a bheir fianuis gu'n do labhair e toibheum."

Sheall Pilat air Caiaphas gu clis agus teine 'n a shùil, "C'ar son nach d' thug sibh breith air sibh féin ma's e toibheum a tha sibh a' cur as a leth? Nach 'eil fhios agaibh gu'm faod sibh binn a thoirt a mach ann an cùis de'n t-seòrsa sin? Thoiribh leibh e mata, agus thugaibh breith air a réir ar lagha féin."

"Tha fhios agam gu maith," arsa Caiaphas, "gu'm faod sinn binn a thoirt a mach ach cha 'n 'eil ùghdarras againn duine a chur gu bàs."

Anns a' mhionaid thuig Pilat gu robh an prìosanach a bha m'a choinneamh air a dhìteadh aca cheana, agus bhuaile e 'n a inntinn gu robh an t-àm aige sealltuinn a steach anns a' chùis. Ach cha robh e furasda dha fhaotainn a mach bhupa ciod an cron a bha iad a' cur as a leth. Bha cuid dhiubh ag ràdh sid, is cuid eile ag ràdh so, agus iad uile a' glaochaich aig an aon àm, air chor agus nach robh e furasda do'n Uachdaran fhios a bhi aige ciod a bha e ri rannsachadh.

Mu dheireadh smuainich e gu'm b'e an dòigh a b' fhasa dha am prìosanach fhéin a cheasnachadh. Dh' iarr e orra uile a bhi sàmhach, agus thionndaidh e ri Iosa, "Ciod a tha agad ri ràdh?"

Chrath Iosa a cheann ach cha do labhair e facal.

An uair a chunnaic Caiaphas sin thuir e ri Pilat gu cas frìonach (cha robh gaol an t-samhraidh aca d'a chéile), "Fhuair sinn an duine so a' claothadh a chinnich agus a' bacadh cis a thoirt do Cheasar, ag ràdh gur e féin Crìosd an Rìgh." Cha robh facal de'n fhìrinn anns na thubhairt Caiaphas agus bha fhios aige fhéin 'n a chridhe nach robh. A thaobh cis a thoirt do Cheasar cha d' thubhairt Iosa ach so, "Thoiribh do Cheasar na nithean a bhuineas do Cheasar agus do Dhia na nithean a bhuineas do Dhia"; cha mhò a dh' fheuch e riamh ri ceannairc a dheanamh an aghaidh na Ròimhe no an sluagh fhùdarachadh 'n a h-aghaidh. Bha amharus aig Pilat nach robh Caiaphas ach a' feuchainn ris a' phrìosanach a chur sìos 'n a shùilean, agus mar sin chuir e roimhe gu'n tugadh e cothrom dha e féin a dhìon, gun Caiaphas a bhi idir anns an làthair. Mar sin thug e a steach e leis fhéin, gus ceist no dhà fhoighneachd dheth.

"A bheil thusa ag ràdh," arsa Pilat, "gur tu rìgh nan Iudhach?"

Ach cha do fhreagair Iosa a' cheist.

"C'ar son nach freagair thu?" arsa Pilat. "Nach eil fhios agad gu bheil comas agam-sa do chur gu bàs no do leigeil as."

"Cha bhiodh comas air bith agad thairis ormsa," fhreagair Iosa, "mur biodh e air a thoirt dhuit le m' athair."

"A bheil an rud a tha do luchd-dùthcha a' cur as do leth fìor, gu bheil thu a' gabhail ort gur Rìgh thu?"

"Tha thusa agus iadsan ag ràdh sin," fhreagair Iosa, "ach cha 'n 'eil rioghachd agam-sa a bhuineas do'n t-saoghal so. Rugadh mi a chum gu'n tugainn fianuis air taobh na fìrinn, agus gach neach d'an aithne an fhìrinn agus aig a bheil gaol air an fhìrinn is ann de mo rioghachd-sa e."

"An fhìrinn!" arsa Pilat, "Ciod i an fhìrinn?" "Cò is urrainn a radh?"

'Na inntinn fhéin bha e cinnteach nach robh ann an Iosa ach duine gun ghò, duine a bha feuchainn ri cnothan a chagnadh nach gabhadh cagnadh, agus thuir e ri Caiaphas agus ris na sagartan eile agus ris an t-sluagh uile. "Cha léir dhomhsa cron air bith anns an duine."

Chuir sin an cuthach dearg orra agus thòisich a' ghràisg a bha air cùlaobh nan sagartan air glaothach agus air magadh air Pilat, ach thog Caiaphas a làmh agus chuir e stad orra.

"A bheil fhios agad," arsa esan ri Pilat, "nach e idir duine gun ghò a tha agad ach duine cunnartach, duine a tha nis air tòis-

eachadh ann an Iudea air a' cheart obair a bha aige ann an Galile, a' togail ceannairc am measg dhaoine."

"Ann an Galile," arsa Pilat, "an ann do Ghalile a bhuneas e?"

"S ann," arsa Caiaphas, "tha e á Nasaret."

"Ma tha sin mar sin," arsa Pilat, "cuiridh sinn gu Herod e, oir is ann aige-san a tha còir air breith a thoirt air, agus cha 'n ann agam-sa."

Bha Pilat toilichte gu'n d' fhosgail an dorus so roimhe agus gu'n d' fhuair e dòigh air Iosa fhaotainn as a làmh an oir cha robh tlachd air bith aige a bhi 'na bhritheamh anns a' chùis. Bha fhios aige nach do rinn Iosa dad a bha toilteanach air bàs, ach bha fhios aige cuideachd gu robh inntinn an àrd-shagairt air a deanamh suas cheana gu'n cuirteadh gu bàs e, agus b' aithne do Pilat dannarrachd Caiaphais gu maith. A thuilleadh air sin, chuir a bhean 'na earalas e, ag ràdh ris, "Na biodh gnòthuch agad-sa ris an duine ionraic so." Cha bu leasg le Pilat, mata, Iosa a liubhairt do Herod, an uair a fhuair e an cothrom.

* * * * *

B'e sin, "uan ann an garaidh na leòmh-ainn" Iosa a bhi 'n a sheasamh air beulaobh Herod, diù nan trusdar; am fiath-bheathach a mhort am Baisteach agus a chaill a nàire le struidhealachd. Uair-eigin a dh' innis iad do Iosa gu robh toil aig Herod a mharbhadh thubhairt e, "Rachaibh agus innsibh do'n t-sionnach sin, Feuch ata mi a' deanamh leigheas an diugh, agus am màireach, agus air an treas là bidh mi air mo dheanamh foirfe; gidheadh is éigin domh imeachd an diugh agus am màireach agus an là 'n a dhéidh sin, oir cha 'n fhaod e bhith gu'n cuirear fàidh gu bàs a mach a Ierusalem."

Agus a nis bha Iosa agus Herod aghaidh ri aghaidh ann an Ierusalem! Lean na sagartan, agus ceannardan an teampuill, agus na saighdearan, agus mòran de 'n t-sluagh, gu sònruichte de 'n ghràisg,—lean iad Iosa gus an tigh anns an robh Herod a' fuireach. Dh' fhoighneachd Herod sid is so de'n phrìosanach, an dòchas gu'n tugadh e air rud iongantach air chor-eigin a dheanamh mar a chual e a bhiodh e a' deanamh ann an Galile, ach cha d' fhosgail Iosa a bheul. Cha bhiodh ann dha ach a bhi cur neamhnaidean air beulaobh muice. An uair a dh' fhairtlich air Herod an dibhearsoin a bu mhaith leis fhaotainn as, thòisich e air dibhearsoin dha fhéin; fhuair e té de na seann fhalluinnan aige fhéin agus dh' iarr e air fear de na saighdearan a cur mu ghuaillan Iosa, los gu'm

biodh coslas Rìgh air. Anns an éideadh sin chuir e air ais gu Pilat e.

* * * * *

Shaoil Pilat gu'n d' fhuair e as a ghlais, ach a nis bha am prìosanach m'a choinneamh a ris, agus an sluagh ag iarraidh fhala. Sheas e air beulaobh an doruis agus sméid e ris an sagartan agus ri buill na comhairle, a' feuchainn ri ciall a chur orra agus Iosa a shàbhaladh o'n t-sluagh. "Thug sibh a' m' ionnsuidh-sa an duine so," ars' esan, "mar neach a tha tionndadh an t-sluaigh a thaoibh, ach air dhomb a cheasnachadh ann bhur làthair cha d' fhuair mi coire air bith ann a thaobh nan nithean sin mu'm bheil sibh a' deanamh casaid air; chuir mi a dh' ionnsuidh Herod e agus cha mhò a fhuair esan coire ann; cha do rinneadh ni air bith leis toiltinneach air bàs."

Na'n do rinn Pilat mar bu chòir do bhritheamh ceart a dheanamh, leig e Iosa mu réir, ach bha eagal air roimh Caiaphas agus bha e air son an sluagh a thoileachadh, agus is e a thubhairt e, "Smachdaichaidh mi e agus leigidh mi as e."

Ach le ràn uamhasach ghlaoidh an sluagh, "Cha leig thu as e; ma leigeas tu as gin idir leig as Barabbas."

"Barabbas," arsa Pilat, "an e gu'm bu mhaith leibh feur-reubainn a leigeil as agus duine neochiontach a cheusadh?"

Bha an sluagh air deirge a' chuthaich, mar gu'm biodh coin is àileadh na fala 'n an cuinnleinan, agus ghlaoidh i a ris, "Ceus e, ceus e, is thoir dhuinn Barabbas."

Ach bha Pilat 'n a dhuine dannarra cho mhaith ri Caiaphas fhéin; dh' fhuirich e greis bheag gus an do stad iad de ghlaodhaich agus an sin thuir e riu, "An ceus mi bhur Rìgh?"

Chuir so am bàinidh uile orra agus fhreagair iad, "Cha 'n 'eil rìgh againn ach Ceasar."

Am feadh 's a bha so uile a' tachairt bha Iosa ag ùrnuigh 'n a chridhe ri Dia, is briathran an t-Salmadair air tighinn thuige mar a thàinig iad thuige a ris agus a chorp sìnte air a' chran, "Chuartich mòran tharbh mi; dh' iadh tairbh làidir Bhàsain umam, tha mo chridhe mar chéir air leaghadh am meadhon mo chuim." Bha e sgith oir bha e air a chasan o'n dé, air iomain a null 's a nall, agus an fhuil air cruadhachadh air 'aodann. Co dhiu is ann a chionn gu robh a chridhe goirt air a shon, no a chionn gu robh e air son magadh a dheanamh air na h-Iudhaich, shìn Pilat a chorrage air agus thubhairt e ris an t-sluagh, "Feuch bhur rìgh."

Ach bu mhòid a ghlaoidh iadsan, "Beir uainn e, beir uainn e; ceus e, ceus e."

An sin thionndaidh Pilat air a shàil gus a làmhan a nigheadh, agus an déidh dha sin a dheanamh thuirte e riu, “Tha mise neo-chiontach de fhuil an duine ionraic so; deanaibh-se ’ur roghainn ris.”

“Biodh fhuil oirne agus air ar cloinn,” fhreagair iad.

Fhuair na h-Iudhaich an guidhe. Bha, agus tha fhathast, fuil mhic Dhe air a’ chinn-each ud. M’an deachaidh mòran bhliadh-nachan seachad bha am baile naomh Ierusalem air a leagail gu làr, agus o’n latha sin gus an diugh tha na h-Iudhaich ’n an daoine gun dùthaich gun dachaidh, agus làmhan nan uile chinneach ’n an aghaidh.

Ach cha robh e cho furasda do Philat a chionta a dhubhadh a mach ’s a bha e dha a làmhan a nigheadh. Bha fuil an t-Slànuighir air a làmhan salach, agus cha robh siabann no cungaidh air an t-saoghal a dheanadh geal iad, oir is e a làmhan a sheulaich binn a bhàis.

* * * * *

Gus nach biodh dad gun deanamh a mheudaicheadh nàire is masladh is fulangas an t-Slànuighir bha e air a sgiùrsadh m’ an deachaidh a cheusadh. Leth-rùisgte, bha e air a cheangal ri posta, agus air a bhualadh gus an robh fheòil air a reubadh, agus fhuil is fhallus a’ taomadh gu làr. Agus mar nach bu leòir sin, thòisich na saighdearan air magadh air, ’g a uidheamachadh ann an riochd rìgh. Fhuair fear dhiubh falluinn sgàrlaid agus chuir e air i; rinn fear eile crùn de dhroighinn agus chuir e air a cheann e, agus chuir fear eile bata ’n a làimh mar shlat-shuaicheantais. An uair a chuir iad ’n a éideadh e rinn iad am beic dha gu magail, ach an ath mhionaid, bhuaill fear an déidh fir dhiubh buille air anns an aodann, agus ged is duilich e r’a chreidsinn agus is nàrach e r’a radh, thilg iad smugaidean air. Ach cha d’ fhosgail esan a bheul. Thugadh e mar uan a chum a chasgraidh agus mar chaora a bhios balbh an làthair an luchd-lomairt mar sin cha d’ fhosgail e a bheul, ach a mhàin ann an ùrnuigh, “Athair thoir maithneas dhaibh oir cha ’n ’eil fhios aca ciod a tha iad a deanamh.”

Ann an aon seadh bha fhios aig a h-uile duine aig an robh làmh ann am bàs Iosa gu robh iad a’ deanamh na h-eucoir. Bha fhios aig Caiaphas; bha fhios aig Pilat; bha fhios aig Iudas; bha fhios aig na saighdearan a chur an crùn droighinn air a cheann gu robh iad a’ deanamh rud maslach. Ach ged a bha fhios aca gu robh an rud a rinn iad maslach, cha robh fhios aca cho freagarrach ’s a bha an crùn d’a cheann naomh-san. Oir ged a bha maise is gràs Iosa air fholach orra, bu Rìgh esan da-

rìreadh, Rìgh na Glòire, agus Tighearna nan Tighearnan. Agus am measg nan crùintean a bha riamh air an cur air ceann duine cha ’n ’eil aon eile an diugh d’ am bheiltear a’ toirt urram is gràdh is dilseachd cho mòr ’s a thatar a’ toirt do’n chrùn droighinn so. Tha e na’s luachmhoire na’n t-or is rìomhaiche dath.

Tha ’n Ceann bha crùinte le droighinn cruaidh

Nis cuairtiche le glòir;

’S tha coron-rìgh is rìomhach snuadh

Mu’n bhathais bhuaidhaich, mhòir.

COMUNN NAN CAIRDEAN.

Ann an eaglais Chrìosd air thalamh tha iomadh seòrsa dhaoine ach ’nam measg uile cha ’n ’eil seòrsa idir air a bheil coslas na h-irioslachd agus na diadhaidheachd cho soilleir ’s a tha e air na daoine sin ris an abair an saoghal na Quakers ach ris an abair iad fein Comunn nan Càirdean. Cha ’n ’eil iad lionmhor, ach air a shon sin tha iad cumhachdach anns a h-uile dùthaich anns a bheil iad, na’s cumhachdaiche na eaglaisean eile a tha fhichead uiread riu. Bheir luchd-riaghlaidh an t-saoghail géill do na Quakers an uair nach éisd iad ri Comuinn Chrìosdail eile, agus is e an t-aobhar air sin gu bheil fhios aca gu maith gu bheil na Quakers daonnan dìleas is seasmhach ’n an aidmheil, agus nach lùb iad an glùn ann an teampull Rimmoin.

B’e athair a’ chomuinn so Seòras Fox, Sasunnach a rugadh ann an 1624. An uair a bha e mu naoi bliadhna deug thàinig e fo bhuaidh an t-soisgeil. Dh’ fhàg e a dhachaidh agus a chàirdean mar a rinn Eòin a’ Bhaistidh, ag iarraidh an t-soluis ann an uaigneas agus co-chomuinn ri Dia. An ceann greis thòisich e air searmonachadh, agus ’na shearmonachadh labhair e cho làidir ri Eoin fhéin an aghaidh dhaoine agus bheachdan nach robh a’ còrdadh ris, gus mu dheireadh an do chuireadh anns a’ phriosan e. Cha bu toigh leis sagartan, no luchd-lagha, no saighdearan, oir bha e de’n bheachd gu robh an obair aca calg-dhìreach an aghaidh prionnsipalan an t-soisgeil. Thug e oibheum dhaibh sin, agus do iomadh neach eile aig an robh làmh ann an nithean a bha e a’ dìteadh, air chor agus gu robh e air a ruagadh o mhòd gu mòd, agus o phriosan gu prìosan. Ach cha b’ urrainn da fuir-each sàmhach.

Sin, mata, an duine a chuir air chois Comunn nan Càirdean agus gus an là an diugh is ann ri teagasg Sheòrais Fox a tha

iad a' leantuinn, ged a dh' fhaodas rud beag de atharrachadh a bhi air a dheanamh air a theagas ann am puing no dhà. Am measg na feadhach a b' ainmeile d'a dheisciobuil faodar iad so a chunntas, Uilleam Penn, Ealasaid Fry, is Iain Bright.

A thaobh litir a' chreidimh theagamh nach 'eil dealachadh mòr air bith eadar na Quakers agus Criosdudhean eile, ach a thaobh spiorad am beatha agus an giùlan anns an t-saoghal, tha iad comharraichte am measg chàich, agus faodar a ràdh cuideachd gu bheil iad a' leantuinn ann an ceumanna nan abstol na's dlùithe na eaglaisean eile.

Tha iad a' cur cudthrom mòr air an fhìrinn so, gu'n do chuir Dia, tre Iosa Criosd a mhac, solus ann an anam an duine, solus a nochdas dha ciod a tha Dia ag iarraidh air a dheanamh, agus a bheir dha neart gus aitheant an Dhé a choinhead. Tha iad a' stéidheachadh an teagaisg so air briathran an abstoil Eoin a tha ag ràdh gur e Criosd *beatha* agus *solus* dhaoine; an *solus fìor*; an *solus a tha soillseachadh gach uile dhuine a thig a steach do'n t-saoghal*. Tha an solus so ann an anam a h-uile duine, ach is e mhàin iadsan a tha leantuinn an t-soluis a tha 'n an eoinn do Dhia. A mheud agus nach 'eil a' gluasad a réir an t-soluis, cha bhui iad do Dhia, ged a dh' fhaodas iad a bhi 'n an luchd-aideachaidh. Ged tha an solus so ann an anam an duine cha 'n ann o'n duine fhéin a tha e ach o Dhia; thàinig an solus ó Dhia agus bheir e dhachaidh gu Dia a mheud agus a bhios 'ga leantuinn.

Cha 'n 'eil iad a' creidsinn gu bheil feum aig ministearan air sgoil no sgoilearachd. Tha iad a' cumail a mach nach 'eil e a réir nan sgrìobtur an bh' a' cur oileanaich òga do Chollaistean a dh' ionnsachadh Gréigis no Eabhra, no a dh' ionnsachadh ùrnuigh no searmon a dheanamh. Mar sin cha 'n 'eil ministearan aca mar a tha aig eaglaisean eile, ach daoine a thòisich air searmonachadh as an cinn agus an comhairle fhéin, a chionn gu robh iad a' faireachduinn gu robh iad air an gairm leis an Spiorad Naomh.

Tha iad a' creidsinn gur e saor thiodhlac o Dhia a tha anns na gibhtean a tha deanamh duine comasach air searmonachadh, agus gur còir do gach duine a fhuair na gibhtean sin an cleachdadh gu saor ann an seirbhis a bhràithrean. Cha 'n 'eil iad a' toirt pàigheadh air bith do dhuine a thòisicheas air searmonachadh, ach coltach ris na h-abstoil, gheibh e aogheachd is cuid na h-oidheche ann an àite air bith an téid e.

Anns na coinneamhan a bhios aca cha 'n 'eil iad a' leantuinn foirm ùrnuigh no aoraidh mar a gheibhear anns na h-eaglaisean againne. Tha iad daonna a' leantuinn an

t-soluis, a' labhairt no a' fantuinn sàmhach a réir mar tha iad air an seòladh leis an Spiorad Naomh. Tha iad a' ceadachadh do mhnathan labhairt cho mhaith ris na fir.

Cha 'n 'eil iad a' frithealadh sàramaid a' Bhaistidh no Suipear an Tighearna mar tha Criosdudhean eile. Tha iad a' cumail a mach nach 'eil ann am baisteadh le uisge ach cleachdadh Iudhach, rud o'n taobh a muigh anns nach 'eil éifeachd air bith. Tha iad a' teagasg gur e baisteadh *spioradail* a tha air òrduchadh do chreidmich, cha 'n ann o'n leth a muigh ach o'n leth a stigh, agus mar urrainn air an teagasg sin, bheir iad dhuit na briathran a labhair Eoin a' Bhaistidh fhéin, "Tha mise 'g'ur baisteadh le uisge, ach tha neach a' teachd a'm' dhéidh a bhaistean sibh leis an Spiorad Naomh agus le teine."

Cha 'n 'eil iad a' creidsinn ann a bhi toirt meas do phearsa seach a chéile, oir tha iad a' cumail a mach gu bheil a' bheic dlùth do'n bhrosgul, is gu bheil am brosgul dlùth do'n pheacadh. Do sheann aois agus do dhaoine a tha comharraichte air son diadhaidheachd bheir iad dhiubh an còmhcad-cinn, ach cha 'n 'eil iad a' creidsinn ann a bhi toirt urram do mhaithean an t-saoghail nach toir iad do bhochdan an t-saoghail.

A thaobh cogaidh, tha iad fada air thòiseach air a' chòrr de'n t-saoghal, oir tha iad a' seasamh gu daingean air a' bhonn so, gu bheil e an aghaidh prionnsipalan an t-soisgeil. Glé bhitheanta tha eaglaisean eile a' beannachadh cogaidh, ach tha Comunn nan Càird-ean daonna 'g a mhallachadh. Is iad an aon seòrsa dhaoine d' an tugadh muinntir an airm géill, an àm a' chogaidh mu dheireadh, an uair a thigeadh iad air beulaobh cùirte, a' tagar gu robh reusan coguiseach aca an aghaidh dol do'n arm. Ann an làithean na sìthe tha iad a' togail am fianuis an aghaidh an uile so a cheart cho mhaith 's a tha iad ann an àm cogaidh.

Is iad cuideachd a 'cheud eaglais a thòisich air cor nan tràillea a thagar, ag iarraidh saorsa a thoirt daibh.

Tha iad a' creidsinn ann an simplidheachd anns na h-uile nithean; cha toigh leò aodach rìomhach, no biadh sòghmhor, no mòran bhriathran; is e am miann dol troimh an t-saoghal gu h-iriosal sàmhach, a' deanamh toil Dhé ann an uaigneas. Cha 'n 'eil iarraidh aca air ainm no urram fhaotainn o dhaoine, agus cha chluinnear iad a' togail an guth anns na sràidean.

Tha iad anabarrach maith d' am bochdan fhéin, agus maith d' an coimhearsnachd uile ged nach buineadh iad d'an Comunn, oir tha iad daonna a' feuchainn ri cleachdanna nan abstol a leantuinn.



MARAH AGUS ELIM.

Agus an uair a thàinig iad gu Marah, cha b' urrainn iad uisgeachan Mharah òl, oir bha iad searbh; uime sin thugadh Marah mar ainm air. . . Agus thàinig iad gu Elim far an robh dà thobar dheug uisge, agus deich agus trì fichead craobh phailme; agus champ-aich iad an sin làimh ris na h-uisgeachan. *Escodus xv, 23-27.*

Na'n do rinn clann Israeil air tìr a' gheallaidh lom is dìreach an déidh dhaibh an Eiphit fhàgail, rachadh aca air a ruighinn ann am beagan sheachduinnean. Ach ghabh iad dà fhichead bliadhna air an turus. Cha' b' ann gun aobhar a sheachain iad an t-slighe ghoirid, "Cha do threòraich Dia iad air slighe tìre nam Philisteach, ged a bha i am fagus; oir thubhairt Dia, Air eagal gu'm bì aithreachas air an t-sluagh an uair a chi iad cogadh, agus gu'm pill iad do'n Eiphit." (*Escodus, xiii, 17.*) Bha na Philistich 'n an sluagh borb, air an cleachdadh ri airm iom-char; agus bha e glic do Mhaois an seachnadh oir bha spiorad chloinn Israeil air a bhriseadh gu buileach leis an làmhachas-làidir a rinneadh orra le Pharaoh, air chor agus nach seasadh iad an làrach ri aghaidh nàmhaid ùr. Air an aobhar sin threòraich Dia an sluagh mu'n cuairt air slighe fàsaich na Mara Ruaidhe, a' taghadh an rathaidd dhaibh a réir an neirt. Bha e 'n a dheuchainn air an faighidinn na bliadnahan ud a chur seachad anns an fhàsach; ach b'e an rathad fada an rathad a bu ghiorra dhachaidh air a shon sin. Ged a bha an t-slighe fadalach, thug i steach iad mu dheireadh do thìr a bha a' sruthadh le bainne is mil. Tha daoine an diugh fhathast a' faotainn a mach 'n am beatha féin a' cheart ni a tha air a theagasg dhuinn le eachdraidh chloinn Israeil, gur fheàrr an rathad fada glan na 'n rathad ghoirid salach. Tha sinn uile ag iarraidh tìr a' gheallaidh air chor-eigin. Saoibhreas, toil-inntinn, inbhe shaoghalta, eòlas, sonas, — is iad sin am bainne agus a' mhil air a bheil a' mhòr-chuideachd an tòir. Cha 'n abair sinn gu bheil e càrr do dhaoine na nithean sin a chumail fa chombair an sùl; ach seachnadh iad an t-atg-ghoirid salach thuca agus gabhadh iad an rathad glan. "Tha slighe ann a shaoilear dìreach le duine, ach is e a crìoch shlighean a' bhàis." An uair a ni daoine cabhag gu bhì beartach, gabhadh iad glé bhitheanta athghoirid salach a bheil a steach iad do thìr a' bhàis an àite tìr an t-sonais a bha iad ag iarraidh. Cha ruig duine a leas dùil a bhì aige gu'm bì beann-

achd is dìon Dhé thairis air ma tha e a' gluasad air sligheannan nach do cheadaich Dia; ma chuireas e roimhe a cheann-uidhe a ruighinn le eucoir is innleachdan is breugan.

An uair a shaoir Dia clann Israeil o làimh Pharaoh agus a chaidh iad air cheann na slighe gu Canaan sheinn iad òran-molaidh dha, ach m' an do ràinig iad Marah cha robh ceòl 'n an cridhe no 'n am beul. Shaoil iad gu robh làithean an sàruchaidh seachad agus chuir iad an aghaidh air an t-slighe mar chuideachd a' cumail latha féille. Ach an uair a chunnaic iad nach robh an t-slighe cho furasda 's a shaoil iad, 's a thòisich iad air fannachadh le pathadh is teas an fhàsaich, rinn iad gearan an aghaidh Mhaois, ag ràdh ris gu'm b' fheàrr dhaibh daorsa na h-Eiphit seach bàs fhagail anns an fhàsach. "Agus dh' éigh esan ri Iehobhah, agus nochd Iehobhah fiodh dha, agus thilg e anns na h-uisgeachan e, agus rinneadh na h-uisgeachan milis." Tha e air a ràdh le daoine a bha thall 's a chunnaic e gu bheil seòrsa craoibhe a' fàs gu nàdurra anns a' chearn ud de Arabia aig a bheil a' bhuaidh so air uisge. an uair a thilgear sguinn dhì ann; agus ma tha sin fìor, cha do thachair miorbuil air bith aig Marah ach a mhàin gu robh Maois air a sheòladh le Dia gus éifeachd na craoibhe so fhaotainn a mach. Tha facal an Tighearna ag ràdh, "Treòraichid e na daoine ciùin ann am breitheanas," (*Salm xxv, 9*;) agus aig iomadh àm 'n a bheatha dhearbh Maois air a shon fhéin gu bheil an gealladh so fìor; gu bheil Dia a' toirt soilleireachd inntinn cho mhaith ri beannachdan spioradail dhaibhsan a chuireas an comhairle ris agus a dh' aidicheas e 'n an uile shlighean. Dh' aidich Maois Dia 'na uile shlighean. Air gach duilleag de 'n eachdraidh so leughar na briathran, "Dh' eigh Maois ri Iehobhah." Anns gach duileadas is cunnart a thachair air dh' iarr e solus is còmhnaidh o Dhia. Thug e gach cùis thuige ann an ùrnuig, agus thug Dia freagairt dha. Bheil Dia gu cinnteach solus do'n duine a dh' éigheas ris gu dùrachdach an uair a tha e ann an iom-chombairle, agus a bu mhaith leis seòladh fhaotainn. Cuiridh e mach thuige a sholus agus fhìrinn.

Cha d' fhàg Dia a shluagh ann am Marah ag òl an uisge a bha searbh; threòraich e air an aghaidh iad gu Elim far an robh dà thobar dheug uisge agus deich agus trì fichead craobh phailme; agus champaich iad an sin. Bha Elim do 'n luchd-turuis sgìth mar ghàrradh an Tighearna ann am meadhon an fhàsaich; dh' aiseigeadh am beatha agus am misneach air ais dhaibh an uair a chaisg iad

an ìotadh aig fhuarain, agus a fhuair iad fàsadh bho 'n teas fo sgàile nan craobh. Ann a bhi mìneachadh an t-Seann Tiomnaidh cha téid sinn fada ceàrr ma leanas sinn an t-abstol Pol, agus tha Pol ag ràdh (1 Cor. 10) gu'n do thachair na nithean ud do chloinn Israeil mar eiseimpleir dhuinne. Faodar an imeachd anns an fhàsach a ghabhail mar shamhladh air beatha mhic an duine agus air turas a' Chrìosduidh anns an t-saoghal. Tha Marah air chor-eigin ann am beatha gach duine, fiosrachadh no freasdal a tha searbh. Cha 'n 'eil e sòlasach a bhi 'g òl uisgeachan searbh, ach ann an dòighean iongantach ni Dia milis iad d'a shluagh. "Tha smachdachadh, am feadh a tha e làthair, doilgheasach: gidheadh, 'na dhéidh sin bheir e mach toradh sìochail na fireantachd dhaibhsan a bha air an cleachdadh leis." Léighsidh feartan diomhair Dhé an crìdhe leònte, agus cuiridh e òran nuadh ann am beul an dream a bha ri caoidh.

An déidh Mharah tha Elim, agus treòraichidh am Buachaille Maith a chaoiraich làimh ri tobraichean fionnar agus ann an cluaintean gorma. Ma dhearbhas Dia a shluagh ann am Marah, ùraichidh e an neart agus an dòchas ann an Elim; agus ni e am fàsach coimheach dhaibh 'na àite tobraichean. Ann an turas a' Chrìosduidh air thalamh bheir an t-slighe e troimh ghleann Bhaca agus gu Beinn a' Chruadail, ach tha Elim air an cùl, agus an uair a ruigeas e na tobraichean fionnar agus na craobhan pailme cha bhi cuimhne aige air deacaireachd na slighe na's mò.

AN T-SRONBHUIDHE.

Am measg nam ministearan a bha ann an eaglais na h-Alba anns an linn mu dheireadh cha robh duine eile a bu ghasda agus a bu chòire na SEUMAS CAMSHRON LEES, K.C.V.O., D.D., LL.D., a bha anns an Eaglais Ard, an Dunéideann. Bha meas mòr aig an dùthaich uile air; bha meas aig rìghrean is prionnsachan air (oir bha e 'n a charaid dlùth aig a' bhanrigh Victoria, agus aig Rìgh Eideard, agus aig Rìgh Deorsa) ach bha a' cheart uiread meas aig luchd-oibre agus daoine bochd air. Am measg muinntir na h-eaglais Shaoir bha e cho measail 's a bha e aig a' choimhthional fhéin, oir bha inntinn is crìdhe farsuing aige, gun chumhannachd air bith ann.

Ged nach robh e a' searmonachadh Gàidhlig mu dheireadh, bha Gàidhlig aige agus is ann ann an sgìreachd Ghàidhealach a thòisich e an toiseach. Ach b' aithne dha a' Ghàidhealtachd agus muinntir na Gàidheal-

tachd mar nach b' aithne do mhòran, agus b' aithne dha cuideachd naigheachdan aighearach innseadh umpa na b' fhèarr na duine eile a chuala mise riamh. A h-uile samhradh bhiodh e a' dol a dh' iasgach do àite air chor-eigin; am bliadhna do Mhuile, bliadhna eile do Ghleann Garaidh, an ath bhliadhna do Chataibh; agus air na turusan sin bhiodh daoine neònach a' tachairt air, a chumadh naigheachdan ris fad a' gheamhraidh. Chuir e a mach leabhar no dhà a tha anabarrach éibhinn; an raoir fhéin bha mi a' leughadh fear dhiubh sin agus bu mhaith leam cuid de sheanchas an Dotair Lees a thoirt do luchd-leughaidh na duilleig so. Cha do chuir e 'ainm ris na leabhraichean ud idir, agus an diugh tha iad duilich am faotainn, ach tha iad agam-sa, agus cuiridh mi fhéin ann an Gàidhlig an rud a chuir esan ann am Beurla.

Tha atharrachadh a' tighinn air ministearan na Gàidhealtachd mar a tha a' tighinn air a h-uile nì eile anns a' Ghàidhealtachd, agus theagamh nach fhaca an ìdgrìdh riamh leithid an Dotair Mhic Amhlaidh, ministear na sgìreachd anns an t-Strònbhuidhe, ach bidh cuimhne aig na seann daoine air a sheòrsa. B' aithne do Lees an seòrsa ministear so gu maith, ged nach fhaighear a bheag dhiubh an diugh anns an dùthaich.

"Am measg nan daoine a bha air an cuir-eachd a dh' ionnsuidh na dinnearach, bha an Dotair Mac Amhlaidh, ministear na sgìreachd. Chuir e fàilte chridheil oirnn agus thuirt e gu robh e toilichte ar faicinn anns an t-Strònbhuidhe. Duine trom làidir, le aodann fhathail, is coltas air a bhi air a dheagh chumail. Bha meas nach bu bheag aig muinntir na sgìreachd uile air, agus bha iarraidh air anns gach cruinneachadh, oir bu toigh leis fhéin a bhi ann an cuideachd. Bha e làn àbhacais agus maith gu seanchas ann an cuideachd, ach cha robh daoine 'g a mheas ro mhaith gu searmonachadh. Bha 'athair agus a sheanair 'n am ministearan roimhe, agus dh' fhàg iad aige mar dhileab, cha 'n 'e a mhàin cuibhrionn maith de stòr saoghalta ach làn bocsa de shearmoin. A chuid de'n choimhthional a bha a' suidhe air an lobhtaidh anns an eaglais, bha fhios aca gu maith, bho dhath a' phaipeir, cò a rinn an searmon a bha iad a' faotainn. Ma's ann ruadh a bha am paipear bha fhios aca gur e fear da shearmoin a sheanar a bha ann, agus gu'n cluinneadh iad stuamachd is firinn is onoir air am moladh, agus breugan is bradachd is sannt air an diomoladh. Ma's ann buidhe a bha am paipear b'e aon de shearmoin 'athar a bha ann. An latha sin, cìod air bith an ceann-teagaisg, thòisich ead an searmon aig tuiteam Adhaimh agus chrìochnaicheadh e aig là a' bhreitheanais. Ma

bha am paipear geal bha fhios aca gur e fear d'a fheadhainn fhéin a bha iad a' faotainn, ach cha robh iad sin furasda an tuigsinn idir. De na trì seòrsachan, b'e searmoin a sheanar a b' fheàrr leis a' choimhthional. Bha a sheanair 'n a dhuine smachdail 'na latha fhéin, agus b' aithne dha an tarrang a bhualadh air a ceann. An uair a bhiodh an Dotair Mac Amhlaidh a' leughadh na sgrìobh am bodach mu mhìsgearan agus mu dhrong-airreachd cha robh duine anns a' choimhthional nach robh toilichte gu robh càch a' faotainn sgràilleadh cho goirt. Bha e air a ràdh anns an sgìreachd nach robh ùrnuigh-ean an Dotair cho soisgeulach no cho spioradail ri ùrnuigh-ean Ghùc Aoidh, ministear na h-eaglais Shaoir, mu dhèruichte aig leabaidh tinneis, ach chuireadh e fion is sùgh feòla gu bochdan an uair nach cuireadh am fear eile dà.

Bha an dà mhinistear cho càirdeil coimhearsnachail 's a b' urrainn dithis d' an seòrsa a bhith aig àm anns an robh daoine gu maith teth a thaobh eaglaisean, ach tharruing an *duine* iad r'a chéile na bu dlùthe na bha iad riamh roimhe. Ach feumaidh mi innseadh cò a bha anns an *duine*. Anns an sgìreachd bha Sasunnach, aig an robh oighreachd bheag, nach robh toilichte an dara cuid leis an Dotair Mac Amhlaidh no le Mgr Mac Aoidh. Bha e a' cumail a mach nach robh iad dìchiollach gu leòir agus nach b' fheàrr cor an t-sluaigh anns an t-Srònbbuidhe na cor nan Inneanach, agus mar sin fhuair e fear de na *daoine* á siorramachd Rois air a chosdus fhéin, agus chuir e a shearmonachadh e am measg an t-sluaigh, gus bainne fìor an t-soisgeil a thoirt daibh. Cha do chòrd so ris an dà mhinistir, agus cha mhò a bha iarraidh air bith aig an t-sluaigh air an *duine*. Bha aodann air cho fada ri slat-iasgaich, agus fad na seirbhis bhiodh e ri osnaich is ochanaich nach cualas riamh an leithid. Ach stadadh an osnaich glé luath na'n iarradh tu air dram a ghabhail. Latha a bha e a' gabhail an aiseig air an *Dunara*, agus cuid de na bha air bòrd a' gabhail seallaidh air muc mhòr reamhar as an Eilein Sgitheanach a bha dol gu bùids-eir ann an Grianaig, tharruing an *duine* osna throm agus thuirt e, *Och, och, nach bu mhaith dhuinn uile na'n robh sinn cho deas air son a bhàis ris a' mhuc so!*

Bha am facal a labhair an duine cho neònach 's gu 'n do chuir mise romham an tuilleadh eòlais fhaotainn air. Thuirt mi ann an cagar ri Calum Brocair a bha còmhla rium an cuireadh e m'lothlachd air an duine na'n iarrainn air dol sìos leinn do'n cheàbainn "Miothlachd!" arsa Calum, gu dearbh cha chuir; bha mise agus e fhéin dà uair anns

a' cheàbainn an diugh cheana. Chaidh sinn sìos, an *duine* fad na h-ùine ag osnaich agus ag ochanaich, "Is e an Tighearna," ar's esan, "a chuir ann ad chridhe caoimheas a nochdadh d'a sheirbhiseach." An uair a chuir an stuibhard an dram air ar beulaobh thog mise agus Calum ar gloineachan, a' dol a dh' òl a shlàinte, ach dh' éirich an *duine* 'n a sheasamh agus rinn e altachadh agus theab nach sguireadh e. Gus tarruing as, thuirt Calum ris, "Nach saoilinn gu'n deanadh aon altachadh feum air son an latha; rinn sibh altachadh an diugh cheana an uair a bha sinn a bhos a' gabhail drama! Co dhui is e sin an dòigh a bhios aig Para Mac Laomhainn ann an Griobunn an uair a mharbhas e mart aig toiseach a' gheamhraidh. Ni an aon altachadh feum gus am bi am baraile feòla ullamh." "Ochan! ochan! ar's an duine, bha e air innseadh leis na fàidhean gu'n tigeadh amannan cunnartach is marbhantachd spioradail anns na laithean deireannach; tha Para Mac Laomuinn bocht ann an domhlas na seirbhe agus fo chuibhreach na h-eucorach. Ochan, ochan, tha an claidheamh air a gheurachadh agus fòs air a liomhadh, agus tha breitheanas am fagus dhaibh-san uile a tha ag aoradh ann an tigh Rimmoin, a' truaillleadh na h-eaglais le òrgain agus laoidhean, ach tha iarmad anns an tìr nach do lùb an glùn ann an sionagag Shatain. Ochan, ochan, mo thruaighe Albainn. . . . Deagh spiorad a tha iad a' gleidheadh air an *Dunara*, theirinn gur e stuth Cheannloch a tha ann, air neo Talascair. Tha tròcairean an Tì naoimh mòr agus lìonmhor; nach do shuidh Clann Israeil féin làimh ris na craobhan pailme ann an Elim, agus nach robh na h-uisgeachan milis d' am blas!

* * * * *

"Latha a bha mi a' bruidhinn ri Dughall Mòr, fear de 'n choimhthional aig Mgr Mac Aoidh, thuirt e rium nach robh e fhéin a' dol do'n eaglais ro thrì, ach gu'm biodh a bhean a' dol innte.

"Agus c'ar son nach bi thu fhéin a' dol do'n eaglais?"

"Cha 'n 'eil e furasda dhomhsa dol do'n eaglais leis an tarbh ruadh a tha anns a' bhaile ud thall. Is aithne dha latha na Sàbaid a cheart cho mhaith ruibh féin, agus a cheart cho cinnteach 's a théid mise do'n eaglais, thig esan troimh 'n abhainn agus bidh e an so an uair a thig mi dhachaidh. Ach ged nach biodh an tarbh idir ann theagamh nach bithinn-sa anns an eaglais ro bhitheanta, oir cha toigh leam am ministear a tha againn, agus a dh' innseadh na fìrinn, cha do chuir mi m' ainm ris a' ghairm a thug iad dha."

“ Ciod a tha agad ’n a aghaidh.”

“ A dh’ aon ni tha droch Ghàidhlig aige, Gàidhlig thuathach, agus tha e duilich a thuigsinn. Rud eile dheth tha na searmoin aige ro fhada; tha e coltach ri droch ghunna, sgaoilidh an urchair aige gu h-eagallach.” Bidh e a’ bruidhinn air fichead rud anns an aon t-searmon. Tha iad ag innseadh dbomh gu robh e a’ smùideadh bho chionn trì Sàbaid-ean air an *duine* a thug an t-Sasunnach do ’n dùthaich. Uairean eile bidh e a’ smùideadh air a’ Phapa, agus air na Socinians, agus na Voluntaries. Ach an cuala sibh riamh mar a thachair dha an là a bha e a’ searmonachadh anns an Leideig.”

“Cha chuala.”

“An uair a chaidh e do’n chùbaid bha paipear ri taobh a’ Bhiobuill air an robh e air a sgrìobhadh gu robh ùrnuighean a’ choimhthionail air an iarraidh air son duine a chaill a bhean. Rinn Mghr. Mac Aoidh ùrnuigh fhada dhùrachdach air son an duine; ach an uair a sgaoil an eaglais dh’ innis fear de na foirich dha gu robh bliadhna mhòr bho chaidh am paipear ud a chur anns a’ chùbaid, agus gu robh an duine fhéin anns an eaglais ag éisdeachd ris an ùrnuigh, *agus bean ùr aige*.

“Ach ged a tha Mghr. Mac Aoidh trom trom air a’ Phapa tha e na’s truime air duine-eigin ris an abair e Darwin. Bidh e ag innseadh dhuinn nach robh duine riamh air an t-saoghal cho beag tùir ri Darwin; gu bheil e ag ràdh nach robh Adhamb air a chruthachadh idir mar a tha am Biobull ag innseadh, ach gu’n d’ thàinig an duine bho rud-eigin coltach ri muir-teuchd, agus an sin gu’n do thòisich am muir-teuchd air streap suas anns an t-saoghal gus mu dheireadh an d’ fhàs e ’n a mhoncaidh, agus an uair a chaill am moncaidh ’earball le bhì suidhe air agus a dh’ ionnsaich e seasamh air a ehasan deiridh, gu’n do rinn Dia duine dherh.”

“Ged nach bi mise mi fhéin a’ dol do’n eaglais,” arsa Dughall, “agus a tha mi glé choma ged a chuireadh Darwin an Diabhol as (tha iad ag ràdh gu bheil e a’ feuchainn ri sin a dbeanamh), is gasda leam a bhì ag éisdeachd ri argumaid uime ann an ceàbainn a’ *Chlansman*. Chuala sibh iomradh air a’ *Chlansman*, bata cho comhfhurtachail ’s a tha dol mu’n cuairt na Maile, agus a tha tadhall anns a h-uile port eadar an t-Ohan agus Steòrnabhagh. Am bitheantas tha uir-ead sheòrsachan dhaoine innte ’s a tha innte de charago; Sasunnaich a’ dol do na h-eileanan a shealg no a dh’ iasgach; ministearan a’ tighinn dachaidh o’n t-Seanadh; marsantan éisg, is marsantan gual, is marsantan aodaich, is marsantan bathair; dròbbairean is sgoilearan òga; tuathanaich is ciobairean;

agus glé thrìc daoine o Bhord an fhearainn. An uair a lasar na soluis anns a’ cheàbainn agus a chuirear na gloineachan air a’ bhòrd agus a thòisicheas seachas, faodaidh tu a bhì cinnteach gur h-ann aig eaglaisean is creid-eamh is creud a stadas e, ged a dh’ fhaodas gur h-ann aig prìsean ghamhna aig an Eaglais Bhric a thòisich e.”

“Uair a bha sinn anns a’ *Chlansman*, agus sinn a’ gabhail drama anns a’ cheàbainn bha sinn a’ connachadh gu maith teth mu’n t-saoghal eile. Thuirt Sasunnach a bha anns a’ chuideachd nach robh anam ann an duine na’s mò na tha e ann am muic, agus nach biodh e aig uair a bhàis ach mar gu’m biodh beathach eile. Chuir so fearg uamhasach air ministear de’n eaglais Shaoir a bha ’n a shìneadh air suidheachan, agus leum e ’n a sheasamh gus dol an caramh an t-Sasunnaich. Ach ghlaoidh ban-Eirionnach a bha ’n a suidhe anns a’ cheàbainn ris, “Ud, Ud, a mhinistir, leigibh leis a’ *chreut air dhona*; nach d’ thuirt e fhéin nach ’eil ann ach a’ mhuc co-dhù; agus mar is tinne a bheireas sibh air earball muice is ann is motha a ni i de sgiamhail.”

“Tha sin coltach ris a’ bhàillidh nach robh a’ creidsinn ann an Dia no ann an saoghal eile, agus a bhiodh a’ magadh air daoine a bhiodh a’ dol do’n eaglais. Thàinig rud-eigin ceàrr air a’ ghrùthan aige (bha grùthan an uisge-bheatha aige) agus chaidh ministear na sgìreachd ’ga amharc an uair a chual e gu robh e tinn. Cha robh modh anns a’ bhàillidh co-dhù, ach bha na bu lugha aige air fad an uair a chaidh a ghrùthan air aimhreit, agus thuirt e ris a’ mhinistear, m’ an gann a shuidh e, gum e a dheanamh ùrnuigh ’na sheòmar-san oir nach robh e a’ creidsinn ann an faoineas de’n t-seòrsa sin, agus nach robh anam ann na bu mhò na bha anns an each ruadh aige. Cha d’ thubhairt am ministear a’ bheag aig an àm, ach an uair a bha e a’ falbh, dh’ iarr am bàillidh air tadhall ann an tigh an dotair agus iarraidh air tighinn far an robh e gu dail. “Nì mi sin,” arsa am ministear, “ach an uair a ràinig e an doras, thionndaidh e air a shàil agus thuirt e ris a’ bhàillidh, Nach fheàrr dhomh dol a dh’ iarraidh *an vet?*”

An cuala sibh riamh an rud a thuirt Para Mac Laomainn ris na Collaich a bha tighinn dachaidh o’n Fhaidhir Mhuilich agus iad air an leth dhalladh, agus iad a’ gearan gu cruaidh gu robh Dods agus Bruce a’ toirt ifrinn agus an Diabhoil o dhaoine? “Cò air bith,” arsa Para, “d’ am bi a chall sin. *cha ’n ann do mhuintir Cholla*” Uair eile agus iad a’ càineadh sgoilearan a bha toirt bhuapa criomain de’n Bhiobull thuirt e, “Nach coma dhuibh-sa oir cha ’n ’eil sibh a’ leughadh an leabhair co-dhù.”



SUM NA DIADHAIDHEACHD.

Dh' innis e dhuit, O dhuine, ciod a tha maith; agus ciod a tha Iehobhah ag iarraidh ort, ach ceartas a dheanamh, tròcair a ghràdhachadh, agus gluasad gu h-iriosal maille ri d' Dhia.—*Micah, vi, 8.*

Bho thoiseach an t-saoghail bha a' cheist so ann an cridhe mhic an duine, Ciod a tha Iehobhah ag iarraidh oirnn, agus ciod leis an tig sinn an làthair an Ti as àirde? Anns na làithean deireannach so that fhios againn uile gu maith ciod a tha Dia ag iarraidh oirnn, co dhiu a tha sinn 'g a dheanamh no nach 'eil, ach ann an òg-mhaduinn an t-saoghail cha robh an t-eòlas sin aig ar n-aithrichean. Cha 'n ann a dh' aon bhoillsgeadh a thàinig solus na fìrinn ach uigh ar n-uigh, àithne air àithne, riaghailt air riaghailt, beagan an so, beagan an sud. Labhair Dia o shean an iomadh earrainn agus air iomadh dòigh m' an do labhair e le Mhac. Agus ged a dh' fhaodas an creideamh a bha aig Israel ann an toiseach a h-eachdraidh mu Dhia agus mu dhiadhaidheachd a bhi leanabail 'n ar sùilean-ne, is e an creideamh sin a' ghucag as an d' thàinig an creideamh Criosduidh ann an lànachd na h-aimsir, am brat-spèilidh anns an robh Slànuihear an t-saoghail paisgte. An uair a bha daoine a' tairgseadh tharbh is reitheachan do Dhia air ghaol a bhi ann an réite ris, air neo a' toirt toradh an cuirp dha air son peacaidh an anama, bha iad a' deanamh sin a chionn gu robh e 'na fhaochadh d' an coguis a bha toirt fianuis 'nan aghaidh. Cha b' aithne dhaibh dòigh a b' fhearr air an cionta aideachadh no air fàbhar Dhe a chosnadh. B'e sud an dòigh anns am bu ghnàth leò dol an làthair rìghrean is mhaith-ean na talmhainn, agus ciod an t-iongnadh gu'n saoilleadh iad gu'n éisdeadh an Rìgh Mòr r' an ath-chuinge air sgàth an tabhartasan? Ach lion beag is beag, fo theagasg nam fàidhean aig an robh inntinn a bu spioradaile agus a bu ghéire na bha aig na sagartan, chuir Israel na seann nithean sin air chùl agus ràinig i air an fhìrinn a chuir an Slànuihear anns na briathran, "Is Spiorad Dia: agus is éigin d'a luchd-aoraidh aoradh a dheanamh ann an spiorad agus ann am fìrinn." Co dhiu, fhuair a' chuid a b' fhearr de 'n t-sluagh greim air an fhìrinn so.

Is e an t-seirbhis mhòr a rinn na fàidhean ann an Israel, gu'n do dhearg iad air inntinn an t-sluaigh nach b' urrainn dhaibh Dia a thoileachadh, agus nach gabhadh e r' an aoradh as eugmha is an caitheamh-beatha

a bhi ceart. Shearmonaich iad air a' cheann-teagaisg sin gun sgar, agus bha feum air, oir bha an luchd-dùthcha a' saoil sinn gu robh cùisean ceart eadar iad féin agus Dia, na'n tigeadh iad 'na làthair le tabhartasan aig amannan sònruichte agus ann an àitean suidhichte a rèir riaghailtean nan sagartan, co dhiu a bha no nach robh iad 'nan daoine fìrinneach, onorach, stuama.

"Ciod e lìonmhorachd ur n-ìobairtean domh-sa? deir Iehobhah; na tugaibh tabhartas dìomhain uaibh n'is mò; nìghibh, glanaibh; cuiribh air falbh olc 'ur deanadais as mo shealladh: sguiribh de dheanamh uile; foghlumaibh maith a dheanamh: iarraibh breitheanas; cuiribh ceart an t-ainneartach; cumaibh còir ris an dill-eachdan; tagraibh cùis na bantraich."
Isaiah I.

An rud a bha ann tha e ann fhathast, agus an latha diugh tha an droch phòr so, an cogull a thachd facal Dhé ann an cridhe Israeil, a' fàs ann an cridhe mhic an duine. Oir tha daoine ullamh gu bhi 'g am mealladh féin nach seall Dia air a' chridhe, agus gu'm faod iad a bhi diadhaidh gun a bhi ceart is tròcaireach is iriosal. Ach cha ghabh dealachadh a dheanamh eadar spioradalachd is moralachd, eadar diadhaidheachd is fireantachd; that iad a' dol ann an cois a chéile, agus an ni a cheangail Dia na cuireadh duine fa sgoil.

Ciod a tha Dia ag iarraidh ort ach ceartas a dheanamh agus tròcair a ghràdhachadh agus gluasad gu h-iriosal maille ri d' Dia? Cha ruigear a leas argumaid a dheanamh mu na briathran so, oir cho luath 's a chluinn-eas iad gabhar riutha. Tha reusan is coguis an duine ag aontachadh leis an fhìrinn. An neach a ni ceartas agus a ghràdhacheas tròcair agus a ghluaiseas gu h-iriosal maille ri Dia, faodaidh e dol an làthair Dhé le dànachd naomh, ann an làn dearbhachd gu'n aidich Dia e mar mhac. Sin teagasg Mhichah, agus their cuid de dhaoine ruinn gu bheil an soisgeul uile ann. Ann an seadh tha sin flor, oir is e crìoch àraid an t-soisgeil gu'n tionndadh e daoine gu ceartas a dheanamh, agus tròcair a ghràdhachadh, agus gluasad gu h-iriosal maille ri Dia. Ach c' àite an ionnsaichear ciod e ceartas is tròcair is iriosalachd ach a mhàin fo theagasg an t-soisgeil? Nach e Iosa Criosd a nochd do'n t-saoghal 'na bheatha féin maise nam beusan naomha sin! Agus c' àite am faigh daoine lag peacach neart air son briathran an fhàidh a choimhlionadh ach a mhàin o'n t-Slànuihear anns am bheil cumhachd Dhé, agus a gheall a bhi do ghnàth maille riu.

Cha do rinn an soisgeul briathran an fhàidh sean, agus cha mhò a chuir e air chùl iad, ach lion e iad le brìgh is reamhrachd nach robh annta an toiseach, air chor agus gu bheil daoine a nis a' faicinn àirde is leud is dòimhne annta nach faca Micah féin. Is e teagasg is beatha Chrìosd as aobhar dha sin.

Ma tha e fìor gur e na nithean a dh' ainmich am fàidh "suim na diadhaidheachd," tha e fìor mar an ceudna nach ruigear orra gu bràth ach fo bhuaidh spiorad an t-soisgeil. Is ann fo theagasg Chrìosd agus ann an co-chomunn a spioraid-san a bheir eridhe mhic an duine a mach toradh na naomhachd. "Fanaibh annam-sa agus mise annaibh-se." Far am bheil an t-aonadh sin, bithidh a thoradh. Iadsan aig am bheil gràdh dhàsan fuathaichidh iad olc, agus faodar dol an urras orra gu'm bi iad, an dà chuid, tròcaireach agus iriosal.

GNIOMHARAN NAN ABSTOL.

Bha an leabhar so air a sgrìobhadh le Lucas, fear-eachdraidh a b' fheàrr a bha anns an eaglais Chrìosduidh anns a' cheud linn. Chuir Lucas comain air an t-saoghal nach gach innseadh, oir ged nach robh e air àireamh am measg nan abstol sgrìobh e barrachd de'n Tiomnadh Nuadh na sgrìobh neach eile. Cha 'n e mhàin gu'n do rinn e sin ach is e a sgrìobh an crioman sin de eachdraidh na h-eaglais anns am faicear ciamar a bha a bunaitean air an leagail agus ciamar a bha i air a stiùradh leis an Spiorad Naomh ann an toiseach a làithean. As eugmhais an leabhair so bhiodh cùrsa na h-eaglais anns a' cheud linn anabarrach dorcha agus cha bhiodh leus soluis againn air na h-amannan sin ach am beagan a tha litrichean Phoil a' toirt dhuinn. Cha bhiodh e furasda do dhìadhairean bun no bàrr a dheanamh de litrichean Phoil, no an eachdraidh a tha annta a thàthadh ri chèile mur biodh Gnìomharan nan Abstol aca, 'g an cumail ceart.

Tuigear uaith so, mata, gu bheil sinn gu buileach ann an eiseimeil Lucas airson an eòlais a tha againn mu chraobh-sgaioleadh an t-soisgeil eadar bàs Chrìosd agus bàs Phoil, agus b'e sin na bliadhnaichean anns an robh na mìorbhuilean as motha a thachair riamh ann an eachdraidh na h-eaglais air an deanamh le cumhachd an Spioraid. A thaobh beatha Chrìosd agus na nithean a thachair 'n uair a bha e air thalamh tha ceithir fianuisean againn; Mata, Marc, Lucas, is Eoin; agus ged bhiodh fear de na fianuisean sin air chall cha bu chall nach gabhadh leasachadh e, ged bu chall mòr e. Ach a thaobh

cùrsa na h-eaglais o latha na Caingis 'nuair a fhuair i tìodhlac an Spioraid Naoimh gu deireadh na ceud linn 'nuair a bha eaglais-ean air an suidheachadh anns gach cèarn eadar Ierusalem agus an Roimh, cha 'n 'eil againn ach aon fhianuis, agus is e sin an leabhar a sgrìobh Lucas, air chor agus gu'm bu chall nach gabhadh leasachadh call an leabhair so. Bha Lucas 'n a dhuine ciallach, creideasach, aig an robh inntinn fharsuing is aig an robh meas air firinn; agus tha aobhar againn a bhi creidsinn gur e làmh an Tighearna a thagh e á measg chàich a chum cunntas cinnteach a thoirt do na linn-tean a thàinig 'na dhéidh, air na gnìomharan a rinn na h-abstol.

Ged a theirear Gnìomharan nan Abstol ris an leabhar an diugh cha 'n 'eil e coltach gur e Lucas féin a thug dha an t-ainm sin. Cha 'n 'eil an t-ainm uile gu léir freagarrach oir cha 'n 'eil an leabhar a toirt cunntais ach air *beagan* de'n obair a rinn *fear no dha* de na h-abstol. Anns a' cheud chuid de'n leabhar cha 'n 'eil iomradh air abstol ach Peadar, ged tha mòran air a ràdh mu gnìomharan Philip is Stephein, daoine nach robh 'n an abstol idir. Agus anns a' chuid mu dheireadh de'n leabhar is ann air obair Phoil a mhàin a tha Lucas a' tighinn thairis.

Is e an t-aobhar sònraichte a bha aig Lucas 's an t-sealladh ann an sgrìobhadh an leabhair cunntas a thoirt air fàs is cinneas a' chreidimh Chrìosduidh o là na Caingis agus an do ràinig an soisgeul an Ròimh. Anns an t-soisgeul a sgrìobh e dh' innis e mu na nithean a rinn agus a theagaisg Iosa agus an là an do thogadh suas E, agus anns an leabhar so tha e a' dol air aghaidh leis an naigheachd agus ag innseadh mu na nithean a rinn Chrìosd anns an eaglais le cumhachd an spioraid a bhuilich e air na h-abstol. Tha an leabhar a' lìonadh a' bhealaich eadar an soisgeal agus litrichean nan abstol. Shaoileamaid o'n dòigh anns an do chrìochnaich Lucas a shoisgeul gu'n do thogadh Chrìosd suas gu nèamh air latha 'aiseirigh, ach anns an leabhar so tha e a' toiseachadh air a naigheachd le bhi ag innseadh gu robh Chrìosd air thalamh dà fhichead là an déidh dha éirigh o na marbhaibh agus gu'n do labhair e ris na h-abstol mu na nithean a bhuineadh do rìoghachd Dhe. Labhair e riu mar an ceudna mu thìodhlac an Spioraid Naoimh a bha gu bhi air a thoirt dhaibh, agus dh' innis e dhaibh gu'm biodh iad 'n am fianuisean dha-san ann an Ierusalem, ann an Iudea uile, ann an Samaria, agus gu iomall na talmhainn.

Air do Chrìosd a bhi air a thogail suas, b'e a' cheud char ris an do chuir na h-abstol an làmh, àite Iudais a lìonadh, agus air dhaibh Matias a thaghadh, dh' fheith iad ann

an Ierusalem ri teachd an Spioraid Naomh.

Tha an naigheachd a bha aig Lucas r'a innseadh a' tòiseachadh anns an dara caibid-eil anns a bheil e ag ràdh, "An uair a thàinig là na Caingis bha iad gu léir a dh' aon inntinn ann an aon àite, agus thàinig gu h-obann toirm o nèamh, agus lìonadh iad uile leis an Spiorad Naomh, agus thòisich iad air labhairt le teangaibh eile, a réir mar a thug an spiorad comas labhairt dhaibh." B'e so là-breith na h-eaglais, agus anns a' chòrr de 'n leabhar tha Lucas ag innseadh ciamar a dh' fhàs an eaglais a chuireadh air chois anns an dòigh so le comharran follais-each is mìorbhuileach, gus an do ràinig an creideamh Crìosduidh iomallan na talmhainn mar dh' innis Crìosd roimh làimh.

Faodar an leabhar a roinn 'n a chòig earrannan:—

- (1) CAIB. II—VIII, 3.—*Fàs na h-eaglais ann an Ierusalem.*
- (2) CAIB. VIII, 4—XI, 18.—*Fàs na h-eaglais ann an Samaria.*
- (3) CAIB. XI, 19—XIII, 3.—*Fàs na h-eaglais ann an Antioch.*
- (4) CAIB. XIII, 4—XXI, 16.—*Turusan soisgeudach Phòil.*
- (5) CAIB. XXI, 17—XXVIII, 31.—*Turus Phòil do Ierusalem agus do'n Roimh.*

A' CHEUD EARRANN. Anns a' chuid so de'n leabhar tha Lucas ag innseadh mar a dh' fhàs an eaglais ann an Ierusalem o là na Caingis, agus bho na nithean air an do rinn e iomradh tha e soilleir gur e a bha aige 's an t-sealladh aire a luchd-leughaidh a tharruing a dh' ionnsuidh *cumhachd is ùghdarras* nan abstol. Mar chomharradh air a' chumhachd a fhuair iad le teachd an Spioraid, tha e a' toirt am follais searmon drùighteach a liubhair Peadar air là na Caingis, searmon a bha air a bheannachadh cho mòr 's gu'n robh trì mìle duine air an iompachadh an là sin. Mar chomharradh eile air *cumhachd* nan abstol tha e ag innseadh mu'n duine bhacach a leighis Peadar aig geata an teampuill agus tha e ag innseadh mu mhiseach Pheadair is Eoin 'nuair a bha iad air an toirt air beulaobh na Comhairle. Anns a' bhàs obann a thàinig air Ananias agus air Saphira, an lorg nam breug a dh' innis iad, chunnaic Lucas comharradh follaiseach air ùghdarras is cumhachd nan Abstol, agus is e sin an t-aobhar gu'n d' thàinig e thairis air an naigheachd. Ann an aon fhocal, tha a' cheud earran de'n leabhar a' nochdadh gu'n robh *cumhachd* anns an eaglais òig nach buineadh do'n t-saoghal, cumhachd a fhuair i o 'n àirde, agus ged nach leigeadh ùine le Lucas iomradh a dbeanamh air na h-uile nithean a thachair ann an toiseach a h-eachdraidh, thagh e as na naigheachdan a fhuair

e o dhaoine creideasach té no dhà a bha e an dùil a nochdadh do na ginealan a thigeadh 'na dhéidh "gu'n do rinneadh mòran de mhìorbhuilean agus de chomharran leis na h-abstoil."

AN DARA EARRANN. Tha an dara earrann de 'n leabhar a' dearbhadh firinn an fhacail, gur e fuil nam martarach siol na h-eaglais. 'Nuair a dh' fhàs na Crìosduidhean lìonmhor thòisich seanairean is sgrìobhaichean is riaghlairean nan Iudhach air eagal a ghabhail, agus thàinig an gamhlas a bha aca do luchd-leanmhuinn Crìosd gu àirde an là a chual iad Stephen a' liubhairt teagaisg a bha dhaibh-san mar thoibheum. Chuir iad Stephen gu bàs "agus dh' éirich geur-leanmhuinn mhòr an aghaidh na h-eaglais a bha ann an Ierusalem, agus bha iad uile air an sgapadh air feadh tìr Iudea agus Shamaria. Uime sin dh' imich an dream a sgapadh feadh gach àite, a' searmonachadh an fhacail." (*Gnìomh viii, 1-4.*) Anns a' chuid so de'n leabhar tha Lucas a' leudachadh air a' bhuanachd a fhuair an eaglais an lorg nan trioblaidean a thàinig oirre, agus chunnaic e anns na nithean a thachair ann an Samaria fo shearmonachadh na feadhnaich a bha air am fògar bho Ierusalem comharradh eile air cumhachd is rùn-dìomhair Dhe. Tha e ag innseadh mu ghniomharan comharrachta a bha air an deanamh am measg chinneach le Peadar is Philip, agus a' crìochnachadh na h-earrann so le cunntas mionaideach a thoirt air an dòigh anns an robh doras na h-eaglais Crìosduidh air fhosgladh le Peadar do'n chinneach Cornelius, (*Gnìomh x. 1-48.*) B'e so a' cheud uair a thairg an eaglais saor ghràs Dhe do na cinnich agus do'n mhuintir a bha 'n an coigrich o choimheangal Israeil, agus sheulaich Dia an gnìomh a rinn Peadar, oir "thùrling an Spiorad Naomh orra-san uile a chual am facal." (*Gnìomh x, 44.*) Gu ruige so is e Peadar an t-abstol a tha seasamh os cionn chàich ann an eachdraidh Lucais, ach anns an naoieamh caibid-eil tha e ag innseadh mu iompachadh Phòil, agus le teachd Phoil tha ainm Pheadair a' tuiteam a mach as an leabhar.

AN TREAS EARRANN. Anns an earann so de'n leabhar tha Lucas a' toirt cunntas air an dùsgadh a thachair ann an Antioch agus a bha 'n a mheadhon air àireamh mhòr de na cinnich a thoirt a steach do'n eaglais. Cha robh na h-abstoil a dh' aon inntinn a thaobh nan cinnich. Bha cuid dhùibh am beachd gu'm bu chòir dhaibh a bhi air an tìocholl-ghearradh m'an gabhteachd a steach iad do'n eaglais, ach bha cuid eile am beachd nach robh feum sam bith ann a bhi cur seann chuingean Iudhach mu amhaichean nan cinnich. Ged a dh' éirich a' cheist so am

measg seanairean na h-eaglais roimhe so, is e an dùsgadh a thachair am measg nan cinn-each ann an Antioch agus ann an àitean eile fo shearmonachadh Phòil is Bharnabais a bu mheadhon air a' ghnòthuch a thoirt gu ceann-erieche. Bha a' cheist air a deasbud anns an eaglais fad bhliadhnachan gun a bhì air a reiteachadh, ach air do Phòl till-eadh air ais bho thurus soisgeulach chuir e féin is Peadar is Seumas an gnothuch an dara taobh. Fo threòrachadh an Spioraid Naoimh thàinig iad gu co-dhunadh nach robh e freagarrach soisgeul nan saor-ghràs a chuibhreacadh le cleachdannan an t-seann lagha, agus mar sin réitich iad slighe na h-eaglais am measg nan cinneach.

A' CHEATHRAMH AGUS A' CHOIG-EAMH EARRANN. Anns an Caib, xiii, 2, tha Lucas ag ràdh mu eaglais Antioch, "air dhaibh a bhì ri ministreileachd do'n Tigh-earna agus a' trasgadh, thubhairt an Spiorad naomh, Cuiribh air leth dhomh-sa Barnabas agus Saul chum na h-oibre gus an do ghairm mi iad." B'e sin ceum cho sòluimte agus cho buannachdail 's a ghabh an eaglais riamh, oir le saothair is searmonachadh Phòil bha an soisgeul air a ghiùlan gu iomall na talmhainn is bha na cinnich air an toirt a steach do eaglais Chrìosd. Anns a' chuid so de'n leabhar tha Lucas a' toirt cunntas mionaideach air beatha is obair Phòil, cunntas a tha a' comh-chòrdadh ris na litrichean a sgrìobh Pòl féin ged a tha Lucas a' toirt dhuinn fiosrachaidh mu iomadh ni air nach d' thug Pol iomradh.

Ciamar a fhuair Lucas eòlas air na nith-ean a dh' innis e anns an leabhar so? Air cuid de na nithean sin bha e 'n a shùil-fhianuis oir bha e maille ri Pol agus r'a chomh-oibrichean cuid mhaith bhliadhnachan, agus cha 'n 'eil teagamh nach robh a shùil daonnan air an leabhar a bha e am beachd a sgrìobhadh. Agus a thaobh na codach eile, na nithean a thachair ann am bailtean anns nach robh e riamh, na sear-moin agus na h-òraidean a tha e a' cur sìos ged nach cual e iad, agus còmhraidhean a bha eadar daoine nach b' aithne dha, tha e coltach gu'n do rinn e mar a bhios luchd-eachdraidh a' deanamh gus an là an diugh, gu'n do rannsaich e gach cùil, gu'n do cheasnaich e gach duine creideasach, is gu'n do sgrùd e gach sgrìobhadh is beul-aithris a bheireadh dha forfhais mu fhàs na h-eaglais agus mu na gnìomharan a rinn na h-abstoil. A thuilleadh air sin, tha aobhar againn a bhì creidsinn gu robh Lucas air a sheòladh le spiorad an Tighearna 'nuair a sgrìobh e mu obair nan abstol a' cheart cho cinnteach 's a bha na h-abstol fhéin air an stiùradh leis an uair a rinn iad na nithean mu'm bheil esan ag innseadh. Is ann do 'n aon

Mhaighstir a rinn esan agus iadsan seirbhis; is e an t-aon Spiorad a fhuair iad, agus bha a chuid-san de'n obair a cheart cho feumail ris na mìorbhuilean a rinn Peadar no na searmoin a rinn Pol. Tha dreach na firinn air an eachdraidh a sgrìobh e, agus choimh-lion e ann an dòigh a tha anabarrach drùighteach an rùn a bha 'n a chridhe an uair a ghlac e am peann, a dhearbhadh do dhaoine gu'n d' thàinig feartan ùra is cumhachd ùr do'n t-saoghal air là na Caingis.

LAOIDH CREIDIMH.

Seallaidh rium-sa, agus bithibh air bhur-tearnadh, uile iomalla na talmhainn.

Le creidimh seallaidh mi
Riut fein, Uan Chalbhari,
Mo Shlànuighear caomh;
Nis éisd ri m' ùrnuigh bhochd,
Glan uam mo chiont 's mo lochd;
O bitheam beò dhuit féin
'Na dhéidh so chaoidh.

O biodh do ghràs gach àm
Toirt trèid do m' chridhe fann;
Dean m' eud na's mò;
Bho 'n bhàsaich thu 'g am dhion,
O biodh mo ghràdh dhuit fìor,
Glan, beò, is buan gu sìor,
'Na theine beò.

Troimh fhasach dorch' an t-saogh'l
Is teinn tigh'nn orm gach taobh
Dean féin dhomh iùl;
Tionndaidh mo dhorch' gu là,
Siab uam deur bròin is cràidh,
Mo cheuman stiùir a ghnàth,
Gu tàmh dhuit dlùth.

An uair thig crìoch mo làith,
'S sruth duaichnidh fuar a' bhàis
Ag iadhadh dlùth,
A Shlànuighear chaoimh, na tréig,
Cuir geilt 's an-earbs bhuan féin;
O giùlain mi gun bheud
A sheinn do chliù.

Bha an laoidh so air a sgrìobhadh le ministear de mhuinntir America, an t-Ollamh RAY PALMER. Cha robh e ach dà bhliadhna air fhichead 'nuair a sgrìobh e i, agus tha e féin ag innseadh gu 'n do sgrìobh e i le deòir 'na shùilean. Tha an laoidh air a h-eadar-theangachadh gu iomadh canain. Is e A. Mac Eachuinn a thionndaidh i gu Gàidhlig. Chuireadh i an Laidionn, am Fraingis, an Gearmailt agus an cainnt mhòran chinneach anns na h-Innsean an Ear is China. Rinn Palmer laoidhean eile ach cha d' fhuair gin dhiubh an t-àite a fhuair i so ann an cridhe na h-eaglais Chrìosduidh.



ANN'S A' CHATHAIR.

An uair a phòs Calum Caimbeul Cairistiona Ruadh, ogha an dròbhair a bha anns a' Chaolas, chuir Seònaid Eachainn air am manadh gur h-ann air Cairistiona a bhiodh a' bhriogais. Bha Calum 'n a dhuine car diùid co-dhiù, air chor agus nach biodh e duilich do bhean sprachdail air bith a chur fo mhaide-na-poite, ach ged nach biodh e idir diùid bhiodh e duilich dha a chasan a sgaoil-eadh air a thaobh féin de 'n teine gun chead Cairistiona, oir bha ise 'n a boirionnach làidir fearail air nach d' fheuch fear eile taod a chur gus an do chuir am mi-fhortan agus an-sannt Calum Caimbeul 'n a rathad. Cha b' ann air a gaol fhéin idir a rinn e suas rithe ach air ghaol a codach, ach cleas iomadh fear eile a phos luid air son a cuid cha robh Calum fada an ceangal rithe an uair a bheireadh e an saoghal uile ach e bhi mar bha e. Latha a chaidh e dhachaidh is deur beag drama air, an déidh dha na gambna a reic, thug i stràic dha air an leth-cheann, is rinn i coileach-dubh dheth air an ùrlar, is chuir i a laighe e gun a shuipeir, mar gu'm biodh balach beag.

B' e an coimhearsnach a bu dlùithe aig Calum Seumas Bàn, a bha 'n a fhoirbheach anns an eaglais. Ged nach robh Seumas mòr 'n a phearsa bha e 'n a dhuine deas is spail-pearra, gu maith beachdail air fhéin is neor-thaing facal aige. Ach air a shon sin, bha a thrioblaid féin aig Seumas, a' cheart trioblaid a bha aig Calum Caimbeul, ach a mhàin gu'm b' e ainm a thrioblaid-san Ceit. Bha fhios aig an dùthaich uile, eadar an Caolas agus Ceannamhara, gu robh an t-eildear bàn fo mhaide-na-poite cho mhaith ri Calum Caimbeul, ach ma bha, cha bhiodh daoine 'g a ghabhail so orra ris an fhoirbheach féin, oir cò a b' fhearr facal na esan an uair a chruinnicheadh seanairan a' bhaile aig a' chachaleith, no cò a bu cholt-aiche a bhi 'n a rìgh 'n a thigh féin?

An àm earraich is foghair bhiodh Calum Caimbeul is Seumas a' cuideachadh a chéile, agus glé bhitheanta bhiodh seanchas aca ann an sabhal Sheumais, agus latha de na làithean sin so an seanchas a bha eatorra, facal air an fhacal.—

Calum: “Bha cho mhaith dhomh dol a dh' America agus an tigh fhàgail aice fhéin: o mhoch gu dubh tha a teanga an sàs annam, ach an raoir chaidh an donas uile gu léir innte.”

Seumas: “Biodh faighidinn agad-sa, a Chaluum,—agus cuimhnich air na daoine noomb o bhean a bha air am pianadh le droch

mhnathan; Lot is Iob, is Solamh, is Pol.”

Calum: “Is coma dhòmhsa cìod a dh' éirich do dhaoine eile; is coma dhomhsa ach am bior a tha 'n am fheòil fhéin. Thoil Solamh na fhuair e, ach cha chuala mi riamh gu robh Pol fo òrdag boirionnaich; bha dùil agam nach robh esan pòsda idir.”

Seumas: “Ubh, ùbh, bha; nach 'eil e fhéin ag innseadh mu'n sgob a bha 'na fheòil!”

Calum: “Mata leugh mise anns an duilleig Ghàidhlig ann an leabhar dearg na h-eaglais gur e galair-shùl air chor-eigin an sgob a bha aig Pol 's an fheòil.”

Seumas: “Theagamh gu'n do leugh, a Chaluum, ach ged nach ann a' cur sìos air an fhear a bhios a' sgrìobhadh na duilleig sin a tha mise, bidh e a' dol ceàrr air uairean, agus chaidh e fada fada ceàrr mu thrioblaid Phòil. Ach ciamar nach rachadh agus gun bhean aige fhéin? Creid thusa mise, a Chaluum, nach h-urrainn duine air bith a' chaidheil ud a thuigsinn no mhineachadh ach duine aig an robh crois-'n a thigh mar bha aig Pol; *sgob 's an fheòil, teachdair Shàtain*,—tha an rud cho soilleir dhomhsa ris a' ghréin!”

Calum: “Ud, ud, a Sheumais, tha thusa na's seirbhe air na mnathan na mi fhéin, ged a tha mi air mo shàrachadh le droch nàdur is teanga Cairistiona; na'n cluinn-eadh daoine sibh is ann a shaoileadh iad gu bheil sibh fo smàig aig Ceit.”

Seumas: “Fo smàig aig Ceit! Cha do chuir boirionnach còta riamh oirre a chuireadh mise fo h-òrdaig. Mur biodh tusa maol is bog cha leigeadh tu le Cairistiona làmh-an-uachdar fhaotainn ort mar a fhuair i; na'm b' ann agam-sa a bha i chuirinn car na h-ambaich.”

Calum: “Tha e furasda gu leòir dhuit-sa sin a ràdh, a Sheumais, ach cha 'n aithne dhuit Cairistiona mar is aithne dhomhsa i. An là ud a reic mi na gambna, dh' fhairich mi sprachd a' tighinn annam fhéin leis an dara gloine, agus thuirt mi rium féin air an rathad dhachaidh gu'n leiginn fhaicinn dhi cò againn ceann an teaghlaich agus gu'm feumadh i a bhi umhail dhomh, ach cho luath 's a sheas mi air an ùrlar 's a chunnaic mi sùilean Cairistiona a' dol tromham mar gu'm biodh gimleid anns gach té dhiubh, agus a chunnaic mi a h-aodann a' fàs dearg mar gu'm biodh cìrean coillich-frangaich. chaill m' iosgaidean an lùth,—is chaidh mi a laighe.”

Seumas: “Cha 'n 'eil annad, a Chaluum, ach an gealtair; ach theagamh nach 'eil e cho furasda do d' leithid-sa nach robh riamh 'n ad mhaichstir ann ad thigh fhéin do bhean a

chumail 'n a h-àite 's a tha e dhomhsa, oir cha do ghabh Ceit oirre riamh facal a thoirt air ais dhomh."

Calum: "Obh!, òbh!, nach tu fhéin a tha fortanach, a Sheumais, nach ann agad a tha an t-aobhar a bhi taingeil do'n fhreasdal bean mar a tha Ceit a bhi agad."

Seumas: "Bha am Freasdal fàbharach rium gun teagamh, ach bha mi fhéin glic cuid-eachd anns an dòigh cheart a ghabhail oirre aig toiseach gnothuich. Na'n do rinn thusa, a Chalum, mar a rinn mise bhiodh e a cheart cho furasda dhuit Cairistiona a strìochdadh 's a bha e dhomhsa Ceit a thoirt fo ghéill."

Calum: "Cìod an dòigh a ghabh thu oirre?"

Seumas: "Innsidh mi sin duit; chùm mi an taod gu maith teann oirre gus an do thuig i gu robh a maighstir an taice rithe, agus nach robh feum ann dhi feuchainn ri a ceann fhaotainn leatha. Tha bean òg, a Chalum, coltach ri loth a bhitear a' cur ann an aefhuinn; tuigidh an loth gu maith co dhiu a tha no nach 'eil eagal air an fhear a tha 'n a ceann; ma tha eagal air roimhpe cha bhi ise fada gus an gabh i brath air agus an dean i a toil fhéin. Sin mar tha na boirionnaich; tha fhios aca gu maith cò a dh' fhaodas iad cothrom a ghabhail orra, agus cò nach fhaod, agus chaidh thusa ceàrr an uair a leig thu fhaicinn do Chairistiona gu'n robh eagal ort roimhpe."

* * * *

Cha robh am facal buileach a mach as a bheil an uair a dh' fhosgail dorus an t-sabhail agus faicear Ceit 'n a seasamh m'a choinneamh, agus am batal 'n a stùil is 'n a h-aodann. Leum an dà bhodach a bha 'n an sineadh air a' chonnlaich 'n an seasamh mar gu'm biodh daoine air an do rugadh ann an cron, ach is e Ceit a bhruidhinn.—"Nach 'eil an t-àm agad-sa, a Sheumais, làmh a thoirt air car air chor-eigin anns an latha earraich seach a bhi a' suidhe ann an sin a' ràbhart ri Calum Caimbeul, gaotharan nam bailtean. Nach bochd an rud e nach 'eil de thùr ann ad cheann glas fhéin na dh' innseas dhuit gu bheil sid is so a' dol a dholaidh agus thusa air do dhrum anns a' chonnlaich. A mach as a so thusa, a Chalum Caimbeul; tha an t-àm agad t' aghaidh a thoirt air an tigh; mo thruaighe an té a tha an ceangal riut; agus greas ort, a Sheumais, A bheil thu a' tighinn?"

Seumas (gu diblidh umhail): "Tha mi a' tighinn, a Cheit."

RICHARD BAXTER.

An raoir thug mi greis a' lughadh leabhar a tha glé bhitheanta 'n am làmh-an, an leabhar a bha air a chur a mach le m' fhear-dùthcha Dòmhnall Mac Illeathain nach maireann. ministear Dhiùrinnis, fo'n ainm

Typographia Scoto-Gadelica. Anns an leabhar so tha cunntas air a thoirt air gach leabhar a chaidh a chur ann an clò an Gàidhlig riamh; obair mhòr is obair a ghabh ùine, obair nach b' urrainn duine eile ann an Albainn, a mach o'n Ollamh Mac Fhionghainn nach maireann, a dheanamh cho mhaith 's a rinn ministear Dhunbheagain i, oir ged nach b' fhior sgoilear Gàidhlig e agus ged nach robh e na b' eòlaiche air taobh-astigh nan leabhraichean na iomadh duine eile as aithne dhomh, bha eòlas aige air an taobh-a-muigh aca nach robh aig aon duine eile ann an Albainn. A thuilleadh air gu'n robh cruinneachadh de leabhraichean Gàidhlig aige féin a bha fiachail, rannsaich e a h-uile leabhar-lann ann am Breatunn anns an gabhadh forfhais fhaotainn mu leabhraichean Gàidhealach, agus gach cùil is cuilidh anns an Roinn-Eorpa anns an robh amharus aige gu'm faodadh leabhar Gàidhlig a bhi air fhòlach. B' aithne dha leabhraichean air an coltas agus air an cumadh mar is aithne do chlobair na caoraich, gun sealltainn idir air an comharradh-euaise.

Ach ged a tha e 'n a thoileachadh dhomh clach bheag a thilgeadh, anns an dol seachad, ann an càrn duine a rinn seirbhis do litreachas ar dùthcha, cha 'n ann mu mhinistir Dhunbheagain a bha mi a' ciallachadh seachas a dheanamh an tràth-sa, ach mu Richard Baxter, diadhair urramach a tha air ainmeachadh anns an leabhar so. Ged a chluinnear gu maith tric nach 'eil cannt air an t-saoghal as buadhmoire ann an searmonachadh agus ann an ùrnuigh na Ghàidhlig, agus ged a chluinnear cuideachd gu robh riamh ministearan anns a' Ghàidhealtachd a bha comasach mar shearmonaichean, tha e glé iongantach nach 'eil a bheag idir againn de shearmoin Ghàidhlig bho mhinistearan Gàidhealach. Na searmoin a bhios muinntir na Gàidhealtachd a' lughadh, bha iad air an sgrìobhadh le Sasunnaich ann am Beurla, agus an sin air an tionndadh gu Gàidhlig. Rud glé neònach ach smior na firinn. Cha'n abair mi cìod a tha mi féin an dùil as aobhar da so: thoireadh a h-uile duine an rud a thoilicheas e fhéin as.

Tha trìuir de sheann diadhairean ann air an robh meas mòr aig na Gàidheil; Richard Baxter, Tomas Boston, agus Iain Bunian, agus theagmhas gu robh buaidh aig na daoine sin air inntinnean is eridheachan ar luchd-dùthcha nach robh aig ar ministearan fhéin. Sgrìobh Baxter dà leabhar a bha air an sgoileadh gu farsuinn air feadh na Gàidhealtachd, *Gairm an Dé mhòir do'n t-sluagh neo-iompaichte*, agus *Fois shìorruidh nan naomh*. Bha a' cheud fhear dhiubh sin air a chur a mach ann an Gàidhlig ann an 1750, ann an Glaschu: a' cheud leabhar le diadh-air Sasunnach a bha air a chur a mach an

Gàidhlig. B'e so a bha sgrìobhta air an duilleig-thoisich,

“*Gairm an De Mhoir do'n t-sluagh neimh-iompoichte, iompochadh agus bith beò. Le Richard Baxter. Eidir-theang-acht' o Ghàill-Bhearla chum Gaoidheilg Albannaich air iartas agus costas Eirionach dheagh-runaich oirdheirc chum leas coitcheann Ghàidhealtachd Alba Clo-bhuail' ann Glassacha le Aind Foulis Cloisheara an Oill-tigh. MDCCL.*”

Bha e air a chur a mach a ris ann an 1755, 1811, 1822, 1845, 1861, 1865, 1866, 1877, 1846, 1861, 1865, 1877; a' dearbhadh gu soilleir gu robh daoine a' ceannach an leabhair agus 'g a leughadh.

B'e so a bha sgrìobhta air an duilleig-thoisich aig an leabhar eile,

“*Fois shiorruidh nan Naomh: no, Solus air Staid Bheannaichte nan Naomh a' meal-tuinn Dhé air Neamh. Le Mr. Richard Baxter. Eadar-theangichte le Iain Foirbeis, Ministear Shleit 1862.*”

Bha e air a chur a mach a ris ann an 1865, 1868, 1871, 1874, 1878, 1862, 1865, 1868, 1871. Bha fichead is ceud duine anns a' Ghàidhealtachd a' leughadh leabhraichean Bhaxter mu choinneamh aon duine a bha a' leughadh nan searmon a chuir Eoghan Mac Dhiarmaid a mach ann an 1804.

Cò e, mata, Richard Baxter, gu'm biodh uiread so de mheas aig daoine diadhaidh anns a' Ghàidhealtachd air? Tha sin furasda gu leòir r'a innseadh: ministear Sasunnach a bha 'obair air a beannachadh gu mòr le Dia. Ann an làithean 'òige thàinig e fo chùram anama, agus thagh e a' mhinistrealachd mar a dhreuchd. Bha e air a shuidheachadh ann an àite no dhà, ach is ann ri baile *Kidderminster* a bhios 'ainm air a cheangal gu bràth, oir lean comharraidhean follaiseach is mìorbhuileach obair Bhaxter anns a' bhaile sin. Bha *Kidderminster*, a réir chlosais, ain-diadhaidh thar bhailean eile aig an àm, oir cha robh duine beò ann aig an robh cuimhne air ministear soisgeul-ach; cha b' aithne dhaibh ach ministearan aig nach robh sgoil no sgil; ministearan nach robh dad na b' fheàrr na figheadairean a' bhaile ann an gliocas is ann an gràs is ann an eòlas air diadhaidheachd. An uair a tha an sluagh dall ni an gille cam ministear. Ach le teachd Bhaxter 'n am measg shéid oiteag de anail bheò orra, air chor agus nach b' fhada gus an robh an eaglais làn, ged a bha i fàs an uair a bha e air a shuidheachadh innte. An uair a chaidh e do *Kidderminster* bha sràidean anns a' bhaile anns nach robh ach aon teaghlach a bha ag aoradh do Dhia, ach m' an d' fhàg e e bha sràidean ann anns nach robh aon teaghlach nach robh ag aoradh do Dhia.

Cha robh ann am Baxter gu corporra ach

duine anfhann; bha a shlàinte cho dona 's nach b' urrainn duine coire fhaotainn dha ged nach deanadh e dad ach an aire a thoirt d'a bhodhig bhreòite. Dh' fhaodadh e a ràdh mar a thubhairt Marc mu'n bhoirionnach a leighis Iosa “gu'n d' fhuiling e mòran bho mhòran lighichean,” oir tha e féin ag innseadh gu'n d' iarr e comhairle, aig aon àm no àm eile, air sé deug air fhichead dot-air, ach nach do rinn an cungaidean feum air bith dha. Ach ged a bha an fheòil anfhann bha an spiorad toileach, is choisrig an duine so gach mìonaid d'a bheatha a bha saor is pian do sheirbhis Chrìosd.

Bha e 'n a shearmonaiche maith; theagamh nach bu chall ach gu'm bu bhuannachd d'a choimhthional gu robh a chasan daonnan air bruaich na h-uagha, oir anns a h-uile searmon bha e a' labhairt riu mar nach biodh cothrom eile aige iarraidh orra a bhli réidh ri Dia. Bha a shearmonin furasda an tuigsinn; coltach ri Pol cha b' ann le òirdheirceas cainnte a bhiodh e a' bruidhinn ri daoine ach gu simplidh réidh, ann an dòigh a thuigeadh òg is sean.

An uair a bha Baxter 'n a leth-sheann duine sgrìobh e cunntas air a bheatha agus 'obair féin, leabhar beag cùbhraidh nach fhaicear ach glé annamh ann an tigh air bith an diugh, ach air a shon sin, tha, an dà chuid, gliocas is diadhaidheachd ann.

Ged a tha agus a bha na Gàidheil air an cunntas 'n an daoine cràbhach a tha fo bhuaidh an t-saoghail neo-fhaicsinnich cha d' àraich sinn riamh diadhaidhean dhuinn fhéin. Fhuair sinn ar beachdan ann an iasad bho dhaoine eile, gu sònraichte bho na diadhaidhean ris an abrar na Puritans Shasunnach, agus theagamh gu'n cuir sin solus air iomadh rud neònach ann an eachdraidh na h-eaglais anns a' Ghàidhealtachd. Cha 'n aithne dhomh ach aon mhinistear Gàidhealach a dh' fheuch ri solus a thoirt do dhaoine air diomhaireachd na diadhaidheachd, Dòmhnall Caimbeul a bha ann an Cillemhìcheil. Sgrìobh esan leabhar mu bhàs agus mu fhulangas Chrìosd, *ach bha e air a sgrìobhadh ann am Beurla* Cha 'n urrainn mi a ràdh co dhùu nach b' urrainn e, no nach b' fhiach leis, a chur ann an Gàidhlig. An déidh làimhe thionndaidh duine eile an leabhar gu Gàidhlig.

SABAID COMANACHAIDH.

Moch air maduinn na Sàbaid dhùisg mi, agus rinn mi deas a dhol do'n eaglais, oir bha Sàcramaid Suipeir an Tighearna ri bhith air a frithealadh, agus bha iarrtas dùrachdach agam air suidhe aig a' bhòrd. “Mar a thogras am fiadh a chum nan sruth uisge mar sin tha m' anam a' togairt a'd' ionnsuidh-sa a Dhe; tha tart air m' anam a chum

an Dé bheò.” Dhùisg mi as mo chadal làn gràidh do Dhia agus mo rùintean air an soeruchadh air na nithean ata shuas. Bha m’ anam coltach ri raon a bheannaich an Tighearna. “Fhreagair mo ghràdh agus thubhairt e rium, eirich a bhean mo ghaoil, m’ aon sgiamhach, thig leam: oir feuch tha an geamhradh seachad, tha an t-uisge thairis.”

Anns an eaglais dh’ fhoillsich Criosd e féin do m’ anam ann an dòigh iongantach. O! am bòrd sòghmhor a bha air a dheasachadh dhomhsa anns an fhàsach. Feuch cuirm ghràidh, gràdh gun choimeas; Criosd ’ga thoirt féin seachad le uile shochairan a bheatha agus a bhàis. Rinn na dh’ fhiosraich agus na dh’ fhairich mi a leithid de dhrùidheadh air m’ anam ’s gu’n robh mi ionnan ’s a bhi ann an nèamh.

B’e an ceann-teagaisg, “Dh’ òl iad de’n charraig spioradail a lean iad, agus b’i a’ charraig sin Criosd,” agus o’n cheann-teagaisg sin bha an Tighearna Iosa Criosd gu h-urramach air a nochdadh, ’n a lànachd agus ’n a éifeachd. Dh’ òl m’ anam gu saibhir de’n uisge a thàinig a mach as a’ charraig. Shruth sruthanan slàinte agus sòlais ann am pailteas bho Chriosd, agus fhuair mi fàsadh do m’ anam ann an sgàile na carraige so. Shuidhich mi mo chreideamh agus mo dhòchas gu sìorruidh air Criosd, a’ deanamh dìmeas air gach bunait eile, agus bha mi cinnteach nach toir ifreann fhéin buaidh a’m’ aghaidh.

Do bhrìgh gur carraig Dia nach caraich gu bràth tha a shligheannan foirfe agus bidh obair a ghràis ann am anam air a deanamh coimhionta ’n a àm féin cho cinnteach ri obair a’ chruthachaidh.

Bha mi ’g am shamhlachadh féin ris a’ chhìch-mhara a tha beò an ceangal ris a’ chreig agus a chrupas i féin ris a’ chreig a chum a dhon an uair a bheanas an ni as faoine rithe, agus nach h-urrainnear a bhuaig gun a dochann. Tha mise gu deimhin mar sin, oir is ann ann an Criosd a tha freumhan mo bheatha, agus as eugmhais-san cha ’n urrainn mi ni air bith a dheanamh, ach cha mhò is urrainn uile ainneart peacaidh agus ifrinn mo spionadh o charraig nan àl, oir tre éifeachd m’ aonaidh ris a’ charrraig tha mi a’ seasamh daingean.

Thàinig mi mach as an eaglais air m’ ùrachadh le aran Dhé, a thàinig a nuas o nèamh; a’ moladh ainm Chriosd air son a mhaitheis. Thug esan buaidh agus thionail mise a’ chreach: chuir esan le deòir, le pian, is fallus, agus bhuaig mise le aoibhneas agus le subhachas. Chaidh buntainn ris-san gu maslach agus chaidh gabhail rium-sa gu h-urramach. Tha am facal fìor gu deimhin, “Tha aon neach a’ cur agus neach eile a’ buaig.”

Theich mi a nis do ionad uaigneach a chum taingealachd agus cliù a thoirt do Dhia a chionn gu’n do thaisbean e dhomh uiread de chaomh-chàirdeas iongantach, agus fhuair mi mo chridhe a’ taomadh a mach ann an ùmhachd do’n Tighearna. O! gràdh agus gliocas Dhé a bha a nis air a thaisbeanadh dhomh! Ghabh mi beachd air Dia agus air a ghliocas, ’g a shamhlachadh a’m’ inntinn féin mar thuathanach mòr a dh’ àiticheas am fonn agus a chuireas sìol an Fhacail anns a’ chridhe, agus mar an ceudna a riaghlas an aimsir a bheir an sìol a chum abachaidh, agus bha mi air mo thoirt gu chreidsinn gu’n cuir e a leithid de aimsir ’s a chi a ghliocas neo-chrìochnach iomchuidh a chum foghar tarbhach a ghluil de thoradh fireanachaidh ann am anam.

Shamhlach mi gràs an Spioraid ri iomad seòrsa sìl, agus chunnaic mi an ni a bheireadh tur sgrìos air aon seòrsa sìl gu’n tugadh e fàs is cinneas air seòrsa eile. Shamhlach mi creideamh ris a’ ghràinne chruithneachd a sheasas ri reothadh is sneachd a’ gheamhraidh, agus a tha air a dheanamh na’s fheàrr leis an doiniann, ged a gheibheadh sìl eile am bàs leis an aimsir cheudna. Uime sin tha mi toileach a bhi strìochdta le aimsir air bith a chuireas an Tighearna thugam anns an t-saoghal so.

O Dhé, tha mi ag aidealadh le nàire gu’n robh mi ’g a do sheòladh-sa mar bu chòir duit obair a dheanamh air m’ anam, ach a nis tha mi ’g am chur féin a’d’ làmhan-sa gu buileach, ag iarraidh ort oibreachadh orm mar is aill leat. Tha mi a’ faicinn a leithid de dhoille ann am reusan, a leithid de dhorchadas ann am thuigse, a leithid de aingealtas ann am thoil, ’s nach ’eil earbsa air bith agam annam féin. Dean thusa mo cheuman a stiùradh, agus mo chrannchur a riaghladh. Tha mi a’ creidsinn nach biodh e maith dhomh fios a bhi agam air na nith-ean a chum thu ann an cleith orm.

Air an t-Sabaid so mheal mi mòran de làthaireachd an Tighearna agus bha mo shùilean air am fosgladh aig a’ chuirm shòluimte. Dh’ fhaodainn da-rìreadh Betel, —tigh Dhé— a ghairm de’n ionad uir. Air leam gu’m bu mhaith leam còmhnuidh ann uile làithean mo bheatha a chum a bhi ag amharc air maise an Tighearna agus gàird-eachas a dheanamh ’n a theampull naomh. Beannaichte gu’n robh ainm an Tighearna air son a mhaitheis. Ach cha ’n fhaodainn fuireach anns an ionad ud daonnan. Tha obair an t-saoghail is dleasdanasan an t-saoghail ’g am ghairm ach is e m’ ùrnuigh ri Dia nach cail mi gu bràth an dearbhachd spioradail a fhuair mi annam fhéin aig bòrd a’ chomanaichaidh agus nach cail mi am blas mìlis a fhuair mi air mo Shlànuigh-ear.



CO RIS A CHOIMEASAR DIA?

Cha duine Dia. Aireamh, xviii, 19.

Bha tuathanach àraidh ann aig an robh aon mhac. Bha an tuathanach 'n a dhuine cruaidh saoghalta, gun mheas aige air ealain no grinneas no sgoil. Cha robh ni air an t-saoghal a' ruith 'n a inntinn ach daimh is gambha is buannachd, agus o'n cheud latha a chaidh a mhac do'n sgoil bha fadachd air gus am foadadh e a fàgail, agus tòiseachadh air obair.

Bha am balach anabarrach maith air tarruing dhealbh. Bha e na b' fheàrr air na dealbhan na bha e air cunntas no leughadh; cha robh sòlas air thalamh a b' fheàrr leis na bhi tarruing dhealbh air a sgliait, ged a choisinn sin dha air uairean an t-slat o'n mhaighstir-sgoil.

Uair a thàinig dealbhadair ainmeil gu tigh an tuathanaich leig a mhàthair fhaicinn da cuid de na dealbhan a tharruing an gille beag, agus iad air an cumail aice gu cùram-ach ann an dràghar far nach fhaiceadh 'ath-air iad. Chuir gleusdachd a' bhalaich agus grinneas a làimhe iongnadh mòr air an duine, is dh' iarr e air bean an tuathanaich cothrom a thoirt do'n ghille. "Mur bheil mi meallta 'n am bharaill," ars' esan, "ni am balach ainm dha féin anns an t-saoghal fhathast."

Cha robh maith gu'm faiceadh sùil an tuathanaich na dealbhan a bha a mhac a' tarruing oir bha e an dùil nach robh anna ach faoineas is cosg ùine. Ach ghléidh a mhàthair am facal a thuirt an dealbhadair rithe agus bhiodh i a' beachd-smuaineachadh air a h-uile latha 'n a cridhe. Feasgar sònruichte a rug 'athair air a' bhalach agus e a' tarruing dealbh a mhàthar air paipear, rug e air a' phaipear agus le feirg shrac e 'n a chrìomaga beaga e, agus mhaoidh e le mionnan gu'm breabadh e e na'm beireadh e air a ris a' tarruing dhealbh. An sin chuir e mach e a dh' ionnsuidh an achaidh, a' sgaoileadh innearach, gus an robh a ghàir-deanna cho goirt ri chridhe.

An là a ràinig am balach ceithir bliadhna deug thuirt athair ris nach rachadh e do'n sgaoil tuilleadh, agus gu'm feumadh e a dhruim a lùbadh ris an obair. "Fhuair thu do bheatha a chur seachad gu dìomhain-each gu so," ars' esan, "ach a nis bidh agad ri oibreachadh air son do lòn, agus sgur de'n

fhaoineas; thoir dhomh na dealbhan agus na pinn agus na h-innealan eile les am bi thu 'g an deanamh."

Thàinig rachd ann am muineal a' bhalaich agus deòir 'n a shùilean ach dh' éirich e gu h-umhail agus rinn e mar a dh' iarr 'athair air. Gun uiread agus sealltuinn air na paipearan a chuir am balach 'n a làimh—an ulaidh a bu phrìseile a bha aige air an t-saoghal—stob an duine mosach anns an teine iad, agus ann an dà mhionaid bha obair is sòlas a' bhalaich 'n a smùr.

An oidheche sin cha d' thàinig am balach gu shuipeir. Shiubhail a mhàthair shìos is shiubhail i shuas ach cha robh an gille ri fhaotainn. Theab i dol as a ciall ach cha d' thug an tuathanach dhi de chomhfhurt-achd ach so, "Na bi a' cur dragh air bith ort fhéin; ghabh an gàrlach saoihbneas gun reusan, ach cuiridh an t-acras dhachaidh e."

Ach cha d' thàinig e dhachaidh an oidheche ud, no an ath oidheche, no iomadh oidheche 'n a dhéidh. Bha cridhe a mhàthar briste, ach bu mhotha fearg 'athar no a bhròn.

Oidheche fhuar gheamhraidh, còig mìosan an déidh do'n ghille teicheadh air falbh bho thigh 'athar, agus an tuathanach agus a bhean 'n an suidhe aig an teine, fosglaidh an dorus gu fàilidh agus faicear am balach 'n a sheasamh air an stairsnich, is eagal is acras is fiamh a' bhàis 'n a shùilean.

Leum a mhàthair is chuir i a làmhan m'a amhaich is tharruing i a dh' ionnsuidh a' bhlàiths e, ach cha do rinn 'athair uiread agus stad de'n phìob a bha 'n a bheul. Shuidh e aig taobh an teine a' sealltuinn air a' ghille gu maobail agus gun e ag ràdh diog. "O! athair," ars' am balach, mu dheireadh. "nach bruidhinn sibh rium! Tha mi duilich gu'n do theich mi air falbh, ach ni mi rud sam bith 'g ur toileachadh ma bheir sibh maiteanas dhomh."

"Seadh," ars' an tuathanach gu fuar frìonasach, "dh' fhalbh thu mar a thogair thu agus thill thu mar a thogair thu, agus a nis tha thu ag iarraidh orm sa gabhail riut mar nach biodh dad ceàrr. Cha 'n 'eil annad-sa ach diù nan gillean co dhìù, agus tha thu an dùil nach 'eil annam-sa ach an t-amadan bog coltach riut fhéin. O'n a thàinig tu dhachaidh cha chuir mise a mach as an tigh thu, ach," (le mionnan nambas-ach) "cuimhnich so, nach téid greim bidh ann ad bheul ach greim a dh' oibriceas tu air a shon gu goirt."

Bha aig duine àraidh dithis mhac. Agus thubhairt am fear a b' òige dhiubh r'a athair, Athair thoir dhomhsa a' chuibhrionn a thig orm de d' mhaoin. Agus rinn e orra a bheathachadh.

Agus an déidh beagan làithean chruinnich am mac a b' òige a chuid uile, agus ghabh e a thurus do dhùthaich fada as, agus an sin sgap e a mhaoin, a' caitheadh a bheatha gu struidheasach.

Agus an uair a chaith e a chuid uile, dh' éirich gort ro mhòr anns an dùthaich sin; agus thòisich e air bhi ann an uireasbhuidh. Agus chaidh e agus cheangail e e féin ri aon de mhuinntir na dùthaich sin; agus chuir esan d'a fhearann e a bhìadhadh mhuc. Agus bu mhiann leis a bhì air a shàsachadh leis na plaoisg a bha na mucan ag itheadh; ach cha d' thug duine air bith dha.

Ach an uair a thàinig e d'a ionnsuidh féin thubhairt e, Cia lìon de luchd-tuarasdail m' athar aig am bheil aran gu leòir agus r'a sheachnadh, agus mise a' bàsachadh an so leas an acras! Eiridh mi agus theid mi dh' ionnsuidh m' athar, agus their mi ris, Athair pheacaich mi an aghaidh nèimh agus ann ad làthair-sa cha 'n airidh mi tuilleadh gu'n goirteadh do mhac-sa dhìom: dean mi mar aon de d' luchd-tuarasdail.

Agus dh' éirich e agus thàinig e dh' ionnsuidh 'athar. Ach air dha bhì fathast fad as, chunnaic 'athair e, agus ghabh e truas dheth, agus ruith e, agus thuit e air a mhuineal agus phog e e. Agus thubhairt am mac ris, Athair, pheacaich mi an aghaidh nèimh, agus ann ad làthair-sa; cha 'n airidh mi tuilleadh gu'n goirteadh do mhac-sa dhìom. Ach thubhairt an t-athair r'a sheirbhisich, Thugaibh a mach gu luath an trusgan a's fhèarr, agus cuiribh uime e; agus cuiribh fàinne air a làimh, agus brògan air a chasan; agus thugaibh an so an laogh biadhtha, agus marbhaibh e, agus itheamaid agus bitheamaid subhach; oir bha mo mhac so marbh, agus tha e beò a ris; bha e cailte agus fhuaradh e. Agus thòisich iad air bhì subhach.

A nis bha a mhac a bu shine anns an achadh; agus an uair a thàinig e agus a thàrr e agus do'n tigh, chuala e ceòl agus dannsa. Agus ghairm e d'a ionnsuidh aon de na h-òglaich, agus dh' fhiosraich e ciod bu chiall do na nithe so. Agus thubhairt esan ris; Tha do bhràthair air teachd; agus mharbh t' athair an laogh biadhtha, a chionn gu'n d' fhuair e slàn fallain e.

Ach bha fearg airsan, agus cha b' aill leis dol a steach; agus thàinig 'athair a mach agus ghuidh e air. Ach fhreagair esan agus thubhairt e r'a athair, Feuch, tha mise a' deanamh seirbhis dhìut an uiread so de bhliadhnachan, agus riamh cha do bhris mi

d' àithne; gidheadh cha d' thug thu riamh meann domh, a chum gu'm bitinn subhach maille ri mo chàirdean. Ach an uair a thàinig do mhac so, a dh' ith suas do bheathachadh maille ri striopaichean, mharbh thu an laogh biadhtha dha. Agus thubhairt esan ris, A mhic, tha thusa a ghnàth maille riom, agus na h-uile nithe a's leamsa is leatsa iad. Ach bu chòir dhuinn a bhì subhach agus aoibhneach; oir bha do bhràthair so marbh, agus tha e beò a ris; agus bha e cailte agus fhuaradh e.

* * * *

Cha 'n fhaca duine Dia riamh, air chor agus nach 'eil e idir furasda a ràdh co ris a choslaichear e. Theagamh gur e an t-ainm as buadhmoire a thugadh riamh do Dhia an t-ainm *An t-Athar neamhaidh*, an t-ainm a thugadh dha le ùghdarras Chrìosd, ach do mhòran dhaoine air thalamh an diugh cha 'n 'eil e 'n a sgeul aoibhneach a chluinntinn gu bheil Dia coltach r'an athraichean. Tha an t-ainm 'n a chnap-starra dhaibh an àite a bhì 'n a sholus 'g an treòrachadh gu Dia. A h-uile bliadhna tha mìlean de chloinn air an breith nach fhaigh gaol no blàths no caidreamh bho'n aithrichean, nach fhaigh bhupa ach miannan is buillean is gortachadh-eridhe. Co ris a shamlaichear Dia a chum gu'm b'i an samhladh sin 'n a sgeul mhaith do'n chloinn so? An abrar riu gu bheil Dia coltach r'an athair? Nach e sin an cliù a bu mhiosa a b' urrainn e fhaotainn 'n an cluasan.

O, sibhse athraichean agus a mhàthraichean a leughas an duilleig so, cuimhnichibh gur e 'ur beatha agus 'ur giùlan an measg 'ur teaghlach; 'ur gaol agus 'ur dìlseachd, air neo 'ur gòraiche agus 'ur n-olcas, a tha toirt daibh nan smuaintean a tha aca mu Dhia, agus nach e idir na chluinneas iad anns an sgoil Shàbaid no anns an eaglais. An uair a tha duine aig am bheil clann 'n a dhuine aingidh tha 'aingidheachd a' giùlan toraidh ann an cuirp agus ann an inntinnean agus ann an amannan a chloinne. Ciod an peacadh as uamhasaiche na gu'n tugadh athair air a mhac *gràin a ghabhail air Dia!*

DRÒCH LAMH-SGRIOBHÀIDH.

Faicibh meud nan litrichean anns an do sgrìobh mi do 'ur n-ionnsuidh le mo làimh féin. Galat. vi, 11.

Ged nach duine beartach mi bheirinn còig notaichean air ainm Phoil 'n a làmh-sgrìobhadh fhéin. Theagamh gu'm b' fhèarr le Pol

fhéin mi a thoirt nan còig notaichean do'n Chomunn a tha feuchainn ris na h-Iudhaich iompachadh, ach cleas an duine do nach b' aithne Gréigis ach a cheannaich Faclair Gréigis a chionn gu'm faca e an leabhar air a thairgsinn air tasdan air bara-roth air an t-sràid, agus gu'm bu mhaith leis gun an tànaill sin a bhi air a deanamh air sgoileir-eachd, cheannaichinn-sa seula Phoil air son an aobhair cheudna na'n cluinninn gu robh e a' dol a mach air neo-mi cho suarach ri còig notaichean.

Cha 'n 'eil na diadhairean a' còrdadh mu'n fhacal so a labhair Pol. Tha cuid an dùil gur e an seachas fada a rinn e ri muinntir Ghalatia a bha 'n a inntinn aig an àm, mar gu'n abradh e, Faicibh an litir mhòr fhada a chuir mi thugaibh, seachd duilleagan agus an còrr. So an dòigh anns an do thuing na daoine a dh' eadar-theangaich an seann Bhiobull Gàidhlig am facal, *Tha sibh a' faicinn meud na litreach a sgrìobh mi dhuibh le mo làimh fein*. Ach tha sgoilearan eile am beachd nach e faidead a sheanchais a bha ann an inntinn Phoil idir, ach a dhroch làmh-sgrìobhaidh, mar gu'n abradh e (a' gabhail a lethsgheil), Faicibh na litrichean mòra anns an do sgrìobh mi, ach cuimhnichibh nach 'eil mo léirsinn maith; sin an t-aobhar gu bheil mo sgrìobhadh cho mòr cuagach 's a tha e.

Ann an linn Phoil cha robh iad ach tearc a b' urrainn sgrìobhadh idir. Mar sin bha daoine ann d'am bu cheaird e litrichean dhaoine eile a sgrìobhadh, coltach ris an luchd-lagha an diugh. Bha fichead reusan a' toirt air daoine dol a dh' ionnsuidh nan sgrìobhaichean sin a thuilleadh air nach b' urrainn daibh fein sgrìobhadh; ma bha duine leasg, no ma bha e ann an cabhaig, no ma bha a mheur air a gearradh, no mur bu mhaith leis dragh a chur air fhéin, b' fhasa dha suidhe air cathair agus iarraidh air fear de na sgrìobhaichean sin am peann a ghabhail air a shon. Sin mar a bha litrichean Phoil air an sgrìobhadh, ach a mhàin gu robh e fhéin a' cur 'ainme riu mar bharantas gur ann bhuaith a bha iad. Faodar a bhi cinnteach nach e an leisg a thug air Pol a litrichean a sgrìobhadh anns an dòigh so, ach bha a shùilean dona agus faodaidh nach robh a mheuran cho subailt 'g a bu mhaith leis, oir bha a làman air an cruadhachadh le obair. A thuilleadh air sin bha paiper is craicinn daor aig an àm agus rachadh aig na sgrìobhaichean air fada barrachd a chur air aon duilleig na rachadh aig Pol.

Ge'd nach h-abair mise air a cheann gur rud peacach e do dhuine a bhi 'n a dhroch sgrìobhadair their mi gur rud e co dhìu as nach urrainn e a bhi uasal, agus rud a bu

chòir dha a leasachadh ma théid aige air, mur bheil a mheuran cam leis an lòinidh no mur bheil aobhar sònruichte eile air a shon. Saoilidh mi gu bheil e am measg nan nithean a thoirmsig Criosd an uair a thubhairt e gur an-aobhinn do'n duine a chuireas ceap-tuislidh ann an rathad duine eile, no bheir oibbheum do'n mhuinntir lag. Mur peacadh a tha ann an droch sgrìobhadh do'n fhear a rinn e, tha e gu tric 'na aobhar peacaidh anns an fhear a bhios a' feuchainn r'a leughadh, 'g a chur air seacharan air rìoghachd nèimh. An uair a gheibh thu litir agus nach h-urrainn duit a dheanamh a mach cò a chuir thugad i, no ciod a tha innte, le olcas an sgrìobhaidh, tha i a' cosg t' ùine, agus a' cosg t'fhaighidinn, agus a' cosg do shùilean, agus rud is mìosa air fad, is dòcha gu'n tig faicail gu stairsneach do bhilean nach bu chòir a bhi air an fuaimneachadh am measg nan naomh.

Is e droch-sgrìobhadh aon de na fàilingean as nach 'eil a' mhòr-chuideachd de dhaoine a' gabhail nàire air bith. Cuiridh e nàire air daoine na faicail a sgrìobhas iad a litreachadh gu ceàrr, ach cha chuir e idir nàire orra na faicail a sgrìobhadh cho dona 's nach gabh iad leughadh. Cha 'n 'eil mi uile gu léir cinnteach ciod is ciall da so, ach theagamh gur e is ciall da, gu bheil uiread de dhaoine mòra agus de sgoilearan maithe 'n an droch sgrìobhadair-ean. Saoilidh na daoine beaga gu bheil iad a' fàs mòr an uair nach gabh an sgrìobhadh aca leughadh, agus saoilidh iad gu bheil iad ann an cuideachd uasal ann am measg nan sgoilearan.

An là roimhe thug mi sùil air leabhar ann am bùth leabhraichean anns an robh ainmean maithean na rìoghachd so uile air an cur-sios 'n an làmh-sgrìobhaidh fhéin, agus mur biodh e air innseadh air duilleig eile cò iad cha deanainn a mach an dara leth dhiubh. C'ar son a thatar a' cur duine do'n sgoil mur h-ionnsaich e 'ainm a sgrìobhadh air chor 's gu'n aithnich daoine eile a sheula? Na 'n robh Pol cho dona air sgrìobhadh ri cuid de mhuinntir na Pàrlamaid, no cho dona ri cuid de Easbuigean na h-eaglais Shasunn-aich, bhiodh an tuilleadh connsachaidh mu na litrichean aige 'g a tha ann cheana. Na'n do sgrìobh e 'ainm air an dòigh anns am biodh an sgoilear agus an diadhair ainmeil Westcott a' sgrìobhadh ainm féin, tha mi làn chinnteach gu'm biodh argumaid aca mu'n ghnòthuch ann an Galatia, agus ann an Corint, agus ann an Ephesus; cuid ag ràdh gur e ainm Phoil a bha ris an litir is cuid eile 'g a leughadh mar ainm Shilais, no mar ainm Lucais, no mar ainm Pheadair.

Na'm faighinn cothrom air droch sgrìobh-

adairean fhaotainn còmhla, agus gu sòn-ruichte daoine nach sgrìobh an ainm ann an dòigh a ghabhas a leughadh, bheirinn dhaibh searmon cruaidh mu olcas an gnìomharan agus dh' innsinn dhaibh cìod a tha feitheamh orra anns an t-saoghal eile mur h-atharraich iad an làmh-sgrìobhaidh. Dh' innsinn dhaibh nach 'eil e uasal dhaibh a bhì cur uiread dragh air daoine eile 's a tha iad a' deanamh, agus dh' abrainn riutha sùil mu'n t-sròin gur e an leithidean-san a tha cur phostachan is phrintearan air seacharan bho Dia le toibheum, agus a' deanamh Bolsheabbicean de mhuintir a' Phost Office. Agus anns a' chomh-dhùnadh bheirinn dhaibh so gu bhì 'g a chagnadh fo am faclan, —gu bheil eanchainnean troimh-chéile glé bhitheanta aig daoine aig am bheil droch làmh-sgrìobhaidh. Tha ceò anns an inntinn an uair a tha cion grinneis air an làmh.

Bha mòran de dhaoine ainmeil 'n an droch sgrìobhadairean; Napoleon is Montaigne, is Emerson, is Tomas Carlyle, is Thomas Chalmers. An uair a bha fear de leabhraichean Charlyle 'g a chur an clò ann an Dunéidean b' fheàrr le cuid de'n luchd-obair an àite a thoirt suas seach a bhì a' strì r'a sgrìobhadh a dheanamh a mach. Tha e air a ràdh gu'm biodh màthair Chalmers a' gleidheadh nan litrichean a bhiodh e a' sgrìobhadh thuice as a' Chollaiste gus an tigeadh e dhachaidh anns an earrach agus an leughadh e fhéin dhi iad.

Bha sgrìobhadh an t-seann Diuc Wellington cho furasda a leughadh 's a bha a chainnt furasda a tuigsinn. Ach bha e air uairean air a shàrachadh le droch sgrìobhadairean a bhiodh a' cur litrichean thuige. Chuir duine a bha air son craobhan sòn-ruichte air an oighreachd aige fhaicinn litir thuige, ag iarraidh cead air dol 'g am faicinn. Rinn an Diuc a mach an còrr de'n litir ach cha b' urrainn da am facal *craobhan* a dheanamh a mach. Mu dheireadh shaoil e gur e *briogaisean* a bha ann, agus ged a chuir e iongnadh mòr air c'ar son a bha Easbuig Lunnainn air son a bhriogaisean fhaicinn (sin a rinn e de'n ainm a bha ris an litir), chuir e am fios-freagairt so air ais.

“Bidh mise toilichte bhur faicinn uair air bith a thig sibh a dh' ionnsuidh mo thighe, agus leigidh mo sheirbhiseach fhaicinn dhuibh uiread de mo bhriogaisean 's is maith leibh sealltuinn orra, ach cha 'n urrainn mi a thuigsinn cìod air an t-saoghal a tha toirt oirbh tighinn a dh' fhaicinn mo bhriogaisean-sa.”

Ma chuir litir an Easbuig iongnadh air an Diuc tha mi cinnteach gu'n do chuir litir an Diuc an tuilleadh iongnaidh air an

Easbuig, oir cha b' esan a sgrìobh mu na craobhan idir, ged a leugh an Diuc an t-ainm a bha ris an litir mar ainm Easbuig Lunnainn. Feuch, cia mòr an connadh a lasar le teine beag!

Ach ged tha mòran dhaoine 'n an droch sgrìobhadairean thug an t-Americanach, Horace Greeley, bàrr orra air fad. Tha e air a ràdh gur e esan sgrìobhadair a bu mhiosa a bha riamh air an t-saoghal. Chuir boirionnach air chor-cigin pìos bàrdachd a dh' ionnsuidh a' phaipear aige an dùil gu'n cuireadh e a' bhàrdachd anns a' phaipear, agus gu'm pàigheadh e i air a shon. Cha robh an rud freagarrach air son a' phaipear, agus sgrìobh e air ais a dh' innseadh sin dhi. Cha b' urrainn i an litir a leughadh, ach chuidich an teaghlach uile leatha fad dà latha, agus mu dheireadh is e a thug iad aise do robb an duine a' tairgsinn a pòsadh.

Tha e cho duilich dhuit gnothuch a dheanamh le litir ri duine aig a bheil droch làmh-sgrìobhaidh 's a tha e dhuit seachas a dheanamh ri duine gagach. Ach ged nach h-urrainn an duine gagach a ghagaiche a chuideachadh, b' urrainn an droch sgrìobhadair sgrìobhadh na b' fheàrr na'n gabhadh e ùine, no na'm biodh meas aige air grinneas, no na'm biodh co-fhaireachduinn aige ris na daoine a dh' fheumas a leughadh. Cha 'n 'eil e an dara cuid modhail no cròs-dail do dhuine dragh a thoirt do dhaoine eile nach ruigeadh e a leas. An là roimhe fhuair mi litir a bha air a sgrìobhadh air ceithir duilleagan de phaipear mòr farsuing, ach ged a dh' fheuch mi r'a leughadh dh' fhairtlich orm a dheanamh a mach cò a sgrìobh i. An toiseach shaoil mi gur e cuid-eigin a chuir thugam crioman Gàidhlig air son an leabhair dheirg, ach an ath shùil a thug mi oirre, cha b' urrainn mi facal a bha coltach ri facal Gàidhlig fhaotainn innte: an sin choltaich mi an sgrìobhadh ri Arabic, ach an ath mhionaid thuir mi rium fhéin nach robh ach trìuir uile gu léir d'am luchd-eòlais d'am b'aithne Arabic, agus gu robh an trìuir sin 'n an deagh sgrìobhadairean; an sin thàinig e a steach orm gur e Algebra a bha air na duilleagan, agus cho luath 's a thàinig, chuir mi an litir anns an teine, an aon àite as freagarraiche air son Algebra. Ach co dhìu a bha innte Arabic no Algebra no Gàidhlig cha 'n fhaca tu rud riamh a bu choltaiche ri obair figheadair na'n sgrìobhadh ud. Beir thusa, a leughadair, air trì figheadairean; tùm iad ann am botul ink, agus an sin leig mu réir iad air paipear glan; agus ann an dà mhionaid chi thu co ris a bha an litir a fhuair mise coltach.



ANNAN A CHATHAIR.

Feasgar an dé thàinig coimhearsnach 'g am fhaicinn, coimhearsnach ris an abair sinn, *A' Chailleach-Oidhche*. Thugadh an t-ainm ud air a chionn gu bheil a sheanchas coltach ri guileag na cailleach-oidhche, tùirseach dubhach. Tha na deòir daonnan 'n a ghuth, agus a chridhe làn eagail. Tha mi cinnteach gu'n d' innis e dhomh fichead uair cheana gu bheil iompaireachd Bhreathuinn a' dol sìos agus nach fhada gus am bi sinn fo na casan aig Iapan; gu bheil an eaglais Chrìosduidh a' dol sìos euideachd agus nach fhada gus am bi na Mohammedanaich na's lionnhoire na luchd-leanmhuinn Chrìosd; gu bheil an dara leth de mhuintir na dùthcha so 'n am Bolseabhaicean agus nach fhada a bhios duine idir ann dìleas do Dhia no do'n chrùn. Chuireadh seanchas an duine eagal orm mur b'e gu'n cuala mi a leithid roimhe. An uair a shuidheas duine fo chraoibh-aiteil agus a thòisicheas e air fhàidheadaireachd a dheanamh cha ruig thu leas deanamh ris ach mar a rinn an t-Urra Mòr agus an t-Urra Glic ri Elish an là ud a thàinig e 'n a làthair ann an riochd caill-each-oidhche; "thréig clann Israeil do chombheangal, thilg iad sìos t' altairean, agus mharbh iad t' fhàidhean leis a' chlàidheamh; agus dh' fhàgadh mise a mhàin." Bha cùisean na b' fheàrr na shaoil Elish; bha seachd mìle ann an Israel nach do lùb an glùn do Bhaal.

Ach cha b' ann mu'n eaglais na mu'n staid a bha mo chomhearsnach ag innseadh nithe brònach dhomhsa an dé; bha port ùr aige an dé, agus b'e so am port, *gu bheil slugh na dùthcha 'g am puinnseanachadh fhéin le tea*. Thuir e nach 'eil na fir cho làidir 's a bha iad, no na boirionnach cho bòidheach, a chionn gu bheil iad air am puinnseanachadh le tea. Thuir e rium nach ruigear a leas sealltainn ris na dotairean air son an cunnart innseadh do dhaoine, a chionn gur h-ann bho obair na tea a tha iad a' faotainn dà thrian d'an tighinn-a-steach. Cha 'n 'eil cuimhne agamsa air a' h-uile galair is eucail a dh' innis e dhomh a bhios an tea ag aobharachadh, ach co dhiu bha rann mhòr fhada dhiubh aige, agus bha galair na nam measg air nach cuala mise iomradh riamh roimhe. Ach tha cuimhne agam air an fheadhainn so; droch stamag, losgadh-bràghad, a' ghlas-seile, an crith-ghalar, a' chaitheamh, an galair-cridhe, beul-a-

mhaothain, an lònidh, an greim-mionaich, a' bhuidheach. Thuir e euideachd gu bheil an tea ullamh gu lionn-dubb is breòlaid a thoir air mòran dhaoine, agus gu bheil i a' cur barrachd dhaoine do'n tigh-chuthaich na'n t-uisge-beatha.

Lean e air fad leth-uair an uaireadair a' cur crith air m' fheòil le rudan de'n t-seòrsa sin, ach ged a chaill mi mo chainnt agus nach b' urrainn mi mo thaobh fhéin de'n argunaid a chumail suas, cha do chaill mi mo thùr gu buileach, oir chuimhnich mi ciod a thuir an t-aingeal ri Elish an uair a thòisich e air guileag mar chailleach-oidhche. Bhuail mi an clag is dh' iarr mi air Ceit an tea a chur a steach thugainn, *agus i bhì teth is làidir*.

Tha mise ag òl tea bho chionn dà fhichead bliadhna ach cha d' fhairich mi riamh gu'n do rinn i cron dhomh, agus na'n robh teanga a' bhàird agam, rud nach 'eil, dheanainn laoidh 'g a moladh. Ann an litreachas na Gàidhealtachd gheibhear gu leòir de òrain a' moladh an uisge-bheatha, ach cha do mhol ar bàird an tea. Na rannan a gheibhear mu'n tea, is ann 'g a dimoladh a tha iad.

Fhir a tha cumant a' siubhal nan garbh-chrioch,

Thig agus innis dhomh nis o chionn ainnsir,
C'ait bheil a' chaileag tha coltach ri sean-mhair,

Tha iad air searg le duilleach na tea.

Cha 'n eil cuimhne agam cò a rinn an t-òran so, ach cò air bith a rinn e, cha robh ann ach a' chailleach-oidhche, oir tha caill-eagan an là diugh fada na's bòidheche na'n seanmhair-aichean.

Dh' fhaodadh an Comunn Gàidhealach rudeigin a dheanamh gus a h-àite fhéin a thoir do'n tea ann an litreachas na Gàidhealtachd na'n tugadh iad aon de na duaisean aig a' Mhòd air son òran 'g a moladh. Na'n robh mi dlùth do m' charaid ann an Cillfhinn, Mgr. Mac Aoidh, chuireamaid ar cinn ri chéile, is theagamh gu'm biodh teine mòr air fhadadh. Ach bha na bàird riamh bàigheil ris an uisge-bheatha, is bhiodh eagal orm nach cuireadh an tea a sheinn iad.

Co a' cheud duine a rinn tea? Sin agad ceist nach h-urrainn mise a fhreagairt, ach na'm b'aithe dhomh ainm an duine dh' òlainn air a shlàinte a' h-uile latha. Tha e glé iongantach nach aithne dhuinn na daoine as motha a tha sinn 'n an comain.

Neo-ar-thaing nach cual an saoghal mu Mharconi, ged tha teagamh agam nach do mheudaich innleachdan Mharconi sonas a' chinneadh-daonna ach glé bheag; chuala sinn cò a' cheud duine a rinn bàta-smùid, is carbad-smùid, is motor car, is innealan eile a tha feumail is goireasach do mhac an duine. Ach cò a' cheud duine a bhleòghain mart no chunnaic gu'n gabhadh bainne faotainn bho chrodh; co a' cheud duine a chuir sìol no chunnaic gu'n gabhadh aran deanamh air an dòigh sin; co a' cheud duine a las teine riamh. Sin na daoine a b' fhiach urram a thoirt daibh agus cha 'n e Alasdair Uaibhreach no Pharaoh.

Is ann mu'n bhliadhna 1657 a thòisich muinntir Bhreatuinn air tea òl, ach b' aithne dhaibh i ann an China còrr is mìle bliadhna roimbe sin. A réir seann sgeulachd a tha aca ann an China b'e mac rìgh anns na h-Innsean an Ear a fhuair a mach an luibh an toiseach, duine a bhiodh ag innseadh do dhaoine eile gur e an dòigh air a bhi sona feòil is fuil a sheachnadh, agus gun dad itheadh ach luibhean. Ciod a their thu ris a sin, a leughadair? An bu nhaith leat an dòigh sin fheuchainn? Air mo shon fhéin dheth bhiodh mo reusan air taobh mac an rìgh ach tha mi 'n dùil gu'm biodh mo ghoile 'n a aghaidh. Leis a' chleachadh a bhi ag itheadh uiread feòla is éisg bhiodh e duilich do dhaoine dol air an ais a nis gu luibhean, ach na'n gabhadh e deanamh, biodh e mòran na bu bheusaiche agus na bu chaomhaile.

Bho chionn bhliadhnanachan bha mi a' bruidhinn ri boirionnach a bha a' biathadh ceare-ghuir aig an robh naoi no deich de bhigeanan; anns a' bhruidhinn a bha againn thàinig faoileann agus beiridh i air fear de na bigeanan is falbhar leis. Na'n cluinneadh sibhse an càineadh a rinn am boirionnach agus mi fhéin air an fhaoilinn! Thuir sinn r'a chéile gu'm b' uamhasach an rud a rinn i; nach robh innte ach creut-air mosach an-ìochduhor.—agus nach b' fheàrr i dad na na daoine dubha a bhios ag itheadh nan soisgeulaichean a chuirear thuca. Ach fad na h-ùine cha robh ann-ainn ach na Pharasaich, a' sìoladh na meanbh-chuileig agus a' sluigeadh càmhail, oir an uair a chaidh sinn a steach a ghabhail bìdh, ciod a chuir am boirionnach air mo bheulaobh air a' bhòrd ach coileach mòr reamhar, *athair a' bhigein a thug an fhaoilcann leatha!* Ghabh mise mo chuid fhéin de'n choileach, agus dh' ith ise eriomann dheth cuideachd, ach cha d' thàinig e fodh-ainn idir nach b' fheàrr sinn dad na'n fhaoileann. Ma sheallas tu air an rud gu cothromach bha sinn na bu mhosaiche agus na b' an-ìochdmhoire na'n fhaoileann, oir rinn sinn ann am fuil fhuar a' cheart ni a

rinn an fhaoileann ann am fuil theth. A thuilleadh air sin bha seòrsa de chàirdeas eadar am boirionnach agus an coileach, no co dhiu, bha eòlas maith aca air a chéile, oir is e a làmh a bheathaich e o na bha e 'na bhigein. Cha robh aice ach *diug diug* a ghlaodhach, agus ruitheadh e 'n a còmh-dhail is dheanadh e fiughair rithe, ach latha de na làithean a ruith e 'g a h-ionnsuidh gu toilichte, rug i air is chuir i car 'n a amhaich, is ithear e.

Is e lagh na coille agus lagh na mara, 'a' bhéist as motha ag itheadh na béiste is lugha' ach ged nach toigh leinn aideachadh tha an lagh ceudna a' riaghladh beatha chloinn-daoiue. Agus rud glé neònach cha 'n 'eil an lagh so, a réir choslais, a' toirt oibheum do reusan no do choguis mhic an duine. Tha ar reusan agus 'ar coguis air an teagasg air a leithid de dhòigh 's gu'n toirmisg iad dhuinn nithean sòn-ruichte a dheanamh nach 'eil idir òle no gràineil anna fhéin, ach cha toirmisg iad dhuinn làmhachas-laidir brùideil a dheanamh air creutairean neo-chiontach nach do rinn cron air bith oirnn. Leigidh iad leinn dearmad a dheanamh air tròcair is dilseachd is gràdh is nithean mòr is cudthromach eile ged nach leig iad leinn dearmad a dheanamh air deachamh a thoirt as a' mhionnt, agus as an anise, agus nithean beaga suarach eile. Na'm biodh coinneamh aig cearcan is crodh is caoraich, agus na'n iarradh iad air aon diubh fhéin,—abair air seana choileach glic, a bheachdan air clann-daoine a thoirt do'n òigridh, ciod a b' urrainn e a ràdh ach so, "O, a chlann na machrach, na cuiribh 'ur n-earbsa ann am mac an duine oir tha e cho seòlta agus cho fuar ris an nathair. Labhraidh e ruibh le briathran mìne, shlogaidh e agus enòdaichidh e sibh mar gu'm biodh gaol aige oirbh, ach an uair nach saoil sibh, tionndaidh e oirbh mar an tigar, is marbhaibh is ithidh e sibh." Na'm biodh agam ri òraid de'n t-seòrsa sin a fhreagairt cha 'n 'eil fhios agam air an t-saoghal ciod a theirinn.

Ach tha an t-àm agam tilleadh a dh' ionnsuidh na tea, oir is cinnteach gu bheil i a' fàs fuar, agus ciod a tha ann an tea fhuar ach stiùrag gun bhlas gun loinn. Tea a tha lag, is meògh-bhlàth, is glas anns an dath, thoir an seòrsa sin do phàisdean no dòirt ann am biadh nam muc i, oir cha bhiodh e freagarrach a tairgsinn do dhuine, aig a bheil meas air an luibh bheannaichte. Cha freagair airsan ach tea a tha teth, is làidir, is buidhe le uachdar maith, agus i ann an cupa mòr. Coma leam na meurain bheaga a bhios mi a' faotainn air uairean ann an tìghean rionnach; cha 'n 'eil anna ach mealladh is campar spioraid. A thaobh

tea, cho mhaith ri rudan eile, is ceart gu'm biodh deagh thomhas air a thoirt seachad.

Tha mi an duil gur e an t-Ollamh Mac Iain drongair tea a bu mhò a bha riagh air an t-saoghal. Cha toigh leam am facal drongair, oir cha 'n 'eil e bòidheach, ach tuigidh tu ciod a tha mi a' ciallachadh leis. Cha robh e 'n a phòitear fiona; fad fichead bliadhna sheachain e fion is uisge-beatha, agus cha bheanadh e do dheòch eadhon aig bùird nan tighearnan Gàidhealach far an robh uisge-beatha cho pailt ris a' bhùrn. Ach ciod air bith uair de'n latha a rachadh tu 'g a fhaicinn bhiodh a' phòit tea ri taobh an téine. Bha an coire aige daonnan air ghoil, air a' mheadhon-oidheche is tràth anns a' mhaduinn.

An uair a bha e ann an Caisteal Dhun-bheagain dh'òl e seachd cupaichean deug aig aon suidhe; uair eile dh'òl e còig air fhichead, ach dh'òl e an uiread sin a chur fearg air boirionnach sònruichte a dh'jarr gu tea e, cha 'n ann air ghaol a chuideachd, ach air ghaol a leigeil fhaicinn do dhaoine gu'm b' aithne dhi an t-Ollamh Mòr. Ach ged a dh'òladh an t-Ollamh Mòr deich eupaichean fichead tea bhiodh àite aige do fhear eile na'n cothaichteachd air e.

Gus mo charaid a' Chailleach-oidheche a chur air 'uillinn smuinich mi gu'n abrainn ris gu bheil an tea maith air daoine a chur gu seachas, agus gur e meud 's na bhiodh e ag òl dhith a rinn an t-Ollamh Mac Iain cho maith ann an argumaid 's nach d' fhuair duine riagh a' chuid a b' fheàrr dheth. Ach chuir e a' ghlas-ghuib orm anns a' mhionaid, "An t-Ollamh Mac Iain," ars' esan, "ciod e a bha anns an Ollamh Mac Iain nach duine a bha làn de'n lionn-dubh, agus a bha uile làithean a bheatha air stairsneach an tigh-chuthaich. Agus crìoch-naichidh tusa do làithean fhéin ann mur sguir tu dhith."

An uair a bhuaileas duine farachan air duine eile anns a' cheann mar a bhuaill mo charaid ormsa tha an t-àm aca an seachas atharrachadh, air neo dealachadh, agus sin a rinn mise, dh'athraich mi an seachas; ach ged nach d' thubhairt mi ris-san e faodaidh mi a ràdh ris na daoine caomh a bhios a' leughadh na duilleig so, gu bheil mise an dòchas an Ni-maith nach crìoch-naich mi mo làithean ann an lionn-dubh, no ann an tigh-chuthaich, ach ann am bothan beag grinn air an do leag mi mo shùil cheana, an coinneamh an là anns an abair an eaglais rium gu bheil mi air fàs *Aosda agus Anfann*, agus gur fheàrr dhomh m' fhalluinn a thilgeil air guaillean as òige. Ach ma'n tig an là sin tha mi an dòchas gu'm bi an tea eadhon na's saoire 'na tha i an diugh, ged nach h-ann a' gearan a tha

mi, oir cha'n 'eil rùn 'n am chridhe air sgar dhi. An luibh bheannaichte! cò a chuireadh sìos oirre ach duine a tha 'a chridhe fhéin làn puinnsein agus a cheann làn sheilleanan.

POL AGUS ONESIMUS.

Onesimus a bha roimhe so neo-tharbhach dhuit-su, ach a nis a tha tarbhach dhuit-su agus dhomhsa. (Litir Phoib gu Philemon).

Is iomadh duine dona a thàinig trasd air Pol, uair no uaireigin 'n a bheatha, ach cha d' amais duine riagh air a bu mhiosa cliù na Onesimus, an uair a bha e air faon-dradh anns an Ròimh an déidh na meirle a rinn e ann an Colosse. Bha daoine a' sealltuinn sìos air na tràillean na bu mhotha na bha iad a' sealltuinn sìos air na cis-mhaoir, agus cha robh ann an Onesimus ach an dubh-thràill ann an tigh a mhaighstir. Ach do bhrìgh gu robh lomhaigh Dhé air a' cur air na tràillean mar a bha i air a cur air daoine eile bha cuid dhiubh a ghabh ris an t-soisgeul, agus a bha air an liubhairt bho thràillealachd a bu mhiosa na geimhean na feòla gu saorsa ghloirmhor cloinne Dhé. "Roghnaich Dia nithean amaideach an t-saoghail, a chum gu'n cuireadh e gu nàire na daoine glìce; agus roghnaich Dia nithean annhann an t-saoghail, a chum gu'n cuireadh e gu nàire na nithean neartmhor; agus nithean suarach an t-saoghail, agus nithean dìmeasach, roghnaich Dia, a chum gu'n cuireadh e na nithean a tha ann an neo-bhrìgh, a chum nach deanadh feòil air bith uail am fianuis Dhé."

Ach gus an naigheachd innseadh gu ceart feumaidh mi toiseachadh aig an toiseach. Ann am baile Cholosse bha teaghlach còir air am biodh Pol a' tadhall air a thurus an soisgeulach, agus a' cur seachad na h-oidheche maille riu. B'e Philemon ceann an teaghlach; Apphia ainm a mhnatha, agus Archippus ainm a mhic. Bha muinntir an tìghe ud uile 'n an luchd-aideachaidh, is eudmhor air taobh an Tighearna, agus is ann anns an tìgh aca a bhiodh na Crìos-duidhean ann an Colosse glé bhlihteanta a' cruinneachadh.

Bha Philemon gu maith air a dhòigh, co dhiu maith gu leòir air a dhòigh 's gu robh tràillean aige. B'e Onesimus fear dhiubh sin, agus theagamh gu robh Pol còlach air aodann an duine fhaicinn an uair a bhiodh e a' fuireach còmhla ri Philemon. Ach cha robh anns an tràill ach an tràill fhéin; latha de na làithean ghoid Onesimus airgidod á ciste a bha anns an t-seòmair aig Philemon, is thug e as a chasan. Theich e do'n Ròimh, an dùil nach beirteadh air an sin co dhiu.

Cò a bha anns an Roimh aig an àm ach Pol, a' togail fianuis air taobh Chrìosd agus fireantachd an t-soisgeil. Co dhiu a thach-air iad air a chèile le tuiteamas, no bhuail a choguis air Onesimus agus a rinn e fhaosaid ri Pol as a cheann fhéin, cha 'n urrainnear a ràdh, ach ciod air bith an dòigh anns an d' oibrich freasdal an Tighearna choinnich iad anns an Roimh, agus bha seachas eatorra nach cuala cluas eile. Agus is e a thàinig as an t-seachas sin gu robh Onesimus air iompachadh.

Ach bha fhios aig Pol glé mhaith nach robh ann an Onesimus ach boganach is gaotharan; bha fhios aige nach biodh e furasda dha a bhì dileas do Chrìosd am measg buairidhean Ìomhhor a' bhaile mhòir, agus mar sin chuir e roimhe gu'm feumadh e am baile fhàgail. Ach c' àite an rachadh e? Thuirt e ri Pol nach leigeadh a nàire leis a ghnùis a nochdadh ann an Colosse, no dol air beulaobh Philemon an déidh rud cho leibideach a dheanamh air. "Na biodh eagal air bith ort," arsa' Pol ris, "tha gràdh an t-soisgeil ann an cridhe Philemon; sgrìobhaidh mi fhéin litir thuige a dh' iarradh air gabhail riut air mo sgàth fhéin agus chì thu gu'n dean e do bheatha an uair a ruigeas tu."

Sin mar a bha; sgrìobh Pol an litir bheag bhòidheach ud gu Philemon a gheibhear am measg nan litrichean eile aige anns an Tiomnadh Nuadh. Cha 'n 'eil iomradh innte air puingean creidimh, no air nith-ean dìomhair is domhain; cha 'n 'eil innte ach sgrìob bheag de'n pheann a chuir aon duine maith gu duine maith eile a b' aithne dha, ag iarraidh air fàbhar sònruichte a dheanamh ris. B'e am fàbhar a dh' iarr Pol air Philemon, gun e bhì coimheach ris an tràill a rinn an cron air, ach gabhail ris gu caoimheil, a chionn nach b'e an duine a bha ann aon uair a bha ann idir a nis; "duine a bha roimhe so neo-tharbhach dbuit-sa, ach a nis a tha tarbhach dhuit-sa agus d'omhsa."

Tha e cinnteach gu'n do chuir Philemon fios-freagairt air ais gu Pol, ach ma 'chuir, cha 'n 'eil an litir sin air faotainn an diugh. Is rud mìorbhuileach e gu bheil litir Phoil fhéin air faotainn agus gu bheil i an diugh air a gleidheadh am measg leabhraichean ris an abrar *Facal an Tighearna*. Cha robh smuain ann an cridhe Phoil gu'n tachradh sin, agus na'n robh e air innseadh dha, tha mi cinnteach gu'n cuireadh e iongnadh air. Shaoileadh e nach deanadh Philemon ris an litir ach a tilgeil anns an teine an uair a leughadh e i, ach ghléidh Philemon an litir gu cùramach, agus mòran bhliadhnaich an déidh bàs Phoil, an uair a dh' fhàs daoine cho measail air 's nach dùraigeadh iad aon

lìde de na labhair no sgrìobh e a leigeil air d'chuinne, bha an litir bheag ghrinn so air a toirt am follais, agus air a cur a mach am measg nan sgrìobhturan eile. Ann an aon seadh faodar *Facal an Tighearna* a ràdh rithe, ach ann an seadh eile, cha 'n 'eil innte ach facal Phoil, facal nach biodh idir air a sgrìobhadh na'n robh Philemon cho dlùth dha 's gu'm faodadh e bruidhinn ris, agus am fàbhar ud iarraidh air gu pearsona. Ged tha an litir so sean tha i 'ur cuideachd, cho 'ur 's gu bheil fìcheadan d'a seòrsa air an sgrìobhadh a h-uile seachduinn. Ach tha i a' cur soluis air beatha na h-eaglais ann an linn nan abstol agus a' nochdadh dhuinn spiorad an Tighearna agus an glìocas ata o shuas ag oibreachadh ann an inntinn an duine a sgrìobh i.

Cha 'n 'eil mi a' dol a ràdh an còrr mu'n litir, no a' dol a leudachadh oirre, facal an déidh facail, is rann an déidh rainn; tha i furasda gu leòir a tuigsinn, agus gabhaidh i leughadh ann an trì mìonaidean, ach bu mhaith leam rud no dha innseadh mu Onesimus nach fhaighear anns an Tiomnadh Nuadh. Bha e 'n a dhuine seachasail; bhiodh e daonnan ag innseadh do na deisciobuil eile mu Phoil, oir bha Pol mar dhia dha, agus bha sin air a chumail air chuimhne ann am beul-aithris na h-eaglais.

Bha Philemon cho mhaith 's a bha fhios aig Pol a bhith eadh e, oir cha 'n e mhain gu'n do rinn e beatha Onesimuis an uair a chaidh e air ais ach ghabh e ris, cha 'n ann mar sheirbhiseach ach mar bhràthair gràdhach, agus thairg e a shaorsa a thoirt da. A thuilleadh air sin chuir e cumhachan air na bràithrean eile anns an eaglais iad a bhì càirdeil ris agus a dheanamh furasda dha a cheann a thogail am measg dhaoine. An ceann greis thug iad dha cothrom air fianuis a thogail anns an tigh-aoraidh air na rinn Dia air a shon, agus uidh ar n-uidh thòisich e air searmonachadh. Ach a thaobh 's gu'n robh e gun sgoil, agus gu'n do thòisich deasbud anns an eaglais mu phearsa Chrìosd, b' éiginn da stad.

An uair a chual e gu robh Pol air a ghlaicadh is air a chur am prìosan anns an Roimh, agus gu'n robh e coltach gu'n biodh e air a chur gu bàs, chuir e roimhe dol 'g a fhaicinn. Bha an t-astar fada agus na h-amannan cunnartach, oir bha geur-leanmhuinn uamhasach air éirigh an aghaidh nan Crìosduidhean air feadh iompaireachd na Roimhe, ach ged bhiodh an t-astar na b' fhaide agus na cunnartan na bu mhotha cha chumadh sin Onesimus gun oidhirp a dheanamh gus Pol fhaicinn, oir a mach o'n t-Slànnighear a thug maithneas dha cha robh neach eile ann d'an robh uiread gaoil aige 's a bha aige air Pol.



ANNS A' CHATHAIR.

Bho chionn dà sheachduinn tha sruth nan daoine air tionndadh gu tuath; a h-uile latha tha cho mhaith ri dà cheud carbad a' dol seachad air mo dhorus, agus iad uile làn de dhaoine a tha a' teicheadh as a' bhaile mhòr, ag iarraidh loeshlaint d'an cuirp agus d'an cridheachan air an dùthaich. M'an stad iad, ruigidh cuid dhiubh a nochd fhathast garbh-chrìochan Rois is Chataibh. Tha iad uile an tòir air sòlas air chor-eigin, ach saoilidh mi gur h-e an sòlas as motha a tha feitheamh orra an fhois a gheibh an cluasan, agus an t-sàmhchair bheannaichte a gheibh iad air na monaidhean ann measg nam beann.

Bhiodh am baile mòr maith gu leòir mur bitheadh a' ghleadhraich uamhasach a tha ann; gleadhraich a bheir bhuaite do chiall is do chadal. Am measg nam mìltean fuaim a chluinneas mi air na sràidean gach uair a bheir mi sgrìob do Ghlaschu no do Dhunéid-eann cha 'n 'eil ach aon fhuaim a tha caomh 'n am chluasan, cluig nan eaglaisean a' bualadh air là na Sàbaid.

Sin fuaim cho bòidheach 's a chluinnear air thalamh, co dhìu a tha thu air an dùthaich no anns a' bhaile. Ann an gliocas an Tighearna chunnaic e ionchuidh corp mhic an duine a dhealbhadh air a leithid de dhòigh 's gu bheile uile bhuaidhan a' chuirp, chuas, is sùil, is sron, a' tabhairt sòlais dha. Bhiodh e duilich a ràdh cò dhiubh sin a tha toirt duinn am barrachd toilintinn, ach ged is e sealladh nan sùl an rud mu dheireadh a bu mhaith leam a chall, cha 'n 'eil latha de mo bheatha nach 'eil mi taingeil do Dhia air son nan sòlasan air a bheil mi a' ruighinn le mo chluais.

Ann an sàmhchair na dùthcha tha fuaim-eann sònruichte ann a tha caomh do anam duine, guthan bàigheil a thogas suas do chridhe an uair a tha do chridhe fo leòn; drannan sheilleanan anns na craobhan leamhain no anns na crainn théile; séideadh anail gaoth na h-oidhche anns an luachair; crònanaich nam meabh-bhiasdagan anns an fheur; torman nan eas agus nan allt; sin na h-òrain agus na h-òrgan de nach fhàsar sgìth. Ged nach bu mhaith leam a ràdh, air mo ghonadh dubh, gu bheil guth binn an ceann an ròcais is bàigheil agus is aobh-neach guth an ròcais air maduinn earraich agus is e a' tòiseachadh air neadachadh; ach fada fada na's bàigheile agus mòran na's binne tha guth a' ghille-Bhrìde, oir bha mi eòlach air-san 'n am òige, agus a h-uile

bliadhna a thig e anns a' Mhart tha e a' toirt thugam fios agus beannachd mo dhaoine as na h-eileinean. Cha do theigh mo chridhe riamh ri *coc-coc-coc* nan coileach-fraoich; ach far am bi an coileach-fraoich bidh an fheadag, agus guileag eile as mìlse agus as brònaiche na guileag na feadaig cha chualas riamh air monadh no machair. Bidh mi air uairean a' saoilinn nach 'eil coimeas eile ann do dhùrdan a' chalumain anns a' choille-bheithe ach na plàsdan sin a bhios na dotair-ean a' cur air feòil dhaoine an uair a bhios am feòil a lionnachadh. Ged bhiodh tu fo phràmh, agus do chridhe trom, tuitidh *co-roo* ìosal a' chalumain air do chridhe mar gu'm biodh plàsd o làimh an Lìghiche ata shuas, no mar gu'm biodh an t-uisge no an drùchd air fearann tioram.

Ach ged is toigh leam éisdeachd ri gaoth is uillt, ri feadagan is calumain, is fheàrr leam fuaim a' chluig air là na Sàbaid na iad uile. Sin an fhuaim de nach fàs mi sgìth gu bràth; guth a tha labhairt nithean diomhair ri m' anam a h-uile uair a chluinneas mi e. Cha mhòr mhinistearan air nach bi fàitcheas an uair a dh' éireas iad a labhairt air beul-aobh sluaigh; bidh crith 'n an guth agus 'n an glùinean. Dh' fhairich mise an t-eagal-cridhe sin mar a dh' fhairich daoine eile, ach is e an leigheas as fheàrr a fhuair mi riamh air a shon, éisdeachd ris a' chlag an uair a thòisicheas e air bualadh. Tha cuimhne agam air amannan anns an robh mo chridhe a ploscartaich agus mi dol suas gu tigh an Tighearna, an impis leum as a chochull, air chor agus gu'm bu mhaith leam teicheadh, ach a cheart cho luath 's a thòisich an clag agus a chuala mo chluas an fhuaim bhàigheil, dh' fhalbh an t-eagal agus a chrith, is chaidh mi an ceann na seirbhis le cridhe foistinneach.

Theagamh gu'n saoil cuid de na leughas an duileag so nach robh gnothuch air bith aig a' chlag ris an t-saorsa cridhe is inntinn a fhuair mise, agus gur h-ann o mhac-meamna na h-inntinn agam fhéin a thàinig iad. Ach cìod a tha ann an mac-meamna na h-inntinn ach aon de na buadhan a thug Dia do'n duine a chum gu'm biodh e comasach dha na fear-an leis a bheil Dia 'g a chuartachadh fhair-eachduinn, agus guth Dhé a chluinntinn anna. Cha 'n 'eil Dia air a chumhannachadh ri meadhonan sònruichte ann a bhì labhairt ri cridheachan dhaoine; tha fichead is ceud is mìle teachdaire aige leis a bheil e a' labhairt ri clann nan daoine; cùrsa a fhreas-dail, oibrichean a' chruthachaidh, grian is

gealach is reultan, gaoth is ceò is sneachd; —tha iad uile 'nan teachdairean agus 'n an seirbhisich dha, a' deanadh 'iarrtuis agus a' coimhlionadh a thoile. Agus e'ar son nach labhradh e ri cridhe duine le fuaim a' chluig! Nach 'eil e a cheart cho coltach gu'n labhradh Dia ri duine le clag a thighe féin 's gu'n do labhair e ri Daibhidh le fuaim-siubhail ann am mullach chraobh nan smeur!

Tha clag na h-eaglais a' labhairt riumsa ged nach bithinn a' dol do'n chùbaid idir. Tha e rud beag annasach r'a ràdh, ach is e a' chuid as fheàrr leam de'n t-seirbhis glé bhitheanta, na còig mionaidean m' an tòisich i. Is toigh leam, an uair annamh a gheibh mi cothrom air dol do'n eaglais gun mi fhéin a bhi a' searmonachadh, is toigh leam dol a steach tràth; an uair a thòisicheas an clag air bualadh tha mo chridhe air a thoirt fo chumhachd an t-saoghail neo-fhaicsinnich ann an dòigh nach bitheadh e air a thoirt ann, ma dh' fhaoidte, le guth duine. Cha do ghabh mi riamh fadachd gus an sguireadh an clag; is ann a bha e daonnan a' sgar ro luath, oir tha e a' labhairt sìth is sòlas ri mo chridhe.

Do mhòran dhaoine cha 'n 'eil an clag ag ràdh dad ach ag innseadh na h-uaire; gu bheil ant-àm aig an eaglais dol a steach. Ach do dhaoine eile tha e a' deanamh tuilleadh is sin; tha e a' cur sòluimteachd air an smuaintean agus air am faireachduinnean; 'g an deasachadh air son seirbhis an Dé naoimh a dh'ionnsuidh a bheil e 'g an gairm. An uair a bha mi ann an sgrì-eachd Urchadainn bha clag na h-eaglais air a bhualadh a h-uile Sàbaid aig oclh uairean 's a' mhaduinn, agus theagamh gu bheil an cleachdadh maith sin (oir is e cleachdadh maith a bha ann) air a chumail suas fhathast ann an sgrì-eachdan eile. Bha bualadh a' chluig a' toirt na h-uaire ceart do na h-uile teaghlach a bha mar astar dà mhìle do'n eaglais; agus bhithinn a' cluinntinn gur e sin an t-aobhar gu robh e air a bhualadh idir, a dh' innseadh dhaibh gu robh an t-àm aca an eùisean saoghalta a leigeil seachad agus deanamh deas gu dol suas do thigh an Tighearna. Ach air leam gu robh feum eile ann a thuilleadh air sin; bha e a' naomhachadh na Sàbaid do na daoine a bha cleachdte r'a chluinntinn o'n òige, agus a' ceangal an cridheachan ri nithean naomb is maiseach; bha e a' toirt cuiridh dhaibh dol suas le h-aobhneas do thigh an Tighearna ann an cuideachd a shluagh.

Tha cluig nan eaglaisean mar tha guthan dhaoine, maith is dona; cuid dhiubh anns a' bheil ceòl is cuid dhiubh nach fheàrr na seann tromb bhriste do na ciombal a ni gleangarsaich. Is ann de'n t-seòrsa so a tha an clag a tha againn ann am Blàr; a

thaobh ciùil no binneis bha cho mhaith dhuit a bhi bualadh maide-buntata air seana phoit, ach air a shon sin tha a ghuth cruaidh critheannach, caomh 'n an chluasan fhéin, agus cha 'n 'eil uair a chluinneas mi e nach dùisg e smuaintean 'n am inntinn is fair-eachduinnean 'n am chridhe nach bu mhaith leam a chall air son an t-saoghail.

Ged nach h-abair mi gu bheil e cho dona droch chlag a bhi anns an tùr ri droch shearmonaiche a bhi anns a' chùbaid, bu mhaith leam clag ceart fhaicinn aig a h-uile eaglais anns an dùthaich, agus an clag a bhi air a bhualadh air làithean na seachduinn cho mhaith ri là na Sàbaid. An diugh cha 'n 'eil air fhàgail ach glé bheag de chonharran follaiseach gur dùthaich Chrìosduidh a tha ann an Albainn; glé bheag de fhianuisean air na nithean ata neo-fhaicsinneach agus sìorruidh; tha sàmhchair na Sàbaid air a call oir tha na rathaidean mòra cho trang air an t-Sàbaid a nis 's a tha iad Di-luain; tha aoradh-teaghlach air a leigeil seachad leis a' mhòr-chuideachd, agus eadhon atachadh roimh bhìadh—an fhianuis mu dheireadh a gheibhear ann an teaghlàichean nach ana-creidmhidh iad—, tha sin fhéin an diugh air dol as an fhasan, air chor agus gu bheil e comasach do dhaoine luighe agus éiridh o mhoch Di-luain gu amhoch Di-sathuirne gun aon chleachdadh cràbhach fhaicinn no aon ghuth a chluinntinn a chuireas 'n an cuimhne gu bheil Dia air nèamh no gu bheil saoghal eile ann. Theagamh nach biodh anns a' chlag ach guth a' glaodhach anns an fhàsach, ged bhiodh e air a bhualadh, ach co dhiu cha ruigeadh e le daoine na nithean anns an do thogadh iad a dhichuimhneachadh gu buileach.

Ach ged nach biodh ann do dhaoine eile ach fuaim nach dùisgeadh barrachd ionndrain na'n cridhe na dùdach bata no fideag oillteil nan càraichean, labhradh e ri fìor shluagh an Tighearna, na daoine a bhios ag ùrnuigh, agus a' togail suas an cridheachan ri Dia fichead uair 's an latha. Agus sin na daoine a thao cumail beò na diadhaidheachd anns an t-saoghal.

Ciod a' chrìoch a bhios aig a' chabhaig uamhasach a tha air tighinn air daoine an diugh mar ghalair? Aig Ni-maith a tha bràth, ach bidh e air uairean a' tighinn a steach orm nach bi an ùine fada gus an tuit saoghal-nan-càraichean as a sheasamh le cion analach, agus an sin thig an latha a chunn-aic Pol fada air falbh, an là anns an toir na naoimh breith. Agus an uair a chuirear na naoimh air cathair-breitheanais, sealbhaichidh na daoine macanta an talamh mar oighreachd. Tha an latham an diugh, agus gu sònruichte na rathaidean mòra, aig luchd nan càraichean dhaibh féin, air chor agus

nach 'eil a bhi beò aig daoine ciallach leis an fheàrr suim a thoirt do chlag na foise na do fhèideag na cabhaig, ach ged nach 'eil dòchas air bith agam-sa gu'm faic mi an latha anns am bi iarunn is prais nan càraichean air an leughadh gus cluig a dheanamh do na h-eaglaisean, thig an là sin gun teagamh, agus an sin bidh *Teàruinteachd do'n t-sluagh* air a sgrìobhadh air na rathaidean, agus *Naomhachd do'n Tìghearna* air ballachan nan eaglaisean.

CRIOSD AGUS NA LEANABAN.

Agus thug iad leanaban d'a ionnsuidh, a chum gu'm beanadh e riu; agus chronaich na deisciobuil iad. Ach an uair a chunnaic Iosa sin, bha e ro dhiombach, agus thubhairt e riu, Leigibh do na leanaban teachd am ionnsuidh; na bacaibh iad; oir is ann de 'n leithidean sin a tha rìoghachd Dhé. Marc x. 13-14.

Na 'n cuirinn a' cheist air luchd-leughaidh na duilleig so, Cò a thug na leanaban gu Iosa, tha mi làn chinnteach gu'n abradh a' mhòr-chuideachd dhiubh, Thug, am màthraichean. Cha chuala mi duine riamh ag ràdh gu robh làmh aig an aithrichean ann, oir cha 'n 'eil sinn cleachdte anns an dùthaich so ri bhi faicinn aithrichean na cloinne a' gabhail suim 'n an teagasg. Ach ma leughas tu an naigheachd so gu cùramach, mar a tha na trì soisgeulaichean 'g a h-inneadh dhuinn anns an Tiomnadh Nuadh, chi thu gu bheil iad uile ag uisneachadh fhacal (tha so na's soilleire anns a' Ghréigis na tha e anns a' Bhiobull Ghàidhlig) a tha a' leigeil fhaicinn gu robh aithrichean cho mhaith ri màthraichean am measg na feadhnaich a thug na leanaban gu Iosa.

Anns an t-Seann Tiomnadh bha e air àithneadh gu sònruichte do na h-aithrichean an clann a theagasg ann an eòlas an Lagha, ach tha e coltach gu'm biodh aithrichean Iudhach a' deanamh mar a bhios aithrichean Crìosduidh a' deanamh, a' fàgail an dleasdànais sin aig na màthraichean. Bidh e air uairean a' tighinn a steach air m' inntinn gu bheil an t-àm aig an eaglais atharrachadh a dheanamh air seirbhis a' Bhaistidh agus leigeil le màthraichean na cloinne na bòidean a ghabhail orra fhéin. Anns an eaglais Shasunnaich cha 'n 'eil àite no seasamh idir air a thoirt do mhàthair an leinibh; tha na bòidean air an cur air oideachan is daoine nach buin do'n leanabh; daoine, ma dh' fhaoidte, a tha coma co dhìu a bhios e air a thogail ann an eòlas a' Bhiobuill no ann

an eòlas a' Chòrain. Anns an t-seirbhis Bhaistidh againn fhéin cha 'n 'eil màthair an leinibh air a cumail air chùl nam bòrd cho buileach 's a tha i anns an eaglais Shasunnaich, ach air a shon sin, cha 'n 'eil an t-àite aice a bu chòir a bhi aice. Ged is e athair an leinibh a bhios 'g a chumail ri baisteadh, agus a' gabhail nam bòidean air fhéin, tha fhios aige 'n a chridhe, agus tha fhios aig a' mhinisteir, agus aig a' choimh thional uile, nach biodh na bòidean idir air an cumail mur b'e gu bheil coguis as fheàrr aig a mbaoin na tha tige-san.

Tha e duilich a ràdh e' ar son a bha na deisciobuil cho crosda ris na pàrantan an uair a thug iad an clann gu Iosa. Their cuid gu'n robh fhios aca gu'n robh Iosa sgìth, agus nach robh iad air son dragh a chur air. Faodaidh e bhith gu'm b'e sin an t-aobhar, ach faodaidh e bhith cuideachd nach ann air comhfhurtachd Iosa a bha iad a' smuaineachadh idir ach air an Solas fhéin, agus gu'n robh iad air am farranachadh a chionn gu'n deachaidh stad a chur air an t-seachas a bha Iosa a' deanamh riu m'an d' thàinig a' chlànn. Bha e a' bruidhinn riu mu phòsadh, agus theagamh gu'n robh an seachas sin a' còrdadh riu cho maith 's nach dùraichdeadh iad facal dheth a chall, agus gu'n robh iad air an cur thuige 'n an nàdur an uair a chuir a' chlànn stad air. Ach ma bha fearg orra-san cha robh fearg air an t-Slànuighear chaomh féin; "leigibh leis na leanaban," ars' esan, "teachd am ionnsuidh, agus na bacaibh iad." B' esan caraid nam pàisdean bho thùs, agus bha gaol aig na pàisdean air, agus chunnaic iad ann rud nach fhaca riamh na daoine a bha 'g an cunntas féin glic is Eagnaidh.

An uair a bha Crìosd air thalamh bha a naimhdean na bu lìonmhoire na chàirdean; ma bha teangaidhean 'g a bhèannachadh bha teangaidhean eile 'g a mballachadh; ach am measg naimhdean is luchd-mallachaidh an t-Slànuighir ann an làithean fheòla cha robh aon bhoirionnach, agus cha mhò a tha iomradh air gu 'n do rinn clann magadh air mar a bhiodh iad a' deanamh, air uairean, air fàidhean is daoine naomh. Is ann a bhiodh iad a' bualadh am basan le gair-deachas r'a theachd.

Ann an sùilean dhaoine tha na nithean a chunntas Dia mòr air an cunntas beag, agus na nithean a chunntas esan beag air an cunntas mòr. Cò am fear-sgrìobhaidh, ag innseadh eachdraidh nan amannan ud, a mheasadh gu'm b' fhiach dha iomradh a dheanamh 'n a leabhar air an rud a thachair an là ud an uair a thugadh cuideachd bheag de chloinn an làthair Iosa? Rud beag suar-rach nach b' airidh a bhi air a chur sìos air an aon duilleig ri euchdan shaighdearan, is

connsachadh luchd-riaghlaidh, is dol-a-mach rìghrean! Ach air a shon sin, sud an rud a bha mòr is buan is buadh-mhor, agus cha b' e na gnothuichean air an do chosg an luchd-sgrìobhaidh an ùine, oir rinn na briathran a labhair Iosa mu'n chloinn tuilleadh atharrachaidh air an t-saoghal na rinn cogaidhean Cheasair.

Cha 'n 'eil e idir iongantach gu'm biodh cridhe an t-Slànuighir an ceangal ris a' chloinn, oir dh' fhuiling cuid dhiubh an crann-ceusaidh air a shon-san m' an d' fhuiling esan air an son-san; na pàisdean neo-chiontach a mharbh Herod. Faodar a bhi cinnteach gu'n d' innis Muire a mhàthair an naigheachd bhronach so dha fichead is fichead uair, anns na feasgair agus e aice air a glùn. Agus bho 'n cheud là a chual e an naigheachd sin, agus a chual e 'n a chadal gaoir nam ban agus iad a' gul air son nam pàisdean a bha air an cur gu bàs 'n a àite-san, bu dùth gu'm biodh taobh bhàth aig Iosa ri clann an t-saoghail, agus gu'n éireadh an smuain 'n a chridhe gu'n tagradh e an cuis gu bràth.

Tha gu leòir de dhaoine anns an dùthaich an diugh a' feuchainn ris a' chloinn a thoirt gu Iosa, ministearan, is naighstirean-sgoile, is luchd-teagaisg anns a' sgoil-Shàbaid; ach buinidh an obair so do na pàrantan gu sòn-ruichte, agus mur dean iadsan an dleasdanas cha bhi an obair ach air a leth-dheanamh. Do phàrantan aig a bheil gaol air an cloinn cha bu chòir gu'm biodh e 'n a uallach dhaibh feuchainn ri cridheachan an cloinne a chosnadh do Dhia; cha bu chòir daibh a bhi riarichte no fois a ghabhail gus am faic iad an clann air an toirt a steach d'a rìghachd. Sgrìobh ministear Gàidhealach uair-eigin gu ministear eile mar so, "Tha naigheachd mhaith agam dhuit air an t-seachduinn so, agus tha mi a nis cho sona ri duine air thalamh, oir chunnaic mi an t-aon mu dheireadh d' an theaghlach air iompachadh." Naigheachd mhòr is naigheachd mhaith, da-rìreadh; ach ged is brònach an rud e r'a ràdh, gidheadh, tha e fìor, gu bheil mòran de phàrantan cho saoghalta 's gu'm b' fhèarr leò a chluinntinn gu'n d' fhuair am mac posta maith anns an tigh-chuspainn agus thurasdal mòr na gu'n d' fhuair e saobhras air nèamh.

Gabhaidh clann a chosnadh do Chrìosd cho mhaith ris na daoine mòra. 'N an dòigh leanabail laghach fhéin théid aca air gaol a thoirt dha na's cinntiche na daoine a tha an cridheachan air an cruadhachadh le peacadh: théid aca air an cridheachan a thoirt dha mar a tha iad 'g an toirt d' am màthraichean cheana. Agus nach e sin an stéidh cheart air son na diadhaidheachd, aràon anns an òg agus anns an aosda, gràdh a bhi

aca do'n t-Slànuighear! Gun teagamh tha mòran anns an diadhaidheachd nach h-urrainn daibh fhathast a thuigsinn, ach air a shon sin, rud air bith nach tuig clann faodaidh tu a bhi cinnteach nach e *sin* cridhe na diadhaidheachd. Cha 'n 'eil an deasbud agus an teangaireachd agus an reusanachadh mu phuingeann creidimh a chòrdas ri daoine mòra ach glé bhitheanta 'g an toirt na's fhaide agus na's fhaide air falbh bho Chrìosd. Cha 'n 'eil ùigh air bith aig a' chloinn anns na nithean sin, is fàsaidh iad sgèth dhiubh glé luath na thòisicheas tu air bruidhinn riu umpa; ach tog suas Iosa mu choinneamh an sùl, mar a bha e ann an làithean fheòla, agus cha 'n fhàs iad sgèth d'heath-san. Chi iad maise a naomhachd a cheart cho mhaith ris na daoine mòra, agus gabhaidh iad gaol air.

Ma their duine air bith ruibhse, aithrichean agus a mhàthraichean a leughas an duilleig so, nach h-urrainn clann òg roghainn a dheanamh, no gnothuch anama a dheanamh ri Dia ann an da-rìreadh, na creidibh e. Thug Iain Knox conanachadh do bhalach nach robh ach dà bhliadhna dheug. Cha robh Polycarp, duine naomh a bha 'na Easbuig ann an Smirna, ach naoi bliadhna 'n uair a rinn e suas inntinn Crìosd a leantuinn. Ghléidh e na bòidean a dh' ioc e do Dhia 'n a bhalach gu dìleas gus an là anns an d' fhuiling e bàs air sgàth a chreidimh. An uair a thairgeadh a shaorsa dha na'm mallaicheadh e ainm naomh an t-Slànuighir, is e so a thubhairt e, "Tha sé agus ceithir fichead bliadhna bho thòisich mi air seirbhis a dheanamh dha, agus riamh cha do thréig e mi; c' ar son a mhallaichinn ainm?" Bha Matthew Henry, seann sgoilear a mhuich na Sgrìoburann, air iompachadh an uair a bha e deich bliadhna; bha Isaac Watts, an diadhair agus an bàrd naomh a sgrìobh uiread de na laoidhean a bhios sinn a' seinn, air iompachadh aig naoi. Bha na balaich sin gun teagamh 'n an balaich shònruichte; aig deich bliadhna bha iad air thoiseach air balaich a bha còig bliadhna deug, ann an eòlas agus ann an cumhachd inntinn. Bho chionn ghòirid bha cuideachd de mhinistearan cruinn, agus bha a' cheist so air a togail 'n am measg, Cìod an aois aig an fhasa do'n eaglais an òigridh a chosnadh do Chrìosd? Bha còig duine fichead a làthair, agus anns an t-seanchas a bha eatorra mu'n chùis so, thàinig so a mach, gu'n do rinn ceithir air fhichead dhiubh suas an inntinn air son na ministrealachd m' an deachaidh iad seachad air ceithir bliadhna deug. Nach 'eil sin a' teagasg do phàrantan, cha 'n e mhàin sìol maith na rìghachd a chur ach fìughair a bhi aca gu'm faic iad a thoradh tràth 'n an cloinn.



ANNS A CHATHAIR.

An uair mu dheireadh a bha mi ann an Cille-Sgumain chuir mi seachad feasgar fada samhraidh 'n am shuidhe air cloich anns a' chladh, a' seachas ri mo sheana charaid, Calum Dòmhnallach, beadall na h-eaglais is fear-cladhach nan uaighean. Tha an eaglais 'n a seasamh ann am meadhon a' chlaidh, agus tha barrachd de mhuintir Chille-Sgumain 'n an sineadh an taobh-a-stigh de'n ghàrradh na tha an taobh-a-muigh dheth. Sin an t-aobhar gur toigh leam dol a steach ann air làithean na seachduin cho mhaith ri là na Sàbaid, a mheòmhrachadh am measg nan leacan, agus a chuimhneachadh air na daoine a b' aithne dhomh anns na làithean a dh' fhalbh.

Eadar glanadh na h-eaglais is obair a' chlaidh tha Calum Dòmhnallach a' cur seachad a' chuid is mò d'a bheatha anns a' chladh, air chor agus gu'm bi sinn a' tachairt air a chéile glé bhithianta, agus a thaobh 's gu bheil e a nis 'n a sheann duine (tha e ochd is dà fhichead bliadhna 'n a dhreuchd) agus gur h-aithne dha muinntir Chille-Sgumain agus an sinnsearachd uile na's fheàrr na's aithne do dhuine eile a tha nis beò, is toigh leam dol 'n a sheachas a h-uile uair a bhios cothrom agam. A thuilleadh air sin, tha e 'n a dhuine tùrail geur, neo-eisomail each 'n a dhòighean agus 'n a bheachdan, agus tha sin aige, beachdan dha fhéin. Cha 'n 'eil ann an seachas ri duine aig nach 'eil smuaintean is beachdan dha fhéin ach rud gun bhlas, mar gu'm biodh ugh gun salann. Cha 'n ann mar sin a tha seachas Chalum; co dhìu a tha no nach 'eil a chainnt a ghnàth ann an gràs tha i daonnan air a deanamh blasda le salann, salann na géireid nàdurra agus a' ghliocas shaoghalta. Agus air uairean cuideachd gheibhear 'n a sheachas tomhas de'n ghliocas ata o shuas, oir is duine maith Calum, ged nach toigh leis muinntir na h-eaglais Shaoir, no boir-ionnach a bhios a' searmonachadh, no bràithrean usaideach a bhios a' foighneachd de 'n h-uile duine a thachras orra am bheil iad réidh ri Dia, no am bheil iad a' cuimhneachadh air a' bhàs. "An do rinn sibhse réite ri Dia?" thuirt fear dhiubh so ri Calum, agus e trang a' fosgladh uaighe air son tiodhlacaidh; "bithibh cuimhneach, a dhuine, air a' bhàs." Bha Calum 'n a fhallus agus gun an uachdar an talaimh dheth ach an ceann agus na guailleann, ach stad e agus chuir e an spaid fo uchd agus fhreagair e

mar so (car frionasach) "Cha do rinn mise réite ri Dia, ach rinn Dia réite riumsa, agus a thaobh a' bhàis chuir mi tuilleadh 's a chòir de dhaoine eile fo'n ùir gu'n dìchuimhnichinn mo chrìoch dheireannach."

Bidh mise agus Calum a' dol thairis air iomadh rud an uair a thachras sinn air a chéile, iomadh rud nach innis sinn do dhuine eile, ach bidh sinn cuideachd a' seachas mu nithean a bhuineas d'ar gairm shònruichte anns an eaglais, agus bu mhaith leam cuid de sheachas Chalum a chur sìos air an duilleig so m'an téid e as mo chuimhne.

An là ud a bha sinn 'n ar suidhe anns a' chladh bha e ag innseadh dhomh mu na h-atharraichean a thàinig air an eaglais agus air an t-saoghal bho na bu chuimhne leis. "Tha trì fichead bliadhna," ars' esan, "bho thòisich mi air dol do'n eaglais an toiseach; bho chionn dlùth air leth-cheud bliadhna tha mi innte air dà cheann an latha, agus cha 'n 'eil duine eile ann an Cille-Sgumain a chuala uiread shearmon rium. Shuidh mi fo chòig ministearan anns an eaglais so; cha 'n 'eil aon de na foirbhich a làthair a nis a bha innte an uair a chuir an Seisein mi anns an dreuchd a tha agam. Ri linn Mhaighstir Eachainn bhiodh an coimhthional a' seasamh aig an ùrnuigh, a' suidhe aig an t-seinn, agus cha robh dad air a sheinn ach sailm Dhaibhidh. Tha cuimhne agam gu maith air an là a thog Iain Mac Coinnich leis am Biobull agus a cheathrar cloinne agus a chaidh e a mach as an eaglais, a' glaodhach, *Mo nàire, mo nàire, Ichabod, Ichabod*, a chionn gu'n d' thug am ministear laoidh dhuinn 'g a seinn. Ach an diugh tha òrgan anns an eaglais, agus cò a tha 'g a chluich ach ogha Iain, caileag laghach ruadh a tha ceart coma co dhìu a bheirear dhì Daibhidh no Sankey. Ach tha mi an dùil gu'n d' thàinig tuilleadh atharrachaidh air a' chùbaid fhéin na thàinig air a' cheòl. Ri linn Mhaighstir Eachainn bhithreamaid a' faotainn searmon mòr fada mu ifreann uair 's an ràidhe, a thuilleadh air gu'm biodh e a' toirt an dlighe do'n Diabhol agus do ifreann a h-uile Sàbaid ann an comh-dhùnadh an t-searmon, ach an diugh cho chluinnear iomradh air an Diabhol bho cheann gu ceann de'n bhliadhna. Air son na chuala sinne riamh bho 'n duine ghrinn a tha againn ann an eaglais Chille-Sgumain an diugh, an t-Urr. Nial Mac Phàrlain, B.D., cha bhiodh fhios againn gu robh leithid an Diabhoil ann. Tha deich bliadhna bho nach cuala sinn searmon mu ifreann ach aon fhear fiadhaich a fhuair sinn

bho mhinisteir a thàinig á Leòdhas, o'n cheann-teagaisg, *Oir dh'ullaicheadh Tophet o shean; rinn e domhain e, rinn e farsuinn e; cruach theine agus mòran connaidh; tha anail an Tighearna mar shruth pronnaisc 'g a fhadadh.* Ohh! Ohh! b'e sin an searmon; chuir e crith air na cridheachan aig daoine; chrath e muinntir Chille-Sgumain os cionn an t-sluichd gus an do thòisich na boirionnaich air ochanaich agus a' chlànn air coineadh, agus air na cridheachan aig Bheag ann am paiseanadh, ged nach robh duine eile anns an eaglais a bu lugha a thoill an t-uamhas a bha an duine a' maoidheadh na Ealasaid."

"Air uairean," arsa Calum, "an uair a bhios mi ag obair anns a chladh so, bidh mi a' cnuasachadh leam fhéin air na nithean sin, ach mar is mò a smuainicheas mi orra is ann is mò a tha diomhaireachd an t-saoghail eile a' fàs, agus an deacaireachd a tha comhcheangailte ri fichead is ceud rud a tha sgriobhta anns a' Bhiobull. Tha aon nì a thug mi fainear a bhios a' cur ionghnaidh orm, gur h-e na daoine as fheàrr as lugha a bhios 'g an cur fhéin mu'n cuairt mu Shatan no mu ifreann, agus gur h-e na daoine as miosa a bhios a' gabhail feirge ma chluinn-eas iad duine eile ag ràdh nach 'eil teine siorruidh a' feitheamh air peacaich. An uair a bha am ministear againn fhéin aig an t-Seanadh chuir e 'n a àite gille òg a bha air ùr thighinn-a-mach as a' Chollaiste. Thug e dhuinn searmon pongail mu'n dearbhadh a chaidh a chur air Iosa anns an fhàsach, ach anns an dol seachd thuirt e nach robh e idir coltach gu'n robh an seachas ud eadar Iosa agus an Diabhol gu litireil no gu pearsanta, agus nach robh ann ach seòrsa de chosmhalachd air a ghleachd spioradail a chaidh air aghaidh aig an àm ann an anam Iosa. Thuirt e cuideachd nach robh e furasda do dhuine air bith smuaintean is faireachduinnean, is fiosrachadh dìomhair a chridhe, a chur ann an cainnt, agus gu'm b'e sin an t-aobhar gu bheil uiread de'n Bhiobull na's fhìre anns an spiorad na tha e anns an litir, fìor ann an da-rìreadh ged a dh' fhaodas e bhith nach do thachair an rud riamb, dìreach mar a tha *Turus a' Chrìosd-uidh* agus an *Cogadh Naomh* aig Iain Bunian fìor, ged nach 'eil anns na naigheachdan sin ach samhlaidhean is cosmhalaichdan a rinn Iain Bunian fhéin suas. Cha do shaoil mise gu'n d' thuirt an duine dad ceàrr, ach a mhic-chridhe, m'an deachaidh a' ghrian fodha Di-luain bha e air feadh na sgìrean uile nach robh am ministear òg a' creidsinn anns a' Bhiobull no ann an Satan, agus rud a bu neònaiche air fad, an uair a thòisich deasbud is connsachadh mu'n

ghnothuch anns a' cheàrdaich, b'e na daoine a bu diadhaidhe agus a b' eòlaiche air a' Bhiobull a bha seasamh air taobh a' mhinisteir, agus na daoine nach fhacas anns an eaglais bho chionn fichead bliadhna, agus a bha na b' eòlaiche air òrain Dhonnacha Bhàin na bha iad air sailm Dhàibhidh a bha 'n a aghaidh. Tha cuimhne agad air Eachann Mòr a' Chàrnain; cha 'n fhaca mise e an taobh-a-stigh de bhallaichan na h-eaglais so o'n là a bha an Siorram Brand agus Commission nan Croitearan cruinn innte, agus tha ùine mhaith bhuaith sin. Ach an uair a dh' innis iad dha gu robh am ministear a bha anns an eaglais air an t-Sàbaid ag ràdh nach robh Diabhol idir ann, chaidh Eachann air druim dearg a' chuthaich, agus bha e air son an sluagh a chruinneachadh gus dol air an ceann mar a bhiodh e a' deanamh ann an àm na Land League; "theid sinn," ars' esan, "agus tearraidh sinn e." Bidh e air uairean a' cur ionghnaidh ormsa, a mhinisteir, ciod a dh' éireas do leithid Eachainn anns an ath shaoghal. Ann an aon seadh, cha n'e droch dhuine idir a tha ann an Eachann bochd; their a choimhearsnaich riut nach 'eil coimhearsnach eile anns an dùthaich is fheàrr na e; gu bheil e iochdmhor is coibhneil, agus ann an àm trioblaid cho bog ri pàisde, fada na's iochdmhoire agus na's coibhneile na Alasdair mac Eòghain, am foirbheach a tha r'a taobh. Ach ann an seadh eile, tha Eachann cho fada air falbh o spiorad na diadhaidheachd agus spiorad an Tiomnaidh Nuaidh ris na cinnich a tha ag aoradh do iodhalan. Cha 'n 'eil intinn an aoraidh ann an Eachann gu nàdurra, agus na bhios e a' deanamh de aoradh is ann do iodhalan agus do bhòchdain a bhios e 'g a dheanamh. Dhòirteadh e gach braon d'a fhuil a sheasamh a' Bhiobuill agus Chrìosd agus nan Abstol na'n cluinn-eadh e gu robh daoine (agus gu sònruichte daoine nach bu toigh leis, no daoine nach b' aithne dha) a' deanamh tàir orra; ach air an làimh eile, tha eagal orm gu'm biodh e a cheart gu deas gu fhuil a dhòrtadh as leth Fhinn Mhic Cunnail, no Dhonnacha Bhàin, no eadhon an Diabhoil. Tha e tur aineolach air spiorad a' Bhiobuill, cho aineolach ris na gamhna aige fhéin, ged a tha prabadh beag aige air an litir, ach cha 'n 'eil na tha aige de'n litir ach 'g a mharbhadh an àite a bhi 'g a thoirt beò. Tha caibideil á Lebhiticus an t-aon nì dha ri caibideil á soisgeul Eoin; is fheàrr leis a bhì cluinntinn nu euchdan Shamsoin na mu thurasan soisgeulach Phoil, agus ged nach bi e a' leughadh a' Bhiobuill air a shon fhéin uair air bith bidh e air oidhchean sònruichte anns a' bhliadhna (oidhche Bealltainn, oidhche Shamhna,

oidheche na Féill Ròid, is oidheche Féill-Sheathain) a' leagail a' Bhìobuill air àrd-dorus an tighe agus 'g a fhàgail an sin fad na h-oidheche gus e fhéin agus a theaghlach a sheumadh, agus buidsichean is bòchdan a chumail a mach. Ach ged a tha Eachann làn buirbe is aineolaís tha e cho frinneach onorach ris a' ghréin; an uair a chaill Dòmhnall Cairbeul an capull agus an dà mhart agus an t-agh anns an aona bhliadhna agus a bha na coimhearsnaich a' cruinneachadh airgid dha a chumadh anns a' chroit e, chuir Eachann trì ginneachan ann ged nach do chuir Alasdair Mac Eoghain ach leth-chrun ann, agus e na's fheàrr air a dhòigh. Ciod a tha thu féin ag ràdh mu leithid Eachainn: ciod a dh' éireas d'a sheòrsa anns an ath shaoghal."

"Mata, a Chalum, chuir sibh ceist orm; sin rud nach h-urrainn mise a ràdh, oir is ann do Dhia a mhàin a bhuineas breitheanas agus is maith gur h-ann. Bhiodh e furasda gu leòir dhòmhsa innseadh dhuibh ciod a' bhinn a tha an eaglais agus na diadhairean agus na creudan a' toirt air daoine nach 'eil ann an Crìosd aig uair am bàis, ach cha duine Dia, agus co aige a tha fhios am bheil esan a' ciallachadh an t-aon ni 's a tha sinne a' ciallachadh leis an fhacal *ann an Crìosd*, oir cha 'n 'eil ann am facal ach facal fhéin. Mar is sinne a tha mise a' fàs is ann is einntiche mi gu bheil Dia caomhail is tròcaireach is uasal, agus nach dean e gnìomh suarach no leibideach as an gabhadh eadhon duine gun ghràs nàire.

"Tha mi toilichte," arsa Calum, "a chluinntinn gu'm bi smuaintean de'n t-seòrsa sin a' dol troimh t' inntinn-sa cuid-eachd, oir bidh iad a' tighinn a steach orm fhéin, an uair a dhìchuimbnicheas mi Pol agus Iain Bunian agus Leabhar Aithghearr nan Ceist, agus a bhios mi a' enuasachadh 'n am inntinn fhéin air gné is nàdur Dhé, air a mhòrachd is air a chumhachd, an gaol a dh' fheumadh a bhì aige d'a chloinn m'an deanadh e na rinn e air an son, agus an àirde neo-chrìochnach a tha e os cionn dhaoine ann an caomhalachd agus ann an tròcair. Cha 'n 'eil annam-sa ach seann duine aig nach 'eil sgoil, is bhiodh e dàna dhomh a ràdh gu bheil daoine a tha na's fòghluimte na tha mi ceàrr anns na beachdan a tha aca mu Dhia, ach air a shon sin chuala mi le mo dhà chluais anns an eaglais sin thall nithean air an eur as leth an Tighearna a chuir crith air m' fheòil, agus sin le min-istearan a bha an dùil gu robh iad ag àrdachadh nan sgrìoburan agus a' toirt glòire do Dhia. Cha toigh leam a bhì cluinntinn mhinistearan a' bruidhinn air Dia mar gu'm b' aithne dhaibh E cho mhaith r'an coimh-

earsnach a tha air taobh eile a' ghàrraidh; cha toigh leam Dia a bhì air labhairt uime mar nach robh ann ach Urra mòrchuiseach a tha daonnan ag iarraidh modh is moladh bho dhaoine, agus a ghabhas fearg riu mur toir iad dha an t-urram as dlìghe dha, mar a ghabhadh seann tighearna Chluainidh ris na ceàird mur tugadh iad dhiubh am boinneid anns an dol seachad. Saoilidh mi nach e sin idir an t-Athair gaolach air an biodh Iosa a' bruidhinn. Tha clann agam-sa mi fhéin, ach ged a bhiodh mo mhac 'n a mhac neo-dhleasdanach, seadh ged a bhuiladh e a làmh orm anns an aodann, tha fhios agam nach deanainn air an ni a bhitear ag radh a tha Dia a' dol a dheanamh air cuid d'a chloinn anns an ath shaoghal, 'g an losgadh ann an teine gu sìorruidh. Sin rud nach deanainn eadhon air mo nàmhaid; b' fheàrr leam a bhì air mo chur anns an teine mi fhéin na gu'n cuirinn duine eile ann, agus saoilidh mi nach eil Dia cho leibideach no an-ìochdmhor 's gu'n deanadh e gnìomh brùideil nach deanadh beadall bochd peacach Chille-Sgumain. Bidh e a' tighinn a steach ormsa glé bhitheanta nach 'eil daoine a' tuigsinn gu ceart ciod a tha iad ag ràdh an uair a their iad gu bheil iad a' creidsinn ann an loch mòr teine anns an bi daoine air an tilgeil gu bhì a' losgadh ann gu sìorruidh; cha 'n 'eil ann daibh ach *facail*, facail nach do ghreimich riamh air an inntinn. Bho chionn dà bhliadhna bha mi là anns a' chladh so, a' gearradh feòir, agus cò a thàinig a steach air a' gheata air son uaigh a bhràthar fhaicinn ach Tearlach nan duilleagan, mar theireadh iad ris, mac do'n mhuilleir a bha ann an Gleann Moireastan, duineachan beag spaideil a bhios a' reic thractaichean is leabhraichean, agus air uairean a' gleidheadh choinneamhan. Theagamh nach aithne dhuitse an gille ach bidh cuimhne agad air athair. Bha dithis mhac dhiubh ann, Tearlach agus bràthair a b' òige, Seumas. Bha Seumas bochd car gòrach, agus bhiodh e air uairean a' gabhail smuid drama, ach cha robh cron ann do dhuine eile ach dha fhéin, agus bha gaol aig a' h-uile duine air. B' fheàrr leò e fada cian na Tearlach, oir tha sùil is teanga mhiomhail aige-san, is tha e cho spìocach 's a tha e cho spaideil. Thuit Seumas ann an caitheamh; thàinig e dhachaidh as a' bhaile mhòr, is mu dheireadh shìubhail e. B'e sud a' cheud uair a thàinig Tearlach a dh' fhaicinn uaighe, agus tomhais ciod a thubhairt e an uair a bha e 'n a sheasamh aig a ceann. "Cha 'n 'eil fhios agam," arsa mise, "thuir an duine glie gu bheil àm ann gu bhì bruidhinn, agus àm gu bhì sàmhach, agus saoilidh mi gur freagarrach do dhuine a bhì 'n a thosd aig ceann

uaigh a bhràthar, agus gun na nithean a tha 'n a chridhe a thoirt do choigrich no do eòin an adhair." "Mata," arsa' am beadall, "cha b' e sin a rinn am peasan ud, ach ann an guth cruaidh cabhagach mar gu'm e a' reic leabhair as a' phaca, thuirt e, Tha a' chuid mhòr de na tha air an tiodhlacadh anns na h-uaighean againne ann an truaighe shiorruidh, oir mur beirear duine a ris cha 'n fhaod e rioghachd Dhé fhaicinn, ach cha robh duine de na daoine againne air am breith a ris ach mi fhéin is Seònaid piuthar m'athar." "Uist!, a chreutair ghranda," arsa mi fhéin ris; "na bi a' gabhail air do bhilean briathran sòluite nach eil fhios agad ciod a tha iad a' ciallachadh; tha daoine air an sineadh anns an uaigh sin nach bi thusa gu bràth cho mhaith riu ged bhiodh tu air do bhreith fichead uair, t' athair agus do mhàthair agus Seumas." An déidh dha falbh bha mi a' smuaineachadh air an rud a thubhairt e; a' smuaineachadh am biodh e comasach dhomh fhéin fois no sonas a mhealtainn aon mhionaid de mo bheatha na'm bithinn a' creidsinn gu robh mo bhean agus mo chlann air am pianadh ann an lasraichean siorruidh gun dòchas gu'm faigheadh iad faochadh no fuasgladh gu bràth. Cha bhithheadh; duine air bith a ghabhadh a bhíadh gu toilichte no a chaidleadh gu réidh anns an oidheche agus fhios aige gu robh a bhràthair no athair no a mhac a' fulang ann an loch teine pian a tha dol os cionn cainnte, sin duine a thoilleadh an teine e fhéin. Bidh e air uairean a' tighinn a steach ormsa nach 'eil daoine idir a' creidsinn anns an teine fhiadhaich ud 'n an cridhe ged tha iad fhéin an dùil gu bheil; cha 'n 'eil e dhaibh ach mar rud a chunnaic no chual iad anns a' phaipeir-naigheachd, rud nach 'eil a' deanamh greim ceart air an inntinn. Ach ged a bhios na smuaintean sin ag éirigh suas 'n am inntinn-sa, an uair a bhios mi a' cnuasachadh air cùisean leam fhéin anns a' chladh, bidh eagal orm air uairean nach 'eil e ceart dhomh a bhí a' gabhail gnothuich ri nithean a tha os cionn mo thuighe, agus gu'm faod e bhí gu bheil mi a' toirt oibheum do Dhia. Ciod a tha thusa ag ràdh."

"Tha, nach ruig sibh a leas eagal air bith a bhí oirbh gu'n cuir bhur smuaineachadh-se fearg air Dia, oir is e a spiorad féin as ùghdar do gach smuain is faireachduinn chaomhail a dh' éireas ann an cridhe duine. Ciod eile an dòigh air an do ràinig na daoine naomh a sgrìobh am Bìobull air na beachdan a chuir iad sìos ann ach le bhí smuaineachadh 'n an inntinn féin air nàdur is gné is dòighean is rùintean an Tighearna. Tha an Spiorad ceudna a labhair riusan anns na làithean o shean a' labhairt ri daoine an

diugh fhathast, agus a' teagasg daibh iomadh rud air nach do ràinig eadhon na h-abstoil. Na'n robh Pol an diugh beò tha mi làn chinnteach gu'n aidicheadh e gu robh cuid de na beachdan a bha aig na h-aithrichean 'n a latha-san car anabaich is leanabail, agus gu'n abradh e gur h-ann bho Spiorad an Tighearna a thàinig iomadh atharrachadh anns an eaglais ris nach aontaicheadh e fhéin no Seumas aig an àm. Is e Dia fhéin a thug do mhac an duine comas breithneachaidh, agus cha toirmisg e do dhuine buadhan inntinn a chleachdadh, cho fhad 's a tha a chridhe air a shoeruchadh air na nithean a tha fìor-ghlan. Theagamh nach cuala sibhse, a Chalum, an naigheachd so riamh, ach thàinig i gu m' inntinn an uair a bha sibh ag innseadh dhomh mu'n rud a thuirt Tearlach nan duilleagan, agus bho na tha i a' bunntainn ris na nithean air a bheil sinn a' seachas innsidh mi dhuibh i, ged nach bi m'athris ach gu maith maol an coimeas ri aithris a bhàird agus an duine dhiadhaidh a dh' innis an toiseach i ann an ranuan Beurla, An t-Urramach Walter C. Smith, ministear de'n Eaglais Shaoir, an Dunéid-eann. Tha an naigheachd mu òg-bhean a ràinig geata nèimh, air a saoradh agus air a glanadh bho uile pheacadh an t-saoghail. Bha neochiontas a cridhe ri fhaicinn air a h-aodann, air chor agus gu'n do ghlaodh Peadar, gun uiread is ceist a chur oirre mu a creud no a paidir, Fosglaibh an dorus is leigibh a steach i oir is e so òigh a tha airidh air suidhe aig suiper an Uain. Cha téid mi a steach, fhreagair i; cha b' ann a dh' a steach a thàinig mi gu geata nèimh ach a dh' fhaicinn an Uain; faiceam aon sealladh de mo Thighearna, agus cluinneam aon phong de òran nan naomh, agus is leòir an sòlas sin dhomh; ach cha 'n fhaod mi dol a steach, oir feumaidh mi dol a null far a bheil na truaghain a' fulang ann an ifreann, air taobh eile na dòimhne. *Agus bha na h-ainglean uile 'n an tosd.* Tha bràthair ann air a bheil gaol agam, agus leannan cuid-eachd; ciamar a thogainn-sa fonn nan salm air clàrsaich òir agus iadsan a' mallachadh a chéile ann an ifreann? Ion-mhiannaichte gun teagamh tha na sràidean òir, craobh na beatha, is cathair àluinn Dhé, ach b' fheàrr leam iad sin uile a chall seach a bhí gun chomas air fiù na dibhe a thoirt do na truaghain a tha fulang péin. *Agus bha na h-ainglean uile 'n an tosd.* Sheas an Tighearna e féin aig geata nèimh, a' cluinntinn na h-òigh; cha tig thusa a steach ach theid mise a mach thuirt an Slànughear caomh; théid sinn sìos do'n t-slochd oir cò aige a tha fhios nach éisd iad fhathast ri facal Dhé. *Agus bha na h-ainglean uile 'n an tosd.*



BEAN IOB.

An sin thubhairt a bhean ris, Am bheil thu fathast a' cumail t' ionracais? Cuir cùl ri Dia agus faigh bàs.—Iob ii, 9.

Am measg a h-uile rud maith a rinn an Dotair Mac Illeathain nach maireann thug e ceartas do bhean Iob, oir dh' fhàg na seann diadhairean a thionndaidh am Biobull gu Gàidhlig oirre gu'n d' iarr i air a duine Dia a mhallachadh. Sin an t-aobhar gu'n deachaidh a h-ainm air feadh an t-saoghail uile mar aon de na droch mhnathan a thug Dia do dhaoine sònruichte gu bhì 'n an sgoibh 's an fheòil aca. Thuirnt an diadhair mòr Augustine uimpe nach robh innte ach fear-cuideachaidh do Shatan; cainnt làidir is cainnt uamhasach air bilean diadhair, gu sònruichte mu bhoirionnach.

Tha na facail *mallaich* is *mallaichadh* 'n am briathran sòluimte eagallach, ciod air bith an guth leis an abrar iad no an dòigh anns an cleachdar iad. Tha e dona gu leòir gu'm mallaicheadh aon duine duine eile, ach gu'm mallaicheadh duine Dia, Cruithear na talmhainn agus nan nèamh,—sin baobhalas is toibheum a tha dol os cionn cainnte.

Ach anns a' Bhiobull ùr Ghàidhlig tha am facal *mallaich* air fhàgail a mach, oir b' aithne do'n Dotair Mac Illeathain Eabhra na b' fheàrr na b' aithne do'n fheadhainn a dh' eadar-theangaich e an toiseach, agus bha fhios aige gur e an fhlòr rud a thuirnt bean Iob, *Cuir cùl ri Dia agus faigh bàs*. Bha sin fhéin dona gu leòir, ach cha 'n 'eil e cho dona ris na chuireadh as a leth.

Coltach ris na daoine eile a bha beò anns an àm ud (seadh, agus daoine anns an là diugh) bha dùil aig bean Iob gu'n tugadh Dia soirbheachadh saoghalta d'a fear mar dhuais fhreantachd, ach an uair a chunnaic i nach e sin a bha tachairt ach gu'n d' thàinig call is trioblaid air os cionn chàich, rinn i suas a h-inntinn nach robh buannachd ann an seirbhis Ichobhah, agus dh' iarr i air Iob cùl a chur 'a sheirbhis ged gheibheadh e bàs, oir nach b' urrainn da a bhì na bu mhiosa na bha e ged bhiodh e marbh fhéin. Cha b' ann idir gu magail a thuirnt i so, ach ann an searbhadas a cridhe; bha na briathran air am fàsgadh as a bilean le meud a bròin, agus gu sònruichte leis an tionndadh a ghabh i an uair a chunnaic a céile anns an luathre, agus e air a chòmhdach le neasgaidean cràiteach o mhullach a chinn gu bonn a choisè.

Fèumar a chuimhneachadh nach ann air Iob a mhàin a bha làmh an Tighearna air a leagail gu trom: bha ise a' fulang cho mhaith ris-san; clann Iob air an tàinig bàs sgiorraidh b'e a clann-se iad cuideachd; 'n a uile àmhghar-san bha ise fo àmhghar mar an ceudna. Bha call an codach is call na cloinne goirt gu leòir, ach a nis thàinig na bu chruaidhe air fad oirre; an uair a chunnaic i an t-aon duine a bu dlùithe dhi air thalamh air a bhualadh le galair uamhasach chaill i a ciall agus a càil, is thuirnt i ris, Ciamar is urrainn duit earbsa a chur ann an Dia tuilleadh; tha mise ullamh is E, agus tha mi ceart coma, *cuir thusa cùl ris cuideachd, oir cha 'n 'eil romhad ach an uaigh co dhiu*.

Briathran eagallach, da rìreadh, ach ma's aithne dhòmhsa dòighean an Tighearna idir tha mi an dùil nach bi e trom air cainnt amaideach is cainnt pheacach dhaoine a tha an cridheachan briste, cho briste 's gu'm bheil am brisèadh-cridhe a' cur seachrain 'n an ceann; tha mi an dùil nach cuimhnich e 'n an aghaidh an teagamh peacach a thàinig 'n an inntinn agus na briathran amaideach a thàinig gu'm bilean ann an là na deuchainn. Oir tha Dia glic agus tuigs-each.

Bha bean Iob anns an staid inntinn anns an robh màthair shònruichte air an cuala mi iomradh an àm a' chogaidh. "Bha mi ag ùrnuigh ri Dia," aris' ise, "a h-uile latha fad shé miosan, gu'm biodh mo mhac air a chaomhnadh; ach a nis chaill mi e, *is cha 'n 'eil suim agam tuilleadh do Dhia*." Ciod a their thu ris a sin, a leughadair? Theagamh gu'n cuala thu ni-eigin de'n cheart sheòrsa anns na làithean deuchainneach ud anns an robh anmanna dhaoine air an criathradh. Ach bu mhaith leam fhios a bhì agam co dhiu a tha a màthair ud de'n cheart inntinn an diugh fhathast, ma tha i beò, no co dhiu a dh' aigis Dia a h-anam air ais dhi le feartan caomhail a spioraid. "Chaidh sinn troimh theine, agus troimh uisge," aris' an Salmadair, "ach thug thu mach sinn gu h-ionad saobhir;" a' ciallachadh gu'n oibrich dearbhadh faighidinn, agus faighidinn dòchas, dòchas ann an Dia, an dòchas sin a tha mar acair do'n anam. Bitheanta gu leòir tha bròn is brisèadh-cridhe a' milleadh dhaoine, 'g an deanamh gearanach is searbh, ach sin daoine anns a bheil domblas na seirbhe co dhiu, agus cha 'n e rùn an Tighearna gu'n iomaineadh a fhreasdal searbh a chlann air falbh bhuaith.

ach 'n a àite sin, gu'n tigeadh iad na's dlùithe dha, chum fasnadh fhaotainn ann.

Ann a bhi factainn coire do Dhia agus a' toirt dùlain do'n Uile-chumhachdach labhair bean Iob gu h-amaideach, air chor agus gu'm bu cheart a fhreagair Iob fhéin an uair a thuir e rithe gu robh i a' labhairt mar aon de na mnathan amaideach; "an gabh sin maith o làimh Dhé," ars' esan, "agus nach gabh sinn ole?" Tha sinne a tha beò anns na làithean deireannach so 'n ar n-oghreachan air stòr mòr de ghliocas, de eolas, agus de fhiosrachadh spioradail, a chruinnich an cinneadh-daonna anns na linn-tean a chaidh seachad o làithean Iob; ach air a shon sin, tha mise co dhiu 'g am fhaireachduinn fhein mar gu'm biodh paisea aig casan an duine naoimh so, agus cha 'n 'eil uair a chuimhniceas mi air nach toir e orm mo cheann a chromadh le nàire gu bheil mo chreideamh cho beag 's a tha e, agus m' ascreideamh cho mòr. An uair a bhios thusa, a leughadair, ann an dòbhail misnich, an dùil gu bheil do chor na's miosa na cor dhaoine eile, agus gu bheil camadh 'n ad chrannchur a nì do bheatha gun fheum duit. leugh agus leugh a ris àireamh nam mifhortan agus nan trioblaidean a thàinig air Iob agus lean ort gus an tig thu a dh' ionnsuidh nam briathran buadh-mhor so, briathran nach fhaighear an coimeas gus am faighear e ann an ùrnuighean an Ti a lath-air mar nach do labhair neach riamh, *An sin dh' éirich Iob, agus rinn e aoradh agus thubhairt e, Lomnochd thàinig mi á broinn mo mhàthar, agus lomnochd pillidh mi an sin; thug an Tighearn vaith agus thug an Tighearna leis; beannaichte gu robh ainm an Tighearna.*

Cha do chuir Iob cùl ri Dia. "Ged mharbhadh e mi," ars' esan, "earbaidh mi as." Sin an creideamh as fhiach creideamh slàinteil a ràdh ris, agus theagamh gu robh a bhean mhìchreideach air a naomhachadh le creideamh a fir.

ANNS A' CHOILLE BHEITHE.

Tha bliadhna mhòr agus an còrr air dol seachad bho shuidh mi air an tolmán bhòidheach air a bheil mi am shuidhe an diugh. Cha robh mòran làithean air a' bhliadhna so a dh' fhaodadh duine e fhéin a shìneadh air an fheud, a ghabhail na gréine, oir cha robh grian ann. Ach tha grian is blàths is solus anns a' choille bheithe an diugh, agus chuir mi romham gu'n leiginn dhìom uile obair an t-saoghail agus gu'n cuirinn seachad an latha leam fhéin innte, gus a h-àileadh fhaotainn ann am phòraibh agus mo shùil is mo chridhe a fhoileachadh

leis na daihtean maiseach a tha air tighinn oirre bho chionn seachduinn.

*Chi mi 'n toman caorwinn cuilinn,
Chi mi 'n toman caorwinn thall;
Chi mi 'n toman caorwinn cuilinn
'S laogh mo chèill' air 'uilinn ann.*

Anns an dùthaich so, aig an àm so de'n bhliadhna, tha an caorunn daonnan rìomhach is maiseach, ach tha e am bliadhna uile gu léir barrachd ann an glòir. Cha 'n fhaca mi riamh barrachd dhearcagan air na craobhan caorunn na tha orra am bliadhna, agus cha 'n fhaca mi riamh iad na bu deirge na tha iad. Their-eadh na seann daoine gu bheil sin a' ciallachadh gu'm bi droch gheamhradh againn; gu bheil Dia ag ullachadh nan dearcagan air son nan eun. Ach is iomadh rud a bhiodh na seann daoine ag ràdh air nach 'eil dreach na firinn, agus is e so aon diubh. Faodaidh e bhith gu bheil droch gheamhradh romhainn am bliadhna, ach ma tha, cha 'n 'eil gnothuch aig pailteas nan dearcagan ris, agus thàinig droch gheamhradh iomadh uair as déidh foghair anns an robh na dearcagan beag is gann.

Fad an latha air an t-Sàbaid bha an dile uisge ann, agus fad na h-oidhe cuideachd; Diluain cha robh ann ach frasan, frasan fuara, ach oidhe Diluain bha an dile ruadh ann a rithist; Dimàirt, bha frasan ann gu feasgar ach ann an dorch a h-oidheche thionndaidh i gu reothadh, agus bha an talamh geal an uair a dh' éirich mi tràth 's a' mhaduinn an diugh, is leth-oirleach deighe air na lòn. Ach mar a thog an latha, thàinig a' ghrian a mach 'n a neart, agus chruadaich i suas gu latha nach d' thàinig a leithid am bliadhna, an seòrsa latha nach fhaighear ach ann an October, latha anns a bheil cluas is sùil is beul is cridhe duine a' deoghal a steach sòlais. Thuir mise rium fhéin gu'n leiginn dhìom obair is curam is driop an t-saoghail agus gu'n cuirinn seachad an latha ann an caidreamh dìomhair ri Urna Mòr na Coille.

Na'm bithinn air son argumaid a dheanamh riut, a leughadair, agus toiseachadh air a dhearbhadh gur creutair ladarna a tha ann am mac an duine tha mi an dùil gur e an ceann-teagaisg a ghabhainn, *Seachd Ionghnaidhean an t-saoghail.* Tha cuimhne agad ciod iad na h-ionghnaidhean sin, Pyramids na h-Eiphit, Garradh Mòr Bhabh-loin, an Teampull aig Diana ann an Ephesus, agus togalaichean eile de'n t-seòrsa sin, oibricean a tha nochdadh an comas agus an inleachd a tha ann an inn-tinn agus ann an làimh mhic an duine. Ach tha ionghnaidhean anns an t-saoghal is motha na oibricean air bith a rinn làmh

mhic an duine, mìorbhuilean is motha na na Pyramids. Ann an uair a dh' ùine anns a' Choille Bheithe chì mo shùil is cluinnidh mo chluas nithean as mìorbhuiliche na'n team-pull as maisiche a thogadh riamh le làmh; ann am fàs agus ann am bàs an duillich, ann an sgiathan nan eun air iteig, ann an deise rionnach an dealain-dé, tha culaidh-snuain is ionghnadh na's motha na gheibhear ann an obair air bith a rinn làmh duine. A dh' aindeoin na bòilich a bhios mac an duine a' deanamh mu na nithean mòra is iongantach a theid aige air a dheanamh tha creutairean anns a' choille a ni obair as grinne agus as finealta na's urrainn dha-san a dheanamh. Ann an coimeas ri nead speacha cha 'n 'eil anns na Pyramids ach obair gharbh, boitsearachd gun suas.

Cha 'n 'eil uair a sheallas mi air na tighean-samhraidh a bhios na speachan a' cur suas air an son féin nach tig an smuain gu m' inntinn nach robh ann an Sir Christopher Wren ach am pàisde làimh riutha, a thaobh ealain na h-àrd-chlachair-eachd. Na'n robh uiread caomhalachd ann an cridhe nan speachan 's a tha de sheòltachd 'n an cinn, agus de ghrinneas 'n an làmh agus 'n an casan, bhiodh iad 'n an sluagh sònruichte air thalamh. Sluagh gnìomhach, is sluagh finealta, is sluagh seòlta, ach air a shon sin, is sluagh borb gun choguis iad. Anns an aon nead gheibhear air uairean fichead mìle dhiubb, ach ged tha iad cho lìonmhor, tha iad cho òrdail agus cho riagh-aillteach 'n am beatha agus 'n an obair ri muinntir baile. Ach 'n an nàdur tha iad guineach naimhdeil caonnagach, làn gamhlais is mìoruin, gun a leithid de ni anna agus iochd. Tha aon droch chleachdadh aca nach 'eil aig creutairean eile; an àite na cuileagan no na meanbh-bhiasdan eile a tha iad a' dol a dh' itheadh a mbarbhadh a dh' aon ruith, tha iad a' cur diodag puinnsein anna leis a' ghat, los an deanamh gun-chll, agus an sin 'g an gleidheadh beò ann an stòr, gus am bi feum aig na speachan òga air feòil ùr. Tha e coltach nach biodh feòil a bha fada air a mbarbhadh maith dhaibh. Ciod a their thu fhéin, a leughadair, ri obair mar sin? Their mise nach b' urrainn Satan fhéin leasan a thoirt do'n speach, oir tha i cheana coimhlionta ann an aingidheachd. An uair a bheachdaicheas mi air nithean de'n t-seòrsa so ann an cruthachadh Dhé cuiridh e crith air m' fheòil. Tha e na's fhasa ole a thuigsinn ann am beatha mhic an duine aig am bheil reuson is coguis na tha e a thuigsinn ann am beatha nan ainmhdhean aig nach 'eil reuson no tuigse; nach 'eil ach a' toirt umhlachd do'n lagh a chuir Dia 'n am feòil, gun fhios aca e' ar son a tha iad 'g a dheanamh. An

uair a ni mac an duine dad ceàrr cha ruigear a leas a choire a chur air Dia; ach an uair a ni figheadairean, is speachan, is cait, is tiogairean, is clann eile na coille, gnìomh-aran oillteil a chuireas goirisinn ann ad fheòil co air a chuirear a choire?

Ged nach tric leis a' Choille Bheithe a bhi gun cheòl air chor-eigin tha aon ghuth a tha mi daonnan ag ionndrainn innte, guth na h-uisge. Na'n robh barail an t-sluaigh uile air a ghabhail air a' cheist, cò an guth as binne anns an ealltuinn, tha mi an dùil gu'n abradh a' mhòr-chuideachd, guth an smeòraich. Cha 'n abair mise gu bheil iad ceàrr, ach air a shon sin, is caomh le m' chluais òran na h-uisge seach gach ceòl eile fo'n ghréin. Anns an dùthaich so cha chluinnear an ceòl sin ach annamh; ann an Adholl tha an uiseag mar gu'm biodh i air a h-aineoil; an uair a thig i thugainn tha i mar bha na h-Iudhaich ann am Babilon, 'g a faireachduinn fhéin ann an tìr choimhich, air chor agus nach h-urrainn i a laoidhean a sheinn. Ach na 'm biodh tusa, a leughadair, air aon de mhachraidhean Thiriodh ann am briseadh an latha air maduinn chiùin is bhlàth anns a' Chéitein, chluinneadh tu ceòl a' lìonadh na h-iarmaidt mar nach cuala tu riamh an àite eile, agus ceòl nach cluinn thu gu bràth a leithid gus an cluinn thu òran Mhaois agus an Uain ann an nèamh. Ma'n urrainn an smeòrach fonn an òrain a thogail feumaidh e a chasan fhorcadh ann an craoibh; sin an t-aobhar nach do dhearb e e fhéin riamh mar sheinneadair ann an eil-ein mo dhùthchais. Ach cha 'n 'eil feum aig an uiseig air craoibh no stob; éirigh i suas air a sgiathan os cionn deachach agus gleadhraich an t-saoghail, is dòirtidh i a mach a neart agus a cridhe ann an ceòl cho nèamhaidh 's gu'n toir e cridhe duine fo bhuaidh an t-saoghail ata shuas.

Tha cuid de dhaoine a' cumail a mach gu bheil gaol na coille nàdurra do mhac an duine a chionn gu'm b'e a' choille dachaidh a shinnsarachd, *Cloinn-an-Apa*. (Cuimhnich, a leughadair nach e idir Cloinn-an-Aba a tha mi a' ciallachadh.) An là roimhe, aig a' choinnimh mhòir a bha aig muinntir na h-eaglais Shasunnaich, thuir duine ionnsaichte nach robh ann ach an dearg fhaoineas do'n eaglais Chrìosduidh a bhi a' cur an aghaidh nam beachdan aig Darwin. Cha 'n 'eil mise, air a h-aon, a' cur 'n an aghaidh, ach air a shon sin, tha rudan a' tachairt orm a h-uile latha a bhios a' cur ionghnaidh orm, agus nach 'eil idir cho furasda an tuigsinn 's a bhios luchd-leanmhuinn Dharwin a' cumail a mach. A réir mar a bhios na daoine a tha eòlach air an dòighean ag innseadh dhuinn, tha na seill-eanan 'n an creutairean anabarrach glie is

gnìomhach; tha làn-rìgh, is luchd-riaghlaidh, is laghannan, aca. Is aithne dhaibh an gnothuch cho mhaith ri clann-daoine, agus tha iad daonnan a' toirt an aire air, agus shaoileadh tu gu'n ionnsaicheadh iad nith-ean ùra bho fhiosrachadh an beatha. Ach cha 'n 'eil iad a' deanamh sin. Bho chionn na mìltean bliadhna tha mac an duine a' goid an codach a h-uile foghar; a' toirt bhuapa na meala a chruinnich iad cho dìchiollach fad an t-samhraidh, ach cha 'n 'eil iadsan a' fòghlum gliocais. Ged tha iad a' faicinn cha 'n 'eil iad a' tuigsinn. Ma tha e fìor gur h-e an èiginn (am feum a tha aca air iad fhéin a dhìon) a tha ag aobharachadh bhuaidhan ùra is thàlant an ùra a bhi a' fàs ann an creutairean shaoileadh tu gu'm faigheadh creutair cho glic ris an t-seillean dòigh air chor-eigin air a chuid a dhìon bho shannt mhic an duine; shaoileadh tu gu'n tòisicheadh e air a mhil fholach ann an àite nach ruigeadh oirre.

An cual thu riamh an naigheachd so, a leughadair? Mur cuala cluinnidh tu fichead naigheachd air am bi na 's lugha de dheireach na fhìrinn mu'n bì ùpraid nan ath cheithir-là-deug ullamh, taghadh na Pàrlamaid. Tha còir gu'm biodh fhios aig a h-uile duine aig a bheil guth-taghadh cìod a tha am facal mòr fada *propaganda* a' ciallachadh; tha an naigheachd a tha mise a' dol a dh' innsadh mu dhuine neònach de mhuinntir Chill-mo-Cheallaig a thòisich air propaganda ann measg nan ainmhidhean. Bhiodh clann-daoine a' magadh air, agus dùil aca gu'n robh e as a chiall, ach bha e fhéin agus creutairean na machrach a' tuigsinn a chéile mar gu'n tigeadh iad as an aon nead. An uair a dh' fhairtlich air toirt air muinntir na Pàrlamaid éisdeachd ri gearan nan creutairean balbh a tha air an droch ghiullachd le mac an duine thòisich e air propaganda air machraichean agus anns na coilltean, gus mu dheireadh an deachaidh eich, is crodh, is coin, is cait, is cearcan, is mucan, is seilleanan, is speachan, ann an co-bheinn r'a chéile agus an do shuidhich iad gu'n deanadh iad mar a bhios clann-daoine fhéin a' deanamh, gu'n stadadh iad de obair gus am faigheadh iad an còraichean. An uair a chuala muinntir na Pàrlamaid agus sluagh na dùthcha so thuir iad gu robh an duine air a' chuthach is rinn iad glag mòr gàire.

Ann an latha no dhà thug na coin agus na cait na coiltean orra, agus an uair a dh' fhalbh iadsan dh' fhàs na radain dàna is lìonmhor, cho dàna 's gu'n robh eagal air mathraichean an leanaban fhàgail ann an creathaill. Cha robh deur bainne ri fhaotainn, oir thòisich an crodh air breabadh; seana chrodh nach do thog an cas riamh

roimhe cha leigeadh iad le banarach a làmh a chur orra. Cha leigeadh na h-eich leis na cairtearan sùgan no srathair a chur orra; bhris iad an ceanglaichean is chruinnich iad còmhla 'n an ceudan, ag ionaltradh air na h-achaidhean a b' fheàrr a gheibheadh iad. Thòisich an gual air fas gann, agus am biadh; dh' ith na burraich agus na biasdagan a h-uile gas gorm a bha anns na gàrraidhean; bha an dùthaich fichead uair na bu mhiosa na bha i ann an àm a' chogaidh.

An sin thòisich daoine air aire a thoirt do'n gnothuch. Chuir cinn na h-eaglais a mach litrichean gu am pobull dileas ag iarraidh orra là trasgaidh is ùrnuigh a chumail feuch an rachadh an t-olc so a bha a' bagradh air an dùthaich thairis. Anns a h-uile paipear-naigheachd bha dà thaobh a' phaip-eir air a lìonadh le litrichean a bha ag innseadh cìod a bha tachairt an sid agus an so anns an dùthaich; cuid dhiubh a' cur na coire air a' Cheasar, cuid dhiubh 'g a cur air bodach na gealaich, agus cuid eile air Ramsay Mac Dhòmhnnull.

Ged nach 'eil mi a' dol a chrìochnachadh mo naigheachd faodaidh mi so a ràdh co dhìu, nach fhada a mhaireadh uachdranachd mhic an duine thairis air na creutairean eile na'n rachadh iad ann an co-bheinn 'n a ghaidh. Agus gu cinnteach bhithinn fhéin leò, ged nach toigh leam propaganda.

Cìod e an fhìor Ghàidhlig air an fhacal propaganda? Tha, *sgleòlinn*. Theagamh nach amais am facal sin ort anns na faclair-ean Gàidhlig, ach is iomadh facal maith nach fhaighear anns na faclair-ean, ged a b' aithne do Mhac Mhaighstir Alasdair iad, agus do Chalum na Cròige, agus do Sheonaid Eachainn. Tha am facal air a dheanamh suas de dhà fhacal, sgleò agus lìon; sgleò;—doilleireachd shùl is inntinn a tha air an cur air daoine leis na breugan; lìon,—an rud sin a bhios am figheadair a' deanamh air son nan cuileagan a ghlacadh. Nach 'eil sin soilleir gu leòir? Anns na làithean so tha e car duilich eadhon do dhaoine aig nach 'eil inntinnean falamb iad féin a chumail á ribeachan na sgleòlinn leis a bheil iad air an cwartachadh air gach taobh, ach tha na daoine aig a bheil inntinnean falamb uile gu leir ann an braighdeanas aig luchd na sgleòlinn. Sin cuid de'n droch dhìleab a dh' fhàg an cogadh againn. Ann an àm a' chogaidh cha robh air a thoirt dhuinn de'n fhìrinn ach na bha daoine mòra na dùthcha a' saoilinn a bha maith dhuinn, agus bha iadsan làn chinnteach nach seiseamaid ach ri dìodag bheag dhi. Bheireadh iad dhuinn làn meurain de'n fhìrinn ann an cupa sgleòlinn.



NA GAIRDEANAN SIORRUIDH.

Is e an Dia bith-bhuan d' àite-còmhnuidh, agus fodha tha na gairdeanan sìorruidh. Deuteronomi, xxxiii, 27.

Ann am fear d'a leabhraichean tha an t-Urramach Tearlach Spurgeon ag innseadh mar a fhuair e misneach is fois cridhe bho fhacal Dhé an uair a bha e ann an dìobhail misnich. "Anns a' bhliadhna 1854," tha e ag ràdh, "mu'n gann a bha mi bliadhna ann an Lunnainn thòisich am fiabhrus-dubh anns a' cheàrn de'n bhaile anns an robh mi ag obair. Bha teaghlach an déidh teaghlach a' tuiteam sìos leis agus is gann a bha là a dol seachad nach robh mi a' cur cuid-eigin fo'n fhòid. Bha mo chridhe goirt agus mo bhodhig sgith, agus mu dheireadh thòisich eagal air mo bhualadh gu robh an galair uamhasach a' deanamh greim orm féin. Feasgar a bha mi a' tilleadh dhachaidh bho thiodhlacadh, agus mo chridhe trom, faicear paipair air a chrochadh ann an uinneig greusaiche air an t-sràid. Thug mi sùil air a' phaipair anns an dol seachad, agus ciod a bha sgrìobhte air ach na briathran so, "*Is e an Dia bith-bhuan d' àite-còmhnuidh, agus fodha tha na gairdeanan sìorruidh. A chionn gu'n d' rinn thu an Tì as àirde 'na ionad-còmhnuidh dhuib' cha'n éirich ole air bith dhuib', agus cha tig plùigh an fagus do d' bhùth.*" Thug mo chridhe plogadh as agus ghreimich na briathran air m' inntinn mar nach gabh e innseadh dhomh. Ann an làn-dearbhadh creidimh ghabh mi ris a' ghealladh phriseil, agus le cridhe foisneachail is neart ùr lean mi orm am measg luchd an fhiabhruis, oir bha mi nis a' faireachduinn gu robh mi crioslaichte le neo-bhàsmhorachd."

Dhearbh Mghr Spurgeon 'n a fhiosrachadh féin gur fìor facal an t-salmadair, "*Bheir fosgladh do bhriathar solus.*" (*Salm cxix, 130*). Tha facal Dhé beò agus éifeachlach: bheir e cha 'n e mhàin solus ach mar an ceudna neart agus misneach agus dòchas dhaibhsan a ghabhas ris. Smuainicheam-aid, ma ta, air an fhacal so, an dòchas gu'm faigh sinn ni-eigin ann a bhios dhuinn mar acair do ar n-anam.

Tha na briathran air am faotainn anns a' bheannachadh leis an do bheannaich Maois, an duine le Dia, clann Israeil roimh a bhàs. Fad ionadh bliadhna bha Maois 'n a athair do chloinn Israeil, 'n a Iorg agus 'n a bhata dhaibh a là agus a dh' oidhche. B' esan

caraid a bu dìlse agus a bu dlùithe a bha aca air thalamh, agus is ann ris a bha iad a' sealltainn anns gach deuchainn. Cho fhád agus a bha e air an ceann bha fhios aca nach robh eagal daibh, oir gheibheadh a ghliocas agus a chomhairle rathad air an fuasgladh as gach feinn. Ach a nis, an uair a bha e air bheul am fàgail, bhuaile eagal iad, oir cha bu leir dhaibh ciamar a rachadh iad air an aghaidh as eugmhais. Sin an suidh-eachadh anns an do labhair Maois na briathran so. Chuir e 'n an cuimhne nach bu chòir dhaibh a bhì ann an dìobhail misnich, oir, ged a bha esan 'g am fàgail, gu robh gairdeanan fòdhp a bu chumhachdaiche agus a bu chaomhaile na ghàirdeana-san, agus gu robh iad fo chùram agus fo ghleidheadh an Ard-Bhuachaille air nach tuit clò cadail no suain. "*Is e an Dia bith-bhuan d' àite còmhnuidh, agus fodha tha na gairdeanan sìorruidh.*"

Is fhada bho chéile tìr ar dùthcha-ne agus tìr Israeil, agus is mòr an t-atharrachadh a thàinig air an t-saoghal o làithean Mhaois, ach tha an gealladh so cho prìseil dhuinne an diugh 's a bha e dhaibhsan an dé. Ma bha feum aig a' chinne-daonna air Dia ann an làithean an leanabais tha a' cheart fheum aca air fhathast, agus theagamh feum na's motha. Ged a tha daoine an diugh 'n an oighreachan air ealain ùr is eòlas ùr nach robh aig an aithrichean, agus ged a thug na nithean sin atharrachadh air am beatha o'n taobh a muigh, gidheadh tha cridhe mhic an duine gun atharrachadh gun sgàile tionndaidh, leònta le peacadh is eagal is bròn na beatha so mar bha e riamh, agus a' miannachadh a bhì air a threòrachadh gu carraig as àirde na e féin. Mar is motha a chnuasaicheas agus a mheòmhraicheas e air crìoch àraidh a bheatha, agus mar is soilleire a ch' e anfhannachd féin ri aghaidh fheartan dìomhair is chumbachdan nach 'eil comas sam bith aige thairis orra, is ann is motha a dh' fhairicheas e am feum a tha aige air Dia, agus a dh' aicicheas e gur e an sgeul as taitnichte a b' urrainn da a chluinntinn, gu bheil an Dia bith-bhuan 'n a ionad-còmhnuidh dha agus gu bheil na gairdeanan sìorruidh fodha 'n a dhol a mach agus 'n a theachd a steach. Bidh daoine a' feuchainn ri ni-eigin fhaotainn a chuireas iad ann an àite Dhé, ni-eigin a shàsuicheas ionndrainn is feum an anama, ach sin iarraidh air nach robh riamh àgh. Obair, is aigiod, is càird-eas, is toilinntinn, is gràdh mnatha is cloinne,—tha na nithean sin uile maith agus ion-mhiannaichte 'n an àite fein, agus ann

an tomhas lionaidh agus riaraidhidh iad cridhe mhic an duine, ach thig an t-àm anns an abair e riu mar thuirt Iob ri chòirdean, *Is luchd-comhfhurtachd truagh sibh uile*. An uair a tha cudthrom an t-saoghail so agus nithean nach tuig e ach ann am pàirt a' luidhe air an anam, an sin le claonadh nàdurra tha e ag iarraidh fasgaidh ann an dòchas agus ann an comhfhurtachdan na diadhaidheachd. Agus is e Dia toiseach agus deireadh na diadhaidheachd. Mar a ruitheas an abhainn do'n chuan as an d' thàinig i, mar sin tha anam an duine a' gluasad an còmhthail Dhe, tobar a bheatha agus a neirt. As na dòimhneachdan éighidh e ris.

Is e crìoch àraidh na h-eaglais agus uile mbeadhonan an t-soisgeil anam an duine a tharruing gu Dia, chum fàsadh is fois fhaotainn ann. Cha 'n e an eaglais féin, no am Biobull, no na sacramaidean, tearmunn an anama; cha 'n 'eil annta-san ach logan is combarran a tha a' treòrachadh dlàoinne gu Dia, an tearmunn fìor agus làidir. B'e a' chrìoch cheudna a bha aig Crìosd anns an amharc ann an làithean fhèda. Thàinig e do'n t-saoghal a chum an t-Athair a nochdadh do dhaoine, agus dh' fhaodadh suim an teagaisg a thug e seachad mu thim-chioll an Athar a bhì air a chur anns na ceart bhriathran anns an do chuir Maois e, *Is e an Dia bìth-bhuan d' àite-còmhnuidh, agus fodha tha na gàirdeanan sìorruidh*.

Le a theagaisg, agus gu sònruichte le earbsa féin ann an Dia, sheulaich e an fhìrinn sin air cridheachan nan deiseobul. Theagaisg e dhaibh le bhriathran agus le chluadar nach bu neach Dia nach robh a' gabhail suim do na creutairean a dhealbh e, ach gu robh a chùram agus a dhìon thairis orra a ghnàth, agus gu robh eadhon fuil-teanan an cinn air an àireamh leis. Faodar, ma ta, gabhail ri sgeul aoibhneach agus chomhfhurtachdail nam briathran so, cha 'n ann a mhàin air ùghdarras Mhaois ach air ùghdarras as àirde, ùghdarras Mhic Dhé. An t-Athair a nochd esan do'n t-saoghal is Athair caomhail agus làidir e, tearmunn agus neart a shluaigh, comasach air an dìon agus an gleidheadh.

Is airidh Dia air an earbsa as motha a chuireas sinn ann. Feòraich de na linntean a dh' fhalbh an do chuireadh riamh gu nàire neach a dh'earb as? Tha mìle aobhar againn gun earbsa a chur annainn féin ach cha 'n 'eil aobhar idir againn gun earbsa a chur ann an Dia. Tha sinne luaineach ach tha esan seasmhach; tha sinne lag ach tha esan làidir, agus ma thilgeas sinn ar n-eallach air an uair a tha ar n-eallach trom bheir e dhuinn an còmhnaidh a gheall e. Tha an t-as-creideamh ag iadhadh gu furasda eadhon mu dhaoine diadhaidh, agus air

uairean bidh iad an dùil gu'n do dhìcheumh-nich Dia iad agus gu'n d' atharraich a chridhe d'an taobh. An uair a tha cùisean a' dol leò agus a tha gach ni a réir an miann tha faireachduinn aca gu bheil maitheas agus tròcair Dhé 'g an leantuinn agus gu bheil a ghàirdeanan fòdhpà; ach an uair a tha cùisean a' dol 'n an aghaidh agus a tha cùrsa an fhreasail dorcha is searbh 'n am beatha, ann an droch shlàinte, no ann an àm bròin, tha an creideamh agus an earbsa ann an Dia a' fannachadh agus their iad riu féin gu'n do dhìcheumh-nich e iad. Ach cha do dhìcheumh-nich Dia riamh a shluaigh; faodaidh eadhon màthair a lean-abh eicse a dhìcheumh-neachadh agus gun truas a ghabhail dha, ach cha dicheumh-nich Dia a shluaigh, oir ghearr e iad air deàrna. a làmh. Anns an latha d'bona cho cinnteach ris an latha mhaith, ann an àm callachd, no bròin, no briseadh-dùile, tha a ghràdh agus a chaoimhneas thairis orra cho seasmhach ris a' ghréin. Faodaidh caochladh tighinn air ar creideamh-ne agus air ar faireachduinnean, ach cha tig caochladh gu bràth air gràdh Dhe no air a smuaintean tròcaireach d' ar taobh. *Ged dh' atharraich-eadh na beanntan, agus a ghluaisear na cnuic; cha 'n atharraichear mo chaoimhneas-gràidh bhuaite, agus cha ghluaisear coimh-cheangal mo shìth, deir Iehobhah*. Ge b'e àite an téid sinn cha tuit sinn as a làmh-an-san, agus ann an làmh an Tighearna cha 'n éirich olc dhuinn ciod air bith a thachras. An uair a tha an t-seann bhliadhna gu bhì thairis, agus sinn a' cur ar n-aghaidh air bliadhna ùir, a' dol a mach mar a chaidh Abraham agus gun fhios againn ciod a tha romhainn, deanamaid greim air a' ghealladh so ann am facal an Tighearna. *Is e an Dia bìth-bhuan d' àite-còmhnuidh agus fodha tha na gàirdeanan sìorruidh*.

ANNAS A CHATHAIR.

B' àbhaist do bhoirionnach còir ann an Tìriodh a bhì ag ràdh gu robh e furasda gu leòir fir fhreagarrach fhaotainn d'a nigheanan ach nach robh fhios aice air an t-saoghal e' àite an rachadh i a dh' iarraidh mnatha d'a mac. Cha b' aithne dhi aon té anns an dùthaich a bha maith gu leòir air a shon. Bha i coltach ri Rebekah an uair a chual i gu robh Iacob a' leannanachd ri té de nigheanan Het. "Tha mi sgèth de mo bheatha," ars' ise ri Isaac: "ma ghabhas Iacob bean de nigheanan Het, ciod am maith a ni mo bheatha dhombha?" Gun teagamh bha e glic do Iacob gun e féin a cheangal gu neo-chothromach ri caileig mùd-chreidich, ach ged dheanadh e e, theagamh gu'm faigheadh a màthair as a chionn agus nach

biodh an gnothuch idir cho dona 's a bha i an dùil. Ach ma bu mhaith le bean air bith a màthair-chéile a thoileachadh feumaidh rud beag de ghliocas na nathrach a bhí aice, co dhù a tha neo-lochdas a' chalumain aice no nach 'eil.

Ann an aon de ghlinn na Gàidhealtachd bha boirionnach aig an robh aon mhac. Cha robh a' fuireach leò ach iad fhéin, ach an uair a thàinig am mac gu aois pòsaidh, leag e a shùil air té a bha anns a' choimhearsnachd agus rinn iad suas gu'm posadh iad. B' fheàrr le mhàthair a bhean a leigeil a steach leis seach dealachadh ris, agus is e sin a rinneadh. Bha an t-seana bhean 'n a boirionnach glie, agus chuir i roimpe gu'm biodh i ciùin is caomhneil ris a'mhnaoi òig, ach nach tugadh i dhith a h-inntinn gu buileach no gu saor gus an cuiradh i dearbhadh oirre feuch an rachadh aice air sgeul-rùn a ghleidheadh. Là de na làithean thubhairt i rithe gu'm bu mhaith leatha rud sonruichte innseadh dhi ann an diùbhras, na'n gealladh i a cheiltinn agus gun innseadh do dhuine beò. Bhòidich a' bhean òg gu'm biodh i cho tosdach ris an uaigh agus nach innseadh i e eadhon d'a céile-pòsda. An sin dh' innis an t-seana bhean dhi ann an cagar, mar gu'm bu rud e nach gabhadh bruidhinn air os cionn a h-analach, cìod a thachair dhi an uair a bha fìnghair aice ris a' cheud leanabh an déidh pòsaidh. "Cha 'n e leanabh a rug mi idir ach cat; ach is e sin rud nach 'eil fhios aig duine eile air thalamh air, agus b' fheàrr leam a bhì marbh na gu'n chluinneadh anam beò e." Chuir an rud a chual i iongnadh cho mòr air a' mhnaoi òig 's nach b' urrainn di gun a bhì a' smuaineachadh air gun sgur, ach thug i a mionnan gu'n ceileadh i e, agus bha i a' ciallachadh a cheiltinn. Ach tha mic Adhaimh, agus gu sònruichte, nigheanan Eubh anfhann is eu-dìonach, agus cha robh an dìomhaireachd uamhasach ud idir cho furasda a chumail aice fhéin 's a bha i an dùil. Cha robh uair a rachadh i a sheanachas r'a coimhearsnach nach biodh an sgeul-rùn a fhuair i aig dorus a beòil ag iarraidh a mach, agus air uairean dh' fheumadh i a làmh a chur air a bilean air eagal gu'n toisicheadh iad air an naigheachd innseadh leò fhéin, gun chead a toile. Bha eagal aice roimh a màthair-chéile, agus chuidich sin leatha fuireach sàmbach, ach mu dheireadh dh' fhàs e cho duilich dhi an naigheachd a chleith 's gu'n robh i a' faireachduinn gu'n sgàineadh i na'n cumadh i aice i na b' fhaide, agus oidheche an sin leum i a mach agus sheas i air enoc beag a bha aig ceann an tighe, agus labhair i mar so ris na rionnagan.

*A rionnaig 's a reultaig bhreac
Rug ma mhàthair-chéile cat.*

Ach chuala tuilleadh agus na rionnagan an rud a thubhairt i; lean a màthair-chéile a mach i, agus gus a leigeil fhaicinn dhi gu'n do rug i oirre anns a' chionta, fhreagair i,

*A bhronnaig 's a bhreugaig bhochd
Cha 'n e rug mi féin ach mac.*

Bha a' bhean òg air a nàrachadh; air a nàrachadh gu'n deachaidh i an cois a geallaidh, agus air a nàrachadh nach b' urrainn di sgeul-rùn a chleith.

Chuala tu mo naigheachd, a leughadair, agus a nis tha mi a' dol a chur ceist ort; cò de'n dithis bhoirionnach ud a bha anns a' choire; cò aca a ghabhadh tu a taobh? Ghabhainn-sa taobh na té òig. Ged bhiodh an rud fìor cha robh gnothuch air bith aig an t-seann té deuchainn mar sud a chuir air bean a mic, deuchainn nach seasadh ach fear anns an fhlichead agus bean anns a' mhìle. An àite a bhì cur sìos oirre theirinn-sa gu'n do rinn an creutair trugh a fhuair an sgeul-rùn ud glé mhaith; cheil i fad sheachduinnean sgeul uamhasach a gheibheadh éisdeachd dhi ann an cumunn air bith anns an toilleachd i suidhe, éisdeachd a b' fheàrr na gheibh ministearan do'n sgeul aoibhneach a tha aca r'a innseadh, agus an uair a dh' fhairlich oirre cumail oirre fhéin na b' fhaide rinn i innleachd air faochadh fhaotainn ann an dòigh nach deanadh cron d'a màthair-chéile. Ann an aon seadh, cha deachaidh i ann an cois a facail idir, oir cha d' innis i e do dhuine beò. Cha 'n innis na h-èid no na rionnagan an rud a chluinneas iad. Bu mhaith do'n t-saoghal na'n gabhadh daoine nach h-urraimn dad a chleith an dòigh sin air faochadh fhaotainn bho an an-shocair a bhios 'n an inntinn agus 'n am feòil an uair a bhios rud aca r'a innseadh, na'n rachadh iad suas air mullach cnuic agus an diùbhras a dheanadh ri bodach na gealaich, no ris na fir-chlis, no ris a' ghrioglachan.

Bha na seana Ghàidheil a' cur meas mòr air daoine céillidh, daoine ris am faodadh tu rud dìomhair earbsadh gun eagal gu'n gladhadh iad air mullach nan tighean e. Theireadh iad mu dhuine a bha luath 'n a theangaidh, *Ceilidh e an rud nach 'eil fhios aige air.* Theireadh iad cuideachd, *gur maith an fhiacal a bhì roimh 'n teangaidh,* a' ciallachadh gu bheil an teanga 'n a ball cho aotrom luasganach 's gur fheàrr d' i garradh a bhì roimpe. Bha meas mòr air daoine sàmbach ceilteach anns an t-seann t-saoghal air fad, gu sònruichte anns an Ròimh; dh' fhaodainn leth na h-oidheche a chur seachad ag innseadh mu dhaoine air an do chuir Iompairean na Ròimhe urram a chionn gu robh iad tosdach. Tha e air a ràdh nach d' fhuaras aon duine

am measg seanairean na Pàrlamaid anns an Ròimh, fad ochd gineilean, a' tuisleachadh le theangaidh. Air uairean bhiodh na seanairean a' toirt a steach an cloinne, gu sònruichte am mic a bu shine, do àite na Comhairle, a chum gu'm faicheadh iad ciannar a bha cùisean air an socruchadh. Am measg nam balach sin bha fear d' am b' ainm Papyrius Praetextatus, agus tha an naigh-eachd so air innseadh uime-san. Bha na seanairean a' deasbud mu ni-eigin fad an làtha gun ceann-crìche a chur air; thubhairt fear-na-eathrach gu'm biodh a' chùis cheudna air am beulaobh am màireach ach nach robh maith dhaibh innseadh ciod a bha iad a' bruidhinn air gus am biodh e uile air a shocruchadh. An uair a chaidh Papyrius dbachaidh dh' fhaighnich a mhàthair dheth ciod a bha na seanairean a' deanamh an diugh. Thubhairt esan nach robh maith dha sin innseadh. Bu mhòid a dhùisg sin feòrachas a mhàthar; le briodal is brosgul chaidh i 'n a charamh feuch an faigheadh i a mach sgeul-rùin nan seanairean. Mu dheireadh thubhairt e rithe gu'n innseadh e dhith ciod a bha na seanairean a' feuchainn ri shocruchadh; "bha iad," ars' esan, "a' deasbud co dhù a b' fheàrr do'n rìoghachd dà bhean a bhì aig a' h-uile fear no dà fhear a bhì aig a' h-uile mnaoi." Leum am boir-ionnach a mach as an tigh, agus an oidhche sin féin cha robh aon de mhnathan nan uaislean aig nach robh fhios gu robh am fir ag ràdh anns an t-seanadh gu'm b' fheàrrid iad fhéin agus an rìoghachd dà bhean a bhì aca. Am màireach, m'an d' fhosgladh an seanadh, bha réiseamaid de bhoirionnaich aig an doras agus iad air druim dearg a' chuthaich, is b' fheadar do Papyrius innseadh do na seanairean mar a thubhairt e r'a mhàthair. Thug an rud a rinn an gille beag gàire orra, is mhol iad e air son a thosdachd agus a ghéiread, agus an sinn rinn iad lagh nach fhaigheadh clann sheanairean a steach do'n Phàrlamaid tuilleadh, ach a mhain Papyrius Praetextatus.

Uair a dh' fhaighnich duine-eigin de Mhetellus, aon de chommandairean na Ròimhe, ciod a bha e am beachd a dheanamh anns a' chogadh, fhreagair Metellus "na'n robh mi an dùil gu'm b' aithne d' am léine an rùn a tha 'n am inntinn chuirinn dhìom i is loisginn i." Nach b'e sud an duine a fhreagradh air Kitchener!

Ach ma bha tosdachd air a chunntas mar fhèantachd ann an daoine anns an t-seann t-saoghal tha mi an dùil nach 'eil uiread meas air an diugh. Theagamb nach 'eil e furasda dhuinn breith chothromach a thabhairt ann an cùis de 'n t-seòrsa so, agus cha bu nbaith lean-sa a ràdh nach 'eil uiread

dhaoine ann am Breatunn as urrainn sgeul-rùin a chumail 's a bha riannh anns an Ròimh no ann an àite air bith eile, ach air a shon sin, an uair a sheallas mi thairis air na leabhraichean a tha air an cur a mach 'n am ficheadan an diugh, ag innseadh ciod a thubhairt an duine ud mu'n duine ud eile, a' toirt duinn gach goileam is goileab a chualas ann an seòmraichean uaigneach leis an fheadhainn a sgrìobh iad, feumaidh mi a ràdh mu mhòran de luchd-a-phinn nach ceil iad ach an rud nach 'eil fhios aca air.

Theagamb nach 'eil anns an rud so ach fasan ùr, fasan a theid seachad gu goirid mar a chaidh droch fhasain eile seachad, ach tha e a' milleadh dhaoine 'n an cridhe agus 'n an coguis, a' deanamh an cridheachan cruaidh agus a' deanamh an coguisean maol. Coma leam daoine air am bi aileag gus an innis iad a' h-uile facal a chuala iad; cha 'n 'eil anna ach daoine cunnartach, agus daoine a d'healaicheas càirdean. Is maith an combarradh e air duine air bith srian a bhì aige air a theangaidh. Cha 'n 'eil dòigh eile anns a bheil daoine a' briseadh lagh a' chàirdeis agus lagh na suaice cho tric 's a tha iad 'g a dheanamh le luathas na teangaidh.

OB AIR NA H-EAGLAIS.

Fàsaidh an aon bheag 'n a mìle, agus an aon shuarach 'n a cinneach làidir. Sin am facal a thàinig gu m' inntinn an là ròimhe an uair a bha mi a' leughadh an leabhair bhig anns a bheil iomradh air a dheanamh air an obair shoisgeulach a tha eaglais na h-Alba a' deanamh ann an dùthchanna céin. A thuilleadh air na chuir an eaglais a mach de dhaoine geala, a theagasg agus a Shearmonachadh, tha cho mhaith ri mìle gu leth de nàisinn nan dùthchannan sin fhéin air an cur air leth a nis gu seirbhìs an t-soisgeil am measg an luchd-dùthcha. Tha 46,492 pearsa air am baisteadh, agus tha 29,941 de sgoilearan anns na sgoilean againn anns na h-Innsean agus anns na dùthchannan thall. Ach ged tha an obair a' soirbheachadh tha mòran ri dheanamh fhathast, agus tha e air iarraidh oirnn uile am bliadhna àr làmh a chur 'n ar pèca agus tabhartas as mò na's àbhaist a thoirt do'n aobhar so. Ciod am feum a tha ann do dhuine a bhì ag ùrnuigh ri Dia gu'n luath-aicheadh e teachd a rìoghachd air thalamh mur cuidich e le Dia an ùrnuigh sin a fhreagairt. Leumadh an Dotair Ogilvie le moit na'n tugamaid dha crìnn a bharrachd anns an not air na fhuaire an uiridh.



SEARMON DO'N CHLOINN.

Bheir mi an aire do m' shlighibh nach peacaich mi le m' theangaidh. Salm, xxxix. 1

Chaidh duine uair-eigin gu fear-teagaisg Iudhach, a dh' iarraidh air té de na sailm ionnsachadh dha. B'e so an t-salm a thagh am fear-teagaisg. Thòisich an duine air a' cheud rann ionnsachadh air a theangaidh, agus an uair a shaoil e gu'n robh an rann aige gu ceart, thuirt e ris an Rabbi gu'n deanadh sud feum air son aon là, is dh' fhalbh e. Bha dùil aig an Rabbi gu'm biodh e air ais am màireach, ach chaidh bliadhna mhòr seachad m' an do thill an duine. An uair a dh' fheòraich am fear-teagaisg d'èth e' ar son a dh' fhan e air falbh cho fada, "Dh' fhan," ars' esan, "a chionn nach bu mhaith leam tòiseachadh air leasan ùr gus an robh a' cheud leasan agam gu ceart."

Is sona a h-uile duine a dh' ionnsaicheas ann am bliadhna fhéin srian a chur air a theangaidh, oir is e sin leasan cho duilich ionnsachadh 's a tha ann idir, agus tha na mìltean air thalamh nach h-ionnsaich gu bràth e. Gu là am bàis tha iad a' tuisleachadh le 'm beul, agus a' toirt oilbheim do Dhia le 'n teangaidh.

Tha fichead dòigh ann anns am faod daoine peacachadh le 'n teangaidh, ach is e an dà dhòigh anns an trice an bheil iad 'g a dheanamh, le breugan agus le mìonnan. Mar tha Leabhar Aithghearr nan Ceist ag innseadh dhuinn, tha cuid de pheacaidhean na's mìosa na cuid eile, ach is e am breugaire fìor cheann feadhna nam peacach. Ged nach maith an rud e ann an duine air bith a bhì cas 'n a nàdur, no trom air an uisge-bheatha, no leasg gu obair, no aotrum 'n a sheann aois, faodaidh na fàilingean mòra sin a bhì ann an daoine anns am bheil ionaidh rud a tha grinn is maith, ach an uair nach 'eil an fhìrinn anns an taobh-a-stigh, agus a tha duine air a thoirt suas do na breugan, tha spiorad an Tighearna 'ga fhàgail. Glé bhith-eanta ch'ì sibh ùbhlán agus meang annta, spot beag a tha fàs bog, ach cha 'n 'eil am meang a' dol a steach ro fhada agus gabhaidh iad itheadh maith gu leòir. Sin mar a tha a' mhòr-chuideachd de dhaoine air thalamh; tha meang annta ach air a shon sin tha fallaineachd annta cuideachd, agus is urrainn do Dhia feum a dheanamh dhiubh ann an obair an t-saoghail agus ann an obair na h-eòglais. Ach tha na breugairean coltach ri ùbhlán a tha grad a dh' ionnsuidh

a chridhe; ùbhlán nach gabh blas a chur orra eòd air bith e ni thu riù, agus anns nach 'eil feum air bith ach a bhì air an tilgeil air an dùnan.

Bu mhaith leam innseadh dhuibh, a chlann, cuid de na nithean a tha facal an Tighearna ag ràdh mu bhreugan, agus mu luchd-innsidh nam breug.

Tha an t-abstol Eoin a' cur nam breug air an aon ghad ris na peacaidhean oillteil so, mort, strìopachas, druidheachd, iodhol-aoraidh, agus an measg nan daoine a tha e ag ràdh nach fhaigh a steach do nèamh tha e ag ainneachadh "gach neach a ghràdh-aicheas agus a nì breug." Tha am Biobull ag ràdh gur e Sàtan athair nam breug, air chor agus gu'm faodar a ràdh ann an da rìreadh gur h-e clann Shàtain a tha anntasan a bhios ag innseadh bhreug. Is e Sàtan a dh' innis a' cheud bhreug, air a bheil cunntas againn, an uair a thug e air Eubh a chreidsinn nach éireadh oile dhi ged a dheanadh i an rud a thoirmisg Dia. Agus is e Càin a dh' innis an ath breug anns a' Bhiobull; nach e sin an dithis mu dheireadh air an t-saoghal a bu mhaith leibh an eiseimpleir a leantuinn, Sàtan agus Càin?

Ann am Facal an Tighearna tha dà naigh-eachd uamhasach air an innseadh mu dhaoine air an tug Dia breitheanas air son nam breug, Gehasi anns an t-Seann Tiomnadh, is Ananias agus Saphira anns an Tiomnadh Nuadh. Theagamh gu bheil daoine anns an t-saoghal an diugh a tha cheart cho neo-choguisach agus cho breugach ri Gehasi no ri Ananias, ach a tha factainn leò gun bhreitheanas air bith a fhighinn orra, ach ged tha Dia faighidinn-each agus ged nach 'eil e a' toirt luigheachd dhuinn a réir ar n-eucearta bithibh-se cinnteach, a chlann, gur e tuarasdál a' pheacaidh daonnan am bàs; bàs an anma, bàs nan uile bhuidhnan maith is uasal a chuir Dia ann an anam an duine.

Tha cuid de bhreugan ann is mìosa na chéile; cha b' urrainn Sàtan fhéin, athair nam breug, breug a bu dalma innseadh na bhreug a dh' innis Ananias do Pheadar. Dh' fheuch e ris a' char a thoirt cha 'n e mhàin as na h-abstoil ach as an Spiorad Naomh féin. Ach cha mbeallair Dia, oir tha sùilean an Tighearna mar mhìle coinneal agus ranns-aichidh iad seòmraichean dìonhair a chridhe.

Bha fear de na seann Mhórairean Dearga ag ràdh an là roimhe gu bheil barrachd bhreug air an innseadh an diugh le fianuisan

ann an Cùirt an t-Seisein na bha air an innsadh innte an uair a bha esan òg; nach 'eil eagal air daoine mar a b' àbhaist a bhì orra fianuis-bhréige a thoirt seachd ann am bocsa nam mionn. Cha b' urrainn comharradh a bu mhiosa a bhì air rìoghachd air bith na gu'n cailleadh an sluagh urram do'n fhìrinn. An duine a tha gun urram do'n fhìrinn tha e gun urram do Dhia oir is e Dia athair na fìrinn.

Chuala sibh, a chlann, am facal *teanga shalach*. Tha an teanga salach an uair a tha i air a h-uisneachadh ann an seirbhis a' pheacaidh. Chuala mi iomradh air balach a chaidh a shealltuinn a sheannhathar; gus a leigeil fhaicinn d'a sheannhathair cho mòr 's a bha e air fàs thòisich ann balach air a sheanchas a shailleadh le miannan is droch cainnt. Cha b'e trod ris a rinn a sheannhathair idir, ach dh'èirich i is fhuair i mìas uisge, agus searadòir, agus siapann, agus dh'iarr i air a bheil 's a theanga a nigheadh. Sin na thubhairt i, ach fhuair an gille ud leasan nach do dh'èirich e gu bràth.

Tha daoine a bhios a' mìonnachadh agus a' gairm air ainm an Tighearna ann an dìomhanas a' nochdadh gu soilleir nach 'eil urram no eagal diadhaidh 'n an eridhe; tha iad ag innsadh do'n t-saoghal nach 'eil annta fhéin ach na trusdairean gun ghrinneas 'n an cainnt no 'n am faireachduinn. Is gasda an rud e, gu'n rachadh aig duine air a sheanchas a shailleadh le géiread is àbhacas is dibhearsoin laghach, ach mur bheil dad aige le an sàil e a sheanchas ach miannan is guidheachan is draosdachd, b' fhearr dha fhéin agus do dhaoine eile gu'n do rinn Dia balbhan dheth.

Tha e air a ràdh gu bheil saighdearan agus seòladairean na's truime air na miannan na daoine eile, ach ma tha iad mar sin an diugh, bu mhaith leam innsadh dhuibh mu sheann seòladair a bha air atharrachadh, Sir Walter Raleigh, a bha 'n a chomann-dair air cabhlach Bhreatainn anns a' bhliadhna 1617. B'e so na h-òrdain a thug e do na sgiobairean a bha foidhe.

(1) *Biodh coradh agaibh air bòrd a h-uile latha, anns a' mhadaoin agus anns an fheasgar: a h-uile feasgar biodh ainm an Tighearna air a mholadh leibh ann an salm. oir as eugmhais beannachd an Tighearna cha soirbhich nì air bith a ghabhar os laimh air muir no air tìr.*

(2) *Thoiribh an aire nach gairmeas air ainm an Tighearna ann an dìomhanais air an luing. Ma nì neach air bith sin, agus nach stad e de 'n droch chleachdadh, an dèidh rabhaidh fhuatoinn, biodh e air a thumadh anns an fhuirge bho cheann na slaithe. Ma tha mallachd an Tighearna air àite-comhnuidh an aingidh agus air tigh nam*

mionn, nach motha gu mòr a bhios mallachd an Tighearna air bàta nam mionn.

Nach bu mhaith an gnothuch na'n robh na riaghailtean sin air an gleidheadh ann an soithichean-cogaidh Bhreatainn an diugh, agus anns gach bàta a tha dol gu muir!

Tha daoine a' deanamh peacaidh le 'n teagaidh air iomadh dòigh eile cuideachd, gu sònruichte ma tha iad luath 'n an teagaidh, oir tha facal an Tighearna ag ràdh, "Ann an lìomhoireachd bhriathran cha bhithear saor o pheacadh: ach tha esan a choisgeas a bhilean glie." Bithibh-se glie, a chlann, agus cuiribh roimhibh ann an tùs 'ur tòiseachaidh breugan is mionman is cainnt shalach a sheachnadh, agus ar bilean a choisrigeadh do sheirbhis Dhé.

ANNS A' CHATHAIR.

Mar a dh' innis mi dhuibh cheana bha Calum Dòmhnallach, beadall na h-eaglais ann an Cille-Sgumain, 'na dhuine fìrinneach, neo-eisìomail each; cha'n abradh e uair air bith ach an rud a bha 'n a inntinn. Là Sàbaid a thachair an Còirneal air agus e a' dol air chéilidh air a' Chaiptein Dhubh aig uair a bu chòir dhaibh le chèile a bhì dol do'n eaglais, thuir e ri Calum, "Theagamh gu'n saoil thusa, a Chalum, gur peacach dhòmhsa dol seachad air dorus na h-eaglais." So mar a fhrèagair Calum, "Is coma dhuibhse a Chòirneal gu dé a shaoileas beadall Chille-Sgumain, ach cha choma dhuibh gu dé a shaoileas Dia."

Ann an làithean òige cha d' fhuair Calum mòran sgoile, ach air a shon sin bha inntinn aige a bu ghéire agus a b' fhosgailte na bha aig a' chuid mhòr de Chléir mhuile, ged a fhuair iad làn an cinn de sgoil. Tha sin a' tachairt tric gu leòir, gu bheil barrachd tùr anns a' bheadall na tha anns a' mhinisteir. Cha chuir sgoil tùr ann an duine anns nach 'eil e gu nàdurra: tha seòrsachan dhaoine ann agus ged gheibheadh iad fichead bliadhna ann an Collaiste cha'n fhàsadh 'n an inntinnean ach an coirce-madaidh. Bhiodh Calum daonnan a' leughadh, air chor agus gu robh e 'ga ionnsachadh féin uile làithean a bheatha, agus cha'n e mhàin gu'm biodh e a' leughadh ach bhiodh e a' cnuasachadh 'na inntinn féin air na bha e a' leughadh agus a' cluinntinn. Mar sin bha a bhuidhean air an cleachdadh ri eadar-dhealachadh a chur eadar an fhìrinn agus nithean air nach 'eil dreach na fìrinn, agus b' urrainn da breith chothromach a thabhairt ann an iomadh cùis anns am faodadh diadhairean fhéin dol air seachran.

Là a bha sinn 'n ar suidhe còmhla anns a' chladh thuir e rium, "An bi thusa 'n ad

eaglais fhéin uair air bith ag innseadh do'n choimhthional mar a fhuaradh am Biobull, cò a sgrìobh e agus ciamar a bha e air a chur an altaibh a chèile."

"Bithidh," arsa mise; "tha e iomchuidh gu'm biodh eòlas nan nithean sin aig a h-uile duine a tha creidsinn anns a' Bhiobull, agus gu sònruichte aig an òigridh a tha dol a mach do na bailtean mòra far an cluinn iad aig gach oisein sràide daoine a' cur sìos air a' Bhiobull, agus a' teagasg nach 'eil ann ach faoin-sgeulachdan."

"Sin mo bheachd fhéin cuideachd," arsa Calum, "ach a bheil fhios agad nach cuala mi riamh ann an eaglais Chille-Sgumain, ged tha mi a' dol innte bho chionn trì fichead bliadhna, aon fhacal a chuireadh solus dhuinn air a' Bhiobull, no air an dòigh anns an robh e air a chur ri chèile. Bidh so a' cur iongantais orm, oir tha mi a' leughadh anns na paipearan-naigheachd gun sgur, agus ann an leabhraichean cuideachd, gu bheil beachdan ùra aig daoine an diugh mu'n Bhiobull nach robh aca an uair a bha mise òg. Shaoilinn gu'm bu chòir do na ministearan an gnothuch so a shoilleir-eachadh do'n t-sluagh agus innseadh dhaibh gu rèidh pongail gu dé a tha na h-àrd-sgoilearan a' ciallachadh leis na bhios iad ag ràdh mu ùghdarras a' Bhiobuill. Tha B.D. aig a' mhinisteir laghach againne, tha t-Urramach Niall Mac Phàrlain, agus tha iad ag innseadh dhòmhsa nach fhaigh duine air bith B.D. mur bheil a cheann air a dhinneadh le eòlas gus nach gabh an còrr cur ann, ach ma tha sin aige, cha tug e dad dhuinne nach robh againn roimhe, agus air son na chuala sinn riamh bhuaith mu'n Bhiobull dh' fhaodamaid a bhì cho aineolach uime ris na Hottentots. Bidh e a' leughadh dà chaibideil as a h-uile Sàbaid, té as an t-Seann Tiomnadh agus té as an Tiomnadh Nuadh, ach ged a bhios na Sgrìoburan sin air uairean cho dorcha ri dubh-fhacail Choimnich Òdhair cha chuala mi riamh e a' deanamh mìneachaidh orra, agus cìod air bith an ceann-teagasg a ghabhas e, bheir e dhuinn daonnan an t-aon searmon, searmon gasda soisgeulach, a cheart cho soisgeulach an là a bhios e a' bruidhinn mu thairbh no mu reitheachan ann an Lebhiticus, no mu chraicinn bhroc is fionnadh ghabhar ann an Eesodus, 's a bhitheas e an là a bhios e a' bruidhinn mu aran na beatha no mu'n Bhuachaille mhaith ann an soisgeul Eoin. A bheil fhios agad, a mhinisteir, gu'm bì mise a' faireachdan ann an fhéin gu bheil rud-eigin ceàrr 'na leithid sin de theagasg, ach is duine gun sgoil mi agus cha 'n urrainn mi a ràdh air a cheann cìod a tha ceàrr. An innis thusa dhomh?"

"Theagambh, a Chalum, nach 'eil dad

ceàrr, ach a mhàin gu bheil sibhse agus mise cuideachd ann an aon saoghal agus An t-Urr. Niall Mac Phàrlainn, B.D., ann an saoghal eile, a thaobh oibreachadh ar n-inntinnean, ach ged nach toigh lean-sa a bhì cluinntinn shearmonaichean a' bruidhinn air rann mar so ann an Dàn Sholaimh, *Tha do dha chich mar dha mheann earba, càraid na maoislich, a dh' ionaltras am measg nan lili*, mar gu'm biodh firinnean-luachmhor an t-soisgeil air am filleadh a steach innte, feumaidh mi aideachadh aig a' cheart am gu'm bu toigh le diadhairean nach h-airidh mise air barr-iall an brògan fhuasgladh an dòigh sin. Bhiodh na seann diadhairean mòra, Origen agus Augustine, ag òigheachadh nan Sgrìoburan a cheart cho mhaith ri ministeir Chille-Sgumain agus a' faotainn firinnean an t-soisgeil gu samhlachail anns an t-Seann Tiomnadh. B'e an t-aobhar gu'n robh iad a' deanamh sin, nach do thuing iad gu ceart nach e aon leabhar no aon ghuth a tha anns a' Bhiobull idir, *ach gu'n do labhair Dia gu minic agus air iomadh dòigh, agus gu'n do labhair e anns na làithean deireannach le a Mhac*. Cha 'n e aon leabhar a tha againn anns a' Bhiobull ach trì fichead leabhar agus a trì; cuid dhiubh air an sgrìobhadh mìle bliadhna roimh chach; cuid dhiubh air an sgrìobhadh le sagartan is cuid dhiubh le fàidhean; cuid le cìobairean is cuid le bàird; cuid dhiubh le feallsanaich is cuid dhiubh le daoine gun sgoil gun ionnsachadh. Aig aon àm bha dùil aig daoine gur e corrag dheas an Tighearna a sgrìobh a h-uile facal anns a' Bhiobull, agus mar sin nach robh mearachd ann bho cheann gu ceann. Agus an diugh fhathast bidh daoine nach 'eil a' cleachdadh an briathran a thombas a' labhairt air an sgrìobtur mar fhacal nach gabh briseadh agus nach h-urrainnear cur 'n a aghaidh. Bhiodh sin ceart gu leòir na'n robh iad a' ciallachadh leis an Sgrìobtur *teagasg is foillseachadh an Tighearna Iosa, agus na tha a réir sin*, ach tha e fada ceàrr ma tha iad a' ciallachadh leis an sgrìobtur a h-uile facal a tha anns a Bhiobull. Tha nithean anns a' Bhiobull a chuir Criosd féin 'n an aghaidh; laghannan mu ghloine agus neo-ghloine; laghannan mu choimhead na Sàbaid, a chuir e an suarachas. Fhuair na Pharasaich coire dha a chionn gu'n robh e a' briseadh nan sgrìoburan naomha, oir bha iad fhéin a' leantuinn gu litireil riù, ach bu bheag aig Iosa litir an lagha an coimeas ri spiorad na diadhaidheachd."

"Ma tha e fìor," arsa Calum, "mar a thubhairt thu, gu bheil mìle bliadhna eadar cuid de leabhraichean a' Bhiobuill shaoilinn gu'm biodh solus na frinn na bu dealraiche anns an fheadhainn mu dheireadh na tha e anns an fheadhainn a bha air an sgrìobhadh

an toiseach, oir tha adhartas a' tighinn air an t-saoghal anns gach linn a thaobh ealain eile, agus shaoilinn gu'm biodh adhartas a' tighinn air fiosrachadh dhaoine mu nàdur agus mu dhòighean an Tighearna. An uair a bhios mise a' leughadh a' Bhiobuill dhomh fhéin bidh mi glé thric a' faireachduinn nach e an t-aon seòrsa dhaoine a tha tachairt orm anns an t-Seann Tiomnadh 's a tha tachairt orm an uair a ruigeas mi Gnìomh-aran nan Abstol, agus nach e an aon chainnt a tha iad a' labhairt. Tha caoban mòra ann an Genesis agus anns na leabhraichean eile a tha eadar sin agus eachdraidh nan Rìghrean nach 'eil mi a' tuigsinn gu ceart idir; air uairean saoilidh mi nach 'eil anns na daoine a tha air an ainneachadh anna ach leanaban a thaobh nithean spioradail, ach an ath mhìonaid thig an smuain thugam, Cò thusa gu'n gabhadh tu ort fhéin sin a radh? A thuilleadh air sin bidh mi a' cluinntinn luchd-teagaisg diadhaidh a' labhairt mu Abraham agus mu Iacob agus mu Ghideon mar gu'n robh iad fada fada air thoiseach air diadhairean an latha diugh anns an eòlas a bha aca mu rùintean agus mu dhòighean an Tighearna."

"Theagamh gu'm bi sibh a' cluinntinn sin, a Chalum, ach ma bhitheas, cha 'n 'eil ann ach seanchas gun bhun gun bhàrr. Cha robh ann an Abraham ach am pàisde gu spioradail ann an coimeas ri naoimh an Tiomnaidh Nuaidh, agus ann an coimeas ri naoimh a tha beò an diugh. Cha 'n fhaca Abraham no Iacob ach deò beag de'n t-solus ata o shuas, oir bha iad beò ann an òg-nhaduinn an t-saoghail mu'n d' éirich Grian na fireantachd. Aig aon àm bha daoine an dùil gu'n d' fhoillsich Dia e féin gu h-iomlan do na h-aithrichean a bha beò anns na ceud linntean, Adhamh agus Noah agus Enoch; gu'n tug e dhaibh an creideamh 'n a ghloine agus 'n a lànachd, ach an sin gu'n do thuit an cinneadh-daonna air falbh bho eòlas na frinn agus gu'n do laigh dorchadas orra, dorchadas nach robh orra bho thùs. Ach cha 'n ann mar sin idir a dh' fhoillsich Dia e féin; thug e an solus do'n t-saoghal uigh ar n-uigh, lion beag is beag; ann an eachdraidh Israeil agus ann an leabhraichean a' Bhiobuill tha e furasda gu leòir do sgoilearan fhaicinn mar bha sluagh an Tighearna air an soilleireachadh leis an Spiorad Naomh linn as déidh linn. Tha sinn uile an diugh a' creidsinn anns a' bheatha mhaireannaich ach bha mòran de naoimh an t-Seann Tiomnaidh marbh na ceudan bliadhna m'an do gheimich an cinneadh-daonna air an dòchas bheannaichte sin. Tha cuimhne agaibh ciod a tha an duine a sgrìobh leabhar *Ecclesiastes* ag ràdh:—

An nì a thachras do chloinn nan daoine, tachraidh e do na h-ainmhidhean; mar a dh' eugas aon diubh, is ann mar sin a dh' eugas an t-aon eile; seadh is i an aon anail a tha aca uile; agus cha 'n 'eil barrachd aig duine air ainmhidh, oir is dìomhanas iad uile:— Ecclesiastes.

Bha an duine a sgrìobh na briathran sin gun dòchas cinnteach air bith gu'n robh na maribh fo chùram an Tighearna, ach an uair a dhùnas tu leabhraichean an t-Seann Tiomnaidh agus a dh' fhosgla tu litrichean Phòil no litrichean Pheadair, tha thu mar gu'm biodh tu ann an saoghal eile, ann an saoghal ùr.

Oir is éigin do'n chorp thruaillidh so neo-thruaillidheachd a chur vime agus do'n chorp bhàsmhor so neo-bhàsmhorachd a chur vime. Agus an uair a chuireas an corp truailidh so neo-thruaillidheachd vime, agus a chuireas an corp bàsmhor so neo-bhàsmhorachd vime, an sin coimhlonar am facal a ta sgrìobhta, Sthuigeadh suas an bàs le buaidh. O bhàis, c'àite am bheil do ghath. O uaigh, c'àite am bheil do bhuaidh: Pol.

"Tha sin soilleir gu leòir dhomhsa," arsa Calum, "is iomadh uair a bhi mi a' smuaineachadh 'n an inntinn fhéin nach 'eil e ceart do dhaoine a bhi toirt uiread géill do rudan neònach gun fheum anns an t-Seann Tiomnadh 's a bheir iad do bhriathran an Abstoil Eoin no do bhriathran an Tighearna féin. A dh' innsadh na firinn bhithinn glé chomaged bhìodh cuid mhaith de'n t-Seann Tiomnadh air fhàgail a mach as a' Bhìobull uile gu leir oir tha facal o'n Tighearna againn anns an Tiomnadh Nuadh as ùire agus as fheàrr na 'm facal a fhuair na h-aithrichean mìle bliadhna roimh theachd Chrìosd. An uair a tha balach a' fàs, cha dean an t-aodach a bha aige an uiridh feum dha am bliadhna; tha e a' fàs a mach as. Sin mar tha mise an dùil a tha an gnothuch a thaobh cuid de na nithean a leughas mi ann an leabhraichean an t-Seann Tiomnaidh; bha beachdan aig Maois is Abraham is Samson is Elias ris nach h-urrainn duinne gabhail an diugh a chionn gu'n d' fhàs sinn a mach asda, agus gu bheil sinn ann an saoghal ùr, ach cha 'n 'eil sin a' ciallachadh nach do labhair an Spiorad Naomh anns na daoine sin. Labhair an Spiorad Naomh anna gun teagamh agus gheibhear a' chuid sin d' an teagasg air a dhaingeachadh anns an Tiomnadh Nuadh; ach an rud a bhùineadh dhaibh féin agus d' an linn féin faodar sin a leigeil seachad mar na duilleagan a thuiteas bhàrr na craoibhe. Thig duilleagan ùr an ath bhliadhna.



IRIOSLACHD NAN NAOMH.

Chunnaic mi crìoch gach iomlain; ach tha e' aithne-sa ro-fharsuinn:—Salm. cxix, 96.

Ciod a tha an Salmadair a' ciallachadh leis an fhacal so? Bhiodh an smuain a bha 'n a inntinn na bu shoilleire na'n robh i air a cur anns an dòigh so,—Cha 'n 'eil dùil agam ri iomlanachd tuilleadh, oir tha lagh an Tighearna anabarrach domhain. An uair a bha e 'n a dhuine òg bha a chridhe an geall air naomhachd agus ùmhlachd iomlan do reachd Dhe; bha dùil aige gu'n ruigeadh e air lànachd sith is sòlais a riarachadh 'anam; ach mar a bha na bliadhnachan a' dol seachd cha b'urrainn da a ràdh gu robh an iomlanachd sin air an robh a chridhe an geall ach mar thir a bha fad as. Cha bu léir dha iomlanachd ann féin no a n an duine eile fo'n ghréin. Anns na daoine a bu ghlice bu léir dha tomhas amaideis: anns na naoimh a b' fheàrr bu léir dha freumh a' pheacaidh; agus le mulad is sgìths spioraid tha e a' cur fiosrachadh a bheatha anns an fhacal so, Iomlanachd! cò a ruigeas ort, oir tha lagh an Tighearna farsuinn is domhain mar an cuan?

Ann a bhi ag ràdh so cha 'n 'eil an Salmadair ag ràdh rud ùr: ach ged is fìor am facal nach fhaighear iomlanachd air thalamh cha 'n 'eil iadsan a ghabhas am facal air am bilean a' ciallachadh gu bitheanta an aon ni leis. Is ann le irioslachd is macantas a their na naoimh nach 'eil iad féin no daoine eile iomlan, ach cha 'n ann mar sin a their iadsan a shuidheas ann an caithir luchd-fanoid e. Ann an suilean nan naomh tha nàdur is buadhan mhic ann an duine làn glòir is maise, ach is e an combarradh cinnteach leis am faodar luchd na fanoid aithneachadh, nach léir dhaibh maise no subhaile air bith ann am beatha an co-chreutairean, agus nach eil creideas aca ann am maitheas duine beò. Their an seòrsa dhaoine so riut anns an aodann nach d' amais ionracan riamh orra agus gur é a mhàin clann is amadain a bhios ag iarraidh fìrinn is ionracas air thalamh. Their iad gur e sin an gliocas a chruinnich iad bho fhiosrachadh am beatha féin agus tha e dhaibh mar ghréim milis. Cha 'n 'eil creideas aca ann an treibhdhìreas fhear no ann an onoir bhan, agus ma chi iad costas na naomhachd air beatha neach sam bith, their iad, mar thuir an athair romhpa, nach ann a nasgaidh a tha eagal Dhe air Iob.

Is maith leò a chreidsinn nach ann air ghaol a' cheartais a tha an co-chreutairean a' deanamh ceartais ach air ghaol buannachd no le ceilg dhomhain. Nì iad fanoid air osnaidhean an aithreachain agus air ùr-nuighean nan naomh. Cha ruigear a leas a bhi bruidhinn ris an t-seòrsa dhaoine so, oir tha iad le combairle shuidhichte a' dùnadh an sùil agus a' cruadhachadh an cridhe. Cha 'n 'eil e iongantach nach faiceadh luchd na fanoid an taobh as fheàrr de nàdur dhaoine eile, oir cò leis am bu mhaith blàths is caomhalachd is gràdh is dìomhaireachd a chridhe a leigeil fhaicinn do shùil fhuar na feadhnaich sin? Cha 'n 'eil fios aca gur e an cridhe amharasach féin a tha a' cruthachadh an uile agus na ceilge a tha iad a' faicinn 'n an coimhearsnaich. Teichidh na h-ainglean air falbh á comunn sam bith anns an suidh luchd na fanoid, agus seargaidh na flùraichean as maisiche a tha fàs ann an nàdur an duine leis a' ghaoidh ghreannaich a tha tighinn bhuaipa. Anns gach àite anns an suidh iad tha iad a' toirt plàighe 'n an long, agus fuadaichidh iad dòchas is creideamh is gràdh. Cha 'n aran na beatha ach puinnsean, am briathran. Ged a bhios iad a' deanamh uaill as an géiread agus as an seòltachd féin, agus ged a tha iad an dùil gur ann aca a tha gliocas an t-saoghail so agus nach ann aca-san aig a bheil creideas ann am maitheas agus ann an onoir an co-chreutairean, is e an fhìrinn gur daoine truagh baoghalta iad nach d' amais air slighe na beatha, agus nach d' fhuair solus a' ghliocais. Cha 'n e mhàin nach 'eil iad a' creidsinn gu bheil ionracan air thalamh, ach cha 'n 'eil iad a' creidsinn gu bheil iarraidh no ionndrainn ann an cridhe sam bith air ionracas: agus cha 'n ann le cridhe tùrsach ach le gàire magail is mìchreideach a their iad—"Chunnaic sinn crìoch gach iomlain!" Ach ged tha am facal sin fìor ann féin, is breug e air am bilean-sa agus anns an dòigh anns an abair iad e.

Cha robh an salmadair a' cur fireantachd mhic ann duine an suarrachas an uair a sgrìobh e am facal so. Cha robh dad de nàdur luchd na fanoid ann-sa agus cha b'e cion earbsa 'n a cho-chreutairean no cion meas air féin a thug air am facal a ràdh, ach an fhaireachduim a bha aige air mòrachd is naomhachd Dhe. Chunnaic e sealladh air an Rìgh 'n a mhaise is cha bu léir dha maise ann féin tuilleadh. An uair nach b' aithne dha Dia ach le èisdeachd na cluaise

bha e toilichte le a staid, ach air dha Dia fhaicinn le shùil ghabh e gràin dheth féin agus rinn e aithreachas anns an duslaich. An uair a dh' fhosgail spiorad Dhe a shùilean agus a chunnaic e àirde is dòimhne is farsuingeachd an lagha cha b' urrainn da ràdh ach so,—Cò a tha foghainteach chum na nithean sin? Anns gach rann de'n t-salm so tha e a' cur an céill a ghràidh a bha aige do lagh an Tighearna agus an t-iartrus a bha aige air ùmhlachd a thoirt da. “Cia ionmhuinn leam do lagh? gach là is e mo smuaineachadh.” “Is e do lagh mo thlachd agus is annsa leam t' àitheantan na 'n t-òr.” “O, nach robh mo cheumanna air an stiùradh chum do reachdan a choimhead.” “Tha mo shùilean air an caitheadh le bhì sealltuinn air son do shlàinte.” “Ghabh mi do theisteis mar oighreachd gu bràth; oir is iad aobhneas mo chridhe.” Ach mar a bu mhotha 'èòlas air lagh Dhe agus a bu mhotha 'ionndrainn air an t-seòrsa beatha a bha an lagh ag àithneadh, is ann a bu ghéire a mhothachadh air a lochdan fein. Mar a b' àirde a bha e ag éirigh agus a bu dlùithe a bha e a' faotainn air iomlanachd, is ann a bu lugha a dhòchas gu'n ruigeadh e gu bràth air foirfeachd. Tuigidh iadsan a tha dùrachdach anns a' bheatha spioradail ciod a bha an Salmadair a' ciallachadh oir is aithne dhaibh annta fein a' cheart fhaireachduinn so. 'Nuair a thòisich iad air an réis a ruith shaoil iad gu'n ruigeadh iad an ceann uidhe ann an ùine ghoirid ach tha iad cho fada o iomlanachd an diugh fhathast 's a bha iad riamh, air chor agus nach urrainn daibh a ràdh ach mar thuir Pol, “Cha 'n e gu'n d' ràinig mi cheana no gu bheil mi cheana foirfe, ach tha mi a' leantuinn air m' aghaidh.” Ged is neònach e r'a ràdh, cha 'n e an t-àinigidh ach am fìrean aig a bheil am mothachadh as géire air olcas a chridhe. Tha e 'n a chùis-ìngantais do dhaoine aig nach 'eil inntinn spioradail no suin do lagh an Tighearna, gur e an fheadhainn a shaoileadh iad as lugha cionta as motha a dh' aicicheas an cionta; tha e 'n a fongantas daibh gu'm biodh Pol ag osnaich 'nuair a tha Nero a' fìdbleireachd. Am feadh 's a tha na daoine aig a bheil an cuibhrionn uile anns an t-saoghal so làn thoilichte leò féin; a' mealtainn fois is comhfhurtachd anna, tha na naoimh a' gluasad gu fòil uile bhliadhnachan am beatha le h-àmhghar anna, ag aideachadh an teachd-geàrr, ag ùnuigh agus ag asluchadh nach tréig faighidinn is tròcair Dhe iad. Air dhaibh seasamh ann an solus Dhe agus aon sealladh fhaotainn air mòrachd is maise is iomlanachd an Ti ris a bheil an gnothuch, chaill iad an

uabhar agus am féin-speis agus chunnaic iad crìoch gach iomlain. Is e so a' phrìs a phaighear air son plathadh fhaotainn de ghloir nan nèamh, ach is fheàrr do dhuine gluasad uile làithean a bheatha le cridhe briste is brùite seach a shùilean a bhì air an dùnadh air chor 's nach fhaic e an àirde agus a' ghloir a tha os a chionn. 'Nuair a chunnaic an t-abstol Eòin glòir an Tighearna ann an eilein Phatmois thuit e aig a chasan an riochd mairbh. Cha do rinneadh am Facal fhathast 'n a fheòil ann an làithean an t-Salmadair ach thàinig facal an Tighearna 'g a ionnsuidh air mhodh eile, agus 'nuair a thuig e leud is àirde an lagha sin, chrom e a cheann agus thubhairt e, cha 'n ann le h-aotromas no le searbhadas cridhe ach le ìrioslachd is eagal diadhaidh, *Chunnaic mi crìoch gach iomlain.*

CRIOSD AGUS CAIAPHAS.

“Ciamar a bhios gliocas aig daoine,” arsa mise, “a tha cur seachad am beatha a' riaghladh os cionn dhaoine eile? Nach mill riaghladaireachd gliocas?”

Sheall Caiaphas orm mar gu'n labhrainn toibheum ach is e a thubhairt e, “A bheil Iosa a' teagasg amaideachd de'n t-seòrsa sin.”

“Bu mbaith le Iosa,” arsa mise, “gu'n teagaisgeadh na daoine a tha glic iadsan a tha aineòlach, agus gu'n cuidicheadh na daoine a tha làidir iadsan a tha lag.”

Bha Caiaphas 'na thosd mionaid no dhà, ach an sin labhair e gu cas mar gu'm biodh e a' call fhaighidinn rium. “Ciamar a sheasadh a leithid sin de rìoghachd? Cha 'n aithne do Iosa nàdur mhic an duine; cha 'n aithne dha an t-òlc agus an t-eud, an gambhas agus an gion, an fuath agus am farmad, a tha ann an cridheachan dhaoine, agus na'm faigheadh iad an t-saorsa a tha esan air son a thoirt daibh cha seasadh an Staid aon bhliadhna; rachadh gach ni purraich air tharraich; cha bhiodh urram aig daoine do'n lagh; bhiodh lagh dha féin aig a h-uile duine agus cha 'n fhaighteadh duine idir a dheanamh obair. Creid thusa mise gu'm feum riaghladh a bhì ann an lannan glic is làidir, ma tha sìth ri bhì air a mealtainn.”

Labhair Caiaphas mar nach gabhadh a' chùis a bhì air atharrachadh dòigh seach mar a thubhairt e, agus a dh' innseadh na fìrinn theab e mise a chur air uideal leis cho cinnteach 's a bha e as féin; is beag nach d' iomp-aich a ghliocas saoghalta mi. Ach le shùil m' inntinn chunnaic mi aodann bàigheil Iosa

agus am blàths a bha 'n a shùilean; thug an sealladh sin thugam féin mi agus fhreagair mi, “Tha Iosa a’ teagasg gu bheil gràdh na’s cumhachdaiche na eagal.”

“Tha e furasda fhaicinn,” arsa Caiaphas, “gu’n do chuir Iosa druidheachd ort-sa co dhiu, ach innsidh mise dhuit an seòrsa duine a tha ann. Is duine e leis am bu mhaith mise agus an luchd-riaghlaidh eile a chur sìos agus e féin a dhòl suas.”

“Cha ’n e sin idir a tha e a’ ciallachadh,” fhreagair mi, “agus ma dh’innis daoine dhuibh gu bheil e a’ teagasg sin dh’innis iad dhuibh rud nach ’eil fìor. Cha chuala mise rianbh Iosa a’ searmonachadh rud eile ach sìth is gràdh.”

“A bheil thu an dùil,” arsa Caiaphas, “nach aithne dhomh-sa mo ghnothach; no a bheil thu a’ gabhail ort féin leasan a thoirt do Ard-Shagart Dhé?”

Labhair e gu feargach agus chuir na thubhairt e an fhearg orm-sa cuideachd, ach anns a’ mhionaid ehuimnich mi an turus air an d’thàinig mi thuige agus thuir mi rium féin gu’m feumainn srian a chur air mo nàdur agus a bhi umhail is sìobhalta ris.

“Tha Iosa ’n a charaid gaolach dhomhsa,” thuir mi ris, “caraid air a bheil gaol mo chridhe agam, agus air mo sgàth féin tha mi a’ guidhe oirbh trècair a nochdadh dha.”

Cha d’thàinig dìog as a bhilean, ach sheall e orm agus chunnaic mi ’na shùilean nach robh trècair ’n a chridhe; cha deachaidh an latba leam. Cha robh iochd no caomhalachd ann an com Chaiaphais ged nach dual do’n t-sagartachd agus do’n iochd a bhi ’n an coigrich air a chéile. Dh’fhaodadh an cridhe beò a bhi air a spionadh á duine beò agus shùilean glas Chaiaphais ’g a fhaicinn ach cha chuireadh sin tiomadh ’n a chridhe cruaidh. Aon oidhirp eile rinn mi air Iosa a shàbhaladh.

“Thug sibhse rabhadh dhòmh-sa,” thuir mi ris, “ceadaichibh dhòmh-sa a nis rabhadh a thoirt dhuibh féin. Tha sibh an dùil gu bheil e furasda Iosa a chur as an rathad ach eumhnicibh gu bheil meas aig an t-sluagh air. Tha mòran dhaoine ’ga leantuinn agus cha leig iad le duine air thalamh a dhochann gun a sheasamh.”

Sheall Caiaphas orm, agus thubhairt e, “Tha cuid ’g a leantuinn aig nach ’eil gaol air bith air.” Thuit an sgleò a bha air mo shùilean cho luath ’s chuala mi am facal, agus dh’ aithnich mi gu’n do bhrath Iudas e do na sagartan cheana, agus gu’n robh inn-leachd deas aca air son a ghlacadh.

An uair a dh’fhàg mi Caiaphas chaidh mi far an robh Nicodemus, agus dh’innis mi dha mar a bha. Bha esan am beachd nach

robh ùine aca roimh ’n Fhéill dol troimh uile dhùrsachan an lagha troimh an feumadh iad dol ma’m b’ urrainn daibh Iosa a dhèadadh, ach thuir e gu’m feuchadh iad r’a chur as an rathad an uair a bhiodh an Fhéill seachad, agus gu’m b’ fheàrr domh dol air mo thapadh agus oidhirp làidir a dheanamh air Iosa fhaotainn air falbh as a’ bhaile gun dàil.

Bha a’ ghrian a’ dol fodha an uair a chaidh mi sìos do ghàrradh Ghetsemane far an robh dòchas agam gu’n tachrainn air. Bha an t-àite cho sàmbach ris an uaigh; cha chluinnteadh ann aon dìog de ghleadhraich a’ bhaile, agus bha e uile gu léir cho taitneach ’s nach cuireadh e ionghnadh ort ged bhiodh Dia féin air fhaicinn ann, a’ coiseachd ann an sàmbachair agus ann am fionnarachd an fheasgair. Bha mi greis mar sin, ag òl a steach maise an t-saoghail, an uair a dh’fhairich mi làmh air a leagail air mo ghualainn. Cò a bha so ach Iosa, ach a’ cheud sealladh a fhuair mi air ’aodann thuit mo chridhe gu ruig mo shàllean, oir bha sgeul mo léiridh ’n a shùilean. An uair a chunnaic e gu’n do ghabh mi seòrsa de eagal chrom e agus phòg e mi, agus gun a làmh a thogail bhàrr mo ghualine dh’fheòraich e dhiom ciamar a bha dol domb. Cha b’urrainn mi a fhreagairt, oir ehuimnich mi an turus air an d’thàinig mi is nàire orm.

“Iosa,” thubhairt mi, agus mi a’ glacadh misnich, “thàinig mi ’g ad chuir ’n ad earalas agus a thoirt rabhaidh dhuit. Chunnaic mi Caiaphas, agus tha an làn àm agad teicheadh.” Theannaich a’ gheireim air mo ghualainn agus fhreagair e.

“C’ àite an teichinn? Cia mar a theicheas duine o thoil Dhé. Ma dhìreas mi gu nèamh tha a làmh-san tharam agus ma thèid mi sìos do ifreann tha e an sin cuideachd.”

An uair a chuala mi e a’ bruidhinn mar so bha fhios agam glé mhaith nach rachadh agam air a thoirt leam.

“Bidh tu air do mharbhadh, ma dh’fhanas tu,” thuir mi ris.

“Trèraichidh Dia mi,” fhreagair e, “eadhon gu bàs.” Bha e air chrith, agus thàinig crith orm-sa cuideachd leis an eagal.

“Tha m’ anam,” arsa esan, “fo iomguin ach ciod is urrainn mi a dheanamh? Rinn mi m’ ùrnuigh ri Dia e ’g am thearnadh, ach is coltach gur e so a’ chrìoch a dh’òrduich e dhomh. Liubhair mi do’n t-saoghal an teachdaireachd a flug esan dhomh, agus ma tha am bàs ’s an dàn dhomh feumaidh e bhith gur e sin toil Dhé. Ann an umhlachd dhasan tha beatha an anama. Ach tha mi fo eagal.”

Bhrùchd braonceanan falluis a mach air

'aodann, ach cha b' urrainn dòmhsa a chuid-eachadh; cha b' urrainn domh ach a bhì samhach.

“Tha Dia air mo thréigsinn,” ars' esan, “tha mi air an t-solus a chall agus cha léir dhomh a rùintean. Tha eagal a' bhàis 'g am phianadh, ach ged a ghlaodhas mi ri Dia cha fhreagair e. Tha àmbgharan 'g am chuathachadh air gach taobh ach cha 'n 'eil neach ann a chuidicheas mi.”

Bha de ghaol agam air agus gu'n do leòn a bhron mo chridhe mar gu robh mi fhéin ann an impis dol sìos do shlochd dorcha na h-éiginn.

“Is còir duinn,” thubhairt e, “gabhair ri tiodhlacan Dhé, agus ma's e am bàs an tiodhlac a tha Dia a' tairgsinn dhòmhsa an e nach gabh mi e? Gabhaidh le m' uile chridhe.” Ach an ath mhionaid chaidh e air aghaidh, “Fhuair mi daoine air mhing agus gun ghin idir air an robh tart na corach. Dhòirt mi a mach m' anam air an son ach cha d' thug iad fanear. O mo shluagh ciod a rinn mi oirbh nach gràdhaich sibh mi? Tha bròn air m' anam a chionn gu bheil sibh dall 'n 'ur cridhe.”

Bha fhallas a' tuiteam sìos air aodann agus shiab e e air falbh le mhuilcheann.

“Nochd mi do dhaoine slighe na beatha ach cha lean iad mi. Roghnaich iad Fuath an àite Gràidh, agus ciamar is urrainn mi a nis an saoradh o'n àmbghar a thig orra an lorg an amaideis. Cha 'n 'eil fhios aca ciod a tha iad a' deanamh. Cha 'n ann rium-sa a tha iad a' cur cùl ach ri Dia.” An sin chaidh e ceum air aghaidh agus sheas e greis mhaith gun facal a ràdh ach a' sealltainn a null air beanntan Mhoib a bha a' cur orra an currachd-oidhche, agus air baile Ierusalem a bha shìos fodhainn agus e cho buidhe ris an òr leis na gathan mu dheireadh o'n ghréin a bha dol fodha. Thòisich e an sin air spaisdearachd, agus chuala mi e ag ràdh mar gu'm biodh e a' bruidhinn ris féin. “Tha a' bhuaidh aig an t-saoghal agus cha 'n ann agam-sa. Cha 'n 'eil eadhon iadsan a thug Dia dhomh agus a lean mi a' tuigsinn ciod a tha rìoghachd Dhe a' ciallachadh. Tha mi, a réir choslais, air m' àireamh am measg nan ciontach. Ach cha bhì an saoghal gun bhreith a thoirt air, oir an uair a thuinges daoine mo theagasg bheir iad breith orra féin. Tha e eu-comasach gu'm bi a' bhuaidh aig *Fuath*. Cha 'n eil ann am Fuath ach nì lag. Ach do bhrìgh gur ann o Dhia a tha *Gràdh* tha e làidir, agus tha misneach aige fulang. Dh' fhairtlich orm-sa a' bhuaidh fhaotainn air an t-saoghal, ach gheibh na daoine a thig a'm' dhéidh i, oir tha Dia a' riaghladh agus

thig a rùintean gu crìch.”

“Tha an saoghal,” ars' esan, “maiseach, agus is cruaidh an nì am bàs. Chunnaic mi am bàs a' tighinn gu daoine eile agus a nis tha e a' tighinn thugam féin, ach air cho cruaidh agus 'ga bheil e feumar dol 'n a choinneamh. Bu mhaith leam a bhì leam féin a nis, oir cha 'n urrainn duine cuid-eachadh leam, ach cha 'n fhaod e bhith nach éisd Dia rium.”

* * * * *

Feumaidh e bhith gu'n do thuit an cadal orm, oir fhuair mi mi féin a' leum air mo chasan, agus chunnaic mi gu robh Iosa agus Eoin is Peadar is Seumas làimh rium. Chuala sinn farum chas, agus an sin chunnaic sinn daoine agus lòchrain aca a' deanamh lom is dìreach oirnn. Ann an solus nan lòchrain dh' aithnich sinn gur e maoir an teampuill a bha ann agus Iudas Iscariot air an cùlaobh. Sheall iad oirnn gu dùr an uair a ràinig iad sinn agus rinn an ceannard aca mar gu robh e a' dol a bhreith air Seumas, ach chuala mi Iudas a' cur cagair 'n a chluais nach b'e Seumas an duine ceart. An sin thàinig Iudas a nall far an robh Iosa 'n a sheasamh agus air dha breith air làimh air chrom e a cheann mar gu'n robh e a' dol 'g a phògadh. Ach leag Iosa a làmh air gairdean Iudais agus gun feitheamh r'a phòig phòg e Iudas agus gu thuir e ris, “A charaid dean do ghnothuch a nis.”

An sin rug na maoir air Iosa, agus chuir iad ris cho teann 's gu'n do leum an fhearg air Peadar, agus a steach 'n am measg bha e is claidheamh mór leubaisteach 'na làimh. Ach bhruidhinn Iosa gu smachdail ris agus thubhairt e, “Cuir bhuaite an t-arm sin, a Pheadair, nach d' thubhairt mise riut cheana gu'n sgriosar leis a' chlaidheamh iadsan a chuireas an earbsa ann.”

Thuit Peadar air ais, agus an sin dh' fheòraich Iosa de na maoir, “C' ar son a thàinig sibh a bhreith orm le clàidhean is bataichean mar gu'm fhear-reubainn mi. Nach do theagaisg mi gu follaiseach anns an teampull, agus cha do chuir sibh làmh orm ann?”

Cha d' thuir na maoir diog, agus cha mhò a thuir Iosa an còrr, ach dh' fhalbh e gu réidh còmhla riu, is Peadar agus mise 'g a leantuinn. Ach chunnaic mi gu'n d' fhan Iudas leis fhéin anns a' ghàrradh—agus an dorchadas ann.

(*Le fear de dheisciobuil Iosa a tha gun ainm.*)



ANN AN LA NA TRIOBLAID.

An tì as ionmhuinn leis an Tighearna smachdachaidh se e. Eabh, xii. 6.

Nach mòr a' chomhfhurtachd a tha anns an fhacal so do dhaoine a tha fulang fo làimh an Tighearna! An uair a thig àmhghar is bròn 'n an caraibh, tha daoine deas gu bhì saoilinn gu bheil aghaidh an Tighearna air a tionndadh air falbh uapa ann am feirg. Ach tha am facal so a' cur soluis eile air a' chùis, *an tì as ionmhuinn leis an Tighearna smachdachaidh se e.* Mar gu'n abradh an t-abstol, Cha'n ann a chionn gu bheil Dia coma air bhur son, no a chionn gu bheil fearg air ribh a tha e 'g'ur smachdachadh, ach a choinn gu bheil gràdh aige dhuibh. Ma ghiùlaineas sibh smachdachadh tha Dia a buntainn ribh mar ri cloinn, oir cò am mac nach smachdaich an t-athair! An àite smachdachaidh a bhì 'n a chùis-eagail do shluagh an Tighearna, is ann a bu chòir e bhì dhaibh 'na aobhar misnich, 'n a chomharradh gu bheil làmh chaomh an Athar nèamhaidh thairis orra.

Tha trioblaid a' teagasg dhuinn iomadh ni nach b' urrainn duinn ionnsachadh air dhòigh eile. Tha iomadh facal aig Dia ri labhairt nach tuig daoine do nach aithne bròn. Tha àmhghar a' chridhe mar iuchair a dh' fhosgla facal Dhe dhuinn, agus freasdal Dhé. An uair a bha Henry Drummond nach maireann air a ghairm gu leabaidh-bhèis athar sgrìobh e mar so gu caraid, "Tha trioblaid 'na ni ùr dhòmhsa, ach tha mi nis a' foghlum iomadh ni air nach robh fhios agam agus a' tuigsinn iomadh ni a, chuala mi cheana ach nach robh mi a' creidsinn." Tha gu leòir de dhaoine ann nach d' éisd riamh ri teachdaireachd an t-soisgeil gus an do labhair Dia riu le guth smachdachaidh. Tha Dia daonnan dlùth dhuinn, ach ann an là na trioblaid tha e na's dlùithe na tha e aig amannan eile, ag ràdh ruinn, "An diugh ma chluinneas sibh mo ghuth, na cruadhaichibh 'ur cridheachan." Na'n sealladh daoine air a' chùis anns an dòigh so chuireadh e solus dhaibh air iomadh cuairt an fhreasdail 'n am beatha a tha an dràs doreha agus do-thuigsinn.

Is e beachd an t-saoghail gur h-ann bho pheacadh a tha uile smachdachadh an Tighearna a' teachd. "Co," arsa na deisciobuil, "a pheacaich, an duine so no a phàrantan, gu'n do rugadh dall e." "Cha do pheacaich aon chuid an duine so no a phàrantan," fhreagair Iosa, "ach a chum gu'n

foillsicheadh oibre Dhé ann." Gun teagamh tha mòran de na trioblaidean a tha luighe air cloinn nan daoine a' teachd orra an lorg an amaideis agus am peacaidhean féin, ach air a shon sin tha gu leòir de fhulangas anns an t-saoghal nach 'eil air aobharachadh air an dòigh sin. Tha daoine ann a tha air an smachdachadh le Dia, cha 'n ann a chionn gu bheil iad olc, ach a chionn gu bheil a shùil féin a faicinn gealltanais mòr 'n am beatha, agus gu bheil rùn 'na chridhe na daoine sin a dheanamh foirfe tre fhulangas. Their an saoghal,—is beannaichte iadsan aig nach 'eil crois air bith 'n am beatha, no sgolb air bith 'n am feòil. Ach is e a tha Crìosd ag ràdh, "Is beannaichte iadsan a tha ri bròn." Cha'n e idir na clachan a thilgeas an clachair ann an teis-meadhoin a' bhalla a gheibh buillean an ùird, ach a' chlach d' am bheil e a' dol a dheanamh clach-chinn na h-oisinn. Mar is fheàrr a' chlach is ann is mò a ghabhas e de dhragh rithe. Mur biodh gealltanais idir innte thilgeadh e air falbh i. Ach do bhrìgh gu'n gabh i clach luachmhor a dheanamh dhi, snaighidh e le buillean an ùird i. Ann am freasdal an Tighearna tha na naoimh a' faotainn buillean an ùird, ged a dh' fhaodas an t-aingidh a bhì cho suaimhneach ri Moab. "Bha suaimhneas aig Moab bho òige," tha am fàidh Ieremiah ag ràdh, "agus shoer-uich e air a dheasgainibh, agus cha do tharruingeadh a mach o shoitheach gu soitheach e, ni mò a dh' imich e ann am braighdeanas; air an aobhar sin mhair a bhlas ann, agus cha d' atharraicheadh fhàile." Sin a' cheart ni a bha ann an inntiun an t-Salmadair an uair a thubhairt e,

Is air an aobhar fòs nach 'eil
Caochladh air bith nan staid,
Eagal an Tighearna uime sin
Do thilg iad dhiùbh air fad.

Tha trioblaid a' dearbhadh dhaoine. Is iomadh duine nach d' fhuair riamh a mach cìod a bha 'na chridhe fhéin gus an robh e air a smachdachadh le Dia agus air a chlaoidheadh. An uair a tha cùisean a' dol leinn agus a tha ar làithean a ruith gu séimh cùin, faodaidh sinn a bhì an dùil gu bheil creideamh is dòchas againn ann an Dia nach 'eil againn idir. An uair a' bhios an cudthrom air cridhe duine cha 'n e creideamh na cluaise a ni feum dha anns an là sin. Cha 'n e am facal a labhair Dia ri Maois no ri Pol a ni feum dha aig an àm

sin, ach am facal a tha Dia a' labhairt ri chridhe fein. Ann an là na trioblaid feumaidh gach duine leigeil le comhairle a chridhe féin seasamh, agus mur bheil dearbhadh phearsonta aige air caomhalachd is maitheas an Tighearna, is coma dha ciod a thuir Dia ri daoine eile, no ciod a rinn e air an son. Tha smachdachadh, mata, 'na mheadhon air creideamh as fheàrr a thoirt do dhaoine na creideamh na cluaise. Is e latha mòr e ann am beatha duine an uair is urrainn e a ràdh, "Le éiseachd na cluaise chuala mi thu, ach a nis chunnaic mo shùil thu."

Is fheàrr do dhuine a chridhe a bhi air a bhriseadh seach gu'm fàsadh a chridhe cho cruaidh ri creig. Is fheàrr buillean an ùird fhulang seach a bhi gun snaigheadh. "Cò iad sin a tha air an sgeadachadh ann an trusganaibh geala, agus cia as a thàinig iad?" *Is iad so iadsan a thàinig a àmhghar mhòir*". "Uime sin cha 'n eil sinn a' fannachadh," arsa Pol, "oir a ta ar n-àmhghar eutrom, nach 'eil ach ré sealain, ag oibreachadh dhuinne trom chudthrom glòire a ta na's ro-anabharraiche agus sìor mhaireannach." Cha 'n 'eil an trioblaid ean a' tighinn gu sluagh an Tighearna gun fhios d'an Athair nèamhaidh, agus cha tigeadh iad idir mur biodh iad a chum an leas. Tha Dia a' smachdachadh a chloinne a chum gu'm biodh iad air an deanamh 'nan luchd-comhphàirt d'a naomhachd. Anns an dorchadas, mata, gleidheamaid ar misneach, agus biodh am facal so dhuinn 'na lorg agus 'na sholus, *An ti as ionmhuinn leis an Tighearna smachdaichidh se e*.

ANNS A CHATHAIR.

An tug thu riamh an aire dha so, a leughadair, ma thachras rud ort a ghlacas t' inntinn anns an leabhar a tha thu a' leughadh an dràs, gur dòcha gu'm faic thu ni-eigin mu'n cheart rud anns an ath leabhar a leughas tu, eadhon ged nach ann air an aon chuspair a tha an dà leabhar air an sgrìobhadh idir. Tha rudan neònach de'n t-seòrsa so ag amas oirnn a h-uile latha d'ar beatha, a thaobh nithean eile cho mhaith ris na leughas sinn ann an leabhraichean, agus na'n gleidheadh duine cuimhne orra agus na'n cuireadh e sìos ann an leabhar iad, lionadh iad leabhar mòr tiugh a dh' fhaodadh LL.D. no D.D. a chosnadh dha bho Oil-thigh Chill-rihbhinn.

An raoir fhéin, oidhche na Sàbaid, agus mi air tighinn dachaidh is obair an latha seachad, sheas mi greis aig an doras a shealltainn air an dùbhradh a thàinig air a ghealaich le faileas na cruinne. An déidh dhomh dol a steach dh' fhosgail mi leabhar

a bha air a sgrìobhadh mu na seann uaighean a thatar a' faotainn anns an Eiphit, agus b'e a' cheud rud a chunnaic mi air a' cheud duilleig air an do laigh mo shùil, iomradh air grian-dhubhadh no *clibse* a bha anns an Eiphit bho chionn fada nan cian. Ach cha 'n e sin deireadh mo sgeòil; ma'n deachaidh mi a chadal, thug mi greis a' leughadh leabhair a bha air a sgrìobhadh le seann diadhair mu'n Trianaid, agus auns an leabhar sin cuideachd dh' amais a' *chlibse* orm, sàmhladh a bha an diadhair a' tarruing bho dhùbhradh-gréine.

Oidhche Di-luain mar is bitheanta, bidh mi ag ionaltradh am measg mo leabhraichean, an àite a bhi sònruachadh air aon chuspair, agus a nochd cheana thug mi sùil air ceithir no còig an taobh-a-stigh de dhà uair an uaireadair, agus a ris thachair an rud so orm air a bheil mi a' bruidhinn. Cha luaithe a chuirinn bhuam aon fhear 's a thogainn fear eile na bha mo shùil a' luighe air ni-eigin aig an robh buinealas ris na leugh mi anns a' cheud fhear. Agus is e a thàinig as a sin, gu'n do chuir mi romham gu'n cuirinn sìos air an duilleig so cuid de na nithean a leugh mi ann an toiseach na h-oidhche.

B'e na leabhraichean anns an robh mise ag ionaltradh a nochd, (1) Beatha an Ollaimh Mhic Iain, leabhar as fheàrr air an t-saoghal ach a mhàin am Biobull; (2) Litrichean an Dotair Bhrùin, lighiche glic is caomhail a bha ann an Dun-eideann; (3) Leabhar a bha air a sgrìobhadh le Frangach mu mhuinntir Albainn; (4) Turus do na h-Eileanan Gàidhealach, a bha air a chur a mach le dà chreutair mhiomhail d' am b' ainm Pennell; (5) agus Leabhar a bha air a chur a mach le duine a thug dha fhéin an t-ainm *Alpha*. Theagamh gu'n cual thu iomradh air an duine so, bràthair Omega.

Tha mi creidsinn gu bheil bliadhna mhòr bho nach d' amais Tobar-mhoire ormsa ann an leabhar gus a nochd, ach is e a thug orm tarruing a thoirt air an t-seachas so an dràs, gu'n do thachair e orm ceithir no còig a dh' uairean bho thòisich mi air leughadh a nochd. A thuilleadh air sin, ged nach d' iarr mise oirre a dheanamh agus ged nach 'eil fhios agam e' ar son a rinn i e, chuir mo bhean-tighe dealbh Thobar-mhoire os cionn a' chlàir-sgrìobhaidh aig an àbhaist dhomh mo sgrìobhadh a dheanamh. Is e an t-aobhar gu bheil dealbh Thobar-mhoire ann an thigh-sa, gu'n do cheannaich mi e aig ropainn a bha aig Guild nam Ban ann an eaglais Bhaile-chloichridh, a chionn gu'n robh e na b' fhasa a ghiùlan dhachaidh na rudan eile a bha na caileagan laghach a' fairsinn dhomh. Cha b'e Millais, no

Turner, no gin eile de na daoine mòra sin a rinn an dealbh, agus leig mi leis laighe ann an seomar-cùil am measg treathlaich eile, oir cha 'n 'eil aobhar air bith agam-sa gaol a bhì agam air Tobar-mhoire. Cha robh mi riamh ann ach an uair a bhithinn ann ri port, agus dh' fbaodainn a ràdh uime mar a thuir Para Mòr mu'n t-Sàilein dubh, nach b'è sin baile na biadhachd. Ach a nis, gun mo chomhairle no mo chead iarraidh, cuiridh mo bhean-tighe dealbh Thobar-mhoire far am b' àbhaist an dealbh aig Cardinal Newman a bhith! Tha e mar gu'm biodh uile chomharraidhean an fhreasdail a' comh-oibreachadh le chèile, ag iarraidh ormsa an cothrom a ghabhail agus ceann-teagaisg a dheanamh de Thobar-mhoire.

Tha an cunntas as fheàrr a thugadh riamh air Tobar-mhoire agus air acarsaid Thobar-mhoire ri fhaotainn ann an *Long Mhor nan Eilthireach* anns an leabhar aig 'Caraid nan Gàidheal.'

Anns a' bhliadhna 1852, anns an fhoghar, bha an Dotair Brùn anns a' Ghàidhealtachd, agus am measg gach àite eile anns an do thadhaill e bha e ann an Tobar-mhoire. Bha gaol aig an duine mhaith so air a' Chruitheir, agus sùil aige a chitheadh maise nan oibre a rinn an Cruithear. "An robh thu riamh ann an Gleann-eilg, no am faca tu Gleann-eilg o'n fhairege? Am faca tu riamh Cuilinn? Cò a b' urrainn seallt-uinn air Cuilinn gun a chòmbdach-cinn a chur deth. An robh thu riamh ann an Rainneach, anns a' Chaille Dhuibh, agus grian an fheasgair a' dol sìos air cùl Buachail Eitibh? Ann an Tobar-mhoire dh' fhan mi gu h-àrd fad na h-oidhehe, ag aoradh do fheachd nèimh, mar nach robh annam ach an fhiòr chinneach. Dh' fhàg sinn Tobar-mhoire aig trì uairean 's a' mhaduinn; seachad air an rudha Mhurchannach agus reul na maidne a' dealradh cho mhòr ri galaich. An uair a dh' éirich a' ghrian bha sealladh againn nach faca mise a leithid riamh agus nach faic gu bràth; bha mi mar gu'm bithinn ann an nèamh. oir bha speur is cuan is cladach uile gu léir cho maiseach."

Ach na chòrd Caol Muile is Tobar-mhoire ri Iain Brùn, cha do chòrd e ris na creutairean carraideach d' am b' ainm Pennell. a bha air thurus air feadh na Gàidhealtachd anns a' bhliadhna 1888. Ach theagamh gu'n robh an tinneas-mara orra. "Bha againn ri fuireach ann an Tobar-mhoire dà latha, is bha gach latha cho fad ri bliadhna. Cha robh dad r'a dheanamh ann; bha a' ghaoth a' séideadh agus an t-uisge a' sìleadh gun sgur." Ach bha an dà chreutair chrosda ud duilich an toileachadh

co dhìu; cha robh àite an deachaidh iad nach robh gearan air choreigin aca r'a dheanamh. Cha 'n fhaca iad anns a' Ghàidhealtachd, no anns na h-eileanan gu sònruichte, ach slugh bochd, salach, leasg; slugh gun Bheurla gun sgoil; slugh gun sonas gun cheòl-gàire, air an sàrachadh agus air an cumail sìos le tighearnan-fearainn. Ach tha taobh eile air a' Mhaoil, agus theagamh na'm b' urrainn daibh a chluinntinn eòd a theireadh na daoine a bha gun Bheurla gun teanga, umpa-san, an déidh dhaibh falbh, nach abradh iad gu'n robh iad cho maol no gu'n robh iad uile gu léir gun cheòl-gàire.

Bha an t-Ollamh Mac Iain ann an Tobar-mhoire, ann an deireadh an fhoghair, anns a' bhliadhna 1773, ach ged a tha am baile air ainmeachadh 'na leabhar cha 'n 'eil dad sònruichte aige ri ràdh uime ach gu bheil an acarsaid mar gu'm biodh i air a deanamh a dh' aon ghnòthuch air son teàruinteachd a thoirt do bhàtaichean.

Cha 'n 'eil e idir furasda do dhaoine a théid air chuairt do dhùthaich eile beachdan cothromach fhaotainn mu mhuinntir na dùthcha anns a bheil iad a' siubhal. Ach air a shon sin bidh iad 'g an toirt duinn, mar gu'm biodh aithne cheart aca air gné agus nàdur an t-sluaigh. Ach is e sin rud a tha duilich fhaotainn. An uair a chluinneas tu duine a' toirt cliù sònruichte, cliù a tha 'gan dealachadh bho an coimhearsnach, air muinntir baile, no air muinntir eilein, no air muinntir siorramachd, no air muinntir dùthcha air bith, tha an t-àm agad dol 'n ad earalas, air eagal gu'n cuir e air seachran thu, air ghaol tapachd a sheanchais féin. Tha a h-uile seòrsa dhaoine anns a h-uile àite; daoine mear is daoine dubhach; daoine fialaidh is daoine spìocach; daoine caomhneil is daoine mosach, air chor agus nach 'eil e furasda dhuit slugh dùthcha uile a chomharrachadh leis an aon dath. An uair a chluinneas tu duine ag innseadh gu bheil Mulich maol, is Collaich cràbhach, is Liosaich breugach, is Leòdhasaich leasg, no gu bheil muinntir Pheairt saoghalta, is muinntir Obareadhain cruaidh, is muinntir Eirinn òc, cha ruig thu leas sin a ghabhail mar fhirinn uile gu léir. Bidh iad a' cur air na Hearaich gu'n do chuir an Eaglais Shaor asda na bha annta riamh de chridhealas no de àbhacas, ach b'è seana bhodach anns na Hearadh duine a b' éibhinne agus a bu chridheile a thachair riamh orm, agus a thaobh cràbhaidh nan Collach, b' ann an acarsaid Airidh-nan-Gobhar ann an Colla a chuala mi, o bheil Collaich, na briathran a b' uamhasaiche a chuala mi riamh, briathran cho salach toibheumach 's gu'n cuireadh iad òrrais air Satan féin.

Tha gach seòrsa dhaoine anns a h-uile àite, agus bidh e air uaiream a' tighinn a steach air m' inntinn gu'm biodh e mòran na b' fhasa an saoghal a riaghladh na tha e, na'n gabhadh gach seòrsa cumail air leth; na 'm biodh a h-uile duine mosach anns an Roinn-Eòrpa air an cruinneachadh còmhla agus air an cur air an ais do'n Ghearmailt as an tàinig iad; na daoine a tha ain-diadhaidh agus neo-mhoralta air an cur dhachaidh do'n Fhraing; daoine borb air an cruinneachadh do Russia agus daoine leasg do'n Tuirc; agus a h-uile duine còir ciallach air fhàgail ann an Sasunn, an dùthaich d' am buin iad gu nàdurra. Chuirinn muinntir Eirinn ann an crìch ri Czecho-Slovakia, far am faigheadh iad an leòir de thapaid, ach leiginn leis na h-Albannaich iad féin a sgaoileadh air feadh an t-saoghail, agus suidhe ann an caithrichean nan uachdaran, mar dhuais am macantais. Nach 'eil e air a ràdh anns a' Bhiobull gu'n sealbhaich na daoine macanta an talamh mar oighreachd! Agus cìod a tha sin a' ciallachadh ach gur còir cead an coise a thoirt do mhuinntir Albainn air feadh an t-saoghail! Bhiodh e furasda an saoghal a riaghadh na 'n robh an sluagh air an roinn air an dòigh so, seach a bhì ann am measg a chèile mar a tha iad, ach theagamh nach 'eil fear-meas air thalamh ris an earbadh na rìoghachdan an roinn so a dheanamh. An earbadh tu fhéin, a leughadair, ri Gearmailteach a ràdh cò as macanta, thu fhéin no esan?

Ged a bhithear a' cur as leth muinntir Obareadhain gu bheil iad na's spìocaiche na daoine eile theagamh nach 'eil ann an sin ach rud a thubhairt nàmhaid umpa. Tha uiread sgeulachdan air an aithris mu spìocaireachd is crìne Obareadhain 's a tha air aithris mu euchdan na Feinne, agus theagamh nach 'eil barrachd firinn anns an dara seòrsa na tha anns an t-seòrsa eile. Tha cuid de na sgeulachdan a bhithear ag innseadh mu Obareadhain cho sean ris a' cheò, agus gheibhear iad anns a h-uile dùthaich fo'n ghréin, cho fada air falbh ri Bagdad is Benares, agus air an innseadh mu Iudhaich agus mu Arabaich. An uair a thachras duine ormsa, agus a thòisicheas e air ràbhart mu chrìne muinntir Obareadhain, tha fhios agam gu maith gu bheil naigheachd ùr aige a tha mar theine 'n a chnàmhan gus an innis e i. Ach tha amharus agam daonnan gur e muinntir Obareadhain fhéin *an rinn an naigheachd*, agus gu bheil e 'na ùrachadh d' an spiorad a bhì cluinntinn dhaoine eile 'ga h-inns-eadh. Tha fìthead dòigh neònach aig nàisinn Albainn air fearas-chuideachd a dheanamh, agus cha 'n 'eil e furasda do

choigreach aig a bheil inntinn mhaol a dheanamh a mach co dhìu a tha muinntir Obareadhain ann am feala-dha no ann an da-rìreadh. Is e leabhar an Deathain Ramsay leabhar as àbhachaiche a bha riamb air a sgrìobhadh mu mhuinntir Albainn, ach is ann á Obareadhain a fhuair e a' chuid as motha de na naigheachdan a tha anns an leabhar.

Am measg nan Gàidheal tha am facal Eirionnach a' ciallachadh duine carach no duine ole; *nach e 'n t-Eirionnach e!* Ach cìod a their thu ris an naigheachd so a tha air a h-inns-eadh le Alpha, bràthair Omega. "Sheas sinn aig dorus a' bhothain (ann an Eirinn) agus dh' fheòraich sinn am faigheamaid deoch bhainne. Thubhairt a' chaile dhubh a thàinig a dh' ionnsuidh an doruis gu'm faigheamaid sin, agus dh' iarr i oirnn dol a steach. Thugadh dhuinn caithrichean agus rinneadh ar beatha, agus an ceann greis thàinig a' chaile agus mias mhòr aice làn de bhainne, agus dà chupan, is dh' iarr i oirnn sinn fhéin a chuideachadh. An uair a bha sinn a falbh, thubhairt sinn "Gu dé a tha againn ri phàigheadh?" "Ri phàigheadh," ars' an t-seana bhean a bha aig an teine, "cha 'n 'eil dad; cha 'n 'eil bothan ann an Eirinn anns nach fhaigh an coigreach deoch bhainne." Sin a' cheud chuid de'n naigheachd, ach so an deireadh aice. "Bha sinn a' dol bho Obar-Pheallaidh gu Cillfhinn, agus le teas an latha thàinig am pathadh oirnn. Chaidh sinn suas gu tigh beag grinn a bha ri taobh an rathaid, tigh air an robh coltas na gloine agus a' phailteis. Bhuail sinn aig an dorus; thàinig geamair mòr làidir a mach agus dh' fheòraich e ar gnothuch. An làthair a' gheamair bha sinn 'g ar faireachduinn fhéin fada fada air falbh o'n tigh, ach dh' fheòraich sinn an gabhadh deoch bhainne faotainn. Gun aon fhacal a ràdh, thionndaidh e air a shàil, agus an ceann greis thàinig a bhean a mach agus am bainne aice dhuinn, boirionnach air an robh coltas sgoinneil ach gun aoibh air bith air a h-aodann. An uair a bha sinn ag òl a' bhainne sheas i mu 'r coinneamh, a' sealltuinn air Sithchaillin, ach diog cha d' thàinig as a beul. Dh' òl sinn ar deoch ann an cabhaig, oir bha sinn a' faireachduinn 'n a làthair nach bu chòir tim a chall agus nach 'eil ann an seachas ach ama'ideas. "Gu dé a tha againn ri phàigheadh?" "Sia sgillinnean," ars' am boirionnach, agus thionndaidh i air a sàil is dhùin i an dorus. Bha an tigh glan agus coltas na sgoinne air na daoine, ach bha ni-eigin a dhith air de'n bhlàths agus de sholus a chridhe a fhuair sinn anns a' bhothan eile.



SOLUS ANNS AN EAGLAIS.

(Bha an naigheachd so air a h-innseadh le aon de mhaithean na h-eaglais, *AM MORAIR SANDS*, a tha cho urramach ann an obair an t-soisgeil 's a tha e ann an eòlas an lagha. Agus cò a ghabhadh air fhéin teagamh a chur ann am facal duine a tha, an dà chuid, 'na fhoirbheach anns an eaglais agus 'na bhreitheamh ann an cùirt an t-Seisein').

“Gu dé air an t-saoghal a tha agad an so?” arsa Maighstir Lockhart, ministear na sgìreachd, agus e a' sealltuinn air paipear a bha air a' bhòrd, ann an seòmar a charaid, Maighstir Spedding, am fear-lagha. “Sin agad,” arsa Spedding, “an cunntas air obair na bliadhna a tha air a chur a mach leis a' Chomunn a tha a' rannsachadh dìomhair-eachd na taibhsarachd.

“Cha'n'eil thu ag ràdh rium gu bheil thusa air do ghlacadh le amaideas is faoineas de 'n t-seòrsa sin?”

“Air mo shon-sa,” arsa Spedding, “cha'n 'eil annam ach an t-ana-creideach co dhiù, ach tha an comunn so a' feuchainn ri solus fhaotainn air nithean aig am bheil am barrachd buintealas ri saoghal nan spiorad na tha aca ris an fheòil.”

Bha am ministear 'na thosd car greis, ach an sin thubhairt e,—

“Cha do ghabh mise rianh orm fhéin comhairle a thoirt ort, ach cha 'n urrainn mi gun sin a dheanamh a nis; as uchd mhaitheis, a charaid, leig dhiot an tòrachd dhìomhain agus neònach so. Na bean ris: na blais: na làmh-sich.”

* * * *

Oidheche Di-sathuirne, beagan ùine an déidh an t-seanchais ud, bha Maighstir Lockhart 'na shuidhe 'na ònrachd 'na sheòmar, a' crìochnachadh a shearmoin air son an là màireach. Chunnt e na duilleagan; bha iad ann sé deug, agus bha fhios aige gu'n gabhadh a h-uile duilleag mionaid agus ceathramh 'g a leughadh. Bu mhaith leis an tuilleadh leudachaidh a dheanamh air a' phuinc, ach chuimhich e gu'm feumadh e bruidhinn ris a' choimhthional, an déidh an t-searmoin, mu'n ropainn bhliadhnail a bha ri bhi aig *Guild nam Ban*, agus mar sin thuir e ris fhéin gu'm b' fhearr dha gun dol os eionn fichead mionaid leis an t-searmon. Sgrìobh e beagan fhacal eile; chuir e riu sreathan a rinn bàrd ann an America, agus bha an searmon deas.

Aig a' cheart mhionaid sin chual e guth

a mhnatha, agus i a' gladhach ris o mhullach na staidhreach.

“Iain; dhìchuinshnich mi Ceasar a leigeil a steach; fagail an dorus-beòil, agus dean feald ris.”

Ach cha robh feum aig Ceasar air feadair-eachd. Bha e 'n a shuidhe gu faighidinneach air steap an dorus. Bha an oidheche rionnagach, reulagach; agus sheas Maighstir Lockhart greis anns an dorus, ag amharc suas air na nèamhan.

“Gabhaidh sinn an ochdamh salm am màireach,” ars' esan ris fhéin, “fregaraidh i air an t-searmon.”

An ath mhionaid luigh a shùil air an eaglais, a bha mar astar còig fichead ceum uaith,—agus rud iongantach mu'n àm ud a dh' oidheche,—bha dealradh soluis anns na h-uinneagan. Chuir am ministear an ad air ann an cabhaig, agus ghreas e a null a dh' ionnsuidh na h-eaglais, is eagal air gu'm faodadh gu'n robh i air theine, mar a thachair do eaglais Yarrow. Ach an uair a thàinig e dlùth dhi, thuit fuaim air a chluais a thug faochadh d'a chridhe, fuaim chaomh is bheannaichte an òrgan. Ach cò a bha 'g a chluich cho annoch? Chuir Maighstir Lockhart car ann an làmh an dorus-mhòir, ach bha an dorus-mòr glaiste. Dh' fheuch e an dorus-cùil, agus an sin dorus na vestri, ach bha iad sin glaiste cuideachd. A réir choslais, ghlas an fear-ciùil e fhéin a steach. Sheas am ministear air a chorra-bìod aig té de na h-uinneagan, ach cha b' urrainn da an t-òrgan fhaicinn. Ach chunnaic e rud a chuir iongnadh nach bu bheag air, nach robh an *gas* laiste idir, ged bha an eaglais air a lìonadh le solus.

Ged nach robh cluas-chiùil ro mhaith aig Maighstir Lockhart, ar leis gu'n robh e ag aithneachadh an fhuinn a bha air a chluich air an òrgan, an *Dachaidh Bhuàn*.

Ach cha b' urrainn da a thuigsinn air an t-saoghal cò a bha anns an eaglais. Cha robh còir no cead aig duine air bith a bhi innte, no beantuinn ris an òrgan, ach a mhàin aig Maighstir Wylie, fear-ciùil na h-eaglais, agus cha robh e coltach gu'm biodh esan anns an eaglais aig uair cho annoch, oir bha fhios aig a' mhinisteir gu'n robh droch fhuachd aige.

Bha iuchraichean na h-eaglais aig a' bheadall, a bha fuireach air taobh eile an rathaid, agus chuir am ministear roimhe gu'n rachadh e a dh' iarraidh a' bheadail. Bha am beadall 'na luighe, agus leasg gu éirigh; ach an uair a chual e gu'n robh far-bhalach anns an eaglais thàinig sprachd 'n a

iosgaidean, agus chuir e uime a bhriogais agus a bhrògan ann an tiota, agus lean e Maighstir Lockhart. Ach an uair a thàinig iad an sealladh na h-eaglais bha i dubh dorcha; cha robh solus no solus ri fhaicinn. Ach thuir iad ri chèile, cò air bith a bha ann, nach robh ùine aige air an eaglais fhàgail, agus gu'n rannsaicheadh iad an gnothuch gu ceann-erìche.

Bha na dorsan glaishte gun teagamh. Las iad cuid de na soluis, ach cha robh duine ri fhaicinn, agus cha robh a choslas gu'n robh dad ceàrr. Dh' fheuch iad an t-òrgan, ach bha an t-òrgan mar a b' àbhaist. Chuir am beadall a làmh air pioban a' ghas a bha ri taobh an òrgain a dh' fheuchainn an robh iad teth, ach bha na pioban ud cho fuar 's ged nach biodh iad laiste bho chionn seachduin. An sin dh' fheuch e an inneil-uisge a bha ag oibreachadh an òrgain, ach bha e cinnteach nach do chuir an inneil-uisge car dhith an oidheche ud.

Cha robh fhios aig a' mhinistear ciod a theireadh no a shaoileadh e. Cha robh dearbhadh air bith aige do'n bheadall air an rud a chunnaic agus a chual e; air an làmh eile bha dearbhadh no dhà air fhaotainn aig a' bheadall nach robh dreach na firinn air an naigheachd. Ach ged nach d' thuir e ris a' bheadall e, bha aon ni ann a bha a' togail fianuis air a thaobh, bha an leabhar-laoidh fosgailte air clàr an òrgain aig an duilleig air an robh an *Dachaidh Bhuan*.

Chuir iad as na soluis; ghlais iad na dorsan; agus chaidh iad dhachaidh; am beadall a bha leth-rùisgte gu maith crosda a chionn gu'n deachaidh a chur as an leabaidh gun aobhar, agus am ministear air a chur troimh-chèile le deacaireachd a bha do-thuigsinn.

Anns a' mhaduinn bha an tuilleadh dorrain air a chur air Maighstir Lockhart le fios a thàinig o Mrs. Wylie, bean an fhir-chiùil, gu'n robh Maighstir Wylie 'na luighe tinn, agus nach b'urrainn da an t-òrgan a chluich anns an eaglais an t-Sàbaid ud. Cha robh duine eile d' am b' aithne a chluich ach bean an fhir-lagha; ach cha robh feum ann a bhì a' snuaineachadh oirre-se, oir bha mac òg aice Di-haoine. Mar sin cha robh air a' chùis ach gu'm feumadh an t-òrgan a bhì 'na thàmh.

An uair a ràinig Maighstir Lockhart an eaglais dh' innis e do aon de na fir a bu phrionnsपालाiche anns a' choisir-chiùil mar a bha; agus dh' iarr e air an t-seinn a ghabhail os làmh. Bha fàitcheas air an duine sud a dheanamh, ach gheall e gu'n deanamh iad uile cho mhaith 's a b' urrainn daibh, agus dh' atharraich am ministear té de na laoidhean, is thug e dhaibh té eile a b' fhasa. An sin chaidh e a steach do'n vestri, is thug e shùil eile air na sreathan

bàrdachd a bha e a' dol a dh' aithris aig deireadh an t-searmoin, agus an uair a chunnaic e gu'n robh iad aige gu sibhlach air a theangaidh, chuir e air a chasag agus a chleòca, los a bhì deas an uair a thigeadh am beadall 'g a iarraidh. Ach am feadh 's a bha e a' feitheamh cluinidh e an t-òrgan a' tòiseachadh mar a b' àbhaist! Bha duine-eigin 'ga chluich! Thug so faochadh is togail d'a inntinn, agus thuir e ris féin gu'n d' fhuair na foirbhich neach air chor-eigin air son na seirbbhis. Ach cha robh ùine aige fhaighneachd cò a fhuair iad.

Chaidh an t-seinn air a h-aghaidh gun chearb. Ged nach robh cuas-chiùil ro mhaith aig Maighstir Lockhart b' aithne dha na'n rachadh dad fada ceàrr, ach cha deachaidh dad ceàrr an là ud, agus cha bhiodh fhios idir aige nach e Maighstir Wylie fhéin a bha aig an òrgan mur bitheadh aon rud beag a ghlac aire, gu'n robh an ceòl agus an t-seinn a' tòiseachadh còmhla, an àite an t-òrgan a bhì a' togail an fhuinn m' an tòisicheadh an coimhthionail air an t-seinn. Ach shaoil e gur h-ann aig an fhear ris an do bhruidhinn e mu'n t-seinn a bha a choire.

An uair a bha an t-seirbbhis ullamh chaidh am ministear do'n vestri, mar a b' àbhaist, a chur dheth a chleòca; agus bha e air sin a dheanamh an uair a dh' fhosgail am beadall dorus na vestri, agus na leabhraichean aige. Cho luath 's a bha an dorus air fhosgladh ràinig fuaim an òrgain am ministear, agus a' cheart fhonn a chuala e an raoir 'ga chluich air, an *Dachaidh Bhuan*.

"Cò an coigreach," ars' esan ris a' bheadall, "a leig á glais sinn an diugh, agus a tha cluich an òrgain fhathast? Tha e a' leantuinn air gu maith fada."

"A' cluich an òrgain!" ars' am beadall, "ciod a tha sibh a' ciallachadh?"

"Tha mi a' ciallachadh an ruid a thubhairt mi," ars' am ministear, gu maith grad; "cò a tha a' cluich an òrgain?"

"Cha'n'eil mise a' cluinntinn gliong às an òrgan," ars' am beadall; "cha robh an t-òrgan air uisneachadh an diugh."

"An ann bodhar a tha thu, Uilleam, arsa Maighstir Lockhart, nach 'eil thu 'ga chluinntinn a nis!"

Co dhìu a bha am beadall air son am ministear a thoileachadh, no a thug e air fhéin a chreidsinn gu'n robh e 'ga chluinntinn, thubhairt e, "Ar lean gu bheil mi a' cluinntinn seòrsa de thùchanaich neònach anns an eaglais; is fheàrr dhuinn sealltainn ciod a tha ann."

Chaidh iad a steach còmhla, agus dìreach an uair a ràinig iad taobh thall na h-eaglais far an robh an t-òrgan 'na shuidhe, stad an ceòl, agus faicear an coigreach a bha 'ga chluich a' gluasad a dh' ionnsuidh an doruis. Le buille d'a shùil chunnaic Maighstir Lock-

hart an coslas duine a bha ann; òganach àrd, gasda, ann an éideadh saighdeir. Choisich an t-òganach gu luath sìos troimh 'n eaglais, gum uiread agus aon sùil a thoirt orra, ach ged nach bu toigh leis a' mhinisteir gladhach as a dhéidh, cha mhò a bha e air son a leigeil air falbh gun taing a thoirt da, is thuirt e ris a' bheadall; "Uilleam," arsesan, "ruith as a dhéidh agus abair ris gu'm bu mhaith leam bruidhinn ris."

"Ruith as déidh cò?" arsa am beadall."

"Cò ach an t-òganach a bha aig an òrgan!" arsa Maighstir Lockhart, "nach 'eil thu 'ga fhaicinn a dhuine le do dhà shùil; tha e aig an dorus mu d' choinneamh."

Cha robh Uilleam a' faicinn an òganach le a dhà shùil, ach do bhrìgh nach bu toigh leis dol ro làidir an aghaidh a' mhinisteir, is e a thubhairt e, "Ar leam gu bheil sgàileagan air chor-eigin aig an dorus, ach bheir mise m' fhacal dhuibh, a' mhinisteir, nach fhaigh e a mach an rathad ud, oir ghlas mise an dorus-mòr an déidh do'n choimhthional sgaoileadh."

Mar a thubhairt b' fhìor. Bha an dorus-mòr glaiste, is cha robh duine ri fhaicinn eadar an da bhì. Cha robh dòigh aige air faotainn a mach mur do thionndaidh e air ais agus mur deachaidh e a mach air fear de na dorsan-taobhe. Thionndaidh an ministear agus am beadall air an ais cuideachd, ach cha robh òganach no òganach r'a fhaicinn; bha an eaglais cho falamb sàmbach ri tigh-nam-marbh.

"Cha chuala mi riamh a leithid so, Uilleam," arsa am ministear; "c'aithe air an t-saoghal am b' urrainn do fhear-a'-chiùil dol?"

"Fear-a'-chiùil!" arsa Uilleam, "cò am fear-ciùil?"

"Am fear-ciùil a chluich an t-òrgan aig an t-seirbhis an diugh."

Sheall an beadall air a' mhinisteir gu dùr; "nach 'eil fhios agaibh féin cho mhaith 's a tha agam-sa nach robh an t-òrgan air a chluich aig an t-seirbhis; ach tha eagal orm, a Mhaighstir Lockhart, nach 'eil sibh gu ro mhaith an diugh; bu chòir duibh dol dachaidh agus leigeil 'n 'ur sineadh greis."

"Uilleam," arsa am ministear, agus fuaradh froise ag éirigh air aodann, "thig leam do thigh-an-t-seisein gus 'am faic mi na foirbhich."

Ràinig iad tigh-an-t-seisein; bha na foirbhich an déidh an t-airgid a chunntas; bha fear dhiubh 'ga chur sìos ann an leabhar fada caol, agus an dithis eile a' cur an airgid ann an dà phasgan bheag; an t-airgid geal ann an aon phasgan, agus na sgillinnean ruadha ann am pasgan eile.

"Maduinn mhaith dhuibh, a dhaoine-uaisle," arsa Maighstir Lockhart ris na foirbhich.

B'e an Dotair a fhreagair air son chàich, "Mar sin duibh féin, a mhinisteir; tha sinn toilichte gu'n deachaidh an t-seirbhis air a h-aghaidh gu gasda an diugh as eugmhais an òrgan. Thug an t-seinn 'n am chuimhne mar a bha an eaglais anns na seann làithean, m' an robh òrgan idir againn."

Bha am ministear mar gu'n cailleadh e a chainnt; cha d' thubhairt e diog tuilleadh mu'n òrgan, ach m' an do dhealaich iad thuirt e ris an Dotair, "Chan'eil mi 'g am fhaireachduinn fhéin gu maith; ma bhios ùine agad anns an fheasgar thig a steach do'n Mhanse mionaid bheag 'g am fhaicinn."

An uair a chaidh am ministear dhachaibh bha a theaghlach uile 'n an suidhe aig a' bhòrd, a' feitheamh ris; a bhean, agus a dhithis bhalach, agus Màiri bheag, an t-aon a b' òige,—caileag bhòidheach, le falt bàn is sùilean gorma, sé bliadhna a dh' aois.

"O, dhaidi," arsa a' chaileag, "cò an saighdear a bha ann an diugh?"

Chaidh na balaich a ghàireachduinn, ach thàinig seòrsa de ghruaim air aodann am mathar.

"Gu dé an saighdear, a luaidh bheag?" arsa am ministear.

"An saighdear a bha ris a' cheòl anns an eaglais," arsa a' chaileag.

Chuir so na balaich gus an tuilleadh gàireachduinn, ach sheall an màthair orra, agus dh' iarr i orra stad d' an gàireachduinn; "Iain," arsa ise ris an duine, "cha 'n urrainn mi a dheanamh a mach co dhiù a tha Màiri a' fàs danarra no a tha rud-eigin ceàrr oirre, ach cha ghabh e cur aise do g'u'm faoa agus gu'n cual i saighdear a' cluich an òrgan an diugh."

"Bruidhneamaid air rud-eigin eile ach an t-òrgan," arsa am ministear, le guth critheannach; "ma's ann dòmhsa a tha thu a' lìonadh an truinseir sin, a bhean, tha tuilleadh 's a chòir air, oir cha'n'eil càil do bhìadh agam an diugh."

Cha mhò a bha càil aige do chadal an déidh na dinnearach, ach ged nach robh e 'ga fhaireachduinn fhéin gu maith, smuainich e gu'n rachadh e a dh' amharc Mhaighstir Wylie a bha tinn air an leabaidh. Bha am feasgar a' cìaradh an uair a shuidh e aig taobh na leapa, air chor agus nach bu léir dha gu soilleir na bha mu'n cuairt air anns an t-seòmar, ach an uair a thàinig Mrs. Wylie a steach agus a las i an solus, laigh sùil a' mhinisteir air dealbh a bha crochte air a' bhalla, dealbh òganaich ann an éideadh saighdeir. Dh' aithnich Maighstir Lockhart an dealbh,—dealbh an duine òig a chunnaic e anns an eaglais.

An uair a chunnaic an duine a bha air an leabaidh gu'n robh sùil a' mhinisteir air an dealbh, thuirt e ris,—

"Sin agaibh mo mhac a bha air a mhar-

bhadh anns a' chogadh. Bha e 'n a fhear-ciùil maith, agus anabarrach maith air an òrgan, is bhiodh e daonnan ag iarraidh orm leigeil leis m' àite a ghabhail là air choreigin anns an eaglais. Tha mi duilich a nis nach do leig mi sin leis; ach bha e car an aghaidh mo nàduir duine air bith a chur 'n am àite, agus co dhiù bha mi an dùil gu'n robh esan ro òg. Ach gheall mi dha gu'n leiginn leis an t-òrgan a chluich a' cheud uair a bhiodh dad ceàrr orm, is nach b' urrainn domh fhéin a dheanamh. Agus na'n robh e air a chaomhnadh gus an diugh, theagamh gu'm biodh e 'n am àite.

* * * *

Latha no dhà 'na dhéidh sud, fhuair an rùn-chléireach aig a' Chomunn a tha a' rannsachadh dìomhaireachd na taibhsearachd agus an dara-seallaidh an litir so:—

Manse Bhaile-Bhlàir,

20mh là de November, 19—

“ Bhithinn 'n ad chomain na'n cuireadh tu m' ainm sìos mar aon de bhuilt a' chomunn. Ma leigeas tu fios thugam ciod a bhios agam ri phàigeadh, cuiridh mi thugad e leis a' phosta.

Is mise, etc.,

“ Iain Lockhart.”

AM BHEIL E UASAL?

An uiridh dh' innis an Dotair Ogilvie, a tha air cheann craobh-sgaoileadh an t-soisgeil anns na dùthchannan thall, do'n eaglais nach gabhadh an obair cumail air a h-aghaidh mar a bha i, mur tugadh sluagh na h-eaglais an tuilleadh cuideachaidh seachad na tha iad a' deanamh. Ach thuirt Ard-Sheanadh na h-eaglais nach robh maith a bhì smuaineachadh air an obair sin a lughdachadh, oir gu'm biodh e 'n a nàire agus 'n a thàmailt do Eaglais na h-Alba mur giùlaineachd i a roinn fhéin de'n dleasdanas a tha aig eaglaisean na rìoghachd so uile a thaobh nan cinneach. Agus chuir an Seanadh impidh air cléirean, is ministearan, is coimhthion-ailean na h-eaglais, iad a dheanamh oidhirp air barrachd d' am maoin a thoirt do aobhar an t-soisgeil ann an 1924 na thug iad anns a' bhliadhna roimhe sin. *Dh' iarr an t-Ard-Sheanadh trì mìle, is thug an eaglais seachad trì cheud.* Rud bronach, is rud nàrach, ach feumar a nis sealltuinn air a' chùis ann an clàr an aodainn, agus a réir choslais, cha'n 'eil fodhainn ach deanamh mar a rinn clann Ephraim, a *thill air an ais ann an la a' chatha.* Cha'n e so an uaisle, agus idir idir, cha'n e so an diadhaidheachd. Cha'n e cion airgid a tha air muinntir na h-eaglais ach cion toile. Air chùl gach aobhair eile air an spìocaireachd so, tha an t-aobhar mòr so, màthair chàich uile, nach 'eil an gràdh

no an dilseachd do'n Tighearna Iosa ann an cridheachan dhaoine a bu chòir a bhì anna.

CUMHA D'A MHNAOI.

Air fonn—“ Cha tig Mòr mo bhean dhachaidh.”

Chaidh mo Sheònaid-sa dhachaidh
Dh' ionnsuidh cairtealan buan,
O gach tinneas is easlaint,
'S o gach peacadh is truaigh;
O gach trioblaid is daorsa
Tha 's an t-saoghal is bròn,
A dh' ionnsuidh na tìre
'S am bheil sìth agus glòir.

Tha mise làn mulaid
Tric a' tuireadh 's mi sgèth,
'S mo shùilean a' sìleadh
Le bioradh mo chridh';
Aig cuimhneachd do chéill-sa
'S do bheus air gach dòigh,
Bidh mise air mo reubadh
Eadar aoibhneas is bròn.

Bha do bheus-sa ro annamh
Measg bhan a fhuair gràs,
Ann an tairiseachd imtinn
Am mìneachd 's an gràdh;
Cha bu daor leat an éirig
Dheanamh réit' agus sìth,
Bhiodh tu bàthadh nan éibhlean
'N uair a dh' éireadh an strì.

Tha na bochdan ag acan
Gu'n deach Dorcas thoirt uath,
Làmh fhialaidh a' phailteis
Dheanadh sgapadh le truas;
Bhiodh do chridhe air fhàsgadh
'N uair bhiodh càch ann an cruas,
Gu minic ag ùrnuigh
Ris a' chùirt a tha shuas.

Ged tha mise làn fadaichd
Agus m' aigne fo leòn,
A' caoidh na bha agam
'S cùis ladarn' bhì bròn;
Thug Dia i gu sàbhailt
Tre'n fhàsach le cliù,
'S 'n uair thàinig am bàs
Fhuair i làthaireachd a ghnùis.

Ged tha mise nis cianail
Làn iargain is gruaim,
Fhuair mi dà-fhichead bliadh'n dhi
Le a ciall agus stuain;
Caomh, tairiseach, ciatach
Ann am fianuis an t-sluaigh,
Gun oibheum do'n diadhachd
Gus na thriall i do'n uaigh.

(Le Uilleam Mac Coinnich, maighstir-sgoile a chaochail an Ionarnis, ann an 1838.)



ATHAIR NA H-EAGLAIS.

Le bàs an duine chaoimh, an t-Ollamh Seumas C. Russell, seana mhinistear Cheann Locha, chaill eaglais na h-Alba am ministear a bu shine innte ann an dreuchd, agus am ministear a b' urramaiche a bha innte bho chionn iomadh bliadhna. Bha coslas nan abstol air a ghnuis, agus bha spiorad nan abstol 'na chridhe. Ma bha e dreachmhor 'na phearsa, agus bha e sin, bha e a cheart cho uasal 'na nàdur.

Na 'n robh Nataniel agus Barnabas agus Simeon air an cur còmhla agus aon duine air a dheanamh dhiubh, is e an duine a thigeadh asda, leithid an Dotair Russell nach mair-eann. Bha e gun ghò, gun chealg; bha e 'na dhuine maith, làn de'n Spiorad Naomh agus de chreideamh; a' sìor bheannachadh an Tighearna gu'm faca a shùilean aobhar na h-eaglais a' soirbheachadh anns a' Ghàidhealtachd seach mar a bha e an uair a chaidh e an taiseach do Cheann Loch, agus a' buanachadh ann an ùrnuigh as leth Israel Dhé.

Is coron glòire an ceann liath a gheibhear ann an slighe an ionracais; fad a bheatha gu léir cha do ghluais an Dotair Russell ann an slighe eile ach slighe an ionracais; an uair a shuidheadh e aig bòrd na Comhairle anns an Ard-Sheanadh, am measg nan aithrichean agus nan seanairean eile, bha uaisle agus ionracas an duine ri fhacinn 'na cheann, agus 'n a aodann, agus 'n a ghluasad. Cha chuala duine eile droch fhacal bhuaith riamh, is cha mhò a chunnacas fearg no gruain air aodann. Cha'n 'eil sin a' ciallachadh nach robh e làidir gu leòir gus a thaobh féin a sheasamh, an uair a bhiodh cùisean 'g an cur air dealbh, ach bha e daonnan a' coinneachadh dhaoine eile ann an spiorad na réite agus ann an spiorad a' ghràidh.

Fhuair e aois mhòr. Bha e ceithir fichead agus a ceithir deug an uair a shiubhail e, is trì fichead bliadhna agus a h-aon deug ann an dreuchd na ministrealachd. Lean a bhuadhan uile ris cho geur 's a bha iad riamh ach a mhàin a chlaisteachd. Bha a ghuth agus a shùil, a chuimhne agus a mheòmhair, cho soilleir ri guth is sùil is cuimhne dhaoine nach robh an dara leth cho sean ris. Ach ged a bha e coltach ri Barsillai a thaobh a chlaisteachd cha robh e coltach ris ann an dòigh eile, oir cha d' fhairich e e féin riamh no shean air son companaich ùra a dheanamh, no tòiseachadh

air nithean ùra. Bha e 'na dhuine anabarrach stuama; stuama 'n a bhiadh agus a' tur sheachnadh dibhe, agus cha'n 'eil teagamh air bith nach tug an stuamachd sin sìneadh làithean dha. Tha gealladh na beatha so aig an diadhaidheachd cho mhaith ri gealladh na beatha a ta ri teachd.

Tha na daoine mòra a' fas gann anns an eaglais an diugh seach mar a bha iad ri mo cheud chuimhne. C'àite an diugh am faighear ministearan Gàidhealach coltach ris an Dotair Seumas Mac Ghriogair; an Dotair Camshron Lees; Tormoid Mac Leòid; Iain Mac Leòid; an Dotair Blair agus an Dotair Mac Illeathain; an Dotair Mac Coinnich agus an Dotair Russell. Cha 'n e mhàin nach 'eil iad ann, ach cha 'n aithne dhomh co as a tha iad a' dol a thighinn. Theagamh gu bheil na's lugha de mhinistearan gun fheum, agus na's lugha de mhinistearan neònach anns an eaglais an diugh na bha innte anns an linn a chaidh seachad, ach gu cinnteach tha na's lugha innte de dhiadhairean mòra gasda. An uair a sheallas duine mu'n cuairt air anns an t-Seanadh an Dunéideann, agus a chuimhnicheas e air na h-urracha mòra a b' àbhaist a bhi mu'n cuairt a' bhùird, tha e duilich dha a chreidsinn gu bheil na làithean so na's fheàrr na na seann làithean.

B'e an Dotair Russell am fear mu dheireadh d'a sheòrsa, agus bidh a cheann liath air ionndrainn gu mòr anns an t-Seanadh. Ach bidh e air ionndrainn gu sònruichte anns a' Chomadaidh a tha sealltuinn as déidh chùisean na h-eaglais anns a' Ghàidhealtachd. Bha e air cheann na Comadaidh so bho chionn iomadh bliadhna, agus gu cinnteach bha inntinn agus a chridhe innte. Cò b' urrainn suidhe ceathramh na h-uarach anns an t-seòmar anns am bi a' Chomadaidh cruinn gun phlathadh beag fhacinn de'n eud dhiadhaidh, agus de'n ghaol dùthcha, agus de'n chaoimhneas-gràidh, a bha ann an cridhe an Dotair Russell. Ged nach rachadh e fad a choisle a chum duine eile a dheanamh d'a chreideamh féin, rachadh e gu Tigh Iain Ghreòta ann an dùtlachd a' gheamhraidh a chum bràthair bochd a chuideachadh. Bha e cho glan 'n a nàdur ris a' ghréin; fada na b'fhialaidhe le a sporan féin na bha e le ionmhas na Comadaidh Ghàidhealaich, ged tha fhios aig an t-saoghal nach robh e furasda leis gun éisd-eachd a thoirt do athchuinge air bith a ruigeadh a' Chomadaidh.

Cha p' aithne dhomh ach aon duine eile a bha coltach ris anns an fhaireachduinn a bha daonnan 'n a chridhe a thaobh muinntir na Gàidhealtachd agus nan eileanan, an t-Ollamh Alasdair Mac Ille Mhìcheil nach maireann, fear eile de na daoine macanta aig an robh cridhe geal is glan. *An sluagh gràdhach*,—sin am facal a bhiodh daonnan air bilean na dìthis chaomh ud an uair a bhruidhneadh iad mu mhuinntir nan eileanan, agus bha iad 'ga chiallachadh. Bha iad féin 'n an daoine gràdhach da-rìreadh, agus chòmhdaicheadh iad le falluinn an gràidh lochdan an dùthcha.

Tha an sean-fhacal ag radh nach fhaighear duine gun fhàiling, ach ma bha fàiling anns an Dotair Russell, cha 'n fhaca mise riamh i. Theireadh cuid gu'n robh e cho aon-fhillte e fhéin 's nach robh e duilich do dhaoine eile an car a thoirt as, ach ma's fàiling sin, is fàiling bhòidheach i; agus fàiling nach togar an aghaidh duine an uair a ruigeas e geata néimh. Ged is maith an rud diodag bheag de ghliocas na nathrach, gu sònruichte am measg gineil ole is fhiar, is fheàrr làn meurain de neo-lochdas a' chalmair na làn cumain de ghliocas na nathrach.

Cha b' ann air son a thàlantann no a bhùadhan a bha meas aig ministearan eile air an Dotair Russell, ach air son a chaomhalachd agus a mbaitheis. Bha coslas na sagartachd is cumhachd na diadhaidheachd ri fhaicinn 'na aodann; eadhon 'na ghuth chluinneadh tu ni-eigin de thròcair an Tighearna.

LEUGHADH NAN SGRIOBTURAN.

An uair a ghabh an t-Urramach Niall Mac Phàrlain B.D. an Innuenza ann an deireadh an earraich bhiodh an eaglais dùinte air an t-Sàbaid mur bitheadh gu'n do thachair gu'n robh ministear beag á Sasunn ann an Cille-Sgumain aig an am; fear a bhiodh a' tighinn a h-uile bliadhna a shiubhal nead, agus a chruinneachadh uibhean. An toiseach cha robh na foirbhich uile gu léir cinnteach co dhiu a bhiodh e ceart dhaibh an duine ud a chur air cheann na seirbhìs, duine a bha a réir choslais cho gòrach ris na balaich bheaga. Ach an uair a chuala Seònaid Eachainn, aig an robh am ministear beag a' fuireach, ciod a bha na foirbhich ag ràdh chuir i puth as a sròin agus thuirt i rintha gu'n robh e na bu lugha gòraiche do dhuine a bhì siubhal an t-sléibhe ag iarraidh nead seach a bhì 'n a shuidhe anns an tigh-òsda aig Tom Elliot a' lìonadh a chuirp le nisgo-beatha. Dh' fhàs am maighstir-sgoil dearg anns an aodann,

oir bha fhios aige gu maith gur ann air fhéin a bha Seònaid a' peilisteireachd.

Ach cha b'e siubhal nan nead a bha cur dragha air coguis Iain Mhic Coinnich, am foirbheach a bu shine anns an t-Seisein, ach eagal nach robh ministear nan uibhean, mar theireadh iad ris, fallan anns a' chreid-eamh, oir bha amharus 'na inntinn gu'n robh muinntir Shasuinn agus luchd na Beurla air fad air tuiteam air falbh bho theagas air nach aithrichean. "Air son na's aithne dhuinne mu thimchioll an duine," ars' esan ri càch, "nach fhaod e bhith nach 'eil ann ach Arianach, no Socinianach, no Sabellianach, no ma dh' fhaoidte, Unitarianach no U.P.?" Chuir so an còrr de na foirbhich 'n an tosd, oir cha robh fhios aca cò na daoine uambasach a bha anns na h-Arianaich agus na Sabellianaich, ach mu dheireadh thuirt tuathanach Bhaile-Sgait (agus eagal air gu'n tigeadh air fhéin ùrnuigh a dheanamh anns an eaglais mur faigheadh iad ministear a dheanadh an t-seirbhìs), nach deanadh e cron do'n choimh-thional éisdeachd ris a' choigreach air son aon Sàbaid, co dhiu a bha ann Arianach no Muileach. Bha a' cheart eagal air na foirbhich eile a bha air tuathanach Bhaile-Sgait, eagal gu'n tigeadh orra fhéin seasamh air beulaobh an t-sluaigh mur gabhadh ministear faotainn, agus bha iad toilichte gu leòir cuireadh a thoirt do mhinistear nan uibhean dol an ceann na seirbhìs.

Rinn an duine an rud a dh' iarr iad air gu toileach. Dh' innis e dhaibh nach robh dùil aige an uair a dh' fhàg e a thigh féin gu'n tigeadh a leithid sud de ghairm thuige, agus mar sin nach do chuir e searmon 'n a bhaga. Dh' innis e dhaibh cuideachd gu'm b' ann do'n eaglais Shasunnaich a bhùineadh e, agus nach robh e cleachdte ri dòighean na h-eaglais Chléirich, gu sònruichte a thaobh nan ùrnuighean. "Ach is a ni mi," ars' esan ris na foirbhich, "leughaidh mi earrann de na sgrìobturann dhuibh agus mìnichidh mi iad mar is fheàrr is urrainn mi, agus an sin iarraidh sinn beannachd an Tighearna air ar beachd-smuaineachadh."

Sin mar a bha. Air là na Sàbaid, an uair a chaidh e suas do'n chùbaid, thug e a mach an t-Salm,

Tobar na beatha tha gu dearbh

Agad-sa, Dhia nan dùl;

Is ann ad sholus dealrach glan

Chi sinne solus iùil.

An sin dh' fhosgail e am Biobull agus thòisich e air leughadh ann an leabhar an fhàidh Hosea, ach ma'n deachaidh e fad air aghaidh, thòisich e air innseadh dhaibh mar a chaidh an leabhar a sgrìobhadh; mar a

bha Hosea air a smachdachadh le Dia agus air a chlaoidheadh le droch bhean; mar a theagaisg Dia dha le fiosrachadh a bheatha féin na nithean a labhair e an déidh lámhe ri Israel; dh' innis e dhaibh mu'n t-suidh-eachadh anns an robh sluagh an Tighearna aig an àm, na beachdan a bha aca a thaobh Dhe agus ciod a bha Dia a' feuchainn ri theagasg daibh. Lean e air mar sin dà uair an uaireadair, greis a' leughadh is greis a' mineachadh, gus an deachaidh e troimh 'n leabhar uile, agus an sin rinn e ùrnuigh ghoirid, is bha an t-seirbhis críochnaichte.

Ged a b' ann ann am Beurla a bha e a' bruidhinn thuig muintir Chille-Sgumain na thubhairt e cho mhaith 's ged a bhiodh e a' labhairt ann an Gàidhlig, agus ma dh' innsear an fhirinn, bha e na b' fhasa a thuigsinn na Niall Mac Phàrlainn B.D., ged is tioram a Ghàidhlig. Ged a tha Iain Mac Coinnich car cumbann, agus amharusach air Goill is air daoine nach buin do'n aon eaglais ris fhéin, tha e cuideachd 'na dhuine diadhaidh agus 'na dhuine caomh, agus fada m' an do sguir am ministear bu choma leis co dhiu a bha ann Arianach no Etiopach, agus is e a thubhairt e ris na foirbhich eile an uair a chaidh iad a steach do thigh an t-seisein, "Nach robh ar cridhe a' lasadh annainn an uair a dh' fhosgail e dhuinn na sgrìobturann." Bha na foirbhich agus an coimhthional uile cho toilichte leis an t-seirbhis 's a bha Iain Mac Coinnich, agus thuirt Calum Dòmhnallach, am beadall, an déidh lámhe, gu'm b'e sud a' cheud Sàbaid riamh a chunnaic e eaglais Chille-Sgumain gun duine 'na chadal innte. Cha'n e ministear beag nan uibhean a their iad ris an duine ann an Cille-Sgumain a nis, oir flhuair iad a mach cò e, agus bheir iad dha ainm agus a shloinneadh, Canon S. D. Marlow, D.D., àrd-sgoilear ann an Oilthigh Chambridge, a tha teagasg an t-Seann Tiomnaidh do mhinistearan òga.

Cha'n eil leabhar air an t-saoghal a dh' fhuiling uiread fo làmhan na feadhach a tha teagasg as ris a' Bhiobull, agus cha mhò a tha leabhar eile air an t-saoghal air a bheil an fheadhainn a bhios 'g a chluinntinn air a leughadh cho aineòlach. Anns an là diugh tha mìltean de dhaoine nach 'eil a' leughadh a' Bhiobull dhaibh féin, agus aig nach 'eil de eòlas air ach na tha iad a' togail an uair a chluinneas iad e air a leughadh anns an eaglais. Anns an eaglais cluinnidh iad dà chaibideil air an leughadh a h-uile Sàbaid, té as an t-Seann Tiomnadh agus té eile as an Tiomnadh Nuadh, gun aon fhacal air a ràdh umpa a chur soluis orra. A' bheil e iongantach, mata, gu'm biodh troimh-chéile ann an inntinnean dhaoine mu theagasg a'

Bhiobull, no gu'm biodh e do mhòran dhaoine 'n a leabhar gun bhlas? Gu fort-unach tha a' chuid as motha de'n Tiomnadh Nuadh 'ga mhìneachadh féin; tha e cho soilleir 's nach téid eadhon na daoine baoghahta air seachran ann, ach cha'n 'eil an Seann Tiomnadh mar sin; tha mòran dheth cho dorcha agus cho dealaichte bho smuaintean dhaoine anns an linn so 's nach gabh e tuigsinn eadhon le daoine tìrail mur bheil na h-ìuchraichean a dh' fhosglaas e air an toirt daibh. Is e dleasdanas na h-eaglais, dleasdanas mhinistearan, sin a dheanamh; agus cha 'n abrainn gu bheil ministear air bith anns an là diugh a' coimhionadh a dhreuchd mur bheil e a' fosgladh nan sgrìobturann gu cothromach d'a shluagh, agus a' toirt dhaibh an teagasg a tha e féin a' faotainn bho sgoilearan diadhaidh mu'n Bhiobull.

Bho chionn beagan bliadhnanachan bha mi ann an eaglais Chille-Sgumain, ach cha b' e coigreach a bha air cheann na seirbhis ach Niall Mac Phàrlainn B.D. e féin. "Leughamaid" ars' eilann, "facal an Tighearna mar a tha e air a sgrìobhadh ann am fàidheadaireachd Isaiah," agus gun aon lide mìneachaidh leugh e so do'n choimhthional:—

Trom eallach fàsaich na faire; mar dhoinnnaibh anns an àrde deas, a' dol seachd; o'n fhàsach tha e teachd, o thìr uamhasaich. Dh' fhoillsicheadh sealladh eagallach dhomh; tha an cealgair a' caitheadh féill, agus tha am fear-creachaidh a' creachadh. Rach suas O Elaim; teannaich O Mhedia; chuir mise crìoch air a h-uile osnach. Uime sin tionadh mo leasraidh le cràdh; ghlac piantan mi mar phiantaibh mna ri saothair-chloinne. Bha mi air mo chromadh sìos, an uair a chuala mi; dh' fhàs mi air chrith an uair a chunnaic mi. Chlìsg mo chridhe; chuir namhas fiamh orm; fearsgar mo shòlais thionndaidh e gu h-uamhunn domh. Deasaich am bòrd; suidhich an faire; ith; òl; éiribh a cheanna-feadhna; ungaibh an sgiath. Oir mar so thubhairt an Tighearna rium, Imich; suidhich fear-faire; an ni a chi e innseadh e. Agus chunnaic e carbad le dà mharcaich, carbad le asalaibh, carbad le còmhalaidh, agus thug e fianear gu dhiolaidh le geur aire. Agus ghlaoth e, Leòmhán; Mo thighearna, ta mi a'm' sheasamh an còmhnuidh ann am ionad-faire, air feadh an là, agus tha mi a' fantuinn air mo fhreiceadan ré gach oidhche. Agus, feuch, an so tha carbad do dhaoineibh a' teachd, le dà mharcaich. Agus shreagair e agus thubhairt e, Tha Babilon air tuiteam, air tuiteam, agus tha uile dhealbhann-snaidhte a diathan air am briseadh gu làr. Och mo bhu-aladh agus arbhar m' ùrlair! an ni a chuala mi o Thighearna nan sluagh, Dia Israel, chuir mi an cèill duibhse. Trom eallach Dhumah. Dh' eigh e rium o Sheir. Fhir na faire, ciod o'n oidhche? Fhir na faire, ciod o'n oidhche? Thubhairt am fear-faire, Tha a' mhaduinn a' teachd, agus fòs an oidhche: ma dh' fhiosraicheas sibhse fiosraichibh; pillibh, thigibh. An fhàistneachd mu thimchioll Arabia. Anns an

fhèith ann an Arabia gabhaidh sibh tòmh, a chuideachda-siubhail Dhedanim. Thug luchd-àiteachaidh tìre Thema ruise a dh' ionnsuidh an tairt-mhoir; le an aran thàinig iad an còdhail an fhògaraidh. Oir o na clàidhìbh theich iad, o'n chlàidheamh rùisgte, agus o'n bhogha lìbta agus o bhoile a' chogaidh. Oir mar so thubhairt an Tighearna rium, Fathast bliadhna, mar bhliadhnaibh fir-thuarasdaid, agus bìthidh uile ghlòir Chedair air caitheadh as. Agus lughd-àichear fuigheall àireimh nam fear-bogha fir threuna de mhacaibh Chedair; oir labhair an Tighearna Dia Israel (xxi).

An uair a chrìochnaich e an leughadh thuirt e “Gu'm beannaicheadh an Tighearna dhuinn leughadh Fhacail,” ach ma bha facal o'n Tighearna anns a' bhrochan ud do dhaoine eile anns an eaglais, gu einnteach cha robh e ann dhomh fhéin. Cha'n aithne dhomh aobhar air bith gu'm biodh criomain de'n t-seòrsa so air an leughadh ann an éisdeachd sluaigh mar gu'm bu theachdaireachd iad o Dhia, agus cha tig toradh air bith as an t-seòrsa cràbhaidh sin ach gu'm fàs daoine suarrach air a' Bhiobull agus gu'n saoil iad nach 'eil ann ach sgrìobhaidhean gun bhun gun bhàrr.

Tha feum mòr aig an eaglais an diugh air daoine d' an aithne an Biobull a theagasg ann an dòigh a ni Facal an Tighearna beò is cumhachdachd, agus na'm biodh coimhthionailean glic air an son féin cha taghadh iad duine mar mhinistear ach duine d' an aithne an Biobull a mhineachadh, daoine coltach ri Bani agus Serebiah agus Iamin agus Acub agus Sabetai, agus na Lebhithich a bha ann an Jerusalem ann an làithean Nehemiah; leugh iad ann an leabhar Iagha Dhe gu soilleir, *agus thug iad an seadh seachad*; agus thuig an slugh. Cia meud eaglais anns an dùthaich anns am bheil sin air a dbeanamh an diugh? Mar is trice cluinnear deagh shearmoin, agus deagh sheinn, agus ùrnuighean freagarrach, ach tha na sgrìobturan air an droch leughadh agus air an fàgail gun fhosgladh.

AN INNTINN LAGHAIL.

Chuir Simon mac Ghebiah, duine còir a bha fuireach ann an Samaria, a mhac a bu shine do Jerusalem do'n sgoil. Mu'n do chrìochnaich an gille fhòghlum dh' fhàs athair tinn. Bha amharus aig an t-seann duine nach rachadh e na b' fheàrr, agus mar sin chuir e a chùisean saoghalta an òrdugh, is rinn e a thiomnadh. Dh' fhàg e na bha aige do fhear de na tràillean a bha 'na sheirbhis, ach air a' chumhnant so, cùmhnant a bha air a chur anns an tiomnadh, gu'n

leigeadh e le mhac, an t-òighre dligheach, aon rud de na bhuneadh d'a athair a thagh-adh, mar chuimhneachan.

Cho luath 's a shiubhail an seann duine chaidh an tràill do Jerusalem a dh' innseadh do'n ghille mar a thachair, agus dh' innis e dha mu'n tiomnadh cuideachd.

Bha bròn air a' ghille air son bàs athar, ach bha dorran is fearg air mu'n tiomnadh. Chuir e a chomhairle ris an Rabbi a bha 'g a theagasg; dh' innis e dha facal air an fhacal mar a bha anns an tiomnadh, is thuirt e ris nach robh fhios aige air an t-saoghal iod a rinn e gus oibheum a thoirt d'a athair.

“Bha t' athair,” ars' an Rabbi, “'n a dhuine glic agus tha a thiomnadh a' nochdadh sin gu soilleir.”

“Ciod a tha sibh a' ciallachadh,” fhreagair an gille, “an gnìomh glic no caoimheil e do athair air bith a mhaoin a chur seachad air a mhac agus a thoirt do thràill?”

“Eisd thusa riumsa,” ars' an Rabbi, “agus creid mi gur e an gliocas a thug air t' athair deanamh mar a rinn e. Bha fhios aige nach biodh tusa dlùth an uair a thigeadh a' chrìoch air, agus gu'n struidheadh na tràillean a chuid uile mu'n tigeadh tu dhachaidh, agus mar sin rinn e a thiomnadh air an dòigh ud los gu'm biodh an tràill a bha air ainmeachadh ann cùramach mu'n dìleab a tha e an dùil a bhuneas d'a féin.”

“Buinidh cuid m' athar dha gun teagamh,” ars' an gille, “oir tha e sgrìobhta le peann is dubh; cha'n fhios domh c'aithe a bheil mo bhunannachd-sa.”

“Tha mi a' faicinn,” ars' an Rabbi, “nach 'eil gliocas ann an cridhe duine òig. Nach 'eil fhios agad, a dhuine ghòraich, gur ann d'a mhaighstir a bhuneas tràill, agus nach d' fhàg t' athair agad le thiomnadh còir air rud air bith a bhuneadh dha a thaghadh dhuit féin? *Tagh thusa an tràill fhéin*, agus an sin bidh maoin t' athar agad cuideachd.”

Sin a rinn an gille, agus fad iomadh latha 'na dhéidh bhiodh e a' cnuasachadh 'na inntinn féin air an fhacal so ann an leabhar Iob, *Anns na h-aosda tha gliocas, agus am fad làithean tuigse.*

Ciod a their thu féin, a leughadair, ris an naigheachd so, naigheachd a tha air a sgrìobhadh anns an *Talmud*, aon de leabhairichean diadhaidh nan Iudhach anns an robh iad a' gabhail mòr thlachd? Tha i a' leigeil fhaicinn an seòrsa dhaoine a bha anns na Rabbaidhean; gheibheadh iad rathad air litir an lagha a choimhead am feadh 's a bha iad a' dol calg-dhìreach an aghaidh an lagha,



LUCAS.

Lucas, an léigh gràdhach. Colos. iv., 14.

Ann an Ghlomharan nau Abstol, leabhar a bha air a sgrìobhadh le Lucas, tha iomradh air a dheanamh air sealladh no aisling a chunnaic Pol ann an Troas. Chunnaic e duine àraidh o Mhacedonia a thubhairt ris, Thig thairis gu Macedonia agus cuidich leinn. Tha cuid de dhìadhairean am beachd gu'm b'è Lucas fhéin an duine o Mhacedonia. An uair a thàinig Pol gu Troas cha robh e cinnteach cìod an t-àite an rachadh e a shearmonachadh an t-soisgeil; bha e a' feitheamh ri solus is treòrachadh fhaotainn o'n Spiorad Naomh. Ach am feadh 's a bha e eadar-dhà-bharaill thachair e fhéin agus Lucas air a chéile. Dh' innis Pol do Lucas mar a bha cùisean d'a thaobh; gu'n robh an dorus air a dhùnadh air anns an Asia, ach nach do rinn e suas inntinn fhathast cìod an taobh eile an tionndadh e. Ghabh Lucas an cothrom a fhuair e agus ghuidh e air Pol dol air thurus soisgeulach gu Macedonia, gu muinntir a dhùthcha féin. Dh' innis e dha mu'n dorchadas uamhasach anns an robh iad, agus ghuidh e air oidhirp a dheanamh gus an cosnadh do Chrìosd. Bha Lucas e féin air iompachadh beagan ùine roimhe so, agus bha iartus 'n a chridhe gu'm faigheadh an dùthaich d' am buineadh e beannachdan an t-soisgeil mar an ceudna. Rinn seachas Lucas drùdhadh air inntinn Phoil, agus an déidh dha dol a laighe an oidhe ud chunnaic e bruadar. B'è am bruadar a chunnaic e, gu'n robh fear de mhuintir Mhacedonia 'n a sheasamh m'a choinneamh, ag aslachadh air tighinn 'g an cuideachadh. Ghabh Pol am bruadar no an sealladh so mar chombarradh gu'n robh an Spiorad 'g a ghairm do Mhacedonia, agus air ball rinn e suas iuntinn gu'n rachadh e ann.

Cha 'n aithne dhuinn mòran mu bheatha Lucais, ach a réir gach cunntais a fhuaras uime bha e 'n a dhuine maith. Bha gaol mòr aig Pol air, agus cha b' iongnadh ged a bha, oir bha Lucas cho dìleas do Phol ri cù d'a mhaighstir. *An léigh gràdhach*, sin mar a bhiodh Pol a' labhairt uime, agus tha cuid de sgoilearan an beachd gur e Lucas a bha ann an inntinn Phoil an uair a labhair e mu'n *bhràthair a tha a chliù 's an t-soisgeul air feadh nan eaglaisean uile.* (2 Cor. viii, 18.) Bha e 'n a chompanach aig Pol air dà thurus soisgeulach,

agus cha 'n e mhàin gu'n robh ùigh aige ann an aobhar an t-soisgeil ach choisrig e a bheatha agus a mhaoin gus an obair sin a chuideachadh. Cha 'n urrainnear a ràdh c'àite no ciamar a fhuair e eòlas na firinn, ach co dhìù cha 'n ' il Pol a' labhairt uime mar a mhac anns a' chehrdeamh, mar tha e a' labhairt mu Thimoteus agus mu Thitus.

An uair a bha Pol ann an Troas cha robh e idir gu maith. Bha a shùilean goirt. Air a thurus do Ghalatia fhuair e an-cothrom is sàruchadh a mhìil a bhodhig. Cha robh bodhig Phoil ro làidir air a feabhas, ach ma bha an fheòil anfhann bha an Spiorad toil-each, is thug Pol giullachd d'a chorp ann an seirbhis an t-soisgeil a mhilleadh corp samh-anaich. "Ghabhadh le slataibh orm tri uairean; chlachadh mi aon uair; dh' fhuiling mi long-bhriseadh tri uairean; là agus oidheche bha mi 's an dòimhne; ann an turusaibh gu minic, ann an gàbhadh aibhnichean, ann an cunnartaibh fhear-reubainn, ann an cunnartaibh o na Cinnich, ann an cunnartaibh 's an fhaige, ann an saothair agus sgìos, ann an acras agus tart, am fair-ibh gu minic, an trasgaibh gu minic, am fuachd agus an lomnochduidh." Cha 'n 'eil iongantais air bith ann gu'n do bhris air a shlàinte, agus gu'n robh e a' giùlan comh-arraidhean an Tighearn Iosa 'n a chorp. Tha e glé choltach gu'n do chuir Pol feum air dotair an uair a bha e ann an Troas, agus gu'm b'è an dotair a dh' amais e air fhaotainn, Lucas. Agus tha e glé choltach cuideachd gu'n robh Lucas air a tharruing gu mòr ri Pol cho luath 's a thachair iad air a chéile, agus gu'n do rinn e suas inntinn a dh' aon ruith nach robh dòigh eile ann anns am b' fheàrr a b' urrainn da aobhar an t-soisgeil a chuideachadh na Pol a leantuinn agus cùram a ghabhail d'a shlàinte air a thurus an soisgeulach. Co dhìu, is e sin a rinn e; dh' fhàg e Troas maille ri Pol, agus dh' fhan e maille ris gus an do chuir am bàs dealachadh eatorra. Anns an litir mu dheireadh a sgrìobh Pol, an uair a bha e 's a' phrìosan anns an Ròimh, agus binn a bhàis air bheul a bhì mach, thubhairt e, *Tha Lucas 'n a aonar maille rium.* Thréig Demas e, oir ghràdhaich e an saoghal, ach bha an lighiche gaolach dìleas gu bàs.

An déidh bàs Phoil chuir Lucas an òrdugh cunntas air fàs na h-eaglais, agus air beatha agus saothair an abstoil. Sgrìobh e mar an ceudna an soisgeul a tha air ainmeachadh air, air chor agus gu'n do thog e a charragh-

chuidhne féin le a pheann. Air dha a bhi marbh tha e fathast a' labhairt; tha a sgrìobhadh beò is cumhachdach.

Bha làmh aig moran dhaoine ann an sgrìobhadh an Tiomnaidh Nuaidh, ach bha barrachd de'n Tiomnadh Nuadh air a sgrìobhadh le Lucas na le duine air bith eile. Mar so tha mòran an crochadh r'a fhacal agus r'a fhianuis, oir is ann air an Tiomnadh Nuadh a tha an creideamh Criosduidh air a stéidheachadh. Ann an aon seadh is e Lucas an urrainn as fheàrr a tha againn mu bheatha agus mu theagasg Chrìosd, ged nach robh e 'n a shùil-fhianuis air na nithean a tha e ag aithris, agus is e an fhianuis as fheàrr a tha againn mu chraobh-sgaoil-eadh an t-soisgeil anns a' cheud linn. A thaobh ceud-thòiseacha na h-eaglais, tha iomadh rud glé dhorchadh fhathast, ach bhiodh a' h-uile rud ann an tiugh dhorchadas mur bitheadh gu'n do sgrìobh Lucas na leabhraichean a sgrìobh e. Na'n d' fhan e sàmhach bhiodh mòran de 'n t-saoibhreas a tha againn anns na Sgrìoburan air chall, agus cha bhiodh an fhianuis a tha air taobh a' chreidimh Chrìosduidh cho làidir 's a tha e. Mar so faodar a ràdh da rìreadh gur e Dia féin a chuir ann an cridhe Lucais a bhuadhan a chleachdadh anns an dòigh so, agus fios cinnteach a thoirt do na creidmich a thigeadh 'n a dhéidh air na nithean anns an deachaidh an teagasg.

Ach ciamar a fhuair Lucas eòlas air na nithean air a bheil e a' tighinn thairis anns na leabhraichean a sgrìobh e? Tha e furasda gu leòir a ràdh ciamar a b' aithne dha mu bheatha agus mu shaothair Phoil, oir bha e 'n a chompanach aig an abstol fad iomadh latha. Ach cha robh e riamh 'n a chompanach aig Iosa. Bha Iosa marbh mu'n tàinig Lucas gu ìre duine. Theagamh nach fhaca e Chrìosd riamh agus nach cual e e a' teagasg. Cha b'e Iudhach a bha ann, agus cha robh e air àireamh am measg nan abstol. Ciamar, ma ta, a fhuair e an fiosrachadh a bha aige mu cheud-thòiseacha a' chreidimh? Fhuair, ann an tomhas, bho Phol, agus bho 'n òigh Muire, agus bho chàirdean Iosa. Ged nach b' aithne dha Chrìosd ann an làithean fheòla b' aithne dha mòran dhaoine a bha maille ri Iosa ann an Galile, agus fhuair e eòlas cinnteach bhupasan air na nithean a tha e ag aithris dhuinne. Bha Lucas agus Mare còmhla anns an Roimh an uair a bha Marc, fo sheòladh Pheadair, a' cur an ordugh an leabhair a sgrìobh e féin, agus cha 'n 'eil teagamh nach d' fhuair Lucas iomadh seanchas fada a dheanamh ri Marc. An uair a bha e a' fuireach ann an Caesarea maille ri Pol ghabh e an cothrom

air dol do Nasaret a cheasnachadh dhaoine mu na nithean a chual iad bho Iosa agus na mìorbhuilean a chunnaic iad. Tha e glé choltach gur ann o Mhuire féin a fhuair e fios nan nithean dìomhair is domhain air an do labhair e ann an toiseach a shoisgeil, mu bhreith an t-Slànuigheir agus mu Ioseph agus mu Shacarias agus mu Elisabet. Faodaidh e bhith gu'n d' fhàg Muire 'n a déidh cuntas "air na nithean a thaisg i 'n a cridhe," agus gu'm faca a càirdean iomchuidh an cuntas sin a chur ann an làmhan an lighiche ghaolaich an uair a thòisich e air a shoisgeul a sgrìobhadh. Cha b' urrainn daibh a chur ann an làmhan a b' fheàrr. Ach a thuilleadh air sin bha co-chruinneachadh de "Ghniomharan agus de bhriathran Chrìosd" air beulaobh Lucais an uair a sgrìobh e a leabhar féin, co-chruinneachadh nach 'eil an diugh a làthair ged a bheireadh sgoilearan an suilean air son aon sealladh dheth. An uair a bha Chrìosd air thalamh cha do sgrìobh e aon fhacal d'a theagasg, agus cha mhò a sgrìobh na h-abstoil e. Am feadh 's a bha e maille ri cha do smuainich iad riamh air sin a dheanamh, oir cha d' fhairich iad gu robh feum air. An déidh dha am fàgail bha a theagasg air a ghleiddheadh air chuidhne 'le beul-aithris na h-eaglais. Ach an uair a bha fear an déidh fir de na companaich a bha maille ris a' bàsachadh, agus àireamh na feadhnach a chual a theagasg le'n cluasan féin a' fàs beag chunnaic an eaglais gu'm feumadh i seòl air chor-eigin a ghabhail los cuimhne a chumail air a bheatha agus a theagasg agus eòlas cinnteach a thoirt do na deisciobuil òga a bha ag éirigh suas mu thimchioll an Maighstir. Rinneadh sin am feadh 's a bha na ceud chreidmich fhathast a làthair, ach cha 'n 'eil gin de na leabhraichean sin air faotainn an diugh. Ach faodaidh e bhith nach 'eil an call so cho mòr 's a shaoileas cuid de dhaoine, oir bha na seann duilleagan sin ann an làmhan Lucais agus ann an làmhan nan daoine eile a chuir r'a chéile na soisgeulan a tha againn anns an Tiomnadh Nuadh. Cha 'n 'eil teagamh nach tug Lucas agus càch asda na b' fhiach a thoirt asda.

Thubhairt diadhair àraidh nach 'eil leabhar eile anns an t-saoghal cho maiseach ri soisgeul Lucais, eadhon mar litreachas. Cha ruig mise a leas cur an aghaidh an fhacail sin, oir is e soisgeul Lucais leabhar as docha leam anns a' Bhiobull. Gheibh thu ann cluaintean glasa nach fhaigh thu ann an gin de chàch; cluaintean ciùin is sanhach anns an cluinn thu oran nan naomh agus nan ainglean. Cha 'n 'eil aon idir de na daoine a sgrìobh am Biobull a' cur uiread

MADAINN AGUS FEASGAR.

cudthrom air caomhalachd Chrìosd 's a tha Lucas a' deanamh, agus is e esan a mbhàin a dh' innis duinn trì no ceithir de na cosmhachdan 'as dlùithe a tha teachd ri eridhe na diadhaidheachd; cosmhachd an Pharasaich agus a' chis-mhaoir, cosmhachd an t-Samaritanaich chaoimh a rinn cobhair air an duine a bha air a leòn, agus cosmhachd a mhic eas-umhail a chaidh air seachran ann an dùthaich chéin. Bha Lucas e féin gu nàdurra 'n a dhuine caomh, blàth-chridheach; agus bha e mar an ceudna 'n a dhuine ionnsaichte aig an robh farsuingeachd inntinn nach robh aig na h-Iudhaich. Bha na h-Iudhaich daonnan cumhann 'n an inntinn, agus dhùraichdeadh iad Chrìosd a dheanamh cho cumhann riutha féin. Slàn-uirgear nan Iudhach a dheanamh dheth an àite Slàn-uirgear an t-saoghail. Ach cha robh an léigh gràdhach mar sin. Cha robh cumhannachd 'n a inntinn-san gu nàdurra, agus bha eadhon an inntinn nàdurra sin ann air a dùblachadh a thaobh farsuingeachd an uair a dh' oibrich gràs Dhe 'n a chridhe. A thuilleadh air sin bha e fad mòran bhliadhnanachan fo theagasg Phoil agus ann an companas Phoil, agus eha bu dùth do dheisciobuill no do chompanaich Phoil a bhí beag no cumhann, oir bha e féin cho mòr agus cho farsuing agus cho uasal 'n a inntinn, is chuir e seachad a' chuid a b' fheàrr d'a bheatha a' searmonachadh soisgeul nan saor ghràs do na cinnich, agus do dhaoine eile air an dùmadh na h-Iudhaich dorsan na h-eaglais.

Is e Lucas a chum air chuimhne na briathran a bu chaomhaile a labhair Chrìosd, agus air an aobhar sin tha fìor àileadh an t-soisgeil ri fhaireachadh anns a' h-uile sreath d'a labhair. Bha an soisgeul dha féin 'n a dheagh sgeul mhòr-aoibhneis, agus sin an cliù a bu mhaith leis a thoirt air an t-soisgeul do dhaoine eile. B'e coslas na diadhachd is mòralachd do-labhairt an ni sònruichte a chumhaic Eoin ann an Iosa, ach bha eridhe Lucais air a tharruing gu Iosa leis an truaicantachd agus a' chaomhalachd a bha ann.

Ach air a shon sin bha Eoin agus Lucas ag aoradh do'n aon Slàn-uirgear. Cha 'n e dà dhealbh a tha iad a' toirt duinn nach 'eil idir coltach ri chéile, ach da thaobh de 'n aon dealbh. Tha Chrìosd e féin na's mótha na gu'n gabh e tomhas. Cha chuairtich aon inntinn e gu bràth, agus cha 'n fhaic aon suil e ann an lànachd agus ann an iomlanachd a ghlòire. Tha leud is farsuingeachd is dòimhne ann an nàdur Chrìosd nach do rannsaich eadhon Eoin no Pol, agus nach rannsaich na naoimh gu siorruidh.

Bu mhaith leam anns an àireamh so cunn-tas goirid a thoirt air dà laoidh a tha freagarrach gu bhì air an seinn aig aoradh maidne agus aoradh feasgair. Tha e iomchuidh gu moladh daoine Dia anns a' mhad-uinn air son fois na h-oidhche, agus gu'n iarradh iad a bheannachd agus a stiùradh m' an tòisich iad air obair an latha, agus cha 'n urràinn iad sin a dheanamh ann am briathran as fheàrr na 'n t-òran maidne a rinn an t-Easbuig Tomas Ken.

O m' anam, dùisg, is leis a' ghréin,
Imich air sligh' do dhleasnais féin;
Mosgail o t' airtneul, 's taig le gràdh
An iobairt mhaidne do'n Ti as àird.

Gach cliù do Dhia a ghléidh mi slàn,
'S a dh' ùraich mi le fois is tàmh;
Deònaich o'n ùir 'n uair dh' éireas mi
Beatha gun chrìch an rìogh'chd na sìth.

Dh' iocainn as ùr mo bhòid dhuit féin:
Fuadaich mo chionnt mar dhrùchd roimh
'n ghréin;

Mo smuaintean stiùir is gléidh-mo chridh,
'S le d' làithreachd féin, O, sàsuich mi.

Na labhras mi 's na thig am bheachd,
Stiùir thus' an diugh an géill do d' reachd,
'S gu'n tugainn dhuit-sa, mar is còir,
Le m' thoil 's le m' chridhe cliù is glòir.

Thugaibh cliù do Dhia na glòir,
Thugaibh cliù dha uile shlòigh,
Mòlaibh air nèamh, O aingle caomh
An t-Athair, an Mac, 's an Spiorad Naomh.

Tha còrr agus dà cheud bliadhna bho chaochail an duine maith a sgrìobh an laoidh so. Bha e 'n a shearmonaiche glé ainmeil 'n a linn; sgrìobh e mòran leabhraichean agus ghluilain e teas is uallach an latha anns an eaglais Shasunnaich anns na làithean dorcha ud anns nach robh mòran eud no beatha no diadhaidheachd innte, ach ged nach cluinnear an diugh an t-iomradh as lugha air na leabhraichean a sgrìobh e, no air na h-oibrichean eile a rinn e, tha an laoidh bheag so a' cunnail ainme agus a chuimhne beò. Tha neo-bhàsmhorachd aig na bàird nach 'eil aig daoine eile.

Rinn Tomas Ken an laoidh so air son té de na sgoilean-mòra a tha ann an Sasunn, is bha i air a sgrìobhadh air ballachan an t-seomair anns am biodh na balaich a' cadal. Cha ruig mi a leas eachdraidh a bheatha innseadh air an duilleig so, ach tha aon ni sònruichte a bu mhaith leam innseadh dhuibh uime, a chionn gu bheil e a'

nochdadh gu soilleir ciod an seòrsa duine a bha ann. Bha e cho neo-eisìonaileach 's a bha e diadhaidh. Ged a bha taobh aig an teaghlach rìoghail ris airson géiread a bhudhan agus cumhachd a shearmonachaidh, cha b' urrainn do'n rìgh no do'n chùirt a bheul a dhùnadh, no stad a chur air ann an togaill fianuis an aghaidh aingidheachd spioradail ann an ionadaibh àrda. An uair a chaidh an rìgh air thurus gu Winchester chuir e fios gu Tomas Ken gu'n rachadh e air aoigheachd d'a thigh, ach an uair a chual an duine beusach gu'n robh an rìgh a' toirt leis caileag bheag-narach nach bu bhean dha gu bhì còmhla ris, thubhairt e ris an rìgh sùil mu'n t-sròin nach faodadh e a' bhiasd a thoirt a steach d'a thigh-san. Cha do chòrd an t-achmhasan ud ris an rìgh aig an àm, ach an déidh làimhe, an uair a bha Easbuig ùr ri bhì air a chur a steach ann am Bath, thubhairt e ris a' Chomhairle, "Thug-aibh an t-àite do'n fhear bheag nach leigeadh a steach Nell." An uair a bha an rìgh air leabaich a bhàis b'e Tomas Ken am ministear a bha air iarraidh gu bhì 'g a ullachadh air son a' bhàis.

Am measg nan laoidhean feasgair cha 'n 'eil mòran laoidhean as taitnìche na'n té so:

A Shlàn'gheir ghràidh mo ghrian is tu!
Cha 'n oidheche ach là 'n uair bhios tu dlùth;
Na h-éireadh neula, talmhaidh, dùmh'l,
'Ga fhalach mach o bheachd mo shùl.

'N uair thuiteas dealt a chadail chiùin,
'S gu séimh mo rosgan sgìth gu'n dhùin,
Laigheam le sòlas làn de'n smuain,
Gu bràth bhì sìnt' air uchd an Uain!

Fan leam o mhoeh gu laighe gréin!
Cha bhì mi beò as d' eugmhais féin;
Fan leam 'n uair bhios an oidheche fàs
As d' eugmhais, O na faigheam bàs.

Aon leanabh seachrain, bochd an diugh,
Ma chuir, le tàrcuis, cùl ri d' ghuth,
'Naanam tòisich obair ghràis,
'G a dhùsgadh o chlos peacaidh 's bàis.

An t-euslan fair; air bochd dean fòir,
Le beannachdan neo-ghann do stòir,
Biodh cadal luchd a' bhròin a nochd
Mar chadal naoidhein shéimh gun lochd.

Bi leinn 'n uair dh' fhosgla sinn ar sùil,
Troimh 'n t-saogh'l bi féin dhuinn ad fhear-
iùil.

Gus ann an cuan gun chrìch do ghràidh
Am faighear sinn an Rìogh'chd an Aigh.

Cha robh ministear riamh anns an eaglais Shasunnaich, no ann an eaglais air bith eile, a bu choltaiche ris na h-abstoil na Iain Keble, ùghdar na laoidh so. Rugadh e ann

an teaghlach diadhaidh, is choisrig a phàr-
autan e do sheirbhìs an Tighearna mar
leanabh. Thug e bàrr air a cho-aisean uile
ann am foghlum, air chor agus gu'n deach-
aidh eilù a bhudhan air feadh na tìre uile
m' an gann a thàinig e gu ìre duine. An
uair a bha e trì bliadhna fichead chuireadh
air leth e gu dreuchd na ministrealachd,
agus fad leth-cheud bliadhna bha e 'na
sholus dealrach anns an eaglais. Ach thach-
air dhasan cuideachd mar a thachair do
Thomas Ken; cha 'n e an obair a rinn e mar
shearmonaiche a tha cumail ainm air
chuimhne ach a' bhàrdachd Spioradail a
rinn e.

An uair a bha Keble 'n a dhuine òg bha
an eaglais Shasunnach ann an droch staid.
Bha an sluagh gun sgoil, is bha a' chuid
mhòr de na ministearan gun eud. B' fheàrr
leò a bhì ruith a' mhadaidh-ruaidh agus a
bhì tilgeadh nan ceacan-tomain na bhì a'
teagasg anns a' chrannaig. Ach cha robh
Keble mar sin. Bha a chridhe-san air a lìon-
adh le eud diadhaidh. Chuir e roimhe gu'm
feuchadh e ri cùisean a leasachadh, agus
chruinnich e mu'n cuairt air daoine òga a
bha de'n cheart inntinn ris féin. Bha buaidh
anabarrach aige thairis air gillean òga, agus
chuir e sìol 'n an inntinnean a thug a mach
toradh mòr eadhon 'n a latha féin, agus a
tha toirt a mach toraidh fhathast. Their
cuid de dhaoine nach 'eil an toradh sin a
chum buannachd air bith do'n eaglais, agus
nach do rinn an luchd-leanmhuinn aig Keble
ach cleachdannan a chur air chois anns an
eaglais Shasunnaich nach buin do'n chreid-
eamh Phròstanach. Ach co dhiu a tha na
cleachdannan sin Pròstanach no Papanach,
dhùisg na daoine ud eud is beatha anns an
eaglais air an robh i feumail.

Cha b'e neart a bhudhan, ged a
bha a bhudhan àrd, a tharruing gu
Keble meas agus gràdh dhaoine, ach a
dhùiseachd is naomhachd a bheatha. Bha a
bheatha a ghnàth folaichte maille ri Criosd
ann an Dia. 'N a dhol a mach agus 'n a
theachd a steach bha e a' gluasad maille ri
Dia. Ged a rinn cuid de na beachdan a bha
e a' teagasg troimh-chéile anns an eaglais,
bha e gu nàdurra 'n a dhuine ciùin iriosal,
gaolach air sìth. Bha na ceudan agus na
miltean ann an Sasunn a' sealltuinn ris mar
an athair a thaobh nithean spioradail, agus
bhiodh iad ag iarraidh a chomhairle agus a
bheannachd gun sgar, ach air a shon sin
cha robh barail mhòr aig Keble air fhéin,
oir bha e air a sgeadachadh le irioslachd
nan naomh mar le falluinn. Chaochail e bho
chionn trì fichead bliadhna, ach tha a ghruth
fhathast ann an cluasan a luchd-dùthcha.



HELIOTROPIUM.

Na bi mo thoil-sa ach do thoil-sa gu robh deanta. Lucas xxvii, 42.

An cuala tu iomradh riamh, a leughadair, air duine d' am b'ainm Drexelius? Theagamh nach cuala, ach air a shon sin bha a leithid de dhuine ann, agus sgrìobh e ann an Laidionn leabhar beag cùbhradh a bha air a chur a mach fo'n ainm, *Heliotropium*. Tha an t-ainm bòidheach agus ireagarrach, oir tha am facal *Heliotropium* air a dheanamh suas de dhà fhacal Ghréigis a tha ciallachadh *tionndadh ris a ghréin*. Tha flùr ann ris an abrar, *Heliotropium* no *griann-ròs*; faodar a ràdh gur e sin ainm nàdurra nan lusan gu léir, oir tha na flùraichean daonnan a' tionndadh ris a' ghréin.

Cha 'n aithne dhomhsa dad mu'n duine so ach a mhàin ainm, ach tha e furasda gu leòir a thuigsinn o'n leabhar gu robh a chridhe féin a' tionndadh ri Dia mar a thionndas na flùraichean ris a ghréin. Is e toiseach is meadhon is deireadh a sheanchais, gu bheil sonas mhic an duine r'a fhaotainn ann an umhlachd iomlan do Dhia. Cha bhi òmhaigh Dhé anns an duine gu bràth air a' deanamh glan is soilleir mar a bha i ann an làithean a neo-chiontais gus an lùb e a thoil gu buileach do thoil Dhé.

An raoir fhéin thug mise greis a' leughadh an leabhair bhig so, ach air eagal 's gu'n saoil thusa, a leughadair, gu bheil mi na's coimhlionta ann an Laidionn na tha mi ann an da rìreadh bu mhaith leam a ràdh nach ann an Laidionn idir a bha mi 'g a leughadh ach anns a' Bheurla Shasunnaich. Tha a' Bheurla coltach ris na daoine làidir a tha 'g a bruidhinn; tha i a' sealbhachadh gach ni as fheàrr air an talamh mar oigh-reachd. Gheibh thu an diugh' ann am Beurla saoihbreas nan linntean uile, agus a dh' aindeoin ciod a bhios sgoilearan ag ràdh cha chaillear a' bheag de na tha ann an leabhraichean Laidionn no Gréigis an uair a thionndar iad gu Beurla. Is e sin, ma's aithne do'n duine a rinn an obair a ghnòthuch.

An uair a bha mise a' leughadh Dhrexelius an raoir thàinig e 'n am inntinn gu'm bu mhaith leam leigeil leatsa, a leughadair, a ghuth ciùin a chluinntinn, oir tha e chum buannachd dhuinn daonnan éisdeachd ri duine air bith aig a bheil sìth Dhé 'n a chridhe féin, agus a labhras ruinn ann an guth réidh Ìosal mu na nithean anns a bheil

ar sonas r'a fhaotainn, agus mu na nithean cuideachd a tha seasamh eadaruinn agus Dia. Cha 'n ann ann an straihlich an t-saoghail, no bho dhaoine a bhios a' glodh-aich àird an cinn air na sràidean, a gheibhear an gliocas a ta o shuas; tha an gliocas sin daonnan a' labhairt le guth caol ciùin ann an ionadan sàmhach is dìomhair; ri taobh aibhnichean réidh is foisneachail.

"Ciod is còir dhomh a dheanamh? Gràdh-aich an Tighearna do Dhia le t' uile chridhe, agus le t' uile anam, agus le t' uile inntinn. Is i so a' cheud àithne agus an àithne mhòr. Gun ghràdh cha 'n urrainn duit gu bràth do thoil féin a lùbadh ri toil Dhé. Ma tha do thoil-sa agus toil Dhé an aghaidh a chèile cha 'n urrainn an dàimh dhlùth a bhi eadar thu féin agus Dia a bu chòir a bhi eadar athair agus aon d'a chloinn. Ciod air bith a bhios 'g ad tharruing air falbh o Dhia, tha sin an aghaidh toil Dhé; agus ciod air bith a bhios 'g ad tharruing dlùth do Dhia, tha sin a réir a thoile. Oir is i-so toil Dhe, eadhon bhur naomhachadh. Ma dh' fheumas tu a ràdh, ma ta, mu rud air bith, mu obair no mu chleachdadh air bith, Tha so 'g am tharruing air falbh o Dhia bi cinnteach nach 'eil an obair no an cleachdadh sin a réir toil Dhé. An uair a bhios tu ann an teagamh co dhiu a tha no nach 'eil ni air bith a réir toil Dhe iarr comhairle bho do chridhe féin. Innsidh a chridhe féin do dhuine barrachd na dh' innsear dha le seachdnar de luchd-faire 'n an suidhe ann an tùr àrd. Os cionn nan uile nithean dean t'ùrnuigh ri Dia, agus treòraichidh e thu le fhrìnn. Ach cuimhnich nach foidsich Dia a thoil do dhuine air bith ach a mhàin do'n duine a tha feuchainn gu dùrachdach r'a thoil a dheanamh. Gheibh thu aithne air toil an Tighearna ann a bhi deanamh a thoile.

Tha fhios agam gu maith cheana gur e toil Dhe d' am thaobh gu'm bithinn iriosal, is faighidinneach, is macanta; gu'm bithinn a' tighinn beò 'n a eagal agus dileas 'n a sheirbhis; gu'm bithinn ann an sìth ri mo choimhearsnaich agus caoimhneil is càirdeil ri mo cho-chreutairean uile. Cuidich leam a Dhé fantuinn anns an t-solus a tha agam.

Anns an uair a bu deuchainnaiche 'n a bheatha thubhairt Ìosa, "Athair ma's e do thoil e, cuir an cupan so seachad orm; gidheadh na bi mo thoil-sa ach do thoil-sa gu robh deanta." Cha 'n urrainn duine ùrnuigh as fheàrr a dheanamh na gu'm biodh

toil Dhé air a deanamh ann féin agus leis féin, ach cha 'n urrainn duine air bith sin iarraidh ann an da rìreadh ach duine a tha creidsinn gu bheil Dia ag òrduchadh nan uile nithean a chum leas a chloinne. Cha 'n éirich ole do'n fhrean, oir 'n a uile àmh-garan tha comhfhurtachd Dhé an taobh-a-stigh dheth a' toirt sòlas d'a anam.

B' àbhaist do dhuine diadhaidh a bhi ag ràdh, "An ni a bu mhaith leat a bhith, sin an ni a tha thu." Tha a leithid de chumhachd ann an toil duine an uair a tha an toil sin aonaichte ri toil Dhé, 's gu'n téid aige air rud air bith a tha e ag iarraidh gu dùrachdach fhaotainn. Ma tha iarrrus ceart aig duine air a bhi naomh, no ciùin, no gràdhach, fàsaidh e mar a mhiann. Is e na daoine d'an dean Dia càirdean daoine a tha miannachadh naomhachd air nach do ràinig iad fhathast.

Cha mhòr gu bheil aon duilleag anns a' Bhiobull air nach 'eil Dia a' gealltainn a chòmhnaidh, agus a ghràis, agus a sholuis, do dhaoine a tha ag earbsadh ann. Dh' ionnsaich Daibhidh an leasan so na b' fheàrr na daoine eile oir tha na sailm làn de'n teagasg so. "Bidh iadsan a dh' earbas as an Tighearna mar shliabh Shìoin, nach caraichear, ach a mhaireas gu sìorruidh." Bha cridhe mòr aig Daibhidh gu nàdurra, agus tha e na's fhias do dhaoine aig a bheil cridhe farsuing earbsa ann an Dia na tha e do dhaoine aig a bheil cridheachan beaga cumhann.

Bha diadhair ann uaireigin a bha ag iarraidh air Dia gun sgur ann an ùrnuigh an t-slighe a bu ghiorra gu nèamh a nochdadh dha. Là de na làithean chual e guth ag ràdh ris, "Rach gu dorus na h-eaglais agus chi thu an sin duine a bheir dhuit eòlas na slighe." Aig dorus na h-eaglais chunnaic e dìol-déirce truagh, gun stiall de'n aodach air, a chasan gun bhòrgan, agus fheòil làn chreuchdan. "Gu'n gleidheadh Dia thu agus gu'n deanadh e tròcair ort," ar's an diadhair. "Tha tròcair an Tighearna mòr agus maith," ar's an duine, "cha chuimhne leam là nach do mheal mi a chaoimhneas." "Tha mi a' faicinn," ar's an diadhair, "gu bheil inntinn shona agad; gu'n tugadh Dia dhuit miann do chridhe." "Tha mise," ar's an dìol-déirce, "làn thoilichte le mo staid; is e mo shonas nach 'eil sonas a dhìth orm, agus cha ghoirtich mi-fhortan duine air bith ach an duine air a bheil eagal gu'm bi e air a ghortachadh. Ciamar nach bithinn sona agus cothrom agam air Dia a mholadh. Ma thig acras orm, no fuachd, no droch shìd, tha mi a' moladh an Tighearna, oir is ann bho Dhia a tha na h-uile nithean a' teachd, agus ciod air bith a thig 'o Dhia

tha e ceart. Co dhiu a tha a fhreasdal searbh no mìlis tha mi a' gabhail ris mar thiodhlac bho làmh m'Athar, agus cha 'n iarr mi ach an ni a tha Dia a' toirt domh. Mar so tha na h-uile nithean a' tachairt mar is àill leam."

"A bheil thu da rìreadh a' ciallachadh," ar's an diadhair, "an rud a tha thu ag ràdh; an abradh tu sin na'n tilgeadh Dia do ifreann thu?"

"Na'm b'e toil Dhe," ar's an dìol-déirce, "mise a chur do ifreann bheirinn e do ifreann còmhla riom, agus an sin chailleadh ifreann eagal agus uamhas. B' fheàrr do dhuine a bhi ann an ifreann le Dia na bhi ann an nèamh as eugmhais."

Chuir briathran an duine iongantais air an diadhair, agus smuainich e ann féin gu'n b'e an t-slighe a bu ghiorra gu nèamh, an gràdh so a bhi aige do Dhia agus an ùmh-lachd so d'a thoil. Thuirt e ris féin, Is e leithidean an duine so a bha aig Crìosd anns an t-sealladh an uair a thubhairt e, Tha mi a' toirt buidheachais dhuit, O Athair, a chionn gu'n d' fhoillsich thu na nithean sin do leanaban, agus gu'n d' fholaich thu iad o dhaoine eagnaidh.

An uair a tha toil duine air a lùbadh ri toil Dhé cho iomlan 's nach bi ùrnuigh eile 'n a chridhe ach, 'Cha 'n e mo thoil-sa ach do thoil-sa gu robh deanta, tha flùr a fas 'n a chridhe a tha na's bòidhebe na eadhon an t-ainm a thugadh air—*Heliotropium*.

ANNS A CHATHAIR.

Bho chionn ghoird chuir caraid còir a bhios a' leughadh nan duilleagan so *Searmoin le Tomas Chalmers* thugam. Theagam gu robh e an dùil gu robh mi air fàs tioram agus feumach air ùileadh a chuirinn ann am lòchran, ach ged is tric a tha mo lòchran-sa gu maith fann le cion ùilidh, tha eagal orm gu robh cho mhaith dhomh steall de uisge fuar a chur ann ris an stuth neònach a gheibhear anns na searmoin aig Tomas Chalmers. Tha cuid de dhaoine ann a tha coltach ri Abel; ged tha iad marbh tha iad fathast a' labhairt. Ach cha 'n ann de na daoine sin a tha Tomas Chalmers; tha an t-Ollamh mòr mòr sin an diugh cho òrbh ris a' bhalbhan féin. Cha 'n 'eil diog aige r'a ràdh ris a' ghineil so.

Bha Chalmers air a chunntas mar phrionnsa am measg shearmonaichean 'n a latha féin; bha e a' seasamh a mach os cionn shearmonaichean eile mar Bheinn Nibheis an measg nam beann. Lionadh e eaglaisean a bha air a falmhachadh le daoine eile. Lionadh e iad ann an Lunnainn cho mhaith

's a lionadh e iad ann an Duneideann no ann an Glaschu; cha robh àite an rachadh e nach robh an saoghal uile a' dol as a dhéidh. Agus theireadh a h-uile duine a chuala riamh e nach cualas a leithid bhò linn Chrysostom.

Bha e 'n a dhuine mòr agus 'n a dhuine maith; cumhachdach 'n a bhreithneachadh agus 'n a bhriathran; ach air a shon sin dh'fhàirtlich e orm-sa gu buileach na searmoin aige a leughadh. Theagamh gu'n abair thusa, a leughadair, gur ann annau fhéin a tha an fhàilg agus nach fhaigheadh daoine eile na leabhraichean aige cho tioram 's a tha mise 'g am faotainn. Ach tha mi glé chinnteach, na'n seasainn ann an crann-aig air bith an Albainn agus na'n leughainn ann an éisdeachd a' choimhthionail fear de shearmoin Chalmers o thoiseach gu deireadh, gu'm biodh an dara leth dhiubh 'n an cadal agus an leth eile a' chluinntinn gun bhì ag éisdeachd. Ciod an t-aobhar gu bheil briathran a bha aon uair beò is cumhachdach a nis marbh?

A dh' aon ni, tha fasain ann an searmoinachadh cho mhaith 's a tha iad ann an gnothuichean eile, agus tha na fasain ag atharrachadh. An dràsd 's a rithist tachraidh searmonaichean oirnn nach buin do linn seach linn; leithid Newman no F. W. Robertson; daoine a tha cho furasd an tuigsinn an diugh 's a bha iad an dé a chionn gu bheil iad ag éirigh os cionn fasain tim, agus gu bheil ealainn aca air ar sùilean fhosgladh a chum 's gu'm faic sinn na nith-ean sin a tha iad féin a' faicinn cho soilleir. A thaobh nithean spioradail cha 'n 'eil a' mhòr-chuideachd de shearmonaichean ach a' faicinn gu dorch a tre ghloine, agus cuid nach 'eil a' faicinn idir; ach bha sùilean aig Newman agus aig F. W. Robertson cho geur ri sùilean iolaire air chor agus gu robh iad a' faicinn agus a' tuigsinn dìomhaireachd an dà shaoghail, an saoghal a ta làthair agus an saoghal neo-fhaicsinneach. An uair a leughas mi na leabhraichean aca tha mi a' faireachduinn gu'm bu daoine iad anns an robh mìle sùil, agus mìle coinneal 'n an làmh a' dealradh thairis air raon far-suing na firinn, ach ged a leugh mi cuid de shearmoin agus de oibrichean eile an Ollaimh Tomas Chalmers cha d' fhàirich mi riamh gu robh barrachd air dà shùil ann, agus air uairean tha amharus agam nach robh ann ach leth-shùil. Cha 'n urrainn mi a ràdh le firinn gu'n d' fhosgail e riamh geatachan dhomh a steach do chluaintean a b' fhiach ionaltradh a dheanamh annta, no gu'n do chuir e iuchair 'n an làmh leis am fosglainn dorsan air mo shon féin. Sgrìobh e dlùth air dà fhichead leabhar, ach ged a chithinn

iad uile air an tairgsinn air son ochd sgillinn deug air bara air an t-sràid cha tugainn dhachaidh iad, oir tha fhios agam nach leughainn fear dhiubh gu bràth. An àm a' chogaidh thug mi còig no sé dhiubh do Chomunn na Crois Dheirg am measg làn cartach de sheann leabhraichean eile a thug mi dhaibh air son fùdar is luaithe a dheanamh. Cha 'n 'eil fhios agam-sa ciod na h-innleachdan a chleachd muintir an airm gus uidheam gunnaireachd a dheanamh de leabhraichean dhiaidhairean, ach co dhù bha mi an dùil nach b' urrainn mi Gearmailteach no dhà a chur as an rathad ann an dòigh a bu fhreagarraiche na le searmoin Chalmers a bhuailadh orra anns a' cheann.

Tha e air uairean duilich a thuigsinn ciamar a fhuair searmonaichean sònruichte an t-àite a fhuair iad 'n an linn féin, agus na searmoin aca air cho bheag blas dhuinne. Cò an diugh a rachadh fad a bhròige a dh' éisdeachd leithid nan searmoin a bhiodh an t-Ollamh Eoghan Blair a' toirt do mhaith-ean na dùthcha ann an Eaglais Ard Dhun-éidinn mu'n bhliadhna 1770? Saoilidh sinne nach 'eil annta ach gaoth is fuaim na gaoithe, ach chòrd iad cho mhaith ri Rìgh Deòrsa 's gu'n tug e dha pension air an son, dà cheud not anns a' bhliadhna cho fad agus a bu bheò e. Theagamh nach 'eil rìghrean 'n am breitheamhna cothromach air searmoin, oir tha e air a ràdh nach tric leò an fhìrinn a chluinntinn, ach mur gabh thu fianuis Rìgh Deòrsa III., tha fianuis as fheàrr againn air a' chùis, fianuis an Ollaimh Mhic Iain, duine cho glic agus cho diadhaidh 's a bha riamh air thalamh. Mhol an t-Ollamh Mac Iain searmoin Bhlaire an uair a bha iad air an cur a mach ann an leabhar, ged nach robh e am bitheantas deas gu muintir Albainn a mholadh, agus ged a bha e gu maith làidir an aghaidh na h-eaglais Chléirich, cho làidir 's nach deachaidh e riamh a steach innte. A h-uile Sàbaid bhiodh an eaglais aig an Urramach Eoghan Blair, D.D., làn; làn de na daoine a b' ionnsaichte ann an Dunéideann; bha iad a' saòilsinn nach robh searmonaiche cho ciatach ris anns an dùth-aich, agus cha 'n e mhàin gu robh iad 'g a chunntas taitneach r'a chluinntinn ach bha iad 'g a chunntas taitneach r'a leughadh, oir cheannaich iad a shearmoin an uair a chuir e a mach iad. Sheall mise uair-eigin thairis air dhà no trì de shearmoin Bhlaire ach cha 'n fhaca mi dad annta ach am moll tioram agus cha chuala mi cagar no cainnt annta ach fuaim na gaoithe. Air uairean bidh amharus beag a' tighinn am inntinn nach 'eil searmoin Bhlaire cho gaothar fal-amh 's a tha mise an dùil, oir fhuair iad fabhar ann an sùilean duine air an robh

gaol agam, agus a bha de'n aon intinn riom ann an iomadh rud, an t-Ollamh Tomas Sinton nach maireann. Bha meas mòr aige-san air searmoin Bhlairst.

Ann an aon dòigh bha uiread astair eadar Blair agus Chalmers 's a tha eadar an àird an Ear agus an àird an Iar, ach ann an dòigh eile bha iad glé choltach r'a chèile, oir bha e mar fhasan aca, an uair a bhiodh iad a' searmonachadh, a bhi dol mu thim-chioll a' chuspair air am biodh iad a' labhairt air an taobh a muigh; a' cuairteachadh ballachan Shìoin an àite a bhi dol a steach d'a seòmraichean. Theagamb nach 'eil mi a' cur so cho soilleir 's a bu mhaith leam, ach is e a tha mi a' ciallachadh nach fhaigh thu uair air bith a' bheag d'am fiosrachadh féin ann an searmoin Bhlairst no ann an searmoin Chalmers. Tha iad daonnan fada air falbh; bheir iad dhuit beachdan geur, is teagasg fallan, is dearbhaidhean làidir air firinn an t-soisgeul, ach cha chluinn thu uair air bith bhuapa na nithean aoibhneach is iongantach a chual iad le'n cluasan féin ann an ionad dìomhair an Tì as àirde. Sin an searmonaiche as fheàrr leam fhéin; duine a dhi chuimhniceas gu bheil e a' searmonachadh idir agus a bhruidhneas mar gu'm biodh e a' bruidhinn ri aon duine aig taobh an teine, agus a leigeas fhaicinn dhomh an dràs 's a rithist lorgan an Spioraid 'n a bheatha agus 'n a fhiosrachadh féin. An uair a sheasadh Tomas Chalmers anns a' chrannaig cha b' ann a dheanamh a dhiùrais no fhaoisid a sheasadh e innte ach a *shearmonachadh*, agus an uair a thòisich-eadh e air searmonachadh dh' fhaodadh tu bhi cinnteach gu'n togadh e lùchairt mhòr dhìomhailta, a h-uile clach 'n a h-àite fhéin anns a' bhalla, uinneagan is dorsan mar bu chòir daibh, an ceann cho dìonach 's nach tigeadh snighe gu bràth ann, agus an stéidh cho seasmhach 's nach cairicheadh stoirm i, ach fad na h-ùine bha an tigh falamh. *Agus air cho briagh agus 'g am bì tigh, is e an rud as fheàrr ann, na daoine a tha 'n a bhroinn.* B' fheàrr leam am bothan beag bochd agus daoine beò ann na ballachan briagha agus iad falamh. Theagamb gu bheil an samhlaidh so rud beag cam is tuathal; nach 'eil e cho snasmhor ris na ballachan a bhiodh Chalmers agus Blair a' togail, ach tuigidh tu fhéin, a leughadair, ciod a tha mi a' ciallachadh, gun mi a thilleadh ris 'g a dheanamh dìreach. Tha dà sheòrsa shearmonaichean ann; aon seòrsa a tha daonnan a' fantuinn an taobh a muigh de'n teampull, ag innseadh a mhaise agus eachdraidh, agus ag àireamh uinneagan agus a thùir; agus seòrsa eile a bhios daonn-

an 'g ad thoirt a steach ann, a leigil fhaicinn dhuit rud bòidheach is iongantach an sid agus an so, eadar cùirteinean an doruis agus an t-ionad ro-naomh.

Bho chionn bhliadhnanach dh' fharraid seana mhinistear dhiom an cuala mi riamh an t-Ollamh Iain Caird a bha ann an Oilthigh Ghlaschu a' searmonachadh. Thuirt mi ris nach cuala. "O, a laochain," arsa esan, "théid thu do'n uaigh gun an labhairt as glòrmoire a chluinntinn." A réir gach cunntais a gheibhear o dhaoine a shuidh ann an éisdeachd Chaird bha e 'n a òraidaiche drùidhteach. Bha solus 'n a inn-tinn, is faireachadh 'n a chridhe, is deas-chainnt 'n a bheul, ach cò an diugh a leughas searmoin Chaird? Tha iad cho marbh ri feadhainn Chalmers. Tha mi an dùil gur e òraidaiche am facal ceart a thaobh nan daoine so, agus nach e searmonaiche, oir is ann le cumhachd an labhairt a bha iad a' tarraing aire dhaoine agus a' ciosnachadh an luchd-éisdeachd agus cha b' ann le cumhachd na firinn a bha iad a' teagasg. Cha bu mhaith leam a ràdh nach 'eil feum air òraidaichean anns an eaglais, ach tha feum aig òraidaichean daonnan air tomhas as motha de'n ghràs agus de'n ghliocas a ta o shuas na tha Dia a' toirt do mhinistearan eile air eagal gu'n saoil iad gu'n téid aca féin air nithean a dheanamh nach gabh deanamh ach leis an Spiorad Naomh.

Ged nach biodh dad an aghaidh searmoin Chalmers ach am fad, bu leòir an dìteadh sin orra an diugh an measg gineal ole is fhiar a bhios ag éisdeachd na firinn agus an t-uaireadair 'n an làimh. Ach cha dìteadh sin iad ann am shùilean-sa, oir is toigh leam fad is leud is dòimhneachd gu leòir a bhi ann an searmon. Ach tha fasan an là diugh calg-dhireach an aghaidh sin. Bhiodh an duine gasda nach maireann, Tormoid MacLeòid a bha ann an Ionarnis, a' toirt seachad searmoin gu maith fada (mur a b' fhaide searmoin Thormoid is ann a b' fheàrr iad, oir cleas nan longan mòra dh' fheumadh e farsuingeachd fhaotainn) ach ged a bha fhios aige gu'm biodh cuid de'n choimhthional a' gearan lean e air a dhòigh fhéin. Saoidh mi gu bheil mi a' cluinntinn fhathast am mothar a thug e as an uair a thuirt peasan beag ris gu robh e an dùil nach bu chòir do shearmon air bith a bhi na b' fhaide na còig mionaidean deug. "*A réir m' fhiosrachaidh-sa,*" arsa Tormoid, ann an guth a dh' fhaodadh eagal a' bhreitheanais a chur air a' pheasan, "*tha na daoine a tha ag iarraidh searmoin ghoirid am bitheantas air bheagan tìr, agus daonnan air bheagan diadhaidheachd.*"



ANNs A CHATHAIR.

Air an t-seachduin so chaidh bha mi ann an Cardiff, còmhla ri ministearan eile a chuir Ard-Sheanadh na h-eaglais againn ann, aig cruinneachadh mòr a bha aig na h-eaglaisean Cléireachail air feadh an t-saoghail uile, agus bu mhaith leam innseadh do mhuintir na h-eaglais anns a' Ghàidhealtachd mu'n chruinneachadh so a bha againn. Tha an Ard-Chomhairle so, no mar theirear anns a' Bheurla, am Pan-Presbyterian Alliance, a' coinneachadh uair anns na ceithir bliadhna, is bidh an ath choinneamh ann an Winnipeg ann an Canada. Tha leth-cheud bliadhna bho na chuireadh an Comunn so air chois, air chor agus gu'm b'e so bliadhna na Iubilee aige.

Is e a' chrìoch àraidh a bha 's an t-sealladh aig na diadhairean a chuir air chois e na h-eaglaisean Cléireachail a tha air an sgapadh air feadh an t-saoghail a tharruing r'a chéile a chum 's gu'n cuireadh iad an comhairle r'a chéile bho àm gu àm mu nithean a bhuineas dhaibh air fad, agus a chum 's gu'm biodh spiorad an aonaidh agus a' bhràithreachais air a neartachadh anna.

Tha mòran dhaoine an dùil nach 'eil anns an eaglais Chléirich ach buidheann beag suarach an coimeas ri eaglaisean eile, ach is e an fhrìnn gu bheil an eaglais Chléirich cho coitcheinn ris an eaglais Phàpanaich fhéin, anns an t-seadh gu'm faighear i anns gach ceàrn de'n t-saoghal. Tha an eaglais Ath-leasaichte air a roinn 'na trì meuran mòra; an eaglais Lutheranach, an eaglais Shasunnach, agus an eaglais Chléirich; agus dhiubh sin is e an eaglais Chléirich is motha.

Bha diadhairean is ministearan á còig chòigeamh an dombain ann an Cardiff; bha iad ann as an Asia, as an Afric, agus á America; bha iad as a' Ghearmailt, as an Fhraing, as an Olaint, á Lochlann, á Canada, agus á California. Chluinneadh tu uiread chàinainnean ann 's a bha ri chluinntinn ann an Ierusalem air là na Caingis, agus ged a bha na h-Americanach a' labhairt Beurla bha cuid dhiubh cho duilich leam a thuigsinn 's ged a bhiodh iad a' labhairt Eabhra. Aon de na maduinnean a bha sinn cruinn dh' aithris sinn anns an aoradh mhaidne ùrnuigh an Tighearna, a h-uile duine 'n a chainnt mhàthareil fhéin. Chuir mise suas m' ùrnuigh ann an Gàidhlig. Latha de na bha mi ann an Cardiff bha Dùitseach air an

dara taobh dhìom—Ollamh ionnsaichte a tha teagasg eachdraidh ann an Oilthigh Leyden anns an Olaint—, agus air an taobh eile bha aodhair a bhuineadh do'n eaglais Ath-leasaichte ann an Czecho-Slovakia. Chaidh agam fhéin agus aig an Dùitseach air seanchas gu leòir a dheanamh r'a chéile, ach cha robh e furasda seanchas a dheanamh ris an fhear eile. B'e Laidionn a ghabh sinn mu dheireadh, agus a dh' innseadh na firinn, chuireadh ar Laidionn gràin air na coin fhéin.

B'e an t-Urramach Iain Mac Naugher, D.D., LL.D., á Pittsburg ann an America a bha anns a' chathair, agus b'e an t-Urramach Anndra Gyorgy, á Budapest, am fear a bu shine a bha làthair. Bha e aig a' cheud choinneamh a bha rianh ann de'n t-seòrsa. Le sealltuinn air shaoileadh tu gur e seana chroitair á Tiriodh na á Uidhis a bha ann, air neo iasgair ghìomach; ach bha iad ag ràdh rium gu robh e 'n a dhuine mòr 'n a dhùthaich fhéin. An là a labhair e beagan fhacal ruinn ann am Beurla dh' éirich an Seanadh uile, agus dh' fhan iad 'n an seasamh cho fhad agus a bha e a' bruidhinn, a' toirt urram na h-aoise do'n t-seann duine dhìadhaidh.

Bha iomadh cùis is cuspair air beulaibh nan seanairean a bha cruinn ann an Cardiff, ach bha aon rud sònruichte a thog cuid mhaith de bhruidhinn agus de argumaid taobh air taobh, *Am biodh e comasach no freagarrach creud ùr a dheanamh ris an gabhadh gach meur de 'n eaglais Chléirich air feadh an t-saoghail uile?* B'e an t-Ollamh Alastair Màrtainn, Ceann á Choll-aiste aig an eaglais U.F. an Dunéideann, a' cheud fhear a labhair air a' chuspair so, agus bha esan de'n bheachd nach robh an rud idir freagarrach anns a' ghineil so, agus gu'm b' fheàrr do'n Phan-Presbyterian Alliance gun ghnòthuch a ghabhail ris. Bha diadhairean eile de'n cheart bheachd, ach bha duine òg fòghluimte, an t-Ollamh Iain M. Mac Ille Sheathanaich, á Collaiste Halifax, ann an Nova Scotia, calg-dhìreach an aghaidh sin. Cha 'n e mhàin gu robh e de'n bheachd gu'n gabhadh an rud deanamh, agus gu'm biodh e freagarrach a dheanamh gun dàil, ach thug e dhuinn creud goirid a bha e an dùil a gabhadh na h-eaglaisean uile.

Is fada bho nach cuala mi deasbud a chòrd rium cho mhaith ri deasbud an là ud. Bha là ann a chluinneadh tu deasbud a b' fhiach éisdeachd ris anns an t-Seanadh againn

fhéin an Dúnéideann, ach dh' fhalbh an là sin agus tha e an diugh cho furasda dhuit tuiteam ad chadal anns an t-Seanadh 's ged bhiodh tu 'n ad shìneadh air là teth sàmhraidh fo chraoibh theile agus deich mìle seillean a' dranndan innte. Ach an uair a thòisicheas na h-Americanach air argumaid nu phuingean creidimh theid mise an urras gu'n cùm iad 'n ad dhùsgadh thu, co dhui a bheir iad dhuit solus no nach toir. Mar a b' fhaide siar an t-àite as an tàinig iad, is ann a b' fheàrr leam a bhì ag éisdeachd riu; b' fheàrr leam deich mìonaidean ag éisdeachd ri aodhair á Texas no á Montana na deich uairean ag éisdeachd ri diadhair á New York. Tha diadhairean New York agus Philadelphia car coltach ruinn fhéin; tha fhios aca ciod a thubhairt Plato agus ciod a thubhairt Pol, agus cha bu mhaith leò dol an aghaidh eòlas is fiosrachadh nan linn-tean, ach cha 'n 'eil aodhairean Mhontana is Chalifornia fo mhaide-na-poite aig feallsanach air bith fo'n ghréin; cho luath 's a thogas iad suas an guth cluinnidh tu fuaim ùr agus fuaim iongantach ann am mullach chraobh nan smeur.

Ann an seadh fìor, tha diadhairean na h-Alba uile coltach r'a chéile, agus tha ministearan na h-Alba uile coltach r'a chéile; is e sin r'a ràdh, tha iad uile anns an àon saoghal; air an riaghladh leis an aon dòigh-smuaineachaidh; ag òl a steach spiorad na h-aon ghineil. Ach cha 'n urrainnear sin a ràdh mu na h-Americanach. Buinidh iadsan an diugh fhathast do gach seòrsa saoghail a bha riamb ann, bho làithean Noah gu latha Dharwin, agus faodaidh uiread astair a bhì eadar dà dhiadhair á Àmerica a thaobh am beachdan mu obair nan gràs agus mu obair a' chruthachaidh 's a bha eadar Iain Calvin agus Tomas Huxley. Bho chionn bliadhna no dhà tha consachadh searbh a' dol air aghaidh an America eadar na sgoilearan a tha a' mineachadh a' Bhiobuill ann an solus an eòlais ùir a tha aig daoine an diugh agus an fheadhainn ris an abrar na *Fundamentalists*, daoine a tha seasamh air litir an sgrìobtuir agus a' cumail a mach gu bheil gach lide dheth neo-mhearachdach agus air a dheachdadh leis an Spiorad Naomh. Tha na sgoilearan a' creidsinn cho mhaith riu fhéin gu bheil an Spiorad Naomh a' labhairt anns na sgrìobtur; ach cha 'n 'eil iad a' creidsinn gu bheil uiread ùghdarras ann an cuid de'n sgrìobtur 's a tha ann an cuid eile. Cha 'n 'eil iad a' creidsinn gur còir dhuinn Facal an Tighearna a ràdh ri iomadh rud suarrach gun fheum gun sìgh a gheibhear anns an t-seann Tiomnadh mar is còir dhuinn Facal an Tighearna a ràdh ri briathran

Chriosd. Tha gu leòir anns a' Bhiobuli anns nach 'eil ach briathran dhaoine, agus aig a sin fhéin, daoine nach robh aon chuid fòghluimte no glic no diadhaidh.

A thaobh na cùise so air an do rinn na diadhairean deasbud ann an Cardiff, co dhùì a bha e freagarrach creud ùr a dheanamh no nach robh, cha tàinig iad gu co-dhunadh ach so, gu'n cuireadh iad *Comadaidh* air chois gu bhì smuaineachadh air a' chùis. Gu dé idir a dheanamaid gun am facal beannaichte sin agus an rud beannaichte sin ris an abair daoine, Comadaidh!

Tha a leithid de choinneamhan 's a bha againn ann an Cardiff 'n am meadhon air aonachd a neartachadh am measg nan eaglaisean. Labhair Moderator na bliadhna so, an t-Urramach Iain White, D.D., ris a' chruinneachadh mhòr ud mu'n aonadh a tha 's an amharc aig na h-eaglaisean an Albainn, ag innseadh dhaibh mu na ceumnanan a b' fheudar do eaglais na h-Alba a ghabhail, rud nach robh idir furasda a dheanamh—Achd Pàrlamaid mu dheachamh agus mu heritors a dheanamh soilleir do dhaoine á Iugo-Slavia agus á Nebraska nach cuala riamh roimhe iomradh air heritors no deachamh. Bha an t-Ollamh Seumas N. Ogilvie as an eaglais againne a làthair cuideachd, agus bha e air a shònruchadh gu bhì 'n a àrd-cheann air a' Chomunn air son nan ath cheithir bliadhna. Bidh an ath chruinneachadh ann an Winnipeg anns a' bhliadhna 1929. A thuilleadh air an dà Mhoderator a chuir an eaglais againne ann, chuir i ann trì ùir de 'n àrd-luchd-teagaisg, an t-Ollamh Seòras Galloway, á Cillribhinn; an t-Ollamh Gilleasbuig Main á Glaschu; agus an t-Ollamh Uilleam A. Curtis, á Dúnéideann. Cha 'n 'eil duine idir as motha aig a bheil guth is làmh ann an obair a' Chomuinn a nis na tha aig an Ollamh Uilleam A. Curtis. Is aithne dha cor agus suidheachadh nan eaglaisean Cléireachail air tìr-mòr na Roinn-Eorpa mar nach aithne do dhuine eile.

Ann an cuid de na dùtbehannan a tha air taobh shear na Roinn-Eòrpa, Transsylvania agus Runania, tha na h-eaglaisean beaga Pròstanach a' fulang geur-leannuhinn fhathast. Tha na Pròstanaich bochd 'n an crannchur shaoghailta is tha na h-eaglaisean lag. Theagamh gur e obair cho mhaith 's a tha Comunn nan eaglaisean Cléireachail a' deanamh air fad an cuideachadh a tha e a' cur a dh' ionnsuidh nan eaglaisean beaga Pròstanach sin a h-uile bliadhna. Gun a bhì bruidhinn idir air airgid tha e 'n a chuid-eachadh do na Pròstanaich anns na dùtchannan sin fhios a bhì aca gu bheil am bràithrean ann am Breatunn agus ann an

America a' cuimhneachadh orra, agus gu bheil dòigh aca air stad a chur air làmh-achas-làidir no eucoir eadhon ann an ionad-aidh àrda.

Theagamh gu bheil fhios agaibh gu robh eaglais mhòr Phròstanach ann a Hungaria bho làithean Luther, dà mhìle coimhthional is dà cheud mìle de luchd-comanachaidh. Agus bha sgoil Pròstanach air a' cur suas ri taobh gach eaglais. Roinn àm a' chogaidh bha an eaglais so làidir agus soirbheachail, ach tha i a nis air a briseadh 'n a ceithir bloighean, oir bha Hungaria air taobh nan Gearmailteach anns a' chogadh, agus aig deireadh a' chogaidh bha a' chuid mhòr d'a fearann air a thoirt bhuaipe; stiall air a thoirt do Czecho-Slovakia, stiall do Roumania, agus stiall eile do Iugo-Slavia, air chor agus nach 'eil ann a Hungaria an diugh ach an treas cuid de na bha innte ann an 1914. Tha crìochan ùra air an cur suas, agus cha 'n fhaod na Crìosduidhean a tha air an dara taobh de'n chrioch gnothuch a bhì aca r' an bràithrean air an taobh eile. B' fheudar dhaibh tighinn gu Cardiff a choinneachadh a chéile, oir cha robh maith dhaibh dol thar crìochan càch a chéile ann an Roumania no ann an Iugo-Slavia. Bha mòran seachas uime so ann an Cardiff, agus bha seachas ann cuideachd mu chomharr-aidhean na h-aimsire a thaobh cogaidh is sìth anns an Roinn-Eòrpa, ach is e na thug mise leam o'n bhruidhinn a chuala mi nach do rinn an cogadh mu dheireadh ach daorsa an àite saorsa a mheudachadh anns na crìochan shear. Ach b' fheudar dhomhsa na coinneamhan fhàgail m' an do chrìochnaich iad, agus cha chuala mi na chaidh a ràdh uile.

Anns na feasgair bha na coinneamhan air am fosgladh do mhuintir a' bhaile, agus bha an tigh daonnaan làn. Aig té dhiubh sin labhair Seumas Barr, M.P., ach ged nach dùth dhomh ainm Bharr a bheannachadh air an duilleig so, idir idir cha mhaith mi e, oir feumaidh mi a ràdh nach cuala mi fad na seachduin rud a bhean ri mo chridhe cho mhòr ris a' chuantas a thug e dhuinn air na tighean anns a bheil mòran de mhuintir Mhothwell a' fuireach, gun aig mìltean dhiubh ach aon chùil air son teaghlaich. Cha tig gu bràth as an fhail ach a' mhuc; gun tighean deusanta cha togar clann bheusach. Dh' fhàs Seumas Barr sean is trom bho chunnaic mi roimhe e, ach tha an teine 'n a chnàmhan fhathast, agus eud 'n a chridhe. An uair a sheas e air beulaibh an t-sluaigh ann an Cardiff thubhairt e, "Seallaibh orm le sùil gheur, oir is mise fear de na daoine fìadhaich á Cluaidh air am bì sibh a' cluinn-

tinn iomraidh anns na paipearan-naigh-eachd."

B'e an rud a b' fheàrr leam a chuala mi uile gu léir, agus an cuimhneachan air Cardiff as fhaide a mhaireas, an ceòl a thug coisir-chiùil a' bhaile dhuinn. Tha muinntir Wales maith air seinn co dhiu, ach tha mi an dùil gu robh an fheadhainn a chuala sinne air an taghadh, oir cha chuala mo chluasan riamh ceòl cho maiseach 's a thug a' choisir-chiùil aig Professor Evans dhuinn aon oidheche, coisir-chiùil anns an robh trì cheud pearsa. Thig crìoch air an t-saoghal ach mairidh gaol is ceòl. Thàinig crìoch air coinneamhan nam Pan-Presbyterianach, ach bidh cuimhne agamsa gu bràth air ceòl nan Cuimreach.

MU SHEARMONACHADH.

Anns an àireamh mu dheireadh bha mi a' bruidhinn mu shearmoin Thomas Chalmers, ach cha d' fhuair mi mo sheachas a chrìochnachadh. Tha mi an dùil gur e an t-aobhar sònruichte nach 'eil iad air an ceannach no air an leughadh an diugh nach 'eil snaoisean anna. Is fheàrrd searmon daonna d'iodag bheag de shnaoisean a bhì air a chur ann.

Bho chionn bhliadhnachan dh' iarr ministeir ann an Dunéideann a bha dol a bhruidhinn ri daoine òga anns an Oilthigh mu shearmonachadh air àireamh shònruichte de dhaoine tuigseach 'n a choimhthional féin an beachdan a thoirt dha gu h-onarach mu'n t-seòrsa shearmon a b' fheàrr leò agus anns an robh iad a' faotainn buannachd. Bha feadhainn dhiubh air a shon sid, is feadhainn eile air a shon so, ach air thoiseach air a h-uile rud eile, chuir iad an rud ris an abrar anns a' Bheurla *interest*. Cha 'n eil facal againn ann an Gàidhlig a tha ciallachadh an fhìor rud ris an fhacal Bheurla so, agus mar sin tha e duilich dhomh seachas cothromach a dheanamh mu shearmon ann an cainnt anns nach 'eil facal air son an dearbh rud a tha dhùth air daoine. Is maith le daoine gu'n glacadh am fear a tha searmonachadh an aire, agus gu'm biodh iarraidh aca air éisdeachd ris, mar a dh' éisdeas iad ri duine a tha bruidhinn air nithean anns a bheil ùgh aca. Sin a tha iad a' ciallachadh le *interest*. Mur glac am fear a tha anns a' chrannaig aire dhaoine bha cho mhaith dha a bhì 'n a thosd.

Tha fichead dòigh air aire dhaoine a ghlacadh, cuid dhiubh ceart is cuid dhiubh ceàrr. Cha 'n àite a' chrannag air son cleasaiche, co dhiu a tha e a' cleasachd le bhodhig, no le chainnt, no le inntinn. Ach ged tha fichead dòigh air aire dhaoine a ghlacadh greis bheag cha 'n 'eil ach aon

dòigh air aire dhaoine a ghleidheadh fad bhliadhnan; rud a bhi aig ministear ri ràdh as fhiach éisdeachd ris, agus gibht a bhi aige air bruidhinn ri daoine mu nithean spioradail ann an dòigh réidh nàdurra mar a bhruidhneadh e mu dhaoine a b' aithne dha, no mu leabhraichean a chòrd ris, agus mu'm bu mhaith leis seachas a dheanamh ri daoine eile. Duine air bith aig nach 'eil tlachd a bhi rannsachadh mu Dhia, agus mu dhòighean, agus mu oibrichean, agus mu nàdur Dhé, sin duine aig nach 'eil còir air a bhi ann an obair na ministrealachd idir.

Cha robh àm riamh anns an robh ministearan na h-eaglais againne air an ionnsachadh cho maith air son an dreuchd 's a tha iad an diugh, ach air a shon sin cha 'n 'eil an diugh ach àireamh bheag de mhinistearan anns an eaglais nach bi a' leughadh an searmoin, agus cuid mhaith dhiubh a bhios a leughadh an ùrnuighean cuideachd. Ciod an t-aobhar air sin? Theagamh gu bheil fichead aobhar air, ach is e an dà aobhar as bitheanta a tha toirt air ministearan tòiseachadh air leughadh an searmon, an leisg agus eaglaisean mòra. Tha e mòran na's fhasa do dhuine a shearmon a sgrìobhadh gu socruch 'n a sheòmar agus an sin a leughadh ann an éisdeachd an t-sluaigh anns a' chùbaid seach labhairt riu gu ciallach agus gu h-òrdail air puing spioradail gun phaipear. Dh' fheuch mise an dà dhòigh, agus tha fhios agam gu maith ciod a tha mi ag ràdh. Mur biodh dad aig ministear anns an t-sealladh ach comhfhurtachd a chridhe agus inntinn féin b'e an gliocas dha a h-uile facal d'a shearmon a' leughadh, agus an sin rachadh e do'n chùbaid gun iomguin no eagal, agus dh' fhàgadh e i gun sgìths. Ach ma bu mhaith leis oifig an t-searmonachaidh a chumail ann an urram agus ann an cumhachd feumaidh e an leisg agus an t-eagal agus gach leòghann eile a tha anns an t-slighe a chur fo na casan, agus a chridhe a smachdachadh agus inntinn a theagasg agus an téid aige air bruidhinn ris a' choimhthional gun phaipear. Bidh an fheadhainn a tha cleachdadh a' phaipear a' cumail a mach gu bheil na searmoin a tha air an leughadh na's fheàrr na na searmoin nach 'eil air an leughadh, ach ged nach 'eil m' fhiosrachadh-sa ro fhàrsuing a thaobh na cuise sin, feumaidh mi a ràdh gu bheil am beagan fiosrachaidh a tha agam calg-dhùireach an aghaidh sin. Na searmoin a b' fheàrr a chuala mi riamh, cha robh iad air an leughadh; agus na searmoin a bu truaighe a chuala mi riamh bha iad air an leughadh. Ach feòraicheadh iad de'n t-sluagh ciod an beachd-san!

Bidh daoine a' cur sìos air na h-eaglaisean a bhatar a' togail ann an Albainn bho chionn ceud bliadhna, agus a' moladh nan eaglaisean briagha a thatar a' togail an diugh. Cha 'n 'eil teagamh nach 'eil na h-eaglaisean ùra maiseach mar thogalaichean, agus briagha ri sealltuinn orra, ach air a shon sin, tha iad, a réir mo bheachd-sa co dhiu, a' milleadh oifig an t-searmonachaidh anns an dùthaich, oir tha iad a' toirt air ministearan a h-uile facal de'n t-seirbhis a leughadh bho thoiseach gu deireadh. Cha 'n 'eil sin a réir gnàths na h-eaglais againne, agus cha mhò a tha mise co dhiu an dùil gu bheil e a' cuideachadh diadhaidheachd no spioradachd anns an eaglais, ach air a shon sin cha 'n aithne dhomh cia mar a ghabhas an drochd cleachdadh seo seachnadh, oir tha e eu-comasach do dhuine cumanta seirbhis a dheanamh ann an eaglais mhòir far a bheil cuid de'n choimhthional cho fada bhuaith 's nach léir dha an aodainn, agus far am feum e a ghuth a thogail mar gu'm biodh oifigeach a toirt òrdain do réiseamaid, mar a dheanadh e ann an eaglais bhig far am faod e bruidhinn ri daoine (agus ri Dia cuideachd) ann an guth réidh nàdurra, agus nithean a ràdh nach h-urrainnear a ghlaodhach air mullach nan tighean. An dràs 's a rithist gheibhear anns an eaglais ministearan sònruichte d'a bheil e cho furasda labhairt gun phaipear no ùrnuigh a dheanamh gun a leughadh ann an Cathedral mòr 's a bhiodh e ann an tigh-coinnimh beag, ach tha iad anabarrach tearc. Agus a thuilleadh air sin cha 'n 'eil na h-àitean mòra freagarrach idir air son an t-seòrsa teagaisg a tha mise a' creidsinn as feumaile do'n eaglais an diugh, teagasg spioradail. Na'n robh mi 'n am mhinistear ann an eaglais mhòir—taing do Ni-Maith nach 'eil—tha mi làn chinnteach gu'n stadainn de shearmonachadh uile gu léir, agus gu'n tòisichinn air Leabhar Aithghearr na Ceist a' leughadh ann an éisdeachd a' choimhthionail ann an guth cho àrd 's a b' urrainn mi.

AN EAGLAIS CHLEIREACHAIL.

Eaglais.	Coimhthionaillean.	Ministearan.	Foirbhich.	Luchd-conanachaidh.	Sgoilearan-Sabaid.
AN ROINN-EORPA	7,080	7,764	33,263	2,403,247	689,400
BREATUNN	5,832	5,391	45,255	1,698,668	859,419
AN ASIA	3,574	1,790	3,758	409,233	108,264
AN AFRIC	1,768	923	3,957	532,085	81,206
AMERICA MU THUATH	21,910	18,392	86,147	3,450,778	2,891,503
AMERICA MU DHEAS	207	145	523	29,144	13,094
NA H-INNISEAN	151	105	634	20,040	19,737
AUSTRALIA	1,721	967	5,053	127,305	114,758
UILE GU LEIR	42,243	35,485	183,620	8,670,500	4,792,476



EILEAN GUN AINM.

Tigh Bean Sheòrais,
Eilean—

An naoidheamh là fichead de
dhara mìos an Fhogharaidh, 1924.

A Mhàiri a Ghràidh,

Thubhairt thusa gu'm bithinn air mo shàruchadh 'san eilein, agus gu'm bithinn air m'ais ann an seachduin no dhà, ach cha robh thu ceart. Tha mi cho sona 's a tha an là cho fada, agus bu mhaith leam a bhì an so, cha 'n e dà mhìos, ach fad a' gheamhraidh.

Cha b' urrainn domh tighinn do àite a b' fheàrr air son Gaidhlig ionnsachadh. A réir coltais tha a' Ghàidhlig aig a' h-uile duine, agus cha 'n 'eil a' Bheurla idir aig na cailleachan no aig a' chloinn bhig.

Far am bheil thusa a' fuireach tha iad a' bruidhinn mar an dealanach agus dh' fhairtlich e orm a bhì 'g an tuigsinn, ach an so tha iad a' bruidhinn air an socair agus a' cur a' h-uile facal air mo bhois, agus tha mi 'g an tuigsinn gun dragh.

Tha an tigh so glan is comhfhurtachail mar a tha a' chuid as mò de na tighean 'san eilein. An sud 's an so tha bothan beag dubh fiodha ri fhaicinn, agus cha 'n 'eil iad sin freagarrach air son a' gheamhraidh.

Bho chionn dà bhliadhna bha stoirm mhòr ann; bha trì cailleachan 'n an suidhe ri taobh an teine ann am bothan beag mar sin, agus leis cho fiadhaich 's a dh' fhàs a' ghaoth, dh' fhalbh an tigh uile gu léir os an cionn, agus cha robh air fhàgail ach iad fhein agus an teine. Gu dearbh 's e àite air leth a tha ann, an t-eilean so!

Nach taitneach an smuain so, gu bheil eilean ri fhaotainn an diugh far nach 'eil carbad-gun-eich, no eadhon inneal-buain ri fhaicinn (faodaidh duine sràid a ghabhail air an rathad mhòr, gu socrach, sàbhailte, agus tha iad a' buain leis a' chhorran fhathast, agus a' seinn aig an obair), agus eilean far nach 'eil cabhag air duine beò o mhoch gu dubh, agus far am bheil iad a' cur seachad nan oidheannan fad a' gheamhraidh ri taobh an teine, ag innseadh sgeulachdan is a' gabhail òran?

An creid thu mi, a Mhàiri, 'nuair a dh' innseas mi dhuit nach fhaca mi riamh daoine cho sunndach 's a tha iad an so? 'S e an fhirinn ghlan a tha ann, agus 's e sin an rud a tha gach coigreach a' toirt an

aire dha,—cho éibhinn, aighearrach 's a tha iad, agus an gaire air am faicail fad an là, agus thatar ag ràdh nach 'eil muinntir nan eileanan eile mar sin idir.

Tha a' chuid is mò dhiubh 'n am Pàpanaich, agus a réir beachd mhòran, 's e sin an t-aobhar gu bheil iad cho éibhinn aighearrach. Bha an Eaglais Phàpanaich daonna a' beannachadh a' chiùil agus nan sgeulachd, ach thug an Eaglais Ath-leasaichte air falbh ceòl is àbhachd, ag ràdh nach robh ann-ta ach rud gun fheum, faoinis agus cosg-ùine. Ach cha n 'eil sin ceart. Thubhairt bodach a bha a' seinn domh—"O tha na fuinn sin 'g am thogail suas!" Agus thubhairt Ealasaid Eachainn (cailleach a tha fuireach 'na h-aonar ann am bothan beag, agus a bha seinn òrain-luaidh dhomh, agus leth cheud earrann anns a h-uile fear, agus an do theab mi tuiteam 'n am chadal aig taobh an teine),—thubhairt ise rium, "Mur an robh mise a' seinn nan òran sin, cha bhithinn beò an diugh; tha mi cho aonarach an so."

Gu dearbh 's e beatha aonarach a tha aig mòran de mhuinntir nan eileannan, agus dh' fhàsadh iad dubharach, gruamach, na'm biodh iad gun cheòl agus gun òrain. Sin mar a thachair ann an iomadh àite.

Ciod do bharail air sin, a Mhàiri? Theagamh nach b' thu toilichte 'nuair a tha mi a' bruidhinn mar so, oir is aithne dhomh gur e Pròstanach daingeann a tha annad, agus gu dearbh air mo shon fein cha 'n 'eil seirbhis an aifrinne a' còrdadh rium idir, eadhon an so; ach tha eagal orm nach gabh na nithean sin àicheadh.

Thatar ag ràdh gu bheil muinntir an eilein so anabarrach leasg. Is fìor e gun teagamh nach 'eil iad ag obair anns a' gheamhradh. Thubhairt bodach rium,— "Tha an t-àrbhar a stigh an dràs, agus cleas nam math-ghamhna, cha 'n 'eil dad againn r'a dheanamh fad a' gheamhraidh, ach a bhith cur ar spòg 'nar beul!"

Ciamar is urrainn do dhùine obair a dheanamh an uair nach 'eil obair ann, no ciod am feum no an tairbhe dha a bhì ag oibreachadh 'nuair a tha e 'n a chomas a bhì tighinn beò gun obair? Cha 'n 'eil feum air mòran airgid anns an eilean so. Tha crodh aca; tha caoraich agus cearcan aca; agus crioman beag fearainn an measg nan creag; (oir 's e eilean anabarrach creagach a tha ann) agus cho fhad 's a bhithreas slàinte aca, agus biadh air son an là an diugh, tha iad riarachta, agus is rud mòr sin.

Ach, coma-co-dhiubh, daoine leasg. Ann no as, cha n'èil na mnathan leasg. Anns an eilein so, mar anns a h-uile àite 's an t-saoghal, cha tig crìoch air obair nam ban. Tha iad a' glèidheadh an tìghe; ag obair air an fhearann; a' cutadh agus a' pacadh an sgadain an àm an iasgaich; a' bleòghann nam bò; a' deanamh an ime; a' tarruing na mòine, agus a' snìomh 's aig calanas fad a' gheamhraidh.

Cha 'n fhaca mi riamh cailleachan cho laghach is cho làn tàtaidh ri cailleachan an eilein so. Is toigh leam gu sònruichte Ealasaid, agus Bean Mhicheil Néill. An dè bha mi ag obair air an fheur còmhla ri bana-charaid agus cha robh ach aon ràcan againn. Dh' fhalbh mi gu tigh Bean Mhicheil Néill a dh' iarraidh ràcan; thàinig a nighean thun an doruis, agus thubhairt mise—"Tha mi ag iarraidh ràcan, am bheil racan agad?" Bha Bean Mhicheil Néill a stigh 's a' chitsin. "Thigibh a steach," ars' ise, "agus dean-aibh suidhe." "Cha 'n fhaod mi suidhe," arsa mise, "Feumaidh mi bhì ag obair." "Cha 'n 'èil duine ag iarraidh rud 'na sheasamh," ars' ise; iarr air na faoileagan 's air na feannagan sin!"

Agus cha d' fhuair mi an ràcan gus an do rinn mi suidhe, agus an d' iarr mi as ùr e.

Là eile, nuair a bha mi 'san tigh aice, agus mo chòta cnotail orm, thubhairt i rium, "Na 'n biodh sibhse ag iarraidh a dhol gu taobh thall an locha agus an còta sin oirbh, cha leigeadh na h-iasgairan sibh còmhla riutha." "Bhiodh iad ag radh gu 'n d' thàinig an cnotal as na sgeirean, agus gu'm biodh e ag iarraidh air ais!" Is tric a tha mi dol air chèilidh air Ealasaid, agus is iomadh sgeul a bhios i ag innseadh dhomh. 'Se "Bodach an t-Sìlein" an t-aon is fhèarr leam agus "A' Ghobhar Ghlas air Eiginn 's air a Toirt As."

Biodh thusa ag ràdh gu bheil na sgeulachdan sin gu maith leanabail, ach tha iad anabarrach maith airson neach sam bith a tha ag ionnsachadh na Gàidhlig, agus a thuilleadh air sin, tha iad anabarrach tlachd mhor a bhì 'g an cluinntinn, agus tha iad a' dol air ais gu linnlean fad air falbh. Mar a bhios Ealasaid ag ràdh,—“Bha iad ann o thoiseach an t-saoghail.”

Coma-co-dhiubh cha toir mi dhuit iad aig an àm so, ach bheir mi dhuit sgeul bheag de sheòrsa eile a dh' innis i dhomh an raob, sgeul mu eilean Mhiugalaidh.

Ann an eilean Mhiugalaidh, tha iomadh àite corrach, creagach, agus tha mòran de eòin-fhiadhaich a' deanamh nead an sin. Là de na làithean bha na fir a muigh a' stearradh nan nead, agus thachair gun do chaill fear dhiubh a ghrèim leis nach d' thug

e an aire. Theab e tuiteam leis a' chreig, ach air dhòigh sbònruichte nach robh e riamh comasach a thuigsinn, fhuair e gréim air an lobhtaig a rithisd agus shàbhail e e fhéin. Cha robh air sin ach sin fhéin, ach an àm an carraich, b' fheudar do na fir a dhol gu Pollachara, a dh' iarraidh luchd sìl air son a chur, agus b' e sgiobair a' bhata an duine a bha ann an cunnart romhòr 'nuair a bha e a' stearradh nan nead.

Ràinig iad Pollachara, agus o 'n a bha an dorchadas a' tighinn, agus a' ghaoth ag èirigh, dh' iarr an ceannaiche orra a thighinn air chèilidh air agus an oidheche a chur seachad 's an tigh aige. Bha na fir glé thoilichte agus bha iad 'n an suidhe mu 'n cuairt air an teine, agus bha tombaca aig an sgiobair is bha e a' toirt smoc do gach duine a bha ann, ach 'nuair a ràinig e am fear mu dheireadh, theirig an tombaca, agus cha d' fhuair esan smoc idir. Bha e glé dhuilich agus thubhairt e ris an sgiobair, "Na 'n robh fios agad air a' ghnìomh a rinn mise air do shon, cha 'n fhàgadh thu mise air deireadh an nochd." Agus an sin dh' innis e dha gur esan a shàbhail e air an là sin air creagan Mhiugalaidh, agus e dol seachad an measg an t-sluaigh.

Nach neònach an sgeul sin? Tha mi a' smaointinn gu bheil iad a' creidsinn gu bheil seòrsa de neòil a' tighinn thairis air daoine sònruichte air uairean, agus gu bheil an spiorad a' fàgail am bodhaig, agus a' dol troimh an t-saoghal agus a' toirt cobhair do dhaoine 'n an èiginn.

Is toigh leam a bhì ag éisdeachd ri sgeulachdan mar sin aig taobh an teine ann am bothan beag Ealasaid, agus gun solus ann ach soillese na mòine agus Gàidhlig cho blasda aice.

O, a Mhàiri, is e beatha ùr is beatha air leth a tha ann an so! Bho chionn mìos, cha 'n fhaca mi riamh an t-eilean so agus cha b' aithne dhomh neach sam bith a bha ann, ach leòra! tha mi a nis a' sealltuinn air an "Cygnet" mhallaichte mar gu'm b' e "Long Mhòr nan Eilthireach" a bha innte, agus bidh mi fo mhulad a bhì falbh as.

Bidh thusa seachd sgith dhìom agus de 'n eilein, ach ma thig thu an so là-eigin, cha bhì agadsa cuideachd ach aon phort!

Tha an t-sìd na 's fhèarr an dràs, agus, a Rìgh, is ise a dh' fheumadh sin!

Tha mi an dòchas gu'n cluinn mi do naigheachd an ùine nach bi fada.

Leis gach beannachd, ma ta,

Is mise,

Do bhana-charaid dhìleas,
Mòrag.

[*Bha an tìvir so air a sgròbhadh le bean-uasal a chaidh a mach do aon de na h-eileanan Gàidh-ealach a dh'ionnsuchadh Gàidhlig. Chì ar luchd-leughaidh gu'n do rinn i feum maith d'a h-ùine anns an eilean, ach cha'n jhaod mi ainm an eilean innsaidh air eagal gu'm bi a'h-uile bean-uasal aig nach 'eil Gàidhlig a' dol a dh' iarradh ràcaìn air bean Mhìcheil Néill.*]

AN CRONACHADH DALMA.

Agus ghabh Peadar e: agus thòisich e air achmhasan a thabhairt dha, ag ràdh, Gu ma fada sin uaitse, a Thighearna; cha tachair sin duitse. Ach air tionndadh dhasan, thubhairt e ri Peadar, Imich air mo chùl, a Shatain; is oibheum dhomh thu: oir cha 'n' eil spéis agad do nithibh Dhe, ach do nithibh dhaoine. Mata, xvi, 22-23.

Na 'm biodh ainm Pheadair air a dhubb-adh a mach as an Tiomnadh Nuadh bhiodh mòran de theagasg an Tighearna air a chall, oir bha Peadar 'n a mheadhon air toirt air Chrìosd inntinn fhoillseachadh ann an iomadh suidheachadh. A mach o Chrìosd féin cha 'n' eil ainm eile air ainmeachadh anns na soisgeulan cho tric ri ainm Pheadair. Tha e anns an Tiomnadh Nuadh mar a bha Daibhidh anns an t-Seann Tiomnadh, 'n a dhuine a bha a réir eridhe Dhe, ach 'n a dhuine cuideachd d' am b' fheudar do Dhia maitheanas a thabhairt gu deich agus trì fichead seachd uairean.

Na'n robh fear-lagha air a thuarasdalachadh gus Peadar a chur sìos aig mòd sìor-ram, b' uamhasach a' chùis-dhìtidh a b'urrainn da a dheanamh 'n a aghaidh,—gu'n tug Iosa féin an t-ainm Satan air; gu'n do rinn e bòilich aig an t-Suipeir naomh; gu'n do chaidil e anns a' Ghàrradh agus a Mhaighstir ann an teinn; gu'n do chaidil e air a' Bheinn gus nach robh fhios aige cìod a bha e ag ràdh an uair a dhùisg e; gu'n do theab e duine a mharbadh ann am féing; gu'n d' àicheadhaidh e Chrìosd trì uairean is gu bheil Pol ag ràdh gu'm b' fheudar dha seasamh aon uair gu làidir 'n a aghaidh, a chionn gu robh e coireach. Bha lochdan Pheadair cho ònmhor ri fuilteannan a chinn, ach air a shon sin bha gaol aig Chrìosd air is thug e maitheanas dha; agus cha 'n e mhàin gu'n tug an Tighearna maitheanas dha ach fhuair e maitheanas bho dhaoine mar an ceudna. Fhuair e maitheanas bho na' h - abstoil eile, agus bho a bhràithrean anns an eaglais; rud is

iongantaiche gu mòr na gu'n d' fhuair e maitheanas bho 'n Tighearna. Agus fhuair e sin a chionn gu'm b' airidh e air; a chionn gu robh blàths is iochd is diadhaidreachd 'n a chridhe a dh' aindeòin laigse na feòla.

Ged a bu dalma do Pheadair achmhasan a thoirt d'a Thighearna cha b'e rud dalma a bha 'n a inntinn an uair a rinn e e. Thuit a chridhe 'n a chom an uair a dh' innis Iosa dhaibh gu'm b'éiginn dha dol suas do Ierusalem agus a bhì air a chur gu bàs. B'e sud sgeul a' bhòin ann an cluasan Pheadair, gu'm biodh a Mhaighstir air a chur gu bàs, "Gu ma fada sin uaitse a Thighearna," ars' esan, "cha tachair sin duitse." Mar gu'n abradh e, "ma tha cunnart a' feitheamh ort ann an Ierusalem e' ar son a rachadh tu ann? Cha leig sinn ann thu idir." Ach thionndaidh Iosa le clisgeadh agus thubhairt e ris, "Imich air mo chùl, a Shatain; is oibheum dhomh thu."

Shaoileamaid nach d' thubhairt Peadar dad ceàrr no as an rathad, agus gu'n robh an cronachadh a thug an Tighearna dha ro throm, ach cò sinne gu'n cuireamaid eucoir as leth an Tighearna? Cuiridh facal Chrìosd crìoch air gach uile chonnsachadh, agus ma chronaich esan Peadar faodaidh sinn a bhì cinnteach gu'n do thoill Peadar a chronachadh; faodaidh sinn a bhì cinnteach nach e an gliocas a ta o shuas a bha air a bhilean an uair a thairg e a chomhairle ud do Chrìosd ach an gliocas saoghalta.

Theagamh, na'n robh sinne maille ri Chrìosd an là ud gu'n tugamaid a' cheart chomhairle air a thug Peadar; gu'n iarramaid air a bhì cùramach uime féin agus an aire mhaith a ghabhail d'a bheatha; gu'n iarramaid air gun dol suas do Ierusalem aig an àm air eagal agus gu'n glacadh na maoir e. Dh' iarramaid air a chumhneachadh cho fiachail 's a bha a bheatha, agus cho ceàrr 's a bhiodh e dha a bheatha a thilgeil air falbh gun aobhar. Sin agus fichead rud eile a bhuneadh do'n gliocas shaoghalta dh' abramaid ris, gu'm dheireadh an tionndadh e oirnn ann an corruch naomh mar a thionndaidh e air Peadar, agus an abradhe, Imichibh air mo chùl; cha bhuaireadh sibh ar Tighearna.

B'e sin am buaireadh sònruichte agus am buaireadh làidir a bha ag iadhadh mu Chrìosd uile làithean a mhinistrealachd,—gu robh an saoghal agus an fheòil agus an diabol ag iarraidh air Calbhari a sheachnadh agus obair a chionmhlionadh ann an doigh a b' fhasa. Chòmhraig e cath eagallach ris an Diabhol anns an fhàsach a thaobh na cùise sin, is fhuair e a' bhuaidh; agus fad iomadh latha an déidh na buadha bha gairdeachas 'na chridhe a chionn nach d' éisd e ris na

guthan a bha 'ga tharruing air ceumanna eile seach an t-slighe a shònraich Dia dha. Bha gàirdeachas 'n a chridhe gu robh an gnothuch ud air a chur an dara taobh; nach robh deasbud ri bhi air a dheanamh uime tuilleadh, agus nach robh aige ri sealltuinn air ais. Ach a nis bha an t-seann cheist air a fosgladh as ùr agus an seann bhuaireadh 'ga choinneachadh aon uair eile! Agus bha a' cheist air a fosgladh agus am buaireadh air a chur 'n a charaibh, cha 'n ann leis an Diabhol no le a naimhdean, ach le fear d'a dheisciobuil féin; fear dhiubh a bheannaich a beagan ùine roimh sin air son a thuigse spioradail. An iongnadh e, mata, gu robh Crìosd air a ghortachadh agus gu'n d' thubhairt e ri Peadar gu robh barrachd spéis aige do nithean dhaoine na bha aige do nithean Dhé, agus nach robh 'na bhriathran ach buaireadh o Shatan.

Na'n do ghabh Crìosd comhairle Pheadair tha mi ceart cinnteach gur e Peadar a' cheud fhear a bhiodh duilich gu'n do ghabh e i. Na'n d' thubhairt Crìosd ris, Theagamh gu bheil thu ag ràdh na firinn agus nach biodh e ceart dhomh mo bheatha a chur ann an cunnart, no am bàs fhulang air a' chrann-cheusaigh; mar sin seachnaidh mi Ierusalem an dràs agus fanaidh mi an so am folach gus am bi gach cunnart seachad; na'n d' thubhairt Crìosd sin ciod a shaoileadh Peadar dheth, no ciod a shaoileadh tu féin dheth, a leughadair? Tha mi làn chinnteach gu'n tuiteadh cridhe Pheadair cho a' iosal 's nach b' urrainn da sealltuinn ann an sùilean a Mhaighstir; bhiodh fhios aige gu'n do nàraich e a charaid ged a fhuair e a ghuidhe. Oir ciod a bha a' ceangal cridhe Pheadair ri Iosa? Ciod a tha a' ceangal ar cridheachan ris, agus ciod a choisinn dha meas agus gràdh an t-saoghail uile? Nach e so e, gu'n do theasairg e daoine eile agus nach teasairgeadh e e féin. Bu bheag aige moladh dhaoine, no comhfhurtachd na feòla, no glòir shaoghailta, an coimeas ri toil Dhé a dheanamh agus obair na slàinte a choimhlionadh.

An t-slighe air an do choisich am Maighstir, sin an t-slighe air am feum a sheirbhisich coiseachd mar an ceudna. Feumaidh iad Satan agus comhairlean Shatain a chur air an cùl gach latha d' am beatha agus an aghaidh a chumail air Dia; feumaidh iad gabhail ri toil Dhe eadhon ged bheir toil Dhe gu Getsemane agus gu Calbhari iad. Tha an t-slighe sin daonnan dorcha agus daonnan duilich, agus bhiodh i ònrachdach cuideachd mur b'e gu bheil Crìosd féin maille rìusan a bhios ag imeachd oirre, ach ni a chompanasan an rathad fada goirid, agus a' h-uile rathad sòlasach.

BRUACH IORDAIN.

Bha an dàn naomh so air a sgrìobhadh leis a' bhàrd Mac Illeathain, no mar theireadh iad ris ann an Tiriodh far an do rugadh e, Iain Mac Ailein, bàrd Thighearna Cholla Rugadh e anns a' Chaolus anns a' bhliadhna 1787. An uair a bha e bliadhna air fhichead phòs e Iseabal Bhlack, nighean foirbhich ann an Liosmòr. Ann an 1818 chuir e a mach leabhar de na h-òrain a rinn e, agus an ath bhliadhna chaidh e fhéin agus a theaghlach do America, far an do thachair bochdainn is cruadal air. Shiubhail e ann an 1848. Tha na h-òrain a rinn e na 's fheàrr mar bhàrdachd na na laoidhean. Is e an t-òran as fheàrr a rinn e riamh, *A' choille Chruamach*, far a bheil e ag innseadh mu'n chruadal a dh' amais air ann an America.

Chaidh mo cheum ann am maillead,
'S tha mo shealladh 'g am thrèigsinn;
Tha mi dlùth air bruaich Iordain,
'S gura brònach ma sgeula;
Bha mi diùltadh mo chridh'
Thoir do 'n Ti chaidh a cheusadh,
Bha mi leanachd no nàmhaid,
'S mi mar thràill a' toirt géill dha.

'Nuair bu chòir dhomh bhi smaointinn
Air an aon ni bha feumail,
Gur e brudaran diomhain
Bh' ann am inntinn ag éirigh;
Bha mi siubhal nam beann
'S a' ruith gu teann air bheag céille,
A' ruagadh shòlasan faoine,
Mheall an saoghal 'na dhéidh mi.

Tha mo pheacanna liòmhor
'S ann am chridh tha gach truailleachd,
'S tric féin-fhìreantachd ghràineil
Tighinn gu dàna mu 'n cuairt domh;
'S iomadh lot thug mi Dhàsan
Sheas 'n am àite le truas dhìom,
Tha mi 'n cunnart mo bhàthaidh,
'S a bhi 'n àite na truaighe.

A Thi a dh' fhuiling do cheusadh
'S ann riut féin tha mo ghearan;
Ged a tha mi làn euchail
'S tusa 'n Léigh ni mo ghlanadh;
Tha na leòghainn a' beucaich
As mo dhéidh gu bhi m' charaibh,
Biodh do ghàirdean 'g am dhìon bhuaip',
'S thoir dhomh sìth ann am anam.

Soillsich solus do ghràis
Am chridhe gràineil, làn fòtuis;
Dean mo tharruing 'g ad ionnsuidh
A thoir umhlachd ri m' bheò dhuit;
Geal mar shneachda dean m' fhàgail,
'S thoir mi sàbhailt thar Iordain,
Gu bhi seinn 's a thoir cliù dhuit
Ann an dùthaich an t-sòlais.



MUR TOG AN TIGHEARN AN TIGH.

Mur beannaich an Tighearna ar n-obair bha cho mhaith dhuinn a bhí 'n ar cadal; cha 'n ann le gairdean na feòla no le innleachdan an t-saoghail a chuirear air chois rìoghachd Dhe air thalamh, ach le creideamh is ùrnuigh is cumbachd an Spioraid Naomh.

Aig an àm so de'n bhliadhna tha mòran de na h-eaglaisean anns an dùthaich a' deanamh ropainean is fhéiltean aig a' bheil airgiod air a thogail air son aobhar an Tighearna, ach an uair a smuainichear air na dòighean saoghalta agus neo-Chriosdail anns a' bheil an t-airgiod sin gu bitheanta air a thogail, an seòrsa phòcannan gu a bheil e air a tharruing, agus na h-innleachdan peacach a tha air an cleachdadh gus Philistich an-creidich a spùileadh, tha e anabarrach duilich a chreidsinn gu'm beannaich Dia an t-airgiod sin ann an seirbhis a rìoghachd. Agus mur tog an Tighearna an tigh is dìomhain a bhios saothair an luchd-togail.

Tha an gnothuch so a nis air fàs cho nàrach 's gu bheil e a' toirt oibhneam do choguis-ean dhaoine nach 'eil a' gabhail orra fhéin a bhí na's fheàrr na muinntir an t-saoghail. An uair a tha dannsadh is baobh-shùgradh, cluich air chairtean is dhìstean, iomairt is fiosachd, agus iomadh slaoightearachd eile, air am beannachadh leis an eaglais air ghaol buannachd a dheanamh asda ciamar is urrainn dhì fianuis chothromach a thogail anns an t-saoghal air taobh an lagha sin a tha i féin a' briseadh? Cha 'n 'eil dòchas air bith agam-sa gu'n cuirear stad air an òle so ann an cabbaig, oir tha an eaglais an diugh ach beag cho saoghalta 'na dòighean ris an t-saoghal fhéin, ach co dhìv bu mhaith leam iomradh a dheanamh anns an àireamh so air duine diadhaidh a bha cho furachail air na meadhonan a bha ceadaichte dha ann an seirbhis an Tighearna 's a bha e air an t-seirbhis fhéin, an dòchas gu'm faic cuid de na leughas uime an leasan a tha Dia a' teagasg daibh ann am beatha an duine so, Seòras Müller nach maireann. Cha ruig mi a leas eachdraidh a bheatha innseadh o'n toiseach, no iomradh a dheanamh air an obair mhòr a rinn e ann am Bristol far an do thog e còig tigh-eagan-fasgaidh air son dhilleachdan, oir tha fhios aig an t-saoghal uile air an obair sin.

B'e aon de na puingeagan air an do sheas e, gur còir do shluagh an Tighearna an beatha uile a riaghladh a réir nan sgrìobtur, agus

an obair uile a dheanamh a réir a thoile. Ach chunnaic e nach robh na bràithrean eile anns an eaglais de'n aon bheachd ris a thaobh fichead rud anns an robh e cinnteach gu'm b' aithne dha ciod i toil an Tighearna. A dh' aon ni, bha e a' faicinn gu'n robh iad ag iarraidh airgid air son an t-soisgeil o dhaoine nach robh iompaichte agus aig nach robh ùgh air bith ann an aobhar Chriosd, agus bha esan cinnteach nach robh sin ceart no sgrìobturail. A thuilleadh air sin, thog e a ghuth an aghaidh a bhí leigeil leis an eaglais a bhí tuiteam ann am fiachan, agus an aghaidh an fhasain a bha aice a bhí cur dhaoine mòra (Morairean is mathean eile) anns a' chathair aig coinneamhan, gun fheòraich ciod an seòrsa dhaoine a bha anna.

Mar sin chuir e air chois Comunn dha fhéin, anns am biodh saorsa aige obair an Tighearna a ghiulan air a h-aghaidh mar a bha e an dùil a bha ceart, agus iuhg e cuir-eadh do gach duine a bha de'n aon inntinn ris tighinn a steach do'n Chomunn so, agus a bheatha a choisrigeadh do Dhia *gun tuaraidal*. B'e so riaghailtean a' Chomuinn:—

- I. Is e dleasdanas agus sochair gach creidmhic aobhar agus obair Chriosd a chuideachadh.
- II. Cha'n iarrar còmhnaidh no fàbhar an t-saoghail ann an aobhar Chriosd, agus cha'n earbar asda.
- III. Cha'n iarrar airgiod no comhairle no cuideachadh ann an aobhar Chriosd air daoine nach 'eil a' creidsinn ann.
- IV. Cha teidear ann am fiachan ann an obair air bith a bhuineas do Chriosd.
- V. Cha'n ann air bhonn airgid no àireamh an t-sluaigh a leanas sinn a thomh sear ar soirbheachadh.
- VI. Cha cheadaichear airm fheòlmhor 'n ar cogadh spioradail, no rud air bith a bhreugnaicheas ar fianuis do'n t-saoghal.
- VII. Is e Focal an Tighearna ar fear-teagaisg agus ar fear-comhairle, agus tha ar n-earbsa uile ann am beannachd Dhe a thig mar fhreagairt do ar n-ùrnuighean.

B'e na nithean a bha 's an amharc aig Seòras Müller an uair a chuir e air chois an eaglais no an comunn ùr so, sgoilean seachduin is Sàbaid a chur air chois anns am biodh eòlas na Firinn air a thoirt seachd do'n chloinn le luchd-teagaisg a bha fo chumhachd na Firinn iad fhéin; am Biobull a chraobh-sgaoileadh am fad is am farsuing-

eachd; agus còmhadh a thoirt do dhaoine a bha saothrachadh ann an seirbhis an Tigh-earna, ge b'è àite an robh iad ag oibreachadh, ma bha iad a' saothrachadh gun phàigheadh agus a' sealltuinn ris an Tighearna a mhàin air son an beòshlaint. Ann am beagan ùine ghabh e os làimh cùram a ghabhail do dhilleachdain a bha air am fàgail gun athair gun mlàthair.

Dh' fhàs an eaglais so lion beag is beag; ann an dà bhliadhna bha nu dhà cheud gu leth creidmheach a' seasamh air na puingeann so maille ris, ag oidhirpeachadh nithean mòra ann an seirbhis an Tighearna gun a bhì ag iarraidh airgid ann an dòigh air bith ach a mhàin ann an ùrnuigh ri Dia. Bha Seòras Müller cho eudmhor a thaobh na puinge so, 's nach innseadh e do bhràithrean usaideach gu robh spòran na h-eaglais falamh, eadhon an uair a bhiodh e falamh, air eagal gu'n saoilleadh iad gu robh e ag iarraidh airgid, no gu'n gabhadh iad dòigh air fhaotainn nach robh e fhéin a' ceadachadh.

Gus naigheachd fhada a dheanamh goirid thog an duine so còig tighean-fasgaidh air son dhilleachdan, a chosd £115,000, agus a dh' fheumadh £26,000 de thighinn-a-stigh a h-uile bliadhna 'g an cumail suas. Ré a bheatha fhuair e muillean gu leth (£1,500,000); chuir e £250,000 ann an obair an t-soisgeil anns na dùthebhannan thall agus ann an craobh-sgaoilleadh a' Bhiobuill, agus thog is bheathaich is dh' oileanaich e sé fichead 's a trì mìle dilleachdan (123,000). Agus fad na h-ùine a bha e ris an obair mhòr agus bheannaichte sin, cha do labhair e aon fhacal, is cha do sgrìobh e aon litir, a' baigearachd airgid. An uair a bhiodh airgid a dhìth air chuireadh e fheum an làthair an Tigh-earna ann an ùrnuigh, cinnteach gu'm freagradh Dia e, agus bha e daonnan a' faotainn a réir a chreidimh.

Theaganh gu'n abair cuid de na leughas an duilleag so nach 'eil ann an so uile ach sgeul air nach 'eil dreach na firinn, oir cha 'n 'eil earbsa air bith aca ann an ùrnuigh mar mheadhon air son airgid a thruisleadh. Cha bhiodh mòran earbsa agam-sa ann mi fhéin na'n robh an t-airgid a bhatar ag iarraidh ann an ùrnuigh ri bhì air a chosg air nithean faoin no suarrach, air nithean nach deanadh ach toil is tograidhean na feòla a riarachadh; ach is rud eile e an uair a tha an t-airgid ri bhì air a choisrigheadh uile gu léir do aobhar an Tighearna féin agus air son glòir ainme, gun uiread agus aon iarrtus beag a bhì ann an cridhe an duine a tha ag ùrnuigh nach 'eil a réir toile Dhé. Ach ged a tha mise creidsinn a h-uile facal de na tha Seòras Müller ag innseadh mu'n dòigh anns an robh Dia a' freagairt ùrnuighean an uair

a bhiodh feum aig tighean-nan-dilleachdan air airgid, tha mi a' creidsinn cuideachd gu'm biodh e dàna do dhaoine eile eiseimpleir a leantuinn, a chionn nach 'eil ach duine anns a mhìle a tha air fhalmbhachadh cho buileach dheth fhéin 's a bha an duine diadhaidh ud. Cha robh gaol aig Seòras Müller air airgid air a shon féin; bha e 'na nì suarrach 'n a shùilean ach a mhàin air son an t-soisgeil agus nan dilleachdan. An uair a shìubhail e cha robh de shaoibhreas an t-saoghail so aige ach trì fichead not, ach ged a bha e bochd 'n a chrannchur shaoghalta bha e beartach a thaobh creidimh, is gràidh, is iochd; 'na dhuine a bha cur seachad a' chuid mhòr d'a ùine air a ghluinean ann an athchuinge dhùrachdach ri Dia.

Ach ciod a shaoileadh Seòras Müller, no ciod a shaoileadh an t-abstol Pol, na'n tachradh dhaibh dol a steach an diugh gu aon de na feilltean leis am bithear a' truisleadh airgid air son an t-soisgeil, agus na'n iarradh caileag rionnach phròiseil nach cuala riamh iomradh air a' ghairm eifeachdaich orra tasdan a phàigheadh air son cudthrom a' choilich a bha 'n a làimh a thomhas?

ANNS A CHATHAIR.

Is e an aon nì a bheireadh do Wembley mi, sealladh fhaotainn air Diplodocus. Ciod is fhìach Exhibition gun Diplodocus? Tha fhios gur h-aithne dhuit, a leughadair, am beathach ris an abair na sgoilearan mòra, an Diplodocus. Mur h-aithne, na gabh ort e. Tha clann an diugh anns a' Ghàidhealtachd a tha fada na's eòlaiche air an Diplodocus agus air Tyrannosaurus na tha iad air Mac Cailein Mòr no air Mac Shimi. Innsidh iad dhuit am fad agus an leud agus an cudthrom a bha anns na beathaichean a bha beò na mìltean bliadhna roimh linn Noah, ged nach aithne dhaibh aon as an fhichead de na luibhean a tha fàs air na machraichean. Tha balaich ann an Uidhist agus ann an Tiriodh a litricheadh gu ceart ainm an Gigantosaurus ann am Beurla, ged nach litricheadh iad ainm a' bhuaidhghallain bhuidhe ann an Gàidhlig. Sin agad sin.

Ach cha 'n ann air ghaol coire fhaotainn do'n oileanachadh a thatar a' toirt do'n chloinn an diugh a thug mise tarraing air an Diplodocus an dràs, ach a chionn gu'n robh mi a' leughadh uime ann an toiseach na h-oidhche, agus gu'n tàinig an smuain 'n am inntinn gu'm biodh e furasda dhomh searmon a dheanamh uime na'n toilichinn. B'e an ceann-teagaisg a ghabhainn. *Cha'n ann do na daoine luatha a tha an réis no do na daoine treuna an cath.*

B' àbhaist do Luther a bhì ag ràdh gu'm

b'è an gealbhonn fear-teagaisg a b' fheàrr a bha riamh aige; gu'n do theagaisg e dha barrachd mu ghràdh Dhe na rinn na diaidh-airean uile. Bhiodh Solamh a' tarraing shamhlaidhean 'n a shearmoin bho chraobhan agus bho ainmhidhean, a' labhairt mu chreutairean snaigeach agus mu chreutairean air iteig. Nach fhaod mise agus thusa, mata, gliocas fhoghlum o'n Diplodocus?

Bha an Lebhiatan uamhasach so còrr agus ceithir fichead troigh am fad, agus bha e cho mòr tiugh 'na cholumm 's gur kann a ghiùl-aineadh a chasan a cholunn, ged a bha ceithir casan goirid air agus gach té dhiubh cho garbh ri baraile. B'ann le earball a bhiodh e 'g a dhìon fhéin, agus an uair a dh' innseas mi dhuibh gu robh dà fhichead troigh anns an earball aige agus tunnachan de chudthrom, agus gu'n cuireadh e mu'n cuairt e a cheart cho luath 's a chuireadh Dòmhnall Dinnie an t-òrd mu'n cuairt a chinn an uair a bhiodh e a' dol 'g a thilgeil, tuigidh tu ciod an sgail a bheireadh an Diplodocus do chreutair air bith eile a chuireadh dragh air. Ach a dh' aindeoin a neirt dh' fhairtlich air, cleas a' Cheasair, àite fhéin a ghlèidheadh anns a' ghréin; chaidh an creutair mòr uamhasach so as an t-sealladh gu buileach, agus tha mac an duine an diugh a' sealbhadh na h-oighreachd a bha aige. Ciod an t-aobhar air sin? Tha, nach robh anns an Diplodocus ach rud beag faoin de eanchainn, agus ann an stri an t-saoghail so agus ann an réis na beatha, gheibh eanchainn is ealain is seòltachd a' bhuaidh daonnan air neart cuirp. Is fheàrr do chreutair unnsa a bharrachd a bhí 'n a eanchainn na troigh a bharrachd a bhí 'n a earball. Cha'n ann do na daoine luatha a tha an réis, no do na daoine treuna an cath; ann an eòlas a mhàin tha cumhachd.

Ann an òg-mhaduinn an t-saoghail cha robh ann am mac an duine ach creutair lag ann an coimeas ris na creutairean eile a bha anns na coilltean agus air na machraichean. Agus b' ion de eagal a bhí air, oir is e lagh na coille "a bhéist as motha ag itheadh na béiste as lugha." Ach ged nach robh armachd aige 'ga dhìon féin ach a mhàin a làmhanna laga, armachd nach biodh gu mòran feuma dha an uair a thachradh leòmhann no tìogar air, gidheadh bha eanchainn aige nach robh aca-san, agus is ann le cumhachd a reusain a fhuair e ùghdarras thairis air na h-ainmhidhean. Le cumhachd a reusain dhealbh e innealan leis an cuireadh e as do chreutairean a bha bagairt air.

Sin rud nach do rinn creutair eile riamh ach e fhéin. Na'm b' urrainn do chreutairean eile dol ann an co-bheinn agus an com-

hairle a chur ra chéile, agus cogadh a dheanamh an aghaidh mhic an duine le tuigse, cha b' urrainn da àite fhéin a ghlèidheadh air an talamh idir. Na'n robh na speachan cho glic 's a tha iad cho guineach bha uiread dhiubh againn ann am Blàr an bliadhna 's nach biodh aon duine anns an sgìreachd a làthair an diugh na'n do ghlaoidh na speachan cogadh an aghaidh chlann-daoine.

Is e mac an duine an aon chreutair aig a bheil cuimhne, co dhìt cuimhne as fhiach cuimhne a ràdh rithe, cuimhne a ni feum de fhiosrachadh a' chinnidh uile. Ged is seòlta na creutairean an seangan agus an seillein tha na fighean agus na dòighean aca, agus na soithichean anns a bheil iad a' gleidheadh na meala, mar a bha iad muillean bliadhna roimh so. Cha 'n 'eil iad a' tighinn aon cheum air an aghaidh. Ach cha 'n e sin do mhac an duine; tha esan a' dealbh nithean ùra gun sgar, agus tha gach gineal a dh' fhalbhas a' fàgail eòlais no fiosrachadh ùr air chor-eigin aig a' ghineil a thig 'n a déidh.

Cha bhiodh so comasach do mhac an duine a dheanamh mur b'è gur h-urrainn da *bruidhinn*. Ciod air bith an dòigh anns an d' fhuair e tìodhlac na cainnte, is e cainnt an gàradh-criche eadar mac an duine agus na h-ainmhidhean. Do bhrìgh gu bheil cainnt aca theid aig cloinn-daoine air dol ann an co-bheinn mu chùisean am beatha, agus theid aca mar an ceudna air an eòlas agus am fiosrachadh a chomphàirteachadh ri càch-a-chéile.

Os cionn an doruis anns an t-seòmar anns a' bheil ealain na feallsanachd air a teagasg ann an Oilthigh Dhunéidinn tha na briathran so sgrìobhta,

*Air an talamh cha 'n 'eil mòr ach an duine :
Anns an duine cha 'n 'eil mòr ach an inntinn.*

Is ann le cumhachd na h-inntinn a chiosnaich mac an duine creutairean a bha fichead uair na's làidire na e fhéin, agus is ann le cumhachd na h-inntinn a rinn e seirbhiseich is luchd-frithealaidh de'n ghaoith agus de'n dealanach. A thaobh meudachd is neart cha robh ann am mac an duine ri taobh an Diplodocus ach mar gu'm biodh pàisde ri taobh famhair, ach bha solus na h-inntinn anns a' pàisde, is mar sin bhuaidhaich e anns a' chath agus ann an réis na beatha. Ged a tha mìltean de chreutairean na talmhainn a' bàsachadh a' h-uile bliadhna leis an fhuachd, agus sin a' dol air aghaidh bho chionn na muillean bliadhna, cha do rinn creutair eile riamh teine ach a mhàin mac an duine. Tha càit agus coin agus iomadh creutair eile eòlach gu leòir air teine; is toigh leò am

blàths a gheibh iad bhuaithe, ach air a shon sin cha d' fhadaidh gin dhiubh teine riamh, agus cha mhò a ghabh iad cùram gus an teine a bha cheana air fhadadh a chumail beò. A dh' aindeoin na their na daoine a bhios ag ràdh nach 'eil anns an duine ach siol an ainmhidh, tha dòimhne neo-chrìochnach eadar mac an duine agus na h-ainmhidhean. Ged a bheireadh am moncaidh a leth shùil air son cnotha, agus an asail a leth chluas air son currain, cò am moncaidh no an asail, le ro-chùram a ghabhail, a chuir craobh no curran los an acras a shàsachadh; no cò an t-ainmhidh a dhealbh inneal no acfhuinn los feum a dheanamh de chumhachdan nàduir, no los e fhéin a dhìon bho bhéistean a bu mhotha agus a bu laidire? Tha fada barrachd astair eadar an duine agus an t-ainmhidh na tha eadar an duine agus Dia. Mar a thubhairt Pascal, Cha 'n 'eil mac an duine ach mar a' chuilc, a' chuilc as breòite anns a' chruthachadh, ach is cuilc e anns a bheil mothachadh. Ni rud as lugha na neart an domhain a marbhadh; marbhaidh aon bhoine uisge e, no aon anail de'n cheò a dh' éireas as an talamh. Ach ged a thuiteadh na beanntan air agus ged a phronnadh iad e, bhiodh bàrr aige air na beanntan, oir bhiodh fhios aige gu'n robh e 'g a phronnadh ach cha bhiodh fhios aca-san air. Tha uaisle agus inbhe mhic an duine a co-sheasamh 'n a inntinn.

* * * * *

Sgrìobh mi na tha air an duilleig so an raoir, ach b' fheudar dhomh do a luighe m'an do chrìochnaich mi mo sheanchas, oir bha an uair anmoch. Ach ma chaidh mi do'n leabaibh cha deachaidh mi gu fois, agus bhiodh e na bu lugha sàruchaidh air mo bhodhig na'n a' fhan mi aig an teine, oir fad na h-oidhche bha mi a' bruadar air an Diplodocus, agus air mo ruagadh leis a' bheist, gus mu dheireadh nach robh de lùth annam na theicheadh bhuaith ged nach robh fodham ach am bàs fhéin. Is iomadh seòrsa trom-lighe air a bheil eòlas agam a nis, ach b' fheàrr leam a bhì tuiteam leis na stallachan a b' eagalliche, no bhì air mo ruagadh fad na h-oidhche le tairbh Bhasain, seach a bhì faicinn earball na h-uilbheist ud, earball an Diplodocus.

FACAL NEONACH.

An déidh dha Betel fhàgail chum Iacob air gus an do ràinig e tìr a dhaoine anns an àird an Ear. Agus an sin aig an tobar, agus i a' toirt dibhe do threud a

h-athair, thachair Rachel nighean bràthar a mhathar air, agus phòg Iacob Rachel, agus thog e suas a ghruith, agus ghuil e. Bha e nàdurra gu leòir dha a bhana, charaid a phògadh, ged nach fhaca e i riamh roimhe, ach c'ar son air an t-saoghal a chaidh e a chaoineadh? Shaoileadh tu gur e sin an rud mu dheireadh a bheireadh pògadh na caileig air a dheanamh, agus nach robh e sìoghalta dha deòir a shileadh an déidh na pòige, an làthair Rachel co-dhiu.

Their cuid gur e moit a thug air a dheanamh, agus gu robh a dheòir co-ionnan ri gàire is lachanaich, ach tha an t-àrd sgoilear I. G. Fraser ag ràdh nach 'eil sin ceart, agus nach robh anns a' chaoineadh ach fasan a tha aig mòran chinneach an uair a bhios iad a' cur fàilte air a chéile. Am measg threubhan eile cha bhiodh e air a chunntas sìobhalta do dhuine gun dol a chaoineadh 'na leithid sud de shuidheachadh. Tha na Maoris ann an New Zealand 'ga chunntas mar cheud lagh nam modhannan gu'n rachadh duine a chaoineadh an uair a tha e a' fàilteachadh no a' fàgail beannachd aig a charaid, ach cha 'n 'eil an caoineadh sin a' fàsgadh no a' goirteachadh an cridhe ann an dòigh air bith. Tha e ag innseadh naigheachd mu mhnathan a bha air coineachadh r'a chéile, agus a bha a' gul mar gu'm biodh am bàs air creach a thoirt orra, ach ann teas-meadhoìn a' chaoineidh, stad dithis dhiubh agus ghlaoidh iad, Cha 'n 'eil sinn ullamh d' ar caoineadh fhathast, ach théid sinn agus ni sinn am biadh deas, agus an sin crìochnaichidh sinn ar gul. Thuirt e riutha nach robh annta ach na cealgairean, agus gu'n robh fhios aige nach robh dad aca mu choinneamh na feadh-nach a bha iad a' caoineadh, ach cha do rinn iad ach gàire. Tha a' cheart chleachdadh so aig na h-Innseanaich; chunntadh iad gu'n robh tàir air a dheanamh orra mur deantadh am fàilteachadh le caoineadh.

Ged a b' fheudar do Iacob seirbhis a dheanamh air son nigheanan Labain mu'n d' fhuair e iad, cha robh aobhar gearain aige, oir bha an cleachdadh sin a' dol ann an àitean eile cho mhaith ri Haran. A réir mar a tha I. S. Fraser ag innseadh, am measg threubhan a tha ann am meadhon nan Inns-ean deas, tha athair na h-inghinn daonnan a' faotainn suim shònruichte bho 'n fhear a tha dol 'ga pòsadh, agus mur h-urraim e an t-suim sin a phàigheadh le airgiod ullamh, feumaidh e seirbhis a dheanamh fad ùine shònruichte air a son. An uair a chuireas e a steach an ùine sin pàighidh a h-athair cosda a' phòsaidh agus leigidh e leis a chàraid dol taobh air bith a thoilicheas iad.



SEARMON COMANACHAIDH.

Cluinnidh mi cìod a their Dia an Tigh-carna : oir labhraidh e sìth r'a shluagh, agus r'a naomhaibh; ach na pilleadh iad a chum amadeachd. Salm LXXV. 8.

Tha Dia a' labhairt ruinn a ghnàth agus a' labhairt ruinn an iomadh dòigh, ach tha e a' labhairt ruinn le guthan soluimte an diugh, maduinn a' chomanachaidh. Tha 'à a' chomanachaidh 'na là mòr agus beannaichte am measg uile Shàbaidean na bliadhna, agus mar sin thigeadh e dhuinn gairm air ar 'n-anam agus air gach ni a ta an taobh-a-stigh dhinn an Tighearna a mholadh; an Tighearna Dia a tha iochdmhor agus gràsmhor, fad-fhulangach agus pailt ann an caoimhneas; an Tighearna Dia a tha labhairt sìth ris an t-saoghal ann an crann-ceusaidh a mhic. Thigeadh e dhuinn mar an ceudna teachd 'na làthair-san le h-urram agus eagal diadhaidh, oir tha an Tighearna naomh, naomh, naomh; tha an talamh uile làn d'a ghlòir. Na'n combharraicheadh esan aingidheachd cò a sheasadh 'na làthair? Ach agad-sa, a Tighearna, tha maitheanas agus mòr-saorsa.

Gu'n tugadh an Tighearna dhuinn uile cluasan a chluinneas agus cridheachan a thuigeas, a chum 's gu'n toir sinn fainear cìod a tha e ag ràdh ruinn anns an t-sàcramaid naomh so! Air uairean bidh daoine a' cluinntinn facal an Tighearna mar nach robh iad 'ga chluinntinn, agus a' làimhseachadh nithean naomha mar nach robh na nithean sin naomh idir; ach cha 'n e sin an dòigh anns am bu chòir dhuinn tighinn gu bòrd a' chomanachaidh, ach leis an ùrnuigh so 'n ar cridheachan, *cluinnidh mi cìod a their Dia an Tighearna.*

Tha sinn cho eòlach air Facal an Tighearna 's nach 'eil e dhuinn ach mar fhuaim na gaoithe, ach cìod a tha ann am Facal an Tighearna ach fios a tha ar n-Athair neàmhaidh a' cur a dh' ionnsuidh gach aoin againn, ag innseadh dhuinn gu bheil sinn a' goirteachadh a ghaoil le ar giùlan neo-dhleasdanach! Tha sinn cho eòlach air na sàcramaidean 's nach dhùsg iad ionghnadh no ionndrainn 'n ar cridheachan mar a bu chòir a bhi air a dhùsgadh anna gach uair a chi sinn an t-anart geal sin air na suidheachain agus air a' bhòrd. "Le éisdeachd cluinnidh sibh, agus cha tuig sibh; agus le h-amharc chi sibh, ach cha 'n aithnich sibh." Iarra-maid air Dia an diugh an Spiorad Naomh a

thoirt duinn a chum agus gu'n ath-bheòth-aich e 'n ar cridheachan faireachduinn air na nithean prìseil a thug e dhuinn ann an soisgeul a mhic, maitheanas ar peacaidhean, sìth ris féin, agus dòchas na beatha mair-eannaich. Gun solus an Spioraid Naomh cha léir dhuinne na sochairean a tha sruth-adh o bhàs Chrìosd a tha sinn an diugh a' cuimhneachadh, oir is e an Spiorad Naomh a mhàin as urrainn ar sùilean fhosgladh agus dearbh-shoilleireachd a thoirt duinn mu éifeachd na fala a chaidh a dhòrtadh air Calbhari.

A Spioraid Naomh r'ar n-ìrnuigh éisd,

'S an tigh so O dean tàmh;

Tùrling le d' fheartan àrd gu léir,

O Spioraid Dhe, gun dàil.

Labhraidh an Tighearna sìth r'a shluagh. Tha feum aig uile shluagh an t-saoghail air sìth a bhi aca ri Dia; sìth a bhi aca 'n an coguis agus 'n an cridhe. Oir cìod an t-òle is motha am beatha a' chinnidh-daonna? Nach e so e, an cogadh a tha dol air aghaidh gun sgur eadar toil na feòla agus toil Dhe; am mì-shuaimhneas a tha ann an cridhe mhic an duine an uair a tha fhios aige nach 'eil e a' coimhlìonadh crìo b àraidh a bheatha, agus nach 'eil e a' toirt umhlachd no gràdh do'n Dia a bu chòir da a ghlòrachadh le uile chridhe agus inntinn agus anam. Tha coguis nàdurra an duine ag innseadh dha nach h-urrainn Dia sealltuinn air aingidheachd agus easùmhlachd a chloinne ach le gruaim; ach tha crann-ceusaidh Chrìosd ag innseadh dhuinn rud nach h-urrainn a' choguis nàdurra innseadh; tha e ag innseadh nach 'eil ann an gruaim an Tighearna ach an taobh eile d'a ghràdh. Ann an làithean Shephaniah bha daoine ann an Israel a bha ag ràdh, "Cha dean an Tighearna maith, cha mhò ni e òle," mar gu'n abradh iad, cha dean e dad air son dhaoine air thalamh. Ach cha'n e sin an guth a tha sinne a' cluinntinn an diugh anns an t-sàcramaid so, nach do rinn Dia dad air ar son; no gu'n d' fhàg e sinn gun chuideachadh an uair a bha feum againn air cuideachadh. Tha am fìon agus an t-aran 'n an samhlaidhean air fuil agus feòil an t-Slànuigheir, agus tha an fhuil sin fhéin 'n a combharradh sìorruidh air spàirn na Diadhachd as leth a' chinnidh-daonna. Eisdibh ris a' ghuth so a chuala Pol a' labhairt r'a anam féin bho chrann-ceusaidh Chrìosd, "B'e deagh-thoil an Athar gu'm biodh na h-uile air an deanamh réidh ris féin trid-san, air dha sìth a dheanamh tre

fhuil a chroinn-cheusaidh-san . . . agus sibhse a bha uair-eigin 'n 'ur coimhich, agus 'n 'ur nainhdibh ann bhur n-inntinn a thaobh dhroch oibre, a nis rinn e réidh ris féin ann an corp fheola féin troimh 'n bhàs, a chum sibhse a chur naomh, agus neo-lochdach, agus neo-choireach 'n a làthair-san."

The cuimhne agaibh ciod a thuir Eliphas an Temanach ri Iob, " Gabh-sa a nis eòlas air Dia, agus bi an sith; mar sin thig maith a'd' ionnsuidh." Thig maith air chor-eigin gu daoine an uair a chuireas iad eòlas air bith air Dia, ach cha 'n fhaigh iad an maith as fheàrr ann an Dia mur cuir iad eòlas air ann an Iosa Crìosd. Tha gu leòir de dhaoine a' creidsinn ann an Dia nach 'eil a' creidsinn ann an Crìosd, agus nach do lùb an glùn riamh aig bonn a' chrìonn-cheusaidh. Ach ciod an Dia anns a bheil iad a' creidsinn? Dia a tha folaichte ann an neul agus ann an dorchadas tiugh. Cha bhi eòlas againn air Dia as fhiach eòlas a ràdh ris gus am faic sinn e ann an Iosa Crìosd a mhae, agus gus am faic sinn e gu sònruichte air Calbhari; ach a cheart cho luath 's a thogas tu suas do shùilean ri crann Chalbhari nach e so an smuain a leumas 'n ad inntinn, Feuch Uan Dhe a tha toirt air falbh peacaidh an t-saoghail! Sin an guth a tha tighinn thugainne an diugh bho Fhacal Dhe, bho chrann-ceusaidh Crìosd, agus bho'n bhòrd aig a bheil sinn 'n ar suidhe, gu'n do lotadh e air son ar peacaidh-ne, gu'n do bhruthadh e air son ar n-aingidheachd, gu'n do leagadh air-san smachdachadh ar sith, agus le a chreuchdanas gu'n do shlànuicheadh sinne.

Tha feum againn uile air sith, oir tha a thrioblaid fhéin, agus a chrois fhéin, agus uallach fhéin, agus a nàire fhéin, aig gach aon againn; tha an-fhois agus ionndrainn 'n ar cridheachan nach gabh sàsachadh le rud air bith anns an t-saoghal so. Ach an t-sith a tha sinne ag iarraidh, cha 'n 'eil i fada bhuainn, oir tha i aig Crìosd r'a toirt seachad, agus tha i aige-san cho pailt 's ged a dh'òladh an saoghal uile as an tobar sin bhiodh e fhathast làn. " Mo shith tha mi a' toirt duibh." Gabhaibh esan, a luchd-comanachaidh, aig fhacal agus bheir e dhuibh an rud a tha sibh ag iarraidh; gheibh sibh fòis do bhur n-anamaibh. Ciod eile a tha am facal creideamh a' ciallachadh ach Dia a' ghabhail aig fhacal? Agus ciod eile a tha an crann-ceusaidh a' ciallachadh ach gu'm faodar Dia a' ghabhail aig fhacal; gur Dia e a nochd a ghràdh agus a thròcair *le a ghnìomharan agus le fhuilngas.*

" Na'm bu mhise Dia," arsa Luther, " agus na'm do rinn an saoghal orm mar a rinn e air Dia bhualainn mo chas air agus

bhreabainn e gus an deanainn criomain dheth." Theagamh gu'n deanadh Luther sin, agus theagamh gu'n deanamaid sinne e cuideachd, ach cha duine Dia gu'n cailleadh e fhaighidinn no gu'm failnicheadh a thròcair. " Co an Dia ann a ta còsmhuil riut-sa, a mhaithes aingidheachd agus a ghabhas seachad air easaontas iarmaid t-oighreachd; cha ghlèidh thu do chorruidh gu sìorruidh do bhrìgh gur toigh leat tròcair?" Sin an Dia ris a bheil gnothuch againn, Dia a tha neo-chaochlaideach 'n a fhaighidinn agus 'na mhaithes agus 'na thròcair. Ged a dh'atharraicheas sinne cha 'n atharraich esan, air chor agus gu'm faod sinn a bhi cho cinnteach as a ghràdh an uair a tha e 'gar smachdachadh 's a bhitheas sinn an uair a thuiteas ar crannchur ann an ionadlaibh aoibhneach. Co dhiù a tha e 'gar treòrachadh ann an cluainibh glasa, no tha siam a' gluasad troimh ghlinn sgàile a' bhàis cha ruig sinn a leas ar sith a chall, no eagal a bhi oirnn, oir is e an Dia a tha buntainn ruinn a' cheart Dia a tha sinn a' faicinn air Calbhari, Dia a dh' fhuiling air ar son. Cò, mata, a chuireadh teagamh ann; teagamh nach e sith a tha e a' labhairt ruinn an diugh? " Dealaidhidh na sléibhtean ri 'm bunait, agus atharraichear na beanntan as an àite, ach cha dealaidh mo chaoimhneas riut sa agus cha 'n atharraichear coimhcheangal mo shith, deir an Tighearna."

Tha fulangas an t-Slànuighir a' foillseachadh fiòr nàdur na Diadhachd. Ged nach do rinn esan eucòir riamh, agus nach robh cealg 'n a bheul, gidheadh dh' fhuiling e maille ris na h-eucoraich, agus ghiùlain e am peacaidhean 'n a chorp féin air a' chrann. " Tha Dia a' dearbhadh a ghràidh dhuinne do bhrìgh, an uair a bha sinn fathast, 'n ar peacaich, gu'n do bhàsaich Crìosd air ar son." Tha lotan an t-Slànuighir a' labhairt sìthe ris an t-saoghal a chionn gu bheil iad a' toirt dearbhachd do'n t-saoghal gu bheil co-fhaireachduin aig Dia r'a chloinn, agus cumhachd aige air nithean a chur ceart a chuir iadsan ceàrr. Labhraidh e sìth r'a shluagh. Ach an Dia a tha sinn a' faicinn air Calbhari is Dia naomh e. Cuimhnichibh sin, a luchd-comanachaidh, air eagal gu'm pill sibh a ris gu amaideachd. Cho fad 's a bhios daoine anns an fheòil bidh toil na feòla ag oibreachadh an aghaidh lagh agus toil an spioraid, ach air a shon sin, ma tha daoine air taobh Crìosd ann an darireadh, feumaidh iad comhcheangal ùr a dheanamh r'an coguis a h-uile maduinn, nach pill iad gu amaideachd. Agus ciod a tha ann an amaideachd ach ainm bòidheach air a' pheacadh, co dhiù ainm as bòidheche na 'm peacadh fhéin? Sin an namhaid air am feum

sinn a bhi 'n ar faicill gun sgur, am peacadh a tha gu furasda ag iadhadh umainn anns an t-saoghal, agus gu sònruichte am peacadh a tha 'n ar cridheachan fhéin. “Bithibh-se glan a ta giùlan shoithichean an Tighearna.” Tha sinn an diugh a' seasamh ann an ionad naomh an Tighearna, agus tha e air iarraidh orra-san a sheasas 'na làthair-san an làmhnan a bhi neo-chiontach agus an cridheachan a bhi glan. “Rannsaich mi a Dhe, agus aithnich mo chridhe: dearbh mi agus tuig mo smuaintean, agus ambaire am bheil slighe ole air bith annam, agus treòraich mi anns an t-slighe shiorruidh.”

Ach ged tha e maith do shluagh an Tighearna an cridheachan a' rannsachadh air là comanachaidh agus sealltuinn a steach annia fhéinn, tha e fada na's fheàrr dhaibh sealltuinn suas ri Dia, agus ri crann-ceusaidh a Mhic leis a bheil e an diugh a' labhairt ruinn air mhodh sòluimte, ag ràdh, “Seallaibh rium-sa, agus bithibh air bhur teàrnadh, oir is mise Dia.”

Bithibh sàmhach, agus feithibh le foighid mhaith ri Dia, ag ùrnuigh ris 'n ur cridheachan, air eagal gu'n tachair dhuibh mar a thachair do Iacob. “Gu cinnteach bha an Tighearna anns an àite so agus cha robh fios agam air.” Air uairean tha Crìosd a' seasamh aig dorsan dhaoine agus a' bualadh, ach tha an cluasan air am bòdhradh le straihlich an t-saoghail air chor agus nach cluinn iad a' ghuth ciùin, agus an sin fenumaidh e falbh agus am fàgail. Nach bu bhoehd an gnothuch e na'n tigeamaid sinne an diugh gu bòrd an Tighearna, agus na'n éireamaid bhuaith a ris, gun aon fhacal a chluinntinn o Dhia, gun faireachduin idir a bhi againn air a làthaireachd, no gun a leithid de ni agus òran-molaidh a bhi 'n ar cridheachan! Bithibh sàmhach, agus cluinnibh ciod a their Dia an Tighearna; ciod a tha e ag ràdh ruibh 'n ar coguis, ach gu sònruichte ciod a tha e ag ràdh ruibh leis na samhlaidhean naomha so air a' bhòrd. Leòsan tha e ag ràdh, “Is e so mo chorp-sa a ta air a bhriseadh air bhur son-sa: is e an cupan so an coimhcheangal nuadh ann am fhuil-sa.” Feuch ciod a ghné ghràidh a thug ar n-Athair dhuinne! Nach ann againn a tha an Dia, agus nach ann againn a tha an Slànuighear! Dia agus Slànuighear 'n an aon, oir bha Dia ann an Crìosd, a' deanamh an t-saoghail réidh ris féin. Sin facal na sìthe a tha Dia a' labhairt ruinne an diugh; facal a tha air a sheulachadh leis an t-sacramaid naomh so leis a bheil sinn a' cuimhneachadh as ùr bàs an Tighearna, a bha marbh ach a dh' éirich a ris ann an cumhachd a dhiadhachd, agus a ta nis beò, agus a

bhios beò gu siorruidh mar Fhear-tagraidh an làthair Dhe as leth a shluaigh.

ANN S A CHATHAIR.

Theagamh gu'm faca tu, a leughadair, anns na paipearan-naigheachd gu'n d' fhuair an t-Urramach Niall MacPhàrlain, B.D., ministear Chille-Sgumain, litrichean eile r'a ainm am bliadhna, rud a thug air Seònaid Eachainn sgrìobhadh thugam-sa a dh' fharraid ciod a bha na litrichean a' ciallachadh. Dh' innis mise do Sheònaid gu'n d' fhuair e na litrichean ud bho Oil-thigh Chillribhinn a chionn gu'n do sgrìobh e paipear mòr ionnsaichte (bha trì cheud gu leth duilleag ann) anns an do dhearbh e gu soilleir gu robh Kuenen agus Reuchlin agus Gesenius agus Wellhausen uile gu léir ceàrr anns na beachdan a bha aca a thaobh a' bhìdh bhlasda a thug Iacob d'a athair Isaac. Bha na sgoilearan mòra sin a' cumail a mach gur e feòil-buic air a stòdhadh, agus crathadh de mhin Innseanaich agus de lus na smalaig oirre, a thug Iacob d'a athair; ach anns a' phaipear ud dhearbh Niall MacPhàrlain, B.D., cho soilleir ri creag Ealasaid nach e feòil-buic a bha ann idir, agus nach ann air a stòdhadh a bha i, ach gu'n do rinn Iacob sabhsair de fheòil beathaich d'an ainm *An liùgaire*, air a gearradh 'n a crìomain bheaga agus air a crathadh le min sheagaill is uinnean. Sin agad, a leughadair, an rud ris an abrar an àrd-sgoilearachd, agus bha Oil-thigh Chillribhinn cho uasal a Niall MacPhàrlain, B.D., a chionn gu'n do chuir e dubhan ann an sròn Gheseniuis 's gu'n tug iad dha Q.E.D. Rud glé neònach, thug iad na ceart litrichean aig a' cheart àm do fhear eile a dhearbh cho soilleir ris an Dubh-Hiortaich nach robh a leithid de dhaoine agus Isaac 's Iacob riamh ann. Sin agad an àrd àrd-sgoilearachd. Ach bidh a' chlach-mhullaich air a eur air an àrd-sgoilearachd as àirde an uair a bhios an paipear a tha agam-sa air na stocan deas, paipear anns am bi e air a dhearbhadh cho soilleir ris an Sgeir-Mhòir gur h-ann air stamagan dhaoine nach robh riamh 'as fheàrr a fhreagras feòil an liùgaire. Bheir sin air Seumas Moffat a chrìos a theannachadh.

Ach gus am bi an paipear sin deas tha rud no dhà eile a bu mhaith leam a chur ceart, agus gu sònruichte so, nach e an Ròimh, no am Pàpa, no Nero, no an Ceasar Gearmailteach, an t-Ana-Crìosd mu'n do labhair na h-abstoil, ach am motor-car. *Mac an sgrios*, ars' an t-abstol Pol; cò an sgrìosadair eile a

tha coltach ris a' mhotor-car an diugh, oir bhà còrr agus còig mìle air am marbhadh leis anns an dlùthaich so an uiridh? *A tha a' cur an aghaidh agus 'ga àrdachadh féin os cionn gach nì ris an abrar Dia, no da'n deanar aoradh;* nach 'eil e cho soilleir ris a' ghréin fhéin gur e am motor-car a bha 's an amharc aig Pol an uair a labhair e mar so, oir cò an neach no an nì a tha tarrauing dhaoine air falbh bho 'n eaglais agus bho aoradh mar tha esan a' deanamh? Tha cuimhne agam an uair a bhiodh daoine a bha fada bho 'n eaglais ag ràdh gu'n rachadh iad do'n eaglais na bu trice na'n robh càr aca; fhuair iad càr, ach a nis cha 'n fhaicear iad anns an eaglais idir. Uair-eigin bha urram aca do'n t-Sàbaid, ach an diugh is e an t-Sàbaid an là as mi-naoimhe a tha iad a' cur seachad anns an t-seachduinn, a' teicheadh bho làthaireachd an Tighearna cho luath 's a leigeas an cuibhlichean leò, agus fada na's luaithe na theich Ionah anns an luing.

Cha ruigear a leas a ràdh gu bheil na daoine beartach na's ain-diadhaidhe na na daoine bochda. Tha uaislean agus islean coltach r'a chéile anns a' chùis so. Tha a' cheart uiread de luchd-oibre air an rathad an diugh ann an càraichean 's a tha ann de dhaoine saoi bhir; cha 'n 'eil de mhùghadh eatorra ach gu bheil na daoine saoi bhir ann an càraichean as fheàrr. Ach co dhù a tha iad bochd no beartach, co dhù a tha annta tighearnan-fearainn no treabhaichean, a cheart cho luath 's a gheibh iad car faodar an àireamh am measg naimhdean na Sàbaid. Cha bu mhaith leam a ràdh gu'm faodar an àireamh am measg naimhdean an t-soisgeil, ach glé bhitheanta sin a thig e thuige air a' cheann mu deireadh. Cha 'n 'eil namhaid eile aig an t-Sàbaid agus an eaglais an diugh cho sgriosail ris a' mhotor-car. Tha e a' falamhachadh eaglaisean agus a' milleadh sìth na Sàbaid; nach e sin obair an Ana-Criosd?

* * * * *

Tha ceithir-là-deug agus an còrr bho sgrìobh mi na tha cheana air an duilleig so; ann an ceithir-la-deug fuaraichidh an càl as teotha. Cha bhiodh agam-sa ach càl fuar ga ath-teòthadh na'n tòisichinn a nis air an t-seanchas d' an do sguir mi o chionn ceithir-la-deug; mar sin leigidh mi an siubhal le luchd nan càraichean. Is beag m' fharmaid riu; is fheàrr leam aon uair an uaireadair a' sràideamachd anns a' Choille Bheithe na latha fada samhradh 'nam shuidhe ann an càr. An diugh fhéin tha a' Choille Bheithe mar gu'm biodh Pàras Dhe; cha robh rìgh no bànrìgh riamh anns an àird an ear air an sgeadachadh le falluinnean cho maiseach 's a

tha air a' bheithe, agus air a' chaorunn, agus air an t-siris an dràs. An uair a bhuaileas gathan na gréine iad tha iad a' lasadh mar theine òir, coltach ris a' phreas a chunnaic Maois ann an Midian.

Chuir mi seachd greis de'n latha anns a' Choille Bheithe leam fhéin, ach cha b' ann idir air a' phaiper a tha mi dol a sgrìobhadh mu'n Liùgair a bha mi a' smuaineachadh, ach air searmon a bu mhaith leam a thoirt do choimhthional beag de chloibairean agus de gheamairean mu Mhòrachd Dhe agus mu ionghnaidhean a' chruthachaidh. Na'n robh barrachd eòlais agam 's a tha agam, labhrainn ri daoine air na nithean sin na's trice na tha mi a' deanamh, oir mar is sinne tha mi a' fàs is ann as mò a tha mi faiciun nach 'eil rud eile air an t-saoghal as luaithe a chuireas daoine air an gluinean an làthair an Tighearna na fair-eachduin a bhì aca air a mhòrachd agus a ghliocas. Agus an uair a theid duine air a ghluinean, ciod air bith a chuireas ann e, tha e anns an t-suidheachadh anns an còir do mhac an duine a bhith ann an làthair Dhe.

Ciod air bith an àird de na speuran anns an seall sinn tha na nèamhan a' cur an céill glòir an Tighearna. Tha na nèamhan gun cheann, gun chrìch. Ged a shiubhladh tu air sgiathaibh na maidne, seachad air na mìltean saoghal a tha gluasad troimh 'n fharsuingeachd neo-chrìochnach, agus ged leanadh tu ort na muilleanan bliadhna, cha bhiodh tu na bu dlùithe do chrìoch do thuruais.

Cò chuartaicheas do bhith a Dhe!

An Dòimhe shluig gach reusan suas;

'Nan oidhirpibh tha aingle 's daoin'.

Mar shligean maoraich 'glacadh chuain.

Tha eanchainn seangain, ged is beag e, mìle uair na's iongantais agus na's inne-leachdaiche air a dhealbh na'n acfhuinn as fìnealta a rinn lamhan mhic an duine riamh; tha sùilean na cuileig as lugha na's mìorbhuiliche na uile oibrichean Mharconì. Ged a chuireadh luchd-calain an t-saoghail agus sgoilearan-mòra an t-saoghail an cinn r'a chéile gus am biodh an ciabhagan geal is tana, cha b' urrainn daibh toirt air fas aon bhileag fhéid, no air aon ghas còrna, as eugmhais Dhe. Faodaidh sinne cur a dheanamh, agus an rud a chuir sinn uisgeachadh, ach is e Dia a mhàin a bheir fàs. A dh'aindeoin gach adhartais a thàinig air an tuathanachd agus air oibreachadh a' ghruinnid, agus a dh'aindeoin nan innealan ùra a tha aig daoine an diugh gus an talamh a chiosnachadh, tha sinn an urra ri Dia air son ar lòin anns an linn so mar a bha Maois agus Abraham agus na h-aithrichean eile a bha beò ann an òg-mhaduinn an t-saoghail.



MAR EIRIC AIR SON MHORAN.

(SEARMON-COMANACHAIDH LE ALASTAIR
MAC ILLE BHAIN, D.D., NACH MAIREANN.)

“*A thoirt a bheatha mar éiric air son
mhòran.*”—Mata. XX. 28.

Thigheamaid dlùth do ar Tighearna an diugh agus rachamaid maille ris gu Ierusalem, far am bheil e a' dol a choinhead na Càisge air son na h-uaire deireannaich. Agus fanamaid maille ris gus an faic sinn a' chrìoch; gus an faic sinn e a' toirt a bheatha mar éiric air son mhòran. Agus an uair a chì sinn a' chrìoch abramaid uile ruinn féin mar a thuir Pol ris fhéin, “Ghràdhaich e mi agus thug e e-féin air mo shon.”

Cha bu luaithe a chaidh ar Tighearna a steach do Ierusalem toiseach na seachdain ud na thòisich e air a bheatha a thoirt seachad. Cho fhad agus nach tàinig uair fhathast, bha cùram aig ar Tighearna d'a bheatha, oir bha a bheatha-san luachunhor os cionn gach beatha eile air an talamh. Ach a nis, an uair a bha obair a bheatha crìochnaichte, thòisich e gu toileach air a bheatha a thoirt seachad; a' searmonachadh fad an latha agus ag ùnuigh fad na h-oidheche. Agus b'e sin na searmoin agus b'e sin na h-ùrnuighean! Duine air bith a liubhair na searmoin a dh' fhaodas sibh a leughadh ann an deireadh an t-soisgeil so, agus sgrìobhaichean is Phairisaich 'g a éisdeachd, nach maith a bha fhios aige gu'n robh e a' seallachadh binn a bhàis! *Is an-aobhinn dhuibh, a sgrìobhaichean agus Phairiseacha, a chealgairéan! An-aobhinn, an-aobhinn, an-aobhinn, a shìol nan nathraiche-nimhe* Ach mar nach bu leòir idir na bha e a' dòrtadh a mach d'a bheatha anns an teampull fad an là bha e a' dòrtadh a mach anama fad na h-oidheche ann an ùrnuigh air sliabh nan crann-oladh. Leis na searmoin agus leis na h-ùrnuighean sin thug e éiric air son mhòran, ach gu sònruichte thug e éiric air son mhinistearan leasg gun eud, ministearan a bheir d'an coimhthionairean am port is maith leò, agus ministearan a tha cho leasg 's nach caill iad uair de'n cadal air ghaol searmon no ùrnuigh a dheanamh.

“An sin thàinig Iosa maille riu gu ionad d' an goirear Getsemane, agus thubhairt e ris na deiseiobuil, suidhibh-sa an so gus an téid mise a dheanamh ùrnuigh an sud.” Thagh e àite-suidhe do na deiseiobuil, an

t-àite-suidhe a b' fheàrr agus a bu sheasgarra anns a' gharradh, agus dh' iair e orra faire a dheanamh agus cumail dlùth d'a chèile. Ach m'an deachaidh e fada bhuapa thuit iad 'n an suain chadail. Cha do chaidil e féin fad seachdain; oidheche an déidh oidheche ghleachd e ann an ùrnuigh anns an aon àite, gus am b' aithne do Iudas an t-àite cho mhaith 's a b' aithne dha a rathad do'n teampull. “O na dòimhneachdan ghlaodh mi riut a Thighearna; a broinn na h-uaigne ghlaodh mi, agus thubhairt mi, Dh' iadh na h-uisgeachan mu m' thimchioll, eadhon gu ruig an t-anam, bha mo cheann air a ribeadh anns an fheamainn.” Agus air dha bhí ann an cruaidh-ghleachd anama, rinn e ùrnuigh na bu dùrachdaiche; agus bha fhallus mar bhraonaibh mòra fola a' tuiteam gu làr. Ciod a bu chiall do'n ghleachd anama ud ach gu'n do leag an Tighearna airs an aingidheachd gach aoin dinn? Tha fhios aig gach anam saorta ciod a bu chiall do na braonaibh fola. Their gach anam saorta. *Is e mo chupan-sa a dh' òl e*, an cupan a lion mise le domblas a' pheacaidh. Cha b' iongnadh ged a bha fhallus-san mar fhuil an uair a dh' òl e an cupan searbh ud, cupan anns an robh tuaradal mo pheacaidhean-sa, agus a bha air a lìonadh le fion dearg corruich an Tighearna a'm' aghaidh. An uair a dh' éirich e bharr a ghluinean, agus a thàinig e far an robh na deiseiobuil, bha na deiseiobuil 'n an cadal. O, mo, nàire; mo nàire; sibhse 'n 'ur cadal agus esan a' saltairt an amair 'n a aonar!

An do bhuin aon agaibh riamh gu cealgach ri caraaid? An do rug sibh air làimh air, ag ràdh fàilte is furan, agus fad na h-ùine an sgian fo 'ur cleòca, gus a cur ann? An deachaidh fuath, is farmad, is naimhdeas, is deamhain eile de'n t-seòrsa sin a steach 'n ad chridhe, a dhuine, gus nach mòr nach deachaidh tu a mach agus nach do chroch thu thu fhéin, leis an oillt a ghabh thu roimh do chridhe salach? Is tusa, mata, an duine a shaor Iosa Crìosd bho'n chrìoch agus bho ifreann an uair a thug e a ghruaidh do Iudas, a chum a ghruaidh a phògadh. Is ann air do shon-sa agus air son do leithidean a leig Iosa le Mac an sgrìos a phògadh. “Cha bu nàmhaid a thug masladh dhomh, no dh' fhuilghinn e; cha b'e fear le'm b' fhuathach mi a dh' àrdaich e féin a'm'

aghaidh, no dh' fholaichinn mi féin uaith; ach thusa! fear bu choimpire dhomh féin, fear m' iùil, agus fear m' eòlais; le chéile ghabh sinn combairle bhlasta; gu tigh Dhe dh' inich sinn cuideachd; eadhon fear mo shìth, as an d' earb mi, esan a dh' ith de m' aran, thog e a shàil a'm' aghaidh.”

“Oir bha sinne féin uair-eigin eu-céillidh agus eas-umhail, a' caitleamh ar beatha ann am mì-rùn, agus am farnad, fuath-thoiltean-nach agus a' toirt fuath d'a chéile, ach an uair a dh' fhoillsicheadh caoinbheas agus gràdh Dhe ar Slànuighir do dhaoiné—cha 'n ann o oibrìbh fireantachd a rinn sinne, ach a réir a thròcair féin shaor e sinn, tre ionnlad na h-athghineamhuin, agus athnuadhachadh an Spioraid Naoimh, a dhòirt e oirne gu saobhair, tre Iosa Crìosd ar Slànuighear; chum air dhuinn bhì air ar fireanachadh tre a ghràs-san, gu'm bitheamaid air ar deanamh 'nar n-oighreachaibh a réir dòchais na beatha maireannaich.”

“An sin rug a' bhuidheann, agus an ceannard, agus maoir nan Iudhach air Iosa, agus cheangail iad e.” Bha fhios air Iudas gu maith nach robh e an rùn Iosa feuchainn ri teicheadh; bha fhios aige gu'n rachadh e leò mar uan a chum a chasgraidh agus nach fhosgladh e a bheul, ach sibhse, a mhaoir agus a cheannardan, ciamar a bhiodh fhios agaibh-se gu'n robh an neach naomh so eucoltach ris gach duine eile a cheangail sibh, agus gu'n rachadh a leibh gu toileach? An cuala sibh sibh riamb iomradh air *bannan gràidh*? Mur cuala, faicibh iad a nis. Is e bannan a ghràidh a tha toirt air an neach naomh so gluasad cho iriosal agus cho séimh maille ruibh. O a cheannardan! a cheannardan! Na'n robh fhios agaibh eò a tha sibh a' tarruing do'n bhaile a nochd mar fhear-reubainn! Ach tha sin air fhòlach oirbh. O Iudais, Iudais, ciod a tha thusa ag ràdh? Ciod na smuaintean dìomhair a tha 'n ad chridhe-sa a nochd! Innis dhuinn, a duine thruaigh; innis dhuinn. O, nach b' fhèarr dhomb nach do rugadh riamb mi!

“Agus air do na deisciobuil uile a thréig-sinn, theich iad. Ach lean Peadar e fada uatha, agus chaidh e steach, agus shuidh e maille ris na seirbhisich, a dh' fhaicinn na crìche.” An do thionndaidh thu riamb, a dhuine, do chùl air caraid? An d' fhan thu 'n a'd' thosd agus thu 'g a chluinntinn air a chùl-chàineadh, agus air a dhìteadh le fianuisèan-bréige? An do shuidh thu riamb aig teine cuid-eigin, no aig bòrd cuid-eigin, ag éisdeachd ri breugan is droch-thuaileas air an togail air do charaid air a chùl, agus gun de dhìlseachd no de dhuinealas annad na sheasadh e? Air sgàth a' bhìdh mhaith a bha thu ag itheadh, agus air sgàth na dibhe

a bha thu ag òl, shuidh thu aig a' bhòrd, a' caogadh do shùla is a' gogail do chiun, a ghealtair thruaigh, agus da charaid air a leòn an meag a chàirdean. Fosgail do shùilean agus seall air so, a ghealtair shaorta; seall air an éiric a thugadh air do shon, agus air son do ghealtachd—Iosa Crìosd ann an làmhan nan eucorach, agus fo theangaidhean nan eucorach, agus Peadar, a charaid taghta, a' mionnachadh nach b' aithne dha riamb e. Seall! Seall! a dhuine! “Cha 'n aithne dhomh an duine,” arsa Peadar. Sin an saighead a chaidh troimh chridhe Iosa, guth Pheadair a' glodhach, “cha 'n aithne dhomh e.”

An cuala tu riamb am facal so, *ifreann air a leigeil mu sgaol*? Ma bu mhaith leat ifreann fhaicinn mu sgaol, tuigainn gu talla Chaiaphais oidhche na Càisge, agus seall air an toibheum a tha dol air aghaidh an sin. “Thig iad smugaid 'n a aodann, agus bhuail iad le 'm basaibh e, ag ràdh, Dean fàidheadaireachd dhuinn, a Chrìosd, cò a bhuaill thu? Agus rùisg iad e, agus chuir iad uime falluinn sgàrlaid, agus crùn-droighinn air a cheann, agus slat 'n a làimh, agus air dhaibh an glùn a lùbadh dha gu magail, thubhairt iad. Fàilte ort, a Rìgh nan Iudhach. An uair a chunnaic na h-àrd-shagairt agus na maoir e ghlaodh iad, ag ràdh, Ceus e, Ceus e. Agus ceus iad, e maille ri dà fhear-reubainn, fear dhiubh air gach taobh d'heath, agus Iosa anns a' mbeadhon.” Agus ann feadh 's a bha na nithean uamhasach sin a' tachairt, bha Dia nèimh agus na talmbhainn 'n a thosd; Dia agus athair ar Tigh-earna Iosa Crìosd—bha e 'n a thosd, ged bha e a' faicinn agus a cluinntinn àmhghar agus masladh a Mhic. C' ar son a bha Dia 'na thosd? Bha, a chionn gur e féin a dh' òrduich agus a dh' ullaich an àmhghar agus ann masladh ud d'a Mhac, a chum gu'n cuireadh e as an rathad gur bràth cionta agus gràinealachd agus mallachd a' pheacaidh. Sin agad an t-aobhar gu'n robh Dia 'n a thosd. O! uamhas a' pheacaidh agus gràinealachd a' pheacaidh an làthair nèimh!

Thusa a tha 'n a'd' shuidhe aig bòrd a' chomanachaidh an diugh, aem faca tu riamb oleas agus gràinealachd do chridhe féin? Ma chunnaic, bidh e 'na ionghnadh dhuit e' ar son nach eile daoine eile a' tilgeil smugaid ort; ort-sa aig a bhòil cridhe cho dùbailte, agus cho cealgach, agus cho guineach, agus cho farnadach, agus cho salach, ri ifreann fhéin agus ris na deamhain fhéin. Ma thug Dia sealladh dhuit air do chridhe fhéin, tuigidh tu e' ar son a bha smugaidean air an tilgeil anns an aodann naomh an oidhche ud. Ach mur leagh sin do chridhe, thig leanu gu Calbhari, agus faic an neach naomh so

air a thogail suas air a' chrann mballaichte air do shon-sa; fheòil air a reubadh agus a ehnàmh air am bruthadh, gus an do sgàin iad uile o chéile. Ach cha chualas o na bilean naomh ach so, "Athair thoir maith-eanas dhaibh, oir cha 'n' eil fhios aca ciod a tha iad a' deanamh." Cha robh fhios aca-san, ach tha fhios agad-sa agus aig gach duine eile d' an aithne e féin mar cheann-feadhna nam peacach. Och nach b' uisge mo cheann, agus nach bu tobar dheur mo shùilean a chum gu'n guilinn a là agus a dh' oidhche ann an companas mo shlànuighir 'n a fhulangas!

Ach a thaoibh bàs ar Tighearna cha robh eadhon ann an àmhghar Ghetsemane agus anns an tàir a rinneadh air ann an talla Chaiaphais agus air beulaobh Philait agus Heroid.—cha robh annta ach mar gu'm biodh a' chuir-a-mach d'a fhiosrachadh agus d'a fhulangas. B'e Calbhari an t-ionad ro-naomh, agus an crann-ceusaidh àite na h-altarach, agus b' ann mu'n t-seatbann uair a thòisich an lobairt a bhí air a tairgsinn 'na h-iomlanachd. "Agus bha dorchadas air an tìr uile gus an naoieamh uair." Ged labhrainn le teangaibh dhaoine agus aingeal cha b' urrainn mi innseadh dhuibh ciod a dh' fhuiling Iosa 'n a chorp agus 'n a anam fad nan trì uairean dorcha sin. Tha e os cionn ar tuigse. Ach aig an naoieamh uair, ghlaodh e le guth àrd, "Mo Dhia, mo Dhia, c' ar son a thréig thu mi? Agus beagan 'n a dhéidh sin ghlaodh e, "Tha e crìoch-naichte"; agus air dha an obair a thug Athair dha a chrìochnachadh, chrom e a cheann agus thug e suas an deò.

"An sin an déidh dha fhalluinn a ghabhail, agus suidhe a ris, thubhairt e riu, a bheil fhios agaibh ciod a rinn mi dhuibh?" Tha, a Thighearna, tha fhios againn; tha fhios againn gu'n do ghràdhaich thu sinn le gràdh sìorruidh, agus gu'n tug thu do bheatha mar éiric air ar son.

ANNS A CHATHAIR.

Bha fannhairean air an talamh anns na làithibh sin, na làithean anns an robh mise anns an Oilthigh an Dunéideann. Agus b'e fear de na fannhairean an t-Ollamh Mac Ille Bhàin, am fear mu dheireadh de na fìor fhàidhean an Albainn. Air an t-seachdain so chaidh bha mi a' leughadh an leabhair anns an do sgrìobh a charaid òg, G. F. Barbour, eachdraidh-beatha an t-searmonaiche so; an uair a bha mi 'ga leughadh thàinig iomadh cuimhneachan air ais thugam, air chor agus gu'n robh mi mar gu'm bithinn a' cluinntinn a ghutha agus a' faicinn aodainn a ris, mar a b' àbhaist dhomh a chluinn-

tinn air feasgair Shàbaid anns a' chùbaid. Bha coslas agus cumhachd na diadhaidheachd 'na aodann.

Anns an àireamh so tha mi dol a chur comain ort, a leugbadair, le fear de shearmoin an Ollaimh Mhic Ille Bhàin a thoirt duit, ged a chuireas sin saothair as motha orm na chreideas tu, oir cha 'n' eil e idir furasda an seòrsa shearmon a bhiodh esan a liubhairt am Beurla a thionndadh gu Gàidhlig. Ach is fhiach iad dragh a ghabhail riu, oir bha brìgh is beatha is diadhaidheachd annta daonnan; smior a' chruithneachd. Ach bu mhaith leam beagan seanchais mu'n duine fhéin a dheanamh riut cuideachd; ar làmhnan a bhlàthachadh aig a theine.

"Is bann-mhaighstir cudmhor a' chùbaid; cha 'n fhuiling i ach duine a bheir dhi a ghaol slàn." Sin facal a labhair an t-Ollamh Mac Ille Bhàin uair-eigin ri minis-tearan òga, agus cha robh miustear eile an Albainn 'n a linn a thug gaol cho slàn do'n chùbaid 's a thug e fhéin, mo ministear eile a choisrig uile bhuidhean a chuirp, agus a chinn, agus a chridhe, do shearmonachadh, mar a rinn e. Agus bha a' bhuil; b' fhiach a shearmoin éisdeachd riu; bha iad mar fhacal an Tighearna féin, "beò agus cumhachdach, agus na's géire na claidheamh dà-fhoabhair air bith, a' ruigheachd eadhon chum eadar-sgaraidh an anama agus an spioraid, agus nan alt agus nan smear, agus a' toirt breith air smuaintibh agus rùintibh a chridhe."

An uair a bha e fhéin agus an t-Ollamh Iain Kelman còmhla anns an aon eaglais, bhiodh cuid ag ràdh gu'm biodh an dara fear dhiubh a' seasamh nam peacach agus a gabhail an lethsgheil, agus am fear eile a' smàdadh nan naomh agus 'gan dìteadh. An uair a ghabhadh an t-Ollamh Mac Ille Bhàin coinneal na Fìrinn agus a rachadh e a steach d'a chridhe fhéin agus do chridheachan a luchd-éisdeachd a rannsachadh a nach nan aoidhean ain-diadhaidh a bhios a' còmhnuidh, anns a' chridhe, b' ion duit eagal a ghabhail agus ball-chrith. Bha e a' faireachduinn gu'n do leag Dia air mar dhleasdanas dearbhachd a thoirt d'a ghineil mu pheacadh, agus mu fhìreantachd, agus mu bhreitheanas. Sin na nithean air am biodh e daonnan a' labhairt; naomhachd Dhé, dìomhairachd is aingidheachd cridhe mhic an duine, am feum a tha aig daoine air a bhì buanachadh ann an ùrnuigh, agus a' smachdachadh toil na feòla. Bha fhios aige nach robh e a' còrdadh ri cuid d'a choimhthional e bhì daonnan a' bruidhinn mu'n pheacadh, no e bhì bruidhinn uime féin agus mu na naoimh mar nach robh annta ach coin no cnuimhean na tabhainn. Aon sàmhradh a bha e ann

am Baile-Mac-Ara ghleachd e ris a' cheist so mar a ghleachd Jacob ris an aingeal, ann an teagamh co dhìu a bu chòir da leantainn air mar a bha e a' deanamh, no bu chòir da anns a' chuid sin d'a mhinistrealachd a bha air thoiseach air an tuilleadh cudthrom a chur air cuiridhean gràmhor an t-soisgeil. A' cheud searmon a thug e seachad an dèidh dha dol air ais, labhair e uime so, agus dh' innis e gu'n robh e greis ann an iom-chomhairle, ach, ars' esan,

“Thàinig guth thugam a labhair ri mo choguis le ùghdarras bho nèamh, ag ràdh, Na stad thusa, agus na ceil thusa ciod e tuarasadal a' pheacaidh. Rach air t' aghaidh agus na meataich. Glaoth gu h-àrd agus na biodh eagal ort; crìochnaich an obair a thugadh dhuit ri dheanamh. Thoir orra iad fhéin fhaicinn ann an lagh naomh an Tighearna, mar ann an gloine. Dean sin gun fhiamh, oir mur dean thusa e, cha dean duine eile e; cò an duine eile a chuireadh cliù agus soirbheachadh a mhinistrealachd an cunnart? Ach coma leatsa cliù do shearmonachaidh; rach thusa air t' ais agus innis do mo shluagh-sa am peacadh agus an aingidheachd, agus am feum a tha aca air mo shlàinte.”

Ach ged a bheireadh e air cridheachan dhaoine tuiteam 'n an com, an uair a bhiodh e a' rannscadh agus a sgrùdadh an coguis-ean a thaobh pheacaidhean dìomhair, bha e 'n a shearmonaiche soisgeulach, daonnan ag àrdachadh saor-ghràs an Tighearna do pheacach. B'e aon de na cinn-theagaisg a bu bhitheanta air an biodh e a' labhairt. “Beannaich an Tighearna, O m' anam, agus moladh gach ni a ta an taobh-a-stigh dhiom ainm naomh-san,” agus cò riamh a chual e air feasgar comanachaidh a' labhairt air a mhaithneas, agus air an t-slànuachd, agus air an t-saorsa, agus air a bheathachadh a tha Dia a' toirt d'a shluagh, a b' urrainn a dhìchuimhneachadh! Is e aon de na nithean air son an bi mise a' beannachadh ainm an Tighearna mi fhéin, gu'n cuala mi an duine so ann an làithean m' òige.

A mach o ghràinealachd a' pheacaidh, b'e an cuspair eile a bu trice air am biodh e a' bruidhinn, ùrnuigh—gu'm feumadh daoine gleachd ri Dia gun sgur ann an ùrnuigh air ghaol an anam a thearnadh. Agus cha dèchuimhnic mi gu bràth cuid d'a ùrnuigh-ean fhéin.—ùrnuighean anns an robh ìrios-lachd, is urram diadhaidh, is sòluimteachd, is cumhachd an Spioraid Naoimh.

Bha clàss Biobuill aige nach fhacas a leithid eile riamh, ceithir no còig de cheudan (a' chuid mhòr dhiubh, gillean òga, ach bha seann dhaoine ann cuideachd) a' suidhe aig

a chasan mar gu'm b'e Rabbi a bha ann. Agus b'e sin a bha ann, fìor Rabbi; sgrìobhaiche ealanta agus ionnsaichte d'am l' aithne nithe nuadh agus sean a thoirt a mach as an ionmhas a bha aige. Bha mise a' dol do'n chlass sin còig bliadhna, agus cha deachaidh mi riamh ann gun rud-eigin fhaotainn ann a bheathachadh m' inntinn agus mo spioraid: dh' fhosgail e mo shùilean mar nach do rinn ach fear no dhà de'n luchd-teagaisg a bha anns a' chollaiste. Bha gaol anabarrach aige air leabhraichean briogh-mhor, agus dhùisg e an gaol sin ann an daoine eile.

An diugh cha chluinnear ach uair glé annamh ministear ag earalachadh air daoine ullachadh air son a' bhàis, ach cha do leig an t-Ollamh Mac Ille Bhàin le choimhthional am bàs a dhìchuimhneachadh. Bhiodh e ag innseadh dhaibh na leabhraichean a bhiodh aige ri ceann a leapa a dh' fheitheamh air an uair sin—na Sailm, agus Iain Bunian, agus Plato, agus Bellarmine, agus Fois nan naomh, agus na laoidhean so, *Chreag a sgoilt-eachd air mo sgàth, Iosa thug do m' anam gràdh, Tha sruth mo ré a' tràghadh*. Bhiodh na briathran gu tric air a bhilean, Ciod a ni thu ann an onfhadh Iordain? Agus b'e sin an ceann-teagaisg mu dheireadh air an do shearmonaich e.

Ann am feasgar anmoch a bheatha sgrìobh e an litir so gu Seumas Robertson, D.D., a bha 'n a cheann-suidhe air an t-Seanadh againne bho chionn beagan bhliadhnanach:—

“Mòran taing dhuit air son do litreach, a bhràthair. Tha mise mòran na's breòite na thusa. A thaobh m' anama agus mo spioraid, tha mi a' toirt thairis nan làithean a thug Dia dhomh ann am feasgar fann mo bheatha gu bhì ag ullachadh mo chridhe fhéin agus a' gabhail cùram do m' fhion-lios féin. Na sgrìobturan as am bithinn a' deanamh shearmon do dhaoine eile, Daibhidh, agus Isaiah, agus Pol, tha mi a nis 'gan tionndadh air mo chridhe féin agus a chum leas m' anama féin. Tha mi nis na's cinntiche na bha mi riamh gu'n do ghairmeadh mi a chum eòlas fhaotainn air plàigh mo chridhe féin, agus a chum spairn a dheanamh gus eòlas fhaotainn air Dia, agus air a mhac, agus air cumhachd an t-soisgeil a shearmonaich Pol. Agus is e m' ùrnuigh a h-uile maduinn,

*O m' anam feith gu faighidneach
Ri Dia a mhàin mar chleachd.*

*Oir ann-san tha mo mhuinghinn theuinn,
'S mo dhòchas féin gu beachd.*

An uair a bhios tusa dlùth ri Dia, agus tha fhios agam gu bheil thu dlùth dha a ghnàth, cuimhnic m' ainm-sa, a charaid'



MDCCLXXXVI.

An uair a ràinig an lighiche caomh, Oliver Wendell Holmes, ceithir fichead agus a dhà, sgrìobh e mar so: "Is toigh leam m'aois a chur sìos an litrichean mòra Romanach, LXXXII. Tha e mar gu'm biodh e a' deanamh m' òise urramach, agus 'gam chur 'n am shuidhe còmhla ri Abraham agus ris na h-aithrichean eile."

Bliadhna mhaith ùr dhuibh, a leughad-aircan uile; agus gach sonas is beannachd a chi Dia iomchuidh a thoirt duibh. B' fhada a' bhliadhna a chaidh seachad an uair a dh' amhairc sinn air thoiseach oirnn air a' cheud là de Ianuari, 1925; ach an diugh, an uair a sheallas sinn air ais, nach bu ghoirid a chaidh i seachad! Tha ar beatha uile mar sin; tha sinn a' caitheamh ar ùine mar sgeul a dh' innsear.

Ged tha làithean ar beatha a' dol seachad cho luath, cha 'n' eil rud eile air an t-saoghal a tha daoine cho neo-chùramach uime 's a tha iad mu 'n ùine. Nach 'eil òa uair dheug anns an là? Tha dà uair dheug ann gun teagamh, ach ma tha cuid de na h-uairean sin air an cur seachad ann an githeilis gun fheum, nach coma ciod am fad a tha anns an là. An abradh tu gu'n robh an duine so (fear de mhuinntir Chille-sgumain) ag ath-cheannach na h-aimsir?

8 a.m.—*Dhùisg e*; 8.20—*thionndaidh e air a thaobh chli*; 8.40—*thionndaidh e air an taobh eile*; 8.50—*rinn e mianan*; 9—*dh' èirich e*; 9.30—*ghabh e a bhraiceas*; 10—*ghabh e smog*; 10.30—*dhùin e a bhàrògan*; 11—*sheall e mach a dh' fheuchainn ciod an seòrsa latha a bha ann*; 11-12—*bha seanchas aige ri Seònaid Eachainn agus i a' dol do'n tobar*; 12.10—*chaidh e a steach is smog e trì làin na pìoba*; 1.30 p.m.—*ghabh e a dhìnnear*; 2—*ghabh e smog is leugh e mu na Bolsheviks ann an Tìm an Obain*; 2.45—*thubhairt e ri Iseabal gu'n robh an dùthaich ann an droch staid*; 3—*chaidil e air a' bheine gus an do dhùisg comhartich a' choin e agus Eòghan Bàn air tighinn a steach*; 3.30—*ghabh e fhéin agus Eòghan Bàn smog, is chuir iad sìos air Lloyd George*; 4.30—*dh' òl iad cupan tea is ghabh iad smog eile*; 5—*chaidh e greis de'n rathad le Eòghan Bàn*; 5.30—*sheall e a steach do'n t-sabhnull agus do'n bhàthaich*; 5.40—*dh' fharraid e do Iseabal an d' thug i biadh do na cearcan*; 6—*ghabh e smog*; 6.15—

bhròd e an teine; 6.30—*ghabh e a shuipear is ghearrain e air an annlann*; 7—*ghlan e a' phìob le ite is ghabh e smog*; 7.30—*chaidh e air chéilidh*; 10.30—*thàinig e dhachaidh*; 10.45—*chuir e dheth a bhàrògan*; 10.50—*gheuraich e a sgian is gheàrr e còrn a bha air a lùdaig*; 11.30—*ghabh e smog; thuir e ris fhéin gu'm feumadh e èirigh tràth am màireach agus uircad aige r'a dheanamh*; 11.50—*chaidh e a' lùighe, agus bhruidh e gu'n robh Seònaid Eachainn a' deanamh toll 'na lùdaig le gimleid, agus an t-Urramach Niall Mac Phàrlain, B.D., 'ga beannachadh.*

An uair a sheallas sinn air ar n-ais air a' bhliadhna a chaidh seachad, feumaidh a' mhòr-chuideachd againn aideachadh gu'n robh sinn neo-chùramach m' ar n-ùine, agus gu bheil a' bhuil sin ri fhaicinn an diugh. Obair air thoiseach oirnn air am bi e duillech dhuinn breith gu bràth tuilleadh, a chionn nach do rinn sin i aig an àm cheart. Ann am fear de na leabhraichean aig Laura Richards tha i ag innseadh na naigheachd so:—"An urrainn duit innseadh dhomh mu do choimhearsnach?" ars' an t-aingeal a bhios a' cur ghnòthuichean ceart.

"Is urrainn," ars' an duine driopail ris an aingeal, "tha mo choimhearsnach 'n a dhuine gasda; duine glic agus maith, agus àbhacach cuideachd; cha 'n iarrainn companach a b' fheàrr."

"Seadh," ars' an t-aingeal, "bhiodh sibh còmhla tric, am bitheadh?"

"Cha 'n urrainn mi a ràdh gu'm bitheadh," ars' an duine driopail; "a dh' innseadh na fìrinn, cha 'n fhaca mi e bho chionn greis mhaith. Ach tha e fodham fhaicinn gun dàil; bheir mi cuireadh dha tighinn gu dhìnnear leam a nochd."

"Cha ghabh sin deanamh tuilleadh," ars' an t-aingeal.

"C'ar son nach gabh," ars' an duine driopail.

"A chionn gu'n do chaochail e an diugh 's a' mhaduinn," ars' an t-aingeal.

Theagamh gu'm bior an naigheachd so coguis duine-eigin a leughas an duilleig so, ach is ann air a shon sin a tha mi 'ga h-innseadh. Am measg nam bòidean eile a bhios sinn a' cur oirnn fhéin aig toiseach na bliadhna, cuireamaid i so oirnn, nach toir sinn cadal do ar sùilean no clò cadail do ar rosgan gus an téid sinn a dh' amharc ar coimhearsnach tinn, a bu chòir dhuinn fhaicinn bho chionn fhada.

“Is fheàrr dol do thigh a’ bhròin no dol do thigh na cuirme,” ach ged a théid dhaoine gu cuirm air a’ cheud iarraidh, cuiridh iad glé bbitheanta dàil ann an dol do thigh a’ bhròin, agus thig an dàil gu dearmad, gus mu dheireadh an caill iad an cothrom. Their iad riu fhéin a h-uile latha, cha ’n urrainn mi dol a dh’ amharc mo charaid an diugh, oir tha mòran agam ri dheanamh, ach feuchaidh mi ri dol ann am maireach no an earar, ach thig am maireach agus an earar, is cuirear seachad iad ag itheadh agus a’ smogadh, a’ biathadh chearc agus a’ gearradh chornn, no ann an githeilil eile de’n t-seòrsa sin. Tha an càirdeas mar a chumar e; is dleas do gach duine cneasda a charaid a chuimhneachadh agus a thigh a thadhall an uair a thig tinneas no trioblaid ’n a charamh. Gheibh thusa, a leughadair, an leabhar dearg so air a’ cheud Shàbaid de’n bhliadhna ùir, an treas là de Ianuari, agus ma leughas tu an duilleag so an déidh dhuit tighinn dachaidh as an eaglais, mar a tha dòchas agam gu’n leugh, naomhaich an còrr de’n latha agus naomhaich an càirdeas, agus leig gach dleasdanas eile a tha agad r’a dheanamh seachad agus rach a dh’ amharc do charaid a tha air a leabaidh. Ma dh’ fheumas tu taghadh eadar sin agus an searmon-feasgair, leig seachad an searmon agus faic an duine tinn.

Tha e furasda do gach seòrsa dhaoine an ùine a chur seachad ri githeilil gun fheum ach tha e furasda do mhinistearan gu sònruichte, oir cha ’n ’eil iad fo riaghladh maighstir air bith agus faodaidh iad an là a chaitheamh mar a thoilicheas iad. A thuilleadh air sin, tha fichead rud gun tairbhe a dh’ fhaodas iad a bhith deanamh nach buin gu ceart d’ an obair fhéin, ach a chumas ’n an ruith iad fad an latha air chor agus gu bheil a choslas orra a bhì anabarrach dìchiollach agus trang. Ach cha ’n’ eil tlachd aig Dia ann an casan dhaoine a bhios a’ ruith air thurusan gun fheum, no ann an corragan dhaoine a bhios a’ cur an corragan ann an nithean nach buin daibh.

Is e am buaireadh a tha gu furasda ag iadhadh mu mhinistearan dearmad a dheanamh air an àithne a thug Pol do Thimoteus, *Thoir d’ aire do leughadh*. Ann an obair na ministrealachd bu chòir do’n chùbaid a’ cheud àite fhaotainn; agus cha ’n urrainn duine air bith teagasg gu ceart anns a’ chùbaid, bliadhna as déidh bliadhna, mur bheil e a’ cur seachad ceithir no còig a dh’ uairean a h-uile latha ag obair gu cruaidh am measg a leabhraichean. Ma tha ministear a’ dol suas do’n chùbaid, agus gu’n e ullachte ’n a

chridhe agus ’na inntinn agus ’n a bhriathran air son na seirbhis naomh, is dona an lethseul dha gu’n robh e ro dhriopail fad na seachduinn agus nach robh ùine aige. Ciod a tha sin a’ ciallachadh ach gu’n robh e ro dhriopail air son a dhleasdanas a dheanamh? Ciod an tairbhe a tha ann do mhinistear a bhiodh e anns a’ chathair aig coinneamh air chor-eigin a h-uile oidhche, agus ged a sgrìobhadh e deich litrichean a h-uile latha gu bòrd an fhearainn air son dhaoine air a bheil tarbh no reithe no coileach a dhìth, ma tha e a’ deanamh dearmad air a leughadh agus air a shearmonachadh. “Iad so bu chòir dhuibh a dheanamh agus gun iad sud a dhearmad.”

Tha na làithean a’ dol seachad agus na bliadhnanachan, agus mòran againn fhathast r’a dheanamh, ach mur bi sinn eòrach mur n-ùine bidh ar beatha uile coltach ri fearann an duine leisg, làn chluaran agus fheanntagan. Cha ’n e mhaighstir gu bheil ar làithean goirid ach tha iad neo-chiunteach mar an ceudna. Is iomadh duine a tha glé luath làidir an diugh nach faic crioch na bliadhna. Bitheamaid glic, mata, agus deanamaid gu coguiseach ciod air bith an obair a thug Dia dhuinn r’a dheanamh mu’n tig an oidhche anns nach urrainn duine obair a dheanamh.

ANNS A CHATHAIR.

Chual an saoghal uile iomradh air each bàn Chalum-chille, an t-each a bhiodh a’ giùlan no a’ tarruing an duine naoimh an uair a dh’ fhàs e sean is anfhann. Bha meas mòr aig Calum air an each, agus b’ ion da, oir bha gaol aig an each air; an uair a bha Calum dlùth do’n bhàs thuig an t-each bàn gu’n robh rudeigin ceàrr, agus bha e duilich do na bràithrean a chumail air falbh bho’n dorus, agus e a’ sitrich gu muldach ag iarraidh a mhaighstir.

Tha còrr agus trì cheud deug bliadhna bho na shiubhail Calum-Cille, ach air an t-seachduin so chaidh chuala mi naigheachd mu’n each bàn so a bu mhaith leam innseadh. Ghiorraich an naigheachd an t-slighe agus mi a’ tighinn dachaidh á Dunéideann air a’ charbud-iaruinn.

Thachair dhomh dol a steach far an robh duine a b’ aithne dhomh, duine nach fhaca mi bho chionn iomadh bliadhna, agus fad greis mhaith de’n rathad bha ar seachas mu dhaoine a b’ aithne dhuinn; esan a’ foighneachd dhicm-sa mu’n duine ud agus mise a’ foighneachd dheth-san mu’n duine ud eile.

Mu dheireadh thug sinn tarruing air duine nach fhaod mi ainmeachadh, duine a bha anns an Oil-thigh còmhla rium, ach nach fhaca mi bhuaith sin. “An uair mu dheireadh a chunnaic mise e,” arsa Mgrh C. (mo chompanach) “bha e a’ liubhairt òraid ann an Ionarnis mu Chalum-cille, agus tha naigheachd agam dhuit mu ’n òraid sin.”

“Cha ’n ’èil cuimhne agam air dad a thubhairt e,” ars’ esan, “ach a mhàin aon nì: aig deireadh na h-òraid dh’ innis e gu’n d’ fhuaras bho chionn beagan bhliadhnan ann an I cnàmhan eich a bha air an tiodh-lacadh gu cùramach ann an uaigh dhomhain a bha còmhdaichte le leacan mòra cloiche, agus gu’n robh e glé choltach gur e cnàmhan an eich bhàin aig Calum-cille a bha ann.”

“Ann an 1911 thachair dhomh a bhi ann an I, agus dh’ fhorfhaisich mi mu na cnàmhan so a fhuaradh. Bha na cnàmhan air am faotainn ceart gu leòir, agus dh’ innis muinntir an eilein dhomh gu’n robh iad fo chùram croiteir sònruichte. An uair a chaidh mi ’g a fhaicinn thuir an croitear so rium gu’n robh na cnàmhan ann an gleidheadh aige-san, ach gu’n robh iomadh latha bho nach do sheall e orra. Bha na cnàmhan aige air lobhtaidh ann an bocsa, ach ged a thug e thugam am bocsa, cha robh de eòlas agam-sa air cnàmhan na dheanadh a mach eòd an seòrsa a bha ann. Ach chunnaic mi fiacaill no dhà a bha coltach ri fiacalan eich, agus dh’ fharraid mi dheth am faotainn té dhiubh a thoirt leann. Thuir e gu’n faodadh, agus thug e dhomh té de na fiacalan, ach dh’ innis e dhomh ciod a thach-air an uair a chual an Diuc gu’n tugadh fear de na cnàmhan air falbh uair-eigin do’n Oban. Thug e air an fheadhainn aig an robh e a chur air ais.”

“Dh’ innis e dhomh cuideachd mar a fhuaradh na cnàmhan, agus leig e fhaicinn dhomh an t-àite, agus rinn sin na bu chinntiche mi na rinn seachas an òraidaiche gur e fiacaill an eich bhàin aig Calum-cille a bha agam gun teagamh.”

“An ath uair a bha mi ann an Lunnainn thug mi leam i, is chaidh mi leatha gu Sir Arthur Keith. Cha robh ùine aige am feasgar a thadhaill mi air ach air aon sùil a thoirt oirre, ach thuir e gu’m faodadh e bhith gur e fiacaill eich a bha ann, ach co dhìù gu’n robh i anns a’ ghainmhich na ceudan bliadhna. Thuir e gu’m feumainn cnàmh mòr na sléide a chur thuige ma bu mhaith leam an gnothuch a chur an dara taobh, a thaobh a’ bheathaich a bha ann, agus an ùine a bha e fo’n talamh.”

“Sgrìobh mi a dh’ ionnsuidh an fhir aig an robh na cnàmhan ann an I, ach cha robh

e furasda dhuinn an toiseach a chéile a thuigsinn mu’n fhìor chnàmh a bha dhìth air Sir Arthur Keith, no còrdadh mu’n ghnothuch idir, ach mu dheireadh chaidh an cnàmh do Lunnainn, agus an fhiacaill cuid-eachd. Ach is duilich leam a ràdh gur e am fios a chuir Sir Arthur Keith thugam, nach e cnàmh no fiacaill eich a bha ann idir ach cnàmhan daimh no mairt, agus gu’n robh iad anns an talamh mìle bliadhna no suas ris.”

Sin agad, a leughadair, mar a mhillas solus na firinn naigheachd mhaith. Cìod nach tugadh an duine caomb nach maireann, an t-Ollamh Seumas Cooper, D.D., air fiacaill an eich aig Calum-cille fhaotainn an crochadh m’a mhuineal?

* * * * *

Ann an leabhar as bitheanta a bhios air mo ghlùn, *Foclair a’ Bhiobuill aig Hastings* tha naigheachd air a h-innseadh anns an dara leabhar (duilleag 750) a chuireadh Calum na Cròige fhéin air uilinn. Am meadhon an t-seanchais a tha Ed. König a’ deanamh mu leabhar Ionaih gheibhear an naigheachd so. —“A réir urrainn Ghearmailteach, bha Seumas Bartley, sealgair mhuca-mara, air a shlugadh le muic-mhara air latha sònruichte ann am Februari, 1891, ach an ath latha bha a’ mhuc-mhara air a marbhadh leis na sealgairan, agus thug iad a mach Seumas Bartley as a broinn beò. Bha e ann an pais-eanadh agus gun a thùr aige an uair a thugadh aise e, agus bha e duilich do no na seòladairean eile a thoirt thuige fhéin. Cha d’ fhuair e a chiall air ais gu cionn trì mìosan.”

Ann an 1906 sgrìobh an t-Urramach A. Lukyn Williams gu paipear mu’n ghnothuch, a’ farraid am b’ urrainn Ed. König fhéin, no duine air bith eile, fianuis chothromach a thoirt seachad mu’n chùis; ainm na luinge, is ainm an sgiobair; an t-àite anns an do thachair e, agus an t-àm.

Fhreagair Ed. König an litir e fhéin, agus so mar a fhreagair e. “A réir paipearan-naigheachd Shasunn, as an tug am paipear *Aurora* ann an Canada an naigheachd, bha an soitheach *Reul na h-àirde ’n Ear* dhlùth do chladach eileanan Falkland ann am Februari, 1891, a’ sealg mhuca-mara. Chuir i a mach dà gheòla a dhol as déidh muice a chunnacas a’ séideadh: an uair a bha a’ mhuc-mhara a’ sloistreadh na fairege, agus i air a leòn, thug i buille d’a h-earball do thé de na geòlachan is chuir i fodha i. Thog a’ gheòla eile na daoine air fad ach dithis. An ceann greis fhuair iad fear de’n dithis a chailleadh, agus gun an fear ann, ach cha robh sealladh air an fhear eile, Seumas Bart-

ley. An uair a bha a' mhuc marbh thòisich a' gheòla air a tobhadh a dh' ionnsuidh an t-soithich, agus an déidh dhaibh a ceangal ris an t-soitheach thòisich iad air a gearradh. Bha iad ag obair oirre là is oidheche, ach an dara là an uair a dh' fhosgail iad a goile, dh' fhàs an sùilean cho mòr ri truinnsearan, oir faicear an companach, Seumas Bartley, ann am broinn na muice-mara. Cha robh tìr no faireachadh aige, agus theab nach b' urrainn daibh a thoirt gu mhothachadh. Cha 'n fhaigeadh iad dìog as an toiseach; bha iad 'g a eiridinn tri seachduinnean m' an tàinig a thùr agus a chainnt thuige. An déidh làimhe thuirt e gu'n robh cuimhne aige a bhi air a thilgeil suas do'n adhar, agus an sin a bhi air a shlugadh. 'Bha mi mar gu'm bithinn ann an guitear sleambhain,' ars esan, 'ach an ath mhionaid fhuair mi mi-fhéin mar gu'm bithinn am am poca mòr. Bha e duilich dhomh m' anail a tharruing, agus bha an teas uamhasach, agus thàinig e 'n am inntinn gu'm bithinn air mo bhruich beò. Theab mo cheann sgàineadh leis na smuaintean eagallach a bha tighinn thugam, ach gu fortanach chaill mi mo mhothachadh.' Am measg shebladair-ean eile bha Seumas Bartley air a chunntas 'na dhuine rucasach, misneachail, ach riamh bho na thachair sud dha, thàinig seòrsa de mheatachd ann, is bidh e gu tric 'ga fhaicinn fhéin fhathast mar gu'm biodh e air bheul a bhi air a shlugadh leis an uilbheist. Leis mar bha e air a shuathadh le sugh a goile tha a chraicinn a nis air cruadhachadh mar gu'm biodh paipear."

Ach cha do leig Mghr. Williams leis a' ghnòthuch stad aig a so; sgrìobh e gu *Lloyds*, a dh' fheuchainn am b' urrainn daibh inns-eadh dha an robh a leithid de shoitheach ann is *Reul na h-àirde 'n Ear*, agus ma bha, c' àite an robh i ann am Februaire, 1891, agus cò an sgiobair a bha oirre.

So am fios-freagairt a chuir *Lloyds* air ais.

"Sheòl an soitheach *Reul na h-àirde 'n Ear*, á Auckland, N.Z., air an t-seachdamh là fichead de Dheceamber, 1890, a dhol do New York, agus ràinig i am port sin air an t-seachdamh là deug de April, 1891. Sheòl an soitheach so fo bhratach Bhreatainn; agus b'e ainm an sgiobair, Capitein Killam. Reiceadh i 'n a dhéidh sin; buinidh i a nis do I. F. Whitney & Co., Sràid na Staide, New York, U.S.A., agus is e ainm an sgiobair aice Capitein Dill."

B'e an ath rud a rinn Mghr. Williams sgrìobhadh gu Capitein Killam; agus is e

so an litir a chuir bean Chaiptein Killam air ais.

"Nova Scotia,

November 24, 1896.

"Dh' iarr an duine orm 'ur litir a fhreagairt, agus innseadh dhuibh nach 'eil facal firinn anns an naigheachd a tha air a h-innseadh mu'n t-soitheach anns an robh e ann an 1891, *Reul na h-àirde 'n Ear*. Bha mise còmhla ris innte, cho fhad 's a bha e innte, agus cha 'n fhaca is cha chuala mi riamh gu'n do chailleadh duine innte. Cha robh Seumas Bartley ach ag innseadh an rud ris an abair na sebladair-ean *Yarn*. Ach ma gheibh sibh greim air a' phaipear-naigheachd anns an robh an yarn so, bu mhaith leam fhaicinn."

Sin agad a ris, a leughadair, mar a mhilleas solus na firinn naigheachd mhaith.

* * * * *

Tha cuid de dhaoine ann nach cuir dealachadh air bith eadar dath is dath; cha 'n aithnich iad geal o bhuidhe, no dearg o uaine. A thaobh dhathan tha iad mar gu'm biodh iad dall. Sin dìreach mar tha cuid de dhaoine a thaobh na firinn; cha 'n aithnich iad dreach na firinn agus cha mhò a dh' aithnicheas iad dath nam breug.

Bha mise am beachd aon uair gur e cion sgoile a bha cur na doille so air sùilean dhaoine, ach tha amharus agam a nis nach e sin idir is coireach dha, ach rud-eigin eile. Oir tha e a cheart cho furasda toirt air daoine a fhuair deagh sgoil naigheachd air a bheil dath nam breug a chreidsinn 's a tha e toirt air daoine aig nach 'eil sgoil idir a creidsinn. Mar is sinne tha mi a' fàs is ann is làidire a tha mi am beachd nach 'eil sgoil ag atharrachadh ann an dòigh air bith an seòrsa inntinn a tha aig duine gu nàdurra. Ma tha inntinn A.I. aig duine gu nàdurra, ni an duine sin a rathad anns an t-saoghal agus anns a' ched gu m'òrbhuileach, ged nach biodh facal sgoile 'n a cheann. Is e fìor chomharradh na h-inntinn A.I. *nach mill an sgoil i*. Ach mur bheil aig duine gu nàdurra ach inntinn C.3, ged a lionadh tu ceann an duine sin le sgoilearachd gus nach gabhadh an còrr dinneadh ann, cha deanadh tu inntinn A.I dhi.

An uair a bhios mi air son fhaotainn a mach co dhiu a tha aig duine inntinn A.I no inntinn C.3 no inntinn D.4, is coma leam cò an sgoil anns an robh e no ciod a rinn e innte; is e an dearbhadh a bhios mi a' cur air, an aithnich e an fhirinn agus a' bhreug air an dreach agus an àileadh cho cinnteach 's a gheibh cuinnlean na h-abhaig àileadh an t-sionnaich.



SEARMON DO'N OIGRIDH.

(Bha an searmon so air a liubhairt an eaglais Bhlàir an Atholl do dhaoine òga agus do chloinn air feasgar na dara Sàbaid de'n bhliadhna ùir. Tha mi nis 'g a chèr a mach air an duileig so, an dòchas gu'n leugh pàrantan anns a' Ghàidhealtachd d' an cloinn e, a dh' fheuchainn an cuir e 'n an cuimhne féin agus an toir e gu aire na cloinne gu bheil obair aig Dia dhaibh 'n a eaglais).

Fuiling thusa cruadal mar dheagh shaighdear Iosa Crìosd. An t-abstol Pòl.

Cò agaibh a b' urrainn innseadh dhomh c' àite a bheil *Raratonga*, no cò agaibh a b' urrainn innseadh dhomh ciod is ciall do'n fhacal *glagaireachd gun tìr*? Theagamh nach cuala sibh riann ionradh air an àite sin, ach tha mi an dòchas gu'm bi fhios agaibh, m' an crìochnaich mise mo sheanchas an dràs, c' àite a bheil *Raratonga*; agus gu'm bi fhios agaibh cuideachd ciod is ciall do'n fhacal, *glagaireachd gun tìr*.

Tha trì rìoghachdan anns an t-saoghal, nach 'eil ach beag air a' mhap, aig a bheil ainm is cliù ann an eachdraidh an t-saoghail, nach 'eil aig rìoghachdan as motha na iad,— A Ghréig, agus Palestin, agus Albainn. Anns na seann làithean bha Greugaich agus Iudhaich uasal as an dùthaich anns an d' àraicheadh iad, agus b' ion daibh a bhith; ach tha a' cheart aobhar againe a bha aca-san air a bhi uasal á tìr ar dùthchais fhéin.

Cha'n 'eil rud air an t-saoghal as gòraiche do dhaoine na bhi saòilsinn gur e farsuingeachd a crìochan a tha toirt inbhe is urram do rìoghachd. Faodaidh rìoghachd a bhi mòr air a' mhap agus gun a bhi innte ach crìonach a tha fàsachadh na talmhainn, agus faodaidh rìoghachd a bhi beag ach fhathast a h-àite-seasamh a bhi aice am measg mhaith-ean na talmhainn. Na creideadh sibhse, mata, an dara leth de'n ghlòramas a bhios sibh a' chuinntinn no a' leughadh anns na paipearan-naigheachd, glòramas a bhios a' feuchainn ri chur mar fhìachaibh oirbh gu e farsuingeachd a fearainn, is homhborachd a sluaigh, is àireamh a saighdearan, is tomad a marsantachd, a tha deanamh rìoghachd mòr is urramach is cliùteach am measg chàich. Cha'n e idir, ach an gaol air fireantachd is ceartas a tha ann an cridheachan a sluaigh.

Ged nach 'eil ann an Albainn ach dùthaich bheag chaidh a mic a mach air feadh an t-saoghail uile; cuid dhiubh a dh' iarraidh an fhortain air an son fhéin, ach cuid eile a thoir solus na firinn do na dùthchanna borb

is dorcha. An uair a thòisichear air na soisgeulaichean as ainmeile a chaidh a mach do threan céin a chunntas chithear gu'm buineadh cuid mhaith dhiubh do Albainn; Mungo Park; Daibhidh Mac an Léigh; Iain G. Paton; Alastair Duff; Seumas Chalmers; Alastair Mac Aoidh a chaidh do Uganda; Dòmhnall Frisale; agus an t-Ollamh Raibeart Laws an Livingstonia;—daoine a bha da rìreadh 'n an deagh shaighdearan Iosa Crìosd.

Is urramach an cliù e air duine air bith, gur deagh shaighdear e; ach is urramaiche air fad an cliù air, gur deagh shaighdear Iosa Chrìosd e. Is ann mu fhear de na saighdearan sin a bu mhaith leam seanchas a dheanamh ruibh an dràs; mu Sheumas Chalmers a chaidh le lòchran na Firinn do eileanan na h-àirde Deas. Tha mi an dòchas, a dhaoine òga, gu'm bi sibhse gaolach air a bhi leughadh mu obair an t-soisgeil ann an threan céin, agus mu na soisgeulaichean mòra a rugadh an Albainn. An uair a bhios sibh a' leughadh mu Dhaibhidh Mac an Léigh, no mu Sheumas Chalmers, no mu fhear air bith eile de na missionaraidhean a thug seachad am beatha uile do Dhia, tha sibh a' deanamh mar tha Pòl ag iarraidh oirbh a dheanamh, "cia b'e nithean a tha fìor, cia b'e nithean a tha urramach, cia b'e nithean a tha ionghràdhach, cia b'e nithean a tha cliùiteach, *smuainichibh air na nithean sin.*"

Rugadh Seumas Chalmers am baile Ionar-aora, agus ged nach robh ann ach mac clach-air, tha ainm an diugh anns an t-saoghal na's cliùitiche na ainm Mhic Cailein fhéin. Latha sònruichte a bha e anns an sgoil-Shàbaid leugh am ministear litir bho shoisgeulaiche a bha ann am Pìji, ag innseadh mu na daoine borb a bha anns an eilein sin agus mu na cleachdanan uamhasach a bha aca, agus an déidh dha an litir a leughadh, sheall e air na balaich a bha m'a choinneamh agus thuirt e riutha, "Cò aige a tha fhios nach 'eil balach air chor-eigin an so an diugh a théid a mach leis an t-soisgeul a dh' ionnsuidh nan daoine aineolach so?"

Bhòidich Seumas Chalmers 'n a chridhe fhéin gu'n rachadh esan ann, ach cha d' innis e sin do chàch, oir cha robh fhios aige ciamar a b' urrainn e dol do'n Chollaiste gun aigiod. M' an deachaidh e dhachaidh, an déidh do'n sgoil-Shàbaid tighinn a mach, chaidh e sìos gu taobh na h-aibhne leis fhéin agus rinn e ùrnuigh, ag iarraidh air Dia an

t-slighe a réiteachadh agus dorus fhosgladh roimhe. Ghabhadh e ùine ro fhada na'n toisichinn air inneadh dhuibh mu na dòighean iongantach anns an do fhreagair Dia ùrnuigh a' bhalaich, ach co dhùì fhuair e iarrtus is dùrachd a chridhe, agus mu dheireadh sheòl e á Lunnainn a dhol a mach mar shoisgeulaiche do eileanan na h-àirde Deas anns a' Phacific.

Theaganh gur e Samoa am fear de na h-eileanan sin as fhèarr is aithne dhuibhse, an t-eilean anns an do rinn R. L. Stevenson a dhachaidh, an uair nach leigeadh a' ghaoth an ear leis fuireach an Dunéideann. An iomadh dòigh bha R. L. Stevenson agus Seumas Chalmers gu maith eu-coltach ri a chéile; ach ged nach robh Stevenson ro thoigheach air a bhì ann an cuideachd phearsachan-eaglais bha meas mòr aige air Seumas Chalmers, agus sgrìobh e uime gu mbàthair mar so, "Cha b' urrainn duine eòlas a chur air Seumas Chalmers gun ghaol a ghabhail air; tha gu leòr de fhàilingean ann, coltach riinn uile, ach tha e cho mòr ri eaglais."

Nach gasda an teisteanas sin air duine sam bhìh, gu'm biodh e air a ràdh uime gu bheil e coltach ri eaglais! Tha fhios agaibh gur e Iosa Crìosd ar Tighearna an stéidh air a bheil an eaglais air a togail; mar sin cha bhì aon agaibhse gu bràth coltach ri eaglais mur bheil 'ur beatha air a freunhachadh agus air a stéidheachadh ann an Crìosd.

B'e an t-ainm a thug na cinnich air Seumas Chalmers, *Tàmate*, agus is e so mar a fhuair e an t-ainm. An uair a chaidh e air tìr ann an Raratonga, fear de na h-eileanan a tha air an ainneachadh air a mhar-aiche ainmeil Caiptein Cook, anns an àird an ear-dheas air Samoa (tha fhios agaibh a nis c'àite a bheil Raratonga, far an do shaothraich Seumas Chalmers fad dheich bliadhna) thàinig muinntir an àite mu'n cuairt air mar gu'm biodh sgàoth sheilleinean, a' foighneachd 'nan cainnt fhéin cò e, agus cia b' ainm dha, agus ciod a thug do'n eilein e. Dh' innis e ainm dhaibh, Seumas Chalmers, agus anns a' mhionaid ghlaodh fear dhiubh, *Tàmate*, *Tàmate*, agus e anabarrach mòr as fhéin gu'n rachadh aige air ainm an duine ghìl a ràdh gu ceart. Lean an t-ainm *Tàmate* ri Seumas Chalmers gu bràth tuilleadh. A bheil cuimhne agaibh air an ainm a thug muinntir Shamoà air R. L. Stevenson? B'e ar t-ainm a bha aca airsan, *Tusitala*; fear-inneadh sgeulachdan.

So mar a sgrìobh R. L. Stevenson mu obair nan soisgeulaichean anns na ceàrnaibh ud;— "M'an tàinig mi do na h-eileanan so bha beachdan docharach agam a thaobh m'missionaraidhean, agus droch bharaill air an obair, ach cha luaithe a chunnaic mi an obair agus

na daoine le mo shùilean fhéin na dh' atharraich mi mo bheachd. Cha'n 'eil ann an cainnt nan daoine a bhios a' cur sìos air missionaraidhean, agus air an obair, ach *glagaircachd gun tìr*." Theaganh gu'n tuig sibh a nis ciod a tha am facal so a' ciallachadh. Cha bu mhaith le aon agaibhse a bhì 'n ur glagairean, agus cha mhò a bu mhaith leibh a bhì gun tìr; feuchaibh, mata, nach bhì sibh a' cur sìos air missionaraidhean; daoine nach airidh sibhse no mise air barr-iall am bròige fhuasgladh.

Tha mòran dhaoine an dùil nach 'eil ann am beatha soisgeulaiche ach beatha bhochd; beatha gun sunnd, gun aighear, gun fheum. Saoilidh iad nach 'eil an obair a tha na soisgeulaichean a' deanamh an dara leth cho inntinneach no cho feumail ri obair sheòladairean agus luchd-lagha agus mharsantan. Ach cha 'n ann mar sin idir a tha. Cha 'n abair mise nach 'eil feum ann an obair mharsantan, ach is ann daibh féin a tha a' chuid as motha de'n bhuanachd a tha lean-tuinn an saothrach. Ach ged nach dean missionaraidh gu bràth fortan mar a dh' fhaodas marsanta no fear-lagha a dheanamh, tha an obair a tha e a' deanamh a' toirt dha cothrom air inntinn a thoirt suas do na nithean as àirde, air maith a dheanamh d'a cho-chreutairean, agus air a làithean a chur seachad a comh-oibreachadh maille ri Crìosd.

An àite a bhì cur seachad am beatha gu dìomhaineach, gun dad aca ri dheanamh ach a bhì leughadh a' Bhiobuill do dhaoine dubha nach 'eil 'ga thuigsinn, tha fichead rud eile aig na soisgeulaichean a tha dol thairis ri dheanamh; tha obair aca a chumas an inntinn agus an làmhnan trang a h-uile mionaid de'n latha. Le làmhnan fhéin thog Seumas Chalmers sgoilean anns an do theagaisg e, agus eaglaisean anns an do shearmonaich e. Theagaisg e do'n chloinn leughadh, is grammar, is cunntas, cho mhaith 's a theagaisg e dhaibh am Biobull; agus sgrìobh e na leabhraichean leis an robh e 'gan teagasg. Dh' eadar-theangaich e dhaibh am Biobull; dh' ionnsaich e dhaibh tuagh, is tàl, is leòchdair, is sluasaid, is acfhuinn eile leis an deanadh iad obair, a làmhseachadh; dh' ionnsaich e dhaibh geòlachan a thogail, agus an talamh àiteachadh, agus bhiodh e fhéin agus a bhean 'gan dotaireachd an uair a bhiodh iad tinn. Ach fad na h-ùine bha a shùil agus a chridhe socruichte air a chrich àraidh so, slughan nan eileanan ud a chosnadh do Crìosd. Dh' fhaodadh e a ràdh mar a thubhairt Pol, "mise 'nam sheirbhiseach dhaibh air son Iosa."

Bha sibhse uile, a dhaoine òga ris a bheil mise a' seachas an dràs, bha sibh air bhur baisteadh ann an ainm an Tighearna Iosa Crìosd, agus tha sin a' ciallachadh gu'n do

choisrig 'ur pàrantan sibh do Dhia an uair a bha sibh 'n 'ur leanaban. Cuimhnichibh 'ur sin; na dichuimhnichibh gu bràth gu'n do bhaisteadh sibh ann an ainm an Athar agus a Mhic agus an Spioraid Naoimh, agus an uair a bhios sibh a' deanamh suas 'ur n-inntinn ciod a théid sibh thuige 'n 'ur beatha, co dhiubh a théid sibh gu marachd, no gu saorsainneachd, no gu cléirsinneachd, no gu dotaireachd, cuimhnichibh gu bheil a' cheud chòir aig Dia air 'ur seirbhìs, mar chloinn a bha air 'ur saoradh le a Mhac agus air 'ur baisteadh le a Spiorad. Agus cuimhnichibh cuideachd nach 'eil a' bheith air an t-saoghal as feumaile agus as cliùitiche na obair nan soisgeulaichean a tha dol le Facal Dhe a dh' iomsuidh nan cinneach.

Cha 'n 'eil feum air bith aig 'an eaglais air gillean òga a tha leasg is luundach, no gun sgoinn; cha 'n 'eil feum aice air òigridh nach fhuing fuaich no sgios no cruadal; ach tha feum aice air gillean òga a bhios 'n an deagh shaighdearan losa Crìosd, agus a tha toilich am beatha a choisrigeadh do Dhia. Anns an eaglais gheibh an seòrsa sin cothrom air seirbhìs a dheanamh do Dhia agus do dhiaidhaidheach nach fhaigh iad anns a' mharsantachd. Tha feum air gach seòrsa dhaoine mar mhissionaraidhean; searmonaichean, àrd-sgoilearan, saoir, goibhnean, maighstirean-sgoile, dotairean, nigheanan a nì còcaireachd agus banaltradh.

Chumadh e ro fhada sibh na'n tòisichinn air innsadh dhuibh mu'n Chogadh Naomh a chuir Seumas Chalmers air aghaidh an eileanan a' Chuain, cogadh an aghaidh nan cleachdannan uamhasach, agus nam beachdan ceàrr a bha aig na daoine mu Dhia agus mu shaoghal nan Spiorad. Faodaidh sibh sin uile a leughadh ann an leabhar beag bòidh-each a bha air a sgrìobhadh uime, leabhar nach cosd dhuibh ach trì tasdain agus sia sgillinnean, a' phrìs a bhios daoine gòrach a' toirt air trì gloineachan uisge-bheatha.

Anns na bliadhnanachan mu dheireadh d'a bheatha dh' fhuing e mòran cruadail 'na bhodhig agus mòran àmhghar 'na chridhe, ach riamh cha do rinn e gearan an aghaidh a cìrannchur, agus cha mhò a laigh sprochd air inntinn. Bha e a' feuchainn ri dorsan ùra fhoghladh air son an t-soisgeil an measg threubhan a bha coimheach agus borb ris. Gu bitheanta bha a bhean tinn; bha a chorp fhéin air a phianadh le fiabhras is lèinidh, agus bha an obair sgitheil agus trom. Cha b' urrainn daibh earbsa air bith a chur as na daoine a bha iad 'n am measg, agus dh' fheumadh e air uairean a shùilean a chumail fosgailte an uair a bhiodh e ag ùrnuigh, air eagal gu'n cuireadh iad sleagh no saighead ann.

Ann an 1900 shiubhail a bhean, agus an

ath bhliadhna bha e fhéin agus companach a bha còmhla ris air am mort. Bha an cuirp air am bruich agus air an itheadh uair an uaireadair an déidh dhaibh a bhì marbh.

Chuir Breatunn long-chogaidh a null a thoirt a mach aichmheil, ach b' fheàrr gu mòr an rud a rinn fear de mhuintir nan eileanan ud fhéin, duine a bha air iompachadh fo shearmonachadh Sheumas Chalmers ann an Raratonga. Dh' iarr e cead dol do'n bhaile anns an do mhortadh a mhaighstir, agus a bheatha a chur seachad ann, a' cur an céill an t-soisgeil. Sin da rìreadh spiorad Chrìosd, agus spiorad a' chroinncheusaidh; agus sin cuideachd mar tha an eaglais a' fàs, air a togail air fuil nam martarach.

Gu deimhin is mòr am fogharadh, ach is tearc an luchd-oibre. Guidhibh, mata, air Tighearna an fhogharaidh luchd-oibre a chur a mach a chum fhogharaidh fhéin. Cò agaibhse, a dhaoine òga, a tha glìc agus a bheir fa-near na nithean sin; cò agaibh a dh' éisdeas ri gairm an Tighearna agus a their 'n 'ur cridhe a nochd, "Feuch, tha mise an so; cuir fios leam-sa."

IAIN MAC CARMAIC NACH MAIREANN.

Anns an àireamh mu dheireadh de'n leabhar so, air duilleagan na Beurla, bha iomradh air a dheanamh air a chall a thàinig air an eaglais le bàs an Urramaich, Dughall Cléireach, B.D., ministear na h-eaglais mhòir a tha ann an Springburn, an Glaschu. Agus a nis tha sgeul bhòrach eile air ar ruighinn, gu'n do chrochail an t-Urramach Iain Mac Carmaic, B.D., ministear Airdchattain. Bha Dughall Cléireach agus Iain Mac Carmaic 'n an companaich anns an Oilthigh, an Glaschu; chum iad suas an càirdeas agus an companas sin ann an làithean an ministrealachd anns an eaglais, agus a nis cha'n 'eil iad dealaichte 'n am bàs, oir thàinig a' ghairm dheireannach thuca le chéile an taobh-a-stigh de shia seachduinnean, agus gun am fear a bu shine aca ach ceithir bliadhna thairis air an leth-cheud.

B'e dithis eile d'an companaich, an t-Urramach Iain Mac Giogair, a bha ann an eaglais an Naoimh Oran, an Dunéideann, agus an t-Urramach, Colla Dòmhnallach, B.D., ministear an Lagain, an Atholl. Chuir an cogadh crìoch air Iain Mac Giogair, air chor agus nach 'eil an diugh a làthair de'n cheathrar so ach Colla Dòmhnallach.

Bha iad uile 'n an daoine mòra dreachmhor, cho luath làidir 'n am bodhig 's a bha

ial 'n an iuntinn, agus theireadh duine air bith gu'm faodadh fuighair a bhi aca ri làithean fada fhaotainn air thalamh, agus ri seirbluis mhaith a dheanamh anns an eaglais. Ach ged a rinn iad uile deagh sheirbhis far an do thuit an cranachur, cha robh e 's an dàn do thriuir dhiubh co-dhin saoghal fada fhaotainn, agus cha'n 'eil againn an diugh ach a bhi smuaineachadh cho diombuan 's a tha beatha mhic an duine.

Na'n robh ùine agam a dheanamh dh' iar-rainn air duine-eigin, d' am b' aithne Iain Mac Carmaic na b' fheàrr na b' aithne dhomh fhéin e, sgrìobhadh ùime air an duilleig so. Ach cha'n 'eil ùine air sin a dheanamh.

Ach ged nach robh an t-eòlas blàth is diomb-air agam air, a tha agam air fear no dhà eile anns an eaglais, b' aithne dhomh e gu maith, agus bu ro thoigh leam e. Bhitheamaid a' coinneachadh aig iomadh seòrsa coin-ninnh; aig an t-Seanadh, agus aig Comadaidhean, agus an àitean eile, agus bu toigh leam riamh seachas a bhi agam ris. Agus bu duine e nach robh uair air bith cho driopas 's nach robh ùine aige air seachas a dheanamh r'a bhràithean. Coma leam na peasain bheaga a chi thu 'n an trotan gu doras sòn-ruichte air Sràid n' a Banrigh an Dùnéid-eann, agus бага beag ruadh 's an dara làimh aca is dòrlach phaipearan anns an làimh eile, mar nach gabhadh dad cur air aghaidh gus an ruig iadsan, agus mar nach biodh dad ceart mur bheil làmh is facal acasan ann! Cha b' ann de'n t-seòrsa sin Mac Carmaic; ann an làithean òige ann am Muile dh'ith e freumh de luibh na feallsanachd air chor agus gu'm b' aithne dha fois a shealbhachadh 'n a spiorad, agus tosdachd a chunnail le bheul, agus eadhon lochdan beag cadail a dheanamh, aig coinneamhan far am biodh na peasain bheaga ri goileam is glagais mar gu'm biodh cudthrom an t-saoghail air an guallean.

Bha e 'n a sgoilear maith agus 'n a dhuine turail. Cha chuala mise riamh e a' searmonachadh, ach tha fhios agam gu robh Gàidhlig mhaith aige, agus bha e air a ràdh gu'n robh e 'n a shearmonaiche maith ann an Gàidhlig. D'a ghineil fhéin de mhinistearan Gàidhealach b'e am fear a b' fhaide a dh' fhan ann an sgìreachd Ghàidhealach, ged nach chunn-teadh e a' togail a ghutha no a' deanamh bòilich no barraghloir mu'n Ghàidhlig aig Mòd no Seanadh. Bha e bliadhnan ann an eaglais an Naoimh Ciaran, an Govan, m' an deachaidh e do Airdchattain, ach is ann ann an euaitean gorma Mheadarloch agus làimh ri uisgeachan ciùin Loch Eite a chuir e seachad a chuid a b' fheàrr d'a mhinistreal-

achd. Bidh e air ionndrainn gu mòr an Cléir Lathurna.

Na'n robh na bu mhotha de'n rud ris an alair na Goill ambition, agus na bu lugha de'n rud ris an abair na Gàidheil an athais, ann an Iain Mac Carmaic, theagamh gu'm biodh e 'n a dhuine a b' ainmeile anns an eaglais na bha e, ach anns na làithean driopail so anns a bheil cor an t-saoghail a' cur barrachd dragha air daoine na tha cor an anama féin, anns a bheil a h-uile duine cho trang a' cur dhaoine eile ceart 's nach 'eil ùine aca an aire a thoirt air an gnothuch fhéin, no na feanntagan a tha 'nan garradh fhéin a' spionadh, is sòlasach an rud e tachairt air duine d' an aithne an saoghal a ghabhail gu réidh, agus obair fhéin a dheanamh gu sàmhach, gun iarraidh aige air a chorrach a chur ann an gnothuichean nach buin dha.

Bha Iain Mac Carmaic 'n a dhuine réidh còir; fìor dhuine uasal anns nach robh gò, no fuachd, no farmad. Rinn mi fhéin agus Colla Dòmhnallach suas r'a chéile an uiridh gu'n deanamaid mar a bhios na daoine mòra eile a' deanamh, Moderàtors agus an seòrsa sin; gu'n rachamaid air chuairt fad seachduin do Chléir Lathurna, agus gu'n cuireamaid seachad oidheche ann am Manse Airdchattain. Thàinig rud-eigin am rathad-sa a chum air m' ais mi gun dol còmhla ri m' choimhearsnach, ach tha mi a nis duilich nach d' fhuair mi dol a dh'fhaicinn Mhic Carmaic aig an àm.

Bha e greis anns a' chogadh, thall am Macedonia, agus riamh bhuaith sin cha robh e gu maith; bha briseadh a' tighinn air a shlàinte an dràs 's a rithist. Air uairean bhiodh sgeul mhaith m'a shlàinte a' dol a mach, ach a réir choslais, bha cùisean na bu mhiosa na shaoil sinn, agus thàinig a' chrìoch air. Disathuirne, an naoieamh là de Ianuari.

THIG AN T-EARRACH.

Tha ar beatha brèite, gearr;
'S faisg an geamhradh is an t-eug;
'S mar an duilleag, seargt' air làr,
Tuitidh sinne bhàrr nan geug.

Ach ni 'n talamh dùsgadh suas;
Tillidh rithist dreach nam fùr,
'S éiridh nàdur as an uaigh,
Beò le beatha ghloirmhor ùr.

Dhuinne fòs an déidh ar fois,
Thig àm-dùsgaidh aoibhneach, mòr,
'S gheibh ar feòil an dèchas clos
Gu ruig earrach buan na Glòir'.



AN TEARC IAD A SHAORAR?

Cha tèid a' ghnè so a mach ach le ùrnuigh agus trasgadh.

Deanaibh spàirn chruaidh gu dol a steach air a' gheata chumhann.—Iosa Crìosd.

An là roimhe anns a' phaipear-naigheachd leugh mi dà rud a chuir gu smuaineachadh mi. Chuir iad gu barrachd smuaineachaidh mi na rinn an leabhar mòr a tha an t-Ollamb W. P. Paterson air a chur a mach.

Ann an Lìte tha buidheann bhràithrean an déidh eaglais ùr a chur air chois, eaglais anns a bheil deambain air an tilgeadh a mach mar a bhiodh Iosa a' deanamh ann an làithean fheòla. Aig a' cheud sheirbhis a bha aca dh' éirich nighean òg anns a' choimhthional, ag asluchadh saorsa fhaotainn bho dheambain a bha 'ga sàruchadh. Sheinn an coimhthional laoidhean sònruichte is rinn iad ùrnuighean, agus an sin ghlaodh aodhair a' choimhthionail, an t-abstol Turnbull, ris an deamhan a' guth làidir, "A spioraid fhòirneartaich thig a mach aise an ainm Iosa." Trì uairean as déidh a chéile dh' àithn e do'n deamhan tighinn a mach aise; an coimhthional fad na h-ùine ag ùrnuigh agus an cinn crom. An ceann greis thuirt an t-aodhair gu'n deachaidh an deamhan a mach as an nighinn, agus ghlaodh mòran anns a' choimhthional Haleluiah.

Is e eaglais nan abstol a their iad ris an eaglais ùr so; a réir mar a dh' innis an t-abstol Turnbull do fhear a' phaipear-naigheachd tha meur dhi ri fhaotainn an iomadh baile an Albainn a thuilleadh air Lìte. Thuirt e cuideachd gu'm b' aithne dha na ficheadan as an deachaidh deamhain a thilgeadh a mach; gu'm b' aithne dha aon duine òg as an deachaidh oehd deamhain a mach; agus gu'n cualais deamhan eile a' combhartaich mar gu'm biodh cù an uair a bha e air a thilgeadh a mach á duine sònruichte.

Sin agad, a leughadair, a' cheud rud a chuir mise gu smuaineachadh an uair a leugh mi anns a' phaipear e, gu bheil abstol ùr air a cheann a thogail ann an Lìte. Agus b'e an ath rud a chuir gu smuaineachadh mi, gu bheil abstol ùr eile air a cheann a thogail ann an Lunnainn.

Is e an t-Anagàrika Dharmapàla a their a chuideachd fhéin ris an abstol so, duine a rinn uiread trasgaidh 's gur gann a tha feòil idir air a chnàmhan, agus a tha nis air tighinn do Lunnainn a dh' fheuchainn ri

muintir Shasuinn iompachadh gu bhi a' deanamh aoraidh do'n dia Buddha.

Cha chuir e iongnadh air bith oirnn a bhi leughadh mu dheambain a bhi air an tilgeadh a mach ann an Decapolis no ann an Capernaum, agus cha mhò a chuireas e iongnadh oirnn gu bheil soisgeulaichean a' dol a mach as an dùthaich so do na dùthchannan thall; ach cuiridh e iongnadh gu leòir oirnn a bhi leughadh mu dheambain a bhi air an tilgeadh a mach ann an Lìte, agus cuiridh e iongnadh as motha oirnn a bhi faicinn shoisgeulaichean as na dùthchannan thall a tighinn thugainn fhéin. C'ar son a bhiodh an dà rud sin 'n an cùis-iongnaidh dhuinn? Nach 'eil fada barrachd dheamhan an Lìte na bha riamh an Decapolis, agus nach 'eil a' chuid as motha againn fo dhaorsa na feòla cho buileach 's gu'm b' fhiach dhuinn suidhe sìos aig casan duine air bith a theagaisgeadh dhuinn ar cuirp a smachdachdadh agus ruighinn air an t-sìth a thig 'na lorg sin.

Is ann as na h-Innsibh an Ear a thàinig an t-Anagàrika Dharmapàla; duine àrd dreachmhor air a bheil a choslas gu'n d' thug e buaidh air an t-saoghal. An uair a bha e 'n a bhalach bha e air a theagasg ann an sgoil Chroisduidh an Ceylon, agus bha meas mòr aig air an luchd-teagaisg agus air an teagasg a thug iad dha; ach là an sin, chunnaic e fear de na missionaraidhean a' glacadh gunna agus a losgadh air eòin bheaga,—agus chuir sin air ais e gu creideamh aithrichean! "Ach air a shon sin," ars' esan, "bidh mi a' leughadh a' Bhiobuill agaibhse, leabhar maith is leabhar naomh anns a bheil teagasg d'a bheil mise a' toirt géill le m' uile chridhe. Bu mhaith leam leantuinn an ceuman Chrìosd, oir bha esan bochd, gun airgid, gun dachaidh, ach ràinig e air an t-sìth sin anns a bheil a' bheatha mhaireannach ri fhaotainn. Ràinig an sàr-thighearna Buddha air an t-sìth sin cuideachd; fad shé bliadhna rannsach e leabhraichean nan Aosda a' sireadh gliocais agus diomhaireachd na beatha, ach gliocas no diomhaireachd na beatha, cha d' fhuair e anns na leabhraichean. Ach thàinig an solus thuige o'n àirde dìreach mar a thàinig e gu Chrìosd, agus b'e so an solus, *Tha rìoghachd Dhé an taobh-a-stigh dhìot.*"

Ann an 1922 bha mi aig cruinneachadh mòr an Glaschu far an robh diadhairean agus daoine ionnsaichte as gach càrn a' cur an comhairle r'a chéile mu chraobh-sgaoil-

eadh an t-soisgeil. Aig a' choinnimeh sin labhair fear a thàinig as na h-Innsibh an Ear, duine beag dubh d' am b' ainm K. T. Pal; duine nach saoilleadh tu gu'n robh dad ann agus an do thòisich e air bruidhinn. Ach cho luath 's a dh' fhosgail e a bheil dh' fhairich mise nach robh annam fhéin ach am pàisde làimh ris, agus a thuilleadh air sin nach robh anns na maithean eile a bha cruinn as na h-eaglaisean agus as na h-oilthighean ach na pàisdean cuideachd làimh ris an duine ud. Tha e anabarrach eudmhor air taobh Chrìosd e fhéin, agus rinn e obair mhòr anns na h-Innsibh an Ear cheana agus an rathad a réiteachadh air son an Tigh-earna, ach is e so a thug orm tarraing a thoirt air an dràs, gu'n d' iarr e oirnn a chuimhneachadh gu bheil a' cheart uiread aig Breatunn ri ionnsachadh bho na h-Innsibh an Ear a thaobh beatha is diadhaidheachd 's a tha aig na h-Innsibh an Ear ri ionnsachadh bho Bhreatunn. Thuirt e gu'n robh a dhùthaich-san deas gu leòir gu gabhail ri teagasg Chrìosd, agus nach robh ann an mòran de theagasg Chrìosd ach rud a bha aca-san cheana, ach thuirt e cuideachd nach gabhadh a dhùthaich-san gu bràth ris an t-seòrsa diadhaidheachd a tha a' mhòr-chuideachd de mhuinntir Bhreatuinn a' cleachdadh. Thuirt e ruinn suil mu 'n t-sròin nach e teagasg Chrìosd a bha sinn idir a' leantuinn anns an dùthaich so; nach robh sinn a' tuigsinn a theagaisg, air neo gu'n robh sinn 'ga fhiaradh.

A bheil sin fìor? Am faod e bhith gur e sin an t-aobhar gu bheil an t-abstol Turnbull air tòiseachadh air deamhain a thilgeadh a mach an Lìte, agus gur e sin an t-aobhar gu'n tàinig an t-Anagàrika Dharmapàla a h-uile ceum as na h-Innsibh an Ear a theagasg na fìrinn duinn. An e am fìradh no au dearmad a tha sinne a' deanamh air teagasg Chrìosd a thug dhaibhsan an cothrom?

Sin agad ceist, a leughadair; ceist a b' fheàrr do na diadhairean mòra cnuasachadh oirre seach iomadh rud suarrach air am bi iad a' deasbud!

Cha 'n abair mise dad mu na deamhain, oir tha m' inntinn gun solus air a' chùis, ach a thaobh na codach eile tha amharus agam gu bheil freumh de'n fhìrinn anns na thuirt K. T. Pal, agus gu bheil sinn a' cur ar datha a chòrdas ruinn fhéin air teagasg Chrìosd. Agus tha sinn a' deanamh sin a chionn gur maith leinn an diadhaidheachd a dheanamh na's fhàsa na tha i ann an dar-rèadh, agus dol a steach do rìoghachd nèimh gun spàirn chruaidh a dheanamh. Anns a' ghineil so cha toigh le daoine a bhi fo riaghladh neach fo'n ghréin; cha toigh leis a' chloinn fhéin a bhi fo smachd an pàran-

tan; is e rùn ar cridhe gu'm biodh toil gach duine 'n a lagh dha fhéin, agus mar sin tha daoine a' tilgeadh gach cuing dhiubh, eadhon cuing Chrìosd, agus a' saoil sinn gu'm meal iad sìth is buaidh 'n an anam gun an cuirp agus an cridheachan a smachdachadh. Ach tha sin calg-dhireach an aghaidh teagasg an Tìomnaidh Nuaidh.

Tha fichead rud ann an gnàths na dùthcha so an diugh a tha 'ga dheanamh anabarrach duilich do dhaoine géill a thoirt do Chrìosd no d'a theagasg; cho duilich agus nach 'eil a' mhòr-chuideachd eadhon a' feuchainn ris. Na nithean a thoirmisg esan is toigh leinne iad; tha gaol againn uile orra mar dhaoine agus mar rìoghachd; tha gaol againn air air-gìod, agus air inbhe, agus air glòir shaogh-alta; is toigh leinn gu'm faiceadh daoine eile cho mòr agus cho làidir 's a tha sinn; is toigh leinn gu'n deanadh iad am beic dhuinn. Agus air an làimh eile, na nithean a mhol Chrìosd agus air an robh gaol aige, cha toigh leinne iad idir; tha eagal againn romhpa, agus b' fheàrr leinn dol do Mhanitoba seach saothrachadh air an son. B' fheàrr leinn fada cian a bhi coltach ri Alastair Mòr na Gróige na bhi coltach ri Nataniel.

Ma théid Rìgh Deòrsa a mach agus ad ruadh air, an ceann beagan ùine cha bhi a bheag de dhaoine anns an dùthaich air nach fbaic thu ad ruadh, oir is toigh le uaislean agus islean fasan an rìgh a leantuinn. Ach feuch an do lean iad e an uair a chuir an rìgh fion agus uisge-beatha bhàrr a bhùird an àm a' chogaidh! Cha do lean idir, agus e'ar son nach do lean? Tha, a chionn gu bheil ar daoine gaolach air an fhìon agus nach biodh e furasda dhaibh tighinn as eugmhais an drama. Sin agad an t-aobhar. Leanadh iad fasan an rìgh an uair a chuir-eas e air ad ruadh, a chionn gu bheil sin furasda gu leòir a dheanamh, ach feuch an lean eadhon muinntir an airm e an uair a the sin a' ciallachadh gu'm feum iad an anamiannan a smachdachadh.

Sin agad, a leughadair, mar tha daoine a thaobh teagasg Chrìosd. Gabhar ris a' chuid dheth a tha freagairt air ar dòighean agus air ar n-intinnean fhéin; ri rannan a tha deanamh na diadhaidheachd furasda, ach nìthear a leithid de dhìchuimhne agus de shuarrachas air a' chuid eile dheth 's gu'm feum an t-Anagàrika Dharmapàla tighinn o thaobh eile an t-saoghail a dh' innseadh dhuinn ciamar a gheibhear an t-sìth a tha o shuas, agus buaidh thairis air an fheòil agus air an òc, ged tha sin uile sgrìobhta anns na sgrìobhturan againn.

Na'm faigheadh tu a steach do chridheachan dhaoine, àrd is ìosal, sean is òg, creidmhidh is ana-creidmhidh, mar tha iad

ann, tha mi an dùil gur e an aon nì as motha a tha iarraidh aca air, airgiod; airgiod agus gu leòir dheth. Is e airgiod do dhaoine an diùgh an rud ris an abradh Crìosd rògh-achd nèimh. An spàirn as motha a tha daoine a' deanamh an diùgh is ann air son airgid. Giùlainidh iad cuing air bith agus fuilingidh iad cruadal air bith air ghaol airgid a dheanamh; cuing agus cruadal nach giùlaineadh agus nach fuilingeadh iad air ghaol ruighinn air irioslachd no air macantas. Agus is e an rud as motha a chuireas de eagal, agus de uamhas, agus de nàire orra, bochdainn 'n an cranachur. B' fheàrr leò gluasad ann an slighean glé chàmh seach a bhì bochd am fianuis an t-saoghail. Cò as a fhuair iad an gaol sin air airgid agus an t-uamhas sin roimh bhochdainn? Agus ciamar as urrainn daibh Crìosd a thuigsinn no leantuin, no ciamar as urrainn daibh co-chomunn a bhì aca riinntinn-san cho fhad agus a tha iad ag altrum nan smuaintean agus nam faireach duinnean sin 'n an eridhe. Tha a theagasgar calg-dhireach 'n a aghaidh sin, ach a dh' aindeòin gach facal a labhair e air a' chuspair so, ag innseadh do dhaoine nach ann am pailteas nan nithe a tha e a' sealbhachadh a tha beatha an duine, tha an saoghal a' gabhail a rathaid fhéin agus a' eunntas mar an sonas as àirde nithean nach do bheannaich Crìosd. Daoine a bhios a' socruchadh an eridheachan air nithean a bha suarach an suilean Chrìosd, sin agad daoine nach tuig gu bràth cìod is ciall d'a bhriathran-san.

ANNS A CHATHAIR.

Tha dà sheòrsa daorsa anns a bheil mòran dhaoine a' cur seachad am beatha; (1) tha iad fo dhaorsa an fhacail a leughas iad ann am paipear no ann an leabhar, agus (2) tha iad fo dhaorsa an fhacail a their an dotair riu. Ach is e comharradh na h-inntinn fhallain, na paipearan agus na dotairean a chumail 'n an àite fhéin,—seirbhisich a dheanamh dhiubh an àite a bhì 'n am maighstirean oirnn.

Bha mise mi fhéin uair no dha ann an làmhan dhotairean, agus is e an leasan sònraichte a dh' ionnsaich mi bhuaith sin, nach e mhàin gu'm faod dotairean a bhì air am mealladh ach gu *bheil* iad air am mealladh tric gu leòir. Tha seòrsachan tinneis ann a tha iad a' tuigsinn gu maith, agus anns nach téid mòran dhiubh ceàrr, ach tha fichead dìomhaireachd ann an oibreachadh

nam ball a tha an taobh-a-stigh dhinn, cuislean is féithean is smior is àirnean, nach 'eil iad a' tuigsinn na's mò na sinn fhéin.

Na leig thusa, mata, a leughadair le dotair air bith na faclan a thoirt asad gun fhios c'ar son. Tha faisain am measg nan dotairean a cheart cho mhaith 's a tha fasain am measg nan caileagan a bhios a' bobadh an cinn gus a bheil na cinn mhaol ghrannnda aca coltach ris na ròin. Sin am fasan as àire aig na dotairean an dràs; mur bheil iad cinnteach cìod a tha ceàrr air duine, bheil iad na faclan as a dh' fheuchainn an fheàrrd e sin. Ach tha na faclan coltach ris na craobhan; cha ghabh iad cur 'n an àite a ris an uair a spionar as am bun iad.

Ma their dotair gu bràth riutsa, a leughadair, nach 'eil do chridhe no do sgàmhan làidir gu leòir air son obair do bheatha, feuch nach suidh thu fo chraoibh-aiteil agus nach caill thu do mhisneach; rach agus faigh comhairle eile. Sin a rinn Uilleam Robertson Nicoll nach maireann an uair a thug Sir Lauder Brunton droch mhisneach dha, agus a thuirt e ris nach biodh e beò na'm fanadh e ann an Sasunn. Bha té de na lungs aig Nicoll dona, agus bhiodh e a' cur a mach beagan fala a bha tighinn aisde, ach an uair a dh' fhàg e Sir Lauder Brunton chaidh e dìreach air a cheum gu Sir Anndra Mac A' Chléirich, dotair mòr eile. Thuirt an duine sin ris nach robh eagal air bith dha na'm biodh e cùramach, agus gu'm faodadh e uiread sgrìobhaidh a dheanamh 's a thoilicheadh e. Tha fhios aig an t-saoghal uile cìod an obair a rinn Sir Uilleam Robertson Nicoll fad iomadh bliadhna an déidh do na dotairean binn a bhàis a thoirt a mach. Bha e os cionn dhà dheug is trì fichead an uair a shiubhail e.

Bha aon chleachdadh maith aig Sir Uilleam Robertson Nicoll a b' fhiach do dhaoine eile a leantuin; bhiodh e an dràs 's a rithist a' fantuin anns an leabaidh fad ar latha. Ach ged bhiodh e anns an leabaidh cha bhiodh e 'n a thàmh. Bhiodh tòrr leabhraichean is phaipearan anns an leabaidh còmhla ris, agus is ann mar sin a sgrìobh e cuid de na litrichean a bha toirt uiread tlachd do dhaoine an uair a bhiodh iad 'g an leughadh anns a' phaipear a bha e a' deasachadh, am "British Weekly."

Bu chòir do'n h-uile duine glie fantuin anns an leabaidh fad an latha le thoil fhéin uair no dhà 's a' mhìos. Ach a thaobh nan daoine nach 'eil glie, na peasain bheaga usaideach a bhios an corrag agus am facal anns gach gnòthuch, chumainn iad sin anns an leabaidh daonna, gun an leigeil aisde idir, oir cha bhiodh iad ach a' deanamh cron co-dhiù.

Na'n robh teanga a' bhàird agamsa bheir-cadh e toileachadh mòr dhomh laoidh a dheanamh do'n leabaidh, oir ged nach 'eil mi na's truine na daoine eile air a' chadal fhuair mi barrachd sòlais innte na fhuair mi ann an àite air bith eile. Is ann anns an leabaidh a thàinig mi a steach do'n t-saoghal agus tha mi an dòchas gur ann innte a dh' fhàgas mi e; chuir mi seachad an treas cuid de m' bheatha innte, agus cha 'n 'eil de aithreachas orm ach nach do chuir mi seachad an tuilleadh ùine innte. An uair a tha duine anns an leabaidh tha e mar gu'm biodh e ann an eilean; tha gàrradh-dìon tim-chioll air a chumas bhuaith daoine usaideach is ùpraid shaoghalta, agus gheibh e ònrachdas is sàmhchair innte nach fhaigh e ann an àite eile air thalamh.

Dh' fhairtlich e orm riamh a thuigsinn c'ar son a bhios daoine a' bòilich gu'm bi iad ag éirigh tràth. Na'n toilichinn a dheanamh rachadh agam air a dhearbhadh dhuit, a leughadair, gu bheil a' mhoch-éirigh anabarrach dona do chor spioradail dhaoine, oir tha e 'g an deanamh féin-fhàireanta, agus a' toirt orra a bhì sealltuinn sìos air daoine eile, mar bha na Pharasaich a' sealltainn sìos air na eis-mhaoir. Cha d' éirich mise riamh tràth (abair aig còig uairean) nach robh aithreachas orm an déidh làimhe a dheanamh; is fhèarr leam gu mòr a' ghrian fhaicinn a' dol fodha seach a faicinn ag éirigh.

Ach gus tilleadh a dh' ionnsuidh nan dotairean, cha 'n aithne dhomh seòrsa eile dhaoine a tha gabhail orra a bhì cho neomhearachdach riù. Cò riamh a chuala dotair ag aideachadh gu'n robh e ceàrr, agus nach do thuig e an an-shocair a bha air daoine d' an robh e a' toirt philleachan fad leth-bhliadhna? Is ann a ghabhas feadhainn dhiubh anns an t-sròin e ma their an duine truagh a tha fulang gu'm bu mhaith leis comhairle eile fhaotainn, agus dotair eile fhaicinn. Ach air a shon sin tha iad a' deanamh a cheart uiread mhearachdan ri daoine eile.

Anns na laghannan aig Hammurabi, laghannan a tha cho sean ri Abraham, bha riaghailtean air an cur sìos mu'n pheanas a bhiodh air a dheanamh air dotairean a rinn cron air daoine le cion sgìl no le cion cùrain. "Ma bha duine air an robh creuchd, no duine a bha a shùil goirt, fo làimh dotair, agus gu'n d' fhuair an duine am bàs, no gu'n do chail e a shùil an déidh do'n dotair a bhì ag oibreachadh air le lann no sgian umbha; ma bha a choire aig an dotair, gearrar dheth na làmhann."

Thì mi an dùil nach biodh e idir dona do'n

dùthaich na'n robh na seann reachdan sin air an ùrachadh an diugh, agus na'n robh e air a thoirt a mach le achd Parlamaid, dotair air bith a bheireadh na faclan á daoine eile gun aobhar gu'm biodh iad air an toirt as fhéin le gobhainn. Bheireadh sin orra nach biodh iad cho deas gu faclan a tharruing, an uair nach 'eil aobhar aca air a shon ach amharus beag nach 'eil iad idir a' cuideachadh le stamagan nach 'eil iad a' tuigsinn ciod a tha ceàrr anna. Saoilidh mi nach b' urrainn daibh cur an aghaidh sin, oir tha e an dà chuid a réir an lagha agus a réir an t-soisgeil. Tha lagh Mhaois ag ràdh, "sùil air son sùla agus fiacail air son facla," agus tha an soisgeul ag ràdh, "gach nì a b' àill leibh daoine a dheanamh dhuibh deanaibh-se mar sin dhaibhsan mar an ceudna."

Uaireigin de'n t-saoghal bha daoine fo dhaorsa aig sagartan is ministearan ach thilg iad a' chuing sin dhiubh. Ach ma thilg, tha iad a nis fo chuing ùir, oir fhuair na dotairean an cothrom an uair a thòisich daoine air ro-chùram a ghabhail d' an corp. Tha duine òg ann an Cille-sgumain air a bheil ro-chùram a chuirp cho mòr 's nach cual e an t-Urramach Niall Mac Phàrlain, B.D., bho chionn trì bliadhna. Stad e a dhòl do'n eaglais le eagal roimh chreutairean beaga ris an abair e fhéin germs ach ris an abair Calum Dòmhnallach am beadall, aig a bheil a' Ghàidhlig cheart, fridean-fùrain. Bha eagal air gu'm faigheadh e iad ann an cupan a' chomanachaidh. Leugh e ann an leabhar air chor-eigin nach robh e nàdurra do mhac an duine feòil itheadh, agus bhuaith sin tha e a' tighinn beò air cnothan. Cha 'n fhogail e litir gus an téid a tumadh ann am ballan anns a bheil stuth a mharbhas na fridean-fùrain a dh' fhàg am posta oirre le òrdagan. An uair a dh' éireas e anns a' mhaduinn is e a' cheud rud a nì e steall uisge a chuir suas 'n a chuinnleanan le inneil mar gu'm biodh gunna-spùtaidh. Tha crios m'a mheadhon a chumail air falbh leum-droma, agus fàinne mòr buidhe air a mheur a chumail air falbh lòinidh, ach a dh' aindeoin gach cùram a tha e a' gabhail dheth fhéin, tha Seònaid Eachainn ag ràdh nach 'eil e latha 's a' bhliadhna gun rud-eigin ceàrr air, fuachd, no déideadh, no greim-mionaich.

Cha bu bheò a bheò do dhuine na 'm biodh e daonnan fo dhaorsa aig na dotairean, fo eagal roimh na fridean-fùrain agus fo smàig aig a' chorp bhàsmhor; na'm biodh eagal bric is fiabhruis air gach uair a laigheadh cuileag air a shròin. B' fhèarr do dhuine am bàs fhéin na sin, oir ciod a tha ann am beatha duine a tha fo dhaorsa ach am bàs?



DAORSA NA LITREACH.

Ged is mòr an cliù a fhuair Rabbaidhean nan Iudhach air son an sgoilearachd, agus air son an eòlais a bha aca air na sgrìobrturan, cha robh anns a' chuid mhòr d' an sgoilearachd agus d' an eòlas air na sgrìobrturan ach an fhìor pheasanachd. Bha iad mion-eòlach air litir an lagha ach cha do thuig iad riamh gu ceart spiorad an lagha. Ach ma dh' fheòraicheas tu, a leughadair, cìod an t-aobhar nach robh na sgrìobrturan air an tuigsinn le daoine aig an robh uiread de mbeas orra, agus a bha cur seachad am beatha 'gan rannsachadh, theagamh gu 'n cuir am freagradh a bheir mise do'n cheist sin ionghnadh ort. Cha do thuig iad na sgrìobrturan a chionn *gu'n robh iad a' deanamh iodhol dhiubh*. Cha 'n 'eil rud air an t-saoghal as duiliche a dheanamh na beachdan tùrail agus beachdan cothromach mu na sgrìobrturan a thoirt do dhaoine a bha air an togail anns na ceart bheachdan a bha aig sgrìobhaichean nan Iudhach, gu'm b' e Dia a sgrìobh am Biobull dìreach mar is e Iain Bunian a sgrìobh Turus a' Chrìosduidh. Is e sin a tha mòran dhaoine a' ciallachadh leis an fhacal, *gu' bheil am Biobull air a dheachdadh le Dia*. Bho làithean Esra bha na h-Iudhaich a' creidsinn gu'n robh Leabhar an Lagha air a thoirt dhaibh le Dia, ach mar nach bu leòr sin a chreidsinn, chaidh na sgrìobhaichean na b' fhaide an déidh làimhe agus theagaisg iad nach e mhàin gu'n tug Dia Leabhar an Lagha dhaibh ach gur e Dia féin a sgrìobh e. "Esan a their nach ann bho nèamh a thàinig Leabhar an Lagha cha bhi cuid no pàirt aige anns an t-saoghal shiorruidh." "Esan a their gu'n do sgrìobh Maosis eadhon aon rann de Leabhar an Lagha le ghliocas fhéin tha e ag àicheadh agus a' deanamh tàir air facal Dhe."

Bidh mise air uairean, anns na h-oidhchean fada gearmhraidh, a' leughadh an Talmuid, agus leabhraichean eile anns a bheil seann sgoilearan Iudhach a' mìneachadh nan sgrìobrturan, ach a dh' innseadh na firinn bha cho mhaith dhomh a bhi cladhach le sluasaid ann am baca gainmich air son na fhuair mi riamh annta de ghliocas no de bheatha. Air uairean bidh mi a' gabhail nàire gu'n tuiteadh inntinn mhic an duine cho ìosal 's a thuit na diadhairean agus na sgoilearan ud, 'n am breithneachadh agus 'n an reusonachadh. Ach is e an t-aobhar nach

robh saorsa aig an inntinnean. Bha iad a' reusonachadh mar dhaoine a bha an inntinnean ann an géimhlibh. Agus b' e so a chuir an géimhlibh iad, na beachdan a fhuair iad bho 'n aithrichean gu'n robh gach litir anns na sgrìobrturan air a thoirt dhaibh le Dia, agus gach lide air a dheachdadh leis. Bha am beachd sin mar gu'm biodh teadhair air an casan, a bha 'gan cumail bho ìonaltradh fhaotainn an raointean farsuing. Dhall e an stùilean air chor agus nach fhaca iad riamh brìgh agus maise a' Bhiobull mar a chunnaic sgoilearan an là diugh aig nach 'eil uiread Eabhra 's a bha aca-san. Tha mi an dòchas nach saoil thu, a leughadair, gu bheil mi a' ciallachadh nach 'eil sgoilearan an là diugh a' creidsinn gu bheil Dia a' labhairt anns a' Bhiobull. Tha sgoilearan an là diugh a' creidsinn sin le 'n uile chridhe, ach tha iad 'g a chreidsinn ann an dòigh a tha a réir tuigse is firinn. Is aithne dhaibh ciamar a chaidh leabhraichean a' Bhiobull a sgrìobhadh, cò a sgrìobh iad, agus c'àite, agus cìod a bha anns an amhare aig na daoine a sgrìobh iad. Tha iad a' creidsinn gu'n robh na daoine sin air an gluasad leis an Spiorad Naomh gu bhi ag innseadh do'n t-saoghal cìod a chuir Dia 'n an cridhe; am facal a bha mar theine 'n an cnàmhan. Tha iad a' creidsinn gu bheil fhianuis fhéin an cois Facal an Tighearna daonnan; gu bheil ùghdarras ann d' am bheil cridheachan dhaoine a' comh-fhreagradh.

Ach cha b' e so a bha sgrìobhaichean nan Iudhach a' creidsinn, agus cha 'n e so a bhios sliochd nan sgrìobhaichean ann an Albainn a' ciallachadh an uair a their iad gu bheil am Biobull air a dheachdadh le Dia. Is coma leò-san cò a sgrìobh an leabhar ud no an rann ud; co dhiubh a tha iad a' leughadh briathran Chrìosd no briathran Mhaois, no briathran Phoil; tha an t-aon ùghdarras air an cùl oir tha iad uile air am faotainn anns a' Bhiobull. Cho fhad 's a tha daoine anns an daorsa sin, agus cho fhad 's nach cleachd iad an tùr, agus an tuigse, agus am fiosrachadh spioradail fhéin, air na nithean a leughas iad anns a' Bhiobull cha 'n urrainn daibh gu bràth saorsa ghlòrmhor cloinne Dhe a shealbhadh. Far a bheil spiorad an Tighearna an sin tha saorsa.

Gus a leigeil fhaicinn duit cìod an fhaoinachd leanabail anns an tuit daoine a bhios a' deanamh iodhol do litir an sgrìobtur faodaidh mi sop no dhà a thoirt á teagasg nan sgrìobhaichean

mu 'n t-Sàbaid. Bha iad a' ceadachadh do dhuine an smugaid a thilgeadh e a mach air an t-Sàbaid a shuathadh le bhròig, ma thilg e a mach i air cabhsair; ach ma thilg e a mach air an talamh i, cha 'n fhaodadh e a suathadh le bhròig, oir dheanadh a bhròg làrach air an talamh agus bhiodh sin co-ionnann ri treabhadh. B'è obair a bha ann an treabhadh, agus bha obair air a toirmeasg air an t-Sàbaid. Sin agad laghaireachd! Dh' fhaodadh duine crùbach, no duine a chaill a chas coiseachd le bata air an t-Sàbaid, no le cois-mhaide; ach cha 'n fhaodadh e imeachd le clàragan air an t-Sàbaid, oir cha b'è na clàragan a bha giùlan an duine ach an duine a bha giùlan nan clàragan. Sin agad laghaireachd! Bha e air a thoirmeasg uallach air bith a ghiùlan air an t-Sàbaid; cha 'n fhaodadh eadhon tàillear an t-snathad a ghiùlan 'n a pheiteig. Sin an t-aobhar gu'n robh na sgrìobhaichean agus na Phairisich cho teann air an duine a leighis Iosa, agus air an d' iarr e a leaba a thogail agus imeachd. Chunnaic iad an duine a' giùlan a leapa fo achlais air an t-Sàbaid, agus bha sin 'na chron mòr 'n an sùilean; cho mòr agus gu'n d' fholaich e orra nithean a bu mhotha.

Là Sàbaid a bha Iosa agus a dheisciobuil a' dol troimh achadh arbhair, agus an t-acras orra, thòisich na deisciobuil air diasan a shuathadh 'n am basan agus air an itheadh. Cha b' urrainn na Phairisich coire fhaotainn dhaibh air son na diasan itheadh, oir bha fhios aca gu'n robh e air a sgrìobhadh anns an lagh, "An uair a thèid thu a steach do arbhar do choimhearsnaich, an sin faodaidh tu na diasan a splonadh le d' làimh, ach corran cha chuir thu ann an arbhar do choimhearsnaich;" ach fhuair iad coire dhaibh air son na diasan a shuathadh 'n an làmhan oir bha sin co-ionnann ri arbhar a bhualadh. An uair a thòisicheas daoine air laghaireachd cha 'n 'eil ceann no crìoch aice; minichidh iad aon lagh gus faotainn seachad air lagh eile. Sin mar a bhiodh na sgrìobhaichean a' deanamh. Bha aon lagh a' toirmeasg do dhuine snaim a cheangal air an t-Sàbaid, ach bha lagh eile aca a' ceadachadh snaim a cheangal na 'n gabhadh i fuasgladh le aon làimh. Cha 'n fhaodadh duine dol air thurus air an t-Sàbaid na b' fhaide na dà mhìle, ach na 'n toilicheadh e, no na'm b' aithne dha, dh' fhaodadh e an lagh so a choinhead agus a thurus a shineadh na b' fhaide. Dh' fhaodadh e dol air Di-sathuirne agus tràth bidh fhàgail aig a' chloich-mhìle a bha dà mhìle air falbh, agus bheireadh sin dha "dachaidh" anns an àite. An sin am màireach dh' fhaodadh e aig ceann an dà

mhìle tòiseachadh air a cheumannan a chunn-tas as ùr, agus dol dà mhìle eile, agus mar sin air aghaidh gus an rachadh e fichead mìle. Sin agad laghaireachd!

Cleas nan deargannan, bha laghannan beaga air druim nan laghannan mòra, agus laghannan a bu lugha air druim nan laghannan beaga, agus mar sin air aghaidh gu suthain sìor. Rinn iad deasbud làidir a lean gineal no dhà air a' cheist, "Am bu chòir do dhuine ubh itheadh a rugadh air an t-Sàbaid no air latha-traisg?" Cuid a bha cràbhach gu leòir, dh' itheadh iad an t-ubh; ach daoine a bha air son ainm an fhìor-chràbhaidh fhaotainn, cha bheanadh iad dha. Na 'n do dh'ichuimhnich duine altachadh a dheanamh roimh bhìadh, dh' fheumadh e an t-altachadh a dheanamh an àite air bith anns an do chuinnich e nach do rinn e e; is e sin r'a ràdh, mur robh an tràth a ghabh e cheana air a chnàmh 'n a ghoile. Ma bha am biadh air a chnàmh, cha ruigeadh e a leas altachadh a dheanamh.

Bho là am breith gu là am bàis bha iad air an ceangal le mìle is deich mìle riaghailt de 'n t-seòrsa so, air chor agus gu 'n robh e cho duilich do dhaoine an Lagh a choinhead 's a bhiodh e do mharaichean seòladh air oidheche dhorcha an measg eileanan is sgeirean gun àireamh air cladhach nach fhaca e riann. Cha ghabhadh an rud deanamh, agus is e a thàinig as air a cheann mu dheireadh gu 'n robh sgìl is sgòil nan sgrìobhaichean air an cleachdadh gus daoine a chumail ann an rèite ri litir an lagha am feadh 's a bha iad ann an aimhréite ri spiorad an lagha. Rinn iad riaghailtean dhaibh féin a bha cur àith-eantan Dhé an neo-bhrìgh. Sin na riaghailtean ris an abradh iad beul-aithris nan seanairean.

Cha b' iongnadh gu 'n do chuir a' pheasanachd so fearg air Iosa agus gu 'n d' thubhairt e riù an clàr an aodainn gu 'n robh iad a nàrachadh spiorad na diadhaidheachd, agus a' cur lagh Dhé an suarrachas le an gnàthachadh, "Amadana agus a chinn-iùil dhalla." ars' esan riu, "a shìolaidheas a' mheanbh-chuileag, agus a shlùigeas an càmhail, is an-aobhinn dhuibh; tha sibh a' toirt an deachamh as a' mhionnt, agus as an anise, agus as a' chumin. ach dhìobair sibh nithe cudthromach an lagha, tròcair, agus fìrinn."

Bha meas aig Crìosd air an t-seann Tiomnadh; bheathaich e anam féin leis agus theagais e daoine eile as, ach cha do rinn e riann iodhol do litir an leabhair, agus tha e calg-dhìreach an aghaidh inntinn-san urram no ùghdarras a thoirt do leabhar no do lagh air bith os cionn an Spioraid Naoinn a tha daonnan a' labhairt ri daoine. Rud

gle neònach gu 'n abradh daoine Facal an Tighearna ri fàcail a tha cho tioram agus air cho bheag brìgh ri sgeulachdan nan Arabianach ged a tha iad air an ceangal suas còmhla ri teagasg Chrìosd agus ri litrichean Phoill, agus ri sailm Dhaibhidh, agus nach abair iad Facal an Tighearna idir ris na guthan leis a bheil Spiorad an Tighearna a' labhairt riu 'nan anam féin.

Mar is sinne a tha mise a' fàs, agus is motha a tha mi a' leughadh, agus is farsuinge a tha m' fhiosrachadh a' dol, is ann is soilleire a tha mi a' faicinn gur e na daoine as eudmhoire mu dheachdadh a' Bhiobull na daoine as lugha a tha faotainn de mhaith as; as lugha a tha faicinn d'a mhaise; as lugha a tha tuigsinn d'a theagasg; agus as motha d'a bheil e 'n a dheacaireachd. An uair a tha àite air a thoirt do litir an lagha nach buin dhi, àite nach d' fhuair i riamh bho Chrìosd, no bho dhuine eile anns an robh an fhìor inntinn spioradail, is e a' chrìoch a bhios aig a sin, nach bi anns an diadhaidheachd ach an laghaireachd, agus nach bi anns na diadhairean ach na Phairisich. Cha 'n eil mi a' ciallachadh leis a sin gu bheil na Phairisich 'n an cealgairean ach tha mi a' ciallachadh gu bheil iad a' fantuinn daonna anns a' chùirt a mach de 'n teampull, gun dol a steach do 'n ionad ro-naomb.

ANNS A CHATHAIR.

Ann an toiseach na h-oidheche bha mi a' leughadh cunntais a thug Frangach air muinntir Albainn mu 'n bhliadhna 1885, agus chuir cuid de na rudan a thuirt e umpa uiread feirge orm 's gu 'n tugainn dha cluaisean air an leth-cheann air am biodh cuimhne aige fad ràidhe, na 'n robh e làimh rium. Bha e ag ràdh nach 'eil a leithid de ni is còiread no aoidheachd am measg nan Gàidheal an diugh; gu bheil iad a' deanamh aoraidh do dhà Thrianaid; do 'n Trianaid Naomb air an t-Sàbaid, agus do 'n Trianaid L.S.D. air làithean eile na seachduin. An àite dol a chonnsachadh ris a' bhiasd mi fhéin mu aoidheachd nan Gàidheal, bu mhaith leam, a leughadair, fianuis chothromach air a' chùis so a ghairm, fianuis d' am b' aithne muinntir na Gàidhealtachd mar nach b' aithne do Fhrangach air bith a sheas riamh ann brìgis, an t-Ollamh caomh nach maireann Alasdair Mac Gillemhìcheil.

Anns an leabhar uasal a chuir e mach *Ortha Nan Gàidheal* tha e ag ràdh so mu mhuinntir na Gàidhealtachd agus nan eileanan. "Tha iad maith do na bochdan, coibhneil ri coig-rioh, agus sìobhalta ris na h-uile. Fad nam

bliadhnanach a bha mi 'n am measg cha do thachair riamh coimheachas no cion sìobh-altachd orm, agus cha deachaidh mi riamh a steach do thigh nach do thairg muinntir an tighe biadh dhomh, air neo nach do ghabh iad an leth-sgeul nach robh sin freagarrach dhaibh a dheanamh."

An uair a leughas tu an teisteanas a thug an dà dhuine air an aon t-sluagh theagamh gu 'n cuimhnich thu, mar a chuimhnich mise, air an fhacal a tha sgrìobhta anns a' Bhiobull, "Do 'n duine ghlan nochdadh tu thu féin glan, agus do 'n duine reasgach nochdadh tu thu féin reasgach."

Tha cuid de dhaoine ann aig a bheil sùilean biorach gus fàilingean dhaoine eile a chomharrachadh, ach ged a bhios an seòrsa sin an dùil gu bheil iad a' tuigsinn dòighean dhaoine agus dòighean an t-saoghail mòran na 's fheàrr na 'n coimhearsnaich, is e an fhèrrinn gu bheil iad glé bhitheanta dall. Na sùilean a théid tromhad mar ghimleid; a' rannsaicheas smear do chnàmh gus an tig crith fhuachd ort,—cha 'n e sin idir na sùilean d' an léir ulaidh is ionmhas a chridhe, ach na sùilean blàth anns a' bheil gràdh is bàigh. Sin an t-aobhar gu 'n do thuig Crìosd daoine ann an làithean fhèola na b' fheàrr na thuig na Phairisich iad, ged a bha na Phairisich an dùil gu 'n robh iad fhéin fada na bu ghlice agus na bu léirsinniche na Crìosd.

Tha an sgeulachd bhòidheach so aig muinntir Phersia mu Chrìosd. "Feasgar a thàinig e féin agus a dheisciobuil a steach do bhaile sònraichte, chunnaic iad meall mòr dhaoine cruinn air an t-sràid, agus iad a' sealltuinn air rud-eigin a bha aig geata a' mhargaidh. Gu dé a bha na daoine a' sealltainn air ach cù marbh, agus ropa m'a amhaich leis an robh e a réir choslais air a shladadh a dh' ionnsuidh an àite anns an robh e 'n a laighe? Bha àileadh as a' chlosaich, is bha na daoine a' cur dhiubh gu làidir a chionn nach robh seanairean a' bhaile a' tiodhlacadh a' choin. "Sealladh oillteil." ars' aon duine, "chuireadh e sgreamh air bùidsear fhéin." "Seall air na cluasan aige," arsa duine eile, "tha iad làn fala is gaoirre." Ach sheall Iosa air a' chù, agus is e na thubhairt e. "Tha fliacian cho geal bhòidheach ris an ìbhri fhéin." Bu léir d'a shùil-san maise eadhon ann an cù marbh. Bu léir da gu'm bu nighean do Abraham Muire d' an gairmear Magdalen a dh' aindeoin a seachrain. An uair a mhothaicheas daoine annta fhéin gu bheil iad na 's deise gu fàilingean dhaoine eile fhaicinn na tha iad air am fàilingean fhéin fhaicinn; no ma mhothaicheas iad gu bheil iad na 's deise gu bhì faicinn a' chogail a tha 'n an coimhearsnaich na tha iad air a' chruithneachd a tha annta

fhàicinn, bu chòir do 'n eòlas sin bior a chur 'n an coguis, oir tha e ag innseadh dhaibh nach e an inntinn a bha ann an Crìosd a tha anna. Tha e na 's fhasa do dhaoine a bhi magail na bhi uasal; tha e na 's fhasa a bhi cruaidh na bhì tròcaireach, ach gun freumh maith de 'n uaisle agus de 'n tròcair 'n ar cridheachan cha bhi annainn ach sgoilearan bochda an sgoil Chrìosd. Am measg gach rud nimhe a thubhairt naimhdean a' chroinn-cheusaidh mu Chrìosd, cha 'n fhaca is cha chuala mi riamh gu 'n do chuir iad as a leth gu'n do rinn e gnìomh leibideach, no gu 'n do labhair e facl suarrach uair air bith 'n a bheatha. Bha e daonnan uasal agus tròcaireach.

A thaobh an ruid eile a chuir am Frangach as leth ar sluaigh, tha mi an dùil nach 'eil na Gàidheil na 's gaolaiche air airgid na daoine eile, no a' deanamh aoraidh do 'n Trianaid L.S.D. ach mar tha an saoghal uile a' deanamh. Ach ged a bhitheadh iad gaolach air airgid, c'arson nach bitheadh? Cha 'n 'eil rud fo 'n ghreim air a bheil barrachd gòraiche is barrachd glòramais air a labhairt agus air a sgrìobhadh na tha air a labhairt agus air a sgrìobhadh mu ghaol airgid. Leis mar a bhios daoine a' cur sìos air airgid is ann a shaoileadh tu gu bheil e 'n a thàmailt do dhuine e bhi aige, air neo nach urrainn do dhuine fhaotainn gu h-onorach.

Tha airgid maith agus ro-mhaith 'n àite fhéin, agus gu dé an rud a tha maith mur bheil e air a chumail 'n a àite fhéin? Am flùr is maisiche, ma tha e a' fàs ann an àite anns nach 'eil gnothuch aige a bhith, cha 'n e maith ach eron a tha e deanamh. Na lusan agus na flùraichean as bòidheche, ma tha iad a' fàs ann an achadh buntata, their an tuathanach riu salchar. Tha fichead rìoghachd shòlasach a bhios dùinte gu bràth air duine mur bheil a leigeanas-a-leas de airgid aige. Ma tha meud an saobhbreis 'n a bhuaireadh do mhòran dhaoine, tha meud am bochdainne 'n a bhuaireadh do àireamh as motha. An uair a théid mi thairis 'n an inntinn air na daoine air a bheil mi mion-eòlach (cha 'n 'eil mi ag ràdh dad mu na daoine as aithne dhomh fada bhuam le bhi leughadh umpa anns na paip-earan-naigheachd) cha 'n 'eil 'n am measg uile gu léir ach còig no sé o'n tugainn air falbh cuid de 'n airgid a tha aca, air ghaol daoine as fheàrr a dheanamh dhiubh. A thaobh a' chorra de mo luchd-eòlais bheirinn dhaibh an tuilleadh 's a tha aca, agus bhithinn cinnteach nach ann idir air seachran air Dia a bha mi 'g an cur, ach gu'n

robh mi a' toirt daibh cothrom air ruighinn air beatha as farsuinge agus as àirde na tha comasach do dhaoine air a bheil ro-chùram mu lòn na h-ath sheachduin daonnan.

Cha 'n abair duine ach duine gòrach gu 'n dean airgid daoine sona; thubhairt an Neach a bu ghlice a bha riamh air thalamh nach ann am mòr-phailteas nan nithe a tha e a' seallbhadh a tha beatha an duine; ach cha 'n ann an gainne nan nithe a tha e a' seallbhadh a tha a bheatha na 's mò. An uair a dh' fheòraich an Seanalair Bramwell Booth de Cecil Rhodes an robh e sona, is e a thubhairt an duine sin, duine aig an robh na muilleanan, "Mise sona! tha fhios aig Dia nach 'eil mise sona." "Cha 'n 'eil ach aon àite," arsa Bramwell Booth, "far am faigh thu an sonas a mhaireas, aig casan an t-Slànuigheir a chaidh e cheusadh air ar son, oir is ann an sin a mhàin e gheibh sinn fuasgladh bho ar peacaidhean." Cha toigh lean-sa Cecil Rhodes, agus cha bu toigh leam riamh e, ach air a shon sin, bha rud-eigin mòr agus tromadach anns an duine. 'Na bhodhig bha e cho mòr ri Saul mac Chish, agus cleas Shaul cuideachd, bhiodh e air uairean an measg nam fàidhean. Cha b' e Cecil Rhodes am millionaire ach Cecil Rhodes am fàidh a labhair am facl so ri Seanalair Booth, an ceannard aig Feachd na Slàinte, "Tha a' chuid as fheàrr agaibh dhìom an déidh a h-uile rud, oir ged tha mise a' deanamh dhùthchannan ùra tha sibhse a' deanamh dhaoine ùra;" agus am facl ud eile a dh' fhàg e 'n a thiomnadh. "Ma tha Dia ann, agus ma tha e a' gabhail suime, cha 'n 'eil rud air an t-saoghal cho cudthromach dhòmh-sa ri thoil-san fhaotainn a mach, agus an sin ri thoil-san a dheanamh."

Ach ged nach 'eil an sonas as àirde an crochadh ri airgid, tha an t-airgid anns a' bheatha so coltach ris an ùileadh a bhios tu a' cur air rothan nan cairtean no air cuibhlichean nan càraichean. Bheir e air na cuibhlichean dol mu 'n cuairt gu réidh, sàmhach. Is am feum as motha a tha ann an airgid, *gu 'n toir e dhuit saorsa gun a bhi smuaineachadh air airgid idir.* "Na toir dhomh bochdainn no beartas; beathach mi le biadh a bhios iomchuidh air mo shon." Cha 'n 'eil saorsa aig an fheadhainn aig a bheil ro bheag de airgid, agus cha mhò a tha saorsa aig an fheadhainn aig a bheil ro mhòr dheth, ach eadar an dà sheòrsa sin tha àireamh mhòr dhaoine ann d'am bheil airgid a' tabhairt saorsa phrìseil. Agus cìod air bith a their thusa, a leughadair, their mise gur e saorsa inntinn an sonas as àirde anns a' bheatha so.



GNÌOMH UASAL AGUS EIREACHDAIL.

“... Ghabh Obadiah ceud fàidh, agus dh’ fholaidh e iad ’nan leth-cheudaibh ann an uaimh, agus bheathaich e iad le h-aran agus uisge.”—1 Rìgh xvm. 4.

Bha Obadiah ann an inbhe àrd ’na latha agus ’na linn fhéin. Bha àite urramach aige ann an seirbhis Rìgh Israel. Ach bha na làithean olc. Bha gorta anns an tìr. Agus na ’n d’ fhuair an Rìgh agus a’ Bhan-rìgh an toil fhéin, bhiodh gorta ann de Fhocal an Tighearna mar an ceudna. Dh’ fheuch iad cur as do chreideamh Iehobhab anns an tìr. Bha mòran de na fàidhean air an cur gu bàs. Bha an geur-leanmhainn cho goirt is gu ’m b’ fheudar do Eliah, am fàidh a b’ urramaiche bha anns an tìr, teicheadh aise le a bheatha. An teis-meadhon nan cunnart sin, “Ghabh Obadiah ceud fàidh, agus dh’ fholaidh e iad ’nan leth-cheudaibh ann an uaimh, agus bheathaich e iad le h-aran agus uisge.”

1. Tha so a’ nochdadh gu’m bu duine e aig an robh cridhe caomh tròcaireach. Bha e cosmhuil ris-san a thàinig air an duine a thuit am measg an luchd-reubainn, agus nach deachaidh seachad air, mar a rinn an sagart agus an Lebhithiach. Chunnaic Obadiah na fàidhean air an geur-leanmhainn, mar gu’m bu luchd droch-bheart iad, le daoine cumhachdach na tìre. Mar a thach-air do Luchd nan Cumhnant anns an dùthaich againn fhéin o shean, bha iad air am fuadach o àite gu àite, air am fàgail gun dachaidh agus gun dìon, agus air an dìteadh gu buillean agus gu bàs. Agus ma bha cuid diubh sean agus anfhann, agus cuid eile dhiubh brèidte tinn, rud as cinnteach gu robh, mo thruaighe an cor agus an crann-chur. Ach “Is beannaichte na daoine tròcaireach, oir gheibh iad tròcair.” Bha cridhe Obadiah làn truacanta is air an son, agus ged a bha e, ma dh’ fhaoidte, ’ga chur fhéin an cunnart air an sgàth, rinn e gnìomh caraid dhaibh-san a bha gun charaid ach e fhéin. Air cho lìonmhor is gu robh iad, agus cha b’ e àireamh bheag a bha ann, chuir e iad ann an àite teàruinte, far nach faigheadh an nàmhadh neo-ìochdmhor gréim orra. “Ghabh Obadiah ceud fàidh, agus dh’ fholaidh e iad ’nan leth-cheudaibh ann an uaimh, agus bheathaich e iad le h-aran agus uisge.”

2. Agus rinn e so do bhrìgh gu robh e làn

chinnteach gu’m b’ airidh iad air urram agus air meas. B’ iad seirbhìsich an Tì as Airde. Bha iad a’ cumail lòchran na diadh-aidheachd laiste anns an dorchadas, agus a’ labhairt Facal na Beatha ri ginealach aingidh. Daoine mòra bha so an sealladh Dhe, buachaillean a threuda, a theachdairean agus fhianusean ann an saoghal nach b’ airidh orra; daoine dileas agus ceart-chridheach mar an ceudna, a labhradh am Focal le cumhachd. Bha iad féin agus an dream a bha ’gan geur-leanmhainn cho eadar-dhealaichte o chéile agus a bha a’ chruithneachd o ’n mholl. Nach b’ eucorach, mata, smaointich Obadiah, gu’m biodh a leithid sin de dhaoine a’ fulang ainneirt agus àmhghair. Cia mòr an luach do ’n dùthaich! Nach bu mhaith do ’n chinneach sin anns am biodh na fàidhean lìonmhor, agus nach bu dubh an latha sin anns an caillteadh, na ’n caillteadh, iad. B’ e sin beachd Obadiah, agus nach ’eil e fìor anns gach àite agus aig gach àm. Nach bu chòir dhuinn a bhì sireadh gu’m biodh an àireamh ud air a meudachadh. “Is luachmhor an sealladh an Tighearna bàs na naomh.” Agus mar an ceudna am beatha. Is ann a chionn gu robh Obadiah trom-mhothachail air so, a rinn e an gnìomh tròcaireach ata air aithris ’n ar ceann-teagaisg.

3. Agus rinn e na rinn e, cha b’ ann a mhàin air an sgàth féin, no air sgàth an airidheachd féin, ach, os cionn gach nì, air sgàth ainm mòr Iehobhab. Bha tlachd aig an duine so an cliù Dhe, ’na fhìreantachd agus ’na naomhachd, ’na thròcair agus ’na bhreitheanas, ’na fhocal agus ’na òrdaigh-ean, ’na shlàinte agus ’na ghràs. B’ Esan a’ ghrian o’n tìgeadh an solus; b’ iadsan na reultan a bha dorcha annta féin agus an do dhealraich a sholus-san annta. Cha b’ àill le Obadiah; mata, gu’m biodh nì air bith a bhuineadh do mhòralachd Dhe air a lughdachadh am measg dhaoine, ach gu’m biodh gach nì air a thoirt am follais, chum a ghlòire. Cò bha cho freagarrach air so a dbeanamh ris na fàidhean sin anns an d’ analaich Dia a spiorad, agus a bha ’nan cliù d’a ainm, d’a aobhar, agus d’a fhìrinn. Nach ’eil e soilleir, mata, gu’n do ghràdh-aich Obadiah na fàidhean cho mòr a chionn gu’n do ghràdh-aich e Dia nam fàidhean na bu mhotha. Mar dhearbhadh air so, “Ghabh Obadiah ceud fàidh, agus dh’ fholaidh e iad ’nan leth-cheudaibh ann an uaimh, agus bheathaich e iad le h-aran agus uisge.”

4. Cha 'n e mhàin gu robh an gnìomh so uasal agus eireachdail, ach bha e sheachd fherrad a chionn gu'm b' éiginn a dheanamh gun fhios gun fhaireachadh do dhaoine. "Dh' fholaidh e iad ann an uaimh." Cha bu ghnìomh e a dheanadh Phairiseach a bhiodh a' seirm le trompaid gu robh e dol a mach a thoirt déirce seachad, no bhiodh 'na sheasamh an coinneachadh nan sràid a' togail a ghutha ann an ùrnuigh. A dh' innseadh na firinn, cha bu ghnìomh e a dheanadh neach air bith nach biodh toilichte mur faigheadh e urram o dhaoine. Ach dh' fhoghainn le Obadiah gu'n do shàbhail e beatha nan naomh, agus gu robh fios aig Dia air agus aig anam féin. Rinn e dìreach mar a bhios an Tighearna e féin a' deanamh. An uair a bhios sluagh Dhe an trioblaid. no an cumart, no fo chuing, is e so fianuis an t-Salmadair: "Folaichidh e mi 'na sgàth-thigh an là an uile; folaichidh e mi ann an dìomhaireachd a phàilliuin; air carraig togaidh e suas mi." Agus bu tric a chuir ar n-aithrichean an ceart smaointinn sin ann am facail cheòlmhor Isaiah: "Bithidh duine mar ionad-fasgaidh o'n ghaoith, agus mar dhèidein o'n doinn; mar shruthaibh uisge ann an àite tioram, mar sgàile creige mòire ann an tìr airsneulaich."

Is e as ciall do 'n ainm, Obadiah, "Fear-aoraidh no seirbhiseach an Tighearna," agus nach fhaod sinn a chabhair mar shamhladh air an Tighearna Iosa Crìosd. Rinn e na dh' fhaodadh e 'na latha fhéin, agus cha bu bheag na rinn. Shàbhail e beatha nam fàidhean, aon cheud dhiubh, 'gam beathachadh anns an uaimh le aran agus le uisge. Gun teagamh, an àm na gainne, bhiodh an t-aran ud milis do 'n bhlas mar a' mhill, agus an t-uisge mar an deoch a mhiannaich Daibhidh á Tobar Bhetlehem, ach bu shuarach sin an coimeas ris an lòn a tha an Tighearna Iosa Crìosd a' solair d' a shluagh: "Gu deimhin deimhin ata mi ag ràdh ribh, "mur ith sibh feòil Mhic an duine, agus mur "òl sibh fhuil, cha 'n 'eil beatha agaibh ann- "aibh. Esan a dh' itheas m' fheòil-sa, agus "a dh' òlas m' fhuil-sa, ata a' bheatha "shiorruidh aige; agus togaidh mise suas "e air an là dheireannach. Oir is biadh "gu fìrinneach m' fheòil, agus is deoch gu "fìrinneach m' fhuil. Esan a dh' itheas m' "fheòil-sa, agus a dh' òlas m' fhuil-sa, tha "e gabhail còmhuidh annam-sa agus mise "annsan."

(B'e so an searmon Gàidhlig mu dheireadh a bha air a lùbhairt leis an Urramach Dòmhnall Dòmhnallach, ministear Chill-Sheathain agus Chill-Choimnich, an Cinn-

tire. Tha Maighstir Dòmhnall a leigeil dheth dreuchd na ministrealachd am bliadhna, dreuchd a choinhlon e gu dìleas fad se is dà fhichead bliadhna.)

AONADH NAN EAGLAISEAN AN ALBAINN.

Tha an duilleag so air a cur a mach air iarrtus an Ard Sheanaidh a dh' innseadh do mhuinntir Eaglais na h-Alba ciamar a thòisich obair an Aonaidh an toiseach agus ciamar a tha cùisean a nis a' seasamh.

AN DA EAGLAIS DE'N AON STOC.

Cha 'n 'eil anns na h-eaglaisean Cléireachail an Albainn ach an aon teaghlach. Thàinig iad o'n aon stoc: rugadh iad leis an aon mhàthair: clann an Ath-leasachaidh a tha ann ta uile. Ma tha an dara té a' deanamh uail á Iain Knox faodaidh an té eile a' cheart uail a dheanamh, oir buinidh Iain Knox, agus Seòras Wishart, agus Andra Melville, agus Samuel Rutherford, dhaibh le chéile. A thuilleadh air sin cha 'n 'eil eadar-dhealachadh air bith eatorra a thaobh creidimh, no a thaobh aoraidh, no a thaobh riaghlaidh. Faodaidh muinntir na dà eaglais suidhe còmhla aig bòrd an Tighearna, mar is tric a rinn iad an àm a' chogaidh. Tha iad a' frithealadh do'n aon seòrsa dhaoine; ag oibreachadh taobh ri taobh anns a' h-uile sgìreachd an Albainn eadar Sealltuinn agus a' chrìoch Shasunnach. Tha iad cho coltach r'a chéile ri dà bhràthair no ri dà phiuthair.

C'AR SON A DH' FHANADH IAD DEALAICHTE?

C'ar son nach tigeadh iad còmhla agus nach deanadh iad aon eaglais mhòr ghasda? Tha e air a ràdh bu bheil muinntir Albainn 'n an daoine glic, crionna, cùramach, bàigh-eil r'a chéile; c'ar son, mata, a bhiodh iad a' cumail suas dà eaglais an uair a dheanadh aon té feum a cheart cho maith, agus na b' fhèarr. Tha na roinnean a tha ann measg nan eaglaisean 'na rud cosdail; tha aingiod a' dol a dholaidh, agus rud as miosa air fad, tha saothair mhinistearan a' dol a dholaidh. Ann an iomadh sgìreachd bheag far an deanadh aon mhinistear feum, agus far am biodh an sluagh mòran na bu shona agus na bu bhràithreile na'n robh iad ag aoradh còmhla, tha dà mhinistear air an cumail suas, agus theagamh trìuir no cheathrar ann an cuid de sgìreachdan. Rud nàrach agus mìltean anns na bailtean mòra gun mhinistear, gun bhuaichleachd spior-

adail idir! Ach tha sinn air fàs cho cleachdta ris an eas-aonachd so agus ris an toradh ghrannda a thàinig aisde 's nach 'eil i a' cur dragh air ar coguisen mar bu chòir. Cha 'n 'eil dùthaich air an t-saoghal anns a bheil uiread roinnean gun aobhar 's a gheibhear anns an eaglais Chléireachail an Albainn.

AN INTINN A THA ANN AN EAGLAIS NA H-ALBA.

Cha 'n 'eil Eaglais na h-Alba a' toirt gnùise air bith do'n bheachd nach gabh cuisean leasachadh. Bho chionn iomadh bliadhna thog aithrichean na h-eaglais an guth, cuid dhiubh a tha an diugh anns an ùir, a' cur impidh air an luchd-dùthcha àithne Chrìosd a choinhead agus bloighean na h-eaglais a chur còmhla. Is e sin inntinn Eaglais na h-Alba an diugh fhathast; le guth a Cléirean agus le guth an Ard-Sheanaidh dh'innis i gu soilleir do'n dùthaich gu bheil i deas air son an Aonaidh. Theagamh gu'm faighear an sid agus an so innte daoine a their, "Is fheàrr leinn a bhi mar tha sinn seach dol còmhla ris na U.Fs.: c'ar son nach leig sibh leò an rathad fhéin a ghabhail?" Ach cha 'n 'eil àireamh nan daoine sin ach beag làimh ris an àireamh mhòr anns an eaglais a tha a' smuaineachadh cha 'n ann air an roghainn féin no air am fair-eachduinnean féin ach air maith spioradail na dùthcha. Cha bhiodh Eaglais na h-Alba dileas d'a prionnsipalan féin, na a' deanamh a dleasdanas mar an eaglais a tha air a stéidheachadh le lagh na rìoghachd, mur deanadh i oidhirp air ballacha briste Shìoin a chàradh agus bloighean na h-eaglais Chléireachail a tharruing r'a chéile bu bhi 'n an aon.

MAR A THOISICH OBÀIR AN AONÀIDH AN DRASD.

Anns a' bhliadhna 1908—bho chionn oehd bliadhna deug—chuir Eaglais na h-Alba cuireadh a dh'ionnsuidh na eaglais Shaoir Aonaichte agus a dh'ionnsuidh na h-eaglais Shaoir a dh'iarraidh orra an combhairle a chur rithe gu saor agus gun chunnachan air bith a dh'fheuchainn an gabhadh an rathad réiteachadh agus na beanntan a bha seasamh eatorra a charachadh. Cha 'n fhaca an eaglais Shaor ionchuidh an cuireadh sin a ghabhail, ach ghabh an Eaglais U.F. e, agus chuir i àireamh shònruichte d'a daoine air leth gus dol ann an seachas ris na daoine againne mu'n ghnòthuch.

An uair a bhruidhneadh gu saor taobh air taobh chunnacas gu'n robh dà phuing shònruichte air an robh Eaglais na h-Alba a' seasamh gu daingean, agus dà phuing shòn-

ruichte air an robh an Eaglais U.F. a' seasamh a cheart cho làidir.

B'e so na puingeann air an robh Eaglais na h-Alba a' seasamh—

- (1) Gu'm feumadh an eaglais an déidh an aonaidh a bhi 'na h-Eaglais na h-Alba anns an dòigh as farsuinge; is e sin r'a ràdh, 'na h-oighre dligheach air an eaglais a bha air a h-aideachadh leis an Staid bho àn an Athleasachaidh mar eaglais choitchionn na dùthcha.
- (2) Gu'm feumadh maoin na h-eaglais lean-tuinn rithe gu bhi air uisneachadh ann an aobhar an t-soisgeil agus air son maith spioradail an t-sluaigh; is e sin r'a ràdh, an t-airgiod a tha i nis a' faotainn bho dheachainn a bha air am fàgail aice anns na seann làithean.

B'e na puingeann air an robh an Eaglais U.F. a' seasamh—

- (1) Gu'm feumadh saorsa spioradail a bhi aig an eaglais an déidh an aonaidh, gun chomas aig an staid gnothuch a ghabhail rithe ann an nithean spioradail.
- (2) Gu'm feumadh maoin na h-eaglais, a togalaichean agus a tighinn-a-steach, a bhi fo riaghladh na h-eaglais féin gu buileach, gun ghnòthuch aig an staid no aig tighernan-fearainn riu.

ACHDAN PARLAMAID, 1921 AGUS 1925.

An uair a ràinig an dà thaobh seòrsa de chòrdadh mu na puingeann sin chuir Eaglais na h-Alba roimhe gu'm feuchadh i ri Achd Pàrlamaid fhaotainn a bheireadh dhi na nithean a bha an Eaglais U.F. ag iarraidh. Bha gach ceum air a ghabhail gu réidh eiuin laghail, le Cléirean agus Seanadh na h-eaglais, agus air a' cheann mu dheireadh thug a' Phàrlamaid do'n eaglais na còraichean uile a thagair agus a dh'iarri i.

Leis a' cheud Achd, Achd 1921, dh'aidich an Staid gu bheil saorsa iomlan aig Eaglais na h-Alba a nis a thaobh gach cùis spioradail, agus nach buin e do'n Staid gnothuch a ghabhail rithe anns na nithean sin. Leis an ath Achd, Achd 1925, tha maoin agus togalaichean na h-eaglais, eaglaisean is mansichean is globan, air an toirt thairis do'n eaglais gu bràth, gu bhi air an riaghladh le cileadairean a bhios air an cur air leth air son a' ghnòthuich leis an Ard-Sheanadh.

Mar so rinn Eaglais na h-Alba na b'urrainn i a dheanamh gus an t-Aonadh a chur air aghaidh an Albainn; dh'fhosgail i an rathad gus dol an coinneamh na h-Eaglais U.F., no eaglais Chléireachail air bith eile an Albainn.

Bha fhios aice gu maith nach b' ann gun chunnart dhi fhéin, no gun chall saoghalta cuideachd, a bha i a' cur a cùisean agus a còraichean fo làimh Pàrlamaid, ach air a shon sin b' fheàrr leatha an cunnart agus an call a sheasamh seach stad air an t-slighe no tionndadh air a h-ais. Bidh e 'n a chall dhi gu bheil aice a nis ris na h-eaglaisean agus na mansaichean a bhuineas dhi a chumail suas an àite iad a bhi air an cumail suas leis na h-uachdarain-fearainn mar a b' àbhaist. Ach air an làimh eile, co dhiù a thig an t-aonadh no nach tig, rinn Eaglais na h-Alba an rud ceart, agus an rud onorach, agus an rud misneachail; ciod air bith a thachras bidh coguis ghlan aice am fianuis muinntir Albainn agus am fianuis nan eaglaisean Pròstanach eile air feadh an t-saoghal, oir rinn i a dleasdanas mar mhàthair ann a bhi feuchainn ris a' chloinn a dhealaich rithe a tharruing aon uair eile r'a chéile ann an spiorad a' ghràidh.

C'AR SON A DH' IARRAMAID AN T-AONAIDH SO.

Tha fichead reuson gu'n rachadh na h-eaglaisean Cléireachail an Albainn còmhla, ach faodar iad so ainmeachadh:—

(1) Is e aon nàsuinn agus aon pòbull a tha againn an Albainn, rud a tha Albannaich daonna ag aideachadh an uair a thachras iad air a chéile ann an dùthchannan eile. C'ar son nach h-aideicheadh iad am bràithreachas aig an tigh le bhi ag aoradh anns an aon eaglais? Is e an eaglais Chléireachail eaglais dhùthchasail na h-Alba.

(2) Mur bheil aobhar cudthromach air a shon, tha eas-aonachd calg-dhireach an aghaidh spiorad na diadhaidheachd. Tha an eas-aonachd agus an ràiteachas a tha am measg Chriosduidhean a' cur an dà chuid ionghnadh agus gràin air daoine òga, air chor agus gu bheil mòran dhiubh a' tionndadh air falbh bho'n eaglais Chriosduidh uile gu léir.

(3) Tha an dà chuid ministearan agus airgiod air an cur a dholaidh an uair a tha dhà no trì no ceithir eaglaisean far an deanadh aon té feum, agus sin ann an làithean anns a bheil obair an t-soisgeil a' fulang an iomadh ceàrn le cion mhinistearan agus le cion airgid.

(4) Tha duileadasan anns an bailtean-mòra agus anns na h-àitean far a bheil an sluagh dùmhail a dh' fhairtlicheas air na h-eaglaisean gu bràth cho fhad agus nach 'eil aonachd 'n am measg féin.

(5) Tha clann na h-eaglais Chléireachail air feadh an t-saoghail uile ag aideachadh Eaglais na h-Alba mar am màthair, agus ag aideachadh Albainn mar an dùthaich agus

an dachaidh spioradail. Bhiodh e 'na latha mòr agus 'na latha aoibhneach na'n rachadh aig an t-seana nìbàthair air a tigh a chur an òrdugh agus a teaghlach briste a chruinneachadh còmhla.

(6) Tha Dia a' gairm air muinntir Albainn an diugh an soisgeul a thoirt d'an luchd-dùthcha a chaidh a mach do na dùthchannan thall, agus an soisgeul a thoirt do na einnich nach cuala riamh e. Cha 'n urrainn na h-eaglaisean a' ghairm sin a fhreagairt gu ceart a chionn gu bheil an eas-aonachd agus an ràiteachas 'g am fàgail bochd.

(7) Tha an eaglais Phàpanach a' togail a cinn an Albainn an diugh mar nach do rinn i riamh bho àm an Ath-leasachaidh, a gabhail cothrom air na roinnean a tha 'n ar measg-ne. Cha 'n 'eil roinnean no eas-aonachd an Eaglais na Ròimhe. Ri aghaidh a' Phapa bu chòir dhuinne seasamh an guailibh a chéile.

(8) Am measg gach guth agus gach argumaid eile a tha labhairt ri sluagh Albainn tha aon ghuth as sòluimte na gach guth eile, guth an Tighearna Iosa air a thogail gu nèamh ann an ùrnuigh anns a' gharradh an Ierusalem a' guidhe air Dia, "*gu'm bi iad uile nan aon; chum mar a tha Thusa, Athair, annam-sa, agus mise annad sa; gu 'm bi iadsan mar an ceudna 'nan aon ann-ainne; chum gu'n creid an saoghal gu'n do chuir Thusa uait mi.*"

IS BRAITHREAN SINN UILE.

O b' àluinn an dachaidh
Bhiodh againn 's an t-saogh'l,
Na'n sguireamaid còmhla
D'ar connspaidean faoin,
'S gu'n abradh gach duine
Ri 'urra, le bàigh—
"Is bràithrean sinn uile,
Fair dhòmhsa do làmh."

Nach brònach an sgeul e
Gu'm feum sinn bhi strith,
'N uair dh' fhaodamaid còrdadh
'S tigh'nn beò ann an sìth;
Le fàilte 's le furan
Bu duineil bhi 'g ràdh—
"Is bràithrean sinn uile,
Fair dhòmhsa do làmh."

Gu luath thig an aois oirnn
'S an t-aog air a cùl;
'S gun dàil théid ar càramh
Gu sàmbach 's an ùir;
'S a' chill ni sinn cadal
Gu maduinn Là Bhràth—
Is bràithrean sinn uile,
Fair dhòmhsa do làmh.



COR NA DUTHCHA.

Fo sgàile do sgiathan gabhaidh mi mo theàrmunn gus an tèid na h-uile so uile thairis.—Saln lvi. i.

Tha dòchas agam gu'm bi na h-uile a tha bagairt air an riochachd an diugh thairis m' an ruig an duilleag so ar luchd-leughaidh, ach eadhon ged nach bitheadh, cha'n'èil feum air bith ann do dhaoine suidhe sìos fo na craobhan-aiteil ag osnaich agus ag ochanaich mar gu'm biodh deireadh an t-saoghail dlùth. Cha 'n e sin an dòigh idir air cùisean a cheartachadh. Is e a' ghairm a tha tighinn thugainn an diugh, " Bithidh misneachail agus bithibh gaisgeil air son ar sluaigh agus air son bhailtean ar Dé, agus deanadh Iehobhah an ni a tha maith 'na shùilean." Tha Dia a' toirt cothrom d'a shluagh anns na làithean so air dearbhadh a thoirt do'n t-saoghal gur h-iadsan *salann na talmhainn*; tha e mar fhiachaibh air buill na h-eaglais eiseimpleir a thoirt do dhaoine eile le an faighidinn agus an ciùine, eiseimpleir a thaobh ùmhlachd do lagh Dhé, agus ùmhlachd do na cumhachdan a tha air an òrduchadh le Dia.

Tha na làithean so deuchainneach gun teagamh, cho deuchainneach 's gur còir dhuinn uile dol air ar glùinean gu tric a dh' ùruigh ri Dia as leth ar dùthcha, ach cìod air bith a thig asda cha ruig sinn a leas eagal a bhì oirnn gu'n cuir so crìoch air Breatunn. Tha crìdhe agus anam Bhreatuinn na 's làidire na gu'n cuir an influenza so crìoch oirre. Cha'n'èil taobh sam bith agam-sa ris na Bolshevics, ach cha mhò a tha e furasda dhomh éisdeachd le faighidinn ri daoine a bhios a' cur eagal nam bòchdan sin orm. Na daoine a bhios ag osnaich agus ag ochanaich mar gu'm biodh muinntir na dùthcha so cho maol no cho gealtach 's gu'n leigeadh iad le Bolshevics á Russia no á Cluaidh an cur fo smàig an aghaidh an toile, tha na daoine sin tur aineolach air gné agus air danarrachd ar sluaigh. Tha a h-uile duilleag ann an eachdraidh ar dùthcha a' teagasg gu bheil gaol aig Breatunnaich air saorsa nach 'eil aca air airgiod fhéin, ged is mòr an gaol air airgiod, air chor agus gu 'm faigh na Bolshevics an sùilean fhosgladh ma tha iad an dùil nach 'eil annta ach dròbh chaorach. Gheibh iad a-mach nach e caoraich a tha aca idir ach coin-thairbh. Cìod air bith a dheanadh Eirionnaich no Albannaich b' fheàrr le Iain Bull am bàs na gu'n strìochdadh e do

chumhachd fo'n ghréin ach a thoil fhéin, agus le a thoil fhéin tha e a' ciallachadh lagh na Pàrlamaid a chuir e fhéin air chois. Tha toil agus crìdhe ar sluaigh-ne làidir agus ruighinn, cho làidir agus nach leig Pàpa no Bolshevic a leas feuchainn ri cuing a chur air an amhaich an aghaidh an toile.

Faodar, mata, earbsa a chur ann am muinntir na dùthcha gu'n giùlain iad iad féin gu misneachail agus ga glic aig an àm so, agus gu'm faigh iad dòigh air chor-eigin air cùisean a réiteachadh gu laghail agus gu cothromach. Agus gus leasan a thoirt do luchd-na-h-ochanaich a bhios a' brnadar air na Bolshevics anns an oidhche, agus bho nach cluinnear aon fhacal fad fìnn foinneach an latha ach " Mo chreach, mo chreach, cha robh an dùthaich riamh 'na leithid so de shuidheachadh," bu mhaith leam naigheachd bheag innseadh dhaibh, còmhradh a bha eadar dà choinbhearsnach air maduinn Sàbaid an àm a' chogaidh. Tha an naigheachd air a h-innseadh le I. P. Struthers nach maireann, ministear a bha ann an Grianraig.

B'e ainm fir dhiubbh Uilleam agus ainm an fhir eile Anndra. B' ann de 'n t-seòrsa a bhios ag osnaich agus ag ochanaich a bha Uilleam; an seòrsa a bhios a' caoidh cor na dùthcha, no cor na h-eaglais, no cor an t-saoghail, gun sgur. Bha e 'na dhuine gearanach mìthoilichte, làidir 'na bheachd, is dùil aige nach robh ann an daoine eile ach daoine aineolach an coimeas ris fhéin. Bha Anndra 'na dhuine sàmhach ciallach a bhiodh a' tomhas a briathran, duine leis nach bu toil ràbhart cainnte.

Maduinn Sàbaid a bha iad a' seachas thairis air a' ghàrradh a bha eadar na tigh-ean aca thuirt Uilleam, " Tha mi an dùil nach robh àm riamh ann an eachdraidh na dùthcha cho cunnartach 's a tha againn an dràs."

" Cha 'n 'eil e gun chunnart gun teagamh," fhreagair Anndra.

" Gun chunnart," ars' Uilleam, " tha mi ag ràdh riut nach robh àm eile riamh ann cho cunnartach ris."

" Làithean sòluimte gun teagamh," ars' Anndra.

" Cho sòluimte," fhreagair Uilleam gu cas, "'s nach robh làithean cho sòluimte riu ann an eachdraidh an t-saoghail uile. Cìod air bith a their thusa is e sin a their a h-uile duine glic, agus is e sin a tha na paipearan-naigheachd ag ràdh, nach robh làithean mar so ann bho thoiseach an t-saoghail."

“A bheil cuimhne agad ciod a thachair anns an Fhraing air a’ cheathramh là fichead de August, 1572,” arsa’ Anndra.

Chuir so stad beag air ochanaich Uilleam; “cha ’n urrainn mi a ràdh gu bheil,” arsa’ esan.

“Sin agad, mata, an là ris an abràr là an Naoimh Bartolemus, an là air an robh ceithir mìle de na Huguenots air am mort. Agus a bheil fhios agad ciod a thachair anns an Spaint air a’ cheud là de ’n cheitein ann an 1545? No ciod a thachair an Russia air an dara là de April, 1512? No am Peru ann an 1544? No an Guatemala ann an 1524? No an Afghanistan ann an 1725? No an Tibet ann an 1318? An aithne dhuit aon ni a thachair anns an Asia eadar 550 agus 1100? No aon ni a thachair ann an China fad dà mhìle bliadhna roimh bhreith Chrìosd, no fad mìle bliadhna ’n a dhéidh?”

“An aithne dhuit fhéin,” arsa’ Uilleam gu frionasach, “ciod a thachair anns na dùthchannan sin anns na bliadhnanach sin?”

“Cha ’n aithne gu dearbh,” arsa’ Anndra, “ach gus am bi barrachd eòlais agam air eachdraidh an t-saoghail na tha agam cha bu mhaith leam a bhi cleachdadh nam briathran a bhios tusa a’ cleachdadh, “nach fhacas agus nach cualas riamh leithid nan làithean so.”

Chuir so an fhearg air Uilleam agus is e a thubhairt e, “Mur h-aithne dhomh eachdraidh an t-saoghail tha eòlas agam air a’ Bhòbull.”

“An aithne dhiut, mata,” arsa’ Anndra, ciod a thacair ann an 2348 roimh bhreith Chrìosd, no ann an 538?”

“Cha ’n ’eil cuimhne agam,” arsa’ Uilleam

“Theagamh nach ’eil,” arsa’ Anndra; ann an 2348 B.C. thàinig an tuil air an t-saoghal, agus ann an 538 B.C. thuit Babilon mòr. Ach bidh cuimhne agad ciod a thachair ann an 70 an déidh breith Chrìosd?

Mar dhuine as am biodh na fiaclan ’gan tarruing fheagair Uilleam, “Cha ’n urrainn mi a ràdh gu bheil.”

“B’e sin a’ bhliadhna anns an robh Ierusalem agus an teampull air an leigeadh gu làr le saighdearan na Ròimhe, a’ bhliadhna anns an robh an fhàisteachd a rinn Chrìosd air a coimhionadh, “anns an àm sin bithidh àmhghar mòr ann, amhuil nach robh ann o thùs an domhain gus a nis, agus nach mò a bhitheas a chaoidh.”

Cha do chòrd so idir ri Uilleam; “ma tha mise ’g ad thuigsinn,” arsa’ esan, “tha thu a’ ciallachadh nach ’eil an t-àm so idir cunnartach.”

“Cha d’ thubhairt mise dad de ’n t-seòrsa sin,” arsa’ Anndra, “is e na thubhairt mi gu’m bu chòir dhuinn le chéile ar briathran

a thomhas, agus an tuilleadh eòlais a bhi againn air eachdraidh an t-saoghail m’ an tòisich sinn air a ràdh mu na làithean so nach robh an leithid riamh ann no làithean cho cunnartach riu. Dh’ fhaodainn-sa a ràdh gu bheil an càl anns a’ ghàrradh agad fhéin a’ sealltuinn gu maith ach cha ’n ionn-an sin agus na’n abrainn nach robh càl riamh air an t-saoghal cho mhaith ris.”

“Co a bha bruidhinn air càl?” arsa’ Uilleam; “cha b’ ann air càl a bha mise a’ bruidhinn.”

Bha Anndra a’ dol a ràdh rud-eigin eile, ach chuimhnich e air an fhacal ud a labhair an duine glic, agus dh’ fhan e sàmhach, ‘Ged phronnadh tu amadan ann an soitheach-pronnaidh am measg cruithneachd le bruthadair cha dealaich amaideachd ris.’

ANNS A CHATHAIR.

An uiridh bha cruinneachadh mòr an Dun-éideann: chruinnich mìle gu leth de dhaoine fòghluimte a chur an comhairle ri chéile mu obair mhaighstirean-sgoile agus mu theagas na cloinne. Bha iad ann as gach ceàrn de ’n t-saoghal: bha iad ann á leth-cheud rioghachd, eadar Iapan agus Peru, eadar Lochlann agus eileanan iomallach na Pacific.

An déidh làimhe bha na h-òraidean a bha air an liubhairt leis na maithean ud, agus an deasbud a thog iad aig a’ choinnimh, air an cur a mach ann an dà leabhar mhòr thiugh leabhraichean anns a bheil se’ deug agus trì fichead ùnsa de chudthrom, oir chuir mise le mo làimh fhéin air a’ mheidh iad. Cha do cheannaich mise na leabhraichean so dhomh fhéin, oir cha ’n ’eil e ’na chleachdadh agam a bhi toirt òir air son umha, ach thug caraaid eòir iasad dhiubh dhomh, agus bho chionn là no dha bha mi a’ sealltuinn ’n am broinn an dràsd ’s a rithist.

Ann an toiseach na h-oidhe agus mi a’ leughadh òraid a bha air a liubhairt le boirionnach air an robh an t-ainm bòidheach, Lillian de Lissa, thachair aon rud orm ris a bheil mi a’ cur m’ aonta, nach bu chòir do mhaighstirean-sgoile a bhi cur eagail air cloinn, a chionn nach ’eil an t-eagal ach a’ puinnseanachadh an imtinn. Cha ’n ’eil e a’ deanamh maith sam bith dhaibh. Theagamh a leughadair, gu’n cuir thusa ’n am cuimhne comhairlean Sholaimh mu’n chloinn agus mu ’n t-slaith, agus gu’n abair thu, An tusa as glice na Solamh? Cha ’n ’eil mise a’ gabhail orm a bhi na ’s glice na Solamh, ach air a shon sin, na’n robh clann agam, cha b’ ann ri Solamh a dh’ earbainn

an teagasg, oir cha do rinn e ach obair bhochd am measg a chloinne féin.

Araon anns an sgoil agus anns a' chùbaid cha bu chòir do luchd-teagaisg a bhì feuchainn ri toil cloinne no toil dhaoine mòra a ghluasad le bhì a' cuir eagal orra. Agus gu sòruichte cha bu chòir dhaibh a bhì cur eagal ifrinn orra. An uair a bha Dùghall Buchanan eadar còig agus sé bliadhna a dh' aois chaidh e mach aon Dòmhuach gun fhios d'a mhàthair, a chluich còmhla ri balaich eile, agus an oidheche sin bha a leithid de eagal air a' dol a laighe 's gu 'n do bhrudair e gu 'n robh an Tighearna Iosa a' tighinn thuige ann an corruich a dheanamh dioghaltais air a chionn gu 'n do bhris e an t-Sàbaid. Fad làithean a leanabachd bha e air a phianadh le seallaidhean uamhasach agus le aislingean na h-oidheche, seallaidhean is aislingean a chuir eagal air a chridhe. Bhiodh e a' brudair mu là a' breitheanais agus 'g a fhaicinn fhéin air a thilgeadh ann an loch teine gu sìorruidh.

Anus na làithean anns an robh Dùghall Buchanan beò theagamh gu'n robh na pàrantan a bhiodh a' cur eagal ifrinn air an cloinn air an cuntas 'n am pàrantan glic agus eudmhor, agus gun teagamh bha màthair Dhùghaill Buchanan 'na boirionnach diadhaidh, ach air a shon sin cha chreidinn-sa bho neach o'n ghréin gu bheil e nàdurra do phàisde còig bliadhna a dh' aois a bhì brudair air ifreann, no gu bheil e nàdurra dha a bhì smuaineachadh air an Tighearna Iosa mar neach a tha dol a dheanamh dioghaltais air a chionn gu'n do rinn e cluich bheag neo-chiontach air an t-Sàbaid, ann an aotramas a chuirp agus a chridhe,—rud anns nach do smuainich e gu'n robh olc. Cha 'n 'eil sin idir nàdurra, agus ma tha na faireachduinnean sin air an dùsgadh ann an cridheachan cloinne, tha cron mòr air a dheanamh orra, cron a dh' fhaodas am beatha a mhilleadh agus an cur air seachran bho Dhia. Rud brònach, gu'm biodh beachdan ceàrr air an cur ann an cridheachan òga a thaobh Dhé. Tha lagh na rioghachd a' peanasachadh duine a thogas droch thuailleas air duine eile, ach ciod a theirear ris na daoine a tha togail droch thuailleas air Dia fhéin, a' cur as a leth gu bheil rùintean is faireachduinnean borb 'na chridhe nach 'eil ann idir? An uair a chluinneas tusa, a leughadair, duine air bith a' cur as leth an Tighearna Iosa do rinn no gu'n dean e gnìomh cruaidh-chridheach nach deanadh tu fhéin air son an t-saoghail, faodaidh tu a bhì cinnteach nach aithne do'n duine sin Dia. Tha Dia uasal agus glan; glan 'n a ghuimharan is uasal 'na chridhe agus 'n a ghné.

Bho àirde nan nàmb, agus ann an coim-

eas ri naomhachd Dhé, cha 'n 'eil mùghadh as fhiach iomradh a dheanamh air eadar aon duine agus duine eile air thalamh, ma ghabhar iad thar a chéile, air chor agus nach e idir an seòrsa iompachaidh air a bheil a' mhor-chuideachd de dhaoine feumail gu 'm biodh iad air an tionndadh bho aingidheachd gu naomhachd; o bhì deanamh uile gu bhì deanamh maith. A thaobh na mòr-chuideachd de dhaoine an t-saoghail so tha e fiòr, nach 'eil iad an dara cuid anabarrach aingidh no anabarrach maith. Is e an seòrsa iompachaidh air am bheil feum aca gu'm biodh an stèilean agus an cridheachan air am fosgladh a chum 's gu'm faic agus gu 'm fairich iad Dia; gu'm faic iad a mhaise agus gu 'm fairich iad a làthaireachd. Do mhòran dhaoine cha 'n 'eil Dia 'n a Dhia beò idir, cha 'n 'eil ann ach *Ni-eigin fad air falbh* air an cual iad iomradh le éisd-eachd na cluaise, agus anns a bheil iad a' creidsinn dìreach mar tha iad a' creidsinn gu bheil Melbourne ann an Astralia, no gu'n robh a leithid de dhuine agus Mahomet ann. Cha 'n e sin an dàimh anns am bu chòir do dhaoine a bhì seasamh ri Dia, agus is e an t-iompachadh air a bheil feum aca gu'm biodh faireachduin air làthaireachd Dhé anns an t-saoghal agus 'n am beatha air a dhùsgadh 'nan cridheachan, agus cha 'n e mhàin faireachduin air a làthaireachd ach dearbheachd a thaobh a rùintean agus a thròcair agus a ghràidh. Sin an t-aobhar gur h-ann aig crann-ceusaidh an t-Slànuighir a tha cridheachan cruaidh dhaoine air am briseadh mar is bitheanta, oir cha 'n 'eil àite eile air thalamh anns am faic daoine maise agus caomhalachd agus gràdh an Athar a ta air nàmb mar a chi iad e aig bonn a' chroinn-cheusaidh.

Ann am fear de na leabhraichean a sgrìobh A. C. Benson, mac Easbuig de 'n eaglais Shasunnaich, tha e ag innseadh mu na beachdan a bha aige air Dia 'n a òige. Bha e air a thogail agus air a theagasg le cùram diadhaidh. Bha e a' creidsinn ann an Dia gun uiread agus aon teagamh a chur riann ann, ach cha robh comunn air bith eadar e fhéin agus Dia; bha e a' creidsinn ann mar a bha e a' creidsinn anns na leasain a dh' ionnsaich e anns an sgoil. Cha robh Dia maiseach no ion-mhiannaichte 'n a shùilean; bha e a' smuaineachadh air Dia mar gu'm biodh bodach mòr a bha fiadhaich sean, fada fada os cionn an t-saoghail so, agus gun e a' gabhail gnothuich ri cloinn nan daoine ach a mhàin gu'm biodh e a' cumail a shùla orra a dh' fheuchainn ciod an t-olc a bha iad a' deanamh.

Cia meud balach agus caileag anns an dùthaich aig a bheil na ceart bheachdan sin

mu Dhia. Gun teagamh tha e duilich clann òg a theagasg ann an eòlas Dhé oir is spiorad Dia; tha e duilich smuaintean cothromach a chur ann an inntinnean beaga mu nàdur agus mu rùintean agus mu dhòighean an Tì Uile-chumhachdaich agus neo-fhaicsinnich. Ach gabhaidh an rud deanamh gun a chur an cridhe na cloinne nach 'eil ann an Dia ach *policeman*. Pàrantan air bith no luchd-teagaisg air bith a tha toirt nam beachdan sin d' an cloinn no d' an luchd-éisdeachd,—cha bhi iad gun chionta ma dh' fhanas a' chlànn sin agus an luchd-éisdeachd sin air falbh bho Dhia, gun an t-iarrrtas a bhi air a dhùsgadh 'nan toil agus 'nan cridhe, 'Eirigh mi agus théid mi a dh' ionnsuidh m' athar.'

Gu fortanach tha ni-eigin ann an cridhe nùic an duine gu nàdurra a dhìonas e bho bheachdan feall, agus fàsaidh clann gu tric a mach as na beachdan a bha air an teagasg daibh 'nan òige mar a dh' fhàsas iad a mach as an aodach, no mar a dh' fhàsas am partan a mach as a shlige.

Ged a b' ainmeil an diadhair Ionatan Edwards cha bu mhaith leam a leigeil a steach do mo chùbaid, agus idir cha leiginn a steach do mo sgoil-Shàbaid e. Bha àm de mo bheatha anns am bithinn a' leughadh a leabhraichean, agus anns an robh meas mòragam air, a chionn gu robh e air a theagasg dhomh gur e duine comasach a bha ann, agus a chionn gu robh mi a' creidsinn na dh' innis mo luchd-teagaisg dhomh uime, ach an diugh cha 'n 'eil ann am briathran Ionatan Edwards dhomh ach mar gu'm biodh fuaim na gaoithe. Am faca tu riamb, a leughadair, searmon le Ionatan Edwards air a' chuspair so, *Peacaich ann an làmhan Dhé agus corruich air*. Mur faca, bheir mise dhiut crioman dheth.

"Sibhse a tha neo-iompaichte, bidh neart neo-chrìochnach an Uile-chumhachdaich, agus corruich uamhasach an Uile-chumhachdaich air an cleachdadh oirbh gus bhur pianadh agus bhur cràdh; bidh sibh air bhur riasladh agus air bhur pianadh an làthair nan ainglean naomha, agus an làthair an Uain; agus an uair a chi iad sibh a' fulang mar so fo chorruich gharq an Tighearna tuitidh iad sìes aig a ehasan, a' moladh a mhòrachd agus a chumbachd. Sin agad corruich shiorruidh an Tighearna. B' uamhasach an rud e a' chorruich so a dhùsgadh fad aon mhionaid, ach bidh i air a dhùsgadh 'n ur n-aghaidh-se fad linntean na siorruidheachd; fad linntean na siorruidheachd bidh sibh ann an truaighe eagallach agus ann dòruinn nach gabh innseadh, gun dòchas agaibh ri saorsa no ri faochadh no ri fois aon mhionaid; an uair a chuireas sibh seachad muillein agus deich

muillein bliadhna a' gleachd ri dioghaltas gun iochd an Uile-chumhachdaich bidh fhios agaibh nach deachaidh fhathast seachad de 'n t-siorruidheachd ach mar gu'm biodh aon mhionaid. Co d' an aithne cumhachd corruich Dhé? Nach uamhasach staid na feadh-nach air an tuit i, ach is e sin staid na feadh-nach nach 'eil air am breith a rìs, air cho cùramach, moralta, stuama, diadhaidh, 's 'g am faod iad a bhith. Tha mòran anns an eaglais so an diugh, ag éisdeachd ris an t-searmon so, a bhios air am pianadh ann an truaighe shiorruidh; agus cuimhnichidh iad an searmon so ann an ifreann. Bidh cuid agaibh ann an ifreann an ùine gheàrr, m' an tig a' bhliadhna gu crìch. Agus theagamh gu 'm bi cuid agaibh ann an ifreann m' an tig maduinn am màireach, ged tha sibh 'n ur suidhe ann an sin an dràs slàn fallain, 'g ar faireachadh fhéin sàbhailte agus aig fois."

Ciod a their thu fhéin, a leughadair, ri teagasg de 'n t-seòrsa sin? Is e na their mise, gu'm biodh e duilich leam a chreidsinn gu'n deanadh an Diabhol fhéin an rud a tha Ionatan Edwards a' cur as leth an Tigh-earna agus nan ainglean naomha. Is e an fhìrinn nach robh ann an searmon an duine ud ach briathran, briathran, briathran; rud a bha e a' sniomh a mach á eanchainn fhéin—agus bha eanchainn làidir aig an duine gun teagamh—mar a bhios am figheadair a' sniomh snàtha as a chorp. Cha'n 'eil fhios agam-sa ciod a tha air taobh thall na h-uaigne na 's mò na tha agad-sa, a leughadair, ach aon ni tha fhios agam, nach bi mi air mo mhealladh ann an Dia, agus gu'm bi an dòchas a thug Iosa dhomh d'a thaobh, a thaobh a mhaitheis agus a thròcair agus a chaomhalachd, air a choimhlionadh.

Coma leam luchd-teagaisg a bhios a' leigeil ruith le 'm briathran an uair a labhras iad air corruich Dhé, mar gu 'm biodh iad a' bruidhinn air maighstir-sgoil no policeman. Tha Dia àrd agus uasal agus naomh, agus eadhon ged a bheireadh am bàs orm agus toibheum air mo bhilean b' fheàrr leam tuit-eam 'n a làmhan na ann an làmhan Ionatan Edwards. Mar is sinne a tha mi a' fàs is ann is mò a tha mi a' toirt fanear, gur e na daoine as làidire a shearmonaicheas uamhasan ifrinn d' an co-chreutairean as lugha a tha faireachduinn 'n an eridheachan cudthrom na frinn eagallach a tha iad a' làimhseachadh. An déidh dhàibh càirdean agus luchd-eòlais agus coimhearsnaich a thilgeadh ann an las-raichean siorruidh far am bi iad air an los-gadh fad linntean na bith-bhuantachd theid iad dhachaidh agus gabhaidh iad an dinneir mar nach robh an rud uamhasach so a' dol a thachairt idir, agus cha chall iad aon mhionaid d' an cadal anns an oidheche.



POL AGUS DEMAS.

Bho chionn ghoirid leugh mi leabhar a bha air a sgrìobhadh mu Phòl agus mu chuid d'a chàirdean leis an Urramach Seumas Ballingal, D.D., agus bho na tha na leugh mi fathast ùr 'n am inntinn bu mhaith leam aon dealbh de na tha anns an leabhar a thoir do ar luchd-leughaidh, dealbh Dhemais mar a tha e air a tharruing le Seumas Ballingal.

An uair a bha Demas còmhla ri Pòl anns an Ròimh bha e mu cheithir bliadhna fichead a dh' aois; duineachan beag cuimhir a bha beò dheth féin, agus gu maith àbhacach agus bruidhneach. Bha e 'na chleachdadh aig Pòl a litrichean a sgrìobhadh le làmh duineigin eile, agus glé thrìc an uair a bha e anns a' phrìosan anns an Ròimh b'e Demas a bu chléireach da. Bha làmh-sgrìobhaidh air leth aige agus cha mhór nach sgrìobhadh e a cheart cho luath 's a bhruidhneadh Pòl. Cha robh rud air an t-saoghal a b' fheàrr leis na bhì a' sgrìobhadh litrichean Phòil oir bha meas mòr aige air an abstol.

Ann an iomadh dòigh eile bha Demas feumail do Phòl an uair a bha e anns a' phrìosan. Bhiodh e a' deanamh thurasan dha anns a' bhaile, agus ag innseadh dha cuid-eachd a h-uile rud a bha tachairt anns an eaglais. Bha taobh shònruichte aig Pòl ris an duine òg so, air a sgàth fhéin agus air sgàth a phàrantan, oir b' aithne dha iad ann an Tesalonia. A thuilleadh air sin bha a leithid de shunnd air Demas daonnan, agus e cho aoibheil toilichte, 's gu'm biodh e a' toirt togail-eridhe do Phòl a bhì cluinntinn a chois agus a ghutha a' dol seachad air uinneag a' phrìosain.

Latha a bha Demas a' sgrìobhadh litreach do Phòl, thuir Pòl ris an uair a bha iad ullamh; "Tha Epaphroditus a' tighinn 'gam fhaicinn gu goirid; duine caomh, agus duine onorach, agus duine diadhaidh; tha an t-astar air a bheil e a' tighinn fada oir tha e a' tighinn á Philippi, agus cha robh e riamh anns a' bhaile uamhasach so, ach feuch thusa gu'n dean thu na's urrainn thu air a shon agus gu'm faigh thu dha àite freagarrach anns am fuirich e. Thig thugam tràth am màireach, oir tha mòran agam r'a dheanamh; feumaidh mi sgrìobhadh gu Timoteus oir tha e an Ephesus aig an àm. Tha fadal orm gus an tig Lucas á Corint; tha mi 'g a ionndrainn, ach theagamh nach 'eil e furasda dha aiseag fhaotainn. An uair a

gheibh thu cothrom, b' fheàrr leam gu'm fèraicheadh tu c'uin a tha fughair ri bàta á Corint?"

Sin cuid de na turusan air am biodh Pòl a' cur Dhemais agus cha bu leasg le Demas a' chorrach a chur ann an obair de'n t-seòrsa so oir bha e gu nàdurra gaolach air a bhì dol am measg dhaoine agus a' cruinneachadh naigheachdan.

Bha guth maith aig Demas agus bha e anabarrach gaolach air seinn, ach b' fheàrr dha nach robh, oir b' e an t-seinn a chuir eadar e fhéin agus Pòl air a' cheann mu dheireadh. Bhiodh e a' taghall air teaghlach anns an Ròimh anns an robh daoine òga a bha cho gaolach ris fhéin air seinn, agus cuid dhiubh maith air an fhìdhill. Bha athair an teaghlach 'n a mharsanta-fiona; bha dà mhac aige agus dà nighean, ach cha robh gin dhiubh 'n an luchd-aideachaidh ach a mhàin màthair an teaghlach, bana-Ghrengach aig an robh meas anabarrach air Pòl. Bha ise daonnan toilichte an uair a thigeadh Demas do'n tigh a chionn gu'n tugadh e dhi naigheachd air Pòl, agus bha an òigrìdh toilichte an uair a thigeadh e a chionn gu'm biodh oidhche chridheil aca le seinn.

Cha robh na ceud Chriosduidhean a' ceadachadh do luchd-aideachaidh dòighean an t-saoghail a leantuinn idir; cha robh iad a' ceadachadh dhaibh dol gu cuirm-chùil, no do thigh-cluich, no gu dannsa, no do àite air bith anns am biodh aighear is baath-shùgradh. Bha cuid de sheanairean na heaglais a bu tinne na chéile air an òigrìdh a thaobh seinn is dannsa, ach cha robh duine idir a bu làidire 'n an aghaidh na Aristarchus. Bha Aristarchus cho cruaidh air daoine òga 's nach saoilleadh tu gu robh e fhéin òg riamh.

Bha seòrsa de eagal aig Demas roimh Aristarchus, ach air a shon sin cha robh e a' creidsinn 'n a chridhe gu robh cron air bith ann an cuid de na nithean a bha Aristarchus a' toirmeasg. Bu ghasda leis a bhì an comunn dhaoine òga a bha cho gaolach ris comunn dhaoine òga a bha cho gaolach ris fhéin air seinn is ceòl. Ged a bha cuid de na daoine òga sin nach robh a' creidsinn ann an Criosd, no a' gabhail orra a bhì cràbhach no diadhaidh, theireadh Demas ri Aristarchus gu robh iad 'n an daoine ciallach, grunn, moralta, agus nach robh e mar fhiachaibh airsan an comunn a sheachnadh a chionn nach robh iad 'n an

luchd-leannhuinn air, Crìosd. Thigeadh gruain is fuachd a' gheamhràidh air aodann Aristarchuis an uair a' chluinneadh e sin; theireadh e nach robh ann an Demas ach gaotharan bochd a bha fo chuibhrichean ann an tigh Rinnoin.

An ceann greis thòisich e ri bhi' air a mhonmur air measg nam foirfeach anns an eaglais gu robh Demas ri bhi' air fhaicinn gu tric am measg dhaoine gòrach, a' dol gu coinneamhan aig an robh cluich is ceòl is dannsa, agus thàinig e 'n an inntinn, an dara cuid, nach robh ann ach an cealgair, air neo gu robh e air tuiteam air falbh. Cha robh so idir fìor, oir bha Demas 'n a dhuine onorach aig an robh cridhe glan, agus bha e cho eudmhor air taobh an Tighearna ris na foirfich fhéin, ach bha e furasda a lùbadh a null agus a nall.

Uair a bha coisir-chiùil ainmeil ri bhi' anns an tigh-chluich cho-èignich deannan de dhaoine òga e gu dol còmhla riu a dh' éisdeachd a chiùil. An toiseach cha robh Demas air son dol ann; bha eagal air nach còrdadh a dhol ann ris na seanairean, ach an uair a chothaich càch air nach robh cron air bìth ann agus gu'n robh an ceòl anabar-rach taitneach ghéill e agus chaidh e leò. Thaitinn an ceòl riu cho maith agus gu'n do thòisich am bannal dhaoine òga ud, air an rathad dhachaidh, air na h-òrain a chualaid anns an tigh-chluich a sheinn, agus greim aca air làmhnan air a chéile, nigheanan agus gillean. Ach an uair a bha bhàg aca air na h-òrain, air meadhon na sràide, cò a chaidh seachad orra ach Aristarchus? Sheas e greis a' sealltuinn as an déidh, agus a chridhe tùrsach, oir bha e cinnteach gu robh Demas air dol air an t-slighe leathainn a tha treòrachadh gu sgrios.

An uair a chaidh Demas dhachaidh an oidheche ud, agus a dh' fhuair a chluich, bha aithreachas air gu'n deachaidh e do'n tigh-chluich, agus bhòidich e 'n a chridhe nach rachadh e ann tuilleadh. Theireadh e ris fhéin an dràs 's a rithist nach robh cron air bìth anns na rinn e, agus gu'n robh a choguis glan; theireadh e gu robh Aristarchus agus na seanairean eile 'n an daoine cumhann, a' toirneasg nithean a bha lagh Dhé a' ceadachadh. Ach air a shon sin cha robh a choguis aig fois, agus bha briseadh an latha air tighinn m' an d' fhuair e cadal.

Bha e air a dhùsgadh le buille aig an doras agus Aristarchus air tighinn 'g a fhaicinn, a ràdh ris gu robh e a' dol a dh' innseadh do Phol mu obair nàrach na h-oidheche an raoir. "Bha thu," ars' esan, "ann an comunn dhaoine a tha 'n an naimhdean do Dhia agus a' leantuinn fasain phe-

each agus dòighean amaideach an t-saoghail; mur faicinn thu le mo dhà shùil féin, cha chreidinn gu'm biodh tu cho neo-dhìleas do'n Tighearna Iosa agus d'a eaglais."

Na'n do labhair Aristarchus ris rud beag na bu chiùine agus na bu chaomhaile theagamh gu'n rachadh aige air a bhràthair òg a chosnadh, oir cha robh dad ann an Demas a bu mhiosa na gòraiche agus aotramas 'n a h-òige, ach an uair a thòisich Aristarchus air trod chaidh Demas anns a' mhionaid air 'each mòr fhéin agus thuirt e gu'm bu choma leis-san breith dhaoine cumhann, agus gu'n deanadh e mar a chitheadh e fhéin ionchuidh.

Ach an déidh do Aristarchus falbh shil Demas na deòir; cha robh a chridhe no a choguis aig fois; b'e am bior a bu ghoirte anna gu'n cuireadh goileab Aristarchuis uime mulad air Pòl; gu'm biodh an t-uallach so air a chur air cridhe an duine naoimh agus uallaichean gu leòir air cheana.

An ceann beagan ùine chuir Pòl fios air, agus gu'n ach sealltuinn air aodann Phòil, dh' aithnich Demas gur e taobh Aristarchuis a bha Pòl a' gabhail. "Tha mi duilich a chluinntinn," ars' esan, "gu bheil thu air tuiteam am measg dhroch chompanach, agus gu bheil thu a' dol do'n tigh-chluich. Cha tachradh sin mur b'e gu bheil gaol an t-saoghail air do chur air seachran air Dia. Thug thu nàire fhollaiseach air do bhràithrean agus air eaglais Chrìosd."

An uair a chuala Demas sin bha e mar dhuine a fhuair binn a bhàis. Ach ged nach robh e 'n a bbeachd an toiseach e fhéin fhreanachadh bha an fhaireachduinn 'n a chridhe nach d' fhuair e ceartas, no idir idir caoimheas, agus gu'n robh e air a dhiteadh gun chothrom a thaobh fhéin de'n ghnòthuch innseadh no a lethsgèul a ghabhail.

Chuir so an fhearg air, agus thionndaidh e air Pòl agus e air chrith, "Tha mi duilich," ars' esan, "gu'n d' éisd sibhse ri naigheachdan breugach dhaoine eile. Tha mo choguis-sa glan, oir tha fhios agam nach do rinn mi dad a bheireadh nàire orm fhéin no air an eaglais. Tha mi ag aideachadh gu'n deachaidh mi do'n tigh-chluich, ach cha robh mi ann ach aon uair, agus an uair sin fhéin bha mi ann còmhla ri daoine ceart stuama, càirdean air a bhli meas mòr agam agus ris nach dealaich mi air son Aristarchuis no air son duine eile a chunnaic mi riamh."

"Cha'n aithne dhomhsa do chàirdean," fhreagair Pòl, "agus cha 'n 'eil mi dol a ràdh dad timchioll orra, ach is aithne dhomh Aristarchus, mo bhràthair dìleas anns a bheil làn earbsa agam. Is aithne dhomh fhaighidinn agus a ghràdh, agus tha fhios agam nach tugadh e breith neo-chothromach air do

dhol-a-mach. O, a Dhemais, gabh thusa mo chomhairle agus bi glic, leig seachad gòraiche agus gaol an t-saoghail, agus aidich do chionta an làthair Dhé, agus bithidh tu fhathast an nì a b' àbhaist duit a bhi dhomhsa, mo mhac gràdhach anns an Tighearna.'

Is beag nach robh danarrachd Dhemais air a bhriseadh sìos leis an fhacal mu dheireadh so, mo mhac gràdhach, ach bha a chridhe air a bhioradh leis an smuain nach d' fhuair e ceartas agus gu'n do ghabh Pòl taobh Aristarchuis, agus is e a thubhairt e, "Tha fhios agaibh gu maith an gaol a tha agam oirbh, agus tha e 'gam ghortachadh sibh a bhi saoilinn gu'n do rinn mi cron. Tha mi a' faicinn nach 'eil feum air bith ann dhomh mo thaobh fhéin de'n ghnòthuch innsadh, oir cha 'n éisd sibh rium ged a dh' éisd sibh ri Aristarchus. Ach ma tha sibhse agus Aristarchus an dùil nach h-airidh mi air fantuinn ann an comunn nan Crisduidhean cha chuir mise dragh na's fhaide oirbh.'

Leis an fhacal sin chaidh Demas a mach. Cha do ghairm Pòl air ais e, ged a bha a chridhe a cheart cho goirt ri cridhe Dhemais.

Is e so an naigheachd, ma's fìor an t-Urrannach Seumas Ballingal, D.D., a tha air chùl an fhacail sin a sgrìobh Pòl gu Timoteus, *Thréig Demas mi air dha an saoghal so a ghràdhachadh.*

AIR SABAID COMANACHAIDH.

Thugaibh comhfhurtachd, thugaibh comhfhurtachd do mo shluagh-sa, deir 'ur Dia.

—*Isaiah xl. i.*

Chuala mi iomradh air ministear òg a thug seachad searmon mòr air Sàbaid comanachaidh, a' dearbhadh le argumaidean làidir gu robh Dia ann. Ach ged tha feum air argumaidean làidir air uairean ann an seirbhis an t-soisgeil, tha àm freagarrach ann air son gach nì, agus cha'n e Sàbaid comanachaidh an t-àm gus deasbud àrd no ealanta a dheanamh mu Dhia no mu dhìomhaireachd na diadhaidheachd. Cha deanadh an deasbud sin ach ar n-aire a tharruing air falbh bho na samhlaidhean naomh agus beannaichte a tha f'ar combhair an diugh air a' bhòrd so, samhlaidhean a tha a' labhairt ri ar cridheachan nas sòluimte na b' urrainn argumaid air bith a dheanamh. Aig bòrd an Tighearna cha'n eil ach aon iarrtus agus aon ùrnuigh a bu chòir a bhi 'n ar cridheachan, gu'n tugadh. Dia dhuinn faireachduinn shòlasach air a làthaireachd, agus air a mhaithreas, agus air a thròcair. Cha 'n ann a dh' éisdeachd cìod a their an searmonaiche a tha daoine a' tighinn a dh' ionnsuidh a' bhùird so ach a dh' eisdeachd cìod a labhras

Dia riu. Gu'm biodh an Tighearna maille ruinn anus an t-seirbhis naomh so an diugh, agus gu'n labhradh e sìth r'a shluagh.

An uair a bha an diadhair agus an searmonaiche ainmeil, an t-Ollamh Iain Watson nach maireann, a' leigeil dheth dreuchd na ministrealachd, thubhairt e gu robh dà mhearachd 'n a obair fhéin a dh' fheuchadh e ri cheartachadh, na'n robh e a' tòiseachadh as ùr; (1) dheanadh e a shearmoin na bu ghiorra, agus (2) bheireadh e barrachd comhfhurtachd d'a choimhthional na thug e riamh dhaibh. Sin comhairlean a tha feumail do shearmonaichean eile cuideachd, ach is e an té mu dheireadh dhiubh as fheàrr, oir anns gach coimhthional a bhios cruinn faodar a bhi einnteach gu bheil duine air chor-eigin, agus gu bithianta iomadh duine, a tha giùlan uallach trom agus dìomhair, daoine a dh' fhàgadh tigh an Tighearna gun aotramachadh air bith fhaotainn, no leighis do leòn an cridhe, mur biodh facal caomhneil no facal comhfhurtachd air a labhairt riu.

Ach ged tha e mar fhiachaibh ais searmonaichean an t-soisgeil comhfhurtachd a thoirt do shluagh an Tighearna cho mhaith ri rabhaidhean, bhiodh e na b' fheàrr air fad na'n rachadh daoine gu facal an Tighearna air an son fhéin a dh' fhaotainn comhfhurtachd an àm am feuma, oir mar is trice is ann tre Fhacal a tha Dia a' labhairt sìthe ri cridheachan a tha fo thrioblaid. A bheil leabhar eile air an t-saoghal anns a bheil uiread comhfhurtachd 's a gheibhear anns a' Fhiobull? Tha e làn de'n chomhfhurtachd as fheàrr agus de'n chomhfhurtachd as buaine; an leabhar as prìseile fo'n ghréin do luchd a' chridhe cheirt.

Bha Iosa air a thogail air na sgrìobturan; bha e air oileanachadh aunta bho làithean òige air chor agus gu'm b'aithne dha gu maith an facal so ann an leabhar *Isaiah, Thugaibh comhfhurtachd, thugaibh comhfhurtachd, do mo shluagh-sa.* An t-seachduinn mu dheireadh d'a bheatha air thalamh b'e na sgrìobturan a bu bhìadh agus a bu dheoch dha, agus am measg nam briathran eile a thàinig thuige thàinig iad so thuige le cumhachd an Spioraid Naoimh, oir leig e seachad gach seanchas eile a b' àbhaist a bhi aige r'a dheisciobuil agus thòisich e air comhfhurtachd a thoirt daibh mar gu'm biodh màthair a' toirt comhfhurtachd d'a cloinn. —*Na biodh bhur cridhe fo thrioblaid; ann an tigh m' Athar-sa tha iomadh àite-comhnuidh; tha mi dol a dh' ullachadh àite dhuibh. Guidhidh mise an t-Athair agus bheir e dhuibh comhfhurtair eile, chum gu'm fan e maille ribh gu brath. Tha mi fàgail sìthe agaibh; mo shìth-sa a ta mi toirt dhuibh;*

cha'n ann mar a bheir an saoghal a tha mise a' toirt duibh. Na biodh bhur cridhe fo thrioblaid, agus no biodh eagal air. Mar a ghràdhaich an t-Athair mise, mar sin ghràdhaich mise sibhse: fanaibh ann am ghràdh-sa. Anns an t-saoghal bithidh àmhghar agaibh, ach biodh deagh mhìsneach agaibh; thug mise buaidh air an t-saoghal.

Tha na briathran so a labhair Crìosd r'a dheisciobuil làn comhfhurtachd gun teagamh, ach am buin a' chomhfhurtachd so dhuinne? Ceasnaicheadh gach neach a chridhe féin, mar tha an t-abstol ag iarraidh oirnn, oir cha bhuin comhfhurtachd nam briathran so ach a mhàin dhaibhsan a tha ag aideachadh Crìosd mar a bha na ceud dheisciobuil 'g a aideachadh. Tha Facal an Tighearna ag ràdh, 'Abraibh ris an ionracan gur maith a dh' éireas dha', ach tha Facal an Tighearna ag ràdh cuideachd, 'Is an-aobhinn do'n aingidh; is olc a dh' éireas dhasan. "Na tugaibh; tabhartas dìomhain dhomhsa na's mò," tha an Tighearna ag ràdh, "nighibh, glanaibh, cuiribh air falbh olc 'ur deanadais as mo shealladh; sguiribh de'n olc; iarraibh breitheanas; deanaibh fuasgladh air an fhear a tha sàruichte; cumaidh coir ris an dilleachdan; tagraibh eus na bantraich." An diugh agus sinn 'n ar suidhe aig a' bhòrd naomh so tha ar coguis 'g ar dìteadh, agus tha lagh an Tighearna 'g ar dìteadh, air chor agus na'm b' ann ris an lagh a mhàin a bha ar gnothuch gu'm faodamaid a ràdh nach 'eil dòchas no comhfhurtachd air bith anns an lagh dhuinn. Ach tha ar gnothuch ri Crìosd agus r'a shoisgeul; thàinig Crìosd do'n t-saoghal, cha 'n ann a ghairm nam firean a tha cheana air am fireanachadh leis an lagh, ach a theàrnadh pheacach a tha air an dìteadh leis gach lide de'n lagh. "Thigibh a nis, agus tagramaid ri cheile," deir an Tighearna, "ged robh 'ur peacaidhean mar an sgàrlaid; bithidh iad geal mar an sneachd; ged robh iad dearg mar chorcur, bithidh iad mar olainn." "Ma dh' aidicheas sinne ar peacaidhean, tha esan fireannach agus ceart, chum ar peacaidhean a mhaicheadh dhuinn, agus ar glanadh o gach uile neo-fhìreantachd." "Glanaidh fuil Iosa Crìosd a Mhic sinn o gach uile pheacadh." Sin a' chomhfhurtachd a tha na samhlaidhean naomh so a' labhairt an diugh riibh-se, a luchd-comachaidh; tha iad a' cur an céill na's sòluimte na's urrainn briathran duine no aingil a dheanamh gu'n do bhriseadh corp Iosa agus gu'n do dhòrtadh fuil air bhur son-se.

Cha 'n urrainn searmonaiche air bith gràdh agus tròcair an Tighearna a dheanamh na's farsuinge na tha iad ann an da-rìreadh, agus na'n gabhadh e air fhéin tròcair an

Tighearna a dheanamh cho beag cumhann ri chridhe beag fhéin, chraicheadh agus bhreugnaicheadh na samhlaidhean naomha so a theagasg, oir tha iad a' cur an céill nach ann a mhàin air son dhaoine maith no air son ionracan a dh' fhuiling an Slànuihear ach air son pheacach. Ma tha duine air an aingidheachd am measg dhaoine eile 's gu'm faodteadh a ràdh uime gur e duine as mìosa anns an t-saoghal uile gu léir,—bhàsaich Crìosd air son an duine sin cho cinnteach 's a bhàsaich e air son Eoin. Sin comhfhurtachd an t-soisgeil, agus sin an soisgeul a tha an t-sàcramaid naomh so a' searmonachadh dhuinne an diugh, nach ann idir leis na h-obribh fireantachd a rinn sinn a tha sinn air ar saoradh, ach leis an obair a rinn Crìosd air ar son.

Thugaibh comhfhurtachd, thugaibh comhfhurtachd, do mo shluagh-sa, deir 'ur Dia. Bu mhaith leam-sa comhfhurtachd a thoirt do shluagh an Tighearna an diugh, oir ma tha feadhainn an so aig nach 'eil feum oirre, tha fhios agam gu bheil feadhainn eile ann a tha lag 'n am misneach agus 'nan creid-eamh, a' tighinn a dh' ionnsuidh a' bhùird fo eagal gu'm faod iad a bhi ag itheadh agus ag òl breitheanas daibh féin. Ach cha'n e rud air bith bhuan fhéin a bu mhaith leam a thairgsinn daibh, ach Facal seasmhach an Tighearna. Agus ciod a' chomhfhurtachd as làidire na am facal so mu nàdur agus mu dhòighean an Tighearna ris a bheil gnothuch againn, "Cò an Dia ann a ta cosmhuil riutsa, a mhaicheadh aingidheachd agus a ghabhas seachad air easaontas do shluaigh, oir ar Dia-ne cha ghléidh e a chorruidh gu sìorruidh do bhrìgh gur toigh leis tròcair. Pillidh e a ris; gabhaidh e truas dinn; còmhdaichidh e ar n-easaontais, seadh tilgidh e ar n-uile lochdan ann an dòimhneachdaibh na fàirge." Sin an Dia ris a bheil gnothuch againn, ach mur leòr leibh an teisteanas so a thug a sheirbhiseach Micah air, cluinnibh ciod a tha Pòl ag ràdh, "An ti nach do chaomhain a Mhac féin, ach a thug thairis e air ar son-ne uile, cionnus maille ris-san nach toir e mar an ceudna dhuinn gu saor na h-uile nithe?" Ach ged is maith Pòl agus ged is maith Micah tha guth eile a' labhairt ruinn an diugh as buadhmoire agus is sòluimte na'n guth-san, guth an Tighearna Iosa e féin, ag ràdh ruinn, "Thigibh a'm' ionnsuidh-sa sibhse uile a tha ri saothair agus fo uallach trom is bheir mise suaimhneas duibh: an ti a thig a'm' ionnsuidh cha tilg mi air chor air bith a mach e." Sin ar comhfhurtachd làidir-ne an diugh, is fàth ar dòchais.



A' CHARRAIG.

B'i a' charraig sin Crìosd.—i. Corint. x. iv.

A réir beul-aithris nan Iudhach lean sgealb de'n chreig a bhuaill Maois clann Israeil air an turus, air chor agus nach robh cion uisge orra anns an fhàsach. Cha'n'eil sinn an dùil gu'n robh Pol a' creidsinn na seann sgeulachd sin, ach rinn e feum dhith anns an litir so a chionn gu'm faea e imte samhlahd air firinn spioradail a bu mhaith leis a chur an cuimhne eaglais Chorint; is e sin r'a ràdh, gu bheil gràdh is cùram Dhe a' leantuinn a shluagh gun sgar, agus gu bheil feartan sòlasach an t-Slànuigheir a' dol an cois chreidmheach anns gach ceum d' an turus air thalamh.

Anns a' chunntas a tha leabhar Ecsoduis a' toirt air imeachd chloinn Israeil anns an fhàsach tha mòran nithean a' tachairt oirnn a tha glé iongantach. Tha sinn air ar toirt air ar n-ais gu òg-mhaduinn an t-saoghail, 'nuair a leughas sinn mu'n neul agus mu'n teine a chaidh romhpa g' an treòrachadh; mu na frasana mana a thuit o nèamh, agus nithean eile de'n t-seòrsa sin; ach is e an snuaim shònruichte a tha ruith troimh an eachdraidh uile mar ghath gréine, gu bheil cumhachd is gliocas Dhe ag oibreachadh ann an eachdraidh an t-saoghail, agus gu bheil e a' treòrachadh dhaoine ann an dòighean nach aithne dhaibh a chum a rùintean dìomhair féin a choimhlionadh.

Thachair na nithean so dhaibhsan mar eisempleirean, tha Pòl ag ràdh, agus sgrìobhadh iad chum sinne air a bheil deireadh an domhain air teachd a theagasg, agus ged a thàinig atharrachadh mòr air an t-saoghal o làithean Mhaois, tha mìorbhuilean Dhe mu'n cuairt air a shluagh an diugh fhathast cho ciùnteach 's a bhi iad mu'n cuairt orra. 'nuair a dh' ith iad aran o nèamh anns an fhàsach. Ged nach 'eil Dia a' labhairt ruinne an diugh anns a' cheart dòigh anns an do labhair e ris na h-aithrichean o shean, agus ged nach 'eil a fhreasdal ag oibreachadh 'n ar beatha air an aon mhodh anns an d' oibrich e ann am beatha Israeil. is e an t-aon Dia a labhair rìusan agus ruinne. An uair a bha an saoghal ann an staid leanabaidh a thaobh eòlas Dhe is tuigse spioradail labhair Dia r'a shluagh mar ri leanaban. Labhair e riu le comharran follaiseach, le iongantasan a ghlacadh an t-sùil agus an inn-tinn. Ach air do'n t-saoghal a staid lean-

baidh fhàgail 'na dhéidh, stad na comharran agus na mìorbhuilean follaiseach sin, agus thòisich Dia air labhairt r'a shluagh air mhodh eile. Ach ged nach 'eil Dia a' nochdadh a làthaireachd no a chumhachd anns na linntean so air an aon dòigh anns am faea clann Israeil iad, tha mìorbhuilean a ghliocais agus a ghràis cho dlùth dhuinne 's a bha iad dhaibhsan, na'n robh againn an t-sùil a chitheadh agus an eridhe a thuigeadh iad.

Is iomadh samhlahd is cosmhalachd a chleachd Pòl a chum maise is glòir an Tighearn Iosa a dheanadh soilleir do'n t-saoghal. Bha ainm an t-Slànuigheir os cionn gach ainm dha; chleachd e uile bhuidhean 'inntinn a chum an t-ainm naomh àrdachadh, agus air dha na Rabbaidhean a chluinntinn a' labhairt 'n an dòigh thioram neo-spioradail féin mu'n charraig a lean clann Israeil anns an fhàsach, rinn e greim air an t-samhladh, chuir e brìgh is maise ùr anns an t-seann sgeulachd, agus thuirt e ri eaglais Chorint, *B'e Crìosd a' charraig sin.* Agus am measg nan nithean ris a bheil Crìosd air a choslachadh anns an Tìomnadh Nuadh, gus a chumhachd agus 'obair a nochdadh do dhaoine, cha'n'eil samhlahd as freagarraiche no am facal so, *a' charraig.* Anns an t-seann Tìomnadh tha Dia gu bitheanta air a choimeas ri carraig. Ann an aon chaibideil an leabhar Dheuteronomi tha an coimeas so air a chleachdadh sia uairean; (xxxii, 4, 15, 18, 30, 31, 37). Anns na sailm tachrar gu tric air a choimeas cheudna; is e an Tighearna mo charraig (Salm xviii, 2), treòraich mi a chum na carraige as àirde na mi féin (Salm lxi. 2); carraig no neirt, mo theàrmunn is e Dia, (Salm lxii. 7); is tu carraig mo shlàinte, (Salm lxxxix. 26). Ach is e Pòl a mhàin a thug an coimeas so do Chrìosd, ged a bha Isaiah ann an aon seadh air thoiseach air, oir labhair esan mu'n Mhesiah fada roimh àn a theachd mar dhuine "a bhios mar ionad-fasgaidh 'o'n ghaoith, agus mar dhèan o'n doinionn; mar sruthan uisge ann an àite tioram, mar sgàile creige mòire ann an tìr airsnealaich." Tha an samhlahd cho brìghmhor 's nach 'eil e iongantach gu'n do rinn fear de bhàird na h-eaglais greim air, ann an laoidh a fhuair oisean blàth ann an eridhe chreidmheach air feadh an t-saoghail uile,

*Chreag nan Linntean! stigh fo d' sgàil
Bithreams' air mo dhion gu bràth.*

Thubhairt Crìosd féin aon uair, “Gach neach a ni mo briathran-sa samhlaichidh mi e ri duine glic a thog a thigh air carraig,” agus uair eile thubhairt e gu’n robh creid-eamh Pheadair mar charraig agus gur ann air an seòrsa creige sin a thogadh e ‘eaglais. Is e sin r’a ràdh, tha iadsan a tha creidsinn gur e Iosa mac Dhe agus a ni a thoil a’ socruchadh am beatha spioradail air bunait sheasmhaich. Tha iad a’ togail air carraig nach brisear.

Dh’ fhaodamaid an samhladh a leantuinn a mach na’s fhaide agus labhairt air an *dìon*, agus am *fasgadh*, agus an *teàruinteachd* a tha a shluagh a’ faotainn ann an Crìosd; ach is leòir dhuinn aig an àm so greim a dheanadh air an aon smuain, gu bheil Crìosd a’ dol maille r’a shluagh air an turus dìreach mar a lean a’ chreag clann Israeil, a réir beul-aithris nan seanairean. Gheall e d’a dheisciobuil gu’m biodh e maille riu eadhon gu deireadh an t-saoghail. Cha’n eil e ‘g am fàgail gun taic gun chuideachadh ri aghaidh nan cunnartan agus nan naimhdean a thachras riu, ach tha aingeal a làthaireachd air an deas làimh a ghnàth. Ma tha neòil dhorcha ‘ga fholuch uainn, agus mur bheil faireachduinn againn air co-chomunn a ghràidh, is ann againn féin a tha a choire agus cha ‘n ann aige-san. Cha ‘n urrainn e còmhnuidh a dheanamh annainn ma tha sinn a’ toirt aoidheachd ‘n ar cridhe do nithean a tha calg-dhireach an aghaidh ‘inntinn-san. Cìod an réite as urrainn a bhì eadar Crìosd agus Belial, no cìod e caidreabh na fireantachd ri neo-fhireantachd? Ach ma tha a shluagh a’ coimhead fhacail agus a’ deanamh a thoile, ni e còmhnuidh maille riu agus cha ‘n fhàg e iad gu bràth. Bheir e àithne d’a ainglean m’ an timchioll chum an gleidheadh ‘nan slighean uile. Bidh aran aca r’a itheadh is deoch r’a òl nach aithne do’n t-saoghal. Tha abhainn de uisge beò a’ sruthadh o charraig nan àl, agus gheibh iadsan a dh’ òlas de’n uisge sin neart is beatha.

‘S Tusa ‘n tobar beò gu fìor

‘Chaisgeas m’ lotadh mòr gu saor

‘Chuireas sòlas ann am chridh’

‘S fad na siorruidheachd nach traogh.

Cìod air bhith na duileadasan no na deuchainnean a thachras air luchd-leanmhuinn Crìosd, biodh iad fo dheagh mhìsnich, oir tha esan maille riu agus is leòir a ghràs-saon air an son. Ma tha iad ann an teagamh, no ma tha an solus a’ fàs fann, gairmeadh iad airsan agus iarradh iad air an seòladh, oir “treòraichidh e na daoine ciùin ann am

breitheanas.” Ma tha an neart a’ fàilneachadh no an cridhe fo eagal feitheadh iad na’s bìtheanta agus na’s dùrachdaiche aig cathair nan gràs oir “iadsan a dh’ fheitheas air an Tighearna ath-nuadhaichidh iad an neart.” Na abair a’d chridhe, “Cò a théid suas air nèamh a thoirt Crìosd a nuas, oir tha am Facal maille riut.” Tha Crìosd cho dlùth dá shluagh an diugh ‘s a bha e do na deisciobuil an uair a ghluais iad maille ris ann an Galile, oir gheall e nach fàgadh e iad ‘nan dilleachdain ach gu’n tigeadh e d’ an ionnsuidh. “Ma ghràdhaicheas neach mise, gràdhaichidh m’ athair esan agus thig sinn d’a ionnsuidh, agus ni sinn còmhnuidh maille ris”; *Boin* xiv. 23.

Cha ‘n e mo mhiann thu thriall air falbh gun dàil

Mar neach air chuairt, ach thu bhì ‘gabhairl tàimh

A’m chuideachd féin, a Dhe, le càirdeas dlùth,

A chaoidh nan cian nach tréig, fan maille rium!

LA IS BLIADHNA LEIS NA H-EOIN.

COINNEACH MACLEOID.

Tha mi ‘ga mheas ‘na bhuannachd nach beag gu’n do dheonaich Ni Maith dhomh, a dh’ aindeoin drip an t-saoghail, la is bliadhna de mo bheatha chur seachad comhla ris na h-eoin. Riamh o’n chaidh innseadh dhomh, an tùs m’oige, gu robh mi ‘cho gòrach ris na h-eoin,’ bha m’fhuil a’ teòghadh ri m’ fhine, agus mo chridhe ghnàth an geall air a’ chairdeas agairt. Theagamh, na’m bithinn ‘gam shloinneadh fein, gur h-ann do na h-eoin-mhara as ro-chàirdiche mi; ach cha ‘n ‘eil mi idir a’ gearan, is cha bu chomain domh, gur h-ann an luib nan eun-monaich a dheonaich Ni Maith mo chur. Cha robh mi buileach gun eolas orra roimhe. Co-dhiu, bhiomaid a’ beannachadh d’a chéile air an rathad mhor, is anns a’ choille-chnò; agus a thuilleadh air sin; bu chaomh leam riamh a bhì leughadh eachdraidh na h-ealtainn a reir nan ollamh. Ach is eol domh nis nach ionnan idir an dà ni, aithne gun chomaidh agus caidreabh taobh an nid. Bha mi uair anns a’ bheachd gu robh na h-ollamhan na b’eol-aiche air nòs na h-ealtainne na bha na h-eoin fein, ach cha’n ‘eil mi buileach cho daingeann anns a’ bheachd sin an diugh. Co-dhiu, chunnaic mi na h-eoin a’ neadachadh an badaibh, agus ag itheadh troileis, a bha calg-dhireach an aghaidh gach riagh-

ailt a leugh mise riamh anns na leabhraichean. Gun teagamh, tha cion na Beurla fa-gail nan eun deireasach an iomadh doigh; is e sin as coireach nach do thuig iad fhathast, gur h-e an t-ollamh nach d'ith boiteag riamh, is nach do shuidh riamh air nead, as fhearr fios eiod tha maith do chreutairean beaga ta deanamh an dà chuid. A mach uaithe sin, faodar a radh le firinn nach 'eil clann-eunlaidh agus clann-daoine, maith ris a' mhaith agus ole ris an ole, na's eucoltaiche ri chéile na tha bo mhaol odhar agus bo odhar mhaol—ach dìreach gu bheil na h-eoin beagan na's glìce anns a' ghòraiche, agus na daoine beagan na's gòraiche anns a' ghliocas.

Is iomadh uair, is mi 'nam shuidhe air cliabh aig ceann an tìghe, a smaointich mi nach robh an Calaman idir cho neo-chiontach ri choltas, is gu robh dealan beag de 'n chrochaire a' boillsgeadh air uairibh 'na shuil. Nis o'n bha mi thall is a chunnaic mi, tha mi ag iarraidh maithbeanais air a' Chalaman. Is fheudar domh aideachadh gu bheil e dìreach mar tha e, 'na mhoigein laghach neo-chiontach, nach cumar gu brath oidhche 'na dhùsg le luasgan eanchainn. Mheall a' Chailleach-oidhche orm cuideachd. Bha mi an dùil riamh gu'm bu bhoireannach maith i; agus cha robh uair a bhlaomadh i a dà ghlog-shuil nach robh i toirt 'nam chuimhne latha-traisg, no nì-eigin eile ceart cho cràbhach. Tha fios agam a nis gu bheil ise cuideachd dìreach mar tha i—is cha'n ann mar a shaoil! Chumnaic mi na h-eoin eile call an lùths leis a' ghàireachdainn, is a' chailleach a' dol troimh 'n chòmhradh ainmeil a bha eadar i fhein agus Domhnull Mac Fhionnlaigh bochd a bha'n Loch abar. 'Is ann mar so a bha,' theireadh ise, is i 'na seasamh air tobhta ceardaich a bh'ann. 'Thuirte Domhnull rium fhein, is mi eur seachad an fheasgair combhla ris:

“Nis o'n a tha thu aosda.”

Bha e leth-char dall, an duine bochd!

“Deansa t' fhaosaid ris an t-sagairt,
Agus innis dha gun euradh
Gach aon sgeula g'a bheil agad.”

Chrom mi fhein mo cheann gu baintidh grunn, is rinn mi osnadh mor, is chuir mi caoin shliom bhoidheach air mo ghuth, is rinn mi osnadh eile nach bu mhiosa na chiad fhear, agus arsa mi fhein:

“Cha d' rinn mise braid no breugan,
Cladh no tearmad a' bhrìsteadh,
Air m' fhear fhein cha d'rinn mi iomluas,
Is cailleach bhochd ionraic mise.”

Ach thusa, Chailleach-oidhche! Bha fìor-shannt orm eolas na bu dlùithe fhaotainn air an Fheannaig, ach gu tubaisteach thachair gu robh ise fo choill anns a' cheart àm—co-dhiu, fad na ciad leth-bhlaidhna. Bha seal-gair ùr air tighinn do'n duthaich, agus bha de chron air, combhla ris gach cron eile, gur h-e an t-eun air an cuimsicheadh e a leagadh e; ni nach 'eil idir cumanta am measg luchd-seilge, oir cha'n fhaca mi riamh nach e an t-eun a bhiodh iad a' seachnadh, bu dlùithe rachadh air a' bhàs. Chuala mi an Dreathann Donn ag radh, gu'm bu mhise an duthaich gu leir fògairt na Feannaige—agus gu 'm b'fheairrde cuideachd! Cha'n 'eil mi ag radh nach robh an Dreathann ceart. Cha toigh leam a bhì 'ga innseadh, ach cha robh am Fìtheach anabarrach aogheil rium idir. Tha an t-ainm aige bhì glìc; agus ma's fìor na theirear, is cliabh ehlach air an druim an gliocas. Fhad's a bha mi anns an ealtainn, cha deachaidh fois air an duine thruagh o mhoch gu dubh, ach a sior-chàn-ranaich gu robh deireadh an t-saoghail am fagus, agus gu robh na seachd deamhain cheana mu sgaoil. Theagamh gu bheil e mìomhail dhomhsa an rud aithris, ach cha'n fhaca mi, a dh'aindeoin giorrad na h-ùine! gu robh càil an Fhithich gu ròic dad na bu mhiosa na bha i roimhe. Cha bu toigh leam a' Chuthag riamh, is cha toigh leam fhathast i. Tha i ole, ole. Tha cuimhne agam aon mhaduinn, is mi fann le cion mo bhroch-ain, gu'n d'rinn i dìol cho sgreadaidh orm is nach robh mi gu maith fad na bliadhna as a dhéidh. Is tha i cho breugach ris na fir-chlis. Chuala mi ghogaidh uair is uair a' gùgail gu ladurna gu robh an samhradh air tighinn, agus mi fhein 'gam dhubh-reothadh leis an fhuachd ri taobh braidseal mor teine. Is tha fios aig a' bhaile gu leir gu'm bhì a' bhaobh ri leughadh nan cupannan, ged tha meomhair na fàidheadaireachd g' a dìth. Dh'innis i dhomh fhein o chionn còrr is fichead bliadhna nach faicinn ach dà nollaig eile; dh'innis i dhomh an uiridh, is aodann oirre cho fada ris a' chlobha, gu faicinn a dhà dheug eile. Ach nach dìomhain domhsa bhì leudachadh air caithe-beatha na Cuthaige. Mar thuirte an Calaman bochd, is ceann-crom air leis an nàire: 'Am faca tu fhein riamh eun laghach sam bith a' breith uighean an tighean chàich—ar leam nach 'eil e dacent! Chuir na h-eoin eile mi fo gheasaibh, gu'n innsinn do chloinn-daoine gu bheil càirdeas na Cuthaige do'n ealtainn a mach air an fhicheadamh glùn: agus ceart cho luath 's a dh'fhosgla i a gob, gu'n aithnich neach sam bith gu bheil blas na Beurla air a cuid Gaidhlig. Tha an

Dreathann Donn anns a' bheachd gur h-ann an California thall a bhios i cur seachad a' gheamhraidh, is gur h-e sin as coireach i bhi cho suarach coma c'ait an tilg i smugaid. Bha anharas agam roimhe gu'm b'fhior-gheop a' Chathag, agus nach robh an Clacharan fad air deireadh oirre, is gu'm biodh iad le chéile bódhradh chàich o mhoch gu dubb le'n cuid bòilich. Ciod tuilleadh a th' anna a bharrachd air geop is air bòilich, cluinnear 'na dhéidh so. Cha'n 'eil agam ach teist mhaith ri thoirt air an Smeorach is air an Uiseig; tha iad le chéile cho maith ri'n ceol, agus fòghnaidh sin. Cha'n ann 'ga ailis air an Smeorach a tha mi, ach saoilidh mi nach 'eil e buileach cho neo-shaoghailta ris an Uiseig, agus gu bheil beagan a bharrachd de'n deamhan ann: dà nì nach misde neach sam bith a ta fuireach an ath dhorus ri Sionnach no ri Cailleach-oidhche. Cha bhiodh ann ach ladurnas dhomh am Bru-dearg a mholadh. O bhàrr a ghuib gu bàrr na h-earr-ite, cha'n fhaighear aon ghaineamhan de'n fhoill ann; agus cha'n 'eil eun eile anns an ealtainn gu leir as urrainn a thilgeadh air, gu'n do dhiochuimhnich e rianh c' ar son ata bhroilleach dearg. Bidh e fhein is an Calaman, na truaghain, a' deanamh an dichill, a dh'aindeoin bùirt is magaidh, gu tomhas de stòdachd is de chràbhachd a chur anns na h-eoin eile. Ach mar thuirt an Dreathann Donn riutha: 'Tha sibh tuilleadh is annoch, a chàirdean ionmhuinn. Na robh thusa, Chalamain, air an àirc a chur fodha, bhiodh an saoghal cuibhiseach maith an diugh.' Tha so 'gam thoirt gus an dilleas dheireannach—mo chaomh-charaid, an Dreathann. An dà chuid an léirsinn is an duinealas, is e iochd ar n-achd rìgh na h-ealtainne: an coimeas ris, cha'n 'eil anns an Iolair ach cridhe na circe ann an gob na h-airce. A' chiad uair a bhruidh-inn mi ris, bha e air an iteig dhachaidh, agus smùid aige air port:

'Tha mi 'n dùil gu'm bi mi nochd
Rì taobh mo ghaoil, ge b'ann air sop,
Tha mi 'n dùil gu'm bi mi nochd
Air taobh a bhos na h-aibhne.'

Dh'innis mi dha, anns a' Ghaidhlig a b' fhearr a bh'agam, gu'm b'e mo rùn la is bliadhna chur seachad combla ris na càirdean; agus gu'm bithinn fada 'na chomain, na'n gabhadh e mi fo a sgéith fhad's a bhithinn anns an ealtainn, is gun annam ach leirist de choigreach. 'Mata, a choigrich,' ars' esan, 'cha'n 'eil barail chòir sam bith agam fhein air cloinn-daoine; a' chuid nach 'eil stràiceil dhìubh, tha iad ole, agus

a' chuid nach 'eil ole, tha iad cho gòrach ris na cruimheagan. Ach o'n thainig thu, charaid, is gur teotha fuil na uisge, fhad 's a bhios còsag no boiteag agamsa, bidh còsag is boiteag agadsa.' Mur do chum, is mur do sheachd-chum, esan ri ghealladh, cha'n 'eil solus anns a' ghrein no doimhneachd anns a' mhuir. Ged gheibhinn saoghal na b' fhaide na tha dùil agam ris, cha leig mi as mo chuimhne gu brath an Dreathann is e 'na sheasamh air stob, sop feoir 'na bheul, goic 'na cheann, is e meomhrachadh air fir is air eoin, is air nithean dìomhair an domhain. Is an uair a chnuasaicheadh e nithean gu dheoin, chàireadh e an sop air an stob, is dheanadh e an t-suil bheag rium fhein. 'Foadaidh gu bheil mi neònach,' theireadh esan, 'ach is iomadh rud a chunnaic mi, a dhuine.' Agus gu cinnteach b'fhuir dhà, o'n a b'fhuir uaithe. Ge mor am facal e, cha dàna dhomh radh, gu'n cuireadh e h-uile mac mathar de na h-ollamhan Gearmailteach anns na crannaibh seilich le feallsnachd is le dìomhaireachd. A charaid bhig mhoir, cha 'n ann a chionn gu robh thu coibhneil rium a tha mi 'ga radh, ach na faighinn triuir am dhuthaich, a thigeadh an gaoith do sgéithe an gliocas, an uaisle, an duinealas, cha bu nead cuthaige mo dhuthaich. Is cha 'n iongantach leam, ged is iongantach uam! t'fhacail rium anns an dealachadh: 'O'n chuir mi eolas ort, a charaid, cha'n abair mi gu bheil clann-daoine cho ole 's a bha mi an dùil—ach, O bhoiteag chridhe, tha iad pailt na's gòraiche!'

LAOIDH.

Ath-bheothaich d' obair fhéin;
A Dhé, do ghàirdean rùisg;
Cluinneadh na marbhaibh guth do bheòil,
'S do phobull gluais is dùisg.

Ath-bheothaich d' obair fhéin;
Bris cadal trom a' bhàis;
Cuir beatha anns na h-èibhlean fuar,
Le anail bheò do ghràis.

Ath-bheothaich d' obair fhéin;
Cuir iarraidh anns gach crìdh',
Ort fhéin is air an aran bheò
A thig o d' làimh gun dàith.

Ath-bheothaich d' obair fhéin,
Is àrdaich d' ainm ro chaomh;
Beothaich ar gràdh dhuit fhéin 's do d' shluagh,
Le buaidh do Spioraid Naoimh.



ANNS A' CHOILLE BHEITHE.

Tha fear de shean-fhacail nan Gàidheal ag ràdh nach bi grinneas le luathas, ach na'n robh ùine aig a' ghineil so air sean-fhacail a dheanamh—rud nach 'eil—tha mi an dùil gu'n cuireamaid car eile anns an fhacal agus gu'n abramaid gu'm bi sonas le luathas. An ceart uair tha a' mhor-chuideachd de shluagh an t-saoghail am beachd gu'm biodh iad làn shona na'm faigheadh iad a bhi siubhal troimh 'n dùthaich cho luath ris na h-eòin. Tha farmad aig na coisichean ri luchd-nan-cuibhlichean; farmad aig luchd-nan-cuibhlichean ri luchd-nan-carbadan-ùilidh; farmad aig luchd-nan-carbadan-ùilidh ris an fheadhainn aig a bheil soithichean-adhair; agus iad uile an dùil nach beir iad air a bhi sona mur bheil iad a' siubhal gun sgar, agus a' siubhal le luathas na gaoithe.

Ach a Mhuire na grèine cha 'n ionnan leam a bhi 'n am shuidhe air an tolman bhòidheach so anns a' Choille Bheithe, ag èisdeachd ri na h-adharcaim-luachrach, agus ris na ròcais, seach a bhi ann am fear de na càraichean-siubhail a tha dol seachad air an rathad an diugh agus iad a' deanamh dà fhichead mìle 's an uair. Cha'n'eil farmad air an t-saoghal agam ris an fheadhainn a tha annta, agus tha amharus agam gu'm biodh an dara leth dhiubh a cheart cho sona ged a dh' fhanadh iad aig an tigh. Bho shuidh mi air an tolman so chaidh trì no ceithir fichead carbad-siubhail seachad, agus iad uile 'n an cabhaig mar gu'm biodh do-fair a' ruith gu duine tinn. Ach ged a tha iad 'na leithid de chabhaig tha amharus agam nach 'eil anns a' chuid mhòr dhiubh ach daoine dìomhaineach. Sin rud glé neònach, ach rud a cù thu gu tric anns na làithean so, gur e na daoine as dìomhainiche as motha air a bheil de chabhaig; daoine aig nach 'eil dad r'a dheanamh agus a dh' fhaodadh laighe seachd seachduinnean air an leabaidh na'n toilicheadh iad.

Coma leam am fasan 'ur so idir, ann fasan a bhi air ghluasad gun sgar, a' siubhal sìos agus suas. Cha toigh leam idir e, agus ged nach biodh dad eile 'n a aghaidh ach gur e Satan a thòisich air an toiseach, bu leòr sin fhéin. An uair a chuir Iehobhab a' cheist air Satan, agus e air e féin a nochdadh gu dalma 'n a làthair, "Cia as a thainig tu?," fhreagair Satan agus thubhairt e, "O imeachd mu 'n cuairt air an talamh agus o shiubhal sìos agus suas air." Is gasda le

Satan daoine a chur 'n an cabhaig, agus an cur gu siubhal, oir tha fhios aige glé mhaith gu'n eum sin iad gun a bhi smuaineachadh air a chuillbheartan fhéin.

Tha mi an dùil gur e na dotairean a chuir ann an cinn dhaoine gu bheil e maith dhaibh a bhi siubhal sìos is suas. Ach tha na dotairean glé choltach ris na h-Arabaich; insidh iad dhuit an rud a chòrdas riut. Sin an t-aobhar gu'm bi uiread de na lighichean a' combhairleachadh do dhaoine tinne dileag bheag uisge-bheatha a ghabhail an dràs 's a rithist. Tha fhios aca nach mi-chòrd an leigheas sin ri daoine idir, agus gu'm pàigh iad gin gu toileach air son combhairle cho glie.

Cha'n'eil mise ag ràdh nach 'eil e maith do dhaoine atharrachadh fhaotainn an dràs 's a rithist, ach air mo shon fhéin dheth gheibh mi na tha de atharrachadh no de ùrachadh a dhith orm gun dol dà cheud ceum o'm dhorus: gheibh mi e ann an sàmhchair na Coille Bheithe far a bheil ùpraid an t-saoghail cho fada air falbh bhuan 's ged bhithinn am meadhon fàsach na h-Eiphit.

An ceann deich làithean tha agam ri paip-eaer a leughadh air beulaobh comunn beag de dhaoine a tha mòran na's ionnsaichte na mi fhéin, agus thainig mi a mach do'n 'n Choille Bheithe an diugh a mhedmhrachadh air mo shocair 'n am inntinn féin air a' chuspair air a bheil mi a' dol a bhruidhinn. Feumaidh duine a smuaintean a dheanamh soilleir dha fhéin mu'n urrainn e an dean-amh soilleir do dhaoine eile, agus as eugmhais simplidheachd is soilleireachd a bhi 'n a sheanchas cha'n'eil ann am fear-labhairt air bith ach ciombal a nì gleangarsaich. Tha aithreachas orm a nis nach do thòisich mi air mo smuaintean a shocrachadh na bu tràithe, oir tha an sean-fhacal ud a' seirm a'm' chluais, "Cha bhi luathas agus grinneas."

An uair a phòs nighean an uachdarain ann an Cille-sgumain, agus a bha an tuath a' toirt dhi soithichean airgid air son a' bhùird, dh' iarr iad air Iain Mòr Mac Thomais bruidhinn air an son agus òraid fhreagarach a thoirt seachad an cois an tabhartais. Dh' innis bean Iain an déidh làimhe gu'n tug e còig seachduinnean a' cur na h-òraid ri chèile; gu'm biodh e a' dol troimhpe leis fhéin anns an t-sabhal maduinn is feasgar agus an do shaoil na gillean gu'n robh e a' dol as a rian; agus gu'm biodh e 'g a gabhail dhise trì no ceithir a dh' uairean 's an latha

gus an robh an òraid aice air a teangaidh na b' fheàrr na bha i aig Iain fhéin. Bu mbaith dhasan gu'n robh, oir an uair a thàinig an latha chaidh e 'na bhreathal gu buileach agus b' fheudar do'n mhnaoi a bhì 'g a chuideachadh a h-uile uair a stadadh e.

Tha mise a' dol a dheanamh air luchd-leughaidh na duilleig so car mar a rinn Iain Mòr Mac Thomais air a mhnaoi; tha mi dol a' dh' fheuchainn oirbhse an toiseach rud no dhà a bu mhaith leam a ràdh ris na daoine glic agus eagnaigh ris am bi mi a' labhairt an ceann dheich làithean, los mo smuaintean a dheanamh soilleir dhomh fhéin.

Is e an cuspair sònruichte air a bheil mi a' dol a labhairt, *Am ministear mar aoghaire*. Tha am facal aoghaire a' ciallachadh buachaille no ciobair, agus ciod an cliù a b' fheàrr air ministear air bith na gu'm biodh e 'n a bhuchaille maith, oir is e sin cliù a' Mhaighstir féin.

Tha na h-aoghairean coltach ris na bàird; tha iad air am breith 'n an aoghairean. Tha iad 'n am buachaillean gu nàdurra; 'n am buachaillean air caoraich chaillte. Theagamh nach 'eil gibhteas searmonachaidh aca mar tha aig feadhainn eile, ach tha rud as fheàrr aca, tha ealadhainn aca air anamanna a chosnadh do Dhia. Faodaidh duine a bhì maith air searmonachadh gun bhì 'n a dhuine maith no diadhaidh e fhéin, ach cha'n urrainn duine a bhì 'n a aoghair maith mur bheil e fhéin 'n a dhuine maith. Oir is ann le cumhachd a mhaithéis no a dhiadhaidheachd a tha buaidh aige thairis air daoine eile agus cha 'n ann le cumhachd a theangaidh.

Uair a bha Iain R. Mott còmhla ri seana charaid thuir an seann duine ris, "An uair a bhios tusa agus duine eile leibh fhéin am bi thu a' bruidhinn ris mu Chrìosd?" Chaidh am facal ud ann an cridhe Iain Mhott mar gu'm biodh saighead, oir chunnaic e gu'n do leig e seachad iomadh cothrom air Chrìosd a mholadh do dhaoine eile. Co aig nach 'eil droch coguis a thaobh na codach so?

Theagamh gu bheil cuid de dhaoine ann a bhios a' deanamh tuilleadh 's a chòir de bhruidhinn mu Dhia agus mu ghairm an t-soisgeil r' an co-chreutairean aig amannan nach 'eil freagarrach air son a leithid sin de sheanchas, ach mu choinneamh an aon duine a tha dol ceàrr anns an dòigh sin tha fìchead duine a' dol ceàrr le bhì cumail sàm-hach uile gu léir.

Cha'n'eil dad idir a bhùineas do obair na ministrealachd air a bheil mise mi fhéin cho dearmadach 's a tha mi air oifig na h-aogh-aireachd, Bidh mi a' dol a dh' fhaicinn

muinntir a' choimhthionail 'n an tighean féin bitheanta gu leòir, ach faodaidh duine sin a dheanamh gun tairbhe air bith a bhì ann do'n fheadhainn air a bheil e a' tadhall. Air uairean bidh mi a' cur romham sgur de thadhall air a' choimhthional uile gu léir, ach a mhàin air daoine tinne, ach tha a' ghealtachd a' toirt orm leantuinn air fasan anns nach 'eil maith air bith, air eagal gun tòisicheadh an coimhthional air gearan agus gu'n abradh iad nach robh suim air bith aig a' mhinistear dhiubh. An àite e bhì 'n a chomharradh nach robh suim agam dhiubh is ann a bhiodh e 'na chomharradh air m' eud d' an taobh na 'n cuirinn seachad na h-uairean a bhios mi a' cur seachad 'nan tighean am measg mo leabhraichean agus a' rannsachadh na Fìrinn.

Mur bheil am ministear a' coimhionadh dreuchd na h-aogh-aireachd an uair a tha e a' tadhall air teaghlachan b' fheàrr dha gu mòr gun tadhall orra idir: mur bheil e a' tadhall orra ach mar gu'n deanadh am posta no Seonaid Eachainn a bhruidhinn air naigheachdan na dùthcha bha cho mhàith dha a bhì 'n a chadal. Na'n robh gibhteas an aoghaire aig duine gu nàdurra theagamh gu'n rachadh aige air sìol an t-soisgeil a chur ann an àite air bith anns an suidheadh e eadhon fad chòig mìonaidean. Ach air mo shon fhéin d'èth, dh' fhairtlich an rud so orm cho buileach 's gu bheil mi cinn-teach nach tug Dia dhomh dad idir de ealadhain na h-aogh-aireachd. Tha e duilich dhomh a ràdh ri duine eile mar thuir Seanalair Booth ri Cecil Rhodes a' cheud uair a thachair iad air a chéile "A bheil chùisean ceart a thaobh d' anama?"

An uair mu dheireadh a bha mi ann an Cille-Sgumain bha mi fhéin agus Niall Mac Phàrlan, B.D., a' bruidhinn air a' cheart nì so, ach bha beachdan an Urramaich sin calg-dhìreach an aghaidh mo bheachdan-sa. Tha e an dùil gu bheil e fhéin 'n a aoghair anabarrach maith agus gu bheil e a' coimhionadh a' chuid sin d'a dhreuchd fada na's adh a' chuid sin d'a dhreuchd fada na's fheàrr na tha mise no duine eile ann an Cléir Mhuile. Ach innsidh mi dhuit ciod a thachair am feasgar a bha an t-Urramach Niall Mac Phàrlain, B.D., a' tadhall air muinntir a' Bhaile Nodha agus leigidh mi leat fhéin, a leughadair, tighinn gu co-dhùnadh air bith a thoilicheas tu.

B'e a' cheud tigh anns an do thadhail e, tigh Iain Mhic Cuarraig. Bha Iain a' spealadh an fheòir is cha robh duine a stigh ach a bhean; boirionnach beag ruadh a bha 'na searbhanta aig a' Chòirneal mu'n do phòs i, agus aig nach 'eil rud air an t-

saoghal a' ruith 'na h-inntinn ach na h-aidhean uasal a bhiodh a' tighinn do'n Chaisteal. Dh' fhan e còmhla rithe fad leth-uair agus fad na h-ùine cha robh seachas eile aca ach an Còirneal, agus clann a' Chòirneil, agus na h-uaislean.

An sin chaidh e do thigh Eòghain Ghobha. Bha Eòghan agus a chlann a stigh, agus a bhean cuideachd, ach an uair a thòisicheas Eoghan Gobha air bruidhinn air na bocsairean mu 'm bi e a' leughadh anns na paipearan cha'n'eil e furasda stad a chur air, agus bha céilidh a' mhinistir gu maith fada mu'n do stad Eòghan de na bocsairean.

An uair a ràinig e Peigi Nic Phàil bha Peigi a' pacadh uibhean ann am bocsa a bha i a' cur gu nighean a peathar ann an Glaschu, agus b'e an còmhradh a bha eatorra fad na h-ùine a bha e a steach mar bha na cearcan aig Peigi a' breith. Thuirteir gu'n robh i a' faotainn sia uibhean 's an t-seachduin bho na Wyandottes, agus dh' earalaich i air a' mhinistir gun seòrsa air bith a chumail ach Wyandottes. Thug Peigi cupan tea dha mu'n d' fhalbh e.

Mu'n do chiar am feasgar thadhail e ann an còig tighèan eile; bha iad uile toilichte fhaicinn agus thairg iad uile tea dha. Rinn e fhéin agus muinntir nan tighèan sin seachas mu fhichead rud; mu na gualadair-ean nach 'eil ag obair; mu'n àireamh chearca-fraoich a mharbh an Còirneal; mu'n phrìs a fhuair Fionnladh Mac Rath air a' mhart ruadh, agus a phrìs a fhuair Tom Eliot air na h-uain,—ach aon fhacal cha robh eatorra a thaobh nan nithean a tha neo-fhaicsinneach agus siorruidh.

Ann an cìradh an fheasgair: thill an t-Urramach Niall Mac Phàrlain, B.D., dhachaidh, agus e a' faireachduinn 'na chridhe gu'n do rinn e obair-latha mhaith, agus gu'n robh am feasgar a chuir e seachad anns a' Bhaile Nodha maith do aobhar na h-eaglais agus do rìoghachd Dhé air thalamh.

Cìod do bheachd fhéin, a leughadair?

Is e mo bheachd-sa gu'm b' fheàrr dha fhéin agus do'n eaglais agus do rìoghachd Dhe e bhì 'na chadal, ach a mhàin gu'n robh e 'na fhaochadh do chridhe Ealasaid Bheag gu'n d' fhuair i bruidhinn ris mu'n lòinidh a tha 'g a pianadh agus gu'n do rinn e ùrnuigh còmhla rithe, an aon dleasdanas spioradail no aoghaireil a choimhlinn e fad an fheasgair.

Do mhinistear nach 'eil 'n a fhìor aoghair gu nàdurra tha e glé dhuilich anns an là an diugh dol o thigh gu tigh trè no ceithir de làithean anns an t-seachduin gun a dhèiuimheachadh gur e seirbhiseach agus

teachdaire an Tighearna a tha ann. Tha e furasda dha pàirt a ghabhail anns a'ghoil-eab agus anns an t-seachas gun bhuannachd a bhios a' dol mar nach robh ann ach fear-siubhail, no fear-reic aodaichean bho bhùth Shimpsoin ann an Glaschu, no marsanta tea.

Faodaidh ministear gòrach do nach aithne a theanga a chumail barrachd cron a dheanamh d'a obair fhéin ann an còig mìonaidean na's urrainn e a dheanamh de mhaith anns a' chùbaid ann an còig bliadhna.

An ath uair a dh' iarras Cléir Dhun-cailin orm earail a thoirt do choimhthional no do mhinistear òg a bhithear a' pòsadh ri eaglais tha mi an dùil gu'n cuir mi 'n an cuimhne dà fhacal anns an Fhìrinn air a bheil mi a' dol a dheanamh searmoin uair-eigin,—

(1) *Cha'n eil tlachd aig an Tighearna ann an casan duine.*—*Salm* cxlvii.

(2) *Na rachaidh o thigh gu tigh.*—*Lucas* x. 7.

Ach ged nach 'eil cuid de na thubhairt mi ach eadar fheala-dhà is da-rìreadh tha mi làn chinnteach gu bheil a' chuid mhòr de mhinistearan a' cosd barrachd d' an ùine na bu chòir dhaibh, a' falbh o thigh gu tigh, agus gu bheil iad a' deanamh sin cha 'n ann a chionn gu bheil e buannachdail dhaibh féin no do dhaoine eile gu spioradail ach a chionn gu bheil fuighair aig an t-sluagh ris agus gu'm biodh iad a' gearan mur faigheadh iad e. Theagamh gu'm bi mo choimhthional fhéin a' gearan ormsa nach bi mi a' tadhall orra cho tric 's a bu chòir dhomh, ach an àite mo choguis a bhì 'g am dhìtheadh gu bheil mi a' dearmad a' chuid sin de m' obair is ann a bhios i 'g am dhìtheadh gu bheil mi a' cur seachad tuilleadh 's a chòir d' am ùine a' siubhal o thigh gu tigh agus o ghleann gu gleann, an uair a dh' fhaodainn a bhì ri obair a bu bhuannachdaile dhaibh ann an chathair.

An uair a tha daoine tinn no tha trioblaid ann an teaghlach sin an t-àm anns an faod ministear a dhreuchd a choimhionadh am measg dhaoine gu sàmhach agus ann an spiorad a' ghràidh.

MAR A BHEANNAICH DIA LEABHAR BEAG.

Tha mòran dhaoine a' sealltainn sìos le tàir air na sgrìobhaidhean ris an abrar *Tractaidhean*. Ach is toigh leamsa *Tractaidhean*, ma tha iad air an sgrìobhadh gu simplidh agus ma tha dreach na fìrinn orra. Agus an àite a bhì sealltainn sìos orra bu mhaith leam riaghailt ùr a dheanamh a thaobh oilean-

achadh mhinistearan; nach biodh ministear òg air a leigeil a mach as a' Chollaiste no comas searmonachaidh air a thoirt dha gus an sgrìobhadh e Tract. Chuireadh sin dearbhadh air a theagasg agus air a theachdair-eachd nach cuireadh ceasnachadh ann an Eabhra.

Bho chionn ghoirid bha mi a' leughadh beatha an diadhair, Newman Hall, duine a rinn obair mhòr ann an aobhar an t-soisgeil, ach ged a bha a làmh ann an cùisean cud-thromach, agus a shearmonaich e ann an eaglaisean mòra an làthair phrionnsachan an t-sluaigh, agus a bha e 'na charaid agus 'n a fhear-comhairle aig maithean na dùthcha agus pearsachan Pàrlamaid, thàinig an smuain 'n am inntinn an uair a chrìochnaich mi an leabhar gur e an obair a bu bhuannachdaile a rinn e riamh *tract bheag* a sgrìobh e.

Bhiodh e a' searmonachadh air na sràidean, agus gu sònruichte air cùl-shràidean a' bhaile, far an robh daoine neo-chùramach agus neo-dhiadhaidh aig nach robh cothrom eile air an t-soisgeil a chluinntinn. Feasgar a bha e a' seinn laoidh dhaibh anns an robh na briathran, *Thigibh gu Iosa an tràth so*, thuir e ris fhèin nach robh soisgeul eile a b' fheàrr a thoirt daibh na sin. Aig an àm so d'a bheatha ghabh e fiabbrus-lòimidh gu dona; anns an leabaidh thàinig an smuain 'n a inntinn gu'n do sgrìobh e tractaidhean mu stuamachd agus tractaidhean mu aonadh nan eaglaisean, ach nach do sgrìobh e riamh tract a' toirt cuireadh an t-soisgeil do pheacaich.

Chuir e roimhe gu'n deanadh e an obair ud gun dàil, agus gun gabhadh e an cothrom a thug Dia dha air seirbhis a dheanamh dha air an leabaidh ris nach fhanadh e an uair a bha e luath làidir.

Sin mar chaidh an tract bheag ud a sgrìobhadh, *Thigibh gu Iosa*, tract a chaidh muilleinean dhì a reic; a bha air a tionndadh gu leth-cheud cànan eile a thuilleadh air a' Bheurla, agus a bha air a beannachadh le seula agus cumhachd an Spioraid Naomh do iomadh anam.

Gheibhear i anns gach cànan 's an Roinn-Eorpa, eadhon an Romani, cànan nan ceàrd; gheibhear i ann an Iapan, anns na h-Innsean, agus ann an eileanan iomallach na Pacific. Bha i air a leughadh le Pàpnaich cho mhaith ri Prostanach, agus bha i 'n a meadhon air daoine iompachadh nach robh roimh sin a' creidsinn ann an Dia. Mar is trice cha'n'eil ana-creidich air an iompachadh le argumaidean, no le solus reusoin, ach leis a' chumhachd dhiomhair sin a tha daonnan a' dol an cois Facal Dhé.

MAR NA LEANABAN.

Tha e duilich a ràdh eiod a bha C a' ciallachadh an uair a thubhairt e, "iompaichear sibh agus mur bi sibh leanaban cha téid sibh a steach do rìoghachd nèimh." Cìod an t-atharrachadh a dh'fheumas tighinn air daoine a thàinig gu aois, agus eiod na ceumanna anns am feum iad a chlànn a leantuinn m' an téid iad a steach do rìoghachd Dhé?

Tha cuid de dhaoine a' cumail a mach gur e an rud sònruichte a bha aig Crìosd 's an t-sealladh, irioslachd na cloinne; agus gu'm feum daoine atharrachadh agus fàs na's irisle na tha iad ma bu mhaith leo nàmh fhàicinn.

Tha an irioslachd maith gun teagamh agus freagarrach do luchd-leanmhuin Crìosd, ach air a shon sin, tha mi an dùil nach e so a bha Crìosd a' ciallachadh leis an fhacal ud. Tha fichead buaidh bhòidheach agus ghaolach an ceangal ris a' chloinn, ach cha 'n urrainnear a ràdh umpa gu bheil iad iriosal. Ma gheibh iad an cothrom gabhaidh clann na caithrichean-toisich gun nàire air bith orra air son sin a dheanamh, agus ma gheibh iad duine a dh' éisdeas riu agus a dh' fhosgla a shùilean gu farsuing ag eisdeachd r' an seachas ni iad barrachd bòilich ann an uair a dh' ùine na dheanadh Calum na Cròige no am Baran Munchausen ann an oidheche gheamhraidh. Cha'n'eil a' chlànn iriosal anns an t-seadh anns a bheil sinne a' cleachdadh an fhacail, anns an t-seadh anns an robh Darwin no Kelvin iriosal, agus na'm bitheadh cha b' fheàrrid ach gu'm bu mhisd iad sin.

Tha aon dòigh anns a bheil dealachadh mòr eadar clann agus daoine, an dòigh anns an gabh iad ri tabhartas a tha air a thairgsinn daibh. Ma tha thu air son tabhartas a thoirt do fhear no do bhean a thàinig gu aois feumaidh tu a bhì cùramach air eagal gun toir thu oibheum dhaibh, oir tha iad deas gu oibheum a ghabhail agus dol air an each-mòr ma shaoileas iad gu bheil am pròis no an uabhar air beantuinn riu. Mar is bochda daoine is ann as uabhaiche iad. Ach cha'n'eil a chlànn bheaga mar sin. An uair a thairgeas tu tabhartas dhaibhsan foslaidh iad an sùilean le moit is iongnadh agus sìnidh iad a mach an dà làmh gus a ghabhail gu sona agus gu toileach. Sin mar bu chòir do dhaoine tìodhlac Dhé a ghabhail, le gairdeachas is iongnadh, agus le an dà làmh.

Cha 'n ann le ar gliocas, no le ar luathas, no le ar làidireachd féin, a choisneas sinn rìoghachd Dhé, ach le sinn fhéin a chur fo eisiomail an Tì a choisinn i dhuinn le fhulangas féin, agus a tha nis 'g a thairgsinn duinn mar shaor thìodhlac.



AN DUINE BEANNAICHTE.

Is beannaichte an duine sin nach gluais ann an comhairle nan aingidh.—SALM i. 1.

Cha'n'eil an t-salm so ach goirid, ach faodar a ràdh uimpe mar a thubhairt fear de na h-aithrichean mu aon de litrichean Phòil —“ged tha i goirid tha i brioghmhor.” Tha cuid de sgoilearan am beachd gur e Solamh a sgrìobh an t-salm so, agus gu'n do sgrìobh e i los a cur aig toiseach co-chruinneachadh de bhàrdachd athar a rinn e. Cha 'n urrainnear a ràdh co dhiù a tha sin fìor no nach 'eil, ach tha an t-salm feagarrach gur leòir air a bhì air a cur air thoiseach air laoidhean Dhaibhidh, oir tha i a' teagasg ann am briathran soilleir an fhìrinn dhrùidhteach a tha na laoidhean sin uile a' teagasg, gur beannaichte iadsan air a bheil eagal an Tighearna agus gur h-olc a dh' éireas do'n aingidh.

Anns na ceud rannan tha an Salmadair ag innseadh cìod iad comharraidhean an fhèirein; tha e ag ainmeachadh cuid de na nithean a sheachnas an duine diadhaidh, agus 'n a dhéidh sin tha e ag ainmeachadh cuid de na nithean anns an gabh e tlachd.

*Cha ghluais e ann an comhairle nan aingidh
Cha seas e ann an slighe nam peacach
Cha suidh e ann an caithir luchd fanoid*

A réir teagasg an t-Seann Tiomnaidh tha an duine aingidh co-ionnan ris an amadan, oir is e eagal Dhé tùs a' ghliocais. Cha 'n iarr an duine glic comhairle air amadan oir tha fhios aige nach 'eil ann ach an dall. Iarraidh an duine glic comhairle air daoine glic, agus bheir e géill do 'n fhacal, “ma thàlaidheas peacaich thu na aontaich leò.” Cha mhò a sheasas an duine glic ann an slighe nam peacach; seachnaidh e eadhon coslas an uile cho mhaith ris an olc fhéin. Taghaidh e a chompanaich. Is toigh leis conaltradh a dheanamh rìusan a tha gabhail tlachd ann an Dia, agus ann an aobhar an Tighearna air thalamh, agus cha bhì iarraidh aige air seachnas nan daoine sin nach labhair ach air nithean faoine. Cha suidh e ann an cathair luchd-fanoid. Na 'n deanadh e sin cha bhiodh e an dara cuid glic no diadhaidh, oir tha spiorad a' mhagaidh agus spiorad na diadhaidheachd calg-dhìreach an aghaidh a chéile. An uair a thòisicheas duine air fanoid a dheanamh, fanoid air an eaglais, no air an t-soisgeul, no air a' Bhiobull, no air luchd-aideachaidh, tha

e ann an droch staid. Tha e air tuiteam cho ìosal 's is urrainn e tuiteam, agus ann an cunnart a' bhàis gu spioradail. Air cho fada agus gu'n téid duine air seacharan, air cho domhain agus gu'n tuit e ann am peacadh, cha ruigear a leas dòchas a chall uime ma tha fhathast urram do Dhia agus do dhiadhaidheachd beò 'n a chridhe. Ach ma bhàsaicheas sin 'n a chridhe tha e ullamh. Cha ruigear a leas a bhì bruidhinn ris oir cha ghabh e comhairle. *Esan a bheir ach-mhasan do fhear-fochaid, gheibh e dha féin masladh.* Tha fear na fochaid 'n a dhuine dona daonnan, 'n a dhuine aig a bheil inntinn bheag, is cridhe cruaidh, is anam gun deò soluis ann. Tha e coltach ris an dall; ged a tha an cruthachadh làn maise agus glòire cha'n fhaic a shùilean-san sin. Cha'n'eil urram aige do Dhia no do dhaoine, agus tha e coma ged a ghoirticheadh e le a bhriathran magail cridheachan dhaoine as fhèarr na e féin. Tha fear na fochaid fada fada bho rìoghachd Dhe, oir tha spiorad air a ghiùlan a tha calg-dhìreach an aghaidh spioraid Chrìosd.

Anns an dara rann tha an Salmadair a' toirt dhuinn dà chomharradh leis am faodar an duine diadhaidh aithneachadh.

*Tha tlachd aig ann am Facal an Tighearna.
Tha e daonnan a' beachd-smuaineachadh air.*

Ann an shùilean nan creidmheach tha am Bhiobull na's prìseile na leabhar air bith eile a chaidh riamh a sgrìobhadh. Tha e dhaibh 'n a aran na beatha; tha e dhaibh 'n a lorg agus 'n a sholus; tha e dhaibh 'n a chlaidheamh. Le sailm an leabhair so molaidh iad Dia ann an làithean an sonais; le geallaidhean an leabhair so neartaichidh iad an cridheachan ann an là na trioblaid; le claidheamh an leabhair so cuiridh iad ruaig air an nàmhadh ann an là a' bhuairidh. Tha e 'n a thobar slàinte as am bi iad daonnan a' tarruing uisge le h-aobhneas. Tha saobhbreas do-rannsaichte ann am Facal an Tighearna; an duine as fhaide a tha 'g a rannsachadh gheibh e seudan ùra ann. Tha buaidh aige air inntinnean dhaoine nach 'eil aig leabhar eile air an t-saoghal, agus mar is motha tlachd dhaoine ann is ann as motha a gheibh iad ann. An uair a chrìochnaich an t-Urramach Tearlach Spurgeon nach maireann am fear mu dheireadh de na seachd leabhraichean mòra a sgrìobh e mu na Sailm, thubhairt e, “Tha mulad orm a bhì fàgail Sailm Dhaibhidh, oir cha'n'eil

air thalamb tigh-stòir eile as beartiche na iad. Bu shona da-rìreadh na làithean a chuir mi seachd a' beachd-smuaineachadh orra, a' creidsinn agus a' moladh agus a' deanamh gàrdeachais maille ri Daibhidh. Air uairean an uair a bhithinn a' rannsachadh nan salm, agus a' feuchainn ri thuigsinn cìod a bha am facal ud no am facal ud eile a' ciallachadh, bhithinn a' stad greis bheag an tràsd 's a rithist gus leigeil le mo spiorad féin éirigh suas gu Dia maille ri spiorad Dhaibhidh, agus cha'n'eil fiughair agam gu'n cuir mi seachad làithean eile cho sona air na taobh so de'n uaigh."

Annas an treas rann tha an Salmadair a teagasg gu bheil beannachd Dhe a' leantuinn nan daoine a sheachnas olc agus a ghràdh-aiheas a lagh. Bidh iad mar chraoibh suidhichte ri taobh sruthan uisge a bheir a mach a toradh 'n a h-aimsir agus nach caill a duilleach. Cha 'n e mhàin gu bheil am firean a' giùlan toradh na fireantachd ach tha a bheatha sgeadaichte le maise na diadhaidheachd. Cha laigh aois air; tha 'òige air a h-ath-nuadhachadh; fanaidh a dhuilleach gorm is bidh fàs agus cinneas air gus a' chrìoch.

Bidh piseach air an fhìrean chòir
Mar phlainn-chrann ùrar glas,
Mar sheudar àrd air Lebanon
A' fàs gu dìreach bras.
An dream tha air an suidheachadh
An tigh s' an àros Dhé,
An eùirtibh greadhnach àrd ar Dia
Sìor fhàsaidh iad gach rè.
'S an àm 's am bi iad aosmhor liath
Bheir iad mòr mheas a mach
Is bithidh sultmhor le deagh bhlàth
Dhiubh sud gach uile neach.

Tha an Seann Tiomnadh a' cur barrachd cudthrom air a cheangal a tha eadar fireantachd agus soirbheachadh saoghalta na tha an Tiomnadh Nuadh a' deanamh, ach eadhon annas an Tiomnadh Nuadh tha e air a ràdh gu bheil an diadhaidheachd tarbhach a chum nan uile nithean, agus gu bheil gealladh na beatha ata làthair aice chò cinnteach ri gealladh na beatha ata ri teachd. Cha 'n éirich olc do shluaigh an Tighearna oir dìonaidh a chumhachd-san iad agus leanaidh a mhaithneas iad. Faodaidh iad a bhi cinnteach daonnan gu bheil gliocas agus gràdh Dhé a' comb-oibreachadh maille r'a chéile air an son. An uair a tha duine a gluasad a réir àitheantan Dhe, agus a' deanamh a thoile, agus ag earbsadh as le uile chridhe, faodaidh e inntinn shocrach a bhi aige, oir tha uile chumhachdan an t-saoghail ag oibreachadh air a thaobh. Tha na reultan o'n sligheannaibh àrda a' cogadh as a leth,

Ceart mar a ta na beanntan àrd
Timchioll Ierusalem,
Tha Dia mar sin a nis gu sìor
Timchioll a phobuill féin.

Faodaidh am firean geallaidhean a' Bhiobuill a thagar agus comhfhurtachd fhaotainn uapa, ach cha 'n urrainn an t-aingidh sin a dheanamh oir tha e 'ga chur féin an taobh a mach de na geallaidhean sin. Tha fios cinnteach aig an fhìrean nach tréig Dia e; tha fhios aige gu bheil Fear-cuideachaidh air a làimh dheis. Ach cha 'n ann mar sin do'n aingidh. Tha an Salmadair a' coimeas an aingidh ri moll; nì gun sùgh, gun bheatha, gun chinneas, gun mhaise. Sgapar e leis gach gaoth a shéideas agus théid e as an t-sealladh. Air chuimhne gu brath bidh am firean ach sgriosar an t-aingidh. Tha a dhuais agus a thoradh a' leantuinn a' pheacaidh cho cinnteach 's a tha a' ghrian anns na néamban. Faodaidh droch dhaoine agus luch-fanoid soirbheachadh car greis, agus faodaidh faighdinn an Tighearna giùlan leo cho fada 's gu'n abair iad 'n an cridhe mar a thubhairt muinntir Ierusalem ann an làithean Shephaniah, nach dean an Tighearna maith agus nach mò a nì e olc, is e sin r'a ràdh, nach dean e dad idir. Ach tha gnùis Dhe an aghaidh aingidheachd, agus air a' cheann mu dheireadh tha am facal so 'ga fhìreanachadh fhein ann am fiosrachadh a' chinneadh-daonna, cha 'n'eil sìth do'n aingidh.

Cha 'n abair Facal an Tighearna duine beannaichte ach a mhàin ris an duine sin a ghràdhaicheas fireantachd agus a dh' fhuathaicheas peacadh. Bidh an duine sin mar chraoibh suidhichte làimh ri sruthaibh uisge, a bheir a mach a toradh 'n a h-aimsir, agus nach caill a duille: agus soirbhichidh leis gach nì a nì e. Agus an uair a thig am bàs air, cha 'n ann mar chrionaich a tha air a gearradh sìos a tha e; tha e mar chraoibh òig a tha air a h-atharrachadh o aon àite gu àite eile—air a h-atharrachadh gu gearradh maiseach Dhe far am faigh i fagadh is blàths, agus far an giùlain i a toradh gu sìorruidh ri taobh abhainn na beatha a tha sruthadh o chaithir Dhe agus an Uain.

IONGANTAS IS AORADH.

Tha cuid de briathran Chrìosd nach robh riann air an cur sìos annas an Tiomnadh Nuadh air an gleidheadh air chuimhne ann an beul-aithris na h-eaglais. Faodaidh e bhith nach do labhair e idir cuid de na briathran sin a tha air an ainmeachadh air, ach tha feadhainn dhiubh air a bheil fìor dhreach na fìrinn. Bho chionn beagan bhliadh-nachan dh' amais sgoilear a bha ruamhar

air son seann treathlaich air paipear air an robh na facail so air an sgrìobhadh;

“Na sguireadh esan a shireas gus am faigh e; an uair a gheibh e bidh iongantas air, ach air dha iongantas a ghabhail ruigidh e an Rìoghachd, agus an uair a ruigeas e an Rìoghachd, gheibh e fois.”

Ma labhair Criosd na briathran so tha e coltach gur e an smuain a bha 'n a inntinn aig an àm gur e Iongantas an iuchair a dh'fhosglaas dorsan na Rìoghachd do dhaoine, dorsan na Rìoghachd sin anns a' bheil glòir Dhe ri fhàicinn. An uair a bhàsaicheas Iongantas ann an cridhe mhic an duine tha e a' fàs dall air chor agus nach léir dha a mhaise agus a ghloir a tha timchioll air. Theagamh gu robh a' cheart smuain so ann an inntinn Chrìosd an uair a thubhairt e nu na leanaban, Is ann d' an leithidibh sin a tha rìoghachd nèimh. Do'n ehlòinn bhig tha an saoghal mar gu'm biodh teampull a tha làn de iongantasan, oir tha sùil agus cluas a' bhàird aca, is cridhe nan ainglean. Chi iad fichead sealladh maiseach a tha foluichte o shùilean dhaoine glic agus eagnaich: cha chuireadh e iongnadh air bith orra ged thachradh Dia féin orra, oir tha iad ann an gàrradh Eden fhathast, agus tha iad a' creidsinn gu bheil Dia ag imeachd anns a' ghàrradh ann am fionnarachd an là. Do shùilean na cloinne tha muir agus tìr agus na speuran a' lasadh le solus nèamhaidh; chi an sùilean maise agus mìorbhuilean anns a' chruthachadh nach fhaic sùilean an aithrichean. Ann an lùbadh nan geug, chi iad na craobhan a' bualadh am bas, agus ann am fuaim na gaoithe is ann an tormán nan allt ehuinnidh iad osnaichean bho spioradan beò. Tha drùchd na maidne air gach ni mu'n cuairt orra; bheir mac-meanna an inntinn féin air an dìthreabh fàs aig agus tighinn fo bhlàth mar an ròs. Cha 'n e mhàin gu bheil iad dlùth do rìoghachd Dhé ach tha iad 'na feis-méadhoin. Tha an saoghal dhaibh mar lùchbairt àillidh anns a' bheil deich mìle seòmar a tha làn de shòlasan. Cha 'n fhàs iad sgith de na h-iongantasan ùra a chi iad gach latha, agus is leò féin na chi iad. Cha'n'eil iad a' faireachduinn gur coigrich iad anns an lùchbairt, no nach buin an saobhbreas agus an greadhnachas a chunnaic iad dhaibh, oir cha'n'eil teagamh aca nach ann le an Athair a tha an lùchbairt, agus do bhrìgh gur h-ann, is ann leò-san i mar an ceudna.

An uair a chailleas duine cridhe a' phàisde tha e a' call comharradh na h-òige, agus theagamh spiorad an aoraidh cuideachd. Fàsaidh a chridhe cruaidh agus preasach cho mhaith ri aodann; agus cha bhi fradharc no

claisteachd aige do na seallaidhean no do na guthan a bu chòir Iongantas a dhùsgadh 'n a chridhe. Cìod air bith a dhùisgeas Iongnadh ann an cridhe duine is meadhon-gràis dha e. Tha taisbeanadh Dhe na's farsuinge na 'm Biobull. Tha Dia a' labhairt ruinn ann an iomadh dòigh a thuilleadh air na labhair e ruinn anns a' Bhiobull, tre fhàidhean agus tre abstoil. Ràinig fuaim a ghutha duthchannan fada thall nach do ràinig an Leabhar Naomh. Tha e a' taisbeanadh a nàduir agus a dhòighean agus a thoile ann an iomadh dòigh a bharrachd air an taisbeanadh a thàinig troimh Mhaois no troimh Phol,—duathaireachd na mara, glòir nan speur, maise nam machraichean, am fiùr as lugha a tha anns a' bheinn as maireannaiche,—tha iad uile a' cur an céill gliocas is maitheas is diomhaireachd Dhé.

An uair a dh' amhaire an Salmadair air a' ghealaich agus air na reultan cha 'n ann air an t-sìd a bhiodh ann am màireach a smuainich e, ach air cumhachd agus air gliocas Dhe, agus ghlaodh e le h-iongnadh, —“Cìod e an duine gu'n amhairceadh tu air no mac an duine gu'm fiosraicheadh tu e. Ged is aithne do dhaoine an diugh barrachd mu na reultan na b' aithne do Dhaibhidh tha an speur cho làn iongnaidh fhathast do na speuradairan fhéin 's a bha i do Dhaibhidh; tha na rionnagan cho iongantach 'n ar sùilean an diugh fhathast 's a bha iad an uair a dhealraich iad os eionn Iacob an oidhche a chaidil e air an raon ann Betel. Ann an aon seadh tha eòlas a' fògradh Iongnaidh ach ann an seadh eile tha e 'g a dhùblachadh. An uair a gheibh cuid de dhaoine sbruileach eòlais 'n an cinn tha iad deas gu bhì saòilsinn gu bheil an imtinnean beaga fhéin a' tuigsinn diomhaireachd a' chruthachaidh uile, ach cha 'n é an t-eòlas a tha toirt orra sin a shaoilsinn ach an t-aineolas agus an ladarnas.

Ma tha an t-eòlas air an do ràinig mac an duine cheana a' tilgeadh soluis air nithean a bha anabarrach dorcha dha roimhe so tha an t-eòlas sin a' nochdadh dha cuideachd gu bheil àirde is dòimhne is farsuingeachd ann an cruthachadh Dhe nach do shaoil e. Tha e a' fògradh aon seòrsa de iongnaidhean gu bhì toirt iongnaidhean as motha 's an t-sealladh. Cha 'n ann o dhaoine aineolach ach o dhaoine glic agus ionnsaichte as trice a chluinnear an facal. *Cia iongantach agus do-rannsaichte t' oibrichean-sa, a Dhé!*

Thug gloineachan nan speuradairean a' ghealach cho dlùth dhuinn 's gur aithne dhuinn coslas na gealaich an diugh fada na's fhèarr na b' aithne do ar n-aithrichean coslas Astralia no coslas na h-Afric; agus inn-sidh luchd-ealadhain dhuinn cudthrom na gréine agus an t-astar a tha an grìoglachian

bho mhullach Beinn Nibheis. Ach ma thug iad bhuainn an t-iongnadh a bhiodh bodach na gealaich a' cur oirnn mar a thug daoine eile bhuainn an t-iongnadh a bhiodh na sìthichean a' cur oirnn, thug iad dhuinn iongnaidhean ùra 'n an àite sin agus iongnaidhean as motha.

Co dhiu a bheachdaicheas sinn air meud is farsuingeachd a' chruthachaidh, no air a' mhaise leis a bheil e air a sgeadachadh, no air an riaghailt leis a bheil gach ni ann ag oibreachadh agus air an cumail 'n an àite, dùisgidh e iongnadh 'n ar cridheachan air nach urrainn sin cainnt a chur. Tha an cuan farsuing, agus gabhaidh na soithichean a sheòlas air cunntas, ach an dràsd 's a rithist théid cuid dhiubh sin bhàrr an cùrsa, agus buailidh 'na chéile. Ach cha dean esan aig a bheil ailm a' chruinne-cé 'n a asgail mearachd. Tha mìle agus deich mìle saoghal—cuid dhiubh mìle uair na's motha na 'n saoghal so—a' siubhal gun sgur troimh fharsuingeachd an Dòmhain mhòir, le luathas nach gabh innseadh, ach tha iad uile air an cumail 'nan àite le làmh chumhachdach an Ti a dhealbhadh iad, agus cha téid aon aca leud na roinneige bhàrr an cùrsa ann an ceud bliadhna. Aig aon àm bha daoine an dùil gu'm b' e an saoghal so teas-meadhoin a' chruthachaidh, agus nach robh anns na reultan ach éibhlean soluis a bha air an crochadh anns na speuran chum ceumanna luchd-turuis a' stiùradh anns an oidheche. Ach an diùgh tha fhios againn nach 'eil an saoghal so anns a' chruthachadh ach mar gu'm biodh eilean beag Hiort anns an Roinn-Eòrpa, cho beag agus nach gabh e combharrachadh am measg nan reultan eile leò-san a dh' fhaodas a bhi a' còmhnuidh ann an aon de na saoghail a tha snàmh mu'n ghréin. Thug Dia taisbeanadh air a ghlòir féin do na speuradairean cho cinnteach 's a thug e taisbeanadh do 'n abstol Eoin, agus tha an teachdaireachd a chuir e thugainn leis na gloineachan-amhairc aca-san a cheart cho fìor ris an teachdaireachd a labhair e leis na fàidhean. Tha an speur a' nochdadh glòir Dhe, ach tha an speuradaireachd a' nochdadh cumhachd inntinn mhic an duine.

Cha'n'eil ceann no crìoch aig a' chruthachadh. Ged shiùbhlamaid air sgiathaihbh na h-oidheche gu iomall nan speur cha tuga-maid ach aon cheum a steach do'n fharsuingeachd neo-chrìochnach. Chitheamaid saoghail ùra a' tighinn 's an t-sealladh, ach ged shiùbhlamaid le luathas an dealanaich fad mìltean linn cha ruigeamaid crìoch a chruinne-cé, agus cha 'n fhaiceamaid ach earlais bheag de na saoghail do-àireamhaichte a tha siubhal anns an fharsuingeachd nach gabh tomhas. Na 'm biodh an saoghal so agus na tha air uachdar air air a thilgeil

ann an cridhe na gréine cha bhiodh ann ach dùradan beag 'na teis-meadhoin, ach cha'n 'eil anns a' ghréin fhéin ach rionnag bheag ann an coimeas ris a' ghréin eile air a bheil ar griann-ne a dol mu'n cuairt.

Cha'n'eil e comasach do dhuine beachdachadh air na nithean sin gun an dà chuid, iongnadh agus irioslachd a bhi air an dùsgadh 'n chridhe an làthair an Ti a chruthaich na nàmhagan agus a tha riaghladh air nàmhagan agus air thalamh. Is e an t-siorruidheachd, da-rìreadh, ionad-còmhnuidh-san, agus is dlìgheach do mhac an duine urram a thoirt dha, oir molaidh na nàmhagan 'iongantasan, agus nochdaidh an cruthachadh neart a ghàirdean.

Bu mhaith leam anns an àireamh so aon de laoidhean Dhùghaill Bochanan a chur sìos, an laoidh anns a bheil e a' cur an cèill *Morachd Dhé*, oir tha an laoidh sin a' cur ann am briathran àrd is dealasach na nithean so air a bheil mi a' seachas. A thaobh cumhachd inntinn agus a thaobh cuimseachd bhriathran cha'n'eil gin idir de na bàird Ghaidhealach a thig suas ri Dùghall Bochanan ach a mhàin Mac Mhaighstir Alasdair, agus cha tig am fear sin féin suas ris ach an dràsd 's a rithist. An uair a bha Dùghall Bochanan an Duneideann tha e air a ràdh gu'n robh seachas eadar e fhéin agus Daibhidh Hume, fear-eachdraidh agus feallsnach ainmeil air an robhtar a' fàgail nach robh e a' creidsinn ann an Dia no anns a' Bhiobull. Anns a' bhruidhinn a bha aca thubhairt Hume nach b' aithne dha ann an litreachas an t-saoghail sreathan eile a bu mhaisiche no a bu òirdheirce na sreathan sònruichte de bhàrdachd Bheurla a leugh e. Thubhairt Dùghall Bochanan gu'n robh iad maith gun teagamh, ach gu'm b' aithne dha briathran a bu shòluimte agus a b' òirdheirce na iad sud, agus an sin leugh e ann an éisdeachd Hume na briathran so à Leabhar an Taisbeanaidh,—

Agus chuunaic mi rìgh-chaitheir mhòr gheal, agus an Ti a shuidh oirre, neach d'an do theich nàmhagan agus talamh o a ghrùis; agus cha d' fhuaradh àite dhaibh. Agus chuunaic mi na màirbh beag agus nòr, 'nan seasamh am fianuis Dhé; agus dh' fhosgladh na leabhraichean: agus dh' fhosgladh leabhar eile, eadhon leabhar na beatha; agus thugadh breth air na màirbh as na nithibh sin a bha sgrìobhta anns na leabhraicheibh, a réir an gnìomhara.

(Tha mi duilich nach 'eil rùm againn anns an àireamh so air son na laoidhe aig Dùghall Bochanan, ach tha mi an dòchas gu'm faigh-ear cothrom eile gu goirid air a toirt am follais.)



TEAGASG NA CLOINNE.

Ann an litir a bha air a cur a dh' ionn-suidh a h-uile ministear ann an eaglais le ceann-suidhe an Ard-Sheanaidh againn fhéin agus ceann-suidhe an t-Seanaidh aig an eaglais Shaoir Aonaichte gu bhí air a leughadh air an deicheamh là de October do choimhionailean na dùthcha bha earail shòluimte air a thoirt do phàrantan mu'n dleasdanas so.

Cha'n'eil teagamh air bith nach 'eil mòran phàrantan an diugh dearmadach air an clann a theagasg mar bu chòir daibh. Tha iad a' dol air cheann teaglaich gun smuain air bith aca ciod a tha sin a' ciallachadh. Ged a theirear *cinn-theaghlaicean* riu theirear riu e leis an t-sìobhaltachd agus cha 'n ann a chionn gu bheil iad a' riaghladh an dachaidhean.

Mur bheil Dia air aideachadh am measg teaghlaiich cha bhí anns an tigh sin ach tigh truagh, agus tha ni-eigin air a thoirt bho 'n chloinn a bhuineas dhaibh mar an còir-bhreith. Ciod a theireadh tu ri athair no màthair nach fhacas riamh ag ùrnuigh 'n an dachaidh féin, no nach fhacas riamh a' leughadh a' Bhiobuill, no nach cualas riamh a' beannachadh ainm an Tighearna? Ciod a b' urrainn duit a ràdh ach so, *mo thruaighe na pàrantan agus mu thruaighe air fad an clann.*

Is aithne dhomh duine aig a bheil coguis cho maoth 's gu'n do sheachain e staid a' phòsaidh air eagal gu'm biodh e 'n a mheadhon air anam a thoirt a steach do'n t-saoghal a dh' fhaodadh dol do ifreann. Bu mhaith an gnotbuch na'n robh an seòrsa sin na bu lionmhoire. Ach cha'n'eil iad lionmhor; gabhaidh a' mhòr-chuideachd soch-aircan agus combhfurtachdan a' phòsaidh ged nach toir iad gnuis do na dleasdanasan agus do na duileadasan a tha ceangailte ris.

Ann am mòran theaghlaicean an diugh tha a' chlann a' fàs suas mar a thoilicheas iad, gun smachd, gun mhodh, gun eagal Dhé no dhaoine orra. Theagamh gu'n cuir an aithrichean coire gach tubaist agus gach uile a thachras anns an dùthaich air Lloyd George no air na Bolshevics, ach ma théid an dùthaich so sìos gu bràth is ann aig an leithidean féin a bhios a choire; aig pàrantan nach do thog an teaghlaicean gu ceart. Coma leam daoine a bhios a sìor throd mu riaghladh na dùthcha agus nach 'eil a' riaghladh an teaghlaicean féin no a' smachdachadh an cloinne. Na 'n riagh-

ladh iadsan an rìoghachd bheag féin mur bu chòir daibh, agus na'n togadh iad an clann ann an oilean an Tighearna dh' fhaodadh iad riaghladh na rìoghachd mhòr fhàgail aig Maighstir Stanley Baldwin. Ma tha cùisean ceart 'n ar teaghlaicean bidh cùisean ceart 'n ar rìoghachd.

Aig baisteadh an cloinne tha a' cheist so air a cur air pàrantan, "A bheil sibh a' gealltainn an làthair Dhé agus an làthair na h-eaglais gu'n teagaisg sibh 'ur clann ann an eòlas an t-soisgeil agus gu'n tog sibh iad ann an oilean agus ann an teagasg an Tighearna?"

Ma thug sibhse a leughas an duilleag so seachad an gealladh sin an làthair Dhé agus dhaoine, agus nach do choimhlion sibh e riamh, cumhnicibh gu bheil cionta eagalach a' laighe oirbh. Chaidh sibh ann an cois 'ur geallaidh do Dhia agus cha do choimhlion sibh ar bòidean ann an Sacramaid Naomh. Agus a thuilleadh air sin thug sibh ana-ceartas do 'ur cloinn.

Tha e maith gu'n cuireadh pàrantan an clann do'n sgoil-Shàbaid, ach cha'n'eil anns an sgoil-Shàbaid no anns an sgoil-sheachduin ach luchd-cuideachaidh ann an oileanachadh na cloinne. Cha 'n fhaod pàrantan an dleasdanas so fhàgail aig na sgoilean, agus a ràdh na firinn, is beag as urrainn na sgoilean a dheanamh air son na h-òigridh mur bheil na pàrantan iad féin a' comb-oibreachadh maille riu. Tha e a cheart cho peacach do athair air bith leigeil le chloinn fàs suas gun smachd no gun eòlas a bhí aca air a' Bhiobuill, no gun ùrnuigh a theagasg daibh, 's a bhiodh e peacach dha an cumail gun aodach no gun bhiadh.

Ach is bochd cor nam pàrantan sin air an fheumar teagasg na cloinne a sparradh mar dhleasdanas oir bu chòir e bhí dhaibh 'n a shochair agus n' a shonas an clann a chruinneachadh timchioll orra ann an aoradh-teaghlaiich. Ann an iomadh dachaidh anns na fàithean so, an uair a tha na cosnaichean a' dol a mach tràth agus a' tighinn dhachaidh anmoch, theagamh nach bhí e freagarrach aoradh-teaghlaiich a bhí aca a h-uile maduinn agus feasgar, ach tha amannan de'n t-seachduin a tha daonna freagarrach agus gu sònruichte là na Sàbaid. Ged nach biodh aoradh aca còmhla ach air feasgar na Sàbaid bhiodh sin fhéin 'n a mheadhon air druidheadh a dheanamh air inntinnean òga, agus air cridheachan phàrantan agus an cloinne aonadh r'a chéile ann an eagal an Tighearna.

ANN'S A CHATHAIR.

Ann's na làithean so tha barrachd ùigh aig daoine ann am bocsairean na tha aca anns na Naomh. Eadhon anns na paipearan naigheachd a bhios muinntir Chille-Sgumain a' leughadh bha iomradh air a dheanamh mu thapaid uamhasach a bha eadar dà bhocsair mhòr ann an America ach cha robh aon fhacal anna mu'n Naomh Francis, ged is e so (an treas là de October) co-ainm là a bhàis. Tha an duine gaolach so a nis marbh seachd ceud bliadhna ach ged tha e marbh an ùine sin tha e fathast a' labhairt.

A mach bho thrìùir no cheathrar de na h-abstoil cha robh deisciobul riamh aig Crìosd air thalamh as ainmeile agus as ion-ghràdh-aichte na 'n duine so, no deisciobul eile a rinn an diadhaidheachd cho maiseach ann an sùilean dhaoine. Cha b'ann le neart no cumhachd a bhuidhnan a rinn e sin ach le spiorad an Tighearna a bha 'n a chridhe.

Ann an tùs a làithean bha e gu maith gòrach agus neo-chùramach mu nithean spioradail, ach leag an Tighearna a làmh air mar a leag e a làmh air Pol air an t-slighe gu Damascus. Dh' fhoillsich e dha gu robh obair shònruichte a' feitheamh air; gu robh e air a ghairm gus ìomhaigh Chrìosd a nochdadh as ùr do shaoghal a bha air ìomhaigh Chrìosd a dhìchuimhneachadh.

Là a bha e anns an eaglais aig seirbhis na h-aifrinne chual e an sagairt a' leughadh nam briathran so ann an soisgeul Mhata. *Na solairibh òr, no airgiod, no umha, ann bhuir sporanaibh; no màla chum bhuir turrais, no dà chòta, no brògan, no bataichean.* Mar gu'n tigeadh gath soluis bho nèamh thuige thàinig an smuain ann an cridhe Francis gu'm b'è toil Dhe d'a thaobh-san àithne an Tighearna Iosa a choimhead gu litireil, agus dol a mach a ghairm dhaoine gu fireantachd, gun òr, gun airgiod, gun bhògan. Agus bho 'n mhionaid sin anns an d' fhoillsich Dia a thoil da cha robh ach aon smuain agus aon dùrachd agus aon rùn 'n a chridhe, gu'm biodh e coltach ri Crìosd ann am bochdainn a dhaonnachd, agus gu'n nochdadh e do'n t-saoghal 'n a chaitheamh-beatha féin gur e macantas agus gràdh agus irioslachd na nithean as màisiche agus as cumhachdaiche anns an diadhaidheachd.

Leig e bhuaithe a h-uile sgillinn de 'n mhaoin shaoghalta a bha aige, agus roghnaich e a bhì gun dachaidh, gun mhnaoi, gun chloinn, a chionn nach robh sin aig Iosa. Roghnaich e fuachd is acras is magadh fhulang a chionn gu'n d' fhuiling an Slànuighear iad ann am bochdainn a dhaonnachd. Air son a bhìdh bha e an urra ris na bheireadh daoine dha. Bhiodh e ag

ràdh uime féin agus m'a chompanaich, *Eadar sinne agus an saoghal rinn Dia an cùmhnant so, gu'n tugamaid sinne deagh eisiomplair do'n t-saoghal agus gu'n tugadh an saoghal dhuinne na dh' fhòghnas dhuinn air son ar feuma.*

Tha ni-eigin ann an cridhe mhic an duine a chomb-fhreagras do theachdaireachd an Tighearna daonna, agus ann am beagan ùine chruinnich mòran de dhaoine òga gu Francis mar a chruinnich daoine gu Prionns Tearlach, agus iad uile air son a theagasg a leantuinn. Bhiodh esan ag innseadh dhaibh an còmhnuidh nach robh teagasg ùr aige-san idir, nach robh aige ach an seann soisgeul a thug Crìosd do'n t-saoghal dà cheud deug bliadhna roimh sud,—gur e daoine naomh, agus daoine ciùin, agus daoine macanta, agus daoine aig nach robh eagal roimh bhochdainn, a shealbbaicheadh rioghachd Dhé; daoine aig an robh de mhìnich na leanadh Crìosd gu litireil agus anns gach ceum de'n bheatha mhaiseach agus naomh a nochd e do'n t-saoghal.

Chuir e iongnadh nach bu bheag air muinntir an t-saoghail a bhì faicinn dhaoine de gach seòrsa, uachdairin agus daoine saobhir, uaislean agus daoine ionnsaichte, a' tilgeadh bhuaipa an inbhe agus an glòir shaoghalta agus am maoin shaoghalta, agus a' dol a mach còmhla ri Francis, a' searmonachadh agus a' moladh an Tighearna, a' cuideachadh dhaoine bochda air na h-achaidhean buana anns an là agus ag ùrnuigh còmhla riù anns an fheasgar, a' cadal an àite air bith am faigheadh iad fàsadh agus ag itheadh biadh tioram air bith a bheirt-eadh dhaibh. Chuir so iongnadh air muinntir an t-saoghail, ach uigh ar n-uigh chunnaic iad gur e so an t-eisimpleir a thug an Slànuighear do dhaoine, agus nach 'eil dòigh eile air a' Bhaile Naomh a ruighinn mur gabh daoine an rathad a ghabh esan.

A mach bho chridhe Mhic Dhé cha robh cridhe riamh anns an robh uiread gràidh d'a cho-chreutairean 's a bha ann an cridhe an duine chaoimh so. Là a bha e fhéin agus bràithrean eile ann an spideal a bha aca air slabh thubhairt fear de na bràithrean. "Thàinig triùir de luchd-reubainn a dh' ionnsuidh an doruis an diugh, ag iarraidh déirce, ach chuir mise air falbh iad gu luath le briathran teth." "Ma rinn thu sin," arsa Francis "gu cinnteach pheacaich thu an aghaidh Gràidh agus nàraich thu soisgeul Chrìosd, oir cha b' ann riamh ann am feirg ach ann an cùine a labhair esan ri peacaich. Rach a nis agus thoir leat an t-aran so agus an t-searrag so de fhìon agus na cuir stad air do cheum gus am faigh thu na daoine ris an do labhair thu le feirg; an uair a ch'ì

thu iad rach air do ghluinean agus iarr maitheanas orra, agus an sin thoir dhaibh an tiodhlac beag so agus abair riu gu bheil mise a' cur impidh orra ann an ainm Chrìosd gun iad a dheanamh reubainn tuilleadh agus iad a chuimhneachadh air Dia."

Cha'n e mhàin gu robh gràdh ann an cridhe Francis d'a bhràithrean uile, co dhui a bha iad naomh no mi-naomba, àrd no ìosal, ach bha gràdh 'na chridhe do gach creutair beò, do bheathaichean na machrach, do eòin an adhair, eadhon do na daolagan fhéin. Cha b' urrainn e dol seachad air mart no caora gun am beannachadh; bhiodh e a' searmonachadh do na b-eòin agus do na seilleinean, agus theireadh e gu'm b'e a pheathraichean agus a bhràithrean a bha anns gach creutair beò.

So an searmon a rinn e aon uair do na h-uiseagan, "An eluinn sibh mi, a pheathraichean gaoil, is mòr a tha sibhse an comain an Ti bheannaichte a chruthaich sibh, agus bu chòir dhuibh ainm a mholadh gun sgèith. Thug e dhuibh saorsa na speuran a shiubhal agus chuir e oirbh itean agus bhuir cumail blàth. Thug e dhuibh fàsadh anns an Airc an àm na dìle a chum 's nach bàsaicheadh 'ur fine. Cha'n'eil sibh a' cur; cha mhò a tha sibh a' buain, gidheadh tha Dia 'g ar beathachadh. Thug e dhuibh aibhnichean agus uilt agus tobraichean anns an caisg sibh bhuir n-òtadh; achaidhean agus monaidhean anns an faigh sibh bhuir Ìon, agus craobhan is frògan dhomhair anns an dean sibh bhuir neadan agus anns an tog sibh bhuir n-àl. Nach mòr an gaol a tha aig Dia oirbh an uair a thug e dhuibh uiread thiodhlacan maithe! Bithibh-se, mata, a' moladh ainm naomh agus beannaichte an Tighearna, agus feuchaibh gu'm bi sibh taingeil."

Theagamb gu'n abair na bocsairean agus na Philistich agus uile chlann Edoim nach 'eil ann an so ach a' ghòraiche, ach cuimhnicheadh iad gur e so a' ghòraiche a thug buaidh air gliocas an t-saoghail. Tha gòraiche nan naomh na's gliee na gliocas nam Philisteach.

Cha'n'eil ach aon ainm eile air an t-saoghal as ion-ghràdhaichte an measg dhaoine na ainm an duine so, eadhon an t-ainm a tha os cionn gach ainm. Cha bhui Francis do aon eaglais a mhàin; buinidh e dhaibh uile. Buinidh e do na Pròstanaich cho mhaith 's a bhùineas e do na Pàpanaich, dìreach mur a bhùineas Chrìosd féin do'n t-saoghal uile. Cha tàinig agus cha tig gu bràth atharrachadh air bith air comharraidhean na diadhaidheachd; is ni beag a tha ann ciod an eaglais no an creud a tha

duine ag aideachadh ma tha toraidhean an Spioraid Naoimh r'a fhaicinn 'n a bheatha, macantas agus faighidinn agus gràdh agus creideamh agus cridhe glan.

Theirgeadh an ùine dhomh agus gu sònruichte theirgeadh an duilleag orm na 'n tòisichinn air bruidhinn air an dùsgadh spioradail a thachair anns an Roinn-Eòrpa fo theagasg agus fo eisimplair an duine naoimh so, oir b'e Francis a b' athair do'n Chomunn mhòr agus chuimhachdach a sgoail air feadh an t-saoghail uile, Comunn nam Franciscans. Ach tha aon cheist sònruichte a tha beatha Francis, agus faodaidh mi a ràdh beatha Chrìosd cuideachd, a' togail. *Ciod an éifeachd spioradail a tha ann am bochdainn?*

Feumar a ràdh gu bheil beachd dhaoine an diugh calg-dhùireach an aghaidh beachd an Naoimh Francis air a' chùis so, agus theagamh an aghaidh beachd Chrìosd cuideachd. Ach cha'n' urrainn mi a bhì cinnteach mu bheachd Chrìosd. Tha mi cinnteach gu leòir gu'n abradh Francis gu'm b'e cleasdanas duine a bhì 'n a dhuine bochd agus a mhaoin uile a thoirt seachad, oir bha gaol na Bochdainne 'na chridhe mar tha gaol am mnathan ann an cridheachan dhaoine eile, agus theireadh e rithe *mo chéile-pòsda*. Ach ged a dh' iarr Chrìosd air aon duine sònruichte a mhaoin uile a thoirt seachad agus e féin fhàgail falamb cha'n'eil mi cinnteach gu'n iarradh e oirnn uile so a dheanamh, ged tha ambarus againn gu'm b' fheàrr leis ar faicinn gun mhòran againn.

Tha fichead rud ri ràdh air gach taobh de'n cheist so, ceist nach 'eil idir furasda a fuasgladh, ach an uair a tha an dà fhichead rud sin air an cur sìos leis na deasbodairean air an dà thaobh, tha an rud mòr so ri ràdh fhathast, *gur e Bochdainn a' gheimhleag as làidire a fhuaras riamh agus an saoghal neadhaidhaidh a charachadh as àite*. Leugh sin a rithist, a leughadair, agus thoir an aire ciod a tha e a' ciallachadh.

Le roghainn a thoile agus le a chomhairle shuidhichte féin bha Iosa Chrìosd bochd ann an làithean fheòla, agus le roghainn a thoile féin bha an Naomh Francis bochd. Cha robh iarraidh aca air airgiod is cha robh suim aca do chomhfhurtachd na feòla, ach cha robh dìthis dhaoine riamh air thalamh a ghluais inntinnean agus cridheachan dhaoine eile mar a rinn iad. Thilg iad an saoghal bun os cionn.

Mar is sinne a tha mise a' fas is ann as cinntiche a tha mi á so, gur e na daoine aig am bi a' bhuidh air a' cheann mu dheireadh daonna, na daoine nach téid a thapaid agus na daoine aig nach 'eil gaol air airgiod. Theagamh nach còrd an tea-

MU CHAITHEAMH.

gasg so ri bocsairean no ri fàsгадаirean, daoine anns a bheil gaol na tapaid agus gaol an airgid, ach air a shon sin tha e a réir an Tìomnaidh Nuaidh. Ach tha an saoghal cho fada air falbh bho theagasg an Tìomnaidh Nuaidh 's gur e na daoine d' an toir sinn na ceud-chathraichean, comanndairean airm agus millionaires.

Ach cha 'n ann bho chomanndairean-airm no bho mhillionaires a fhuair an saoghal na tìodhlacan as fheàrr agus as maireannaiche ach bho leithidean an Naoimh Francis, a bha e fhéin 'n a dhuine bochd ach a rinn mòran dhaoine eile saobhir.

DUINE COIR.

An là roimhe fhuair mi litir o dhuine ann an Glaschu, duine nach fhaca mi riamh, a' fèraich dhìom an robh iasad airgid a dhith orm. Ma bha, theairt e rium nach robh agam ach fios a chur 'g a ionnsuidh-san agus gu'n cuireadh e thugam leis an ath phosta, deich notaichean, no leth-cheud, no ceud, no mìle,—suim air bith a bha dhìth orm. Feumaidh gu bheil an fhìor uaisle anns an duine oir thuirt e gu'm biodh an gnothuch air a chumail eadaruin fhéin; gu'm biodh esan cho tosdach ris an uaigh agus nach biodh fhios air duine eile air. Cha 'n ann a h-uile latha a thachrar air duine cho còir ris an fhear ud, agus gun ùine a chall fhreagair mi a litir is thug mi mìle taing dha; taing mu choinneamh a h-uile not a bha mi dol a ghabhail bhuaite. Thubhairt mi ris gur e daoine còir agus daoine fialaidh d'a sheòrsa-san a bha cumail mo chreideamh ann an uaisle ar nàdur daonna beò; agus mur gabhadh e gu ceàrr bhuam e, gu'm bu mhaith leam na'n gabhadh e fhéin agus a bhean tea còmhla rium a' cheud uair a bhithinn ann an Glaschu, agus gu'n iarrainn air ministear Eaglais Chalum-Chille agus air fear no dhà de na foirbhich tighinn còmhla ruinn a chionn gu robh mi cinnteach gu'm bu mhaith leò eòlas a chur air. Dh' iarr mi air an mìle not a chur ann am broinn litreach, agus a seulachadh gu cùramach le céir, agus thug mi dha m' fhacal nach biodh an còrr iomraidh air a' ghnòthuch gu bràth; ma bha e fhéin toileach a ghnìomharan Crìosdail fhòlach air an t-saoghal nach fosglainn-sa mo bheul.

Tha deich làithean bho chuir mi air falbh an litir so, agus tha e a' cur ionghnaidh orm nach d' fhuair mi fios-freagairt fhathast. Ach theagamh gu'n tàinig gairm chabhag-ach air an duine chòir á Ierusalem.

Tha trì seòrsachan galair ann a tha milleadh na dùthcha so gu h-uamhasach; caitheamh, agus cancer, agus an galair mósach. Tha leth cheud mìle duine (50,000) a' bàsachadh am Breatunn a h-uile bliadhna leis a' chaitheamh a dh' aindeòin gu bheil dotairean agus luchd-eòlain am beachd gu'n gabh daoine anns a bheil caitheamh leigheas.

Ann an seann làithean bhatar an dùil nach gabhadh i leigheas idir; gu robh i a' ruith anns an fhuil, agus nach robh ceann-crìche air bith aice ach am bàs, gu sònruichte ma bha i dùthchasach do dhuine. Ach tha na dotairean air am beachd atharrachadh; tha iad ag innseadh dhuinn a nis nach 'eil a' chaitheamh air a breith le duine idir (ged tha i na's buailtaiche do dhaoine d'a bheil i dùthchasach na tha i do dhaoine eile) agus gu'n gabh i leigheas ma sheallar as a déidh ann an àm.

Is e as màthair-aobhair do'n ghalair so frìde bheag bhìodach a thòiseas air sìolachadh ann an corp duine (gu bitheanta anns an sgamhan aige). Tha an creutair beag so cho bìodach 's nach foluicheadh dà cheud muillean dhiubh bonn shé sgillinn, ach tha iad cho guineach 's gu'm marbh iad na samhanaich fhéin, ma gheibh iad ùine is còthrom. Cleas chreutairear eile a bhios a' deanamh uile is toigh leò an dorchadas. Cha toigh leò a' ghrian no an solus idir.

Glé thrìc tha a' chaitheamh ag éirigh ann an droch thighean, tighean snigheach dorcha le uinneagan beaga agus ballachan fuara agus ùrlair fhliucha. Ma bhithear a' tilgeil smugaidean air an ùrlar tha an cunnart mòr. Bu chòir soitheach-smugaidean dha fhéin a bhì aig duine air bith air a bheil caitheamh, agus a h-uile ni de'n t-seòrsa sin a bhì air a losgadh no air a thìodhlacadh.

Tha an galair so gabhailteach, agus bu chòir gu'm biodh clann agus daoine òga air an cumail air falbh o dhaoine air a bheil caitheamh. Bu chòir tighean anns an robh caitheamh a bhì air an glanadh cho chramach agus ged b'e fiabhrus a bha annta. Agus ma thòiseas an galair grannda so as ùr annta, a dh' aindeòin glanaidh, b' fheàrr do na daoine leis an leis iad braidseal teine a dheanamh dhiubh agus an losgadh. Gheibhear tigh, ach cha toirear am marbh air ais as an uaigh.

A cheart cho luath 's a dh' aithnichear gu bheil a' chaitheamh air tòiseachadh ann an duine bu chòir cùram a bhì air a ghabhail uime, agus ma tha sin air a dheanamh tràth, theagamh nach fhaigh i greim làidir air agus gu'n téid e na's fheàrr ri ùine.



LITREACHAS UR AGUS SEAN.

DAIN SPIORADAIL; le Pàdruig Grandd.
GLEANN AN DEOIR; le Ruairidh Dòmhnullaich.
DOMHNULLAN; le Dòmhnall Mac Chalum.
LEABHAR CHEIST NA MATHAR; le Eòin Willisou.

An là roimbe fhuair mi am pasgan leabhraichean so, leabhraichean a tha air an cur a mach le Alasdair Mac Labhrainn agus a Mhic, bùth as maith is aithne do na Gàidheil am baile Ghlaschu. Tha leabhraichean Gàidhlig a' tighinn a mach cho annamh agus gur còir an di-beatha a dbeanamh an uair a taig iad.

Tha trì de na leabhraichean so air an cur a mach fo làimh Eachainn Mhic Dhùghaill, agus am fear eile fo làimh Iain Mhic Leòid anns a' Chnoc-bhàn, barantas gu leòir gu bheil litreachadh na Gàidhlig air a dheanamh gu cùramach.

Bha "Dòmhnallan" air a sgrìobhadh leis an Urramach Dòmhnall Mac Chalum, ministear sgìre nan Loch an Leòidhas, duine a chuir meas mòr riamh, an dà chuid, air cainnt agus air sluagh ar dùtcha. Tha Maighstir Mac Chalum a' cur seachad feasgar a làithean anns an Eilean Sgitheanach, far am faod e caidreamh réidh a bhì aige ris a' Cheòlraidh, agus rannan a chur r'a chèile a choisneas dha fhatrast Crùn na Bàrdachd bho'n Chomunn Ghàidhealach. Bu mhaith leam-sa sin fhaicinn, agus tha mi cinnteach gu'n rachadh aige air an duais so a chosnadh na'n gabhadh e beagan dragha. Tha iomadh seòrsa rannachd anns an leabhar so, far a bheil turus Dhòmhnallain air innseadh, ach thug mi an aire gur e am meadar so, no an rannachd so, a tha e a cleachdadh an dràs 's a rithist, am meadar as fheàrr a tha freagairt air.—

Thar mullach nam mòr bu bhòidheach briseadh

An là b'e imeachd mò luaidh

A mach air a ché a réis gu ghabhail

'S a cheum bha falaicht 's an uair
Ach b' aighear, ochdòin! bha stoirm 's tein-adhair

A' ghloir a gheallar toirt uith

'S an d' fhàgar a' chraobh bu chaoine duilleach

Fo ghaoid bha tuilleadh rith' fuaight'.

Tha cuid de na rannan anns an leabhar so na's fheàrr na càch: tha cuid dhiubh cho mhaith 's gu bheil mi cinnteach gu'n rachadh aig an ughdair air an deanamh uile na's fheàrr, na'n gabhadh e ùine agus dragh.

* * * * *

Tha na leabhraichean eile mu nithean cràbhach, agus air an aobhar sin bu mhaith leam an toirt gu aire luchd-leughaidh na duilleig so, gu sònraichte *Leabhar Cheist na Mathar*. Cha ruigear a leas Para Grandd a chur an cuimhne dhaoine diadhaidh, oir cha robh a laoidhean riamh air dhèichuimhne orra.

Aig aon àm bha leabhraichean Cheist air an cleachdadh gu mòr ann an teagasg na cloinne agus bu mhaith an gnothuch na'n robh am fasan sin air a thoirt air ais. Ged tha ministearan is maighstirean-sgoile is gach seòrsa dhaoine eile aig a bheil làmh ann an oileanachadh na b-òigridh an dùil gur ann aca-san a tha a' bhuaidh as motha air iuntinnean na cloinne cha'n ann idir ach aig màthraichean na dùtcha. Is e an t-ionnsachadh òg a ni an t-ionnsachadh maith. Tha so fìor gu sònraichte a thaobh teagasg spioradail, teagasg mu Dhia agus mu'n dleasdanas a tha Dia ag iarraidh bhuainn. Cha'n'eil duine air an t-saoghal as urrainn an teagasg sin a thoirt do phàisde coltach r'a mhàthair, agus an ni a chluinneas am pàisde bho mhàthair gabhadh e ris agus bidh cuimhne aig air gu bràth. Bheir an leabhar beag so, mata, cuideachadh do màthraichean ann a bhì a' toirt eòlas slàinteil d' an cloinn. Bha e air a sgrìobhadh le Eòin Willisou, ministear a bha ann an Dundeagh bho chionn fhada, agus bha e air a chur a mach an toiseach anns a' bhliadhna 1752, an Glaschu. Bha e air a chur an clò as ùr iomadh uair bhuaith sin, agus b'e an t-aobhar gu'n d' fhuaradh feumail e le pàrantan anns a' Ghàidhealtachd. Tha e anabarrach simplidh, agus is maith an rud simplidheachd, co dhù a thatar a' labhairt ri daoine beaga no ri daoine mòra.

* * * * *

Is e *Gleann an Deoir* an t-ainm a tha air leabhar beag de dhàin spioradail a bha air an deanamh le Ruairidh Dòmhnullaich, an Leòdhas. Tha an tital so freagarrach gu leòir do'n leabhar oir tha na dàin agus na laoidhean a tha ann gu maith trom is dubhach. Ged bhios daoine ag ràdh nach 'eil anns an t-saoghal so ach "gleann nan deur" cha'n ann anns a' Bhìobull a gheibhear am facal sin no an cliù sin air an t-saoghal, agus cha mhò a tha ann ach crioman beag de'n fhìrinn. Tha an saoghal maith agus an solus milis, agus thigeadh e do dhaoine gàirdeachas a dheanamh gu sgur ann an oib-

richean agus ann am maithreas an Tighearna. Tha naoi dàin ann an Gàidhlig anns an leabhar bheag so, agus còig dàin ann am Beurla, ach ciod air bith as aobhar da tha obair Ruairidh Dhòmhnullach na's cùine agus na's caoinhaile am Beurla na tha i an Gàidhlig. Co dhìu cha do luigh mo shùil air dad anns na laoidhean Beurla cho garbh ris na gheibhear ann an té no dha de na laoidhean Gàidhlig. Dh' fheumadh buadhan sònraichte agus mac-meanna barraichte a bhì aig duine, agus a thuilleadh air sin iochd is gràdh gun cheann gun chrìoch a bhì 'na chridhe, m'an tòisicheadh e air seinn nu ifreann. Theab sin fairtleachadh air Dùghall Bochanan fhéin. Tha an leabhar beag so a' moladh ainm Iosa, agus a chionn gu bheil is fhìach e a cheannach.

* * * *

Dh' fhàg mi am fìon as fheàrr gu deireadh, laoidhean Phara Ghrannnd. Tha an leabhar so cuideachd air a chur a mach fo làimh Eachainn Mhic Dhùghaill, agus tha cumntas air a thoirt ann air Para Grandd le iar-ogha fhéin, I. A. G. Robinson, ministear Baisteach ann am Peairt. Bha laoidhean Phara Ghrannnd air an cur an clò air son na ceud uaire mu àm Waterloo, agus bhuaith sin chuireadh iad a mach as ùr fìthead uair eile, dearbhadh gu leòir gu robh gaol orra anns a' Ghàidhealtachd, agus gu robh iad air an leughadh agus air an seinn. Bha iad sin, mar nach robh laoidhean air bith eile, agus tha gus an là an diugh. An uair a sheallas mi air a' chlàr-lainnsidh agus a chi mi ainm cuid de na laoidhean, "Oran mu leanabh òg," "Eifeachd am fuil an Uain," "An dachaidh bhuan," "Glòir an Uain," nach saoil mi gu bheil mi 'gan cluinntinn a ris mar a chuala mi iad air an seinn 'n am bhalach le daoine gaolach agus diadhaidh a tha cuid dhiubh an diugh anns an uaigh! Theagamh nach fhaigh Para Grandd urram na bàrdachd an uair a thoinhshear e ri bàird eile, ach gheibh e rud as fheàrr; gheibh e beannachd nam mìltean d'a cho-chreutairean d'an robh a laoidhean 'n an aran na beatha. Cò am bàrd Gàidhealach eile a tha cho soisgeulach ris agus cho ceòlmhor cuideachd! Ann an laoidhean Phara Ghrannnd tha an ceòl agus an soisgeul a' pògadh beul ri beul.

Gu ma maith a bhios an fheadhainn a ghabh os làimh an leabhar so a chur a mach aon uair eile. Tha mi an dòchas gu'm faigh Alasdair Mac Labhrunn a dhuais agus gu'n ceannaich mòran e, agus ma thachras sin, tha mi cinnteach gur leòr an duais sin fhéin le Eachann Mac Dhùgaill air son a shaothrach-san.

Ann an Oilthighean na h-Alba tha e 'n a chleachdadh gu'm bì na h-oileanaich òga a' taghadh dhaibh féin Ard-Riaghlair uair 's na trì bliadhna. Cha'n eil mi uile gu léir cinnteach ciod na dleasdanasan a bhuineas do'n oifig urranach sin, ach co dhìu buinidh so dha, gu bheil aig an Ard-Riaghlair ri òraid mhòr a thoirt do na h-oileanaich; òraid cho cudthromach 's is urrainn da a dhean-amb. Tha na h-òraidean sin de gach seòrsa dath; cuid dhiubh maith agus cuid dhiubh glé bhoebd; tha mi an dùil gur e an té as fheàrr dhiubh a leugh mi riamh an òraid a thug Tomas Carlyle seachad ann an Duncéideann bho chionn fhada, agus an té as miosa an òraid a thug Lloyd George seachad anns a' cheart àite bho chionn ghoirid.

Tha na h-oileanaich, cleas an t-saogbail uile, a' faotainn na duaise no na h-òraid a tha iad a' toilltinn. An Duncéideann agus ann an Glaschu tha iad a' taghadh an Ard-Riaghlair daonnan á measg buill na Pàrlamaid, agus tric gu leòir cuiridh iad a stigh daoine nach 'eil dad anns na cinn aca ach càth is moll. Ach ann an Oilthigh Chill-Ribhinn tha iad a' leantuinn cleachdadh is fheàrr; tha iad a' taghadh an Ard-Riaghlair (gu sònraichte bho chionn beagan bhliadh-nachau) á measg dhaoine a tha clùiteach air son am buadhan inntinn. Agus tha a bhuil; is ann ann an Cill-Ribhinn a chualas na h-òraidean is fheàrr a chuala oileanaich na gineil so; na h-òraidean a bha air an liubhairt le Seumas M. Barrie; Rudyard Kipling; agus an t-Ollamb Fridtjof Nansen.

Cò an duine a tha beò an Albainn an diugh as cinntiche a bhios air chuimhne ceud bliadhna 'n a dhéidh so? Ciod do bheachd fhéin, a leughadair? Tha mise an dùil gur e Seumas M. Barrie. Tha solus ann an inn-tinn Bharrie a bha air a lasadh aig an teine ata shuas. An uair a bhios marsantan agus bancairean agus cinn-ùil eile an t-sluaigh, a tha an diugh cho mòr 'n ar sùilean-ne, an uair a bhios iad air an dchuimhneachadh cho buileach 's ged nach robh iad riamh ann, bidh Seumas M. Barrie fathast a' labhairt. agus bidh a theachdaireachd 'n a reul-ùil do dhaoine òga a tha ag iarraidh an rathaid gu tìr a' gheallaidh.

Ged nach e an aon tiotal a thug Barrie, agus Kipling, agus Nansen, do na h-òraidean a liubhairt iad, b'e an aon chuspair air an do labhairt iad; dh' àrdaich iad spiorad na gaisgealachd ann an éisdeachd nan daoine òga ris a' robh iad a' bruidhinn. Faodar sealltuinn air an rud ris an abrar *gaisgealachd* bho iomadh taobh, ach ciod air bith an

taobh o'n seallar air, is e so an rud as maisiche ann an duine, an rud leis a bheil e 'g a chumail fhéin ann an companas Dhé agus ann an companas na muinntir sin a thug buaidh air an t-saoghal. Am measg nan daoine a chumnaic an t-abstol Eòin air an dùnadh a mach as an Ierusalem Nuadh tha e ag ainmeachadh nan gealtairean. Cha toigh le Dia an seòrsa dhaoine sin.

Cha'n 'eil e furasd a ràdh ciod an fhìor rud a thatar a' ciallachadh leis an fhacal spiorad na gaisgealachd, ach is suarrach an call nach 'eil oir tuigidh na daoine ceart e gun a mhìneachadh, agus air son clann Mherois dheth, cha tuigeadh iadsan e co dhiù. Bidh mise glé thrice a' diomoladh dhuit-se, a leughadair, spiorad na marsantachd, agus bithidh mi a' deanamh sin a chionn gur rud e a tha calgdhreach an aghaidh spiorad na gaisgealachd.

Theagamb gu bheil am facal sin fhéin, spiorad na marsantachd, cho dorecha ris an fhear eile, ach ma tha, innsidh mi naigh-eachd a dh' fhaodas solus a chur air. Bha duine as aithne dhomh naireigin a' bruidhinn ri balach a bha fhathast anns an sgoil, a' foighneachd dheth an robh obair shònraichte a bha e a' miannachadh dol thuige. Bha am balach mu shé bliadhna deug a dh' aois; bha e 'na sgoilear maith, agus thuir an duine ris gu'm biodh e ceart dha smuain-eachadh air dreuchd na ministrealachd a chionn gu robh ministearan anns a' Ghàidhealtachd air fàs gann. Is e an fhreagairt a thug am balach dha, *B'fheàrr leam dol 'n am mhaighstir-sgoil oir tha pensions aca na's motha na tha aig na ministearan.*

Ciod a their thu ri inntinn de 'n t-seòrsa sin, a leughadair? Ciod a their thu ri aois shé bliadhna deug a' bruidhinn cheana air pension? Duine nach do chuir air armachd fhathast a' sealltuinn air thoiseach air ris an latha anns an cuir e dheth i! Sin an rud ris an abair mise spiorad na marsantachd, co dhiù aon taobh dheth. Cha'n 'eil mi ag ràdh gu robh am balach ud na's gaolaiche air a'rgiod na balaich eile; cha mhò a theirinn gu bheil barrachd de spiorad na marsantachd am measg mhaighstirean-sgoile na tha am measg mhinistearan; ciod air bith an dreuchd no an obair a thaghadh an gille ud dha fhéin cha bhiodh ann gu bràth ach an aon seòrsa duine; duine a dh' fheuchadh daonnan ri bhì air an taobh shàbhailte, duine nach fuilingeadh fnachd, no cruas, no cruadal, na'n gabhadh e seachnadh; nach leigeadh le òrdagan a bhì ann an cumnart reothaidh ged nach tigeadh an là anns an ruigteadh air soran na gaoithe tuath. Is e an fhìor àite air son leithidean a' bhalaich ud, obair a' Ghovernment; nead shocrach anns am faod iad an saoghal a ghabhail

gu réidh, gun mbaith gun chion a dheanamh.

B'e an ceann-teagaisg a ghabh Barrie do na h-oileanaich, *Misneach*. "Cha 'n urrainn mi" thubhairt e riu, "lorg no bata a thoirt dhuibh air son turus 'ur beatha, ach innsidh mi dhuibh mu'n lorg is fheàrr air an t-saoghal uile gu leir; ciamar a gheibh sibh e, agus a chailleas sibh e, agus a gheibh sibh e a ris, agus a ghrèinicheas sibh ris le gréim bàis. Feumaidh gach aon agaibh an lorg so a ghearradh air a shon fhéin; is e ainm an luirg *misneach*; gràs is bòidheche na uile ghràsan eile an anama; crioman d'a ainnn fhéin a thug Dia d'a chloinn air thalamh."

Is maith an rud an òige; is ann anns an òigridh a tha dòchas an t-saoghail. An uair a ruigas daoine leth-cheud bliadhna tha iad mar is bitheanta a' socrachadh sìos air an deasgainibh; tha iad toilichte le 'n staid agus is maith leò gu'n rachadh a h-uile ni air aghaidh mar a bha iad a' dol air an aghaidh 'n an òige. Tha eagal am bàis aca roimh na ginealan ùra a tha ag éirigh suas, agus cuiridh iad an sàltean anns an talamh air eagal gu'm bi iad air an putadh air an aghaidh aon òirleach. Sin na daoine a tha 'n an suidhe anns na caithrichean-àrda daonnan; is ann aca a tha cumhachd, is ùgh-darras, agus ainm a' ghliocais. Ach ged tha e ceart do'n òigridh a bhi modhail agus sìobhalta ris na bodaich sin a tha seòladh long na rioghachd tha e ceart dhaibh cuideachd gun eagal a bhi aca romhpa agus an guth a thogail ma tha iad a' faicinn gu bheil na bodaich a' stiùradh cùrsa ceàrr; cùrsa a dh' fhaodas an long a chur air na creagan. Feumaidh iad deagh mhisneach a bhi aca oir tha gach cumhachd fhaicsinneach air taobh nam bodach, agus an gliocas a tha crionna agus saoghalta, ach theireadh Barrie agus Kipling agus Nansen riu—agus na's fheàrr air fad—theireadh Crìosd riu, "na biodh eagal oirbh no geillt: cuiribh a mach chum na dòimhne agus stiùraibh ar cùrsa le bhur combaist fhéin."

SEACHNAIBH AN DRONGAIR.

Na bithibh air 'ur cuing cheangal gu neo-chothromach ri mì-chreidich, *no ri drongairean*.—2 Cor. vi. 14.

Cha'n 'e Pol a sgrìobh na facail mu dheireadh ach mi fhéin, ach ged tha mi a' cur nam facal so ris na nithean a tha sgrìobhta anns an leabhar naomh tha mi an dòchas nach tig na plàighean orm a mhaoidh an t-abstol Eòin air neach air bith a chuireadh

dad ris na sgrìobturán. Mur bheil na fa-cail so air am faotainn ann an litir an sgrìobtuir tha iad co dhiù a réir spiorad an sgrìobtuir, agus tha mi làn chinnteach na'n do chuir nighean air bith ann an Corint a combairle ri Pol mu dhuine a bha ag iarraidh a pòsadh agus e trom air an deoch; tha mi làn chinnteach gu'n abradh e rithe. Na biodh gnothuch agad ris; seachainn a leithid sin de dhuine.

Cha'n'eil teagamh nach bi nigheanan òga a' leughadh na duilleig so cho mhaith ris na cailleachan, agus bu mhaith leam-sa a chombairle cheudna a thoirt orra bho fhiosrachadh mo bheatha fhéin. Ann an làithean an leannanachd neo-ar-thaing nach geall na fir gu'n seachain iad deoch làidir gu buileach an uair a phòsas iad, ach tha na mìltean té anns an dùthaich an diugh a tha caoidh gu'n do chreid iad sin. Cha'n'eil e aig àm sam bith sàbhailte creideas a thoirt do dhrongair. Cìod air bith as aobhar dha tha an t-òl agus na breugan a 'dol còmhla daonnan; ged a dh' fhaodas tu peacaich eile a chreidsinn is ann glé annamh is urrainnear drongair a chreidsinn.

Na'n robh nighean agam-sa tha mi an dùil gu'm b' fheàrr leam a faicinn air a ceangal ri mì-chreideach fhéin seach ri drongair: bhiodh dòchas agam gu'm fosgladh an Spiorad Naomh a shùilean, ach tha an drongair am beachd nach 'eil shùilean idir cho fogaillte ri fheadhainn-san.

An uair a phòs Iseabal Nic Coinnich an Cille-sgumain Eachann Caimbeul, tuathanach na Pàirce, bha a càirdean an aghaidh a' phòsaidh oir bhiodh Eachann na bu bhith-eanta na bu chòir dha anns an tigh-òsda aig Tom Elliot. Ach shanntaich Iseabal tigh agus baile fearainn, agus bha i an dùil gu'n deanadh i fhéin duine do Eachann agus gu'n cumadh i o'n òl e. Rinn i sin fad shé seachduinnean, ach an diugh tha Eachann fada na's mìosa na bha e riamh. Cleas a h-uile té a tha fuireach anns an aon tigh ri drongair tha fhios aig Iseabal bho chd gu maith an uair a tha ana-miannan a' tòiseachadh air oibreachadh ann an Eachann, agus bidh i a' feuchainn leis gach inleachd as aithne dhi air a chumail o'n deoch, ach bha cho mhaith dhi feuchainn ri abhainn Gharaidh a chumail air a h-ais. Agus ged bha Iseabal 'n a bean-tighe anabarrach glan agus sgoinneil an uair a phòs i, agus ged tha dithis phàisdean lurach aice, tha i a nis air a misneach a chall; an uair mu dheireadh a bha mi an Cille-sgumain agus a chaidh mi 'g a faicinn cha b' urrainn mi gun an aire a thoirt do'n atharrachadh a bha air an tigh.

Is e an fhèrrinn gu bheil am boirionnach

truagh ann am prìosan—agus na's mìosa na sin—gu bheil i ionnan ri bhì ann an ifreann fhéin. Is ann aig Dia a mhàin a tha fhios cia meud té eile a tha anns an dùthaich coltach ri Iseabal, nigheanan a bha air am mealladh leis an dòchas fhaoin gu'n deanadh iad duine stuama de dhrongair, ach a tha nis ann an daorsa mhuladach, gun fuighair aca ri fuasgladh gus am fuasgail am bàs a' chuing amaideach agus neo-chothromach a chuir iad ora féin.

A GHÀIDHLIG ANN AN LUNNAINN.

Ann am baile mòr Lunnainn tha na Gàidheil a' cruinneachadh ann an Eaglais Cùirt a' Chrùin uair 's an ràidhe gus seirbhis a bhì aca ann an Gàidhlig. Thug iad cuireadh dhòmhsa dol air cheann na seirbhis sin air an deicheamh là de October, agus bha iad cho blàth caoimhneil rium 's gu'm bu mhaith leam mo mhàle taing a thoirt daibh air an duilleig so, an earalas gu'n leugh cuid aca na tha mi ag ràdh. Bha mi gu sònraichte an comain dithis dhaoine còir a rinn na ghabhadh deanamh gus nu thurus do'n bhaile a dheanamh combhurtachail agus toilichte; fear dhiubh de fhine nan Caimbeulach agus an fear eile de fhine Chloinn Phàil.

Tha eaglais Cùirt a' Chrùin briagha an taobh a stigh dhi ged nach 'eil sealladh oirre o'n taobh-a-muigh, ach is e an rud as maisiche ann an eaglais air bith i bhì làn de dhaoine. Tha coimhthional mòr a' cruinneachadh anns an eaglais ud a h-uile uair a bhios seirbhis Ghàidhlig innte, agus ged is neònach an rud e r'a innseadh, shearmonaich mise do bharrachd dhaoine ann an Gàidhlig *ann an Lunnainn* na rinn mi riamh ann an àite air bith an Albainn. Sin agaibh sin; rud glé neonach, ach an fhèrrinn.

An déidh na seirbhis chaidh cuid mhaith de'n choimhthional sìos do thalla mòr a bha fo'n eaglais, far an robh cupan tea air a thoirt duinn agus cothrom againn air seanchas a dheanamh r'a chéile. Bha iad ann as gach cèarn de'n Ghàidhealtachd agus de gach seòrsa eaglais; muinntir na h-eaglais Shaoir as an taobh tuath is muinntir na h-eaglais Stéidhichte á Peairt is Earraghàidheal, ach le sealltainn oirnn agus sinn ag òl tea cha'n aithneadh tu cò againn a bha Saor no cò a bha Daor!

Bu chòir do mhuintir na Gàidhealtachd a bhì an comain nan daoine ud ann an Lunnainn a tha cumail suas na seirbhis Ghàidhlig, oir cha'n'e mhàin gu bheil i 'gan cumail eòlach air a chéile ach tha i a' cumail dhaoine òga gun eòlas a chall air Dia.



A BHLIADHNA UR.

Mar do làithean is amhluidh bhios do neart.—Deuteronomi, xxxiii, 25.

Tha e maith do dhaoine daonnan greim a dheanamh air na geallaidhean a tha ann am facal an Tighearna, ach aig toiseach na bliadhna gu sònruichte, an uair a tha sinn a' toiseachadh air mìle eile de thurus ar beatha, tha feum againn uile air ar cùmh-nant athnuadhachadh ri Dia agus ar cridheachan a mhisneachadh le greim ùr a dheanamh air na geallaidhean prèiseil a thug e dhuinn 'na fhacal. Cha'n'eil suidheachadh anns am faod sinn a bhith nach 'eil gealladh ann am facal an Tighearna a tha freagarrach air ar son; cha bhiodh na geallaidhean sin air an sgrìobhadh idir mur biodh Dia a' ciallachadh gu'm biodh iad air an tagar leinne ann an làn chreideamh.

Mar do làithean is amhluidh bhios do neart. Ciod a b' fhèarr na sin a b' urrainn Dia fhéin a ràdh ruinn air là na bliadh'n ùire! Bidh uallach féin, agus a chùram féin, agus a bhuaireadh féin an cois gach là a thig; ach bidh gràs an Tighearna 'n an cois cuideachd agus bidh a chumhachd-san air a dheanamh foirfe ann ar n-anmhuinn-eachd-ne.

An uair a sheallas sinn air thoiseach cha 'n ann idir air ar neart féin a smuainicheas sinn ach air ar laigse agus air ar neo-chomas. Ri aghaidh àitheantan Dhé, agus ri aghaidh na gairme a thug e dhuinn ann an seisgeul a Mhic, gairm gus ar beatha a chaitheamh ann an naomhachd agus ann an seirbhis a rìoghachd, ciod is urrainn sin a ràdh ach so. "Cò, a Thighearna, a tha foghainteach chum nan nithean so?" "Leasaichidh mo Dhia-sa bhur n-uireasbhuidh uile, a réir a shaoibhreis ann an glòir, tre Iosa Crìosd."

Cha 'n e gealladh duine a tha anns a' ghealladh so ach gealladh Dhe; agus cha duine Dia gu'n deanadh e breug. Cha téid Dia gu bràth ann an cois fhacail: théid nèamh agus talamh thairis ach cha téid gealladh Dhé thairis a chaidh. C' ar son mata, nach carbamaid as?

Theagamh gu'm bi cuid de làithean na bliadhna so deuchainneach is goirt gu leòir do chuid againn, ach cha tig deuchainn air bith 'n ar caraibh gun fhios do Dhia. Na'm bu léir dhuinn an dìugh na dh' fhaodas a bhì air thoiseach oirnn mu'n tig a' bhliadhna so gu crìch ma dh' fhaoidte gu'm briseadh e ar cridheachan, ach foillsichidh Dia a fhreasdal agus a rùintean

dhuinn uigh ar n-uigh, a réir mar is urrainn sinn an giùlan. Cha chòir duinn sinn féin a shàruchadh le uallach air bith ach a mhàin ar n-uallach làthail dìreach mar a theagaisg Crìosd dhuinn gun ùrnuigh a dheanamh ach air son àrain làthail. Is leòr do gach latha uallach féin.

Is e na meadhonan gnàthaichte leis a bheil Dia a' labhairt ri daoine air thalamh, am Biobull agus an Spiorad Naomh. Mur bheil eòlas aig daoine air a' Bhiobull cha 'n urrainn Dia labhairt riu; co dhiu cha 'n urrainn e labhairt riu mar a labhras e ris a' mhuintir sin aig a bheil gaol air Fhacal, agus a bhios a' beachd-smuaineachadh air a dh' oidhche agus a là. Bidh mise a' dol a mach agus a stigh ann measg dhaoine aig amannan anns am bi feum aca air comhfhurtachd, amannan trioblaid agus bròin, agus bho m' fhiosrachadh féin aig na h-amannan sin is urrainn mi a ràdh gu cinnteach gur rud anabarrach duilich e toiseachadh air comhfhurtachd a thoirt do dhuine air bith a tha aineolach air Facal an Tighearna. Sin roinn de'n pheanas a tha tuiteam orra-san a ni dearmad air a' Bhiobull, nach cluinn iad guth an Tighearna an uair a bhiodh guth an Tighearna 'n a chomhfurtachd d' an anam.

Tha cuid de gheallaidhean an Tighearna nach tuigear am mìlseachd gus am bi sinn ann an dorchadas no ann an teinn. Feumaidh sinn a bhì ann an suidheachadh sònruichte m' am faic sinn an saobhreas a tha anna. Ach air a shon sin bu chòir dhuinn na geallaidhean sin a thasgadh suas 'n ar n-intinnean m' an tig an dorchadas agus an teinn, agus an sin bheir an Spiorad Naomh gu ar cuimhne iad anns an là anns am bi feum againn orra.

Tha geallaidhean anns a' Bhiobull do dhaoine a tha air am buaireadh gu goirt; tha geallaidhean ann do dhaoine a tha ann an diobhail misnich; tha geallaidhean ann do dhaoine a tha ri uchd bàis, agus is maith a' chluasag anns an oidhche aon de gheallaidhean an Tighearna. An uair a thagras sinne gealladh Dhe ann an làn chreideamh tha an gràs a tha air a ghealltuinn ann againn cheana. Ach cha 'n fhaighear an gràs so gus am bith feum againn air agus gu an iarr sinn e air ar n-Athair nèamhaidh.

Bho chionn beagan bhliadhnanachan ghairm Dia duine sònruichte gu obair dhuilich a dheanamh ann an seirbhis Chrìosd. Bha an duine a' faireachadh nach robh tàlant an gu leòir aige, is chuir sin egal air; bha

e a' faireachadh cuideachd nach robh e maith gu leòir, is chuir sin eagal a bu mhotha air. A thuilleadh air sin cha robh a shlàinte gu ro mhaith; bha anntuinn-eachd air chor-eigin 'n a fheòil nach robh na dotairean a' tuigsinn. Ach bha a chridhe anns an obair agus ghabh e os làimh i, an dòchas gu'n tugadh Dia neart dha.

M' an tàinig an t-àm dha dol air cheann na h-obrach chuir e uair no dhà dearbhadh air a neart féin, ach cha b' fheàrrid a mhisneach sin, oir chunnaic e nach robh ann ach duine briste. Chuir sin dragh mòr air, ach aon là a bha e leis fhéin agus e ag ùrnuigh, chual e mar gu'm bioth Guth a' bruidhinn ris, "A bheil thu deas air son na h-obrach a dh' ionnsuidh an do ghairm mi thu?" "Cha'n'eil, a Thighearna," fhreagair e; "cha'n'eil annam-sa a nis ach duine ullamh: rainig mi ceann mo ròpa." Thubhairt an Guth ris, "Ma bheir thu an t-eagal sin dhòmh-sa agus ma stadas tu de bhì sinuain-eachadh air, gabhaidh mise cùram dhìot." Fhreagair an duine ann am mionaid, "Biodh sin 'na chùmhant eadaruinn, a Thighearna, bho'n uair so."

Dh' éirich an duine 'n a sheasamh agus a chridhe làn de shìth Dhe. Bha fhios aige gu'n tug Dia dha an rud a bha dh' easbhuidh air, agus gu robh gach alt agus cnaimh agus gach ball 'n a chorp air an ùrachadh le beatha agus lànachd beatha. An uair a choisicheadh e air an rathad bha e cho aotram 's gur gann a bha e a' faireachduinn gu robh a chasan a' beantuinn ris an rathad. Bha e mar bha Pol, gun fhios aige gu robh mhaith co dhiu a bha e anns a' cho-luinn idir. Agus ged b' àbhaist da a bhì sgìth le uair no dhà de obair rachadh aige a nis air leantuinn air obair fad an là agus as déidh a' mheadhon-oidheche gun fàs sgìth no fann. Bha e air a lionadh le Beatha agus Sìth agus Fois.

Theagamh gu bheil cuid de dhaoine nach creid so, agus gu'm feuch a' chuid a chreideas e ri solus a chur air air dhòigh nàdurra as aithne do Choue agus do na dotairean, ach coma leamsa Coue agus na dotairean: tha mi a' creidsinn ann an Dia agus ann an cumhachd Dhe: tha mi a' creidsinn gu bheil tobraichean slàinte ann an Dia as am faod daoine anfhann beatha a tharruing cha'n e mhàin d' an anam ach d' an inntinn agus d' an corp mar an ceudna. Cha ghabh a bheatha sin ceannach; *tha i r'a gabhail*. "Dearbhaibh mi nis leis an nì so, tha Tighearna nan sluagh ag ràdh, mur fosgail mi dhuibh uinneagan nan nèamh, a dhòrtadh a mach beannachd oirbh, gus nach bì àite ann g'a chumail."

An uair a bha Iosua a' fàgail beannachd aig

an t-sluagh agus e gu goirid ri dol air slighe na talmhainn uile, thubhairt e riu, tha fhios agaibh féin 'n ur n-uile chridhe, agus 'n ur n-uile anam, nach d' fhàilnich aon nì de na nithibh maithe sin uile a labhair an Tighearna bhur Dia d' ur taobh: thàinig iad gu léir gu crìch dhuibhse; cha d' fhàilnich aon nì a gheall an Tighearna bhur Dia."

Cha 'n fhàilnich gealladh an Tighearna gu bràth: ma dh' fhanas sinne ann an co-chomunn a spioraid agus ann an umhlachd a thoile bheir gach là de 'n bhliadhna fianuis dhuinn gur fìor am facal, *Mar do làithean is anhluidh bhios do neart.*

CRIOSD ANNS NA H-INNSIBH.

An là roimhe leugh mi leabhar beag mu obair an t-soisgeil anns na h-Innsibh an Ear, agus thug an leabhar uiread toileachaidh dhomh agus uiread ùrachaidh do mo chreideamh agus gu'm bu mhaith leam a mholadh do dhaoine eile air an duilleig so. Is e ainm an leabhair, *Criosd air rathad-mòr nan Innsean*, agus ainm an fhìr a sgrìobh e, E. Stanley Iones, soisgeulaiche Americanach a chaidh do na h-Innsean a chosnadh anamanna d'a Mhaighstir.

Tha e soilleir gu leòr bho na nithean a leugarh ann an leabhar so gur e gràdh Chriosd a chomh-éignich e a dhol do na h-Innsean air thurus an t-soisgeil, ach cha'n 'e mhàin gu bheil gràdh Chriosd 'na chridhe ach tha gliocas agus ìrioslachd ann cuideachd. Agus tha feum aig missionairidhean air gliocas agus air ìrioslachd; cha'n'eil iad a' dol am measg nan cinneach mar thighearnan os an cionn ach mar dhream a tha 'n an eisempleiribh agus 'n an fianuisean air taobh Chriosd.

Cha mhò a tha iad a' dol am measg nan cinneach a dhìomoladh gnàths no cleachdanna no creideamh an aithrichean: tha iad a' dol thuca gus coslas Chriosd a leigeil fhaicinn daibh agus teagasg Chriosd innseadh dhaibh, an dòchas gu'n dean an Spiorad Naomh an còrr, "gu'n gabh e de nithean Chriosd agus gu'n toir e dhaibh iad."

Tha cleachdadh aca anns na h-Innsibh aig pòsaidhean a bha againn anns a' Ghàidhealtachd anns na seann làithean: bidh càirdean bean-na-bainnse a' dol dhachaidh leatha gu tigh a fir. Cuiridh iad an làthair a céile-pòsda i, ach na's fhaide na sin cha 'n fhaod iad dol: théid iad air an ais agus fàgaidh iad iad còmhla. "Sin dìreach," arsa Stanley Iones, "an rud a tha againne ri dheanamh anns na h-Innsibh: Criosd agus na h-Innsean a dheanamh aithnichte d'a chéile, agus an sin am fàgail còmhla, ag earbsadh nan Innsean ri Criosd

agus ag earbsadh Chrìosd ris na h-Innsibh."

Ann an leabhar so tha e ag innseadh gu saor mu mhèrachdan a rinn e an uair a chaidh e a null an toiseach. Bhiodh cuid de na sgoilearan Hinduach agus Mohamedanach a' feuchainn ri ceistean duilich a chur air mu nithean neònach a gheibhear anns an t-Seann Tìomnadh; mu nithean a rinn an eaglais Chrìosduidh agus a tha i a' deanamh fhathast nach 'eil a réir teagasg Chrìosd; mu bheatha Chrìosduidhean anns na dùthchannan a ghabh ris an t-soisgeil; agus ceistean duilich eile de 'n t-seòrsa sin leis an robh e furasda dhaibh a' ghlas-ghuib a chur air. Bha e an dùil an toiseach gu'm feumadh e seasamh suas air taobh an t-Seann Tìomnaidh agus air taobh gnàths nan rìoghachdan Chrìosduidh mar gu'm biodh an Creideamh Chrìosduidh ann an cumnart na'n aidicheadh e nach b' urrainn e an seasamh. Tha e ag ràdh gu'n do chuir so dragh mòr air, ach air dheireadh thall chummaic e nach ann anns na nithean sin a bha bun a' ghnòthuich idir, agus rinn e suas inntinn gu'n deanadh e mar a rinn iomadh sgiobair ann an stoirm, gu'n tilgeadh e a mach a h-uile unnsa de'n luchd a bha e a' giùlan ach a mhàin aon ni, an rud a bha na bu phrèiseile na'n còrr uile. Rinn e suas inntinn nach gabhadh e ghnòthuch ris an t-Seann Tìomnadh, no ris na ceistean a tha e a' togail, agus gu'n seachnadh e gach rud eile ach Chrìosd a mhàin.

Tha e duilich do Chrìosd rathad rèidh fhaotainn d'a chasan anns na h-Innsibh an Ear: tha e duilich do theachdairean an t-soisgeil cluas agus cridhe na dùthcha a ghlacadh. Tha fichead rud a' seasamh 'n an aghaidh: cuid dhiubh air a bheil fhios againn; cuid eile air nach 'eil fhios againne idir; agus theagamh cuid nach bu mhaith leinn ainmeachadh ged a bhiodh fhios againn orra.

Abair nach cuala Eban Williams no Tighe nam Morairean an soisgeal riamh, agus gu'n deachaidh Mghr. A. Cook, ceann-feadhna nan gualadairean, air thurus soisgeulach thuca, a thogail suas Chrìosd fa chomhair an sùl, an saoil thu gu'n creideadh iad e? Am biodh àile cùbhraidh de'n ainm naomh bho na bilean sin? Na'n rachadh am Morair Birkenhead gu coinneamh-ùrnuigh maille ris na Bràithrean (na Quakers) agus na'n searmonaicheadh e dhaibh gun an làmh a thogail an aghaidh uile, ciod a theireadh iad? Na'n deachaidh Carnegie nach maireann, no Rockefeller, a shearmonachadh do dhaoine bochda ann an cùl-shràidibh iad a bhi toilichte 'n am bochdainn a chionn gu robh iad saor is iomadh buaireadh ciod an t-éisd-eachd a gheibheadh iad?

Sin cuid de na duileadasan a tha ag

Chrìosd agus a shoisgeul ri cothachadh 'n an aghaidh anns na h-Innsean. Tha e air a shearmonachadh dhaibh le daoine nach 'eil iad a' faireachduinn gur bràithrean iad. Tha e air a shearmonachadh dhaibh le daoine geala, daoine aig a bheil tighearnas thairis orra, agus air uairean ain-tighearnas. A dh' aindeoin a' bhràithreachais a tha a' chuid mhòr de na missionaraidhean a' nochdadh dhaibh, agus a dh' aindeoin coslas na diadhaidheachd a tha iad a' faicinn air cuid de na daoine geala, tha iad a' faicinn agus a' faireachadh iomadh rud eile ann an giùlan nan daoine geala a tha 'g an cur an aghaidh an t-soisgeil. Cha 'n urrainn daibh sealltuinn air Chrìosd ann an solus a mhaise féin no mar Shlànuighear an t-saoghail: tha iad a' sealltuinn air mar Shlànuighear nan daoine geala, air a fhaig-sinn daibhsan mar a thatar a' taingsinn daibh cotan an iarum. Tha iad a' cluinntinn nam missionaraidhean a' bruidhinn air Chrìosd mar Phrionnsa na Sìthe, an Tighear-na anns a bheil iad a' creidsinn agus d'a bheil iad a' deanamh aoraidh, ach air an làmh eile tha Prionnsa na Sìthe air a shearmonachadh dhaibh le rìoghachdan a tha an làmh dearg le fuil bho chionn nan ceudan bliadhna. Cluinidh iad na missionaraidhean a' bruidhinn air an atharrachadh ghlòrmhor a ni Chrìosd ann am beatha nan daoine a chreideas ann, ach an uair a thig vailean is sgoilearan Innseanach do Bhreatann cha'n fhaic iad gu'n do rinn e atharrachadh glòrmhor air bith 'n ar bailtean féin: chi iad ann an Lunnainn agus ann an Glaschu drongaireachd is aingidheachd a chuireas goirsinn air am feòil.

Ach air a shon sin tha spiorad an Tighear-na ag oibreachadh anns na h-Innsibh. A dh' aindeoin gu bheil sinne agus rìoghachdan eile a' toirt oibheum do aobhar Chrìosd agus 'g a chumail air ais le ar féinealachd agus le ar cleachdanna peacach tha grian Chrìosd ag éirigh anns an àird an Ear, agus tha ìomadh duine diadhaidh anns na h-Innsean a' feitheamh ri shlàinte an diugh air son an dùthcha mar bha Simeon a' feitheamh ri shlàinte air son Israel.

Mar is bitheanta is ann an measg nan daoine aineolach agus nan daoine bochda a tha na missionaraidhean a' dol, ach tha Mghr. Stanley Jones a' feuchainn ri aire nan daoine ionnsaichte a ghlacadh, agus cinn-feadhna an t-sluaigh. Cha'n'eil e a' gabhail air a bhi os an cionn ann an dòigh air bith: cha mhò a bhios e ag ràdh dad riu mu'n chreideamh aca féin: tha e a' togail suas Chrìosd m' an coinneamh agus a' leigeil leis-san agus le fhacal bruidhinn ri an cridhe agus ri an coguis. Tha e

a' feuchainn ri Crìosd a nochdadh dhaibh, cha 'n ann air dhreach no ann an aodach na h-àird an Iar ach air dhreach agus ann an aodach nan Innsean. Ach fad na h-ùine is e an t-aon Chrìosd a tha ann; co dhìu a chithear e a' coiseachd air rathaidean-mòra Ghalile no air rathaidean-mòra nan Innsean.

Tha mòran dhaoine ann aig nach 'eil gaol idir air obair nam missionaraidhean, leithidean a' Mhorair Inchcape a thubhairt an là roimhe gur e na missionaraidhean as aobhar do'n iorghuill a tha ann an China, an tomhas mòr. Their iad gu bheil muinntir nan dùthchanna thall a' faotainn air an aghaidh maith gu leòr gun Chrìosd. Cha'n 'eil sin fìor. Gun Chrìosd cha'n urrainn daoine faotainn air an aghaidh anns an t-seadh is àirde, oir is e Crìosd a bheatha, beatha an anama. Tha iomadh rud maith ann an creideamh nan Hinduach agus ann an creideamh Mhohammed ach cha'n 'eil Crìosd ann, agus is e Crìosd Slànuighear an t-saoghail. Cha'n 'eil Slànuighear eile ann ach E. Ma tha, o' àite a bheil e, no c' ainm a tha air?

Tha Crìosd gun teagamh ag oibreachadh anns an eaglais agus tha a sholus ri fhaicinn anns an eaglais, ach tha e ag oibreachadh an taobh a muigh de 'n eaglais cuideachd, agus tha a sholus ri fhaicinn an measg nan cinneach. Tha mòran dhaoine an diugh a bhuineas do'n chreideamh Hinduach anns a bheil barrachd de spiorad agus de inntinn Chrìosd na tha ann an cuid de shluagh Eaglais na h-Alba. Ged nach do dhealaich iad ris a' chomunn anns an do rugadh iad tha iad a' leughadh an Tiomnaidh Nuadh; tha urram aca do Chrìosd agus tha iad a' leanntuinn a theagaisg. Anns an leabhar a dh' ainmich mi cheana tha Stanley Iones ag ràdh gu robh là ann anns nach b'urraim muinntir nan Innean dealachadh a chur eadar Crìosd agus an Eaglais Chrìosduidh: bha iad a' diultadh gabhail ri Crìosd a chionn nach bu toigh leo an Eaglais Chrìosduidh, ach an diugh thèid aca air dealachadh a chur eadar an dà nì, agus tha iad a' gabhail ri Crìosd gu toileach ged nach gabh iad idir ris an eaglais. Chuir Brahman sònruichte a bha 'n a dhuine ionnsaichte agus 'n a dhuine naomh a làmh air gualainn a' mhissonaraidh aon là, is thuirt e ris, "Theagamh gu bheil thu duilich nach 'eil thu a' faicinn barrachd dhinne ag aideachadh a' Chreidimh Chrìosduidh. Ach cha ruig thu leas: cha'n 'eil fhios agad gu dé cho fada agus a tha an soisgeul agaibh a nis air dol. Theiriadh tusa Brahman rium-sa ach theirinn-sa Brahman Chrìosduidh rium fhéin, oir tha mi a' stéidheachadh mo bheatha air

teagasg agus spiorad Chrìosd, agus ged a dh' fhaodas nach tig mi a mach gu brath á measg mo dhaoine tha mi a' leantuinn Chrìosd ar a shon sin."

Is e a tha Mghr. Stanley Iones ag ràdh uime sin, "Cha robh mise duilich: is mi nach robh: bha ceòl is gairdeachas 'n am chridhe, oir bha mi a' faicinn mo Thighearna a' dol a steach troimh dhorsan dùinte mar rinn e roimhe, a' nochdadh a làmhan agus a thaobh, agus a' labhairt sìthe ri deisciobuil nach b' aithne dhomh."

AN T-AINM NAOMH.

B'e so an tiotal a chuir Spurgeon os cionn aon de na searmoin a b' fheàrr a liubhair e riamh. Cha'n 'eil àite againn air an duilleig so do'n t-searmon sin air fad, ach faodar crioman beag d'heath a chur sìos, oir tha brìgh is beatha ann am briathran Spurgeon daonnan. "An uair a tha gaol againn air neach air bith," thubhairt e, "tha gach nì a bhuineas do'n neach sin measail 'n ar sùilean air a sgàth. Tha ainm an Tighearna Iosa cho ionmhuinn ann an sùilean chreidmheach 's gu bheil gach nì a bhuineas dha na's luachmhoire na'n t-òr. Tha na h-àitean air an do choisich a chasan naomha, na briathran a labhair na bilean naomha, na smuaintean a gheibhear 'n a fhacal,—tha iad uile pràiseil 'n ar sealladh os cionn gach àite agus facal eile fo'n ghréin. Tha so fìor cuideachd a thaobh ainmean Chrìosd; tha iad uile binn is maiseach ann an chuasan a' chreidmheach. Co dhìu a their ear ris Céile, no Caraid, no Nuadh fhear-pòsda na h-eaglais; co dhìu a bheirear dha mar thìotal, an t-Uan, no an Rìgh, am Fàidh, no an Sagart,—tha gach ainm dhiubh milis a chionn gu bheil e féin milis agus maiseach; Shiloh, Emanuel, an t-Iongantach, Comhairliche, Prionnsa na Sìthe,—tha gach ainm a bheirear dha mar gu'm biodh cìr-mheala as a bheil mil a' sruthadh. Ach ma tha aon ainm as mìlse na gach ainm eile, is e an t-ainm sin *Iosa*. *Iosa!* sin an t-ainm a chuir eas ceòl ann an clàrsaichean nan nèamh: òran maiseach ann an aon fhacal: an t-ainm beannaichte a bhios iadsan uile a fhuir beannachd ann a' beannachadh gu sìorruidh."

Iosa! 'n t-ainm a tha ion-ghràidh!
'N t-ainm os cionn gach ainm tha àrd!
Lùbaidh dha gach uile ghluin,
Sìos le ùmhlaichd anns an ùir.

Iosa! 'n t-ainm os cionn gach luach
Do gach peacach dìblidh, truagh,
Bho'n a dh' innseadh an deagh sgeul
"Saoraidh Iosa shluagh gu léir."



FOSGLADH NAN SUL.

Mur éisd iad ri Maois agus ris na fàidhcan, cha mhò a chreideadh iad ged dh' éireadh neach o na mairbh.—Lucas xvi. 31.

Ann an eon seadh tha am bàs a' dùnadh sùilean dhaoine ach ann an seadh eile tha e 'g am fosgladh. Anns a' chosnhalachd so tha Iosa ag innseadh dhuinn mu dhuine saoi bhir a dhùin a shùilean anns an t-saoghal so air chor agus nach fhaca e riamh Lasarus, ged bha e a' dol seachad air a h-uile latha agus e 'n a laighe aig a dhorus, làn de chreuchdan, ach a fhuir a shùilean fhosgladh an uair a chaidh e a steach do'n t-saoghal eile.

Tha mòran de theagasg cudthromach mu thimchioll an t-saoghail thall air fhilleadh a steach anns a' chosnhalachd so: tha e air a theagasg ann gu'm faigh daoine anns an t-saoghal eile toradh an deanadais anns an t-saoghal so; gu'm bi cuid a bha air thoiseach an so air dheireadh an sud, agus cuid a bha air dheireadh air thoiseach. Ach cha'n ann air na nithean sin a bu mhaith leam tighinn thairis an dràs, ach air an dùil agus an dòchas a bha aig an duine shaoibhir gu'n gabhadh a bhàithrean rabhadh na'n rachadh teachdaire thuca o na mairbh.

Theagamh gu robh e an dùil nach biodh e fhéin cho amaideach 's a bha e na'n robh an soisgeul air a shearmonachadh dha le aingeal; ach co dhiù dh' iarr e mar fhàbhar gu'm biodh teachdaire bho na mairbh air a chur gu tigh athar, gus fianuis a thoirt d'a bhàithrean air eagal gu'n deanadh iadsan a' cheart mhearachd a rinn e fhéin.

“Tha Maois agus na fàidhean aca,” thubhairt Abraham ris, “éisdeadh iad-rìusan.”

Ach thubhairt esan, “Ni h-eadh, Athair Abraham: ach ma théid aon 'g an ionnsuidh o na mairbh gabhaidh iad aithreachas.”

Agus thubhairt e ris, “Mur éisd iad ri Maois agus ris na fàidhean, cha mhò a chreideadh iad ged dh' éireadh neach o na mairbh.”

Ciod do bheachd fhéin, a leughadair, air a' chòmhradh so agus air an argumaid so? Cò aca bha ceart, an duine saoi bhir no Abraham?

Is e their mise co dhiù, gu bheil mo reusan agus mo choguis agus fiosrachadh mo bheatha uile gu léir air taobh Abraham agus an aghaidh beachd an duine shaoibhir. Tha an sgrìobtur air a thaobh cuideachd, agus fianuis an Spioraid Naoimh;—tha iad uile ag innseadh nach biodh feum air bith ann neach a chur o na mairbh a dh' ionnsuidh

nam bhàithrean ud no gu daoine neo-dhiadhaidh eile.

Ciod an leth-sgeul nach gabh daoine, 'g am fireanachadh fhéin air son an dearmaid a tha iad a' deanamh air cor an anama! Cuiridh iad a' choire air an rud ud agus air an rud ud eile; air a h-uile rud ach air an amaideas féin. Cuiridh iad a' choire air am pàrantan, no air an luchd-teagaisg, no air an eaglais d' an robh iad a' dol; their iad nach d' innseadh dhaibh gu ceart no gu soilleir na nithean a bhuineas d' an sìth agus nach robh meadhonan freagarrach air an cleachdadh gus an sùilean fhosgladh.

Theagamh gu bheil iad a' creidsinn sin, ach fad na h-ùine tha iad 'g am mealladh féin; na cluasan nach cluinn guth Mhaois, no guth Spurgeon no guth Mhic Cheyne, no guth soisgeulaiche eile a shearmonaicheas an soisgeul daibh, cha chluinneadh agus cha 'n éisdeadh iad ged dh' éireadh Eoin a' Bhais-tìdh o na mairbh.

Bha Lasarus air a thogail o na mairbh, ach a réir chloisais cha do dhùsg an rud mìorbhuileach sin an dara cuid aithreachas no creideamh ann an cridheachan a choimhearsnach.

Tha na meadhonan coitichionn a thug Dia dhuinn 'n a Fhacal agus 'na Eaglais comasach air ar sùilean fhosgladh agus eòlas na beatha maireannaich a thoirt duinn ma tha sinn a' deanamh feum ceart diubh; ma chuireas sinn na meadhonan sin an suarrachas chuireamaid an suarrachas ministrealachd nan ainglean féin. Mur bheil a' chluas a chluinneas agus an cridhe a thuigeas aig duine e fhéin is coma dha co dhiù a labhras ris am beò no am marbh.

Cò is urrainn creideamh no aithreachas a dhùsgadh ann an duine nach 'eil air son creidsinn, agus nach 'eil air son aithreachas a dheanamh? Na'n tigeadh an t-aingeal Gabriel a dh' ionnsuidh a leithid sin de dhuine, no am fàidh Jeremiah nach 'eil beò, saoil thu an gabhadh e riu? Cha gabhadh idir; their eadh e nach robh anna ach droch spioradan a bha dol an riochd ainglean agus an riochd fhàidhean. Rachadh e ann an argumaid riu, a dhearbhadh dha féin agus dhaibhsan nach robh anna ach na tamhaisg, agus nach 'eil daoine an diugh a' creidsinn ann an tamhaisg, agus air a' cheann mu dheireadh chuireadh e an teachdaireachd an suarrachas mar tha e a' cur a h-uile searmonachadh a chluinneas e an suarrachas.

Linn an déidh linn rinn Dia nithean móra agus nithean mìorbhuileach air son a shlugh

taghta féin; ach linn as déidh linn chuir clann Israeil an suarrachas gnìomharan iongantach Iehobhah. Na ceart dhaoine a chunnaic an fhaire air a sgoltadh le cumhachd Dhe agus a fhuair an acras a chasg le mana o nèamh, chuir iad teagamh ann an gliocas agus ann an cumhachd Dhe. Rinn Dia mìle gnìomh tròcaireach air an sgàth, a dhearbhadh dhaibh gu robh a làmh 'gan treòrachadh, ach cha d' fhuadaich sin an t-as-creideamh as an cridheachan. Dhì-chuimhnich iad na h-oibre agus na iongantasan a rinn e; dhì-chuimhnich iad an neul a chaidh romhpa anns an là agus solus an teine anns an oidhche, agus bhuaire agus bhrosnaich iad an Dia as àirde.

Thachair an nì ceudna an uair a chuir Dia a mhac do'n t-saoghal. Rinn Crìosd mìorbhuilean a bha mòr agus iongantach; choisich e air an fhaire; dh' fhosgail e sùilean nan dall; chuir e smachd air deamhain agus air feartan Naduir nach b' urrainn do dhuine eile a chiosnachadh; dhùisg e na mairbh, ach ged chunnaic mòran dhaoine na mìorbhuilean sin cha do dhùisg iad creideamh slàinteil ach ann am fìor bheagan: thubhairt càch gu robh e a' tilgeadh a mach dheamhan le Beelsebub, Prionnsa nan deamhan. "An sin chruinnich na h-àrd shagartan agus na Phairisich comhairle agus thubhairt iad, Cìod a tha sinn a' deanamh? oir tha an duine so a' deanamh mòran mhìorbhuilean: *uime sin o'n là sin a mach, chuir iad an comhairle r'a chèile chum esan a chur gu bàs*. Sin agad, a leughadair, rud as fhiach dhuit smuaineachadh thairis air ma tha thu an dùil gu'n deanadh daoine aithreachas na'n robh an soisgeul air a shearmonachadh dhaibh le teachdaire o'n t-saoghal eile. Chuala na h-Iudhaich a leithid sin de theachdaire ach an àite aithreachas a dheanamh rinn a' mhòr-chuideachd dhiubh tàir agus magadh air, agus air a' cheann mu dheireadh cheus iad e.

Cìod air bith as aobhar da, cha'n eil buannachd spioradail air bith ann do dhaoine mìorbhuilean fhaicinn; cha'n atharraich mìorbhuilean an cridheachan no an caitheamh-beatha. An tì a bha eucorach m'am faca e iad bidh e eucorach an déidh dha am faicinn, agus an tì a bha salach bidh e salach a dh' aindeoin na chunnaic e. Cha'n ann mar sin idir a tha aithreachas agus creideamh agus aignidhean diadhaidh air an dùsgadh anns an anam. Is ann air mhòd spioradail a thuingear nithean spioradail. Mur éisd daoine ri guth caol ciùin an coguis no ri guth caol ciùin an Spiorad Naoimh cha'n éisdeadh iad ri guth a' mhairbh.

Theagamh gu'n cuireadh guth a' mhairbh crith 'n am feòil fad ùine bheag, ach dh' fhalbhadh a' chrith agus an t-eagal, agus bhiodh

iad an déidh làimhe mar bha iad riamh. Na'n deanadh crith no clisgeadh daoine a dhùsgadh agus a theàrnadh thatar a' faotainn clisgidhean gu leòr ann am freasdal an Tighearna. Gach seachduin d' ar beatha tha sinn a' faotainn rabhaidhean sòluimte leis a' bhàs gu bheil ar beatha air thalamh goirid agus neo-chinnteach, agus gu'm biodh e glic dhuinn ar tigh a chur an òrdugh. Ach ged a bheir na rabhaidhean sin air daoine clisgeadh, mar a chlisgeadh iad na'n cluinneadh iad guth o na mairbh (oir cìod a tha anna ach guthan o'n uaigh) dhì-chuimhnichidh iad iad ann am beagan ùine agus dùinidh iad an sùilean mar rinn an duine saoihbhir so, gus mu dheireadh am beir am bàs orra mar a rug e airsan, gun aithreachas, gun Dia, gun dòchas.

An t-aithreachas a nì duine anns an t-saoghal so tha e éifeachdach is slàinteil, ach an t-aithreachas a nì duine anns an t-saoghal eile cha'n eil ann ach goirteas-coguis agus buaireas-spioraid nach bàsaich gu sìorruidh.

Bha an duine ud 'ga chunntas fhéin an dà chùid glic agus saoihbhir, ach cha do rinn a ghliocas agus a shaoibhreas ach a shùilean a dhùnadh agus a chridhe a mhealladh. Is e tùs a' ghliocais eagal an Tighearna, agus an saoihbheas as fheàrr a bhi saoihbhir an creideamh, an dòchas, agus an gràdh.

ANNS A CHATHAIR.

An cual thu riamh am facal so, a leughadair; "mur dean e là a bhuaire a' choire nì e là a bhuaire nan cnò." Sin agad facal a bhios mise ag ràdh gu bitheanta rium fhéin, an uair a dh' fheumas mi na chuir mi romham anns an oidhche a leigil dhìom anns a' mhaduinn, agus làmh a chur ann an gnothuch eile.

Mios roimh Nollaig bha fìor dhroch shìd ann fad seachduin, agus ged bha e air na clàraibh agam a h-uile là de'n t-seachduin ud a chur seachad air m' achaidhean farsuing, eadar Srath-Teamhuil agus Treanastar, eadar Dalnaspideal agus Gleann-Teilt, a' buain coirce a bha air fhàgail ro fhada air an raon, b' fheudar dhomh an seòrsa buana sin a leig-eil dhìom agus tionndadh ris na cnòthan.

Bha an t-sid cho searbh 's nach d' fhàg mi mo thigh no mo chathair fad dà latha, ach mar is dlùithe duine do'n teine is ann is dlùithe e do'n choille-chnò, co dhiu do'n choille-chnò as fheàrr is aithne dhomhsa. Agus cìod am feum a tha ann do dhuine dol do'n choille-chnò idir mur toir e do dhaoine eile cuid de na cnòthan a chruinnich e?

An dà là ud a bha mi, mar gu'm b' eadh, ri port, leugh mi trì leabhraichean ùra; leabhar mòr ann an dà phàirt a bha air a

sgrìobhadh le Asquith, no am Morair Oxford mar theirear ris a nis; leabhar a bha air a sgrìobhadh le Deadhan Inge; agus leabhar a bha air a sgrìobhadh leis a' Mhorair Grey, no Sir Edward Grey, an t-ainm fo'n fheàrr is aithne dhuinn e.

Tha leabhar Asquith mar bha fhios agam a bhithheadh e, glic agus uasal; tha e ag innseadh eachdraidh nan amannan agus nan gnòthuichean anns an robh làmh aige anns a' Phàrlamaid bho chionn dà fhichead bliadhna gu soilleir agus gu fìrinneach agus gu h-òrdaich, gun e féin àrdachadh agus gun daoine eile a nàrachadh. Ciod air bith a shaoilear de Asquith mar fhear-riaghlaidh cha 'n urrainn eadhon a naimhdean àicheadh nach sgoilear agus nach duine-usal e. Agus air mo shon fhéin dheth, sin dà rud a bu mhaith leam fhaotainn daonnan co dhìu a bhithinn a' taghadh nuisteir, no a' cur a steach duine do'n Phàrlamaid; bu mhaith leam e bhì 'na dheagh sgoilear agus gu sònruichte 'n a dhuine-usal. Na'n robh an dearbhadh sin air a chur air Tigh nan Cumantan, agus air Tigh nam Morairean cuideachd, cia meud àite-suidhe a bhiodh falamh?

Tha a' chuid mhór de shluagh Bhreatuinn an dùil nach 'eil ann an Deadhan Inge ach duine tùrsach a tha cur seachad leith an latha a' caoidh cor a dhùthcha agus a' cur seachad an leth eile 'g a càineadh, ach tha amharus agam nach 'eil an Deadhan idir cho tùrsach 's a thatar a' saoil sinn, oir tha àbhacas ann an *Smuaintean an Deadhain* nach b' urrainn a bhì ann mar biodh a chridhe mireagach, co dhìu air uairean. Ach ged bhiodh Deadhan Inge na bu tùrsaiche na tha e, theagamh nach deanadh sin cron do'n rìoghachd oir tha gu leòr do dhaoine eile innte a tha 'g ar bòdhradh leis an iolach aig agus fhaoin a tha iad a' deanamh; iolach gun tùr, gun aobhar. Is gasda le Deadhan Inge a bhì breith air na h-Easbuigan air fheusanag, agus a bhì bualadh an cinn r'a cheile, ach ged nach mì-chòrd a' chleasachd sin rium-sa, is rud eile e an uair a bheireas e air fheusaig air na h-abstoil agus a thòisicheas e air iadsan a chur 'n an àite féin mar gu'm biodh sreath de bhalaich bheaga m'a choinneamh.

Ach ged a dh' fhàg mi leabhar a' Mhorair Grey gu deireadh is e so an leabhar a b' fheàrr a chòrd rium de 'n trì, oir ged nach 'eil comharraidhean na sgoilearachd ann mar tha iad anns an dà leabhar eile, tha nithean as fheàrr agus as ion-mhiannaichte ann; tha e làn de'n ghliocas agus de'n mhaise a gheibhear ri taobh nan aibhnichean agus an cluaintean gorma. Is e ainm an leabhair so, *Paipcaran Fallodon*; thug bana-charaid chòir leughadh dheth dhomh, ach chòrd e rium cho mhaith agus gu'n do cheannaich mi fear

dhomh fhéin, agus is fhada bho nach d' fhuair mi uiread toileachaidh air son leth-gini.

Na'm foadadh tu, a leughadair, duine air bith a thoilheadh tu a chur os cionn na rìoghachd mar Ard-riaghlair, cò a chuireadh tu ann? Chuirinn-sa mi fhéin ann, oir cleas a h-uile duine eile a tha 'na thàmh, tha fhios agam gur e mo làmh fhéin làmh a b' fheàrr air an stiùir. Ach mur faighim fhéin an stiùir b'e an ath duine a bu mbaith leam a chur 'n a shuidhe aice, am Morair Grey, agus innsidh mi dhuit e' ar son.

(1) Tha e gaolach air iasgach.

(2) Tha e gaolach air eòin agus air ceòl nan eun.

(3) Tha e gaolach air bàrdachd Wordsworth.

(4) Cha bhì e uair air bith 'n a chabhaig.

Theagamh gu'n abair thusa, a leughadair, nach 'eil gnòthuch air bith aig na nithean sin ri obair na Pàrlamaid no ri riaghladh-dùthcha, agus gu'm b' fheàrr leat duine a bha gaolach air figearan agus air cunntasan agus air leabhraichean Karl Marx a chur air an stiùir, ach am bitheantas is e daoine cunnartach a tha anns an t-seòrsa sin; daoine aig a bheil seilleinean 'n am boinneidhan; agus daoine aig 'nach 'eil ach seann fhidheal agus aon phort. Sin agad na daoine ris an obair na Sasunnaich bores, ach is e an t-ainm a bhios aig muinntir Chille-Sgumain orra. Clann Mhic Sglamhrainn.

Ach co dhìu a dh' aontaicheas tu leam no nach aontaich gur e na ceithir comharraidhean a dh' ainmich mi comharraidhean an duine mhaith, feumaidh tu aideachadh gu bheil daoine aig a bheil gaol an iasgaich, agus gaol nan eun, agus gaol na coille, 'n an cridhe, a' faotainn sòlasan laghach agus simplidh air nach amais na daoine eile nach 'eil a' gabhail tlachd idir ann an obair no ann an coslas a' chruthachaidh. Ged nach bi mise mì fhéin ag iasgach tha mòran d' am bhàrathrean anns an eaglais a bhios ris an obair sin, agus ged bhios droch dhaoine ag ràdh nach 'eil an t-iasgach buannachdail do aobhar an t-soisgeil agus na fìrinn ann an seadh no dhà, cha'n 'eil mise ag aontachadh ris a sin idir: oibrichidh an t-iasgach anna faighidh agus dòchas, dòchas gu'm bi cùisean na's fheàrr an ath latha.

Ged nach e sonas crìoch àraidh mhic an duine tha e ceart do'n h-uile neach a bheatha fhéin òrduchadh air a leithid de dhòigh 's gu'm faigh e tomhas maith de thoilinntinn anns an t-saoghal so. Tha sòlas is toilinntinn a' tighinn gu daoine ann an iomadh dòigh; o nithean mòra agus o nithean beaga. Cha 'n urrainn duine sonas buan no mìlis a shealbhachadh mur bheil e a' riaghladh a bheatha a réir toil agus lagh Dhé; mur bheil sìth agus gràdh aige 'n a theagh-

lach féin; mur bheil obair aige anns a bheil tlachd aige agus nach 'eil dha 'na uallach; agus mur h-urrainn e anail a tharruing gun bhi 'n a fhuil is 'n a fhallus daonnan. Sin na nithean ris an abrainn na tobraichean móra agus domhain as am bi daoine a' tarruing an aoibhneis.

Ach cha 'n ann as na tobraichean móra a n'hàin a bhios daoine a' faotainn sòlais; tha tobraichean beaga eile ri taobh an rathaid as am faod sinn a bhi tarruing sòlais gun sgur, ma bha sinn cho glic agus gu'n d' ionnsaich sinn an rathad thuca 'n ar n-òige agus ma tha soitheach againn leis an tarruing sinn asda. Is e cuid de na tobraichean beaga sin, leabhraichean agus machraidhean agus coilltean.

Tha e air a ràdh gur biadh do'n dara duine an rud a tha 'n a phuinnean do dhuine eile. Tha sin fìor gu litireil agus gu samhlaichail. Tha e fìor a thaobh nan nithean anns a bheil daoine a' faotainn toilintinn. Gheibh aon duine sòlas gun chrìoch ann am bàrdachd Wordsworth ach b' fheàrr le duine eile dol do Shiberia seach a bhi air fhàgail leis fhéin le Wordsworth fad latha. Cha'n eil àrach air; a bhlas agus a chàil agus a thoil fhéin do gach duine; ach feuchadh an duine a chuir-eas cùl ri leughadh is bàrdachd gu bheil tobar air chor-eigin eile aige anns am faigh e ùrachadh d'a spiorad. Ma gheibh e tobar a tha cho dlùth agus cho saor ris an fhear ris an do chuir e cùl bidh e da-rìreadh fortanach.

Ach is e na daoine as fortanaiche uile gu léir na daoine aig a bheil gaol air aghaidh a' chruthachaidh; aig a bheil shùilean is cridheachan a chi agus a thuigeas a mhaise a tha Dia a' sgaoilleadh air machraichean is coilltean. Cha'n'eil m' eòlas fhéin air oibrichean Nàduir ach anabarrach beag is suarrach, ach air a shon sin, tha cùrsa na bliadhna agus na fuaimnean is na seallaidhean a bhios mi a' cluinntinn agus a' faicinn air monaidhean agus ann an coilltean agus taobh nan aibh-ùichean a' toirt togail-cridhe agus sòlas dhomh nach gabhadh ceannach le òr. Agus is e an t-aobhar gu bheil uiread meas agam air Wordsworth gur h-esan am fear-teagaisg a thredraich mi an toiseach a dh' ionnsuidh nan tobraichean sòlais sin.

Tha amharus agam gur h-ann 'n am choille-chnò fhéin a dh' fhàs na cnothan so a tha mi tairsginn dhuit-sa, a leughadair, agus tha eagal orm gu'm faod cuid dhiubh a bhi gun bhìadh, ach m' an crìochnaich mi mo shean-chas bu mhaith leam aon chnò a thoirt dhuit as an leabhar aig a' Mhorair Grey, "*Ann am bliadhnanach dorcha a' chogaidh bha e daonnan 'n a ionad-fasgaidh do m' chridhe a bhi faicinn nach d' atharraich namhasan a' chogaidh maise na bliadhna no teachd nan ràidhean. A h-uile bliadhna an uair a thig-*

eadh an t-earrach, bha duilleach nan craobh a' tighinn a mach; bha na h-còin a' seinn agus na flùraichean a' fosgladh, agus bha maise a' chruthachaidh mar dhèidean dhomh o'n stoirm, a' toirt dhomh dòcha is agus earbsa làidir."

LEABHAR FIACHAIL.

Tha sgoilearachd agus sgoilearachd ann: tha sgoilearachd ann a tha glé choltach ri maorach cailleach Mhic Artair, *partan is dà fhaochàig*. Chaidh cailleach Mhic Artair do'n tràigh, an dèidh dhi móran othail is bòilich a dheanamh mu'n mhaorach a bha i dol a thoirt dachaidh, ach aig deireadh an latha b'e sud na chruinnich i, partan is dà fhaochàig.

Tha gu leòir de'n sgoilearachd sin anns an dùthaich againn an diugh: "móran sgianhail is beagan ollainn," mar thubhairt an Donas agus is e a' lomairt na muice. Ach cha'n e sin an seòrsa sgoilearachd a gheibhear anns an leabhar so, an leabhar a bha air a chur a mach bho chionn ghoirid leis an Ard-Ollamb W. J. Mac Bhatair, fear-teagaisg na Gàidhlig an Oilthigh Dhùn-éideann. Anns an leabhar so tha na h-ainmean Cèilteach, agus na h-ainmean Gàidhlig a gheibhear air feadh na dùthcha uile, o'n chrich Shasunnaich gu Tigh Iain Ghreòta, air an cruinneachadh agus air am mìneachadh mar nach do chruinnicheadh agus nach do mhìnichheadh iad riamh roimhe. Agus ann am mìneachadh nan ainmean sin tha e a' tilgeadh soluis air iomadh rud eile; air eachdraidh na h-Alba; an sluagh a bha ag àiteachadh na dùthcha anns na h-amannan ud; na dòighean anns an do sgaoil an creideamh Crìosduidh; agus iomadh rud eile a bha car dorcha.

Cha'n'eil mise a' gabhail orm féin a bhi suas ris an sgoilearachd shònraichte a gheibhear anns an leabhar so, ach air a shon sin, tha ùgh agam ann an sgoilearachd, is tha mi an dùil gu bheil sùil agus sròn agam a dh' aithnicheas sgoilearachd air a dreach agus air a h-àileadh, agus bu mhaith leam a ràdh air an duilleig so, ged is mór an facal e, gur e so an leabhar as fheàrr a thàinig a mach á Oilthighean na h-Alba bho chionn iomadh bliadhna, agus an leabhar as fheàrr a bha air a sgrìobhadh le sgoilear Gàidhlig bho na chuir an t-Ollamb Mac Bheathain nach maireann a mach am Faclair Gàidhlig ann an 1896. Tha obair anns an leabhar so a mhaireas gu bràth; gheibh sgoilearan eile clacha-stéidhe ann nach b' urrainn daibh a ghearradh as na creagan daibh féin. Cha 'n'eil làmh eile an Albainn an diugh a b' urrainn an obair so a dheanamh ach an làmh a rinn i.



DOCHAS NA BEATHA MAIREANNAICH.

Ma bhàsaicheas duine an tig e beò?—Job xiv, 14.

Sin ceist nach b' urrainn am fear a sgrìobh leabhar Iob a fhreagairt gu cinnteach, agus ceist nach do fhreagair duine eile riamh ann an dòigh a riaràicheas an cinneadh-daonna uile. Ach air a shon sin is ceist i air a bheil imtinn mhic an duine a' cnuasachadh gun sgur, ma bhàsaicheas duine an tig e beò?

Thig am bàs oirnn uile: agus an uair a thig am bàs cha'n'eil anns gach ceist eile ach rud suarach an coimeas ris a' cheist so, an e an uaigh ceann ar réis?

Tha mòran dhaoine anns an t-saoghal a tha de'n bheachd sin; cha'n'eil dòchas air bith aca gu bheil anam an duine beò an dèidh d'a chorp bàsachadh: cha'n'eil iad a' creidsinn gu bheil anamanna nan creidmheach air an deanamh foirfe aig uair am bàs no dol a steach do ghloir. Cha'n'eil iad a' creidsinn gu'n tachair do mhac an duine ach mar a thachras do'n ainmhidh: tìodhlaicear a chorp anns an talamh agus cha bhi iomradh tuilleadh gu bràth air.

Tha mòran dhaoine anns an t-saoghal de'n bheachd sin, ach ged bha iad cho lìomhor bho thoiseach 's a tha iad an diugh dh'fhàirtlich orra riamh toirt air a' mhor-chuideachd d'am bràithrean gabhail r'an teagasg.

A thaobh dòchas na beatha maireannaich cha'n'eil e fìor a ràdh gu bheil na feallsanaich air an dara taobh agus na diadhairan air an taobh eile: cha'n'eil e fìor a ràdh gu bheil luchd-ealain agus ministearan an aghaidh a chéile. Tha mòran de na feallsanaich agus de'n luchd-ealain as ainmeile a' creidsinn anns a' bheatha mhaireannaich le'n uile chridhe, is tha cuid de dhìadhairan nach 'eil a' creidsinn innte idir.

Ach tha cheasnaichear na feallsanaich agus daoine eagnaich a thaobh an dòchais so feumar aideachadh nach 'eil fianuis làidir no shoilleir aca ri thoirt dhuinn; their iad gu bheil an rud ud agus an rud ud eile anns a' chruthachadh agus anns na tha iad a' tuigsinn de rùintean Dhé a' neartachadh an dòchais ged nach 'eil iad 'ga dhearbhadh; their iad gu bheil barrachd r'a ràdh air a thaobh na tha r'a ràdh 'n a aghaidh. Ach is e sin cho fada 's is urrainn daibh dol.

Ma tha na mairbh beò c' ar son a tha iad balbh? C' ar son nach do ràinig teachdair-eachd air chor-eigin sinn bho thoiseach an t-saoghail. Sin aon de na h-argumaidean

a bhios mìchreidich a' cleachdadh, ach cha bhi feallsanaich no sgoilearan àrda 'g a cleachdadh oir tha fhios aca gu maith nach 'eil tosdachd nam marbh a' dearbhadh dad.

Tha na mairbh tosdach gun teagamh. Dh'fhàg mìltean de ghinealan an saoghal so cheana ach cha chualas am farbhan as lugha bhupa o'n taobh thall. Ma tha na ginealan sin fhathast beò, ann an àite no ann an suidheachadh nach aithne dhuinne, a bheil e eucomasach dhaibh fios a chur thugainn no a bheil iad idir a' smuaineachadh oirnn? Nach iongantach agus nach sòluiteam an smuain e, gu bheil saoghal eile dlùth dhuinn a tha air àiteachadh le spioradan gun àireamh, ach a tha cho foluichte bhuainn ri cridhe na gréine, ged dh' fhaodas sinn a bhli air an iomall aige.

Tha mise a' creidsinn le m' uile chridhe gu bheil an saoghal sin ann, agus gu bheil e dlùth dhuinn. Cha'n'eil fhios agam cìod a bhios daoine eile a' faireachduinn aig bòrd a' chomanachaidh ach is urrainn mi a ràdh gu cinnteach gur e dearbhachd a thaobh saoghal nan spioradan an tìodhlac shònruichte as trice a bhios mi a' faotainn o'n chomanachadh. Air uairean cha 'n urrainn mi a ràdh gu bheil mi a' faotainn nithean eile a tha na leabhraichean aig radh gu'm bu chòir do dhuine faotainn aig a' bhòrd, ach cha do ghabh mi riamh pàirt ann an seirbhis-comanachaidh gun faireachduinn bheò agus dearbhachd làidir a bhi 'n an chridhe gu robh mi air mo chuartaichadh le neul mór de fhianuisèan, le spioradan nam firean, agus le ainglean, agus le eaglais neo-fhaicsinneach nan ceud-ghin. Aig na h-amannan sin tha làthaireachd nan spioradan cho cinnteach dhomh ri làthaireachd chorparran nan daoine a tha 'n an suidhe ri mo thaobh.

Sin aon de na dòighean, a réir m' fhiosrachaidh, anns a bheil dòchas na beatha maireannaich air a dhùsgadh agus air a neartachadh ann an cridheachan dhaoine; cha'n ann le argumaidean no le solus reusain ach le feartan agus faireachduinnean a tha dol sìos na's dòimhne do thobraichean diomhair ar beatha na's urrainn argumaid no solus reusain dol.

A thaobh dòchas na beatha maireannaich tha dhà no trì nithean ann a tha seasamh a mach gu soilleir gus ar creideamh a neartachadh.

(1) Cha'n'eil treubh no cinneach air thalamh anns nach fhaighear an dòchas so 'n am measg, am beag no am mór. Is e sin r'a ràdh, tha an cinneadh-daonna uile ag

altrum an dòchais. Agus tha an cinneadh-daonna na's glice na duine air bith; tha guth a' chinneadh-daonna na's airidhe air èisd-eachd ris na guth aon duine air cho ionnsaichte 's 'g am faod e bhith.

(2) Bha na daoine as glice agus as comas-aiche a bha riamh ann a' creidsinn anns a' bheatha mhaireannaich, agus na daoine as naoimhe. Is e sin r'a ràdh, cha'n ann o'n taobh as miosa ach o'n taobh as fheàrr de mhac an duine a thàinig an dòchas so. Dh' fheumadh duine a bhì gu maith cinnteach as fhéin m' an togadh e a ghuth an aghaidh dhaoine coltach ri Plato, agus Pòl, agus Dante, agus Milton, agus Shakespeare, agus aithrichean eile de'n t-seòrsa sin.

(3) Bha Iosa Criosd a' creidsinn anns a' bheatha mhaireannaich, agus theagaisg e d'a dheisciobuil an dòchas so altrum. "Ann an tigh m' athar-sa tha iomadh àite-còmhnuidh; mur biodh e mar sin dh' innsinn-sa dhuibh." "Do bhrìgh gu bheil mise beò bidh sibhse beò mar an ceudna." Thug Iosa Criosd beatha agus neo-bhàsmhorachd gu solus tre a shoisgeul, agus cuiridh fhacal-san crìoch air gach uile chonnsachadh. Thèid nèamh agus an talamh thairis ach cha téid fhacal-san thairis gu bràth.

Roinn latha Chriosd cha robh ann an dòchas na beatha maireannaich ach dòchas fhéin, ach rinn esan an dòchas làidir agus cinnteach agus sheulaich e e le aiseirigh, air chor agus gu bheil a nis dearbhachd againne as làidire na bha eadhon aig daoine naomh ann an làithean Iob.

Agus gus an dà chuid teagasg agus comhfhurtachd a thoirt do luchd-leughaidh an leabhair so bu mhaith leam a chur sìos air an duilleig so ann an cainnt cho simplidh 's a ghabhas deanamh cìod e an dòchas a tha an creideamh Criosduidh a' toirt duinn a thaobh nam marbh. Is e so ar dòchas,

(1) Gu bheil iad aig uair am bàis a' dol a steach gu làthaireachd Chriosd.

(2) Gu bheil iad air an glanadh, air an soilleseachadh, agus air an deanamh foirfe.

(3) Gu bheil iad a' faotainn an rùin agus an iarrtuis ann an aonadh dlùth ri luchd-an-gaoil a bha thall romhpa.

(4) Gu bheil iad a' feitheamh ann an sìth ri dara teachd an t-Slànuighir, ris an Aiseirigh, agus ri là mór a' bhreitheanais.

So dòchas ait nan an'ma naomh'

O'n Slànuighear caomh an tràs,

A thug an Spiorad dhaibh maraon,

Mar sheul is earlais gràidh.

Ach is ann do chreidmhic a mhàin a bhùneas an dòchas beannaichte so; dhaibhsan a chaidhleas ann an Criosd mar tha Pol ag ràdh.

Ri aghaidh a' bhàis agus an sgaraidh a ni ann bàs ann an teaghlachan cha'n'èil ann ach aon comhfhurtachd as fhiach dhuinn a thairgsinn do chridheachan leònta, dòchas na beatha maireannaich. Sin a' chomhfhurtachd a thug ar Slànuighear do dhaoine an uair a bha e air thalamh, agus sin a' chomhfhurtachd cuideachd a thug Pol do luchd-a'bhàis. Cha'n'èil teagamh nach 'èil iomadh tobar eile ann as am faod daoine comhfhurtachd fhaotainn a chuidicheas iad an uair a dh' fheumas iad dealachadh r' an càirdean gaoil, ach so a mhàin a' chomhfhurtachd anns a bheil beatha agus neart do'n chridhe, dòchas na beatha maireannaich agus dearbhachd gu bheil luchd-ar-gaoil sona maille ri Criosd.

UR NO SEAN?

Cha'n'èil là a thig am posta a dh' ionnsuidh mo thighe nach 'èil dòrlach litrichean aige dhomh; cuid dhuibh a bhithinn cona ged nach tigeadh iad idir, cumntaisean agus litrichean a' bhuinn-a-sé. Ach tha aon làmh-sgrìobhaidh ris an tog mo chridhe an uair a chi mi air litir e, làmh-sgrìobhaidh Seònaid Eachainn; oir ged nach bi Seònaid a sgrìobhadh thugam cho tric agus a bu mhaith leam tha daonnan snaoisean anns an litir a chuireas i. Di-luain so chaidh fhuair mi té bhuaipe, agus ged nach 'èil maith dhomh an litir air fad a thoirt am follais, air eagal gu'n cuireadh e muinntir Chille-sgumain an amhaichean a chéile, faodaidh mi aon rud neònach a bha innte a chur sìos air an duilleig so.

"Tha Cille-sgumain air fàs ainmeil oir tha e coltach gu'n d' fhuair na dotairean galair ùr ann. An deireadh an Earraich dh' fhàs Calum Mac Cuaraig cho bochd 's nach b' urrainn da car obrach a dheanamh. B' fheudar a' bhean agus a' chlann aige a chur air an sgìreachd, agus air dheireadh thall bha Calum fhéin air son faotainn air an sgìreachd cuideachd. Ach ged bha a' chuid mhór de'n Bhòrd toileach gu leòir airgid nam bochd a thoirt do Chalum chuir am baillidh, agus am bancair, agus Tom Elliot, 'n a aghaidh gu làidir. Thubhairt iad gu robh anshocair Chalum neònach; gu robh e a' gabhail a bhìdh agus a' smocadh cho mhaith 's a bha e riamh; gu robh e cho leathann reamhar ri duine anns an dùth-aich; agus nach d'fhuaras riamh raport ceart uime bho'n dotair. Is e a thàinig as a' chùis gu'n tug am Bòrd dotair as an Oban a thoirt daibh raport air Calum, agus b'e an raport a thug am fear sin, gu robh Calum dona dona le *misoponia lethargica*. Chosd an raport sin trì gineachan. Aig an ath choinneamh an uair a leugh an Cléireach an

raport, agus a chuala Tom Elliot na facail mhóra a bha ann, thubhairt e gu robh esan riarraichte a nis, agus gu'n aontaicheadh e le uile chridhe Calum truagh a chur air an sgìreachd. Ach sheas am bàillidh agus am bancair a mach fhathast; thubhairt iad gu'm feumteadh sgil agus combhairle a b' fheàrr fhaotainn na ghabhadh faotainn anns an Oban; gu'm bu chòir do'n Bhòrd raport fhaotainn bho fhear de àrd-dhotairean Ghlaschu. Rinneadh sin, agus b'e an raport a thug esan air Calum, gu robh e dona dona *le sarcomalaxia lethargica*. Chosd an raport so còig gineachan. Aig an ath choinneamh an uair a leugh an Cléireach an raport, thubhairt am bancair gu robh esan a nis làn riarraichte agus nach seasadh e air son an t-saoghail an aghaidh duine bochd air bith air an robh anshocair cho uamhasach ris na facail a thuir an Cléireach. Ach bha am bàillidh danarra; thubhairt e nach robh an dà raport a' cordadh idir, agus gu'm feumteadh raport ùr fhaotainn bho fhear de àrd-dhotairean Dhunéideann. Fhuaradh sin, agus b' e an raport a thug Sir Bottul M. Philleachan air Calum gu robh e dona dona *le sarcasthenia lethargica chronica* anns an dara taobh agus *ergophobia acuta* anns an taobh eile. Chosd an raport sin deich gineachan. Ach bha am Bàillidh a nis riarraichte, agus dh' aontaich e gu'm biodh airgid nam bochd air a thoirt do Chalum. Dh' iarr am bòrd air a' Chléireach rabhadh a thoirt do'n sanitary inspector air eagal gu'm foadadh *sarcasthenia lethargica chronica* agus *ergophobia acuta* a bhi gabhailteach.

Chaidh e air feadh na sgìreachd gu robh galair ùr nach cualas riamh iomradh air air Calum Mac Cuaraig; cha robh latha nach robh daoine a dol thuige le bascaidean làn de gach seòrsa a bha iad an dùil a chumadh suas a neart, daoine nach deachaidh riamh a dh' amharc choimhearsnach air an robh influenza no lònidh. Tha Tom Elliot fhéin a' cur botul branndi thuige uair 's a' cheithir-là-deug; chuir am bancair leabhar a mach gus airgid a thogail a cheannach cathair-dà-làimhe anns am foadadh Calum cadal an déidh a dhinnearach, agus chuir am bàillidh gani ann.

Sin agad-sa mar tha sinne an dràs ann an Cille-sgumain, ach eadarunn fhéin agus an ursann tha fhios agam-sa gu maith ciod an galair a tha air Calum Mac Cuaraig, agus mar sin cha do chuir mi aon sgillinn anns an leabhar. Ciod air bith a their na dotairean, cha'n'eil galair no galair air Calum ach an leisg. Ach is fhada bho na chuala mi thu fhéin ag ràdh gur e cainnt uasal a tha anns a' Ghréigis, cainnt a chuireas ainmean bòidheach air rudan

grannda, agus air son na tha de fhios agam-sa nach fhaod e bhith nach 'eil anns na facail bhriagh ud a chuir na dotairean anns an raport ach Gréigis air an *leisg!* Tha na dotairean 'n an daoine glic: sin an t-aobhar gu bheil iad mar is trice 'n an daoine sàmhach; ma dh' fheumas iad an làmh a chur ri paipear, cha sgrìobh iad aon fhacal a bharrachd air na dh' fhòghnas, agus sgrìobhaidh iad sin fhéin an Gréigis no ann an Laidiunn."

ANNS A' CHATHAIR.

Anns an àireamh so bu mhaith leam pasgan de litrichean gasda a chur air ar beulaobh, litrichean a bha air an sgrìobhadh leis an Ard-Ollamh, Sir Henry Iones, fear-teagaisg ainmeil ann an Oilthigh Ghlaschu, gu a thriuir mhac agus iad air falbh o'n dachaidh. Tha na litrichean so fada na's glice na *Comhairlean Chormaic d'a Mhac*, oir bha an t-Ard-Ollamh, Sir Henry Iones, cho làn de'n ghliocas a tha o shuas 's a bha e làn de fhoghlum agus de àbhacas.

An uair a theid clann a mach do'n t-saoghal tha e 'n a chuideachadh mór dhaibh a bhi faotainn litrichean gràdhach o'm pàrantan, oir cha'n'eil rud eile air thalamh a chumas cridhe duine an ceangal ris na nithean a tha urramach agus glan cho cinnteach ri bhi cuimheachadh air an dachaidh bhàth agus ghlan a dh' fhàg e, agus air gaol athar agus a mhàthar. Cha bu chòir do athair no do mhàthair ghlic air bith gun an gaol sin agus an dachaidh sin a chumail ann an cuimhne an cloinne a tha air falbh bhuaipa.

Chaidh a mhac a bu shìne a mach do na h Innsibh an Ear, agus so té de na litrichean a chuir e thuige (an toiseach a' chogaidh).

Tighnabruaich, 2/9/1914.

"So a 'cheud uair o na dh' fhàg thu sinn nach tàinig do litir air an latha, ach tha amharus agam c'ar son nach d' fhuair sinn i. Tha muinntir an airm a' cumail litrichean air an ais, agus air son na tha dh' fhios agam-sa faodaidh gu bheil thu cheana air gu rathad do Mhesopotamia. Cha chuala do mhàthair fhathast gu bheil thu dol do'n chogadh, ach ullaichidh mi a h-inntinn air son na naigheachd sin, air chor agus gu'm bi i leagta ris an rud an uair a chluinneas i e. Tha cridhe làidir aice, ach tha e duilich leatha dealachadh ri gin agaibh. Bho chionn dà latha bha i fhéin agus mi fhéin a' bruidhinn mu Artair, agus bha sinn le chèile de'n bheachd gu'm b' fheàrr leinn e dh' fhalbh do'n arm seach a bhi caoidh gu bràth

tuilleadh nach do rinn e a dhleasdanas.

Cha'n'eil feum ann dòmhsa, a ghaoil, comhairle a thoirt duit, oir tha fhios agam gu maith nach meataich thu ri aghaidh cruadail no gàbhaidh air bith a thachras riut: ciod air bith eile a tha dh' easbhuidh ormsa agus ortsa cha ghealtairan sinn. Ach mur cuir mi comhairle thugad, cuiridh mi mo ghaol agus mo bheannachd. O! mar tha mo chridhe an geall ort, a luaidh. Gu'n gleideadh Dia thu. B' àbhaist dhàsan a bha 'n a dhuine dhoilghiosan e féin a bhí ag ràdh, 'Mo shìth tha mi a' toirt duibh.' Am meas strì agus buaireas nan làithean so sin an rud as fiachaile air an t-saoghal, an t-sìth sin a bhí aig duine 'n a chridhe féin. Agus cò as fheàrr còir air an t-sìth sin na 'n duine a tha air cheann a dhleasdanas, agus 'n a sheasamh far an còir dha a bhí 'n a sheasamh, a' deanamh mar is fheàrr is urrainn e."

Bha a thriuir mhac anns a' chogadh tràth: chaidh dìthis dhiubh as na h-Innsibh do Mhesopotamia: bha fear dhiubh anns a' bhuidheann a bha air an séisdeadh ann an Kut-el-Amara, agus am fear eile ann an té de na réiseamaidean a chaidh a dheanamh cobhair orra. Bha Artar, am fear a b' òige, anns an Fhraing. Chaidh am fear a bu shine a ghlacadh leis na Turcaich; fhuair an ath fhear D.S.O., ach dh' fhàs e dona le fiabhras, agus bha am fear a b' òige air a leòn. Bha còram gu leòir mu na gillean ann an tigh an Ard Ollaimh fad na h-ùine, ach bha e fhéin gun sgar a' deanamh obair air son na rioghachd, le chomhairle, le theangaidh, agus le pheann. Ann an April 1918 bha Artar air a mharbhadh. So té de na litrichean a sgrìobh athair thuige.

Tighnabruaich, 29/9/15.

"Tha mi dol suas do Ghlaschu an diugh, air son an latha, a dheanamh deas gu dol sìos do Wales far a bheil mi dol a thagar air son an tuilleadh dhaoina a dhol do'n arm. Tha an là fuar, ach tha do mhàthair a mach anns a' gharradh ag obair. Tha i a' cumail suas a cridhe gu h-anabarrach, oir tha carbsa làidir aice gu'n seas Dia an fheadhainn a tha seasamh a' cheartais. Cha 'n'eil mise mi fhéin a' gabhail orm gu bheil mi a' tuigsinn cùrsa an fhreasdail anns na làithean dorcha so, ach cha'n'eil teagamh air bith agam nach 'eil rùn sònruichte aig a' Chruithfhear anns an t-sealladh, agus gu bheil e a' treòrachadh a chloinne gu oighreachd spioradail ged tha e a' toirt orra imeachd air sliغه chruaidh gu saorsa. Agus a thuilleadh air gur e so mo bheachd fhéin cha'n aithne dhomh duine eile am meas na feadhach as fhiach an

beachd éisdeachd ris a chuireadh teagamh ann na's mò. Tha thusa, a ghaoil, a' dol a mach fo bhratach uasal, bratach do dhùthcha, agus fo bhratach eile as uaisle air fad, bratach a' cheartais sin nach cadail gu bràth agus a' choibhneis-ghràidh sin nach fas sgìth." * * * * "Thàinig dà rud thugainn an diugh a lion an tigh so le aoibhneas agus moladh, fios-dealanaich bho Hal ag innseadh gu robh e sàbhailte, agus do litir fhéin ag innseadh dhòmhsa agus do d' mhàthair cho mór 's a tha do ghaol oirnn. Fhuair mi iomadh onoir rè mo chuairt, tiotal bho'n rìgh, agus làn cumain de litrichean urramach bho dhà Oilthigh a chuirinn ri m' ainm, ach ged is maith na nithean sin uile, nithean a thàinig thugam gun sireadh gun iarraidh, cha'n'eil anna uile ach rudan faoin ann an shùilean an coimeas ri gaol mo bhalachain fhéin."

Bha e air chuairt an America an uair a chaidh a mhac Seumas a mach do na h-Innsibh an Ear agus chuir e an litir so thuige á Texas.

Texas, 13/10/1912.

"Cha 'n urrainn mi gun mo ghuidhe agus mo bheannachd a chur thugad an uair a tha thu a nis air do cheann-uidhe a ruighinn agus air do làmh a chur ri obair. Cha 'n aithne dhomh dad eile, a luaidh, a ni cridhe duine cho foisneachail làidir ris an fhaireachduinn a bhí aige gu bheil e a' deanamh cho mhaith 's is urrainn da agus a cumail a làmhann agus a chridhe glan. Tha e 'n a chomhfhurtachd do dhuine a bhí faireachduinn gu bheil an Neach a rinn an saoghal maiseach agus miorbhuileach so air a chùl. Tha aon rud ann air a bheil mo chridhe an geall; gu'm biodh mo bhalachain làidir neo-eisomail-each; nach leigeadh iad le meing tighinn air an claidheamh no le meatachd tighinn air an cridhe; nach cailleadh iad am misneach eadhon ged nach biodh an là a' dol leò mar bu mhaith leò. Cuimhnich, a ghaoil, gu bheil agus gu'm bi mise gu bràth air do chùl, ole no maith mar thachras duit. Cha chum rud air an t-saoghal mo ghaol no mo chomhairle no mo chuideachadh bhuait, ged dheanadh tu mearachd fìchead uair. Tha fhios aig Ni-Maith gu'n do rinn mi fhéin jomadh mearachd, agus gu'm bu chòir dhomh a bhí deich uairean na's fheàrr na tha mi. Cuimhnich, mata, gu'm faod thu carbsa annam-sa ma bu mhaith leat uair air bith companach no comhairliche a dheanamh dhìom: rachainn còmhla riut air an t-sliغه ged bhiodh na speuran gun leus soluis. Tha fhios agad ciod tha mi a' ciallachadh."



AN AITHNE NUADH.

Aithne nuadh tha mi a' toirt dhuibh, gu'n gràdhaich sibh a chèile; mar a ghràdhaich mise sibhse, gu'n gràdhaich sibhse a chèile mar an ceudna.—Eoin xiii, 34.

Ann an leabhar a bha air a sgrìobhadh mu bheatha an Deadhain Stanley tha naigheachd bheag bhòidheach air a h-innseadh mu'n rann so de shoisgeul Eoin. Anmoch a dh' oidhche thàinig coigreach gu Manse Anwoth, Manse a tha cho ainmeil an Albainn ri Manse na Morairne fhéin, a chionn gur h-ann an Anwoth a bha Samuel Rutherford. Thàinig an coigreach a dh' iarraidh fasgaidh air son na h-oidhche, rud a fhuair e bho'n mhinistear gu toileach, agus a shuipeir cuid-eachd. An déidh na suipearach, an uair a bha an teaghach air an cruinneachadh aig aoradh feasgair, dh' iarr am ministear air a' choigreach suidhe còmhla riù. Bha e 'na chleachdadh aig Samuel Rutherford a bhi cur cheistan aig aoradh-teaghlach, agus an uair a thàinig a' cheist air a' choigreach, chuir e té fhurasda air, air eagal gu'm biodh e air a nàrachadh mur rachadh aige air a freagairt, "Cia meud àithne a tha ann?"

"Tha aon deug," ars' an coigreach.

"Aon deug!" arsa am ministear; "tha e a' cur ionghnaidh orm nach 'eil fhios aig duine a ràinig t' aois-sa cia meud aithne a tha ann."

Ach fhreagair an coigreach, "Aithne nuadh tha mi a' toirt dhuibh, gu'n gràdhaich sibh a chèile: ma chuirear an aithne nuadh so ris an t-seann deich nach dean sin aon deug!"

Biodh sin mar a dh' fhaodas e, ach ged bu mhion-eòlach Samuel Rutherford air an sgrìobtur bha an coigreach ud a cheart cho eòlach ris, oir b'e Ard-Easbuig Ussher a bha ann, ceann na h-eaglais Shasunnaich an Eirinn.

Tha e glé iongantach nach 'eil iomradh idir air a dheanamh air *gràdh* anns na deich àitheantan. Tha iad a' leagail sìos an lagha dhuinn a thaobh ar dleasdanas do Dhia agus do dhaoine ach cha'n'eil facal idir annta mu ghràdh. A thaobh Dhe tha na seann àitheantan a' teagasg nach còir dhuinn dia eile a chur air thoiseach air; nach còir dhuinn dealbh Dhé a tharruing; nach còir dhuinn ainm naomh an Tighearna a thoirt an dlomhanas; ach cha'n'eil iad ag iarraidh oirnn Dia a ghràdhachadh. A thaobh ar coimhearsnaich tha na seann àitheantan a' teagasg nach còir dhuinn ar coimhearsnach

a nharbhadh; no a chuid a ghoid; no breugan a dheanamh uime; no a chuid a shanntachadh; ach cha'n'eil iad ag iarraidh oirnn ar coimhearsnach a ghràdhachadh. Cha'n e Maois ach Crìosd a theagaisg àn aithne nuadh so, an àithne a tha 'na clach-mhull-aich os cionn chàich uile, Gràdhaichidh tu an Tighearna do Dhia le d' uile chridhe agus le d' uile anam, agus do choimhearsnach mar thu féin."

Mar so tha e comasach do dhuine na seann àitheantan a choimhead, ann an deagh thomhas, ach fhathast a blii fada fada air falbh bho Chrìosd agus bho spiorad an t-soisgeil—"Ged labhrainn le teangaibh dhaoine agus aingeal agus gun ghràdh agam, cha'n 'eil annam ach neo-ni." "Ged robh gach uile eòlas agam agus gach uile ghné chreidimh, agus gan ghràdh agam, cha'n'eil tairbhe air bith dhomh ann."

Is maith a thuig an t-abstol Eoin inntinn Chrìosd anns a' chùis so, oir tha na litrichean a sgrìobh e ag àrachadh a' ghràidh air a h-uile duilleig:—

An ti aig a bheil gràdh d'a bhràthair tha e 'n a chòmhnuidh 's an t-solus.

An ti a tha fuathachadh a bhràthar tha e anns an dorchadas.

Ge b'e neach aig a bheil maoin an t-saoghail so, agus a chi a bhràthair ann an uircasbhuidh, agus a dhruideas a chridhe 'na aghaidh, cionnus a tha gràdh Dhé a' gabhail còmhnuidh ann? Gach neach a ghràdhaicheas, ghineadh o Dhia e, agus is aithne dha Dia; ach an ti nach gràdhaich cha'n aithne dha Dia, oir is gràdh Dia.

An ti nach gràdhaich a bhràthair a chunnaic e, cionnus a dh' fheudas e Dia nach faca e a ghràdhachadh?

Tha sinne cho eòlach air na briathran sin 's nach dùisg iad an diugh an dara cuid ionghnadh no nàire 'n ar cridheachan, ach ma thòisicheas sinn air sinn fhéin a cheasnachadh ann an solus an teagaisg so c'àite a bheil ar seasamh againn? Ma tha thu ann an droch rùn ri do choimhearsnach c'àite a bheil do sheasamh agad ach anns an dorchadas? Ma tha eud no farmad no fearg no gamblas ann ad chridhe theireadh an t-abstol Eoin nach do ràinig thu an solus fhathast agus nach 'eil eòlas agad air Dia. Ach tha coguisean Chrìosduidhean an diugh air fàs cho maol 's nach cuir e dragh no eagal air bith orra an àithne so a bhriseadh agus cleachdadh Crìosdail a bhràithreachais a chur an suarrachas,

An uair a bha an t-abstol Eoin 'na fhìor sheann duine, cho sean 's nach b' urrainn da seasamh air beulaobh coimhthionail na b' fhaide na mionaid no dhà, bhiodh na bràithrean eile 'ga ghiùlan a steach do'n choimneamh ann an cathair agus 'g a chur 'n a shuidhe air beulaobh a' choimhthionail, air ghaol gu'm beannaicheadh e an sluagh. Agus b'e so na facail a bhiodh e ag ràdh daonnan, *Mo chlann bheag, gràdhaichibh a chéile*. Thubhairt cuid-eigin ris aon là "C'ar son a tha sibh ag ràdh sin daonnan?" Fhreagair Eoin, "Tha a chionn nach 'eil an còrr ann ri ràdh; is e àithne Dhé gu'n gràdh-icheadh a chlann a chéile.

Dh' ionnsaich an t-abstol Eoin teagasg a Mhaighstir gu maith; dh' ionnsaich e gur e gràdh a bhì anns a' chridhe, gràdh do Dhia agus do dhaoine, toiseach agus meadhon agus deireadh na diadhaidheachd.

Bidh daoine ris nach còrd an teagasg so a' feuchainn ri duileadasan a chur ann: their iad ciamar is urrainn do dhuine a naimhdean a ghràdhachadh mar a ghràdhaicheas e a chàirdean; ciamar is urrainn da a choimhearsnach a ghràdhachadh mar a ghràdhaicheas e a mhàthair? Ach b' aithne do Eoin nàdur mhic an duine a cheart cho mhaith 's is aithne do na daoine sin, agus cha 'n iarradh e air duine air bith saltairt air na faireachduinnean nàdurra a chuir Dia 'n a chridhe. Ach is e an fhìrinn nach téid duine air bith air seachran anns a' chùis so ma tha toil cheart aige. Cha'n'eil Crìosd ag iarraidh oirnn an gaol a tha againn air ar màthraichean no air ar mnathan a thoirt do choimhearsnaich, ach tha e ag iarraidh oirnn a bhì coibhneil agus bràithreil agus bàigheil riu mar bu mhaith leinn iadsan a bhì ruinn fhéin; tha e ag iarraidh oirnn a bhì a' smuaineachadh air nithean dhaoine eile agus air cor dhaoine eile cho mhaith ris na nithean againn fhéin.

Feumaidh sluagh an Tighearna am beatha a riaghladh le lagh as àirde agus le lagh as fheàrr na dòighean agus cleachdanan an t-saoghail. Cha'n'eil maith dhaibh ole locadh air son uile; cha'n'eil maith dhaibh buille air a' bhùille a thoirt do dhuine tuasaideach no facal air an fhacal a thoirt do dhuine fear-gach. Feumaidh seirbhiseach an Tighearna a bhì cùin, caomhail, gràdhach; a bhì deas gu moille a chur air a cheum mar a rinn an Samaritanach los gnìomharan na trècair a choimhionadh d'a bhràithrean. "Uime sin na bhios do nàmhaid acrach, thoir biadh dha; ma bhios e tartmhor thoir deoch dha: na tugadh buaidh ort leis an ole, ach thoir-sa buaidh air an ole leis a' mhaith." Nach àrd agus nach domhan agus nach duilich an àithne nuadh so! Co a tha comasach air

ùmhlachd a thoirt do'n lagh so gu h-ionnlan? Ach an nì a tha eu-comasach dhuinn 'n ar neart féin nì Dia comasach dhuinn le còmh-nadh a Spiorad Naoimh. Gun cridhe nuadh cha'n urrainnear an àithne nuadh a choinhead. "Cruthaich annam cridhe glan, a Dhe, agus ath-nuadhaich spiorad ceart an taobh a stigh dhìom.

A thaobh gràdh bràithreil tha sinn uile a' teachd gearr; ach cho fada 's a bhios e a' cur dragh air ar coguis nach 'eil sinn cho dleasdhanach no cho coibhneil ri ar coimhearsnaich 's a bu chòir dhuinn a bhith tha lasag bheag de'n t-solus a tha o shuas beò annainn. Ach ciod a theirear ri daoine a tha fo ainm Chrìosduidhean agus a bhios a' dol do'n aon eaglais, agus ag òl as an aon chupan air là a' chomanachaidh, ach nach do sheas ann an tighean a chéile, agus nach do bhruidhinn ri chéile, agus nach do labhair facal maith mu chàch a chéile, bho chionn sheachd bliadhna, ged nach 'eil ceud slat eadar na dorsan aca? Ciod a theirear riu ach gu'n cuireadh an dol-a-mach mulad air cridhe Eoin, agus na's miosa air fad, gu bheil e a' cur mulaid air cridhe an t-Slànuigheir a bhàraich gus daoine a dheanamh réidh, cha 'n e mhàin ri Dia, ach ri càch a chéile! "Aithne nuadh tha mi a' toirt dhuibh, gu'n gràdhaich sibh a chéile: le so aithnichidh na h-uile dhaoine gur sibh mo dheisciobuil-sa ma bhios gràdh agaibh d'a chéile."

An aithnichear leis a' chomharradh so e' àite a bheil ar còmhnuidh againne,—anns an t-solus no anns an dorchedas?

AN T-AINM MILIS.

Cha'n'eil dòigh as fheàrr air cumhachd Chrìosd agus obair gràis anns an anam a nòchdadh do'n t-saoghal na iomradh a dheanamh air daoine sònraichte anns an robh cumhachd Chrìosd air fhoillseachadh gu soilleir. Sin an t-aobhar gu bheil mi dol a sgrìobhadh air an duilleig so mu Iain Newton, searmonaiche ainmeil a bha ann an Sasunn anns an ochdamh linn deug.

An làithibh òige bha e mi-chùramach is aingidh os cionn dhaoine eile; chaidh e gu muir còmhla ri athair mu'n robh e ach dà bhliadhna dheug a dh' aois, agus an measg sheòladairean agus am bailtean-puirt dh' ionnsaich e gach seòrsa uile a b' urrainn do bhalach òg ionnsachadh. Thuit e air falbh gu buileach o gach cleachdadh a tha glan is urramach, agus air a' cheann mu dheireadh thuit e air falbh gu buileach o'n chreideamh anns an do theagaisg a mhàthair e. Dh' fhàs e 'n a ana-creideach, agus cha robh rud a b' fheàrr leis na bhì a' connasachadh ri daoine eile nach robh Dia ann.

Fad greis bha e ann an té de na soithichean-cogaidh ach bha a theanga cho salach agus a ghluonharan cho ain-diadhaidh 's gu'n do chuireadh aise e, is bha e air a sgiùrsadh gu follaiseach mar dhroch dhuine an baile Phlymouth.

An sin fhuair e obair ann an Africa bho dhuine a bha deanamh airgid le bhì reic thràillean; bha e 'n a bhrùid cho mòr 's nach robh suim aige do Dhia no do dhaoine, is thuit e cho ìosal 's nach robh eadhon na daoine dubha toileach bruidhinn ris. Ach ghabh sgiobair Sasunnach a thachair air ann an Africa truas dheth is thug e dha àite air a' bhàta aige fhéin.

Air dhòigh air chor-eigin mu'n àm so fhuair e greim air an leabhar a bha air a sgrìobhadh le Tomas a Kempis, *Leumhuinn Chrìosd*. Dhùisg an leabhar sin a choguis agus thòisich e air a ràdh ris féin, ciod ma tha na nithean so fìor? Thòisich e air ùrnuigh, agus gus an naigheachd a dheanamh goirid bha e air iompachadh.

An uair a bha e air iompachadh thàinig iarrrtus làidir 'n a chridhe feuchainn ris an ole a rinn e 'na òige a dhìoladh le seirbhìs a dheanamh do eaglais Dhé, agus thòisich e air e féin ullachadh air son searmonachaidh. Bha e air a choisrigeadh mar mhinistear anns an eaglais Shasunnaich agus air a shuidheachadh ann an Olney, àite a tha ainmeil an diugh a chionn gur h-ann ann an Olney a thachair Iain Newton agus am bàrd Cowper air a chéile, agus a rinn iad an leabhar sin ris an abrar, *Laoidhean Olney*.

Tha cuid de laoidhean Iain Newton anns na leabhraichean-laoidh againne anns an eaglais Chléirich, ach tha aon té ann a tha anabarrach bòidheach is mìlis, laoidh a chumas ainm air chuimhne gu bràth:—

Cia mìlis ainm an t-Slànuighear chaoimh.

An chuas a' chreidmhich bhochd!

Caisgidh e bròn is leòn nan naomh,

Gun eagal or' roimh lochd.

An spiorad brùite nì e slàn,

A' fuadach cràidh o'n chrìdh';

Mar mhana nì e 'n t-aerach làn,

'S bheir tàmh do'n ast'rach sgith.

Is rud iongantach e gu'm biodh aon de na laoidhean as mìlse air a sgrìobhadh le duine doirbh; gu'm biodh laoidh a tha cur an céill gràdh an anama do'n fhear-shaoraidh air a sgrìobhadh le duine cho aingidh ri Iain Newton a chuir seachd dara leth a bheatha a' mallachadh ainm Iosa. Ach theagamh nach 'eil an rud cho iongantach idir: tha cuimhne agaibh air an naigheachd a dh' innis Iosa do Shimon mu'n dìthis dhaoine air an robh fiachan. *Bha aig fear-iasachd àraidh fiachan air dìthis dhaoine: air fear dhiubh bha aige còig ceud peighinn, agus air an*

fhear eile leth-cheud. Agus a chionn nach robh aca nì leis an dioladh iad, mhaith e am fiachan dhaibh le chéile. Cò aca, uime sin, is mò a ghràdhaicheas e? Thubhairt Simon Tha mi a meas gur e am fear d' am mò a mhaith e. Agus thubhairt Iosa ris, Is ceart a thug thu breith. 'Na shùilean féin bha Iain Newton 'g a fhaicinn féin mar am fear air an robh còig ceud peighinn de fhiachan aig Dia, agus an uair a fhuair e na fiachan sin uile air am maitheadh dha le saor ghràs an Tighearna bha a chridhe air a leagbadh an taobh-a-stigh dheth le ionghnadh is gràdh.

Ciod a' bhann as làidire a tha ceangal cridheachan chreidmheach ris an Tighearna Iosa. Tha, taingealachd air son na rinn e agus na dh' fhuiling e air an son. Sin an tobar as an d' thàinig an eaglais; an stéidh air a bheil an eaglais air a togail. Cha'n urrainn duine an Tiomnadh Nuadh a leughadh gun fhaicinn agus gun fhaireachdainn gu robh na daoine a sgrìobh e a' deanamh gairdeachais ann an nì-eigin a bha dhaibh féin cho iongantach agus cho glòrnhor 's gu robh e duilich dhaibh briathran fhaotainn leis an innseadh iad e do dhaoine eile; nì-eigin a bha cur aoibhneas 'n an cridhe agus òran nuadh 'n am beul. Tuigidh a h-uile duine a fhuair maitheanas bho Dhia, agus d' an do chuir Dia foluch air a chionta, tuigidh e an taingealachd so a bha ann an cridheachan nan ceud chreidmheach; a' cheart fhaireachdainn a bha ann an cridhe Iain Newton an uair a sheinn e,—

Ge meata m' oidhirpean an tràths,

Ge fann mo ghràdh 's mo ghloir,

'Nuair bhios nì maille riut gu h-àrd

Molaidh mi mar is còir.

Gu sin biodh plogartaich mo chré

A' cur an géill do ghràis,

'S biodh d' ainm 'na cheòl dhomh fad mo ré,

'S 'na stéidh aig àm no bhàis.

SPERMOLOGOS.

Sin an t-ainm a thug cuid de na h-Epìcuraich anns an Aithne air Pol an uair a shearmonaich e Crìosd dhaibh, facal a tha air eadar-theangachadh anns an t-seann Bhiobuill Ghàidhlig, *fear bith-bhriathrach*, agus anns a' Bhiobull ùr, *fear faoin-briathrach*. Cha b' ann a mholadh Phoil a thug iad dha an t-ainm ud ach 'g a dhìomoladh: bha iad a' ciallachadh nach robh ann ach gobaire no glagaire: duine aig an robh sruth cainnte anns nach robh tìr no seadh. An uair a theirear spermologos ri duine is e an dealbh a dh' èireas fa chomhair 'n a h-inntinn duine a bhios a' cruinneachadh nithean neònach mar gu'm biodh eum a' leumartaich air

dùnan no air an rathad, a' togail spìlgeinean sìl no sbruileach air bith eile a thachras air. Tha mise, a leughadair, a' dol a dheanamh spermologos dhìom fhéin agus a' dol a chruinneachadh air do shon-sa spìlgeinean sìl á seanchas Mhàrtainn Luther, cruithneachd agus cha'n e seagall.

Ann an aon àite tha e ag ràdh gur e na deuchainnean agus na buairidhean a thàinig thuige a rinn cho eòlach anns a' Bhiobull e 's a bha e. "Thug iad orm," ars' esan, "cladbach domhain anns an Fhùrinn: gun dragh cha tuig neach air bith an sgrìobtur. Bha dragh agus deuchainnean gu leòir agamsa; bha am Pàpa, agus na h-oilthighean, agus daoine ionnsaichte, agus an Diabhol féin, uile 'nam aghaidh, is chuir sin a dh' ionnsuidh a' Bhiobull mi."

An uair a chuir duine-eigin a' cheist air Augustine, c'àite an robh Dia m'an do rinn e nàmh thubhairt Augustine *gu robh e ann féin*. Chuir duine air chor-eigin a' cheart cheist so air Luther, ach b'e an fheagairt a thug esan, "Bha e a' deanamh deas irfrrinn airson peassain dhalma mar tha thu féin." An sin chaidh e air aghaidh gu bhì labhairt air mòrachd Dhé agus nàdur Dhé. "Tha Dia," ars' esan, "anns a h-uile àite agus cha 'n'eil e ann an àite idir; tha e eu-comasach do dhuine beantail ris no a lorgachadh an taobh a mach d'a fhacal. Tha Dia r'a fhaotainn far an do gheall e féin gu'm faighteadh e; fhuair na h-Iudhaich ann an Ierusalem e, aig cathair na tròcair. Tha sinne 'g a fhaotainn anns a' Bhiobull, anns na sacramaidean, agus ann an ùrnuigh, ach 'n a bhith agus 'n a nàdur agus 'na mhórachd féin co a ruigeas air no a thuigeas e?"

"M'an do thionndaidh mi an Tiomnadh Nuadh as a' Ghreigis bha an sluagh 'g a ionndrainn agus 'ga iarraidh ach a' cheart cho luath 's a thug mi dhaibh e 'nan cannt féin dh' fhàs iad coma dlèth. Dh' fhàs iad suarrach uime agus dh' iarr iad leabhraichean Mhaois; thug mi dhaibh leabhraichean Mhaois ach ann an ùine ghoirid dh' fhàs iad sgith dhiubhsan. An sin mbiannaich iad na sailm fhaotainn; thug mi dhaibh na sailm ach dh' fhàs iad sgith de na sailm cuideachd. Sin mar tha muinntir an t-saoghail: cha 'n fhan iad air an aon chùrsa fada; tha iad daonnan ag iarraidh nithean ùra."

"Ma bu mhaith leat fearg no carraid a chur air an Diabhol cha'n'eil agad ach tòiseachadh air Crìosd a shearmonachadh agus a mholadh. Tha ainm milis Iosa mar gu'm biodh droch àileadh ann an cuinnleìn an Diabhoil: cha 'n urrainn e fantuinn fo na h-aon sparran ri Iosa. Cha'n'eil spiorad eile anns a' chruthachadh cho carach no cho mealltach ris an Diabhol; thig e gu daoine

ann am mìle cruth ach daonnan air dhroch thurus. Air uairean, an uair a dh' fhairelich e orm teicheadh a chur air leis an sgrìobtur thòisich mi air magadh a dheanamh air, ag ràdh ris, *A Shatain bheannaichte, nach dean thusa ùrnuigh air mo shon ri Dia?* An raoir agus mi air dùsgadh as mo chadal thàinig an Diabhol thugam is thuirt e rium, 'Tha Dia fada bhuit agus cha chluinn e d' ùrnuigh.' 'Mur cluinn,' thubhairt mise ris 'gladhaidh mi na's àirde.'

"Is iad so na tàlant an tha feumail do shearmonaiche maith a bhì aige gu nàdurra; a bhì òrdail 'n a sheanchas; a bhì deas agus geur 'na fhacal; a bhì maith air bruidhinn; guth maith a bhì aige; a bhì soilleir 'n a inn-tinn fhéin ciod a tha e a' creidsinn; agus a bhì coma ged bhiodh an saoghal a' deanamh tàir air agus a' magadh." B'abhaist do Luther a bhì ag ràdh gu robh searmonaiche nach leanadh ris a' cheann-teagaisg ach a bhiodh a' bruidhinn air fichead cuspair anns an aon searmon coltach ri cu a' combhartaich ris a' ghealaich.

An uair a bhiodh a chridhe trom no fo thrioblaid cha b' urrainn Luther fantuinn leis fhéin: dh' fheumadh e seanchas a dheanamh ri ceud-eigin, ged b'e pàisde a thachradh air. "Seach a bhì a'm' ònrachd," thubhairt e, "an uair a thig àmhghar thugam, b' fheàrr leam ruith a mach agus dol am measg nam muc fhéin. Tha cridhe mhic an duine mar gu'm biodh clach-mhuilinn: ma chuireas tu cruithneachd foidhpe bidh an cruithneachd air a bhleith agus air a dheanamh 'n a mhin mhìn; mur cuir thu cruithneachd foidhpe theid a' chlach-mhuilinn mu'n cuairt mar bha i a' deanamh, ach an àite bleith a dheanamh tha i 'g a cosg fhéin. Is ann mar sin a tha cridhe mhic an duine: mur bheil an cridhe air a lìonadh le smuaintean agus rùintean ceart gheibh an diabhol cothrom air dol a steach do'n àite a tha falamh agus bheir e leis feachd uambasash de dhroch smuaintean agus de bhuaireidhean, nithean a chnàmhas agus a chosgas an cridhe."

Ged bha Luther 'n a sgoilear maith, agus ged chuir e seachad a bheatha a' craobh-sgaoileadh soluis agus saorsa, cha robh e an dùil gu robh e maith do'n t-saoghal uiread leabhraichean a bhì air an sgrìobhadh. Ach ciod a theireadh e na'm faiceadh e leabhraichean an là diugh? Bhiodh e ag ràdh gu robh lìonmhòrachd nan leabhraichean a' cumail dhaoine o bhì leughadh a' Bhiobull, an aon leabhar a bu chòir a bhì ann an làmhnan dhaoine. Bhiodh e ag ràdh cuideachd gu robh fiabhrus-sgrìobhaidh a' tighinn air daoine mar ghalairean eile, air a thogail ann an cuid le glòir-mhiann, ann an cuid eile le amaideas, ann an cuid eile le gaol an airgid.



FACAL CRUAIDH.

Gach neach a labhras facal an aghaidh Mhìc an duine, maithear dha e; ach dhasan a labhras toibheum an aghaidh an Spioraid Naomh, cha mhairtear e.—Lucas, xii, 10.

Cha 'n e mhàin gur facal cruaidh e, ach is facal eagallach e; facal a chuireas goirisinn air ar feòil an uair a leughas sinn e. Cha'n'eil tigh-euthaich anns an dùthaich anns nach 'eil cuid-eigin a bha air a chur ann leis an fhacal so; chaidh iad as an rian le eagal gu'n do pheacaich iad an aghaidh an Spioraid Naomh agus gu'n robh iad air an dùnadh a mach o thròcair Dhé. Theab am facal so Iain Bunian a chuir ceàrr anns an inntinn: bha e 'n a uallach agus 'n a eagal dha fad iomadh latha.

Ach air a shon sin bha am facal so air a labhairt leis an neach a bu chaomhaile a bha riamh air thalamh; neach nach abradh rud nach robh fìor agus nach cuireadh eagal air a bhràithrean gun aobhar.

Ciod a bha e a' ciallachadh? Ciod am mùghadh a tha eadar facal a' labhairt an aghaidh Mhìc an duine agus facal a labhairt an aghaidh an Spioraid Naomh? Shaoil-eadh tu gu robh an dara rud a cheart cho dona ris an rud eile, agus nach robh anna ach an aon seòrsa peacaidh. Ach ann an sùilean Chrìosd tha an dà rud so cho fada o chèile 's a tha an àird an Ear o'n àird an Iar.

Ann an làithean fheòla labhair daoine, agus eadhon a theaghlach féin, an aghaidh Mhìc an duine; shaoil iad aon uair gu robh e air dol as a chiall agus thuirt iad gu'm feumadh iad cùram a ghabhail dheth. Bha iad 'g an cumtas féin glic agus crìonna, agus a' sealltuinn airsan mar nach robh e uile gu léir ann. Sin an rud ris an abradh Iosa *facal an aghaidh Mhìc an duine*, ach do bhrìgh nach b'e olcas an crìdhe ach an t-aineolas a thug orra sud a ràdh tha Iosa ag ràdh gu'm maithear dhaibh e.

Chunnaic iad an déidh làimhe gu robh iad fada fada air seachran is dh'aidich iad nach b'e duine air a' chuthach a bha ann idir ach *Crìosd, mac an Dé bheò*.

Ge b' e àite anns an ainmichear ainm Iosa an diugh tha e a' togail còmhstri; tha cuid air a thaobh is cuid 'n a aghaidh. Tha cuid a' labhairt 'na aghaidh agus a' cùmail a mach nach robh ann ach duine coltach ruinn fhéin, agus nach robh ùghdarras air bith aige bho Dhia ach an t-ùghdarras a tha aig a h-uile

duine diadhaidh. Cha'n e sin fianuis na heaglais, no fianuis dhaoine diadhaidh anns gach linn, no fianuis Iosa féin, agus dh'fheumadh duine a bhì gu maith cinnteach as féin m' an rachadh e an aghaidh a leithid sin de fhianuis.

An uair a tha daoine a' toirt breith air Iosa is e an fhìrinn gu bheil iad a' toirt breith orra féin; air a' cheann nu dheireadh cha 'n e a' bhreith a bheir sinne air Mac an duine a dh' fhèireanaicheas no a dhìteas sinn ach a' bhreith a bheir esan oirne. Agus ciod air bith eile a tha am facal so a' ciallachadh tha e a' ciallachadh gu'm bu chòir do dhaoine, an uair a labhras iad uime, labhairt uime le urram agus le mothachadh geur air an astar a tha eadar iad féin agus esan. Cho fada agus a tha gaol na fìrinn ann an crìdheachan dhaoine agus urram aca do Dhia agus do dhiadhaidheachd bheir Dia maitheanas dhaibh eadhon ged bhiodh iad ceàrr 'n am beachdan a thaobh puingean creidimh agus a thaobh am beachdan air Mac an duine. Bheir e maitheanas dhaibh a chionn gur h-aithne dha nach e olcas an crìdhe a tha 'g an cur ceàrr.

Ach dhasan a labhras toibheum an aghaidh an Spioraid Naomh, cha mhairtear e. Ciod am peacadh a bha e a' ciallachadh le toibheum an aghaidh an Spioraid Naomh? Bha peacadh dhaoine a tha dol air seachran, cha 'n ann le aineolas ach le olcas agus naimhdeas an crìdheachan féin. B'e sin peacadh nam Pharasach. Chunnaic iad oibrichean maithe agus chuala iad briathran spioradail Mhìc an duine ach cha do rinn sin drùidheadh air bith air an crìdheachan; chunnaic iad a mhìorbhuilean agus b' aithne dhaibh daoine a leighis e agus as an do thilg e a mach deambain, ach an àite nan oibrichean maithe sin aideachadh agus moladh a thoirt do Dhia air an son, thuirt iad gu robh e ann an co-bheinn ris an Diabol. B' fheàrr leò glòir a thoirt do'n Diabol seach cumhadh Iosa aideachadh an làthair an t-sluaigh. Sin an staid inntinn agus an staid crìdhe ris an abrar toibheum an aghaidh an Spioraid Naomh, agus tha Crìosd ag ràdh gur peacadh e nach fhaigh maitheanas gu bràth.

Cha 'n fhaigh a chionn gu bheil na daoine toibheumach so air an cruadhachadh cho mòr anns an olc 's nach aidich iad an cionta agus nach iarr iad maitheanas. Tha iad fo dhìteadh na feadhach a ghràdhach an dorchadas na's mò na'n solus a chionn gu robh an gnìomharan olc.

Mar thubhairt mi cheana is facal cruaidh am facal so; tha e cho cruaidh agus cho cagallach 's gur h-ion do dhuine a bhì anabar-rach cùramach 'g a mhìneachadh. Dh' fheuch mi ri ràdh cìod a tha e a' ciallachadh ach air eagal 's nach do rinn mi sin soilleir gu leòir bu mhaith leam a ràdh cuideachd cìod nach 'eil e a' ciallachadh. Cha'n'eil e a' ciallachadh nach èisd Dia ri ùrnuigh a' pheacaich as mìosa air thalamh na dh'ìarras e maitheanas. Tha Dia maith agus tròcaireach agus bheir e maitheanas gu saor eadhon do cheann-feadhna nam peacach. Cha do ghairm duine riamh air Dia an dìomhanas. Ach an uair a chruadaicheas duine a chridhe agus a mhùchas e a choguis 'n a cheart deòin cìod is urrainn Dia féin a dheanamh?

Cha'n fhaodar earrann sam bith de'n Bhiobull a ghabhail ann an seadh a tha dol an aghaidh spiorad is teagasg a' Bhiobuill fhéin; agus a réir teagasg a' Bhiobuill, cha diùlt Dia maitheanas do pheacach air bith a tha aithreachail. Tha tròcair Dhé cho farsuing ris a' chuan, is buan-mhaireannach mar na nèamhan. "Cò an Dia ann a ta cosmhuil riut-sa; a mhaitheas aingidheachd agus a ghabhas seachad air easaontais do shluaigh, oir ar Dia-né cha ghléid e a chorruch gu sìorruidh do bhrìgh gur toigh leis tròcair." Cha'n'eil Crìosd a' ciallachadh leis an fhacal so gu'n tig an là anns nach èisd Dia ri ùrnuigh a' pheacaich ged ghlaodhadh e ris le aithreachas agus le deuraibh. Cha b' urrainn Crìosd sin a ràdh oir bhiodh e calg-dhèreadh an aghaidh obair a bheatha féin, agus an aghaidh a bhriathran, *An ti a thig a'm' ionnsuidh, cha tilg mi air chor sam bith a mach e.* Is e an aon pheacadh a tha sìorruidh eùl a chur ris a' mhaitheanas a tha air a thairgsinn.

Cha ruig duine air bith a leas eagal a bhì air gu'n do thuit e anns a' pheacadh so gun fhìos da, no gu'n do rinn e toibheum an aghaidh an Spioraid Naòimh gun a bhì 'g a chiallachadh. Cha'n e iadsan air a bheil cùram anama no eagal breitheanas a tha cìontach de'n pheacadh so idir, ach daoine a tha air am beò-ghlacadh le spiorad Shatain cho buileach 's gur fheàrr leò an t-òle na am maith, gur fheàrr leò Satan a ghlòrachadh seach aìdeachadh gu bheil dad maith ann an daoine eile no ann an eaglaisean eile nach toigh leò.

Tha an leithidean so de dhaoine ann; cha 'n e mhàin gu bheil iad ann ach tha freumh bheag de'n inntinn so annainn uile, agus ann an cuid againn tha am freumh cho mòr agus cho làidir 's gu bheil feum againn an ùrnuigh a dheanamh gach latha, *Rannsaich sinn a Dhé, agus aithnich ar eiridhe; dearbh sinn*

agus taig ar smuaintean; agus amhaire a bheil sliغه ole air bith annainn, agus tròcaich sinn anns an t-sliغه shìorruidh.

An uair a theirear gu'n do pheacaich duine an aghaidh an Spioraid Naòimh cha'n eilear a' ciallachadh gu'n do rinn e aon ghnìomh uamhasach a dhìnas a mach o thròcair e, no gu'n do labhair e facal dàna no ladarna an aghaidh treas Pearsa na Trianaid a bheil sgrìos air anam, ach gu bheil a bheatha uile calg-dhùreach an aghaidh na firinn agus an t-soluis, agus an aghaidh inntinn Dhé agus spiorad na diadhaidheachd, agus rud as mìosa air fad, gu bheil e caoin-shuarach ged tha. Chunnaic na Phairisich le an sùilean maise agus cumbachd na diadhaidheachd ann an Iosa; chunnaic iad ann an solus o nèamh, ach dh' fhuathaich iad e le naimhdeas cho guineach 's gu'n d' fheuch iad ri thoirt air daoine eile a chreidsinn nach ann bho Dhia a thàinig e ach bho Shatan.

An uair a dh' fhàsas duine cho òle e féin 's gur gasda leis a bhì cur teagamh ann am maitheas dhaoine eile tha an t-àm aig an duine sin a dhòighean atharrachadh agus iarraidh air Dia a chridhe atharrachadh air eagal gu'n tuit e anns a' pheacadh shìorruidh so nach fhaigh maitheanas.

Is e an Spiorad Naomh ùghdar gach obair mhaith agus gach maise ann am beatha dhaoine, agus ma ni neach air bith magadh air toradh na diadhaidheachd, no ma chuir-eas e 'n a cheart deòin brengan air luchd-aideachaidh los ainm na diadhaidheachd a mhaslachadh, agus cron a dheanamh do aobhar an t-soisgeil agus na firinn tha e ann an staid chunnartaich. Cha'n e mhàin gu bheil e a' labhairt an aghaidh a cho-chreut-air ach tha e a' labhairt an aghaidh an Spioraid Naòimh, an solus agus an fhianuis a thug Dia dha 'n a choguis féin. Faodaidh e bhith gu'n tig a leithid sin de dhuine thuige féin uair-eigin agus gu'n dean e aithreachas; agus ma ni, bheir Dia maitheanas dha 'na thròcair. Ach tha fiosrachadh ar beatha a' teagasg duinn nach 'eil an seòrsa sin a' deanamh aithreachais ach glé annan, agus nach 'eil iarraidh aca air maitheanas, no suim aca do Dhia.

Cha'n'eil am facal so a' cumhannachadh tròcair no gràdh Dhé ach tha e a' toirt rabhaidh sòluimte dhuinn gu bheil cumbachd uamhasach anns a' pheacadh gus daoine a sgrìos; gu'm faod am peacadh tighinn gu leithid de ìre ann am beatha duine 's gu bheil e mìlis d'a bhlas agus ion-mhiannaichte leis os cionn gach ni eile fo'n ghréin. An uair a thachras sin, cìod is urrainn Dia féin a ràdh ach mar thubhairt e ri Ephraim, *Tha e ceangailte r'a iodhalan, leigibh leis.*

LITRICHEAN MHIIC CHEYNE.

1. *Gu gille a bha fo chùram anama.*
Januari 27, 1842.

A Ghille ghràdhach,

Bha mi ro thoilichte do litir fhaotainn, agus tha mi nis a' suidhe sìos gus fios-ireagairt a chur thugad, ged nach 'eil mòran ùine agam. Tha mór ghràdh agam dhuit, oir tha t' anam prèiseil; agus ma thig thu gu Iosa gus a bhì air do ghlanadh agus air t' fhìreanachadh leis, bidh t' òran-molaidh na's binne na òran nan ainglean. Bha mi an diugh a mach air an t-sneachd, far nach robh ceum coisiche ri fhaicinn; bha an sneachd cho glan geal 's gun tug e gu mo chuimhne an ùrnuigh so, "ionmail mi agus bithidh mi na's gile na'n sneachd." O, is milis an ùrnuigh i; cuir thusa suas i air do shon féin. Rach gu tric gu Iosa a bhàsaich a chum sinne a ghlanadh o ar peacaidhean, agus abair ris, "ionmail mi." Tha gàir-deachas orm, a ghiullain chaoimh, gu bheil thu a' creidsinn gu bheil Dia 'g ad smachd-achadh a chum do thoirt 'ga ionnsuidh féin. Cha'n 'eil teagamh agam nach ann mar so a tha. Tha *Gaol* sgrìobhta air a chridhe, air a làimh, agus air an t-slaith-smachd-achaidh. Ach feuch gu'n tig thu 'g a ionnsuidh; na dean moille. Tha loch teine 'na laidhe fo gach anam a tha beò anns a' pheacadh. Cha'n 'eil sìth, tha Dia ag ràdh, do'n aingidh. Na 'n nochdadh Iosa a ghnàis duit, agus a thaobh a bha air a lotadh gus am peacach as eiontaiche a theàrnadh, bhithheadh tu air ball air do tharruing 'g a ionnsuidh le còrdaibh gaoil. O, bi thusa ag ùrnuigh gu'n duisgeadh an Spiorad Naomh thu. Tha cuimhne agad, Iain, gu'n do ghuil thu uair-eigin roimh so air son t' anama, agus gu'n d' iarr thu Iosa. An d' fhuair thu e? No an do sheall thu air t' ais, coltach ri bean Lot, a' cinntinn 'n ad charraig chruaidh, fhuar, mar bha thu roimhe? O, dùisg, agus gairm air ainm do Dhe. Faodaidh gu bheil t' ùine goirid; aig Dia a mhàin tha fhios. Tha a bheatha as fhaide goirid gu leòir. Agus cha bhì cothrom eile agad a bhì air t' iompachadh.

Sgrìobh a ris 'g an ionnsuidh. Feumaidh mi sgur an dràs. Iarr air do mhàthair sgrìobhadh thugam. O, is e mo dhurachd agus mo ghuidhe gu'n coinnicheadh fadh-eòidh aig a' bhòrd a tha shuas maille ri Iosa, agus gu'm bithinn-sa agus thusa an sin le chéile, mar pheacaich air an saoradh tre ghràs.

Is mi do charaid dileas,

R. M. Mac Cheyne.

* * * * *

2. *Comhairle do charaid,*

Dundeagh, 1842.

A Charaid ionmhuinn,

Tha mi a' cur na litreach so thugad an cabaig, ag ùrnuigh gu'n bi na tha mi dol a ràdh air a sheulachadh air do chridhe le cumbachd an Spioraid Naoimh. Is maith an ni dhuit solus fhaotainn air oleas agus cealgaireachd do chridhe féin, ma chuireas so thu a dh' ionnsuidh Chrìosd. Tha mù-chùram agus socair na feòla 'n an aobhar-eagail as mò na sealladh fhaotainn air an luibhre a tha ann ad chridhe. Tha osnaidhean agus òran-buaidh a' chreidmhibh glé dlùth air a chéile, mar a chi thu o bhriathran Phoil ann an *Rom. vii, 24-25*. Mhothaich Daibhidh an ni ceudna, *Salm lxxiii*. Tha dìomhaireachd ro-mhilis ann a bhì ag itheadh nan luibheanan searbha maille ris an Uan Chàisge. Tha taitneas ann a bhì 'g ar faicinn féin ro-ghràineil, a chum 's gu'm faic sinn gur e Iosa an aon t-slighe a dh' ionnsuidh an Athar.

Bi ag ùrnuigh a bhì cosmhail ri Caleb, "aig an robh spiorad eile maille ris agus a lean an Tighearna gu h-iomlan." Lean Chrìosd rè an là uile. Is e esan a' Charraig anns am bi agad a ghnàth lànachd neo-chrìochnach. Thoir thu féin gu h-iomlan dha. Cha'n 'eil tèaruin-teachd ann an neach air bith eile, ach a mhàin ann an Iosa.

Coinhead thu féin o pheacaidhean dhaoine eile. Bi faicilleach nach tuit thu ann am peacadh follaiseach. Cuimhnich gur e ar sonas a bhì fo ghràs, agus nach 'eil fadheòidh ach searbhadas anns gach peacadh, agus gu'n lughdaich gach aon dìubh ann an tomhas air chor-eigin do chuid de ghlòir shiorruidh.

Gu'n robh gràs maille ri òglach an Tighearna, fo èisdeachd a bheil thu. Agus mar an ceudna maille riusan uile a tha a' gràdh-achadh an Tighearna ann an treibhdhìrean. Na sguir a dh' ùrnuigh air son do sgìre agus air son sgìreachdan eile, gu'n dòirteadh Dia a mach a Spiorad òrra, a chum peacaich chaille iompachadh gu glòir ainme féin.

Gu'n cuimhnicheadh Dia oirnn uile.

Is mi do charaid dileas,

R. M. Mac Cheyne.

AN GARRACHDAN.

An uair a dh' fhàs na h-itean air a' ghar-rachdan thubhairt an fheannag rithe féin gu'm bu mhithich dhi eòlas an t-saoghail a thoirt d'a mac gaolach agus cunnartan na

beatha so innseadh dha. “ An cluinn thu mi,” ars’ ise, “ ma chi thu fear air am bi briogais ghoirid a’ dol seachad, agus slat chaol fo achlais, thoir do chasan as, oir is dòcha gur e gunna a tha fo achlais.”

“ Ma chi thu fear no balach a’ dol seachad, agus e a’ togail dòirneagan chlach, tàrr as cho luath ’s a ni do sgiathaa dhuit, oir tha an t-olc ’n a bheachd.”

“ Ach ma chi thu duine a’ dol seachad, agus gun dad ’n a achlais, agus gun e a’ cromadh a thogail chlach, na caraich as an àite anns a bheil thu, oir cha’n eil cron air bith ’n a bheachd.”

“ Ach a mhàthair,” ars’ an garrachdan, “ nach fhaod clachan a bhi aige ’n a phòca!”

“ Bi falbh,” ars’ an fheannag; “ cha ruig mise a leas a bhi ’g ad theagasg; cha’n eil car ann am fòghlunn nam feannag nach eil agad cheana.”

B’ aithne dhomh bodach còir ann an Cille-sgumain a thug a mhac gu ceann an tighe aon latha, a chum eòlas na slighe a thoirt da mar a thug an fheannag d’a mac féin. “ Lean thusa eiseimpleir t’ athar anns a’ h-uile ceum, ars’ esan, agus cha téid thu fada ceàrr.”

Thuirt an gille gu’n deanadh e sud.

“ Faiceam mata,” ars’ am bodach, “ gu’n cum thu ri d’ fhacal; ma chumas cha bhi aithreachas gu bràth ort.”

An ceann greis thug am bodach a mach a’ phuob agus las e i. Chuir am brogach a làmh ’n a phòca, is bheirear a mach a’ phìob fhéin, is lasar i.

Cha robh fios aig athair gus a’ mhionaid ud gu robh am balach air tòiseachadh air snogadh, ach is e na thubhairt e, “ An ann mar so a tha, *chaidh thu orm, a gharraich.*”

CARTHANNACHD.

Air teangaidhean thig fàiligeadh;
Air fàidheadaireach thig crìoch;
Is caithidh ghibt is eòlas as
Mar cheò a bhiodh air sliabh;
Ach gaol is ni neo-chrìochmach e,
Bhios siorruidh buan gu bràth,
Oir ’s ann an uchd na Trianaid
O chian a ghin an gràdh.

’S e ’n gaol an fhìor fhuil uasal
A tha gluasad feadh nam ball,
Toirt beath is blàths is àrach
Do gach uile ghràs a th’ ann;
Tha eadhon am fìor chreidneach
A’ sìor oibreachadh tre ghaol,
A’ sruthadh nìos o’n tobar,
A chaidh fhosgladh ’n a thaobh.

Ged bheirinn do na feumanaich
Mo dhéire is m’ uile mhaoin,
’S mo chorp ged loisgte ’n a iobairt e
Air son na firinn naomh;
Bu dìomhanas an t-eud sin dhomh
Cha dean e feum no brìgh,
Is mi gun ghaol ’n am anam,
Cha’n eil gealladh dhomh air sìth.

Cha laidh aois no tuar a’ bhàis
Air mais’ is buaidh a’ ghaoil;
’S e ’n gràs a mhàin a bhuanacheas
A bhos is shuas faraon;
Cha dean e uail na ràiteachas,
’S gu bràth cha séidear suas;
An gaol tha min is macanta
Tha thlachd a ghnàth an truas

Bi thusa a nis a’ rannsachadh,
An d’ ràinig ort-sa maoin
De’n dàimh sin tha fìor chathrannach,
Ro thairiseach is caomh;
Tha ’n fhìrinn naomh a’ seulachadh
Gu bheil e féin ’n a ghaol;
’S na h-uile ris an tòisich e
Bìdh iad fadheoidh ’n an aon.

[Bha na rannan so air an deanadh le Uilleam Mac Coinnich a bha ’n a mhaighstir-sgoile dlùth do Ionarnis, duine a bha fo chliù mòr anns an taobh tuath air son a dhiadhaidheachd. Chaochail e beagan bhliadh-nachan m’ an do dhealaich na h-eaglaisean ann an 1843.]

A BHEALLTAINN.

*Gug-ùg ars’ a’ Chuthag
Latha buidhe Bealltainn.*

Cha’n eil iongnadh ann ged dheanadh duine agus beathach gairdeachas ann an teachd an t-sàmhraidh. Tha am blàths a’ dùsgadh beatha anns a’ chruthachadh uile, agus tha fàs is maise ri fbaicinn air gach taobh. Os ar cionn anns na speuran, agus air na craobhan, tha coisir-chiùil a’ seinn gun sgur, agus tha an talamh a tha fo ar casan mar gu’m biodh brat àillidh air a dhealbhadh an iomad dath. Ann an òg-mhios an t-sàmhraidh tha an saoghal cho maiseach, is tha a leithid de àillidheachd agus de shaoibhreas air an sgaolaidh mu choinneamh ar sùl ’s gu’m feumadh ar cridheachan a bhi maol is marbh mur biodh moladh agus taingealachd air an dùsgadh anna do’n Tì Uile-Chumhachdach a tha riaghladh os ar cionn.

Is mór an Tighearna agus is mór a chumhachd;

Tha a thùise gun tomhas;

Seinnibh do Iehobhah le buidheachas;

Deanaibh ceòl do ar Dia-ne air a’ chlàrsaich.



BOID IACOIB.

Agus bhòidich Iacob bòid, ag ràdh, Ma bhios Dia leam, agus ma ghleidheas e mi air an t-slighe sin air a' bheil mi ag imeachd, agus ma bheir e dhomh aran r'a itheadh, agus eudach r'a chur umam; agus gu'n tig mi ris an sìth gu tigh m' athar; an sin bithidh an Tighearna agam 'na Dhia.—
Genesis, xxviii, 20-21.

Is ann air na briathran so a tha an dara laoidh air a stéidheachadh, ged a thachair e a nis gur h-aithne do mhóran dhaoine an laoidh do nach aithne bòid Iacoib.

*Dhe Bheteil! le d' làimh thoirbheartaich
'S tu bheathaich t' Israel féin:
'S a thredraich feadh an turuis sgìth
Ar sinnseara gu léir.*

Bha an laoidh air a deanamh anns a' Bheurla leis an Urramach Philip Doddridge, D.D., diadhair de mhuintir Shasuinn a sgrìobh móran de leabhraichean maithe 'n a latha. Bha cuid de na leabhraichean sin air an tionndadh gu Gàidhlig, agus bha aon fhear dhiubh anabarrach measail aig daoine diadhaidh anns a' Ghàidhealtachd anns an linn mu dheireadh, *Toiseach agus Fàs Diadhaidheachd anns an Anam.*

Cha'n urrainn mi a ràdh cò a thionndaidh an laoidh so gu Gàidhlig, ach co dhiu tha i, an Gàidhlig cho mhaith ris a' Bheurla, an measg na feadhach as trice a chluinnear an seirbhisean na h-eaglais, an sgoilean, agus anns gach àite eile anns am bi daoine a' gairm gu follaiseach air ainm an Tighearna.

Tha mìltean bliadhna o bha Iacob beò ach is beag mìle bliadhna ann an eachdraidh mhic an duine, no a thaobh an atharachaidh a tha tighinn air a smuaintean no air a chridhe; ann an dealbh an duine so tha sinn a' faicinn ar dealbh féin.

Ann an seadh bha Iacob a' teicheadh air falbh o Dhia an oidheche ud a chaidil e a muigh air an roan aig Luds, ach cha'n'eil e furasda do dhuine faotainn air falbh o Dhia, oir ge b'e àite an téid e, tha aon chompanach maille ris daonnan, a choguis féin, agus ciod a tha anns a' choguis ach Dia an taobh-a-stigh dhinn? Cha robh coguis Iacoib aig fois; mheall e athair is thug e an car as a bhràthair, agus a nis bha e 'n a fhògarrach o thigh athar, a' teicheadh o Dhia agus o Esau mar a theich Ionah air bata gu Tarsis. Cha robh dùil aige gu'n coinnicheadh Dia ris ann an Luds, ach an uair a chaidil e dhùisg e as

a chadal agus thubhairt e, " Gu cinnteach tha an Tighearna 's an àite so, agus cha robh fios agam air." " C' àite an téid mi o d' spiorad, agus c' àite an teich mi o d' ghlùis? Ma théid mi suas do néamh tha thu an sin; ma ni mi mo leaba ann an ifreann feuch tha thu an sin. Ma ghabhas mi sgiathan na maidne, agus gu'n còmhnuich mi ann an ionadaibh iomallach na fairge; eadhon an sin stiùraidh do làmh mi, agus cumaidh do dheas làmh mi."

An uair a bha Iacob 'n a bhalach agus a chitheadh e athair a' cur suas altarach gus tabhartas a thoirt do Dhia bha e a' tuigsinn gu robh Dia anns an àite sin; bha e air a theagasg da gu robh Dia r'a fhaireachduinn agus r'a chluinntinn aig àite na h-altarach, ach cha robh fios no faireachduin aige gu robh Dia ann an Luds, oir cha robh altair no iobairt an sin; cha robh dad ann ach clachan is creagan is fuachd na h-oidheche. Ach ciamar air bith a thachair e chuala Iacob an oidheche ud guth Dhé; sheas an Tighearna os a chionn agus chual e E ag ràdh ris, " Feuch, tha mise maille riut agus gleidhidh mi thu anns gach àite d'an téid thu."

Agus dh' éirich Iacob moch 's a' mhaduinn agus bhòidich e bòid, ag ràdh, " Ma bhios Dia leam, agus ma ghleidheas e mi air an t-slighe sin air a bheil mi ag imeachd, agus ma bheir e dhomh aran r'a itheadh, agus eudach r'a chur umam, agus gu'n tig mi ris an sìth gu tigh m' athar, an sin bithidh an Tighearna agam 'na Dhia."

Tha e maith do dhuine a bhòidean iocadh do Dhia, ach cha 'n'eil e maith dha Dia a chur fo chumbachan no feuchainn ri bargan a dheanamh ris. Sin a rinn Iacob; dh' fheuch e ri bargan a dheanamh ri Dia, mar gu'n abradh e, ma ni Thusa sid agus so dhomhsa, aidichidh mise gur Tu mo Dhia, ach mur dean,—

Cha bu bhòid mhaith a' bhòid so ann an dòigh air bhith, ach tha ar n-Athair nèamhaidh faighidinneach r'a chloinn, gu sònruichte ann an làithean an leanbachd spioradail, agus gabhaidh e ri bòidean agus ri tabhartasan nach 'eil idir iomlan. Ghabh e ri bòid agus ri ùrnuigh Iacoib, agus ged nach robh móran spioradalachd ann an creideamh no ann an cràbhadh Iacoib an toiseach, bha e ag abuchadh mar a bha e a' dol air aghaidh, gus mu dheireadh an robh fiosrachadh cho cinnteach agus cho làidir aige air maitheas agus tròcair an Tighearna 's nach iarradh e bargan a dheanamh ris no cumbachan a chur air.

Ach bha sinne fo mhòran mhaighstirean-
sgoile bho làithean Iacoib; fhuair sinn
fianuis fhàidhean agus abstol; agus fianuis
as àirde air fad, fianuis mhic Dhè, air chor
agus gu bheil sinn gun lethsgèul ma tha
freumb de spiorad Iacoib annainn; ma tha
sinn creidmheach anns an là mhaith ach
as-creidmheach anns an là dhona. Tha e
furasda gu leòir do dhaoine Dia a mholadh
cho fad agus a tha cùisean a' dol leò mar
am miann; ni na peacataich agus na cinnich
féin sin; ach is rud eile e Dia a mholadh
an uair a tha a fhreasdal searbh agus a tha
ar dùil agus ar dòchas air am briseadh.

Cha'n'eil Dia a' ceadachadh do dhaoine
am beatha uile a chur seachad gun chamadh
air chor-eigin a thighinn 'n an crannchur,
ach an uair a thig camadh an crannchur
duine cha toir an seòrsa creidimh a bha
aig Jacob mòran comhfhurtachd dha.
Feumaidh e greim a dheanamh air acair
d'a anam as làidire na sin; feumaidh e a
bhi cho cinnteach á Dia 's nach cuir e
teagamh air bith 'n a ghliocas no 'n a
mhaitheas eadhon an uair a tha freasdal
Dhe cho searbh agus cho iongantach 's gu
bheil e dol os cionn a thuigse gu buileach.

An uair a thòisicheas duine air bruidhinn
air creideamh no air earbsa ann an Dia
cha'n'eil ach aon àite aig an còir dha stad,
erann-ceusaidh ar Slànuigheir, far a bheil
earbsa ann an Dia air a nochdadh mar nach
fhacas sin an àite eile riamh. Cha d' fheuch
Criosd riamh ri bargan a dheanamh ri Dia
no cumhachan a chur air. Na 'n robh na
smuaintean a bha ann an imtinn Iacoib
ann an cridhe Chriosd is e so a' bhòid a dh'
iòcadh e do Dhia, Ma bhios Tusa, Athair,
maille rium, agus ma shaoras Tu mi bho
àmghar Ghetsemani agus Chalbhari; ma
shaoras Tu mi o mhagadh dhroch dhaoine
agus o lànhan m' eascairdean, agus ma
leigeas Tu leam mo mhinistrealachd a
choimhlonadh ann an comhfhurtachd agus
ann an sìth, an sin a'cidheidh mi gu bheil
gach cumhachd air nèamh agus air thalamh
agad. Ach cha b'e sin na smuaintean a
bha 'n a chridhe agus cha b' ann mar sin a
labhair e. *O m' Athair, ma's comasach e,
rachadh an cupan so seachad orm;
gidheadh, na bitheadh e mar is àill leamsa,
ach mar is àill leatsa.* Sin an seòrsa
creidimh agus an earbsa ann an Dia a
chuidicheas le daoine ann an làithean
dorcha an uallach a ghiulan gu scímh agus
gu h-iriosal. Agus far a bheil an creideamh
so cha'n iarr e cumhachan a chur air Dia.

As-creideamh dall théid cli 's gach ceum,
Gnìomh Dhe a chaidh cha sgrùd;
'Se Dia 's fear-mineachaidh dha féin,
'S ni soilleir, réidh, gach cùis.

ANN S A CHATHAIR.

Bu mhaith leam anns an àireamh so
beagan seanchais a dheanamh mu leabh-
raichean an t-soisgeil, ciamar a rinneadh
iad agus ciod an dàimh a tha aca r'a chèile.
Ged a their sinn *Facal Dhe* ris a' Bhiobull
tha fhios againn gur e *Facal dhaoine* a tha
ann eudeachd; tha fhios againn eò a
sgrìobh cuid mhaith de na leabhraichean
a tha anns a' Bhiobull agus e'ar son a
sgrìobh iad iad.

Tha e iomhuidh do 'n h-uile duine
uiread eòlais 's a ghabhas faotainn a bhi aige
mu leabhraichean an t-soisgeil, oir is e na
leabhraichean sin na fianuisean a tha againn
mu bheatha agus mu theagasg Chriosd.
Cha'n'eil fianuis no urrainn eile ann.
Shaoileadh tu gu'n abradh an luch-eachd-
raidh a bha sgrìobhadh anns an Ròimh agus
anns a' Ghréig anns na h-amannan ud,
shaoileadh tu gu'n abradh iad rud-eigin mu
Chriosd ma chual iad iomradh air ainm no
air a ghniomharan. The e duilich a
chreidsinn nach cual iad mu na nithean a
thachair an Galile agus an Ierusalem, ach
ma chuala cha do ghabh iad suim air bith
dhiubh; cha tug iad iomradh orra anns na
leabhraichean a chuir iad a mach.

Theagamh gur e an t-aobhar nach 'eil
luchd-eachdraidh nan amannan ud ag
ainneachadh Chriosd, gu robh iad an dùil
nach b' fhiach daibh tarruing a thoirt air
a leithid, duine aig nach robh seasamh ach
am measg dhaoine bochda agus a bha air
fhaotainn ciontach le breitheamh Romanach.
Theireadh iad riu fhéin gu robh an rud uile
cho suarrach 's nach b' fhiach daibh
iomradh a dheanamh air. Anns na seann
làithean gu sònruichte bha e 'n a fhasan
aig luchd-eachdraidh gun iomradh a
dheanamh air dad eile ach cogadh, is
rìghrean, is commandairean airm; cha robh
suim air bith aca do bheatha no do
smuaintean nam bochd. Gheibh thu anns
na leabhraichean aca gu leòir de sheanachas
mu rìghrean agus mu thighearnan ach gle
bheag mu na h-ìochdarain no mu'n tuath;
geibh thu gu leòir anna mu euchdan nan
uaislean ach cha 'n fhaigh thu aon fhacal
annta mu'n dòigh anns an robh daoine
eumanta agus daoine bochd a' tighinn beò.

Sin an t-aobhar, tha mi an dùil, nach
'eil iomradh air a dheanamh air Criosd
anns na làithean ud an taobh-a-mach de
leabhraichean an t-soisgeil. Mur biodh na
tri leabhraichean so againn, soisgeul Mhata,
agus soisgeul Mharc, agus soisgeul Lucais,
cha bhiodh ach glé bheag eòlais againn air
beatha no teagasg Chriosd. Tha e fìor gun
teagamh gu robh a bheatha air a sgrìobhadh

le daoine eile a thuilleadh air Mata agus Marc agus Lucas; tha e fìor gu bheil e riomhain de na leabhraichean sin r'am faotainn an diugh fhathast, ach cha 'n 'eil gin dhiubh cho creideasach ris na leabhraichean a bha air an sgrìobhadh leis an triùir shoisgeulaichean.

Bha Crìosd os cionn deich bliadhna fichead an uair a cheusadh e: choimhllion e ministreadachd fhollaiseach nach b' urrainn a bhì na bu ghiorra na ceithir cheud là co dhiu, ach cha'n 'eil cumntas againn ach air fìor bheagan de na làithean sin, theagamh mu dhà fhichead dhiubh. Na searmoin a liubhair e, an seachas a rinn e r'a dheisciobuil, na mìorbhuilean a rinn e, agus na naigheachdan a tha air an innseadh uime, tha sin uile air a sgoileadh thairis air dà fhichead là, air chor agus nach 'eil againn ach sguab an sìd agus an so as an achadh. Ach faodaidh dà fhichead sguab beachd cothromach a thoirt do dhuine air an t-seòrsa barra a bha air an achadh uile. Na'n toisicheadh duine air briathran Crìosd aithris (na tha againn dhiubh anns an Tiomnadh Nuadh) ghabhadh e dha mu shé uairean an aithris air fad.

Ged nach biodh eòlas idir aig daoine air Grèigis, ma tha eòlas maith aca air a' Bhiobull Ghàidhlig fhéin, tha e furasda gu leòir dhaibh a thuigsinn cìod a bhios na h-àrd sgoilearan a' ciallachadh an uair a bhios iad ag innseadh dhuinn mu'n dàimh a tha eadar leabhraichean an t-soisgeil. Tha an dàimh cho dlùth 's gu'm faighear cuid de naigheachdan anns an trì, faecal air an fhacal.

Tha na sgoilearan uile cinnteach gur e soisgeul Mharc an soisgeul as sinne, no as tràithe a bha air a sgrìobhadh. An uair a sgrìobh Mata agus Lucas na leabhraichean aca féin bha leabhar Mharc aca 'n an làimh agus thug iad as na bha freagairt orra. Theagamh gu robh leabhar no paipearan eile 'n an làimh a thuilleadh air leabhar Mharc, oir tha iad tric gu leòir a' cur rud-eigin ris na naigheachdan a tha air an innseadh le Marc, ach is e Marc an urrainn as prionnsपालीके a bha aca le chéile. Mar so an uair a tha rud air bith air innseadh leis an triùir, mur bheil iad a' còrdadh uile gu léir r'a chéile, cha téid duine fada ceàrr ma leanas e Marc, an fhianuis as sinne.

Tha leabhraichean Mhata agus Lucais a dhà fhad ri leabhar Mharc; c'àite an d' fhuair iad na nithean nach tug iad á leabhar Mharc. Cha b' urrainn do Lucas eòlas pearsanta a bhì aige air na nithean a tha e ag innseadh, oir cha robh e maille ri Crìosd ann an làithean fheòla, no 'n a

shùil-fhianuis air dad de na tha e ag innseadh. Fhuair iad e ann an leabhar air an tug na h-àrd sgoilearan an t-ainm Q, leabhar nach 'eil an diugh a làthair agus nach fhacas riamh, comh-chruinneachadh a bha air a dheanamh leis na ceud dheisciobuil los briathran agus gnìomharan am Maighstir a ghleidheadh air chuimhne. A thuilleadh air a' chomh-chruinneachadh so theagamh gu robh cuid mhaith de theagas Crìosd nach robh raimh air a chur sìos air paipear air a ghleidheadh air chuimhne le beul-aithris na h-eaglais agus gu'n d' fhuair cuid de na naigheachdan sin àite ann an leabhraichean an t-soisgeil.

An toiseach cha robh smuain air bith an cridhe nan creidmheach gu'm bu chòir daibh beatha is oibrichean Crìosd a sgrìobhadh; cha d' fhairich an eaglais air a' feum aice air stéidh de'n t-seòrsa sin. Bha na h-abstoil beò, agus mòran dhaoine a bha 'n an companaich aig na h-abstoil, agus b'aithne dhaibh sin innseadh do dhaoine eile mu Crìosd na b' fheàrr na leabhar air bith. Ach an uair a bha fear an déidh fir de na h-abstoil agus de na daoine d' am b' aithne Crìosd air an toirt air falbh chunnaic an eaglais gu robh an t-àm aice dòigh eile a ghabhail air gnìomharan agus teagas Crìosd a chumail air chuimhne. A thuilleadh air sin, an uair a thòisich soisgeulaichean air dol a mach do nach b' aithne Crìosd ann an làithean fheòla dl' fheumadh an eaglais rud-eigin a thoirt daibh leis an b' urrainn daibh innseadh do dhaoine mu bheatha Crìosd. Sin mar bha leabhraichean an t-soisgeil air an cur a mach an toiseach; bha feum aig an eaglais orra 'n a h-obair. Tha an eaglais na's sinne na leabhraichean an Tiomnaidh Nuaidh. Rugadh an eaglais air lá na caingis, beagan sheachduinnean an déidh do Crìosd a bhì air a cheusadh, ach cha robh gin de leabhraichean an t-soisgeil air an sgrìobhadh gu trì fichead bliadhna 'na dhéidh sin.

Uair-eigin de'n t-saoghal bhiodh naimhdean an t-soisgeil ag ràdh nach bu chòir creideas a thoirt do leabhraichean nach robh air an sgrìobhadh gu coimh tri fichead bliadhna an déidh do na nithean a tha anna tachairt, agus bha e glé dhuilich roimhe so an argumaid sin a fhreagairt. Ach gabhadh i freagairt an diugh, agus freagairt gu maith cuideachd, a bhuidheachas sin do na h-àrd-sgoilearan a tha a' rannsachadh leabhraichean a' Bhiobull cho cùramach. So an fhreagairt; ged tha leabhraichean an t-soisgeil eadar trì fichead agus còig fichead bliadhna na's annaiche na'n naigheachd a tha iad ag innseadh, tha na leabhraichean

sin air an stéidheachadh air leabhraichean eile agus fianuis eile a tha dol air an ais gu làithean Chrìosd.

Ann an bliadhnaich eadar 90 agus 150 A.D. bha leabhraichean eile air an cur a mach, á gabhail orra cumntas fìrinneach a thoirt air beatha agus teagasg Chrìosd, ach uigh ar n-uigh thuit iad as an t-sealladh agus chuir an eaglais a seula air leabhraichean Mhata agus Mhare agus Lucais agus Eoin mar leabhraichean anns an robh an fhìrinn mu Chrìosd, agus an soisgeul ceart. Fhuair càch bàs a chionn nach robh beatha anna, ach mhair an fheadhainn so a chionn gu bheil beatha agus fallaineachd anna.

Na'm b'è so an t-àite air a shon bu mhaith leam mo chorrag a chur air rud a bhios a' cur ionghnaidh orm glé bhithanta, gliocas agus tuigse na h-eaglais choitcheinn anns na seann làithean. Cha robh feum aice air comhairle bhuaninne no iasad gliocais iarraidh oirnn. Ach ged nach h-urrainn mi dol a steach anns a' chuis air an duilleig so, no na nithean sònraichte a tha 'n am inntinn ainmeachadh, faodaidh mi aon rud ainmeachadh, agus is e so e, an uair a thagh an t-seann eaglais soisgeul Mhare á measg leabhraichean eile agus a chuir i e anns an Tìomnadh Nuadh dhearbh i gu robh i fada fada na bu ghlice na a sgrìobhaichean féin, agus fada fada na bu ghlice na na saobh-ehreidich.

Bha leabhraichean an t-soisgeil air an sgrìobhadh le daoine, ach tha iad air an deacadh leis an Spiorad Naomh, anns an t-seadh anns a bheil sgrìobhaidhean naomh eile anns a bheil fìrinn agus beatha agus eòlais slàinteil air an deacadh leis. Mur biodh iad feumail do bheatha agus do obair na h-eaglais cha d' fhuair iad riamh an t-àite a tha aca an diugh. Cha 'n e fàbhar no tuiteamas air bith a choisinn dhaibh an àite; dh' fhìreanaich iad iad féin ann am breithneachadh agus ann an beatha na h-eaglais. Bha iad air an dearbhadh an toiseach agus an sin bha iad air an crùnadh.

Cha 'n e am maise féin mar bhriathran dhaoina a tha 'g an cumail beò agus 'g an deanamh naomh, ach an dealbh maiseach a chithear anna, dealbh Iosa Chrìosd. Cha'n'eil anna-san ach a' chiste; is e Iosa Chrìosd an t-ionnbas luachmhor a tha iad a' gleidheadh gu saoghal nan saoghal.

EAS NIAGARA.

Bha na rannan so mu eas Niagara air an sgrìobhadh leis an Urramach D. B. Blàr, a bha 'n a mhinistir aig Abhainn Bharney, an Canada. Rugadh e an Srath-churra, an Còmhall, ann an 1815; mac ciobair. Bhe e air oileanachadh leis an Eaglais Shaoir, ach

an uair a bha e glé òg chaidh e thairis do Chanada. Bha e 'n a sgoileir maith Gaidhlig, agus anabarrach goalach air cainnt a dhùthcha.

A Thi mhóir a chruthaich na Dùilean,

'S a shocruich an cruinne

Le d' ghàirdean cumbachdach, neartmhor

Air a bhunait;

Is gormhor an obair a rinn Thu,

Niagara ainmeil,

An t-Eas mór a rinn Thu chumadh

'S an t-seann aimsir.

Sud an t-eas iongantach, lòghmhor,

Eas mór na gàrraich,

Eas ceòthranach, liathghlas na smùidrich,

'S na bùirich ghàbhaidh;

Eas fuaimearra, labhar na beucail

A' leum 'n a steallaibh

Thar bhile nan creagan aosmhor

'Na chaoraibh geala,

Gu srideagach, sradagach, sneachd-gheal,

'S a dhreach soilleir;

A' teàrnadh o bhràighe gu iochdar

Le dian bhoile;

Sruth uaine a' briseadh m' a mhullach,

'Se ruith 'n a dheannaibh

Thar bhearradh nan stacan àrda

Le gair mhairann;

Le slachdraich ghailbhich a' tuiteam

An slugan domhain,

Gu linneachaibh dù-ghorm doilleir

A' goil mar chòire

An t-aigéal 'g a thionndadh o'n iochdar

Le fìor ainneart

'S an glas uisge brùchdadh an uachdar

Le luathas saighde;

An linne 'ga sloistreadh 's 'g a maistreadh

Troimh chèile,

'S i fosgladh a broillich ghlas-duibh

Ris na speuraibh.

Ach trian cha 'n urrainn mi aithris

De gach ionghnadh

A tha ri fhaicinn air an Eas ud

An t-Eas cliùteach;

Bu mhòralach greadhnach an sealladh

E gu teagamh;

Ma tha iongantais air an t-saoghal

Is aon diubh esan.

Miltean tunna gach mionaid

A' tuiteam còmhla

Thar bhile na creige do'n linne

'Na aon mhór-shruth;

Chluinneadh tu thorman seachd mìle

Uaith air astar,

Mar thairneanach anns na speuraibh

Ri beucaich neartmhor.

'S 'n uair bhiodh tu 'n ad sheasamh laimh ris

B' amhluidh thartar

Is mìle carbad air cabhsair

'Nan deann dol seachad,



ANNS A CHATHAIR.

Fhuair Deborah banaltrum Rebecah bàs, agus dh' adhlaiceadh i fo Bhetel, fo dharaig : agus thugadh Alon-bacut mar ainm air. —Genesis xxxv. 8.

Ged tha mi a' gabhail nam briathran so mar cheann-teagaisg feumaidh tu a chuimhneachadh, a leughadair, nach ann idir anns a' chùbaid a tha mi an dràs ach anns a' chathair, agus nach e searmon a tha mi dol a thoirt duit ach seachas. Na'n robh mise 'n am easbuig anns an eaglais—agus cò aige a tha fhios nach bi, oir tachraidh rudan neo-nach an dèidh an Aonaidh—tha mi an dùil gu'n deanainn riaghailt do na ministearan a bhiodh fodham, nach robh maith dhaibh ach aon searmon a liubhairt air là na Sàbaid *anns a' chùbaid*, agus gu'm feumadh iad fear eile a liubhairt 'n an suidhe *ann an cathair*. Agus innsidh mi dhuit c'ar son a dheanainn sin. Dheanadh a chionn gu bheil e air uairean car duilich smior na firinn innseadh do dhaoine anns a' chùbaid: tha e mòran na's fhasa an fhìrinn innseadh á cathair.

Cha 'n urrainn mi a ràdh c'ar son a tha so mar so, ach co dhiu tha e ann. Tha criomain de'n fhìrinn a chòrdas gu gasda ri daoine bho bheil ministear anns a' chùbaid, ach tha criomain eile dhi a chuireadh an cuthach dearg orra. Sin agad an t-aobhar gu bheil uiread de na searmoin a chluinneas tu an diugh mar lus an Dòmhnuidh, gun mhaith, gun chron. Tha iad mar gu'm biodh greim coin a chaill na fiachlan, no ma dh' fhaodas mi an samhladh atharrachadh, tha eagal air na coin roimh na caoraich; eagal air a' chùbaid gu'n toir i oibheum do'n àite-suidhe.

An uair mu dheireadh a bha mi an Cille-sgumain thubhairt an t-Urramach Niall Mac Phàrlain, B.D., rium gu robh cho mhaith dha an sgìreachd fhàgail na'n labhradh e anns a' chùbaid an aghaidh an uisge-bheatha, a chionn gu robh dithis de na foirfich agus ceithir no còig eile anns a' choimhthional a' faotainn an beò-shlaint as. Tha e 'n a sgoilear maith cuideachd, ach bithidh Calum Dòmhnallach am beadall ag innseadh dhomh nach cual e riamh aon fhacal bhuaith mu'n eòlas ùr a thatar a' faotainn an diugh mu fhàs a' chreidimh Chrìosduidh agus mu leabhraichean a' Bhiobuill. Cha'n'èil so a' ciallachadh gu bheil an t-Urramach Niall Mac Phàrlain, B.D., ag innseadh bhreug d'a choimhthional, no a' folach inntinn agus a

bheachdan orra le comhairle shuidhichte, ach tha e a' ciallachadh gu bheil e 'g am fàgail ann an aineolas air móran de'n t-solus a tha aig daoine eile air a' Bhiobull agus air an Taisbeanadh a thug Dia do'n t-saoghal a chionn nach toigh leò an fhìrinn a chluinntinn agus nach fhuing iad i. Ach na'n gabhadh an t-Urramach Niall Mac Phàrlain, B.D., mo chomhairle-sa ghlacadh e a mhìsneach 'na dhà làimh agus sheasadh e anns an t-saorsa a thug Dia do gach duine aig a bheil reuson is coguis. Theaganh gu'n tugadh e oibheum do'n mharsanta Ruadh a chluinntinn nach 'eil bun no bàrr ann an cuid de na beachdan a tha aige théin, ach tha mise an dùil nach deanadh e cron air bith do'n mharsanta cuid de na tamhain-alluidh a tha anns an inntinn aige a bhì air an sguabadh aisde, agus gu'n deanadh e maith mór do'n chloinn aige.

Ach tha an t-àm agam tilleadh air m' aise a dh' ionnsuidh a' chinn-teagaisg. Ann am fear de leabhraichean an Apocrypha tha e air a ràdh, " Molamaid a nis daoine fiachail," ach tha mise an dràs, a leughadair, a' dol a mholadh mhnathan fiachail, oir cha'n 'èil facal eile as urrainnear a ràdh mu bhanaltruman ach gur mnathan fiachail iad. Is iad seòrsa mhnathan is fheàrr leam de mhnathan an t-saoghail uile, agus cha'n'èil uair a chi mi an currachd aca agus na h-aprain gheala aca nach tèigh mo chridhe riu. Cha'n'èil ceaird air thalamh as urramaiche na 'n obair a tha aca; tha i mar gu'm biodh i a' cur uaisle ùr ann am boirionnaich a tha uasal cheana gu nàdurra. Chuirinn air thoiseach iad air ministearan agus air dotairean agus air maighstirean-sgoile. An uair a bhios ministearan agus maighstirean-sgoile cruinn aig còmhdhailean bidh iad gu bitheanta a' deasbud mu'n tuarasdal, ach cò riamh a chuala banaltruman a' trod mu'n tuarasdal? Cha'n'èil seòrsa eile air thalamh an diugh as dlùthe ri inntinn Chrìosd na banaltruman, oir tha iad a' deanamh do dhaoine eile, ann an irioslachd agus le ciùine, an t-seirbhis a rinn e féin d'a bhràithrean, " chuir e dheth fhalluinn, agus ghabh e làmh-anart, agus chrìoslaich e e féin; an sin thaom e uisge anns an t-soitheach-ionnlaid, agus thòisich e air casan nan deisciobul a nìgheadh, agus air an tiormachadh leis an làmh-anart leis an robh e air a chrìoslachadh."

Tha eadar-dhealachadh eadar banaltrum agus banaltrum a thaobh glòire; cha 'n ann air glòir na banaltruim aig a bheil na ceudan air a cùram ann an tigh-eiridinn mór a tha mi dol a bhruidhinn

air an duilleig so, ach air glòir a peathar—is ann de'n aon teaghlach iad— a tha cur seachad a beatla gu h-iriosal agus gu dìleas ann an seirbhis na h-aon bhana-mhaighskir, a' tòiseachadh le bhì ag altrum na cloinne agus a' fuireach anns an teaghlach gus an tiodhlaic a' chlànn sin i leis a' cheart bhròn agus urram leis an tiodhlaic iad am màthair, ann an àite d' an toir iad an t-ainm Alon-bacut, ainm a tha a' ciallachadh, *Darag nan deur*.

Bha meas air Deborah ann an tigh Isaac, agus cha robh iongnadh ann. An uair a thug e dhachaidh Rebecca 'n a mnaoi òig thàinig a' bhanaltrum so dhachaidh còmhla rithe agus dh' fhan i còmhla rithe gu bràth tuilleadh. Bha i mar gu'm biodh aon de'n teaghlach; cha b'e seirbhiseach a theireadh iad rithe ach bana-charaid, agus an uair a shìubhail i bha Jacob agus an còrr de 'n teaghlach cho duilich 's ged b'e aon d' an daoine féin a bha iad ag adhlacaidh.

Ann am fear de na leabhraichean a sgrìobh A. C. Benson tha e ag ràdh gur e a' bhanaltrum a bha anns an teaghlach aca féin a' bhana-charaid a bu ghaolaiche a bha aige riann. Bha i aca trì fichead bliadhna agus seachd deug. "Ann an làithean mo leanabachd agus an uair a thàinig mi gu aois bha a gaol agus a coibhneas-gràidh timchioll orm gun sgar: an uair a leag sinn a corp anns a' chill an là roimhe thàinig an rud a thubhairt Wesley m'a charaid Whitefield gu mo chuimhne. Aig aon àm cha robh Wesley agus Whitefield a' còrdadh mu phuingean creidimh, agus dh' fharraid buamastair air chor-eigin de Wesley, 'A bheil sibh an dùil gu'm faic sinn Maighstir Whitefield an uair a ruigeas sinn nèamh?' "Tha amharus agam nach fhaic," fhreagair Wesley, "bithidh Whitefield cho dlùth do'n rìgh-chathair agus sinne cho fada bhuaipe 's gur gann a gheibh sinn sealladh air." Sin mar tha mise an diugh a' faireachduinn mu chompanach m' òige agus mu bhana-caraid m' aoise; bidh ise gun teagamh dlùth air an rìgh chathair."

Tha e ceart gu'm biodh meas agus urram air a thoirt do sheann seirbhisich dhìleas, agus am bitheantas tha sin air a thoirt daibh. Am measg nan droch comharraidhean eile a chithear an diugh tha e 'n a dhroch comharraidh nach 'eil an dàimh cheart eadar maighstirean agus seirbhisich. Anns na seann làithean bhiodh seirbhisich a' fantuinn anns an aon àite deich, is fichead, is dà fichead bliadhna, ach an diugh tha sin air dol á fasan agus cha'n fhan mórán dhiubb ach bliadhna no sé mìosan.

Cò aige a tha a' choire sin? Sin agad, a leughadair, ceist mhór agus ceist dhuilich:

té de na ceistean nach biodh e freagarrach dhomhsa a thogail anns a' chùbaid, oir na'n deanainn sin tha fhios agam gu'n abradh an dara leth de'n choimhthional nach robh annam ach Socialist agus an leth eile nach robh annam ach seann Tory. Ach anns a' chathair faodaidh mi an fhìrinn innseadh gu réidh ciallach mar is fheàrr is aithne dhomh i, gun eagal orm ciod a their bean a' Chòirneil no bean a' bhancair, agus na's fheàrr air fad, gun eagal orm ciod a their bean a' phortair, boirionnach beag laghach a tha làn chinnteach gu bheil an seòrsa d' am buin i fhéin agus na bochdan uile a' dol do nèamh agus an Coirneal agus am bancair agus na h-uaislean uile a' dol do ifrinn.

An uair a bhios mi a' dol mu'n cuairt anns an sgìreachd bidh mi a' cluinntinn gearain aig tuathanaich agus aig bana-mhaighstirean air na seirbhisich a tha iad a' faotainn an diugh; gearan air meud an tuarasdail agus cho beag 's a tha na seirbhisich a' deanamh air a shon. Bidh mi a' cluinntinn gearain aig seirbhisich is luchd-oibre cuideachd; gearan nach 'eil tighean ceart aca, agus gu bheil am maighstirean coma co dhiu a tha comhfurtachd aca no nach 'eil. Is e an fhìrinn gu bheil e duilich maighstirean no seirbhisich a chur air an aon ghad, no labhairt umpa mar nach robh anna ach an aon seòrsa. Tha mìle seòrsa seirbhiseach ann agus mìle seòrsa maighstirean: tha iad maith agus dona agus meadhonach. Am measg gach atharrachadh a tha tighinn air an t-saoghal tha aon ni nach d' atharraich idir bho chionn nan ceudan linn, nàdur mhic an duine. Gheibh am maighstir maith no a' bhana-mhaighstir mhaith seirbhiseach maith is dìleas an diugh fhathast; tha Deborah no dhà an Cille-sgumain a tha a ceart cho airidh air clù ris an té a dh' adhlacaidh an Alon-bacut.

Cha'n'eil ach aon dòigh air maighstirean agus seirbhisich a chumail anns an dàimh cheart r'a chéile, an tuilleadh a bhì anna le chéile de inntinn Chrìosd; géill a thoirt do lagh Chrìosd, "gach ni a b' àill leibh daoine a dheanadh dhuibh, deanaibh-se mar sin dhaibhsan mar an ceudna." Bu chòir do mhaighstirean agus do bhana-mhaighstirean a chuimhneachadh gu bheil iomadh cruas agus an-shocair aig seirbhisich agus aig searbhantan ri cur suas leis; ag éirigh tràth air maduinnean fuar is dorcha an uair a tha iadsan gu comhfhurtachail 'n an cadal; a' cadal iad féin air uairean an eùiltean dorcha no an seòmraichean dorcha; air an casan o mhoch gu dubh agus e mar fhiachaibh orra gach glaodh a thig orra a fhreagairt; gun saorsa aca am beatha a riaghladh mar bu

mhaith leò fhéin, no an càirdean fhaicinn ach aig amannan sòruichte. Ma tha an dàimh cheart eadar iad fhéin agus an maighstirean theagamh nach cuir na nithean sin dragh orra, ach mur bheil an dàimh cheart eatorra, faodaidh cuing na seirblis a bhì anabarrach trom.

Cha do ghléidh bean a' bhancair searbhanta no banaltrum riamb na b' fhaide na leth bhliadhna, agus cuid dhiubh nach bì fantuinn aice ach mìos. Cha'n'eil uair a chi mi i nach bì i a' cur sìos air luchd-oibre an là an diugh agus air caileagan nan coimhearsnach air son an leisge agus an gaol a tha aca air diombanas is rionmhadh. Ach ged nach bu mhaith leam-sa sin a ràdh rithe, cha'n e gu'm bì na searbhantan 'g a fàgail cho tric a tha cur an ionghnaidh as motha orm, ach gu'n ò' fhan am bancair cho fada còmhla rithe. Na'n robh mise 'n àite tha mi an dùil gur fhada bho na chaidh mi do Phatagonia.

Faodaidh droch sheirbhiseach air uairean tachairt air maighstir maith agus droch mhaighstir tachairt air seirbhiseach dileas, ach cha tachair iad orra daonnan agus cha tachair iad orra bitheanta, oir tha an lagh so ag oibreachadh gu soilleir anns an t-saoghal, gu bheil na nithean agus na daoine a tha coltach r'a chéile a' tarruing r'a chéile, agus na nithean agus na daoine nach 'eil coltach r'a cheile a' seachnadh a chéile. Gheibhear na seirbhiseich mhaith aig na daoine maith agus na seirbhiseich dhona aig na maighstirean dona. Sin an t-aobhar nach fhaigh-e ar seòrsa d' an robh Deborah aig leithidean bean a' bhancair, ach gheibhear iad aig leithidean Rebecca. Agus ged a bhios daoine ag ràdh gu bheil an saoghal ag atharrachadh agus na ginealan ùra a' fàs ole agus fiar tha gu leòir de mhic agus de nigheanan Rebecca beò fhathast, teaghlachan nach cuir an t-searbhanta no an gille a dh' fhàs liath 'n an seirbhis do thigh-nam-bochd 'n an seann aois, ach a ghabhas cùram dhiubh gu coibheileil gus an tig am bàs orra, agus an sin a dh' adhlaiseas iad le h-urram ann an àite d' au ainm, Alon-bacut.

AIG AN ARD-SHEANADH.

Bha aire nan Gàidheal air an t-Seanadh am bliadhna na bu mhotha na bliadhnachan eile a chionn gur e Gàidheal a bha anns a' chathair, an t-Ollamh Tormod Mac Illeathain. Is toigh le muinntir na Gàidhealtachd a bhì faicinn urraim 'g a chur air an luchd-dùthcha, is bha sinn uile toilichte an Dotair Tormod fhaicinn anns an àite as àirde anns

an eaglais. Agus faodar a ràdh cuideachd gu'n tàinig e thuige, ann an cainnt nam seann sgeulachdan, 'le chruas, le luaths, le làidreachd féin.' Cha 'n'eil duine eile ann an eaglais na h-Alba an diugh a dh' éirich cho àrd ann an ùine cho goirid ri Tormod Mac Illeathain, ach cha'n e fàbhar no freasdal d'baoinne a thog suas e ach a ghibh tean féin. B'e a pheann féin a chlàidheamh.

Tha uallach na h-àrd chathrach trom gu leòir aig àm air bith ach bha e gu sòruichte trom do Thormod Mac Illeathain oir chaohail a bhean beagan làithean m' an do choinnich an Seanadh. Thachair dha mar thachair do Eseciel: chaill Eseciel miann a shùl le buille, ach ged fhuair a bhean bàs 's an fheasgar b' fheadar dha labhairt ris an t-sluagh anns a' mhaduinn, a' coimhionadh a dhreuchd am follais ged bha e a' caoidh agus a' gùl an uaigneas.

Anns an òraid a labhair an t-Ollamh Mac Illeathain ri ministearan agus foirfich na h-eaglais air an là mu dheireadh a bha an Seanadh cruinn, an measg nithean eile air an do labhair e, labhair e mu bhriseadh na Sàbaid agus mu'n chaldachd spioradail a tha an rìoghachd so a' toirt oirre féin leis an dian-iarrtus a tha aig daoine air a bhì 'n an driop air an t-Sàbaid mar tha iad air làithean eile na seachduin. Ma thogas duine a ghuth an diugh as leth na Sàbaid a chumail naomh abrar ris ann an clàr an aodainn nach 'eil ann ach an t-Iudhach, agus ma bheir e rabhadh gu'n tuit breitheanas Dhe air na daoine a tha 'g a mi-naomhachadh abrar ris nach 'eil ann ach duine cumhann. Ach tha na laghannan a dh' òrduich Dia o thùs, an cuirp agus an inntinnean, agus an anamma dhaoine, ag oibreachadh gu sàmhach fad na h-ùine, agus co dhiu a tha faireachduinn aig a' ghineil ùr no nach 'eil gu bheil breitheanas Dhé a' tuiteam orra, tha am breitheanas sin a' tuiteam orra gu cinnteach agus bithidh a bhuil. Tha fois na Sàbaid, agus sàmhchair na Sàbaid, agus aoradh na Sàbaid, cho feumail do chorp agus do inntinn agus do anam mhic an duine 's a tha biadh is solus. Na daoine a bhios a mi-naomhachadh na Sàbaid, cha'n'eil iad an dara cuid glic no diadhaidh.

Dh' fhaodainn iomadh rud a thachair aig an t-Seanadh innsadh air an duilleig so ach ciod am feum a bhiodh ann? Bha na nithean sin uile air an innsadh anns na paipearan naigheachd, là an déidh là, agus cha bhiodh anna a nis ach seann sgeul.

Tha an Seanadh car coltach ri Tigh nan Cumantan: cha'n e na làithean móra no na nithean cudthromach a thogas an deasbud as teotha ach ùisean beaga. An uair a stad na gunnacha móra agus a thòisicheas na,

dagaichean beaga air losgadh air feadh an tìghe, sin an t-àm a b' fhiach do Shasunnach an Seanadh fhaicinn. Coma leam na h-òraidean bliadhna a bhios na h-urracha móra a' liubhairt, òraidean a bha air an ullachadh roimh làimh; dheanainn fhéin an seòrsa sin. Is e na h-òraidean as fheàrr a chluinnear anns an t-Seanadh òraidean a tha air an deanamh le daoine nach robh a' ciallachadh bruidhinn idir, ach a bha air am bioradh le rud-eigin a thubhairt duine eile agus a leum air an cois mu'n d' fhuair an corruich ùine air fuarachadh. Bidh ministearan a' cur sìos air an duine nàdurra, ach an uair a dh' éisdeas mise ris na h-urracha glic agus eagnaich fad dà no trì dh' uairean gus nach bi am briathran ach mar gu'm biodh bum-bum-bum 'n am chluasan is gasda leam an duine nàdurra fhaicinn a' leum 'n a sheasamh, agus a' glaochadh gu sprachdail, *A Mhaighstir Moderàtor*. Sin air neo na h-òraidean eile a tha air an liubhairt le daoine ciùin agus coguiseach a tha a' faireachduin facal air chor-eigin bho Dhia mar theine 'n an cnàmhan air chor agus nach h-urrainn daibh fuireach 'n an tosd. Is fhiach iad sin éisdeachd riu daonnan. Ach is e na h-òraidean as miosa air fad òraidean dhaoine féineil aig nach 'eil dad r'a ràdh ach a bhios air son bruidhinn a chionn gur toigh leò an corragan a bhì anns gach cùis, agus gur toigh leò cuideachd gu'm faic an saoghal agus bean a' bhancair gu'n do labhair iad anns an Ard-Sheanadh.

Tha aon duine a tha daonnan a' seasamh a mach os cionn dhaoine eile anns an t-Seanadh, An t-Ollamh W. P. Paterson. Cha 'n e gu bheil e na's glice na daoine eile, no gu bheil e na's fheàrr air bruidhinn na daoine eile, ach tha ni-eigin 'na shùil agus 'n a chainnt agus 'na inntinn nach fhaighear o àite air bith ach o shuas. Cìod air bith an cuspair air an labhair e tha rud-eigin ùr aige ri ràdh, agus eadhon air na seann nithean cuiridh e solus ùr. Tha an inntinn aige cho làn de theine-sionnachain 's gu'm bi mise a' saoilinn gu bheil mi 'g a fhaicinn m'a cheann an uair a bhios e a' spìonadh agus a' suathadh fhuilt agus e air a chasan a' bruidhinn.

Labhair e iomadh uair anns an t-Seanadh am bliadhna, ach b'e an òraid a bu drùidhtiche a liubhair e an òraid a rinn e mu Aonadh nan eaglaisean. An uair a thig an t-Aonadh agus thig e gum bhì fada, faodaidh muinntir na h-eaglais is againne a thaing a thoirt do'n Ollamh W. P. Paterson agus do'n Mhorair Sands ann an tomhas mór. Bho chionn bliadhna no dhà tha uallach a' ghnòthuich air tuiteam air guailleann an Ollamh Iain White, ach b'e an dìthis ud a

bu lorg agus a bu bhata do Chomunn an Aonaidh anns na làithean anns an robh iad ag imeachd gu fàilidh ann an gleann dorcha.

Anns an t-Seanadh am bliadhna bha móran bruidhne mu airiod: cha'n 'eil eaglais na h-Alba cho fialaidh ris an eaglais U.F. Tha na Baistich agus na Methodists, eaglaisean dhaoine nach 'eil beartach, a toirt eadar ochd agus deich tasdain an ceann 's a' bliadhna do obair an t-soisgeil ann an dùthchannan céin, ach cha'n 'eil sinne a' toirt dà thasdan fhéin. Rud nàrach; cha 'n e cion comais as aobhar ach cion toile; cion eud diadhaidh; cion ùigh ann an obair an Tighearna.

MAC IS ATHAIR.

Ged shuidh mi trì bliadhna aig casan an fhir nach maireann, an t-Ollamh mór mór, Raibeart Flint, cha do leugh mi riamh an leabhar anns a bheil eachdraidh a bheatha air innseadh gus an là roimhe agus thachair rud rium anns an leabhar sin a bu mhaith leam innseadh do luchd-leughaidh na duilleig so.

B' ann do'n eaglais Shaoir a bhuineadh athair Flint, ach ged bha e a' fuireach còmhla r'a mhac an uair a bha a mhac 'n a mhinistear òg ann an Obareadhain cha b' ann do eaglais a mhic a bhiodh e a' dol air an t-Sàbaid ach do'n eaglais Shaoir. A thuilleadh air sin b'e an seann duine a bhiodh a' dol air cheann an aoraidh, aig aoradh an teaghlach, cho fad 's a bha e beò. Bha e 'na dhuine diadhaidh agus bha bann a' ghràidh anabarrach làidir eadar e fhéin agus a mhac.

Saoilidh mi nach b'urrainn so fachairst ann an àite air bith fo'n ghréin ach an Albainn; am ministear a' toirt nam pàrantan a dh' fhuireach còmhla ris anns a' Mhanse; an t-athair a' leantuinn na h-eaglais aige fhein ach gum sin a' deanamh dealachaidh air bith eatorra no ag aobharachadh amharuis no aimhréite; am mac a bha 'na Phroffessor ann an Cathair na Feallsanaichd agus ann an cathair na Diadhachd, duine a bha ainmeil air son a sgoilearachd agus eòlais, cha'n e mhàin am Breatunn ach air feadh na Roinn-Eòrpa uile, a' suidhe gu h-iriosal aig a' bhord agus a' leigeil le sheann athair, fear-oibre aig nach robh móran sgoile, dol air cheann an aoraidh,—sin rud a bu chòir iomradh a dbeanamh air. An uair a bhios mo bhràithrean anns a' mhinistrealachd air son searmon a thoirt do'n chloinn gabhadh iad an ceann-teagaisg, *Thoir urram do d'athair agus do d' mhàthair*, agus innseadh iad an naigheachd so,



ANNAN A' CHOILLE BHEITHE.

An uair a dh' éirich mi an diugh bha e 'n am bheachd searmon a dheanamh air a' cheann-teagaisg so, *Feuch, an ni so a mhàin fhuair mi, gu'n do rinn Dia an duine dìreach; ach dh' iarr iad féin iomadh innleachd a mach.* Bha mi an dùil gu'm biodh e maith dhomh fhéin agus do'n choimhthional ar n-aire a shoeruchadh air innleachdan mhic an duine anns na làithean so, agus gu sònruichte, air na droch innleachdan leis a bheil e a' deanamh cam an ni a rinn Dia dìreach.

Ach bha an latha cho maith 's gu robh mi air mo bhuaireadh mo chathair agus mo ehlàr-sgrìobhaidh fhàgail agus cuairt a ghabhail anns a' Choille Bheithe, gus àileadh nan craobh fhaotainn 'n am phòraibh agus mo shùilean agus mo chridhe a lionadh le maise a' chruthachaidh. Shuidh mi leth-uair air an stoc craoibhe air an àbhaist dhomh suidhe anns an teampull àillidh ud, a' deoghal a steach le buadhan mo chuirp feartan ciùin agus thumhor na maidne shamhraidh. Cha robh mi a' smuaineachadh air dad sònruichte, agus na'n robh a' cheist air a chur orm, theirinn gu robh m' inntinn 'n a tàmh gu buileach. Ach feumaidh e bhith gu robh gluasad air chor-eigin innte, mar gu'm biodh mart 'n a laighe ach a bhios a' cnàmh a cir, oir uigh ar n-uigh thòisich an ceann-teagaisg ud air falbh bhuan agus fear ùr air tighinn 'n a àite. Agus a nis tha agam ri tòiseachadh as ùr, agus theagamb nach dean mi searmon gu bràth air droch innleachdan mhic an duine.

Ciod a thug orm mo bheachd atharrachadh? Cha b'e mo thoil no mo reuson a rinn e ach a' bhuaidh chumhachdach is dhìomhair a tha sruthadh o fheartan Nàduir. Thàinig a' ghrian a mach, a' dòrtadh a soluis agus a blàths air machair is monadh, agus ann am mionaid bha mi ann an saoghal ùr.

Am bliadhna bha geamhradh fada againn, agus earrach fada, agus sìd fhuar is fhliuch gu meadhan an t-samhraidh, ach ged nach fhaic thu, a leughadair, anns na paipearan-naigheachd an rud so a tha mise a' dol a ràdh riut, tha mi cinnteach gu robh na bu lugha de dhòchas agus de aoibhneas an t-soisgeil anns na searmoin a bha air an liubhairt am Breatunn am bliadhna na bha annta bho chionn iomadh bliadhna. Tha buaidh aig a' ghréin air beachdan dhaoine nach 'eil iad fhéin a' saoilinn: bheir aon bhoillsgeadh blàth de 'n ghréin dearbhachd do dhuine a thaobh nithean sònruichte nach toir Iain Cal-

vin dha. Bidh Calum Domhnullach, am beadall an Cille-sgumain, ag innseadh dhomh gur ann daonnan ann an November agus ann an December a bhiodh na seann mhinistearan a' toirt dhaibh searmoin gharbh mu thruaillidheachd mhic an duine agus mu aingidheachd an t-saoghail, ach aon uair 's gu'n tigeadh a' Bhealtainn bhiodh iad a' fàs na bu shoisgeulaiche agus a' moladh gràdh Dhe do'n t-saoghal. Bha dùil aig Calum gu robh riaghailt no cleachdadh air chor-eigin anns an eaglais a bha toirt orra sin a dheanamh, ach ma bha a leithid sin de riaghailt anns an eaglais abstolach cha chuala mise riamh iomradh air. Tha mi an dùil nach 'eil ann ach obair na gréine, a' ghrian a' fògradh duibhre agus doilghios bho inntinnean nan aithrichean ann an Cille-sgumain mar a dh' fhògair i an ceann-teagaisg ud o m' inntinn-sa anns a' Choille Bheithe an diugh.

Na 'n robh mi 'n am bhàrd cha'n'eil rud air an t-saoghal a b' fheàrr leam a dheanamh na òran no laoidh do'n ghréin; òran no laoidh a bliodh daoine a' seinn gu beag riu féin le toileachas is gàird-eachas a h-uile uair a chitheadh iad i. Bho chionn trì seachduinnean thachair dhomh a bhi ann an Leòdhas: air mo thighinn air m' ais chaidh sinn air bòrd air a' bhàta aig aon uair deug a dh' oidhche is chaidh an fheadhainn a bha còmhla rium a laighe. Dh' fhaodainn-sa dol a laighe cuideachd, oir bha mo leaba air a gabhail dhomh, ach b' fheàrr leam fantuinn, leam fhéin gu h-àrd gus mo chuimhne ùrachadh air nithean a dh' fhaireich mi a'm' òige agus a' ghrian fhaicinn aon uair eile ag éirigh air a' mhuir. Ciod an bith an t-àite anns am faicear e tha briseadh an latha 'n a iongnadh sòluimte agus 'na shealladh maiseach is mìorbhuileach, ach ged tha mise eòlach gu leòir air an t-sealladh sin am measg nam beann agus nan coiltean, tha greis mhaith o nach fhaca mi an là a' briseadh air an fhairge. Mar sin dh' fhan mi leam féin gu h-àrd fad na h-oidhche agus an fhàireachduinn 'n am chridhe a bhios ann an cridhe duine a tha feitheamh air an té air a bheil gaol aige.

Tha iocshlaint do'n chridhe ann am briseadh an latha nach 'eil ann an cunaidh eile fo'n ghréin; dh' fheumadh duine a bhi dall agus bodhar agus maol mur cluinneadh agus mur faiceadh e iongantasan anns an iarmailt, agus e mach air an raon eadar leth-uair an déidh dà uair agus éirigh na gréine. Ach gu sònruichte chì iadsan a théid sìos do'n

Dh' fhan mise

fhairge gnìomharan an Tighearna, agus a bheartan iongantach air an dòimhne.

Bha an là a' glasadh agus sinn a' dol seachad air na h-Eileanan Sianta, ach bha sinn a' dlùthachadh air an tigh-soluis a tha air ceann Rona m'an do thòisich a' ghrian air beanntan Ghearrloch agus Thoireartan a bhreacadh le a gathan òr-bhuidh. Bha a' mhaduinn ciùin agus an solus glan is soilleir. Chitheadh tu na ficheadan mìle bhuait air gach taobh, agus cha robh taobh an tionndadh tu nach robh an sealladh maiseach, fonn is cuan a' deanamh gàirdeachais ann an solus na gréine a bha 'g am pògadh agus 'g am beannachadh. Cha robh ach aon bheinn anns an t-sealladh nach do fhreagair gu toileach do fhàilte na maidne a bha a' ghrian a' cur orra; b'e sin Cuilinn anns an eilein Sgitheanach. An àite a còmhach-einn a chur dhi gu modhail agus gu suilbhearra mar a rinn beanntan Chataibh agus Rois chum Cuilinn a currachd oirre fad na h-ùine.

Bu dìomhain dhomh feuchainn ri cainnt a chur air maise na maidne ud air an linne Sgitheanach, no air na faireachduinnean a bha ann am chridhe, oir tha fhios agam nach rachadh agam air a dheanamh ged dh' fheuchainn ris. Ach air a shon sin tha fhios agam gu robh barrachd buannachd dhomh anns a' mhaduinn ud. 'n am inntinn agus 'n am chridhe agus 'n am anam, na bha dhomh anns an dà bhliadhna a chuir mi seachad ag ionnsachadh Eabhra, cainnt nam Pharasach. Cha'n'eil agam-sa an diugh de Eabhra na riarachaidh eadhon Cléir Mhuile, ach tha fhios agam gu'm fan faireachduinnean na maidne ud 'nam chridhe agus 'n am fhiosrachadh gu bràth tuilleadh, agus gu'n toir iad sòlas agus ùrachadh agus iocshlaint do m' anam aig amannan anns am bi feum agam air iocshlaint.

Am measg gach rud eile a thàinig gu m' inntinn a' mhaduinn ud thàinig Laoidh Oisein do'n ghréin, ach ged dh' fheuch mi ris na facail a chuimhneachadh cha b' urrainn domh ach criomain bheaga dhi fhaotainn.

O Thusa féin a shiubblas shuas,
Tha cruinn mar làn sgiath chruaidh nan triath,

Cia as a ta do dheàrrs' gun ghruaim,
Do sholus a ta buan, a Ghrian?
Thig thusa mach 'n ad àille thréin
Is foluichidh na reul an triall;
Théid ghealach sìos gun tuar o'n speur.
'Ga cleatha féin fo stuaidh 's an iar.

Ach ged nach robh Laoidh Oisein agam air mo theangaidh bha an naoieamh salm deug agam air mo theangaidh, laoidh as fheàrr na té Oisein.

Glòir Dhé làn fhoillsichidh na nèamh,
'S na speura gnìomh a làmh,
Tha là a' deanamh sgéil do là
Is oidhche dh' oidhch' gun tàmh.

Chaidh 'm fuaim air feadh gach tìre mach,
Am focal chaidh an céin
Gu crìch na cruinne, chuir e annt'
Buan-phàillium àrd do'n ghréin.

Neach tha mar nuadh fhear-pòsda 'teachd
O sheòmar féin a mach,
Ta ait mar ghaisgeach treun a' ruith
A réis gu togarrach.

A' dol a mach o chrìch nan speur,
Mu'n cuairt 'g an crìch a ghnàth:
'S cha 'n fholuichear o theas na gréin
Aon ni 's a' chruinne ta.

Ged nach b'e facal Dhé no facal nan naomh a bha anns a' Bhibull idir tha bàrd-achd ann a tha fada fada air thoiseach air bàrdachd Oisein. Cha bu toigh leam riamh leabhraichean Oisein; cha'n'eil annta ach gaoth is ceò, no ma dh' fhaodas mi an samh-ladh atharrachadh, maragan gun gheir gun phioabar. Ach tha biadh is ceòl anns na sailm daonnan, co dhiù anns a' chuid as fheàrr dhiubh. C' àite am faigh thu a leithid so ach ann an leabhar nan Salm?

Tobar na beatha tha gu dearbh
Agad-sa, Dhia nan dùl;
Is ann ad sholus dealrach glan
Chi sinne solus iùil.

Sin agad, a leughadair, an rud ris an abair mise bàrdachd; nithean móra air an cur ann an eulaidh rìoghail; simplidheachd is eir-eachdas a' pògadh beul ri beul.

Ach gus tilleadh air m' ais a dh' ionnsuidh na gréine dh' éirich mi mar a rinn móran de dhaoine eile air an naoieamh là fichead de 'n òg-mhios aig còig uairean 's a mhaduinn, a dh' fhaicinn an sgàile a bha air a thilgeadh oirre leis a' ghealaich. Bha mi an dòchas gu'm faicinn sealladh nach fhaic mi gu bràth tuilleadh. Ach ged dh' fhan mi a mach fad dà uair an uaireadair, agus peann 'n am làmh gus rud neònach air bith a chithinn a chur sìos, cha 'n fhaca mi dad a b' fhiach aithris no a b' fhiach mo leaba fhàgail air a shon. Ach mur faca mi dad neònach, fhuair mi a mach nach 'eil cuid de mo choimhearsnaich cho fìrinneach 's a bha mi an dùil, oir là no dhà an déidh do'n ghréin a bhi air a foluch dh' innis feadhainn dhiubh dhomh mu na h-ìonghnaidhean uamhasach a chunnaic iad anns na speuran, ìonghnaidhean nach fhaca Calum na Cròige fhéin an uair a ràinig e cridhe na h-Airde Tuath,

Ann an Atholl cha robh griann no gealach ri fhaicinn a' mhaduinn ud; bha brat tigh de nèil dhorcha a' còmhach aghaidh na speur. Ach dh' fhàs an dorchadas na bu tiugha fad greis, mar gu'm biodh an oidheche air tuiteam, is mhothaich mi gu'n do thòisich beathaichean a bha ag ionaltradh air laighe. Dh' fhàs na h-eòin sàmhach, ged nach robh iad a' seinn ro mhaith a' mhaduinn ud co dhù, ach mhothaich mi gu robh aon eun nach do stad de sgriachail fad na h-ùine, an gille-Bride. Tha taobh bhlàth agam ris a' ghille-Bhrìde, oir is e an aon eun mara a bhios a' neadachadh air a' ghliob agam, agus cha bu mhaith leam a chreidsinn nach robh urram no eagal no irioslachd ann mar bha anns na h-eòin eile an uair a bha nithean sòluimte a' tachairt anns na nèamhan.

Ach an diugh tha a' ghriann a bha air chall fad seachduin air tighinn a mach a rìs; agus tha an saoghal cho àillidh agus gealltanais na bliadhna cho làidir 's gu'n deachaidh mo smuaintean air cùrsa eile seach an cùrsa air an robh iad an uair a dh' éirich mi. An àite a bhi cosd ùine a' labhairt air innleachdan mhic an duine tha mi dol a thoirt iòbàirt-bhuidheachais do'n Tì mhór agus ghlòrmhor agus chumhachdach a rinn a' ghriann le searmon simplidh soisgeulach a dheanadh do mo chridhe féin agus do mo choimhthional air a' cheann-teagaisg so, *Tha esan a' toirt air a' ghréin féin eirigh air na droch dhaoine agus air na deagh dhaoine.*

AN GEATA CUMHANN.

Deanaibh spàirn chruaidh gu dol a stigh air a' gheata chumhann.—Lucas xiii. 24.

Cha'n'eil rud air an t-saoghal as lugha air daoine na gu'n saoilleadh daoine eile gu bheil iad cumhann. B' fheàrr leò e bhi air a chur as an leth gu'n do bhris iad trì no ceithir de na h-àitheantan seach e bhi air a chur as an leth gu bheil iad cumhann. Agus rud as miosa air fad, tha an saoghal a' saoil sinn an diugh nach bi ministear air bith a' searmonachadh air a leithid so de cheann-teagaisg ach ministearan cumhann.

Ach cha'n e ministear no sagart a labhair am facal so ach an Slànuighear beannaichte e féin, agus cò a ghabhadh air féin a ràdh gu robh esan cumhann, no gu robh e uair air bith a' feuchainn ri eagal a chur air daoine? Agus a thuilleadh air sin, cha'n'eil am facal so a' seasamh leis féin anns an Tìomnadh Nuadh; tha an Tìomnadh Nuadh làn de 'n t-seòrsa teagaisg so, gu bheil e furasda do dhaoine an anam a chall, gu bheil e duilich dhaibh àitheantan Dhe a choimhead, agus mar sin, gu'm feum iad spàirn chruaidh a dhean-

amh ma bu mhaith leò dol a steach do rìoghachd nèimh.

Tha dà ni ann a bu chòir a bhi air a ràdh anns a' chùbaid gun sgar, (1) nach bi an diadhaidheachd gu bràth *furasda*, agus (2) nach bi an diadhaidheachd gu bràth *taitneach* do'n duine nàdurra. Ach air a shon sin tha an saoghal ag iarraidh air an eaglais creideamh furasda no diadhaidheachd furasda a thoirt da, agus tha an saoghal a' faotainn coire do'n eaglais a chionn nach 'eil i a' tàladh dhaoine 'ga h-ionnsuidh, mar a thàladh aighean a tigh-òsda no tigh-nan-dealbh iad. Ach na'm faicteadh uiread dhaoine a' dol do'n eaglais 's a chithear a' dol do thigh-nan-dealbh bhiodh amharus agam gu robh iad a' faotainn soisgeul eile innte seach an soisgeul a tha anns na briathran so, *Deanaibh spàirn chruaidh gu dol a stigh air a' gheata chumhann.*

Ged tha taobh bhlàth agam-sa ris a h-uile searmonaiche a tha soisgeulach 'n a theagasg agus a bhios ag àrdachadh na saorsa agus na sìthe agus na slàinte a gheibhear ann an Chrìosd le aon sealladh fhaicinn air le sùil ar creidimh, tha mi a' faicinn cuideachd nach tric leis na searmonaichean sin iomradh idir a dheanamh air taobh eile de'n fhìrinn no air taobh eile de bheatha na diadhaidheachd. Bho na dh' fhalbh Cardinal Newman agus an t-Ollamh Mac Ille Bhàin, an Dunéideann, cha 'n aithne dhomh aon eile an diugh am measg phrionnsachan na h-eaglais a bhios ag èigh-each gun sgar ann an cluasan dhaoine gu bheil an t-slighe gu nèamh fada agus duilich, agus nach ruig duine air bith a leas fuighair a bhi aige gu'n ruig e nèamh mur smachdaich e an iuntinn nàdurra agus an cridhe peacach a tha air a ghiùlan, gun nach bi 'na bheatha ach strì agus cogadh a h-uile latha. Bhiodh e gu buannachd do'n eaglais na 'n robh an taobh so de'n fhìrinn air a cumail fa chomhair dhaoine na's motha na tha i, an spàirn chruaidh a dh' fheumas iad a dheanamh ma tha iad air son fantuinn ann an co-chomunn Chrìosd.

Cìod mo dhuais ma ni mi 'leantuinn

Mar fhear-ùil do m' cheum?

*Iomadh dotlghios, deur, is deuchainn
Iomadh beum.*

Sin agad, a leughadair, cridhe na fìrinn. An uair a tha sùilean duine air am fosgladh le spiorad an Tighearna, agus a chi e àirde na gairme a dh' ionnsuidh an do ghairm Chrìosd e, agus an seòrsa beatha a tha nis mar fhiachaibh air mar dheisciobul Chrìosd, cha 'n e sìth a tha an duine sin a' faotainn ach claidheamh, claidheamh a thèid an sàs 'n a chridhe a h-uile là a dh' èireas e.

Ciamar a bhitheadh an diadhaidheachd furasda, no ion-mhiannaichte leis a mhórchuidheachd de dhaoine? Oir ciod an seòrsa beatha a tha Crìosd ag iarraidh bhuainn, agus a tha air a cur romhainn anns an Tìomnadh Nuadh mar riaghailt ar creidimh? Tha e ag iarraidh oirnn gach nì eile a leigeil seachad, tigh, is bean, is teaghlach, is comh-fhurtachd, is urram saoghalta, air ghaol ar spioradan agus ar cridheachan a bhi glan agus fallan; tha e ag iarraidh oirnn anamiana na feòla a cheusadh cho buileach 's gu'm bi sinn toileach cas no làmh no sùil no ball air bith eile d'ar corp a tha 'gar cur air seachran a ghearradh asainn; tha e ag iarraidh oirnn ar n-uail agus ar féin-fhìreantachd a chur fo ar casan; maitheanas a thoirt d' ar naimhdean agus gràdh gun cheilg; tha e ag iarraidh oirnn daoine a mhallaicheas sinn a bheannachadh; a bhi tròcaireach agus macanta agus iriosal; umhlachd agus gràdh a thoirt do ar n-Athair nèamhaidh le ar n-uile chridhe agus anam,—sin agad an seòrsa beatha a tha Crìosd a' cur romhainn, agus abair thusa a nis, a leughadair, a bheil tu da rìreadh a' creidsinn gu'm biodh a' bheatha so furasda dhuit no gu'm biodh i taitneach do d' fheòil? Anns an duine as naoimhe air thalamh tha freumh de'n inntinn nàdurra; is ro thoigh leis an inntinn nàdurra an fheòil a thoileachadh agus suainhneas is sòlas a thoirt dhi; is toigh leatha gean-maith agus glòir an t-saoghail a chosnadh, ach tha sin uile calg-dhìreach an aghaidh inntinn Chrìosd.

Tha dùil aig mòran dhaoine an diugh gur e creud na h-eaglais as aobhar nach urrainn daibh an creideamh Chrìosduidh aidealachd, ach fad na h-ùine is e an duileadas a tha anns a' bheatha dhiadhaidh a tha 'gan cumail air falbh bho Chrìosd. Eadhon ged nach abair iad e riu féin air a cheann tha faireachduinn aca 'n an cridhe nach b' urrainn daibh an aghaidh a chumail ri lagh àrd agus naomh an Tighearna gun spàirn cho cruaidh a dheanamh 's gu'm biodh am beatha 'n a h-uallach dhaibh. Agus mar sin tréigidh iad Chrìosd mar a thréig Demas Pol a chionn gu bheil gaol as motha aca air an t-saoghal.

Deanaibh spàirn chruaidh gu dol a stigh air a' gheata chumhann. Uair is uair eile 'n a theagasg thàinig Chrìosd air ais gus an earail sin, mar gu'm biodh eagal air gu'm mealladh daoine iad féin, agus gu'm biodh iad toilichte le beatha air bith ach a' bheatha as àirde.

EALASÀID BHEAG AGUS A CHUTHAG.

Is e an naigheachd as ùire a tha agam air a' mhìos so gu bheil an t-Urramach Niall Mac

Phàrlain, B.D., ministear Chille-sgumain, a' cur roinne labhairt an aghaidh bheachdan mearachdach a tha tachairt air am measg an t-sluaigh. Dh' ainmich e gu'm biodh trì coinneamhan aige anns an tigh-sgoil gus a shoillearachadh do'n t-sluagh nach 'eil grunn idir aig cuid de na beachdan a tha aca. Tha e a' cur dragh mór air a choguis gu bheil Ealasaid bheag a' creidsinn gu'm biodh barrachd eireagan aice leis a' chirc a chur air ghur Di-luain na bhiodh aice na 'n cuireadh i air ghur i Di-haoine; agus nach 'eil i a' creidsinn idir gu bheil an saoghal a' gluasad no gu bheil e a' dol mu'n cuairt na gréine. Tha e a' cur dragh mór air cuideachd gu bheil Iain Mac Coinnich làn de bheachdan neònach do nach 'eil na sgoilearan ann an Oilthigh Dhunéidinn a' toirt gnùis, agus gu 'm bi e a' cleachdadh ghisreagan an àm cur is buana air nach cuala muinntir Dhunéidinn no Bòrd an Fhearainn riamh iomradh.

Tha Tom Elliot ri bhi anns a' chathair aig na coinneamhan sin, ach a réir mar a bhios Seònaid Eachainn ag innseadh dhòmhsa, is ann an déidh dhaibh an tigh-òsda aig Tom Elliot fhàgail a bhios muinntir Chille-sgumain a' faicinn agus a' cluinntinn nan nithean as neònaiche anns a bheil iad a' creidsinn.

Ach tha amharus agam nach dean na h-òraidean a bheir an t-Urramach Niall Mac Phàrlain, B.D., seachad maith no cron ach gu'n toir iad cothrom do mhuintir Chille-sgumain oidhche thugaideach a chur seachad anns an tigh-sgoil; an ath earrach cuiridh Ealasaid bheag a' chearc air ghur Di-luain mar a b' àbhaist dhi. An uair mu dheireadh a bha mi an Cille-sgumain bha mi fhéin agus Ealasaid a' bruidhinn r'a chéile os iosal air rudan nach bu mhaith leinn gu'n cluinneadh ministear na sgìreachd. “Tha fhios agamsa,” ars' ise, “gu bheil na seann fhacail a tha anns a' Bhìobull fìor: an uiridh chaidh mi a mach maduinn thràth gun ghreim arain itheadh no gun bhalgum uisge òl, agus gu dé a tha agad air, a ghaoil, ach gu'n cuala mi gug-gùg na cuthaige, is bha fhios agam gu'm b'e sin gug-gùg mo léiridh.” “Ma 'n tàinig an t-samhuinn, a ghaoil, shiubhal piuthar mo sheanmhathar.”

“Ciod an aois a bha piuthar do sheanmhathar, Ealasaid?” “Bha i trì deug is ceithir fichead.”

Gu ma maith a théid do'n Urramach Niall Mac Phàrlain, B.D., 'n a obair, ach tha amharus agam gu robh cho mhaith dha an ùine a chuireas e seachad a sgrìobhadh nan òraidean ud a chur seachad ag iasgach bhreac.



HABACUC.

Mairidh am firean beò le a chreideamh. (ii. 4).

Ann an naigheachd a bha air a sgrìobhadh leis an duine eòmh nach maireann, an t-Urramach I. P. Struthers an Grianag, tha e ag innseadh mu sheana bhean dhiadhaidh a bha creidsinn gu bheil fhios aig na naoimh air nèamh cìod a bhithear ag ràdh umpa air thalamh; gu bheil fhios aig na fàidhean agus na h-abstoil cia meud ceann-teagaisg a tha air a ghabhail as na sgrìobhaichean aca a h-uile Sàbaid. Bhiodh i duilich air son nam fàidhean beaga, Nahum is Haggai is Sephaniab, oir bha i an dùil gu'm biodh iad air an nàrachadh an uair a thachradh iad air Pol no air Eoin air maduinn Diluain agus a dh' innseadh na h-abstoil mhóra sin daibh gu robh trì no ceithir mìle ministear air thalamh a' searmonachadh air cinn-theagaisg anns na litrichean aca an dé, agus gu cheann-teagaisg idir air a ghabhail asda féin.

An uair a bhiodh i a' leughadh a' Bhìobuill leatha féin bhiodh i an dràs 's a rìthist a' seachnadh Phoil agus Eoin agus Isaiah (ged b'iad sin na sgrìobturan a b' fheàrr leatha) agus a' toirt greis air leughadh Malachi no Habacuc, los nach biodh iad air na nàrachadh cho mór.

Theagamh gu'n abair cuid de na leughas an duilleag so nach robh aig an t-seana bhean ud ach beachd faoin, ach theirinn-sa nach smuain fhaoin a tha ann an smuain air bith a chuireas an cridheachan dhaoine am modh agus an coibhneas agus am blàths a bha an cridhe na seana mhnatha ud. Sud an dòigh anns am bi iadsan aig a bheil spiorad Chrìosd a' cuideachadh le am bràithrean meata misneach a ghlacadh.

Ach ged nach bu mhaith leamsa mi fhéin gu'm biodh Habacuc air a nàrachadh an uair a thachras e ri Pol cha'n e sin an t-aobhar gu bheil mi a' gabhail ceann-teagaisg as an leabhar aige an dràs. Bu duine Habacuc a dh' fhaodadh seasamh air a chasan féin an làthair rìghrean agus abstol, agus sgrìobh e nithean as fhiach an leughadh air an sgàth féin.

Ged tha e air àireamh am measg nam fàidhean ris an abrar *na fàidhean beaga* bha làmh aige ann an nithean móra, agus thàinig smuaintean a steach 'n a inntinn a bha 'n am meadhon, an déidh làimhe, air an t-saoghal a thilgeadh bun os cionn.

Ged is mór agus ainmeil an abhainn

abhainn Tatha cha 'n 'eil ach gle bheag de dhaoine d'an aithne c'àite a bheil abhainn Tatha a' tòiseachadh; cia as a tha a h-uisgeachan a' tighinn. Tha iad a tighinn á Loch Tatha, ach cia as a thàinig Loch Tatha fhéin? Thàinig e á iomadh allt agus srùlag, cuid dhiubh ag éirigh á tobraichean air na monaidhean dlùth air crìochan Earraghàidheal. Sin mar tha tachairt cuideachd a thaobh nithean móra ann an eachdraidh an t-saoghail. Tha na nithean móra a' tighinn á nithean beaga, ach air uairean tha e duilich na nithean beaga sin a lorgachadh.

An uair a smuainichear air an Ath-leasachadh cha lorgaichear na's fhaide air ais e na Màrtainn Luther. Theirear gur e Luther ùghdar agus fear-crìochnaiche an Ath-leasachaidh, agus ann an aon seadh tha sin fìor. Ach air a shon sin, ma leanas tu abhainn mhór an Ath-leasachaidh gus an fhìor thobar as an d'éirich i a lorgachadh feumaidh tu dol air t' ais na ceudan bliadhna roimh làithean Lutheir.

Tha fear de na diadhairean a sgrìobh mu Luther ag ràdh gu robh e aon là 'n a shuidhe an seòmar beag, a' leughadh na litir a chuir Pol a dh' ionnsuidh nan Romhanach, agus gur h-ann an là sin a fhuair e dearbhadh creidimh agus sìth anama. Bha e a' leughadh na h-earrann so, *Oir a ta fireantachd Dhe air a foillseachadh ann tre chreideamh gu creideamh; mar a ta e sgrìobhta, Bithidh am firean beò tre chreideamh*, agus a dh' aon ruith leum an smuain 'na inntinn nach b'ann le oibrichean féin a bhiodh e air a shaoradh idir ach le creideamh anns an Tighearna Iosa Crìosd. Sin a' chlach-stéidh air an do thog Luther an eaglais Phròstanach, gu *bheil peacaich air am fireantachd tre chreideamh*.

Ach ged is e Pol a dh' fhosgail a shùilean, agus ged is ann ann an litir Phoil a fhuair e an teagasg so, is ann bho'n fhàidh Habacuc a fhuair Pol féin e, air chor agus gu bheil abhainn an Ath-leasachaidh ag éirigh ann an dùthaich as fhaide air falbh na Ghearmailt agus ann an làithean as fhaide air falbh na 1508; tha i ag éirigh ann an tobar de uisge-bèd a bha ann an cridhe seann fhàidh anns an àird an Ear, duine a bha air a riasladh le cuid de na ceart nithean a bha cur dragh air anam Lutheir ach a fhuair fois an uair a chuir Dia an smuain 'n a inntinn, *Mairidh am firean beò le a chreideamh*.

An uair a bha mi a' smuaineachadh 'n am inntinn fhéin air Habacuc an dé, agus

ionghnadh orm co ris a bha e coltach, thòisich mi air mo leabhraichean a rannsachadh a dh'fheuchainn ri solus a b' fheàrr fhaotainn na 'n solus a bha agam fhéin. Ach b'e sin dhomhsa an iarraidh dhiomhain! Ged nach 'eil ann an leabhar an fhàidh so ach trì caibidealan goirid uile gu léir tha uiread de bheachdan aig na diadhairan agus na sgoilearan móra umpa (beachdan a tha calg-dhireach an aghaidh a chéile) 's nach biodh e furasda dhomh roghainn a dheanamh eatorra.

Mar sin leanaidh mi mo sholus féin. Agus ni mi sin na's togarraiche a chionn gu bheil mi a' faotainn a mach mar is sinne tha mi a' fàs nach 'eil solus air an t-saoghal as fheàrr do dhuine a leantuinn na a choinneal bheag féin. Leugh mi na tha aig na sgoilearan ri ràdh mu Habacuc agus is e an co-dhùnadh a thàinig mi thuige air a' cheann mu dheireadh nach 'eil thu a' call dad as fhiach iomradh a dheanamh air, a leughadair, ged nach b' aithne dhuit aon ni idir mu'n fhàidh no m'a leabhar ach na dh' fhaodas duine air bith fhaicinn le shùilean féin ma leughas e na trì caibidealan ud anns a' Bhìobull Ghàidhlig.

Tha cuid de bhriathran an fhàidh so cho marbh an diugh 's nach ruigear a leas ùine a chosd orra, ach tha cuid eile dhiubh cho beo 's gu'n cluinn thu iad fhathast air bilean dhaoina a tha an dùil nach 'eil iad a' creidsinn anns a' Bhìobull, agus aig nach 'eil fhios gur ann as a' Bhìobull a tha iad. Sin aon dòigh air a' bheatha agus an cumhachd a tha ann an leabhraichean a thomhas—an greim a tha iad a' faotainn air cainnt chumanta an t-sluaigh no air cainnt na h-eaglais. Ma chuirear an dearbhadh sin air Habacuc seasaidh e ris móran na's fheàrr na cuid eile de na fàidhean aig a bheil cliù as àirde anns an eaglais.

Nach 'eil thusa o shiorruidheachd, O Thighearna, mo Dhia?

Tha do shùilean na's glaine na gu'n seall thu air olc;

Cha'n fhaod thu amharc air aingidheachd.

Gu cinnteach lionar an talamh le eòlas glòire an Tighearna,

Mar tha na h-uisgeachan a' còmhachadh na fairge.

Tha an Tighearna 'na theampull naomh;
Bi a'd' thosd 'na fhianuis, O thalaimh nìle.

O Thighearna, ath-bheothaich t' obair ann am meadhon nam bliadhnachan;

Ann am meadhon nam bliadhnachan dean aithnichte;

Ann an corruich cuimhnich tròcair.

Gach uair a bhios na briathran sin air ar bilean, agus nach tric a bhios sinn 'g an

uisneachadh 'n ar n-ùrnuighean!, tha co-chomunn spioradail againn ris an fhàidh Habacuc a sgrìobh iad bho chionn còrr agus dà mhìle bhìadhnna. Agus duine air bith a thug d'a cho-chreutairean na ceart bhriathran leis an téid iad an làthair an Tighearna, dà mhìle bhìadhnna an déidh dha bhi marbh, nach cinnteach gu'm bu duine diadhaidh e, agus gu'm bu duine e aig an robh talantan móra.

Tha an leabhar a sgrìobh Habacuc a' crìochnachadh mar bu chòir do gach sgeul air riochachd Dhe crìochnachadh, le iolach is buaidh. Ged thuit e an dòbhaill misnich car greis an uair a chunnaic e na daoine ceart a' dol air chùl agus na daoine aingidh a' soirbheachadh, gidheadh bha fhios aige gu robh Dia àir a rìgh-chathair agus bha earba aige ann an riaghladh Dhé; earbsa gu'n deanadh e soilleir nithean a bha dorcha agus gu'n deanadh e dìreach nithean a bha cam.

Theagamh gur h-aithne d'ar luchd-leughaidh a' chuid mu dheireadh de leabhar Habacuc anns an laoidh anns an do chuir Philip Doddridge am meadar e na's fheàrr na's aithne dhaibh e air dhòigh eile.

1. Chaoidh ged nach toir crann-fige blàth,
'S nach fàs air fion-chrann meas;
Saoth'r a' chroinn-olaidh ged a thréig,
'S fàs déis gun bhi air slòis;
2. Gach treud o'n mhainnir ged a bhuail
Grad fhuathas 'nuair nach saoil;
Greigh ged nach fàg an t-Earrach
cruaidh,
No bò air uachdar raoin;
3. Gidheadh 's an Triath bidh mise ait,
Is ni mi uail 'na ghràdh;
Mór aoibhneas ni mi ann an Dia;
'Se Dia mo shlàint gu bràth.

(Laoidh 32).

Ann am fear de na leabhraichean a sgrìobh an t-Ollamh Alasdair Stiùbhard a bha an Lochabar tha e ag ràdh nach fhaca e riamh sealladh a bu mhò a bhean r'a chridhe na coimhthional anns a' Ghàidhealtachd a' seinn na laoidh so le 'n uile chridhe air droch latha ann am foghar fiuch is annoch, agus na h-adagan a' fàs dubh agus a' grodabh air na h-achaidhean.

An uair a tha thu a' cur eòlais an toiseach air duine no air leabhar tha e feumail gu'm biodh tu air do thoirt 'n an làthair leis an duine cheart, agus ma bu mhaith leatsa, a leughadair, eòlas a chur air Habacuc ceannaich an leabhar a sgrìobh an t-Ollamh George Adam Smith mu na fàidhean. Cha chosd e dhuit uiread agus a chosdadh ad ùr

dhuit, agus ni e fada barrachd maith do d' cheann na dheanadh an ad.

Tha dùil aig daoine gu bheil e mòran na's duiliche creidsinn ann an Dia an diugh na bha e anns an t-seann t-saoghal, ach is e an fhrìnn gu bheil e duilich creidsinn ann an Dia ann an linn air bith. Ann an aon seadh, tha e na's fhasa creidsinn anns an Diabhlol na ann an Dia, oir ged tha fianuis nan ginealan agus nan linntean air taobh an Tighearna tha fianuis nam mionaidean agus nan uairean agus nan làithean air taobh Shatain.

Tha oibrichean Shatain cho ònmhor agus cho faicsinneach 's nach gabh iad folach: chi duine le shùilean iad is cluinidh e le chluasan iad is làimhsichidh e le làmhan iad. Ach cha 'n ann mar sin idir a tha oibrichean an Tighearna: cha 'n fhaic sùil iad; cha chluinn cluas iad; cha làimhsich làmh iad. Tha iad air am foillseachdadh do'n chridhe agus air an tuigsinn leis a' chridhe.

Sin an t-aobhar gu robh am buairidhean féin agus an teagmhaidhean féin agus am mì-chreideamh féin aig na naoimh uile bho thoiseach an t-saoghail. Ma tha duine a' creidsinn ann an Dia an dà-rìeadh feumaidh e gun chreidsinn ann an mòran de na tha e a' faicinn le shùilean. Feumaidh e dearbhachd a bhli aige mu nithean nach fhaca e, agus nithean a tha e faicinn a chur an suarrachas.

Bha smuaintean àrd agus uasal aig Habacuc mu Dhia agus mu ruinntean Dhé, ach mar is airde na smuaintean a tha aig duine air Dia is ann is duiliche dha creidsinn ann an Dia an uair a tha fiosrachadh a bheatha a' cur teagamh 'n a chridhe nach 'eil an saoghal air a riaghladh gu ceart. Bha cùrsa an t-saoghail a' cur dragh agus iongnadh mòr air Habacuc agus mar sin dh' iarr e air Dia e féin fhìreanachadh.

Seasaidh mi air m' fhaire, ars' esan, agus feuchaidh mi ciod a their e rium?

B'e an sealladh no an leasan a thug Iehobhah do Habacuc dearbhachd a thoirt da 'n a chridhe féin nach mair dad beò air a' cheann mu dheireadh ach fireantachd: tha binn am bàis cheana air ghiùlan nan daoine a bhios ri foill is ainneart is eucoir, *ach mairidh am fìrean beò le a chreideamh.*

Ma ghabhas tu là air bith leis fhéin no bliadhna air bith leatha fhéin, theagamh nach 'eil iad a' teagasg an leasain sin, ach tha na ginealan agus na linntean 'g a theagasg: tha iad a' teagasg nach seas na h-aingidh anns a' bhreitheanas agus gu'm bi iad mar am moll a dh' iomaineas a' ghaoth. Tha na ginealan agus na linntean a' teagasg gu bheil iadsan a choinheadas lagh an Tighearna beannaichte dà-rìeadh agus nach searg an duille. Agus ciod is fhìach ar creideamh agus ar dòchas an

Dia mur creid sinn fianuis nan linntean air thoiseach air guth is glaoth na mionaid a tha làthair. Cha 'n 'eil mìle bliadhna ann an sealladh Dhe ach mar fhaire anns an oidhche.

ANNS A CHATHAIR.

Ma tha àite air an t-saoghal as bòidheche na Sléibhte anns an eilein Sgitheanach cha 'n fhaca mise an t-àite sin riamh. Is maiseach an sealladh a gheibh duine an uair a sheasas e air cnoc a tha dlùth air cladh Pheighinn-a-Phùir os cionn an Obain agus a sheallas e suas air an Apuinn agus air beanntan Ghleann Comhann agus air an linne agus na h-eileanan a tha eadar an Apuinn agus Ceann-gheàrrloch. Is maiseach an sealladh cuideachd a gheibh thu o'n bhruthach a tha eadar Scanport agus an tigh-sgoil ann an sgìre Dhurais, an uair a dh' fhosgla Loch Nis romhad agus a sheallas tu suas gu Cille-chuimein air latha ciùin an uair a bhios an loch mar sgàthan agus faileas nan craobh agus nam beanntan ri fhaicinn ann air gach taobh. Ro-mhaiseach agus ro-thaitneach do'n t-sùil tha Creag-bhàrr an Rainneach an uair a bhios na craobhan òga lairig a' gobachadh anns an earrach agus a' roiseachadh air am barraibh a dhathadh le uaine, dath is rionhaiche na gin de na dathan a bha ann an teampull Sholaimh.

Sin trì àitean air am bi mise air uairean a' bruidhear, oir thug iad sòlas nach bu bheag dhomh a' cheud uair a chunnaic mi riamh iad. Agus thug iad sòlas dhomh iomadh uair bhuaith sin; ann am chadal théid agam air dol thuca gun uiread agus faradh a phàigheadh no là a chall bho m' obair.

Ach tha àite eile an nis d' an tug mi mo chridhe: sealladh eile a tha fhios agam a thig air ais thugam 'n am bbruidhear; an sealladh a chi thu os cionn Tharscavaig ann an Sléibhte. Tha an sealladh ud na's farsuinge na gin de chàch; tha gach ni ann a tha maiseach ri fhaicinn ann an dealbh; muir is monadh, beanntan is eileanan, craobhan is creagan lom. Shòs fo d' chasan chi thu baile beag Tharscavaig féin; croitean na tuatha mar gu'm biodh brait bhreacain leis gach seòrsa dath; tighean grinn geala air a bheil coltas sgoinne agus deagh-dhòigh; air a chùl air an dara taobh an Cuan Mòr far am faic thu Uibhist is Cana is Rùm agus na h-eileanan eile sìos a dh' ionnsuidh an Rudha Mhurchannaich; agus air a chùl air an taobh eile Loch Eiseord agus an sin Srathàird; Loch Scàvaig agus an sin na beanntan as rioghaile a thog riamh an cinn ris an spur. Cuilìonn is Sgùrr Alasdair is Sgùrr nan Gillean is Blàbheinn,

Ach ged b'e sud an sealladh a bu mhò a dhruidh air m' intinn tha Sléibhte uile maiseach; àite tìdrail, fasnach, còmhdaichte, far a bheil aghaidh na dùthcha blàth is coibhneil, agus coslas nan daoine agus nan tighean ag innseadh gu bheil iad dòigheil agus combhfhurtachail. B'e mo thorus-sa do Shléibhte gu'n deachaidh mi a chuideachadh Mhaighstir Ros aig a' chomanachadh, ach ged a thug e orm barrachd searmonachaidh a dheanamh ann an Gàidhlig na rinn mi bho chionn iomadh bliadhna thug e féin agus a bhean agus a choimhthional dhomh fada fada barrachd na thug mi dhaibh, agus bidh comanachadh Shléibhte 'n a chuimheachan cùbhraidh do m' chridhe fad iomadh latha.

Air feadh na dùthcha an diugh tha là na traisg air dol as ach ann am fìor àite annamh; cha 'n 'eil ach dhà no trì de sgìreachdan an Sìorramachd mhór Pheairt far a bheil e air a chumail suas, ach ann an Sléibhte cha 'n e mhàin gu bheil là na traisg air a chumail ach tha seirbhisean air an gleidheadh Di-haoine agus Di-sathuirne agus Di-luain cuideachd. Tha na h-òrduighean air an àrdachadh, agus thig daoine air astar mòr do'n eaglais.

Bha aobhar sònruichte aca air tighinn a mach am bliadhna oir a thuilleadh air an t-sòluimteachd a bhuneadh do'n àm ud co dhìu, bha Moderàtor na h-eaglais a' searmonachadh air là na Sàbaid, agus bha iarraidh aig muinntir Shléibhte air a' Mhoderàtor fhaicinn agus a chluinntinn, fear d'an daoine fhéin. Thug e dhuinn searmon a bha anabarrach gasda agus drùidhteach ann am Beurla; searmon a chuala rìghrean agus prionnsachan, ach ciod air bith a theireadh daoine eile b' fheàrr leam-sa a bhi ag éisdeachd ris a' Mhoderàtor an uair a labhair e rinn an Gàidhlig anns an fheasgar. Labhair e gu simplidh agus gu faireachdail air toraidhean a' ghràidh anns an anam agus anns an eaglais.

Ach ged bu taitneach leam an Moderàtor a chluinntinn agus beanntan Chuilinn fhaicinn, cha b'e am Moderàtor na Blàbheinn a rinn an drùidheadh a bu mhò air mo chridhe ach na sailm air an seinn ris na seann fhuinn leis a' choimhthional Ghàidhlig, agus gu sònruichte an dara salm deug thar an trì fichead (17-19).

Bidh ainm-san buan gu suthain sìor,
Co-mhaireann ris a' ghrein;
Is annsan beannaichear gach slògh;
Is beannaichear leò e féin.

Beannaicht' gu robh an Tighearna Dia,
Dia Israeil a ghnàth,
An ti a mhàin nì miorbhuile
Le trois is neart a làimh,

Beannaicht' gu robh gu sìorruidh buan
Ainm glòrnhor uasal féin;
Lìonadh a ghloir gach uile thùr,
Amen, agus Amen!

B'e sin an t-salm leis an do chrìochnaich sin seirbhisean a' chomanachaidh agus tha mi an dùil nach féid an ceòl tiamhaidh agus nèamhaidh ud as mo chuimhne gu bràth. Ma dh' fhaodas mi m' fhaireachduinnean féin agus na smuaintean a thog an t-salm 'n am chridhe a ghabhail mar fhianuis theirinn gu robh barrachd buannachd spioradail anns an t-seinn a bha againn air an t-Sàbaid na bha ann am facal air bith a chaidh a labhairt.

Ma leughas ministearan òga na h-eaglais na briathran a tha mise a' sgrìobhadh an dràs'd tha mi an dòchas gu'm bi iad cùramach na sailm cheart a thaghadh air là a' chomanachaidh. Theagamh gu'n saoil cuid nach 'eil fènn air a leithid so de chomhairle, ach thachair ministear òg no dhà ormsa do nach b' aithne na sailm a bha freagarrach air son là a' chomanachaidh na bu mhò na b' aithne do bhodach na gealaich.

Ach mur aithne dhaibhsan iad is aithne do'n luchd-comanachaidh iad agus bidh ionndrainn 'n an cridhe mur toirear dhaibh iad! Ciod a theireadh tu ri ministear a dh' iarradh air a choimhthional an t-sé ficheadamh t-salm a sheinn air maduinn a' chomanachaidh, gun reason air bith ach gu robh am fad ceart innte, ceithir rannan?

Ciod a b'urrainn thu a ràdh ach nach robh ann ach am buamastair; duine aig nach robh eòlas idir air gnàths nan aithrichean.

Ann an Shléibhte bha dà phrecontar anns a' bhocsa air là na Sàbaid, guala ri gualainn, a' togail an fhuinn agus a' cur a mach na sreath, fear mu seach. A réir mo bheachd-sa is e na trì fuinn as fheàrr a tha againn, (1) Ballerma (fada fada air thoiseach air fonn air bith eile air an t-saoghal), (2) Kilmarnock, (3) Torwood. Tha Coleshill maith cuideachd, ach do m' chluais-sa cha'n ann innte féin a tha a' chuid mhór d'a maise ach anns an t-salm ris a bheil i air a pòsadh le banntaibh daingean na cléir. (*Salm* 103).

Tha aobhar againn uile a bhi taingeil do Nì-maith air son beannachdan is sonas a thoirt duinn nach do thoill sinn, ach tha aobhar sònruichte aig ministear na Cille-moire an Sléibhte gu'n seinneadh e Torwood air a' cheud mhaduinn de'n h-uile ràidh leis na briathran so,

Cuibhrionn mo chup' is m' oighreachd
Dia,

'S tu sheasas dhomh mo chrann:

An aithibh aoibhneach thuit mo lìon,

'S leam oighreachd bhriagh nach gann,



LION BEAG IS BEAG.

Tha mórán nithe agam fathast ri ràdh ribh, ach cha 'n urrainn sibh an giùlan an tràth so. Eoin xvi. 12.

Labhair Crìosd na briathran so ris na h-abstoil beagan m'an d' fhàg e an saoghal. Am feadh 's a bha e maille riu bha iad cho mall-chridheach 's nach do thuig iad cuid de na nithean a dh' innis e dhaibh. Ach ghiùlain le leò gu faighidinneach, 'g am beathachadh le bainne an uair nach b' urrainn iad biadh làidir a ghiùlan. Dh' fhoillsich e e féin dhaibh uigh ar n-uigh a réir mar b' urrainn daibh gabhail ris an fhoillseachadh.

B'e sin an t-aobhar gu'n do labhair e riu cho tric ann an cosmhalachdan oir cha 'n 'eil modh-teagaisg air bith cho freagarrach ris na cosmhalachdan air firinnean spioradail a nochdadh do dhaoine uigh ar n-uigh. Chi duine beagan no mórán anns na comhalachdan a réir mar tha solus aige féin, agus mur bheil solus no eòlas spioradail idir aige bidh iad dha 'n am briathran dorcha agus duilich.

Ann an aon seadh tha na cosmhalachdan cho simplidh 's gu'n tuig a' chlànn bheag iad, ach ann an seadh eile tha iad cho domhain 's nach tug duine riamh asda an lànachd uile a tha annta. Beagan roimhe so thubhairt Crìosd ris na h-abstoil, *na h-uile nithe a chuala mi o m' Athair thug mi fios dhuibhse orra*, ach a nis tha e ag ràdh riu anns an dealachadh. *Tha mórán nithe agam fathast ri ràdh ribh.* Ach cha'n'eil an dà fhacal so idir an aghaidh a chéile. Ann an aon seadh rinn Crìosd rùn-dìomhair an Athar aithnichte do'n t-saoghal; thug e do'n eaglais foillseachadh iomlan, ach ann an seadh eile cha tuig an saoghal rùn-dìomhair an Athar ach lìon beag is beag, agus cha ruig an eaglais air lànachd Chrìosd gus am bi i air a teagasg leis an Spiorad Naomh. "Treòrachaidh e sibh chum gach uile fhìrinn oir gheibh e de mo chuid-sa agus nochdaidh e dhuibhse e."

Bha teagasg Chrìosd mar gu'm biodh siol a tha air a chur anns an talamh. Fhuair cuid de 'n t-sìol cothrom agus dh' fhàs e gu luath, ach thuit cuid eile dheth ann an talamh cho fuar 's gur gann a chithear am fochann a' tighinn troimh an talamh fhathast. Faodaidh siol a bhi air a thiodhlachadh ùine mhór gun a bheatha a chall, ach an uair a gheibh feartan Naduir cothrom thig

fàs is cinneas. Is ann mar sin a thachair do theagasg Chrìosd. Dh' fhàs cuid de'n t-sìol agus dh' abuaich e ann an làithean nan abstol; dh' fhàs cuid eile dheth agus dh' abuaich e anns gach linn uaith sin, ach cha d' fhàs e uile fhathast. Tha cuid dheth tiodhlaicte, ach a chionn 's gu bheil an Spiorad Naomh ag oibreachadh anns an t-saoghal agus a' treòrachadh dhaoine a dh' ionnsuidh na firinn fàsaidh an siol sin fathast agus bheir na ginealan ura saoihbreas á lànachd Chrìosd air nach do ràinig na ginealan a dh' fhalbh.

Labhair Dia o shean anns na fàidhean, agus anns na làithean deireannach so labhair e tre a Mhac Iosa Crìosd ach cò a ghabhadh air féin a ràdh gu'n do thuig e an taisbeanadh sin 'na iomlanachd. Thuig na h-abstoil ann an cuid ach b' fheudar eadhon do Phol aideachadh nach robh e ach a' faicinn tre ghloine gu dorcha.

A thaobh nan nithean a bhuineas do'n t-saoghal spioradail agus a thaobh eòlas Dhe cha'n'eil an saoghal fhathast ach ann an aois a leanabachd, a' tuigsinn mar leanabh agus a' reusonachadh mar leanabh, ach an uair a thig e gu ìre duine cuirear nithean leanabail air chùl. Tha mórán nithean a bhuineas do'n diadhachd air nach do ràinig sinne fhathast ach bidh iad air an deanamh soilleir do na linntean a thig 'n ar déidh.

Cha'n'eil ann ach amaideas do dhaoine a bhi an dùil nach 'eil adhartas a' tighinn air an t-saoghal gu spioradail mar tha adhartas a' tighinn air ann an cùisean eile; cha'n'eil ann dhaibh ach amaideas a bhi an dùil gur h-iansan an sluagh coimhlionta agus gu'm bàsaich gliocas maille riu. Tha na h-aithrichean deas gu bhi a' saoilinn nach 'eil an clann dileas air taobh a' chreidimh agus gu bheil an òigridh a' toirt gnùis do bheachdan ùra is neònach. Bha sin a' tachairt bho thoiseach an t-saoghail ach an uair a sheallas tu air t' ais thar nan linntean nach 'eil so ri faicinn gu soilleir, gur e an òigridh am bitheantas a bha ceart!

Tha an Spiorad Naomh a' còmhnuidh anns an eaglais an diugh cho cinnteach 's a bha e innte ann an làithean nan abstol, air chor agus nach leig e na diadhairean òga air seachran na's mò na leig e na seann diadh-airean air seachran. Is e an t-as-creideamh as miosa, agus am mùchadh as miosa as urrainnear a dheanamh air an Spiorad Naomh, a bhi an dùil nach 'eil e a' labhairt rinn an diugh idir; gu'n do chrìochnaich e

foillseachadh ann an làithean Pheadair no ann an làithean Iain Calvin no Iain Knox. Feumaidh a h-uile linn am mana a chruinneachadh air a son féin, ach cha chruinnich linn air bith an t-ìomlan. Ma ghabhas tu diadhair anns a' cheud linn, agus diadhair anns an deiceamh linn, agus diadhair anns an ochdamh linn deug, agus diadhair eile an diugh, cha labhair iad mu Chrìosd anns an aon dòigh, agus theagamh gu'n saoilleadh a h-uile fear dhiubh nach robh càch fallan anns a' chreideamh no sgrìobturail 'n an teagasg, ach is e an t-aon Chrìosd anns an robh iad uile a' creidsinn, neach a tha an ni ceudna an dé agus an diugh agus gu sìorruidh. Cha'n'eil Chrìosd ag atharrachadh ach tha sinne ag atharrachadh, agus cha 'n urrainn do dhuine Chrìosd fhaicinn le sùilean air bith ach le a shùilean féin. Ma thòisicheas e air speulcairean a sheanar a chur air agus cannt is smuaintean a sheanar ath-aithris mar gu'm biodh pìorraid theagamh gu'n glòraich e a sheanair ach cha 'n fhaic e Chrìosd. Bha facal aig na seann daoine a bha anabarrach glic, *lèintean far-suinn do na leanaban òga*. Is e a bha iad a' ciallachadh gu'm fàs na leanaban. Tha Dia a' toirt an t-saoghail air aghaidh ceum air cheum; cha robh aig Abraham, no aig Peadar, no aig naoimh nan ceud linntean, ach deò beag de'n t-solus spioradail a tha againne an diugh, ach lean iad an solus o shuas a bha aca agus is e sin bun a' ghnòth-uich daonnan. "Is e so an dìteadh gu'n tàinig an solus do'n t-saoghal agus gu'n do ghràdhach iad an dorchadas na's mò na'n solus a chionn gu robh an gnìomharan olc."

Tha mòran nithean agam ri labhairt ribh ach cha 'n urrainn sibh an giùlan an tràth so. Tha am facal so fìor a thaobh freasdal Dhé a cheart cho cinnteach 's a tha e fìor a thaobh foillseachadh Dhé. Aig gach ni tha tràth agus àm aig gach rùn fo nèamh. Cha 'n e mhàin gu'n dean breitheamh na talmhainn an ni a ta ceart ach ni e e aig an àm cheart. An uair a sheallas sinn air ar n-ais air na ceumannan anns an do threòraich Dia sinn 'n a fhreasdal tuigidh sinn, tha mi an dhùil, gliocas agus caomhalachd ar n-Athar air nèamh. Dh' fhosgail e an leabhar dhuinn duilleag an déidh duilleig, mar b' urrainn sinn a ghiùlan.

Tha ni-eigin ann an cridhe mhic an duine a' tha daonnan 'ga tharruing gu fiosachd agus gu bàn-fhiosaichean, ach ged bu mhaith leis am brat a reubadh a tha foluch a chrannchur bho a shùilean, is mór a' bheannachd e nach urrainn dha sin a dheanamh agus gu bheil a chrannchur leis gach camadh a dh' fhaodas a bhì innte foluichte bho a shùilean.

Is leòr do gach latha olc no uallach an latha sin féin.

Cha tig deuchainn no smachdachadh air bith oirnn ann am freasdal Dhe mur bi feum againn orra, agus cha mhò a chuireas Dia thugainn iad gus am bi sinn deas air an son. Theagamh gu'n saoil sinn gu'm briseadh e ar cridhe na'n tachradh fiosrachadh cho cruaidh oirnn 's a tha sinn a' faicinn ann an tigh ar comhearsnaich am bliadhna, ach an uair a thig a' cheart fhiosrachadh 'n ar caramh an ath-bhliadhna cha 'n e mhàin nach bris e ar cridhe ach thèid againn air a ghiùlan le faighidinn. Ullaichidh Dia sinn air son a thoile agus cha chuir e oirnn eallach nach urrainn sinn a ghiùlan.

Ach ged tha mòran aig Chrìosd ri ràdh ruinn nach urrainn sinn a ghiùlan an tràth so, tha aon fhacal a tha e ag ràdh ruinn daonnan, *Lean mise*. Tha e ag iarraidh oirnn gun dàil a chur an sin. Ged tha mòran nithean anns a' bheatha so dorcha agus dìomhair, agus ged tha fichead ceist mu thimchioll Dhe agus mu thimchioll Chrìosd air am bu mhaith leinn an tuilleadh soluis a bhì againn, tha an t-aon ni as prionns-palaiche air fad cho simplidh agus cho soilleir 's nach ruig eadhon na daoine baoghalta a leas dol air seachran. Cha'n e cion soluis ach cion toile a tha cumail dhaoine gun dol a steach do rìoghachd nèimh; cha'n'eil iarraidh aca air Chrìosd a leanntuinn. Cha 'n e aineolas ach gaol a' pheacadh a tha dalladh an sùl. Aig an duine as aineolaiche air a' Bhiobull anns an dùthaich so tha de eòlas na bheireadh a steach do nèamh e na'n robh iarraidh aige air a bhì air a shaoradh bho 'n pheacadh le cumhachd Dhe. Cha'n'eil de eòlas a dhith air duine gus a bhì air a theàrnadh ach a mhàin faireachduin a bhì aige air fheum féin agus earbsa ann an cumhachd agus ann an toil Dhe.

ANNS A CHOILLE BHEITHE.

An là roimhe bha mi a' bruidhinn ri balach maol ruadh agus sròn bhiorach air a dh' innis dhomh nach toigh leis idir a bhì leughadh sgeulachdan mu na daoine-sith. Agus chuir e iongnadh mór air mise a ràdh ris gur e sin an seòrsa sgeulachdan as fheàrr leam, agus gu'm bi mi 'g an leughadh a h-uile cèthrom a gheibh mi.

"C' ar son nach toigh leat iad?", thubhairt mi ris.

"A chionn nach 'eil iad fìor," ars' esan.

"Ciamar a tha fhios agad nach 'eil iad fìor?", thubhairt mise.

Chuir so stad beag air, ach bha a shròn cho biorach 's gu robh fhios agam gu maith nach seasainn mo thaobh féin idir ann an argumaid ris.

Mar sin chuir mi Homer eadar mi fhéin agus an gille ruadh.

“Tha Homer,” thubhairt mi ris, “aon de na bàird as fheàrr air an t-saoghal, ag innseadh mu dhuine a phòs bean-shith, agus mur creid thu Homer cò a chreideas tu?”

Ach m' an d' fhuair sinn an tuilleadh seanchais a dheanamh thàinig sinn gu crois an rathaid far am b' fheadar dhuinn dealachadh, am balach ruadh a' dol do'n sgoil agus mise a' dol air mo ghnothuch féin.

Faodar muinntir an t-saoghail a roinn 'n an dà bhuidheann, an fheadhainn a tha de chuideachd Homer agus an fheadhainn a tha de chuideachd Euclid, no ma dh' fhaodas mi an rud a chur an dòigh eile, an fheadhainn leis an toil an fhàrinn fhaotainn ann an sgeulachdan agus an fheadhainn leis an fheàrr an fhàrinn fhaotainn ann am figearan. A thaobh nam breug, tha fada barrachd de na breugan ann an sgrìobhaichean Euclid na gheibhear ann a Homer, no anns na seann sgeulaichean Gàidhealach.

Bha uair a bha muinntir Thiriodh agus Cholla agus Mhuile eòlach gu leòir air daoine-sith; bu ghasda leò a bhi ag éisdeachd ri sgeulachdan umpa, agus anns na làithean sin bha iad uile 'n an daoine firinneach. Ach dh' fhalbh na làithean sin; an diugh cha'n'eil duine anns na trì eileanan d' an aithne Homer ged tha gu leòir anna a bhios a' leughadh Euclid agus an *Daily Mail*. Agus tha a bhuil; tha na breugan cho fasanta ann an Colla an diugh 's a tha iad ann am margadh an t-salainn.

Cha ghabh na daoine-sith aoi gheachd ach o dhaoine a tha creidsinn anna agus aig a bheil bàigh riu. Sin an t-aobhar gu'n d' fhàg iad Colla agus Muile agus Tiriodh agus gu'n deachaidh iad sìos gu eileannan iomallach na Pacific.

An uair a thàinig an creideamh Crisduidh do'n dùthaich so an toiseach cha b' aithne d' ar n-aithrichean Euclid; ach b' aithne dhaibh cainnt nan eun agus coslas dhaoine-sith agus na ceudan rud neònach de 'n t-seòrsa sin. Sin an t-aobhar gu'n d' innis iad na naigheachdan iongantach agus na naigheachdan bòidheach a dh' innis iad mu Chalumcille, agus mu Bhrianan, agus mu na nòimh eile, naigheachdan a tha a cheart cho fàrr ri dad a gheibhear ann an Euclid.

* * * * *

B' ann de theaghlach Homer a bha am boirionnach caomh a dh' innis an naigh-

eachd so an toiseach, Laura Richards; naigheachd mu naomh aig nach robh fhios gu'm bu naomh a bha ann féin idir.

“Bho chionn fhada bha duine ann a bha an dùil nach robh anns a h-uile duine air an t-saoghal ach peacaich aingidh, agus gu robh e féin cho dona ri càch. Bha e a' fuir-each ri taobh an rathaid agus bhiodh e ag ràdh nach robh 'na bheatha ach uallach dha leis na bha de dhaoine a' cur dragh air anns an dol seachad, daoine a bhiodh ag iarraidh déirce.

Thàinig duine mòr làidir a dh' ionnsuidh an doruis aon là, ag iarraidh crioman arain.

“Bu chòir nàire a bhì ort,” ars' an duine ris, do leithid-sa de dhuine làidir a bhi baigearachd!”

Ach thug e do'n duine a dhinneir is dh' fhàg e féin falamh.

Là eile thàinig seana bhean a dh' ionnsuidh an doruis agus eallach cho trom air a druim 's nach mòr gu'n rachadh aice air coiseachd.

“Mo nàire ort,” ars' an duine; bu chòir dhuit do thigh is do theallach a chumail seach a bhì siubhal o dhorus gu dorus mar so.”

Ach thug e an t-eallach bharr a droma is ghiùlain e dhachaidh dhì e.

Uair eile thàinig pàisde a chaill a rathad a dh' ionnsuidh an doruis aige.

“An toir sibh dhachaidh mi,” ars' am pàisde.

“C'ar son a bheirinn-sa dhachaidh thu; cha robh còir air bith agad tighinn a mach; c'àite a bheil thu a' fuireach?”

“Miltan is miltan bhuaith so,” fhreagair am pàisde; ach giùlainibh-sa mi agus mi sgìth.

“An cuala mi riamh leanabh eile cho mìomhail,” ars' an duine; “na biodh de bhathais agad an còrr a ràdh rium.”

Ach chuir e a chòta féin timchioll air an leanabh (oir b'e an geamhradh a bha ann) is chaidh e troimh an t-sneachd agus e 'g a ghiùlan 'na ghàirdheanan gus an do liubhair e gu sàbhailte d'a phàrantan e.

B'e sin a dhòigh anns gach rud eile gus an tug an dùthaich uile an t-ainm so dha, Alasdair gruamach.

An uair a shiubhail e chaidh Alasdair gruamach do nèamh, àite anns nach robh e riamh a' creidsinn. B'e a' cheud neach a thachair air ann an nèamh Aingeal aig an robh cearcal glòire air d'ath an òir m'a ceann agus badan lùidhean 'n a làimh.

“Do bheatha do nèamh, a dhuine chaòimh, ars' an Aingeal, bha fuighair againn riut is chuireadh mise 'n ad chòmhdhail gus do thoirt a dh' ionnsuidh na cuirme a tha air a h-ullachadh air do shon.”

“Uist; uist, ars’ an duine; tha thu a’ deanamh mearachd; cha ’n aithne dhomhsa ciod a tha thu a’ ciallachadh; cha toigh leam do dhòigh iollagach; gu dé an t-àite a tha an so?”

“Tha, nèamh,” ars’ an Aingeal.

“Uist de do ghloramas,” ars’ an duine, “agus de chainnt gun chiall; cha’n’eil mise a’ creidsinn ann an nèamh.”

“Co dhiu a tha no nach ’eil,” ars’ an Aingeal, “tha thu ann, agus is e sin bun a’ ghnòthuich.”

“Agus cò thu féin” ars’ esan ris an Aingeal, “tha mar gu’m biodh aithne gun chuimhne agam ort.”

“Is mise,” ars’ an Aingeal, “an t-seana bhean ris an do throid thu ach ris an robh thu cho laghach cuideachd. Ach tiugainn, tha càch a’ feitheamh ruinn, an àireamh mhór de dhaoine d’ an do nochd thu coibhneas is bàigh air thalamh.”

“Cha’n’eil mi a’ tuigsinn aon fhacal de na tha thu ag ràdh,” ars’ an duine, “ach ma tha agam ri dol leat, cuir dhiot an cearcall sin a tha air do cheann air neo bidh tu ’n ad bhall-magaidh.”

Rinn an Aingeal gàire beag; rug i air làimh air agus tharruing i e gu lochan ciùin a bha taobh an rathaid, agus dh’ iarr i air sealltuinn anns an lochan.

An uair a sheall e anns an lochan ciod a chunnaic e ach iomhaigh dithis anns an uisge, air an sgeadachadh ann an aodach geal agus cearcall air dhath an òir m’ an ceann.

“A Rìgh beannaich mi,” ars’ an duine, agus e a’ cur suas a làimhe air a cheann, “tha fear de na rudan neònach sin air mo cheann fhéin cuideachd. Rud gun chiall; an cualas riamh a leithid.”

* * * * *

Na’n robh naigheachd de ’n t-seòrsa so ri innseadh aig na daoine a bhios a’ deanamh nan sean-fhacal chuireadh iad i ann am beagan fhacal; theireadh iad gu bheil an uaisle mar a chumar i, air neo theireadh iad nach robh greim Alasdair Ghruamaich cho dona ri chomhart, air neo gu robh cridhe mhìn fo chraicinn carrach, no gu robh fhacal na b’ fhuaire na chridhe.

Ach na’n robh an naigheachd so aig Euclid ri innseadh dh’ innseadh e i gun iomradh a thoirt air Aingeal no bean no pàisde,—rachadh e rithe ’n a dhòigh mhaol thioram féin, agus an uair a dh’ innseadh e i gun anail a tharruing chuireadh e aig a deireadh,

Q. E. D.

* * * * *

Ann an naigheachd a bha air a sgrìobhadh le L. P. Iacks, leabhar d’ an tug e fhéin ainm

eile ach d’ an toir mise an t-ainm *Fèallsan-aich air an Làir Mhaide* tha e ag innseadh mu dhuine a rannsaich an saoghal uile ag iarraidh rùn-diomhair a’ chreidimh Chrìos-duidh agus a fhuair mu dheireadh e ann an aon de na cosmhalachdan, an cosmhalachd anns a bheil Crìosd ag innseadh mu na daoine a bha air an ìonadh le iongnadh an uair a chual iad gu’n do rinn iadsan seirbhis do Chrìosd.

A Thighearna, c’uin a chunnaic sinn acrach thu agus a bheathaich sinn thu? no tartmhor agus a thug sinn deoch duit? No c’uin a chunnaic sinn ad choigreach thu agus a thug sinn aoiigeachd dhuith? no lomnochd agus a dh’ eudaich sinn thu? No c’uin a chunnaic sinn euslan thu, no am prìosan agus a thàinig sinn ad ionnsuidh.

Agus freagraidh an Rìgh agus their e riu, Gu deimhin a ta mi ag ràdh ribh, A mheud ’s gu’n do rinn sibh e do aon de na bràith-ribh as lugha agamsa, rinn sibh dhomhsa e.

Bidh e ’n a iongnadh gu bràth do na naoimh gu’n do chunntadh airidh iad. Tha irioslachd agus naomhachd daonnan a’ pògadh beul ri beul. Is e na naoimh as fheàrr an fheadhainn aig nach ’eil fios no faireachduinn air bith gu bheil cearcall air an cinn. An uair a thòisicheas daoine air a bhi mothachail air an guìomharan maithe féin tha am maitheas a’ dol as an t-sealladh mar gu’m biodh ceò na maidne.

GLEANN NA H-IRIOSLACHD.

Fhuair mi air an t-seachdain so leabhar beag de Dhàin Spioradail a tha air a chur a mach le Alasdair Mac Labhrúinn agus a Mhic, àn Glaschu. Bha na laoidhean air an deanamh le Seònaid Nic Mhathain anns an eilein Sgitheanach, agus bha obair a’ chlà air a dheanamh fo làimh Eachainn Mhic Dhùghaill, urrainn mhaith gu leòir gu bheil litreachadh na Gàidhlig air a dheanamh cho ceart ’s a ghabhas sin deanamh. Bu mhaith leam an leabhar beag so nach ’eil a’ cosd ach tasdan a mholadh air an duilleig so, a chionn gu’n gabh na laoidhean a tha ann seinn. Ged nach d’ fhuair mi ach sùil a thoirt air thachair rud no dha riann ann a chòrd rium.

’N àm éirigh anns a’ mhaduinn dhomh

’S a chluinneas mi na h-còin

Is iad a’ seinn ’s ag ceilearadh

’S an ceòl dol suas gu Glòir

Cuiridh iad fo smuaintean mi

Le luasgan a bhios mór

A chum gu’n téid mo theudan-sa

Air ghleus do Rìgh na Glòir.



ANNS A CHATHAIR.

[Tha cuid de na bhios a' leughadh na duilleig so aig a bheil cuimhne air an duine chaomh, an t-Ollamh R. Blair nach maireann, an searmonaiche Gàidhlig a b' fheàrr a bha ann an eaglais na h-Alba 'na latha. Cha chuala mise an Dotair a' searmonachadh an Gàidhlig ach dà uair uile gu léir ged a chuala mi e tric gu leòir am Beurla. Ach ged nach robh mi ach 'n am bhalach òg an uair a chuala mi e an dà uair ud fhéin tha cuimhne agam gu maith fhathast air na cinn-theagaisg a bha aige. An là roimhe dh' fhoighnich mi de'n bhantraich aige am b' urrainn i an dà shearmon sin fhaotainn los gu'n cuirinn a mach iad air an duilleig so a chum 's gu'm faigh-eadh daoine ris an do chòrd iad an uair a chual iad an toiseach cothrom air an leughadh a ris. Tha mi duilich nach b' urrainn i gin dhiubh sud fhaotainn dhomh, ach thug i dhomh gu toileach agus le a bean-nachd an searmon so a leanas. Sgrìobh e an searmon an uair a bha e anns an Tairbeart.]

Ni h-eadh, a ta mi ag ràdh ribh: ach mur dean sibhse aithreachas, sgrìosar sibh uile mar an ceudna.—Lucas xiii. 3.

Cha'n'eil teagamh agam, a' cheud uair a leugh sibh na briathran so, nach robh sibh ag ràdh ribh féin gu'm bu chainnt chruaidh agus neo-ìochdumhor a bha anna. Aithreachas neo sgrìos! Ach cha chainnt chruaidh a tha anna idir ach cainnt agus guth a' ghràidh. Oir cò na bilean a labhair iad? Nach e na bilean sin nach do labhair dad ceàrr riamh; bilean an tì sin aig an robh a thlachd maille ri cloinn nan daoine!—an tì sin a ghràdhaich iad cho mòr 's gu'n do leag e sìos anam air an son.

Anns na briathran so tha e a' toirt rabhaidh do dhaoine ann an gràdh mar a bheir athair rabhadh d'a chloinn an uair a chi e iad an cunnart. Na'm faiceadh athair a leanabh a' dol a mach air an eigh air lochan reòta agus fhios aige nach robh an eigh làidir gu leòir gus a ghiùlan nach glaodhadh e ris gu geur agus gu gràd tilleadh air ais! Ach ged bhiodh samhladh corruich ann an guth an athar cò a theireadh nach robh gaol aige air a leanabh? Is ann mar so a tha Crìosd a' labhairt ri peacaich ann am briathran stéidh mo theagaisg. Bha a chridhe coibhneil carthannach a' lasadh le gràdh dhaibh an uair a thug e an rabhadh so dhaibh.

Ann a bhi labhairt air na briathran so beachdaicheamaid an toiseach air a' cheist so, Cìod e aithreachas?; anns an a' àite

beachdaicheamaid air a' cheist, C'ar son a tha aithreachas feumail; agus anns an àite mu dheireadh, seallamaid air a' mhìsneach a tha air a thoirt dhuinn gu aithreachas a dheanamh.

I. *Cìod e aithreachas?* Tha e feumail gu'm bitheamaid a' freagairt na ceiste so agus a' tuigsinn a brìgh, oir tha aithreachas mar aon de chlachas-stéidhe a' chreidimh Chrìosduidh; tha e gu minic air ainmeachadh anns an Tìomnadh Nuadh. Cìod a shearmonaich ann fàidh mòr a thàinig a dheanamh dìreach slighe an Tighearna, Eoin a' Bhaistidh? Nach b'e so, "Deanaibh aithreachas oir tha rìoghachd Dhe am fagus." Agus nach b'e aithreachas brìgh an teagaisg a thug ar Slanuighear beannaichte seachad mar an ceudna? "Thàinig mise a ghairm, cha 'n e nam firean ach nam peacach a chum aithreachais." Nach b' ann mu aithreachas cuideachd a labhair Peadar anns a' cheud shearmon a shearmonaich e an déidh dha a bhi air a lìonadh le Spìorad an Tighearna air là na Caingis: "Deanaibh aithreachas," ars' esan, "agus bithibh air bhur baisteadh gach aon agaibh ann an ainm Iosa Crìosd chum maitheanas pheacanna agus gheibh sibh tìodhlae an Spìoraid Naoimh." Bha an teagasg so air a shearmonachadh leis na h-abstol uile anns an linn anns an robh iad beò agus tha an teagasg so a cheart cho feumail anns an linn againne.

Cha'n'eil neach ann am éisdeachd nach tuig cìod a tha air a chiallachadh le aithreachas ann an gnòthuichean cumanta an t-saoghail. Na'n abrainn gu robh aithreachas orm an ni ud no an ni ud eile a dheanamh cha'n'eil neach air bith nach tuigeadh cìod a bha mi a' ciallachadh; thuigeadh iad gu robh mi duilich air son a dheanamh. Ach thugaibh fianear gu bheil mòran barrachd agus sin air fhilleadh a steach anns an fhacal aithreachas mar tha e air a ghnàthachadh anns an Sgrìobtur. Tha e air fhilleadh a steach ann gu bheil geur-mhothachadh aig an aithreachan air peacadh; tha e a' faicinn a staid chàillte a thaobh nàduir; tha e a' faicinn gu'n do bhris e lagh ceart agus cothromach Iehobh; tha e mothachail gur e a pheacanna-sa a chuir Crìosd gu nàire a' chroinn-cheusaidh. Is e cainnt a chridhe, "A'd' aghaidh, a'd' aghaidh féin a mhàin pheacaich mi agus rinn mi olc a'd' shealladh." An uair a tha an geur-mhothachadh so air oibreachadh ann an anam a' pheacaich le spìorad an Tighearna, is e sin a' cheud cheum gu fìor aithreachas. Agus is e an ath cheum sealladh ceart agus tuigseach air maitheas Dhe ann an Iosa Crìosd, oir an uair a tha am peacach air a

dhùsgadh gu a staid chailte fhaicinn; an uair a tha e tuigsinn nach 'eil e a' toilltinn aon ni aig làimh Dhe ach fearg agus corruich; an uair a smaointicheas e air a' ghràdh a thug Dia do shaoghal cailte ann a bhi cur aon-ghin mbic a shìreadh agus a theàrnadh pheacach; an uair a chi e corruich ceartais Dhe a thoill e air a dhòrtadh a mach airsan a sheas ann an àite nan ciontach,—tha e air a lìonadh le fuath do'n ni ghràineil sin a thug a leithid de pheanas dhasan a bha naomh agus iomlan agus dealaichte o pheacadh. Is e so am bròn diadhaidh a dh' oibricheas aithreachas a chum slàinte de nach gabhar aithreachas, agus is e am bròn so an treas ceum ann am fìor aithreachas. An uair a ruigeas an t-anam an ceum so tha e a' cur cùl, cha'n ann ri aon pheacadh no ri aon droch cleachdadh ach ris gach uile ni nach 'eil a réir lagha Dhe. Is e cainnt a chridhe a nis, “ Trid do reachdan fhuair mi tuigse: uime sin is fuathach leam gach slighe bhreugach.” Dh' oidhirpich mi mar so a leigeil ris duibh cìod a tha air a chiallachadh le aithreachas. Ach a nis, a chàirdean, ceadaichibh dhomh m'an téid mi na's fhaide a sparradh oirbh le dùrachd sibh a rannsachadh 'ur cridheachan a dh' fheuchainn a bheil an t-aithreachas so agaibh-se. O, feuchaihb nach dean sibh nearachd mu thimchioll na ni so. Tha daoine deas gu bhi a' saòilsinn gu bheil iad aithreachail do bhrìgh gu bheil iad duilich air son nìeigin a rinn iad. Ach faodaidh neach a bhi brònach gun aithreachas a dheanamh. Tha Cain agus Iudas brònach ach an do rinn iad fìor aithreachas? Tha eadar-dhealachadh eadar am bròn diadhaidh a dh' oibricheas slàinte agus doilghios an t-saoghail a dh' oibricheas bàs.

Faodaidh mar an ceudna neach a bhi air a dhùsgadh agus gun aithreachas a dheanamh. Bha Felics air a dhùsgadh an uair a reuson-aich Pol mu fhìreantachd agus mu stuaim agus mu bhreitheanas ri teachd, ach cha do rinn e aithreachas. Thoiribh an aire, mata, tha mi a' guidhe oirbh, nach bi sibh a' cur bròn no dùsgadh ann an àite aithreachais.

II. Ach gu dol air 'ar n-aghaidh gus an dara ceann, *C'ar son a tha aithreachas feumail?* Cha'n ann a mhàin do pheacaich uamhasach a tha aithreachas feumail ach do'n h-uile aon de shliochd Adhaimh. Tha e cho feumail do'n neach as àirde anns an rìoghachd 's a tha e do'n neach as ìsle; do'n fheallsanach cho mhaith ris an neach a tha gun fhoghlum. Tha aithreachas feumail do bhrìgh nach 'eil maitheanas peacaidh ri fhaotainn as eugmbais. Cha'n 'eil mi ag ràdh gu'n glan deòir an aithreachain air falbh peacadh. Cha ghlan oir cha'n 'eil ni a ni sin ach fuil luachmhor Chrìosd. Tha an Tighearna a ghnàth deas gu maitheanas a

thoirt do'n pheacach, ach is maith leis gu'n toir e fuath do'n pheacadh agus gu'n iarr e a thréigsinn.

Tha aithreachas feumail do bhrìgh gu'm feum an t-ullachadh a tha freagarrach air son nèimh a bhi air a dheanamh anns an t-saoghal so, oir cha'n 'eil atharrachadh a' tighinn air duine air an taobh thall de'n uaigh. Thubhairt diadhair àraidh mu thimchioll an ni so, “ Ged bhithheadh e comasach do dhùine neo-iomechuidh dol do neamh cha bhithheadh e toilichte ann agus leumadh e a mach thar ballachan nèimh oir bhithheadh seirbhis nèimh 'n a h-uallach dha.” Gus coslas cumanta a ghnàthachadh, bhiodh peacach neo-iompachta ann an nèamh mar iasg as an uisge, no mar eun air a dhùnadh a suas ann an eunadan. Cha'n fhaigheadh e ana-miannan brùideil a shàsachadh, no a rùintean mi-naomh a choimhlonadh, agus air an aobhar sin bhithheadh e mi-shona. Cha bhiodh càil aige do shonas nèimh; cha b' urrainn dha seinn maille ris a' mhuinntir shaorta ohan Mhaois agus an Uain.

O, a chàirdean, tha mi a' guidhe oirbh as uchd Chrìosd na nithe so a ghabhail gu cridhe; smaointichibh agus beachdaichibh air am brìgh, a chum 's gu'm faic sibh 'ur feum air aithreachas. O, feuchaihb nach meallar sibh; tha sibh a' tighinn beò ann an saoghal a tha làn de cheilg. Ruigidh daoine nèamh gun stòras, gun fhoghlum, gun fhabhar an t-saoghail, ach cha ruig iad nèamh as eugmbais “ aithreachais a thaobh Dhé agus creideamh a thaobh an Tighearna Iosa Chrìosd.” O, feuchaihb nach meallar sibh le neach air bith a tha ag ràdh sìth sìth an uair nach 'eil sìth ann. Tha Dia 'n a Dhia trò-caireach ach tha e 'n a Dhia ceart mar an ceudna, agus do bhrìgh gu bheil cha téid peacach gu bràth as gun pheanas mur dean e aithreachas agus mur creid e anns an Tighearna Iosa Chrìosd. O, mata, deanaibh aithreachas am feadh 's a tha Dia a' feitheamh gu bhi gràsmhor, am feadh 's a tha e ag éigheach rìbh, “ Seallaibh rium-sa agus bithibh air 'ur tearnadh oir is mise Dia agus cha'n 'eil atharrachadh ann.”

III. A nis anns an treas àite bithidh sinn a' labhairt air a' mhìsich sin a tha air a thoirt duinn gu aithreachas a dheanamh. Tha e 'na ni cruaidh do dhùine na cleachdanna a bha aige a thréigsinn, peacanna d'an tug e gràdh mar a làmh no shùil. A thuilleadh air sin ni nàmhaid anama gach ni as urrainn e gus am peacach a chumail fo dhaorsa. Tha ni eile ann a tha cumail mòran air an ais, gu sònraichte muinntir òg, eagal gu'm bi an companaich a' fochaid orra. Tha na h-aobhair so agus iomad rud eile a' cur bacaidh air mòran dhaoine aithreachas a dheanamh, ach bu mhaith leam na h-aobhair-mhìsich

a tha agairn gu aithreachas a dheanamh a thoirt fa'ir comhair.

Is e a' cheud aobhar a dh' ainmicheas mi gu bheil Slànuighear glòrmhor tròcaireach againn, eadhon an Tighearna Iosa Crìosd. Tha mi ag ainneachadh so an toiseach do bhrìgh agus gur e so a' mhisneach as mò as urrainn a bhì againn, gu bheil a leithid de Shlànuighear air ullachadh. Ma tha anam air bith a làthair an diugh a tha an iomcheist theirinn ris, Seall air Crìosd, neach a tha comasach air teàrnadh gus a' chuid is fhaide a mach. Tha an neach so an diugh ag èigh-each, "Thigibh a'm' ionnsuidh-sa sibhse uile a tha ri saothair agus fo throm uallach agus bheir mise suaimhneas dhuibh." Is ann mu'n t-Slànuighear glòrmhor so a tha e sgrìobhta gu'n tug e cumhachd do'n mheud agus a ghabh ris a bhì 'n an cloinn do Dhia, eadhon dhaibhsan a chreid 'n a ainm. O, a chàirdean, ma tha iomguin anama oirbh, seall-aibh ri Crìosd agus na cuiribh teagamh ann na's fhaide, oir bheir esan a spiorad dhuibh ma dh' iarras sibh e.

Eisdibh ris na geallaidhean glòrmhor a tha ann am facal Dhe: "cò air bith a dh' aidicheas agus a thréigeas a pheacanna gheibh e tròcair." "O Israel, sgrìos thusa thu féin ach annam-sa tha do chabhair." "Mar is beò mi," deir an Tighearna, "cha 'n 'eil flachd agam ann am bàs an aingidh." "Tha aobhneas air nèamh air son aon pheacach a nì aithreachas."

Cha'n eil an sin ach beagan de na geallaidhean a tha 'n an aobhair-mhisnich do aithreachain. Ach O, nach leòir iad, a chàirdean, gus misneach a thoirt duinn pilleadh ris an Tighearna! Ma philleas sibhse le aithreachas a dh' ionnsuidh Dhe gabhaidh esan ribh a cheart cho cinnteach 's a ghabh an t-athair caomh ri mhac a bha eas-unhail agus a chaidh air falbh do'n dùthaich chéin.

Dh' fhaodainn stad aig a so, oir tha a' mhisneach so féin làidir gu leòir, ach cead-aichibh dhomh eisiomplair no dhà a thoirt f'ar comhair bho eachdraidh a' Bhiobuill, Daibhidh agus Peadar, daoine a bha ciontach de pheacaidhean uamhasach ach a fhuair maithanas an uair a rinn iad aithreachas. C'ar son a chaidh eachdraidh iongantach nan daoine sin a sgrìobhadh ach a chum misneach a thoirt do pheacach eile?

O, a charaid, smaointich air do chunnart mur tréig thu do pheacadh,—*sgrìosar thu*. Thoir an aire nach e so briathran duine: is e Crìosd féin a thubhairt "mar dean sibhse aithreachas sgrìosar sibh uile mar an ceudna," agus thubhairt e iad ann an coibhneas. Falbh, tha mi ag ràdh riut, agus glaidh air an Tighearna Iosa an diugh-féin; imich agus dòirt do chridhe a mach 'n a

làthair; innis dha do staid agus ciod a tha dh'ith ort, agus éisdidh esan riut. Bheir e dhuit a ghràs agus saoraidh e t' anam.

ANNS A CHOILLE BHEITHE.

Bu mhaith leam air an duilleig so maith-eanas iarraidh air creutairean laghach na Coille air son facal gun tìr a dh' uisnich mi an là roimhe an uair a bha mi a' sgrìobhadh crioman Gàidhlig. Bha mi a' bruidhinn air droch dhuine agus gun mo bhriathran a thaghadh mar bu chòir dhomh thubhairt mi gu'm bu duine *brùideil* e. Coltach ris an t-Salmadair labhair mi a'm' chabhaig, ach tha mi a nis ag iarraidh maithanas air creutairean laghach na Coille.

Có ris a theirear *brùid* no *béist*? Their ri duine salach suarrach; duine a tha cho dona 's nach 'eil e furasda facal fhaotainn a dh' inneas olcas a chliù. Cha'n eil so idir ceart; cha'n eil ann ach fianuis-bhréige an aghaidh chreutairean a tha an dà chuid glan agus stuama 'n am beusan.

An là roimhe chuir Sir Arthur Keith 'n ar cuimhne as ùr gur h-ann o sheòrsa de mhoncaidh a thàinig mac an duine. Sin a' cheud cheum ann an teagasg nam feallsanach, agus is e an ath-cheum nach 'eil anns a' pheacadh ach dùthchas a' mhoncaidh ag oibreachadh annainn. An uair a nì aon de chloinn nan daoine gnìomh olc, gnìomh a chuireadh nàire air na h-aingean, their na feallsanaich nach 'eil an sin ach an droch dhùthchas; their iad gu bheil e a' dol air ais gus na brùidean o'n tàinig e.

Leigidh mise leis na feallsanaich an rathad fhéin a ghabhail agus leanaidh mi ris an oilean a fhuair mi 'n am òige, ach is e an rud sònruichte a bu mhaith leam a ràdh air an duilleig so nach ann bho na brùidean a fhuair mac an duine cuid de na droch bheusan agus de na droch chleachdanna a tha aige, c'àite air bith an ò' fhuair e iad.

A cheart da-rìreadh tha a' ghloine agus an diadhaidheachd, an salchar agus an aingidheachd, a' dol còmhla daonna; tha iad a pògadh beul ri beul. An uair a thòisicheas daoine air gràin a ghabhail air uisge-fuar, a mach agus a stigh, sin agad fìor dhroch comharradh orra. Cha b' ann gun aobhar a bha uisge-fuar air a shònrachadh mar mheadhon-baistidh. An uair a choisicheas tu air sràidean sònruichte an Dunéideann no an Glaschu nach tig an smuain a'd' inntinn gu bheil na daoine cho salach 's nach urrainn daibh a bhì beusach! Agus theirear mu dhaoine salach gu bheil iad cho dona ris na *brùidean*. Ach tha na brùidean agus creutairean na coille cho glan ris an òr. Cha'n 'eil anns an fhacal so ach fianuis-bhréige 'n an aghaidh.

Cìod iad na h-uile as mò anns an t-saoghal an diùgh? Their na Socialists gur e mathair-aobhair ar trioblaidean uile, gu bheil beartean an t-saoghail air a roinn gu neo-chothromach an dara duine agus tuilleadh 's a chòir aig an duine eile. Their cuid eile gur e uabhar agus neo-stuamachd (neo-stuamachd a thaobh bìdh agus dìbhe agus bhan) na peacanna as mò a tha milleadh na ròghachd an diùgh. Ach a thaobh nan nithean sin uile tha na brùidean neo-chiontach. Cìod air bith an dòigh anns an d' fhuair sinne na fàilingean sin cha'n ann bho na brùidean.

Cha'n eil saobhreas no bochdainn a' cur dragh air creutairean na coille. Tha iad uile ag oibreachadh air son an lòn; cha'n eil smàig aig an dara h-aon air aon eile. Feumaidh a h-uile creutair a bhiaidh féin a chruinneachadh, agus cha'n ith gin dhiubh ach na shàsuicheas acras. Tha iad stuama cuideachd; cha'n aithne dhaibh na cleachdanna grannada a tha aig clann-daoine gus an ana-mianna a riarachadh. Tha iad a' sìolachadh gu beusach agus aig amanna sònruichte, a réir an lagha a chuir Dia 'n an cuirp, lagh d'a bheil iad a' toirt ùmhlachd, agus aig amannan eile tha iad cho stuama beusach ris an neach as beusaiche air thalamh.

Glé thric is ann an uair a chithear duine air an daoraich a theirear nach fheàrr e 'n a bhruid, ach cha bhí na brùidean a' gabhail daoraich. Cha'n eil aon drongair anns a' Chaille Bheithe ach tha drongairean gu leòir anns na bailtean a tha dlùth dhi.

Bho chionn bhliadhnanan sgrìobh Sir Iain Lubbock, bancair beachdail a bhiodh a' gabhail aire do dhòighean nan creutairean beaga, sgrìobh e leabhar anns an d' innis e mu oidhirpean a chleachd e féin gus an daorach a chur air seilleinean agus air speachan. Tha na speachan bàigheil ri chèile; bheir iad còmhndadh do chàch a chéile an uair a bhios dad ceàrr. Ma tha té dhiubh an impis a bhí air a bàthadh, no ma bhris i a cas no a sgiath, cuidichidh càch leatha agus giùlainidh iad i a steach do'n nead.

Uaireigin a thug e uisge-beatha do speach an àite siùcair chum i a ceann ann cho fada 's gu'n do ghabh i an daorach-dhubh. Cha b' urrainn i gluasad; chaill i comas nan cas gu buileach. Thredraich e speachan eile 'ga h-ionnsuidh a dh' fheuchainn cìod a dheanadh iad. An uair a chunnaic iad gu robh am piuthar 'n a h-éigin ruith iad thuice agus dh' fheuch iad ris togail. Ach ann am mionaid leig iad as i agus thòisich iad air dol tinchioll oirre mar nach robh iad a' tuigsinn cìod a bha ceàrr. Theagamh gu robh iad a' faotainn àileadh na dìbhe dhìth, ach co dhiu, air a' cheann mu dheireadh chuir iad air a druim i agus thòisich iad air a draghadh air falbh, ach an àite a toirt dhachaidh leò do'n

nead thug iad gu stalla i agus thilg iad leatha a' bhana-drongair is dh' fhàg iad an sin i. Agus theagamh gu robh iad ag ràdh riu fhéin nach b' fheàrr i dad na na daoine.

Ged nach 'eil eaglais no sgoil-Shàbaid anns a' Chaille Bheithe tha creutairean na coille anabarrach dìleas agus dichìollach a thaobh teagasg an cloinne; gabhaidh iad dragh mòr gus eòlas na slighe a thoirt daibh agus an gliocas a dh' ionnsaich iad féin air an cuairt anns an t-saoghal. Cha'n eil sealladh as urrainn duine fhaicinn as bòidheche na madadh-ruadh fhaicinn anns an fheasgar a' teagasg nan cuileanan aig beul an tuill. Dh' fhaodadh maighstirean-sgoile aig a bheil M.A. leasan a' gabhail bhuaith. Ach air uairean cha'n eil clann na coille dad na's fheàrr na clann-daoine mar a dh' fhaodar fhaicinn o'n naigheachd so, naigheachd a tha air a h-innseadh leis an duine chaomh nach maireann, I. P. Struthers, an Grianag.

“Bha luch ann uair-eigin a bha 'n a bantairich. Bha i pòsda ceithir uairean. Mharbh cat aon de na fir aice; bha a cheithir eile air an glacadh ann an trap. Bha còig deug ar fhichead de theaghlach aice agus dhiubh sin bha seachd ar fhichead air an glacadh ann an trap; eadar a bràithrean agus a peathraichean agus bràithrean a h-athar agus a màthar bha còrr agus oched fichead uile gu léir air an glacadh ann an trap. An ionghnadh mata gu'm biodh i daonnan a' bruidhinn r'a cloinn mu chunnartan na beatha agus a' cur impidh orra gun iad a dhol dlùth do thrap?

Ach bhiodh a' chlann a' gàireachduinn an uair a thòisich iad air an teagasg, gu sònruichte aon bhalach caol a bha aice agus a bha anabarrach maith air streap. Bhiodh e a' dol dlùth do thrapaichean 'n a cheart deòin gus eagal a chur air a màthair. Uaireigin a chunnaic e trap agus e dùinte leig e 'n a shineadh r'a thaobh agus thòisich e air sgréachail gu h-oillteil mar gu'n robh e an impis a bhí marbh gus clisgeadh a chur air cridhe a màthar agus a pheathraichean. Ach bha cat a' dol seachd anns a' mhionaid sin fhéin agus m'an d' fhuair am balach-lucha éirigh leum an cat agus rug e air amhaich air agus mharbh e e.

Thachair so uile ann an sealladh an fhir leis am bu leis an tigh, duine a bha 'n a drongair. Bha e a' cur air a bhàrda gus dol sìos do'n tigh-òsda air son dìbhearsoin da féin dìreach mar a bha am balach-luch a' dol dàna air an trap air son dìbhearsoin da féin. Cha 'n e mhàin gu robh an duine ud 'n a drongair ach bha athair 'n a drongair cuideachd, ach an uair a sheall e air an trap, agus air an luch, agus air a chat a bha 'g a h-itheadh, is e thubhairt e, “Nach neònach an rud nach ionnsaich luchaidh gliocas agus iad a' faotainn uiread leasan!”



DUINE COIBHNEIL.

Gu'n deònaicheadh Dia tròcair do theaghlach Onesiphorus; oir is minic a thug e furtachd dhomhsa, agus cha do ghabh e nàire de m' shlabhraidh; ach an uair a bha e anns an Roimh, shìr e gu dìchiollach air mo shon agus fhuair e mì; gu'n deònaicheadh an Tighearna dhasan gu'm faigh e tròcair o'n Tighearna anns an là sin.—2 Timoteus, i. 16, 17. 18.

Cha'n'eil fhios aig duine air thalamh an diugh cìod an dòigh shònraichte anns an do rinn Onesiphorus furtachd air Pol, ach co dhìu bhean coibhneas an duine rì cridhe Phòil agus cha do dhìchuimhnich e riamh e.

A réir choslais bha Onesiphorus marbh an uair a sgrìobh Pol na briathran so, agus tha cuid de dhaoine am beachd mar sin gu bheil Pol a' ceadaichadh ùrnuigh a dheanamh air son nam marbh. Aig aon àm chuireadh an cleachdadh sin uiread de uamhas air daoine 's gu'n cuireadh iad a mach as an eaglais ministear air bith a bheireadh gnùis dha. Ach dh' fhalbh na làithean sin is faodaidh daoine an diugh an càirdean a tha air taobh thall na h-uagha a chuimhneachadh 'n an ùrnuighean, gum eagal Cléir no Seanaidh a bhi orra, ma tha sin a' toirt faochaidh no comhfhurtachd air bith d' an cridhe féin.

Is e an fhìrinn gu'm bi sinn uile a' cuimhneachadh air na mairbh 'n ar n-ùrnuighean, agus tha e nàdurra gu'm bitheadh. Ach cha'n'eil sin a' ciallachadh gu bheil sinn a' creidsinn ann am purgatoir, no gu bheil fughair no dòchas againn gu'n saorar na mairbh le ùrnuighean nam beò. Tha an gràdh 'n a lagh dha féin; an uair a tha cridheachan dìthis dhaoine air an ceangal rì chèile le gaol cha 'n urrainn am bàs no cumhachd air bith eile sgaradh a chur eatorra, no a thoirmeasg dhaibh càch a chèile a chuimhneachadh agus a bheannachadh.

Ged chaidh Onesiphorus a steach do fhois shiorruidh nan naomh bha e gu bitheanta an intinn Phoil, is bhiodh e ag innseadh do dhaoine eile cho coibhneil 's a bha an duine caomh so ris ann an Ephesus, agus mar sin bha e nàdurra gu leòir gu'n guidheadh e sìth d'a anam agus gu'n guidheadh e gu'n leanadh maithreas agus tròcair an Tighearna a theaghlach.

Tha e maith a bhi leughadh anns a' Bhiobull mu dhaoine móra aig an robh deich tàlant an agus a rinn seirbhìs chomharraichte an rìoghachd Dhé, ach tha e maith cuid-eachd a bhi leughadh anns a' Bhiobull mu

dhaoine beaga aig nach robh ach aon tàlant agus a rinn buil mhaith de 'n chomas agus de'n chothrom a thug Dia dhaibh. Tha a glòir féin aig a' ghréin agus glòir eile aig a' ghealaich.

B'e an tàlant a thug Dia do Onesiphorus cridhe blàth is coibhneil, agus is e daoine coibhneil salann na talnhaunn. Cìod a tha ann an coibhneas ach spiorad a' ghràidh ag oibreachadh, agus tha Pol ag ràdh gur fheàrr an gràdh na rud air bith fo'n ghréin.

Air uairean tha sinn uile an dùil gur e na daoine as motha a tha toirt dhuinn de thlachd agus de ùrachadh spioraid 'n ar beatha daoine sundach aig a bheil facal deas is àbhacach, daoine anns a' bheil beòthlachd is ceòl-gàire, ach ged is maith an seòrsa sin an dràs'd 's a rithist cha 'n fhaighear bhuaipa an iocshlàint a gheibhear bho dhaoine coibhneil, daoine nach 'eil geur no glic no gleusda ann an dòigh air bith ach aig a bheil cridheachan blàth is bàigheil.

Cha b'e idir a naomhachd no a mhórachd a tharruing daoine gu Crìosd ann an làithean fhèola ach a choibhneas. A réir gnàthis an ama bha móran de na Phairisich 'n an daoine urramach agus 'n an daoine naomh ach bha iad cho fuar ri gaol an reòdhaidh. Cha robh co-fhaireachduin aca rì anfhannachd ann bràthrean. Ach cha b' ann mar sin a bha Crìosd. Bha a chridhe làn iochd, is cha b' urrainn e labhairt ris na droch bhoirionnaich fhéin ach gu cìùin coibhneil.

Ann an teaghlach a b' aithne dhomh gu maith bha seana mhaighdean nach robh air a cunntas am measg nan càirdean as an robh an teaghlach uasal. Bha na gillean òga a bha anns a' choimhearsnachd cho dall 's nach do shanntaich gin dhiubh riamh a pòsadh; b' fheàrr leò gogaidean a bu rìomhaiche agus a bu luaithe teanga. Mar sin chuir i seachad a beatha ann an tigh a bràthar; ged bha gaol gu leòir aig clann a bràthar oirre bhiodh iad a' gàireachduinn air piuthar-an-athar gun sgaradh, agus an uair a bhiodh cruinneachadh air bith aca anns an tigh bhiodh Màiri air chùl nam bòrd a chionn gu robh i seann-fhasanta leò agus neònach. Ach a' cheart mhionaid a rachadh dad ceàrr anns-an teaghlach ud b' ann air piuthar-an-athar a ghlaodhadh iad uile, oir bha iad cho cinnteach as a dìlseachd agus as a coibhneas 's a bha iad cinnteach á solus na gréine. Agus cha 'n e mhàin sin, ach aig na h-amannan sin, an àm tinneis no bàis no cruadhais air bith eile, bha tapachd is taic

innte air cheann guothuich nach robh ann an neach eile anns an tigh ud: bha blàths is coibhneas a cridhe mar thobar de uisge-beò do'n teaghlach uile. Sin an seòrsa dhaoine as fhiach urram a thoirt dhaibh; ma tha gin dhiubh am measg nan daimheach agad-sa, a leughadair, cuir air thoiseach iad air càch uile air sgàth an coibhneis.

“Gun deònaicheadh Dia tròcair do theaghlach Onesiphorus.” Tha am Bìobull ag innseadh dhuinn gur beannaichte sìol an fhrein, is bheannaich Pol an teaghlach air sgàth an athar. Tha mi an dùil nach 'eil rud air an t-saoghal as mò a bheanas ri eridhe duine na coibhneas fhaotainn bho choigreach air sgàth athar, agus athair a nis anns an uaigh. Dh' fhiosraich mise a leithid sin de choibhneas mi féin, agus theagamh gur h-urrainn cuid de na leughas an duilleag so an ni ceudna a ràdh. Ma tha aingidheachd an aithrichean air fhiosrachadh air a' chloinn, tha iad a' faotainn beannachdan nach do choisinn agus nach do thoill iad air sgàth an aithrichean.

“Gu'n deònaicheadh an Tighearna gu'm faigh e tròcair o'n Tighearna *anns an là sin.*” Cha robh ach aon là an inntinn Phòil agus e a' sgrìobhadh na litir mu dheireadh a sgrìobh e riamh; an là mòr, an là anns an toir Dia breith air nithe falaichte dhaoine, co dhiu is maith no ole iad. Bidh feum eadhon aig Pol féin air tròcair an Tighearna anns an là sin, ged tha an t-abstol Eoin a' labhairt mar gu'm biodh e comasach do dhaoine seasamh gun nàire an làthair an Tighearna aig a' fheadh. Ach cha b' ann a chionn gu robh e a' saoilinn gu robh e féin airidh air seasamh an làthair an Tighearna a thubhairt an t-abstol Eoin sin, ach a chionn gu robh fhios aige gur e Crìosd a bhios 'n a shuidhe air Caithir a' Bhreitheanais. An neach a thig mar bhreitheamh is e sin an neach ceudna a thàinig cheana mar Shlànuighear. Sin an aon dànachd as urrainn a bhì aig duine air bith anns an là mhór, gu bheil ar breitheamh uile-léirsinneach agus tròcaireach, agus gur h-aithne dha ar n-aithreachas agus ar deòir agus ar strì cho mhaith agus is aithne dha ar peacaidhean agus ar n-euceartan uile. Na 'n do shuidh na deich abstoil mar dhiùraidh air Peadar, seachduin an déidh dha a Mhaighstir àicheadh, theagamh gu robh falluinn na h-abstol-achd air a thoirt dheth agus gu robh e air a chur a mach as a dhreuchd, ach bha Crìosd tròcaireach oir b' aithne dha cridhe Pheadair, an t-ole agus am maith araon, agus dh' aig e anam dha air ais. Ann an strì ar beatha, agus aig uair ar bàis agus ann an là a' bhreitheanais, a Thighearna, cuimhnich tròcair.

Bho chionn ghoirid chuir mi seachad oidhe an Cille-Sgumain agus am measg nan daoine eile air an do thadhail mi thadhail mi air Calum Dòmhnallach, beadall na h-eaglais. Tha Calum dona leis an lònidh; bha mi duilich fhaicinn eho eritheanach air a chasan, ach 'na inntinn agus 'n a fhacal tha e cho geur 's a bha e riamh.

Bhruidhinn sinn air fichead rud air nach fhad mi tarruing a thoirt air an duilleig so, rudan a bha eadar sinn fhéin agus an ursann, ach bu mhaith leam innseadh dhuibh cuid de na nithean a thubhairt e mu chor na h-eaglais anns na làithean so. Theagamh nach còrd na nithean sin rìusan a tha gabhail fois an Sion, ag éigheach *Sith, Sith*, an uair nach 'eil sìth ann; ag éigheach *Solus, Solus*, an uair nach 'eil ann ach dorchadas; agus theagamh gu'n abair iad nach 'eil anna ach glòramas is gòraiche seann duine a' caoidh nan làithean a dh' fhalbh. Tha seòrsa dhaoine ann an diugh a tha an dùil nach 'eil tìr no toinns anns na daoine a ràinig aois roimh bblìadhnanach a' chogaidh; éisidh iad le 'n dà chluais ri saighdear a' toirt dhaibh a bheachdan air dìomhaireachd na diadhachd, ach cha'n éisd iad idir ri seana bheadall, gu sònruichte ma tha an lònidh air.

Tha suas ri trì fichead bliadhna bho thòisich Calum air dol do'n eaglais agus air beachd a ghabhail air na nithean a bha e a' faicinn agus a' cluinntinn innte; sin an t-aobhar gu'n d' fhoighnich mi dheth cìod an t-atharrachadh a bu mhò a chunnaic e a' tighinn air an eaglais ri chuimhne.

“Ma ta,” ars' esan, “bhiodh sin car duilich a ràdh, thàinig iomadh atharrachadh air beatha agus obair na h-eaglais bho thòisich mise air dol innte, ach tha mi an dùil gur e an t-atharrachadh as motha a thàinig oirre an seòrsa teagaisg a tha sinn a' faotainn an diugh.”

“A bheil sibh a' ciallachadh nach 'eil na ministearan òga a' toirt do'n t-sluagh a' cheart soisgeul a thug na seann mhinistearan dhaibh?”

“Cha 'n abrainn sin uile gu léir, ach co dhiu cha'n'eil iad 'ga thoirt dhaibh anns an aon dòigh; cha'n'eil iad 'g a thoirt dhaibh eho soilleir no cho làidir no le ùghdarras cho cinnteach 's a b' àbhaist do na h-aithrichean labhairt.”

“Theagamh,” arsa mise, “gu robh na h-aithrichean a' labhairt le cinnt air nithean nach robh idir cinnteach no soilleir.”

“Faodaidh sin a bhith,” fhreagair Calum, “ach ma bha na seann mhinistearan tuilleadh 's a chòir cinnteach gu'm b' aithne

dhaibh uile rùintean Dhe agus uile dhìomh-
aireachdan an t-saoghail eile b' aithne
dhaibh co dhìu cìod a bha iad a' creidsinn
agus bha iad a' searmonachadh nam
firinnean móra a tha air an cur sìos ann an
creud na h-eaglais."

"Nach 'eil na ministearan òga a' deanamh
sin cuideachd?"

"Ma tha, tha iad 'g a dheanamh an cainnt
nach 'eil soilleir dhomhsa agus nach 'eil uair
air bith a' bioradh mo choguis. An uair a
bha Maighstir Eachann beò bhith-eamaid a'
chuintinn mu nèamh agus mu ifreann, mu
aithreachas agus mu iompachadh, mu mbaith-
eanas peacaidh air bhonn na h-jobairt a thug
Mac Dhé suas air a' chrann-cheusaidh, agus
cha b' urrainn duine air bith an eaglais
fhàgail gun fhios a bhi aige gu'm bu rud
sòluimte agus gu'm bu rud cumnteach a bha
ann eùl a chur ri tairste an t-saistheil. Ach
tha fìchead bliadhna agus an còrr bho nach
cuala mi searmonachadh de 'n t-seorsa sin
an eaglais Chille-Sgumain."

"Agus cìod an seòrsa eile a bhios sibh a'
cluinntinn?"

"Tha sin duilich a ràdh ann an aon
fhacal; tha am ministear laghach againne,
an t-Urramach Niall Mac Phàrlain, B.D., 'n
a sgoilear maith agus 'na dheagh shearmon-
aiche, ach ged tha mi ag èisdeachd ris dà uair
a h-uile Sàbaid bho chionn bhliadhnachan
cha chuala mi riamh e a' cur impidh oirnn
teicheadh o'n fheirg a ta ri teachd, no ag
ràdh aon fhacal a bheireadh orm a chuimh-
neachadh gu bheil mùghadh eadar daoine
ionpaichte agus daoine neo-ionpaichte anns
an t-siorruidheachd. Anns na h-ùrnuighean
a bhios e a' deanamh aig tìodhlacadh nam
marbh bìdh e a' labhairt mar gu'm biodh na
mairbh uile, aig uair am bàis, a' dol a steach
do ghloir."

"Is ann do Dhia a mhàin a bhùineas
breitheanas, a Chaluim, agus is maith gur
h-ann; cha'n'eil e freagarrach do dhuine air
bith a bheachdan a thoirt do Dhia, no eadhon
do dhaoine, mu chor spioradail dhaoine eile
aig uair am bàis, ach air a shon sin tha e
ceart gu'm biodh buidheachas air a thoirt do
Dhia air son dòchas na glòire agus staid
bheannaichte nan naomh, co dhìu a bha an
duine a thatar a' tìodhlacadh maith no dona."

"Tha mise a' dol leat an sin le m' uile
chridhe," arsa Calum, "cha 'n e a leithid sin
d' an robh mi a' faotainn coire idir ach rud
eile uile gu léir. Theagamh gu robh àireamh
bheag de dhaoine anns an rìoghachd so a bha
daonnan a' creidsinn gur co-ionnan a thach-
ras do na naomh agus do na h-eucoraich aig
uair am bàis; bha iad a' creidsinn gu robh
iad le chèile a' dol a steach do nèamh. Ach
roimh làithean a' chogaidh mu dheireadh cha

d' fhuair na beachdan sin an ceann a thogail
anns an rìoghachd oir bha ùghdarras na
h-eaglais agus ùghdarras na mór-chuideachd
de dhaoine tuigseach 'n an aghaidh. Ach
ann an làithean a' chogaidh chaill an eaglais
a cairt agus a combaist agus thòisich i air
gnùis a thoirt do bheachdan a chuireadh
ìoghnadh nach bu bheag air na h-abstoil a
chuir air chois i. Thòisich ministearan air
bruidhinn mar gu'm biodh e cinnteach gu
robh na saighdearan a thuit anns a' bhàr
uile a' dol a steach do ghloir shiorruidh."

"Tha sin fìor, a Chaluim, ach cha b' ann
air ghaol na sgrìobtur an bheugnachadh
a rinn iad e ach los comhfhurtachd a thoirt
do chridheachan leònta."

"B'e sin an t-aobhar gun teagamh, ach
cha'n'eil comhfhurtachd làidir ann an rud
air bith ach an Fhìrinn. Tha cuimhne agam-
sa gu maith air searmon mór làidir a thug
Maighstir Eachann dhuinn an uair a bha an
Tuire a' cogadh ris a' Ghréig; thubhairt e
gu robh e air a chur ann an cinn nan saigh-
dearan Turcach gu robh a chuibhrionn de
Pharras cinnteach do shaigndear air bith a
thuiteadh anns a' bhàr agus gu'm b'e sud
an t-aobhar gu robh na saighdearan Turcach
cho gaisgeil. Ach bu bheag mo dhùil aig an
àm gu'n tigeadh an latha anns an cluinninn
teagasg Mhohammed air a thoirt seachd ann
an cùbaidean na h-eaglais Chriosduidh."

"Ud, ud, a Chaluim; tha mi an dùil gu
bheil sibh a' deanamh rud mór de rud beag;
ann an teas cogaidh an uair a tha faireach-
duinnean dhaoine na's làidire na 'n eiall tha
e nàdurra gu leòir gu'm biodh ministearan
cho mhaith ri daoine eile a' dorchachadh teag-
gaisg le briathran gun tìr, ach thàinig crìoch
air a' chogadh a nis agus saoilidh mi nach
ruig sibh féin no Seònaid Eachainn a leas
eagal air bith a bhi oirbh gu'm bi eaglais
Chille-Sgumain air a truailleadh le teagasg
Mhohammed."

"Ma fa, a charaid, nach innis mise naigh-
eachd dhuit air sin! Tha cuimhne agad air
Uisdean Friseal aig an robh croit bheag
fhliuch air sliabh Earneil. Bha aon nighean
aige, caile ruadh anns nach robh nàire no
grinneas. Cha robh i bliadhna 'g a cosnadh
air a' Ghalldachd an uair a fhuair i pàisde
bho cheàrd de dhuine nach do rinn car ceart
riamh agus a bhiodh anns a' phrìosan na bu
trice na bhiodh e a mach as. Thog Uisdean
Friseal agus a bhean am pàisde, ach bha an
droch fhuil ann is bha e na bu mhiosa na 'n
ceàrd a b' athair dha. Cha robh oic nach
robh e suas ris; bha an t-òl agus a' mheirle
ann gu nàdurra, agus mu'n robh e ochd
bliadhna deug bha trìuir de chloinn dhiolain
aige. B'e Gobi am far-ainm a bha aig na
balaich eile air an Cille-sgumain; cha'n'eil

fhios agam e'ar son no ciamar a fhuair e an t-ainm. Ach co dhùu cha robh an Gobi ach diù nan trusdar. Chuir e a' chlach-mhul-laich air a thrusdaireachd le caileag laghach a bha air fasdadh aig a' Chòirneal a mheall-adh agus a thoirt a thaoibh, agus gu gòrach phòs i Gobi. Ach b' fheàrr dhì a bhi marbh seach na dh' fhuiling i leis an droch sgealb: an uair a ghabhadh e an deoch bhìodh e 'ga breabadh gus am feumaidh i iomadh oidheche a chur seachad a mach air an t-sliabh. Ach an sin thàinig an cogadh; cha do shir ach sheachain Gobi a' chaonnag, is theich e gu muir los an t-arm a sheachnadh. Ach cha robh sgiobair air Cluaidh a chuireadh suas fada leis; uair a bha air a phàigheadh dheth ghabh e an daorach is chuireadh anns a' phrìosan e. Chunnacas anns a' phrìosan gu robh e aois cogaidh, agus gun a chead no chomhairle iarraidh thugadh thairis do mhuinntir an airm e is rinneadh saighdear dheth. An uair a chual a bhean gu robh e anns an arm ghuidh is ghuidh i 'n a cridhe nach tilleadh e gu bràth; gu'n cuireadh na Gearmailtich peilear ann."

An ceann ùine chaidh Gobi do'n Fhraing agus a chridhe an impis leum as a chochull, agus trì làithean an déidh do'n réiseamaid dol air tìr bha i air a cur suas do na trainn-seachan. An sin thòisich am blàr, agus cìod air bith mar a thachair an rud, rinn Gobi gnìomh cho gaisgeil 's a chualas riamh ionradh air. Mharbh e naoi Gearmailtich leis fhéin is dh' fhosgail e an rathad do'n réiseamaid dol air a h-aghaidh. Bha'e air a leòn gu dona ach fhuair e *Crois Victoria* mar dhuais a threubhantais. Ach shiubhail e anns an ospidhal."

"Bha muinntir Chille-Sgumain balbh le iongnadh an uair a thàinig an naigheachd gu'n d' fhuair Gobi V.C., agus balbh le fair-eachduinn eile an uair a thàinig an naigheachd gu robh e marbh An ceann seachduin bha cearcall glòire air a chur air a cheann agus onoir is urram follaiseach air a thoirt da mar sbaighdear Crìosduidh nach d' fhuair Pol no gin eile de na h-abstòil riamh. Bha seirbhis air a deanamh anns an eaglais a dh' aon ghnòthuch air a shon, ged b'e an eaglais an aon àite anns an sgìreachd anns nach do sheas Gobi riamh. 'Na chridhe cha robh an t-Urramach Niall Mac Pharlàin, B.D., uile gu leir cinnteach cìod a bu choir dha a dheanamh, ach an uair a chuireas am Baillidh, agus bean a' Chòirneil, agus Tom Elliot, rud air bith romhpa dh' fheumadh am fear a chuireadh stad orra a bhi na bu làidire na 'n t-Urramach Niall Mac Pharlàin, B.D. An uair a chual e gu robh an Còirneal air son dol do'n eaglais air cheann nan *Volunteers*, agus bean a' Choirneil air cheann nan *Girl Guides*, agus Tom Elliot air cheann

nam *Boy Scouts*, agus gu robh trup de'n réiseamaid anns an robh Gobi a' tighinn a Ionaraora le piobarean is drumachan, agus bràthair an Diuc air an ceann, chunnaic e gu robh a' ghaoth fàbharach is sgaoil e a shìuil rithe is bheannaich e an t-arm agus Gobi. B'e an ceann-teagaisg a ghabh e, "Gràdh as mò na so cha'n'eil aig neach air bith, gu'n leigeadh duine a bheatha sìos air son a chàirdean," agus tharruing e coimeas eadar an gnìomh a rinn Gobi agus am bàs a dh' fhuiling an Slànuighear air Calbhari. Thug e taing do Dhia air son Ghobh agus ghuidh e gu'm biodh gràs air a thoirt do mhuinntir Chille-Sgumain an t-eisiomplair a thug e dhaibh a leantuinn a chum 's gu'n sealbhaicheadh iad a' ghlòir air an do ràinig esan, agus an sin sheinn iad an laoidh,

Chrochnaich mi nis mo chath 's mo réis;
Is dlùth dhomh eug is uaigh;
M' anam a choisrig mi do Dhia,
Triallaidh gu nèamh le buaidh.

Le armaibh nèamhaidh chuir mi 'n cath,
Fo bhratach Chrìosd mo Thriath;
Ruith mi mo réis, mo dhùlseachd dhearbh;
'S tha m' earbs' á duais o m' Dhia."

"Cìod a their thu ri sin?"

"Mata, a Chaluim, tha an naigheachd a dh' innis sibh brònach ann an dòigh no dhà, ach ged nach gabh mise ghnòthuch ri Gobi no ris an Urramach Niall Mac Pharlàin, B.D., tha mi a' dol leibh an so, gu'n do lùb na h-eaglaisean an glùn do Phrionnsa an t-saoghail ann am bliadhnanach a' chogaidh. Bheannaich iad daoine agus nithean nach 'eil Facal Dhe a' beannachadh."

"Rinn iad sin, ach tha a bhuil a nis; cha toir an saoghal géill do na h-eaglaisean an diugh na's mò na bheir dròbh ghamhna géill do sheana chù. Tha fhios aige nach 'eil iad dad na's fheàrr na e féin; gu'm beannaich agus gu'm mallaich iad leis an taobh as lionmhoire agus as làidire."

"Tha mi an dùil gu bheil sibh ro throm air na h-eaglaisean, a Chaluim, ach feumaidh mi aideachadh gu bheil freumh de'n fhìrinn anns na thubhairt sibh. An uair a théid an eaglais agus an t-arm air achlaisean a chéile,— beannachd le cumhachd na diadhaidheachd!"

LAOIDH NOLLAIGE.

Eisd 's an iarmailt òran binn—
"Glòir gun chrich do Rìgh nan Rìgh!
Sìth air thalamh 's tròcair shéimh
Dia is daoine réidh ri chéil!"
Dùisgidh suas, a shlòigh gu léir,
'S freagraibh caitheam-bhuaidh nan
spéur;
Togadh talamh 's nèamh an guth—
"Rugadh Iosa Chrìosd an diugh!"

